

# New Testament

Gàidhlig (Scots Gaelic)  
Language

## Gàidhlig (Scots Gaelic) - Bible - New Testament

Mata	3	
Marcas	77	
Lùcas	124	
Eòin	203	
Gnìomhan	263	
Ròmanaich	337	
1 Corintianaich	368	
2 Corintianaich	399	
Galàtianaich	419	
Ephèsianaich	430	
Philipianaich	440	
Colosianaich	448	
1 Tesalònianaich	455	
2 Tesalònianaich	462	
1 Timòteus	466	
2 Timòteus	475	
Titus	481	
Philemon	485	
Eabhraidhich	487	
Sheumais	509	
1 Peadar	517	
2 Peadar	525	
1 Eòin	530	
2 Eòin	538	
3 Eòin	539	
Iùdais	541	
Taisbeanadh	544	

# Gàidhlig (Scots Gaelic) - Bible - New Testament

## Mata

### Mata 1

#### Sloinntearachd Ìosa

- <sup>1</sup>Leabhar sloinntearachd Ìosa Crìosd, mhic Dhaibhidh, mhic Abrahàim:
- <sup>2</sup>Ghin Abrahàm Ìsaac, ghin Ìsaac Iàcob, ghin Iàcob Iùdas agus a bhràithrean,
- <sup>3</sup>ghin Iùdas Phares agus Sàra o Thamar, ghin Phares Esrom, ghin Esrom Aram,
- <sup>4</sup>ghin Aram Aminadab, ghin Aminadab Naasòn, ghin Naasòn Salmon,
- <sup>5</sup>ghin Salmon Bòas o Rachab, ghin Bòas Obed o Rut, ghin Obed Iese,
- <sup>6</sup>ghin Iese Daibhidh an rìgh. Ghin Daibhidh an rìgh Solamh on bhean a bh' aig Uriah,
- <sup>7</sup>ghin Solamh Rebòam, ghin Rebòam Abia, ghin Abia Asa,
- <sup>8</sup>ghin Asa Iòsaphat, ghin Iòsaphat Iòram, ghin Iòram Òtsiah,
- <sup>9</sup>ghin Òtsiah Iòatam, ghin Iòatam Ahas, ghin Ahas Hesechia,
- <sup>10</sup>ghin Hesechia Manaseh, ghin Manaseh Amòs, ghin Amòs Iòsiah,
- <sup>11</sup>ghin Iòsiah Iechoniah agus a bhràithrean, aig àm an fhògraidh do Bhàbilon.
- <sup>12</sup>Às dèidh an fhògraidh do Bhàbilon: ghin Iechoniah Salatiel, ghin Salatiel Sorobabel,
- <sup>13</sup>ghin Sorobabel Abiud, ghin Abiud Eliacim, ghin Eliacim Asòr,
- <sup>14</sup>ghin Asòr Sadòc, ghin Sadòc Achim, ghin Achim Eliud,
- <sup>15</sup>ghin Eliud Eleàsar, ghin Eleàsar Matan, ghin Matan Iàcob,
- <sup>16</sup>ghin Iàcob Iòsaph, an duine aig Moire, on do rugadh Ìosa, ris an canar Crìosd.
- <sup>17</sup>Mar sin b' iad na ginealaichean uile o Abrahàm gu Daibhidh ceithir ginealaichean deug, agus o Dhaibhidh gu fògradh Bhàbiloìn ceithir ginealaichean deug, agus o fhògradh Bhàbiloìn gu Crìosd, ceithir ginealaichean deug.

#### Ìosa Crìosd ga Bhreith

<sup>18</sup>A-nis seo mar a bha breith Ìosa Crìosd: nuair a bha a mhàthair Moire air ceangal-pòsaidh a dhèanamh le Iòsaph, mus tàinig iad còmhla, chaidh a faighinn torrach on Spiorad Naomh.

<sup>19</sup>Ach on a bha Iòsaph, an duine aice, ionraic agus ain-deònach a maslachadh, chuir e roimhe a cur air falbh gu dìomhair.

<sup>20</sup>Ach fhad 's a bha e a' smaoinichadh mu na rudan seo, seallaibh, nochd aingeal an Tighearna ris ann an aisling, ag ràdh, “Iòsaiph, a mhic Dhaibhidh, na biodh eagal ort Moire a ghabhail mar bhean, oir an nì a tha air a ghineamhainn innte, is ann on Spiorad Naomh a tha e.

<sup>21</sup>Beiridh i mac, agus bheir thu Ìosa mar ainm air, oir sàbhailidh esan a shluagh om peacaidhean.”

<sup>22</sup>Thachair seo uile airson 's gun deigheadh an rud a thuirt an Tighearna tron fhàidh a choileanadh, a tha ag ràdh,

<sup>23</sup>“Seallaibh, bidh an òigh torrach agus beiridh i mac, agus gabhaidh iad Emanuel air” (a tha a' ciallachadh, ‘Dia còmhla rinn’).

<sup>24</sup>Nuair a dhùisg Iòsaph às a chadal, rinn e mar a dh'iarr aingeal an Tighearna air: ghabh e a bhean thuige,

<sup>25</sup>ach cha do chuir e eòlas oirre gus an do rug i mac. Agus thug e Ìosa mar ainm air.

## Mata 2

### Tadhail nam Magi

<sup>1</sup>A-nis, às dèidh do dh'Ìosa a bhith air a bhreith ann an Betlehem Iudèa, ann an làithean Heroid an rìgh, seallaibh, thàinig Magi on àird an ear gu Ierusalem

<sup>2</sup>ag ràdh, “Càit a bheil esan a rugadh na Rìgh nan Iùdhach? Oir chunnaic sinn a rionnag anns an àird an ear agus tha sinn air tighinn a thoirt adhradh dha.”

<sup>3</sup>Nuair a chuala an Rìgh Herod seo, bha e fo dhragh mòr, agus Ierusalem gu lèir còmhla ris.

<sup>4</sup>Agus às dèidh dha na h-àrd-shagartan is sgrìobhaichean an t-sluaigh gu lèir a chruinneachadh ri chèile, dh'fhaighnich e dhaibh càit an robh an Crìosd gu bhith air a bhreith.

<sup>5</sup>Thuirt iad ris, “Ann am Betlehem Iudèa, oir is ann mar seo a chaidh a sgrìobhadh leis an fhàidh:

6‘Agus thusa, a Bhetlehem, ann an tìr Iùdah, cha tu idir as lugha am measg ceannardan Iùdah; oir asadsa thig riaghladair a threòraicheas mo shluagh Israel.’”

7An uair sin ghairm Herod gu dìomhair air na Magi agus fhuair e a-mach uapa gu mionaideach an t-àm anns an do nochd an rionnag.

8Agus chuir e gu Betlehem iad, ag ràdh, “Thallaibh agus coimheadaibh gu dìcheallach airson a' phàiste, agus nuair a tha sibh air fhaighinn, innsibh dhòmhsa, airson 's gun tig mise cuideachd agus gun dèan mi adhradh dha.”

9Às dèidh èisteachd ris an rìgh, dh'fhalbh iad; agus, seallaibh, chaidh an rionnag a chunnaic iad anns an àird an ear romhpa, gus an tàinig i agus gun do stad i os cionn an àite far an robh am pàiste.

10Nuair a chunnaic iad an rionnag, rinn iad gàirdeachas anabarrach le aoibhneas mòr.

11Agus a' dol a-steach dhan taigh, chunnaic iad am pàiste còmhla ri Moire a mhàthair, agus thuit iad sìos is rinn iad adhradh dha. An uair sin, a' fosgladh nan ionmhasan aca, thairg iad tiodhlacan dha: òr is tùis is mirr.

12Agus às dèidh dhaibh rabhadh fhaighinn ann an aisling – gun tilleadh gu Herod – dh'fhàg iad airson an dùthaich fhèin air slighe eile.

### **An Teicheadh dhan Èipheit**

13A-nis nuair a bha iad air fàgail, seallaibh, nochd aingeal leis an Tighearna ri Iòsaph ann an aisling, ag ràdh, “Èirich! Gabh am pàiste agus a mhàthair, is teich dhan Èipheit, agus fan an sin gus an innis mise dhut, oir tha Herod a' dol a choimhead airson a' phàiste, airson cur às dha.”

14Agus dh'èirich e, agus ghabh e am pàiste is a mhàthair anns an oidhche agus chaidh e dhan Èipheit

15agus dh'fhan e an sin gu bàs Heroid. Bha sin airson 's gun deigheadh an rud a bha an Tighearna air a ràdh tron fhàidh a choileanadh: “A-mach às an Èipheit ghairm mi mo mhac.”

16An uair sin nuair a chunnaic Herod gun robh na Magi air a char a thoirt às, thàinig fearg mhòr air. Agus chuir e feadhainn uaithe is mharbh e na bha de bhalaich ann am Betlehem agus sa cheàrnaidh sin uile a bha dà bhliadhna a dh'aois is fodha, a rèir an ama a bha e air fhaighinn a-mach gu mionaideach o na Magi.

17An uair sin choileanadh na chaidh a ràdh le Ieremiah am fàidh:

18“Chaidh guth a chluinntinn ann an Rama, caoineadh, agus caoidh ro-mhòr, Rachel a' caoineadh airson a cloinne, agus dhiùlt i sòlas a ghabhail, a chionn 's nach eil iad ann tuilleadh.”

### An Tilleadh gu Nàsaret

<sup>19</sup>Ach nuair a chaochail Herod, seall, nochd aingeal leis an Tighearna ann an aisling ri Iòsaph anns an Èipheit

<sup>20</sup>ag ràdh, “Èirich, thoir leat an leanabh agus a mhàthair, agus thalla gu tìr Israeil, oir fhuair iadsan a bha a' sireadh beatha an leanaibh bàs.”

<sup>21</sup>Mar sin dh'èirich esan agus thug e leis an leanabh 's a mhàthair, agus chaidh e gu tìr Israeil.

<sup>22</sup>Ach nuair a chuala e gu robh Archelaus a' riaghladh ann an tìr Iudèa an àite Heroid athair, bha an t-eagal air a dhol an sin. Ach às dèidh dha rabhadh fhaighinn ann an aisling, thill e gu sgìre Ghalile,

<sup>23</sup>agus chaidh e is dh'fhuirich e ann am baile air an robh an t-ainm Nàsaret, airson 's gun deigheadh an rud a chaidh a ràdh leis na fàidhean a choileanadh: “Thèid Nàsarach a ghabhail air.”

### Mata 3

#### Eòin Baistidh ag Ullachadh na Slighe

<sup>1</sup>Anns na làithean sin thàinig Eòin Baistidh a' searmonachadh ann am fàsach Iudèa,

<sup>2</sup>ag ràdh, “Dèanaibh aithreachas, oir tha rìoghachd nèimh faisg air làimh.”

<sup>3</sup>Oir is e seo esan mun do bhruidhinn Isaiah am fàidh nuair a thuirt e: “Guth aoin ag èigheach anns an fhàsach, ‘Ullaichibh slighe an Tighearna, dèanaibh a fhrith-rathaidean dìreach.’”

<sup>4</sup>A-nis bha aodach de dh'fhionnadh chàmhal aig Eòin air fhèin agus crios leathair ma mheadhan, agus is e lòcaist agus mil fhiadhaich a bu bhiadh dha.

<sup>5</sup>An uair sin bha Ierusalem agus Iudèa uile agus an ceàrnaidh uile mu thimcheall air Iòrdan a' dol a-mach thuige

<sup>6</sup>agus bha e gam baisteadh ann an Abhainn Iòrdain, is iad ag aideachadh am peacaidhean.

<sup>7</sup>Ach nuair a chunnaic e mòran dhe na Pharasaich agus dhe na Sadusaich a' tighinn airson baisteadh, thuirt e riutha, “A shìol nan nathraichean nimhe, cò a thug rabhadh dhuibhse teicheadh on chorraich a tha ri thighinn?”

<sup>8</sup>Thugaibh a-mach toradh iomchaidh an aithreachais.

<sup>9</sup>Agus na smaoinichibh a ràdh rib' fhèin, ‘Tha athair againn, Abrahàm!’ Oir tha mi ag ràdh ribh gu bheil Dia comasach air clann a thogail suas do dh'Abrahàm o na clachan seo.

<sup>10</sup>Ach mu thràth tha an tuagh air a cur ri bun nan craobh; mar sin gach craobh nach toir a-mach toradh math, thèid a gearradh sìos, agus a tilgeil dhan teine.

<sup>11</sup>“Tha mise gur baisteadh le uisge airson aithreachais, ach tha esan a tha a' tighinn às mo dhèidh nas cumhachdaiche na mise, agus chan airidh mise air a chuarain a ghiùlain. Baistidh esan sibh leis an Spiorad Naomh agus le teine.

<sup>12</sup>Tha a ghuit aige na làimh, agus glanaidh e an t-ùrlar-bualaidh aige, agus cruinnichidh e a chruithneachd dha shabhal, ach loisgidh e am moll le teine nach urrainn a bhith air a chur às.”

### Baisteadh Ìosa

<sup>13</sup>An uair sin thàinig Ìosa o Ghalile chun na h-lòrdain gu Eòin, airson gum biodh e air a bhaisteadh leis.

<sup>14</sup>Ach dh'fheuch Eòin ri a bhacadh, ag ràdh, “Tha feum agamsa a bhith air mo bhaisteadh leatsa, agus a bheil thusa a' tighinn thugamsa?”

<sup>15</sup>Ach fhreagair Ìosa e, “Leig leis a bhith mar seo an-dràsta, oir mar seo tha e iomchaidh dhuinn gach uile fhìreantachd a choileanadh.” An uair sin leig e leis.

<sup>16</sup>Agus nuair a chaidh Ìosa a bhaisteadh, sa bhad chaidh e suas às an uisge, agus seall, chaidh na nèamhan fhosgladh dha, agus chunnaic e Spiorad Dhè a' tighinn sìos mar chalman agus a' tighinn air.

<sup>17</sup>Agus seall, thuirte guth o nèamh, “Is e seo mo Mhac gràdhach, anns a bheil mi fìor thoilichte.”

## Mata 4

### Buaireadh Ìosa

<sup>1</sup>An uair sin chaidh Ìosa a threòrachadh leis an Spiorad dhan fhàsach airson a bhith air a bhuaireadh leis an diabhal.

<sup>2</sup>Agus às dèidh dha trasgadh airson ceathrad latha agus ceathrad oidhche, bha an t-acras air.

<sup>3</sup>Agus thàinig am buaireadair is thuirte e, “Mas tu Mac Dhè, can ris na clachan seo tionndadh nan aran.”

<sup>4</sup>Ach fhreagair esan, “Tha e sgrìobhte: ‘Chan ann le aran a-mhàin a bhios duine beò, ach leis a h-uile facal a thig o bheul Dhè.’”

<sup>5</sup>An uair sin thug an diabhal e chun a' bhaile naoimh agus chuir e air binnean an teampaill e

<sup>6</sup>agus thuirt e ris, “Mas tu Mac Dhè, tilg thu fhèin sìos, oir tha e sgrìobhte: ‘Bheir e àithne dha ainglean mud thimcheall,’ agus ‘Togaidh iad suas thu nan làmhan, air eagal 's gum buail thu do chas air cloich.’”

<sup>7</sup>Thuirt Ìosa ris, “A-rithist tha e sgrìobhte, ‘Cha bhuair thu an Tighearna do Dhia.’ ”

<sup>8</sup>A-rithist thug an diabhal e gu beinn ro àrd, agus sheall e dha rìoghachdan an t-saoghail gu lèir agus a' ghlòir aca.

<sup>9</sup>Agus thuirt e ris, “Bheir mise dhut iad seo uile, ma thuiteas tu sìos agus ma nì thu adhradh dhòmhsa.”

<sup>10</sup>An uair sin thuirt Ìosa ris, “Thalla uam, a Shàtain! Oir tha e sgrìobhte, ‘Nì thu adhradh dhan Tighearna do Dhia, agus dhàsan a-mhàin nì thu seirbheis.’”

<sup>11</sup>An uair sin dh'fhàg an diabhal e, agus, seall, thàinig ainglean agus bha iad a' frithealadh dha.

### **Ìosa a' Tòiseachadh air Searmonachadh**

<sup>12</sup>Ach nuair a chuala Ìosa gun deach Eòin a chur an greim, tharraing e air ais do Ghalile.

<sup>13</sup>Agus a' fàgail Nàsaret chaidh e agus dh'fhuirich e aig Capernàum ri taobh na mara, ann na ceàrnaidhean Shabuloin is Nephtali –

<sup>14</sup>airson 's gun deigheadh an rud a thuirt Isaiah am fàidh a choileanadh:

<sup>15</sup>“Talamh Shabuloin is talamh Nephtali, slighe na fairge, air taobh thall lòrdain, Galile nan Cinneach –

<sup>16</sup>an sluagh a bha a' fuireach ann an dorchadas, chunnaic iad solas mòr; agus na daoine a bha a' fuireach ann an tìr agus sgàil a' bhàis, orrasan tha solas air èirigh.”

<sup>17</sup>On àm sin thòisich Ìosa air searmonachadh, ag ràdh, “Dèanaibh aithreachas, oir tha rìoghachd nèimh faisg air làimh.”

### **Gairm nan Ciad Dheisciobal**

<sup>18</sup>Agus fhad 's a bha e a' coiseachd ri taobh Muir Ghalile, chunnaic e dithis bhràithrean, Sìmon (ris an canar Peadar) agus Anndra a bhràthair, a' tilgeil lìon dhan mhuir, oir b' e iasgairean a bh' annta.

<sup>19</sup>Agus thuirt e riutha, “Thigibh às mo dhèidh-sa, agus nì mi sibh nur n-iasgairean de dhaoine.”

<sup>20</sup>Sa bhad dh'fhàg iad an lìn agus lean iad esan.



<sup>21</sup>Agus a' dol air adhart às a sin, chunnaic e dithis bhràithrean eile, Seumas mac Shebede agus Eòin a bhràthair, anns an eathar còmhla rin athair Sebede, a' càradh an lìn, agus ghairm e iad.

<sup>22</sup>Sa bhad dh'fhàg iad an t-eathar agus an athair agus lean iad e.

### **Ìosa a' Leigheas na Muinntir a Bha Tinn**

<sup>23</sup>Agus bha e a' dol tro Ghalile uile, a' teagasg anns na sionagogan aca is a' searmonachadh soisgeul na rìoghachd agus a' slànachadh gach gnè tinneis is gach gnè bochdainn am measg an t-sluaigh.

<sup>24</sup>Mar sin chaidh a chliù air feadh Shiria gu lèir, agus thug iad thuige iadsan uile a bha tinn, iadsan a bha a' fulang diofar bhochdainnean is phiantan, iadsan a bha fo chumhachd dheamhan, tuiteamaich agus luchd-pairilis, agus shlànaich e iad.

<sup>25</sup>Agus lean sluagh mòr e o Ghalile is o Dhecapolis, agus o Ierusalem is o Iudèa, agus o thaobh thall Iòrdain.

## **Mata 5**

### **Ro-Ràdh dhan t-Searmon air a' Bheinn**

<sup>1</sup>Nuair a chunnaic Ìosa an sluagh, chaidh e suas air a' bheinn, agus nuair a shuidh e, thàinig a dheisciobail thuige.

<sup>2</sup>Agus dh'fhosgail e a bheul agus theagaisg e iad, ag ràdh:

#### **Na Beannachdan**

<sup>3</sup>“Is beannaichte iadsan a tha bochd nan spiorad, oir is leotha rìoghachd nèimh.

<sup>4</sup>Is beannaichte iadsan a tha fo bhròn, oir gheibh iad cofhurtachd.

<sup>5</sup>Is beannaichte iadsan a tha macanta, oir sealbhaichidh iad an talamh mar oighreachd.

<sup>6</sup>Is beannaichte iadsan air a bheil acras is pathadh na fireantachd, oir thèid an sàsachadh.

<sup>7</sup>Is beannaichte iadsan a tha tròcaireach, oir gheibh iad tròcair.

<sup>8</sup>Is beannaichte iadsan a tha fìorghlan nan cridhe, oir chì iad Dia.

<sup>9</sup>Is beannaichte luchd-dèanamh na sìthe, oir thèid clann Dhè a ghabhail orra.

<sup>10</sup>Is beannaichte an fheadhainn a tha a' fulang geur-leanmhainn air sgàth fireantachd, oir is leothasan rìoghachd nèimh.

**11**“Is beannaichte a tha sibh nuair a chronaicheas daoine sibh, agus a nì iad geur-leanmhainn oirbh, agus a chanas iad a h-uile seòrsa uilc nur n-aghaidh gu breugach air mo sgàth-sa.

**12**Dèanaibh gàirdeachas agus bithibh toilichte, oir is mòr ur duais ann an nèamh, oir mar sin rinn iad geur-leanmhainn air na fàidhean a bha romhaibh.

### **Salann agus Solas**

**13**“Is sibhse salann na talmhainn, ach ma tha an salann air a bhlas a chall, ciamar a thèid a dhèanamh saillte a-rithist? Chan eil e feumail tuilleadh airson rud sam bith, ach airson a bhith air a thilgeil a-mach agus air a shaltairt fo chasan dhaoine.

**14**“Is sibhse solas an t-saoghail. Chan eil e an comas baile a tha suidhichte air beinn fhalach.

**15**Cha mhotha a tha daoine a' lasadh lampa agus ga cur fo shoitheach, ach air an lampair, agus tha i a' soillseachadh an taighe gu lèir.

**16**Mar sin, leigibh le ur solas deàlrachadh mu choinneamh dhaoine, airson 's gum faic iad ur deagh obraichean agus gun toir iad glòir dhar n-Athair a tha ann an nèamh.

### **Coileanadh an Lagha**

**17**“Na smaoinichibh gun tàinig mise a chur às dhan Lagh no dha na Fàidhean; cha tàinig mi airson cur às dhaibh ach airson an coileanadh.

**18**Oir gu fìrinneach tha mi ag ràdh ribh, gus an tèid nèamh agus talamh seachad, cha tèid an litir as lugha, no aon stràc dhen Lagha seachad, gus an tèid a h-uile rud a choileanadh.

**19**Mar sin ge b' e neach a bhriseas aon dhe na h-àitheantan as lugha seo agus a theagaisgeas do dhaoine eile an aon rud a dhèanamh, thèid an duine as lugha ann an rìoghachd nèimh a ghabhail air. Ach ge b' e neach a nì iad agus a theagaisgeas iad, thèid duine mòr a ghabhail air ann an rìoghachd nèimh.

**20**Oir tha mi ag ràdh ribh, mura bi barrachd fireantachd agaibhse na tha aig na sgrìobhaichean is na Pharasaich, nach tèid sibh idir a-steach do rìoghachd nèimh.

### **Murt is Fearg**

**21**“Chuala sibh gun deach a ràdh riuthasan o shean, ‘Na dèan murt’; agus ge b' e neach a nì murt, bidh e buailteach air breitheanas.

**22**Ach tha mise ag ràdh ribh gum bi a h-uile neach a tha feargach ri bhràthair buailteach air breitheanas; ge b' e neach a chanas ri bhràthair, ‘A ghloidhc!’

gum bi e ann an cunnart na Comhairle; ach ge b' e neach a chanas 'Amadain!' gum bi e ann an cunnart teine Ifrinn.

**23**“Mar sin ma tha thu a' tairgsinn do thiodhlac air an altair agus gun cuimhnich thu an sin gu bheil rudeigin aig do bhràthair nad aghaidh,

**24**fàg do thiodhlac an sin mu choinneamh na h-altarach. Agus thalla an toiseach 's dèan rèite rid bhràthair, is an uair sin thig agus tairg do thiodhlac.

**25**“Bi rèidh gu luath ris an neach a tha a' cur casaid nad aghaidh fhad 's a tha thu còmhla ris air an t-slighe, air eagal 's gun toir an neach-casaid thairis dhan bhrìtheamh thu, agus gun toir am brìtheamh dhan oifigear thu, agus gun tèid do thilgeil ann am prìosan.

**26**Gu firinneach tha mi ag ràdh riut nach tèid thu a-mach às a sin gus am pàigh thu an sgillinn mu dheireadh.

### **Adhaltranas**

**27**“Chuala sibh gun deach a ràdh, ‘Na dèan adhaltranas.’

**28**Ach tha mise ag ràdh ribh gu bheil a h-uile neach a choimheadas air boireannach le droch mhiann mu thràth air adhaltranas a dhèanamh leatha na chridhe.

**29**Ma bhios do shùil dheas na h-adhbhar peacaidh dhut, spìon a-mach i agus tilg uat i. Oir is fheàrr dhut gun cail thu aon dhed bhuill na gum biodh do chorp gu lèir air a thilgeil a dh'Ifrinn.

**30**Agus ma bhios do làmh dheas na h-adhbhar peacaidh dhut, geàrr dhìot i agus tilg uat i. Oir is fheàrr dhut gun cail thu aon dhed bhuill na gum biodh do chorp gu lèir air a thilgeil a dh'Ifrinn.

### **Dealachadh-Pòsaidh**

**31**“Chaidh a ràdh cuideachd, ‘Ge b' e a chuireas a bhean-phòsta air falbh, thoir eadhad e teisteanas-dealachaidh dhi.’

**32**Ach tha mise ag ràdh ribh gu bheil a h-uile neach a chuireas a bhean air falbh, ach a-mhàin airson strìopachais, a' toirt oirre adhaltranas a dhèanamh; agus ge b' e a phòsas bean a chaidh a cur air falbh, tha e a' dèanamh adhaltranas.

### **Mionnain**

**33**“A-rithist chuala sibh gun deach a ràdh riuthasan o shean, ‘Na toir mionnan bhreugach, ach coileanadh tu do mhionnain dhan Tighearna.’

**34**Ach tha mise ag ràdh ribh, na toiribh mionnan idir, eadhon air nèamh, oir is e rìgh-chathair Dhè a th' ann,

<sup>35</sup>no air an talamh, oir is e stòl a chois a th' ann, no air Ierusalem, oir is e baile an Rìgh Mhòir a th' ann.

<sup>36</sup>Agus na toir mionnan air do cheann, oir chan urrainn dhut aon fhuiltean a dhèanamh geal no dubh.

<sup>37</sup>Ach gum b' e ur cainnt "S e", "S e", 'Chan e', 'Chan e'; rud sam bith a bharrachd air a seo, 's ann on olc a tha e.

### Sùil airson Sùla

<sup>38</sup>"Chuala sibh gun deach a ràdh, 'Sùil airson sùla, agus fiacail airson fiacail.'

<sup>39</sup>Ach tha mise ag ràdh ribh, na seasaibh an aghaidh neach a tha olc. Ach ma bhuaileas neach sam bith thu air do ghruaidh dheas, tionndaidh an tèile thuige cuideachd.

<sup>40</sup>Agus ma tha neach sam bith ag iarraidh do thoirt gu lagh agus falbh le do lèine-fhada, leig leis do bhad aodaich fhaighinn cuideachd.

<sup>41</sup>Agus ma bheir neach sam bith ort a dhol aon mhìle, thalla còmhla ris dà mhìle.

<sup>42</sup>Thoir dhan neach a dh'iarraas ort agus na tionndaidh air falbh on neach a tha ag iarraidh iasad ort.

### Gràdh do Nàimhdean

<sup>43</sup>"Chuala sibh gun deach a ràdh, 'Gràdhaichidh tu do choimhearsnach' agus fuathaichidh tu do nàmhaid.

<sup>44</sup>Ach tha mise ag ràdh ribh, Gràdhaichibh ur nàimhdean agus dèanaibh ùrnaigh air an son-san a tha a' dèanamh geur-leanmhainn oirbh,

<sup>45</sup>airson 's gum bi sibh nur cloinn dhur n-Athair a th' air nèamh. Oir tha esan a' toirt air a' ghrèin aigesan èirigh air na daoine olca agus air na daoine matha, agus a' cur uisge air na fireanan agus air na neo-fhìreanan.

<sup>46</sup>Oir ma ghràdhaicheas sibh iadsan a tha gur gràdhachadh, dè an duais a th' agaibh? Nach eil fiù 's na cìs-mhaoir a' dèanamh an aon rud?

<sup>47</sup>Agus ma chuireas sibh fàilte air ur bràithrean a-mhàin, dè a tha sibh a' dèanamh thar chàich? Nach eil fiù 's na Cinnich a' dèanamh an aon rud?

<sup>48</sup>Mar sin bithibh-se coileanta, mar a tha ur n-Athair nèamhaidh coileanta.

## Mata 6

### A' Toirt Dhaibhsan a Tha ann an Dìth

<sup>1</sup>“Thoiribh an aire nach cuir sibh ur fireantachd an gnìomh mu choinneamh dhaoine airson 's gum tèid ur faicinn leotha, no cha bhi duais agaibh o ur n-Athair a th' air nèamh.

<sup>2</sup>Mar sin, nuair a bheir thu dèirc dha na bochdan, na sèid trombaid romhad, mar a nì na breug-chràbhaichean sna sionagogan agus air na sràidean, airson 's gum faigh iad glòir bho dhaoine. Gu fìrinneach tha mise ag ràdh ribh gun do shealbhaich iad an tuarastal.

<sup>3</sup>Ach nuair a bheir thusa dha na bochdan, na leig le do làimh chli fios a bhith aice dè a tha do làmh dheas a' dèanamh

<sup>4</sup>airson 's gum bi do bhuileachadh gu dìomhair, agus bheir d' Athair, a chì gu dìomhair, duais dhut.

### Ùrnaigh

<sup>5</sup>“Agus nuair a nì thu ùrnaigh, na bi mar na breug-chràbhaichean, oir is gràdh leotha seasamh is ùrnaigh a dhèanamh anns na sionagogan agus aig oiseanan nan sràid airson 's gum bi iad air am faicinn le daoine. Gu fìrinneach tha mise ag ràdh ribh gun d' fhuair iad an tuarastal.

<sup>6</sup>Ach nuair a nì thusa ùrnaigh, thalla a-steach dhad sheòmar agus dùin an doras agus dèan ùrnaigh rid Athair a tha ann an dìomhaireachd. Agus bheir d' Athair, a chì ann an dìomhaireachd, duais dhut.

<sup>7</sup>Agus nuair a nì sibh ùrnaigh, na bithibh a' clabadaich mar a bhios na Cinnich, oir saoilidh iadsan gun tèid èisteachd riutha air sgàth lionmhorachd an cainnte.

<sup>8</sup>Mar sin na bithibh-se coltach riutha, oir tha fios aig ur n-Athair dè na rudan a tha a dhìth oirbh mus faighnich sibh.

<sup>9</sup>“Mar sin dèanaibh-se ùrnaigh san dòigh seo: “Ar n-Athair ann an nèamh, gum biodh d' ainm air a naomhachadh.

<sup>10</sup>Thigeadh do rìoghachd, gum biodh do thoil air a dèanamh, air an talamh mar a tha i air a dèanamh air nèamh.

<sup>11</sup>Thoir dhuinn an-diugh ar n-aran làitheil,

<sup>12</sup>agus math dhuinn ar fiachan, mar a tha sinne cuideachd air mathadh dhar luchd-fiach.

<sup>13</sup>Agus na treòraich sinn a-steach do bhuaireadh, ach saor sinn on olc.’

<sup>14</sup>“Oir ma mhathas sibh am peacaidhean do dhaoine eile, mathaidh ur n-Athair nèamhaidh sibhse cuideachd.

<sup>15</sup>Ach mura math sibh do dhaoine, cha mhotha a mhathas ur n-Athair dhuibhse ur peacaidhean.

## Trasgadh

**16**“Agus nuair a thraisgeas sibh, na coimheadaibh gruamach mar na breug-chràbhaichean, oir nì iad an aghaidhean grànda airson 's gum faic daoine gu bheil iad a' trasgadh. Gu fìrinneach tha mi ag ràdh ribh gun d' fhuair iad an tuarastal gu lèir.

**17**Ach nuair a thraisgeas tusa, cuir ola air do cheann agus nigh d' aodann,

**18**airson 's nach bi e air fhaicinn le daoine gu bheil thu a' trasgadh. Agus bheir d' Athair, a tha a' faicinn ann an dìomhaireachd, duais dhut.

## Ionmhasan air Nèamh

**19**“Na taisgibh ionmhasan air an talamh dhuib' fhèin, far an dèan an leòmann agus a' mheirg sgrios agus far am bris mèirlich a-steach 's a nì iad goid.

**20**Ach taisgibh ionmhasan air nèamh dhuib' fhèin, far nach dèan an leòmann agus a' mheirg sgrios agus nach eil mèirlich a' briseadh a-steach 's a' goid.

**21**Oir far a bheil d' ionmhas, an sin bidh do chridhe cuideachd.

**22**“Is i an t-sùil lampa a' chuirp. Mar sin, ma bhios do shùil fallainn, bidh do chorp uile làn solais.

**23**Ach ma tha do shùil olc, bidh do chorp uile dorcha. Mar sin ma tha an solas a th' annad na dhorchadas, nach mòr an dorchadas sin!

**24**“Chan urrainn neach sam bith seirbheis a dhèanamh do dhithis mhaighstir, oir an dara cuid fuathaichidh e aon dhiubh agus gràdhaichidh e am fear eile, no bidh e dìleas do dh'aon dhiubh agus nì e tàir air an fhear eile. Chan urrainn dhuibh seirbheis a dhèanamh do Dhia agus do bheairteas.

## Na Bithibh fo Chùram

**25**“Mar sin, tha mise ag ràdh ribh, na bithibh fo chùram mur beatha, dè a dh'itheas no dè a dh'òlas sibh, no mur cuirp, dè a chuireas sibh oirbh. Nach eil barrachd ris a' bheatha na biadh, agus ris a' chorp na aodach?

**26**Seallaibh air eòin an adhair; cha chuir iad sìol 's cha bhuain iad is cha chruinnich iad ann an saibhlean, agus a dh'aindeoin sin tha ur n-Athair nèamhaidh-se gam beathachadh. Nach eil sibhse tòrr nas luachmhoire na iadsan?

**27**Agus cò agaibh tro bhith fo chùram as urrainn fad a chur ri a bheatha?

**28**“Agus carson a tha sibh fo chùram mu aodach? Meòraichibh air mar a tha liliidhean nan achaidhean a' fàs; cha shaothraich iad 's cha shnìomh iad,

**29**ach tha mise ag ràdh ribh nach robh fiù 's Solamh, na ghlòir gu lèir, air èideadh mar aon dhiubh seo.

**30** Ach ma tha Dia mar sin a' sgeadachadh feur nan achaidhean, a th' ann an-diugh, agus a-màireach a th' air a thilgeil dhan àmhainn, nach motha na sin a sgeadaicheas e sibhse? O sibhse air bheag creideimh!

**31** Mar sin na bithibh fo chùram, ag ràdh, 'Dè a dh'itheas sinn?' no 'Dè a dh'òlas sinn?' no 'Dè a chuireas sinn oirnn?'

**32** Oir tha na Cinnich a' sireadh na rudan seo uile gu dùrachdach, agus tha fios aig ur n-Athair nèamhaidh gu bheil feum agaibhse air na rudan seo uile.

**33** Ach siribh an toiseach rìoghachd Dhè agus fhìreantachd-san, agus thèid na rudan seo uile a thoirt dhuibh.

**34** Mar sin na biodh cùram oirbh mun latha màireach, oir bidh cùram air an latha màireach air a shon fhèin. Tha olc gach aon latha gu leòr dha fhèin.

## **Mata 7**

### **A' Toirt Breith air Feadhainn Eile**

**1** "Na toiribh breith, airson 's nach tèid breith a thoirt oirbh.

**2** Oir leis a' bhreith leis an toir sibh breith, thèid breith a thoirt oirbh, agus leis an tomhas a chleachdas sibh, thèid a thomhas dhuibh.

**3** "Carson a tha thu a' faicinn na speilg a tha ann an sùil do bhràthar, ach nach eil thu a' mothachadh dhan t-sail a tha nad shùil fhèin?

**4** No ciamar as urrainn dhut a ràdh rid bhràthair, 'Leig leam an spealg a spionadh às do shùil,' nuair a tha an t-sail na do shùil fhèin?

**5** A chealgair, an toiseach thoir an t-sail às do shùil fhèin, agus an uair sin chì thu gu soilleir airson an spealg a thoirt à sùil do bhràthar.

**6** "Na toiribh an rud naomh dha na coin agus na tilgibh ur neamhnaidean mu choinneamh nam muc, gun fhios nach saltair iad orra len casan agus a' tionndadh gun reub iad sibhse às a chèile.

### **Iarr, Sir, Gnog**

**7** "Iarraibh agus thèid a thoirt dhuibh; siribh agus lorgaidh sibh; gnogaibh agus thèid fhosgladh dhuibh.

**8** Oir tha a h-uile neach a tha ag iarraidh a' faighinn, agus tha an neach a tha a' sireadh a' lorg, agus dhan neach a ghnogas thèid fhosgladh.

**9** "No cò an duine a tha nar measg-se, ma dh'iarras a mhac aran air, a bheir clach dha?

**10** No ma dh'iarras e iasg, a bheir nathair dha?

**11**Mar sin, mas aithne dhuibhse a tha olc ciamar a bheir sibh tiodhlacan matha dhur cloinn, nach motha na sin a bheir ur n-Athair a th' air nèamh rudan matha dhaibhsan a dh'iarras air?

**12**Mar sin, a h-uile rud a bu toigh leibh daoine a dhèanamh dhuibhse, dèanaibh-se dhaibhsan cuideachd, oir is e seo an Lagh is na Fàidhean.

### **Na Geatachan Cumhang is Farsaing**

**13**“Rachaibh a-steach tron gheata chumhang. Oir is farsaing an geata agus is leathann an t-slighe a tha a' treòrachadh gu sgrios, agus tha mòran ann a tha a' dol a-steach troimhe.

**14**Oir is cumhang an geata agus is caol an t-slighe a tha a' treòrachadh gu beatha agus is gann iadsan a tha ga lorg.

### **Craobh agus a Toradh**

**15**“Thoiribh an aire dha na fàidhean brèige, a thig thugaibh ann an aodach chaorach ach air an taobh a-staigh a tha nam madaidhean-allaidh le acras mòr orra.

**16**Air an toradh aithnichidh sibh iad. 'S cinnteach nach eil dearcana-fiona air an cruinneachadh o dhroigheann, no figean o chluarain?

**17**Mar sin bheir a h-uile craobh mhath a-mach toradh math, ach bheir an droch chraobh a-mach droch thoradh.

**18**Chan urrainn do chraoibh mhath droch thoradh a thoirt a-mach; cha mhotha as urrainn do dhroch chraoibh toradh math a thoirt a-mach.

**19**Gach craobh nach toir a-mach toradh math, thèid a gearradh sìos agus thèid a tilgeil dhan teine.

**20**Mar sin is ann air an toradh a dh'aithnicheas sibh iad.

**21**“Chan e a h-uile neach a chanas riumsa, ‘A Thighearna, a Thighearna’ a thèid a-steach do rìoghachd nèimh, ach an neach a nì toil m' Athar-sa a th' air nèamh.

**22**Canaidh mòran rium air an latha sin, ‘A Thighearna, a Thighearna, nach do rinn sinn fàidheadaireachd nad ainm-sa, agus nad ainm-sa nach do thilg sinn a-mach deamhain agus nad ainm-sa nach do rinn sinn tòrr obraichean cumhachdach?’

**23**Agus an uair sin canaidh mise gu follaiseach riutha, ‘Cha b' aithne dhomh riamh sibh, thallaibh uam a luchd-dèanamh na h-eucoir.’

### **An Luchd-Togail Glic is Amaideach**

**24**“Mar sin a h-uile neach a chluinneas na briathran seo agamsa, agus a nì iad, bidh e coltach ri duine glic a thog a thaigh air a' chreag.



<sup>25</sup>Agus thuit an t-uisge a-nuas, agus thàinig na tuiltean, agus shèid na gaothan is bhuail iad air an taigh sin, ach cha do thuit e, oir bha a bhunait suidhichte air a' chreig.

<sup>26</sup>Agus a h-uile neach a chluinneas na briathran seo agamsa, agus nach dèan iad, bidh e coltach ri duine amaideach a thog a thaigh air a' ghainmhich.

<sup>27</sup>Agus thuit an t-uisge a-nuas, agus thàinig na tuiltean, agus shèid na gaothan is bhuail iad air an taigh sin, agus thuit e, agus bha a thuiteam mòr.”

<sup>28</sup>Agus nuair a chrìochnaich Ìosa na briathran seo, ghabh na slòigh iongnadh ri theagasg-san,

<sup>29</sup>oir bha e gan teagasg mar neach aig an robh ùghdarras, agus cha b' ann mar na sgrìobhaichean aca fhèin.

## **Mata 8**

### **Duine le Luibhre**

<sup>1</sup>Nuair a thàinig e a-nuas on bheinn, lean sluagh mòr e.

<sup>2</sup>Agus seall, thàinig lobhar thuige agus rinn e adhradh dha, ag ràdh, “A Thighearna, mas miann leat, tha thu comasach air mise a dhèanamh glan.”

<sup>3</sup>Agus shìn Ìosa a-mach a làmh agus bhean e dha, ag ràdh, “Is miann leam. Bi glan!” Agus anns a' bhad bha an luibhre air a glanadh.

<sup>4</sup>Agus thuirt Ìosa ris, “Feuch nach innis thu rud sam bith do neach sam bith. Ach thalla agus seall thu fhèin dhan t-sagart agus tairg an tiodhlac, mar fhianais dhaibh, a dh'àithn Maois.”

### **Creideamh a' Cheannaird-Ceud**

<sup>5</sup>Nuair a chaidh e a-steach a Chapernàum, thàinig ceannard-ceud thuige, ga thagradh,

<sup>6</sup>agus ag ràdh, “A Thighearna, tha mo sheirbheiseach na laighe a-staigh ann am pairilis, fo àmhghar uabhasach.”

<sup>7</sup>Agus thuirt Ìosa ris, “Thèid mise agus slànaichidh mi e.”

<sup>8</sup>Ach fhreagair an ceannard-ceud, “A Thighearna, chan eil mise airidh air gun tigeadh tusa a-steach fo mhullach mo thaighe, ach can am facal a-mhàin, agus thèid mo sheirbheiseach a shlànachadh.

<sup>9</sup>Oir is e duine a th' annamsa cuideachd a tha fo ùghdarras, le saighdearan fodham. Agus canaidh mi ris an fhear seo, ‘Thalla,’ agus falbhaidh e, agus ri fear eile, ‘Thig,’ agus thig e, agus rim sheirbheiseach, ‘Dèan seo,’ agus nì e e.”

<sup>10</sup>Nuair a chuala Ìosa seo, ghabh e iongnadh agus thuir e riuthasan a lean e, “Gu firinneach, tha mi ag ràdh ribh nach d' fhuair mi creideamh cho mòr ri seo aig neach sam bith ann an Israel.

<sup>11</sup>Agus tha mi ag ràdh ribh gun tig mòran on Ear 's on Iar agus gun suidh iad còmhla ri Abrahàm, Ìsaac is Iàcob ann an rìoghachd nèimh,

<sup>12</sup>ach gun tèid clann na rìoghachd a thilgeil dhan dorchadas as fhaide a-muigh. An sin bidh caoineadh is giosgan fhiaclan.”

<sup>13</sup>Agus thuir Ìosa ris a' cheannard-ceud, “Thalla! Biodh e air a dhèanamh dhut mar a chreid thu.” Agus chaidh an seirbheiseach a shlànachadh aig an àm sin fhèin.

### **Ìosa a' Slànachadh Mhòran**

<sup>14</sup>Nuair a thàinig Ìosa a-steach do thaigh Pheadair, chunnaic e a mhàthair-cèile-san na laighe agus fiabhras oirre.

<sup>15</sup>Bhean e dhan làimh aice agus dh'fhàg am fiabhras i, agus dh'èirich i agus fhritheil i dha.

<sup>16</sup>Nuair a thàinig am feasgar thug iad thuige mòran a bha fo chumhachd dheamhan, agus thilg e a-mach na spioradan le facal, agus shlànaich e iadsan uile a bha tinn.

<sup>17</sup>Bha seo airson 's gun deigheadh an rud a choileanadh a chaidh a ràdh tro Isaiah am fàidh: “Ghabh esan ar n-anfhannachdan agus ghiùlain e ar tinneasan.”

### **Cosgais ann a Bhith a' Leantainn Ìosa**

<sup>18</sup>A-nis nuair a chunnaic Ìosa sluagh timcheall air, dh'àithn e a dhol a-null chun an taoibh eile.

<sup>19</sup>An uair sin thàinig sgrìobhaiche agus thuir e ris, “Fhir-Teagaisg, leanaidh mise thu, ge b' e càit an tèid thu.”

<sup>20</sup>Agus thuir Ìosa ris, “Tha tuill aig na sionnaich, agus neadan aig eòin an adhair, ach chan eil àite aig Mac an Duine far an cuir e sìos a cheann.”

<sup>21</sup>Thuir fear eile dhe dheisciobail ris, “A Thighearna, leig leamsa falbh an toiseach agus m' athair adhlacadh.”

<sup>22</sup>Ach thuir Ìosa ris, “Lean mise, agus leig le na mairbh am mairbh fhèin adhlacadh.”

### **Ìosa a' Socrachadh na Stoirme**

<sup>23</sup>Agus nuair a chaidh esan a-steach dhan eathar, lean a dheisciobail e.

<sup>24</sup>Agus seall, dh'èirich stoirm mhòr air a' mhuir, nì a dh'fhàg gun robh an t-eathar air a còmhdachadh le na tuinn; ach bha esan na chadal.

<sup>25</sup>Agus thàinig iadsan thuige agus dhùisg iad e ag ràdh, “A Thighearna, sàbhail sinn; tha sinn gu bhith caillte!”

<sup>26</sup>Agus thuir e riutha, “Carson a tha an t-eagal oirbh, sibhse air bheag creideimh?” An uair sin dh'èirich e agus chronaich e na gaothan agus a' mhuir, agus bha ciùine mhòr ann.

<sup>27</sup>Agus ghabh na daoine iongnadh, ag ràdh, “Dè an seòrsa duine a tha seo, gu bheil fiù 's na gaothan 's a' mhuir umhail dha?”

### **Leigheas an Dithis Fhear anns an Robh Deamhan**

<sup>28</sup>Agus nuair a thàinig e chun an taoibh thall, gu tìr nan Gadarèanach, thachair dithis dhaoine ris anns an robh deamhain, a' tighinn a-mach às na tuaman – cho fiadhaich 's nach fhaodadh duine sam bith a dhol seachad air an t-slighe sin.

<sup>29</sup>Agus seall, dh'èigh iad, “Dè an gnothach a th' agad leinne, a Mhic Dhè? An tàinig thu an seo airson ar cur fo àmhghar ron àm?”

<sup>30</sup>A-nis bha treud de mhòran mhuc ag ionaltradh astar math uapa.

<sup>31</sup>Agus ghuidh na deamhain airsan, ag ràdh, “Ma thilgeas tu a-mach sinn, cuir air falbh dhan treud mhuc sinn.”

<sup>32</sup>Agus thuir e riutha, “Thallaibh!” Mar sin thàinig iad a-mach agus chaidh iad a-steach dha na mucan, agus seall, ruith an treud mhuc gu lèir gu luath sìos an leathad cas dhan mhuir, agus bhàsaich iad sna h-uisgeachan.

<sup>33</sup>Theich iadsan a bha gan ionaltradh, agus chaidh iad dhan bhaile, agus dh'aithris iad a h-uile sìon, a' gabhail a-steach na thachair dhaibhsan san robh na deamhain.

<sup>34</sup>Agus seall, thàinig am baile gu lèir a-mach a choinneachadh ri Ìosa, agus nuair a chunnaic iad e, ghuidh iad air falbh às a' cheàrnaidh acasan.

## **Mata 9**

### **Ìosa a' Leigheas Fear leis a' Phairilis**

<sup>1</sup>Agus a' dol a-steach do dh'eathar chaidh Ìosa thairis agus thàinig e dhan bhaile aige fhèin.

<sup>2</sup>Agus seall, thug iad thuige duine air an robh a' phairilis, na laighe air leabaidh. Agus nuair a chunnaic Ìosa an creideamh-san, thuir e ris an fhear air an robh a' phairilis, “Biodh deagh mhisneach agad, a leanaibh, tha do pheacaidhean air am mathadh dhut.”

<sup>3</sup>Agus seall, thuir cuid de na sgrìobhaichean riutha fhèin, “Tha am fear seo ri toibheum!”

<sup>4</sup>Ach, le fios a bhith aige air an smuaintean, thuir Ìosa, “Carson a tha sibh a' smaoineachadh uilc nur cridheachan?”

<sup>5</sup>Oir dè as fhasa: a ràdh, ‘Tha do pheacaidhean air am mathadh dhut,’ no, ‘Èirich agus coisich’?

<sup>6</sup>Ach airson 's gum faod fios a bhith agaibh gu bheil ùghdarras aig Mac an Duine air an talamh airson peacaidhean a mhathadh ...” An uair sin thuir e ris an fhear air an robh a' phairilis, “Èirich, tog do leabaidh agus thalla dhad thaigh.”

<sup>7</sup>Agus dh'èirich e is chaidh e dha thaigh.

<sup>8</sup>Ach nuair a chunnaic an sluagh seo, ghabh iad an t-eagal; agus ghlòraich iad Dia, a bha air a leithid seo de dh'ùghdarras a thoirt do dhaoine.

### **Gairm Mhata**

<sup>9</sup>Fhad 's a bha Ìosa a' dol air adhart à sin, chunnaic e duine dham b' ainm Mata, na shuidhe aig bùth na cìse, agus thuir e ris, “Lean mise.” Agus dh'èirich e is lean e e.

<sup>10</sup>Agus fhad 's a bha Ìosa na shuidhe aig bòrd san taigh, seall, thàinig mòran chis-mhaor agus pheacach, agus bha iad a' suidhe còmhla ri Ìosa agus ri a dheisciobail.

<sup>11</sup>Agus nuair a chunnaic na Pharasaich seo, thuir iad ri a dheisciobail, “Carson a dh'itheas ur fear-teagaisg còmhla ri cìs-mhaoir agus ri peacaich?”

<sup>12</sup>Ach nuair a chuala e seo, thuir e, “Chan iadsan a tha slàn aig a bheil feum air lighiche, ach iadsan a tha tinn.

<sup>13</sup>Ach thallaibh agus foghlaimibh dè a tha seo a' ciallachadh: ‘Is miann leam tròcair, agus chan e ìobairt.’ Oir cha tàinig mise a ghairm nam firean, ach nam peacach.”

### **Ìosa air a Cheasnachadh mu Thrasgadh**

<sup>14</sup>An uair sin thàinig deisciobail Eòin thuige, ag ràdh, “Carson a bhios sinne agus na Pharasaich a' trasgadh gu tric agus nach bi do dheisciobail-sa a' trasgadh?”

<sup>15</sup>Agus thuir Ìosa riutha, “An urrainn do fhleasgaich na bainnse a bhith brònach fhad 's a tha fear na bainnse còmhla riutha? Ach thig na làithean anns an tèid fear na bainnse a thoirt air falbh uapa, agus an uair sin nì iad trasgadh.

<sup>16</sup>“Chan eil neach sam bith a' fuaigheal pìos aodaich neo-sheargte air seann bhad aodaich, oir tha an tuthag a' draghadh air falbh on bhad aodaich, agus tha sracadh nas miosa air a dhèanamh.

**17**Cha mhotha a tha fìon ùr air a chur a-steach do sheann shearragan. Ma tha, tha na searragan air an sracadh agus tha am fìon air a dhòrtadh is tha na searragan air an sgrios. Ach tha fìon ùr air a chur a-steach do shearragan ùra, agus tha an dà chuid air an gleidheadh.”

### **Nighean Mharbh agus Boireannach Tinn**

**18**Fhad 's a bha e ag ràdh na rudan seo riutha, seall, thàinig riaghladair agus lùb e a ghlùin ma choinneamh, ag ràdh, “Tha mo nighean dìreach air bàsachadh, ach thig agus cuir do làmh oirre a-mhàin, agus bidh i beò.”

**19**Agus dh'èirich Ìosa agus lean e e, cuide ri a dheisciobail.

**20**Agus seall, thàinig boireannach a bha air dòrtadh fala fhulang fad dà bhliadhna dheug suas air a chùlaibh agus bhean i do dh'iomall aodaich,

**21**oir thuirte i rithe fhèin, “Ma bheanas mi ach dha aodach, thèid mo shlànachadh.”

**22**Thionndaidh Ìosa, agus ga faicinn thuirte e, “A nighean, biodh deagh mhisneach agad; shlànaich do chreideamh thu.” Agus sa bhad chaidh am boireannach a dhèanamh slàn on uair sin.

**23**Agus nuair a thàinig Ìosa gu taigh an riaghladair, agus a chunnaic e luchd-cluiche na feadaig is an sluagh a' dèanamh ùpraid,

**24**thuirte e, “Thallaibh, oir cha do bhàsaich a' chaileag, ach tha i na cadal.” Agus rinn iadsan gàire-magaidh air.

**25**Ach nuair a chaidh an sluagh a chur a-mach, chaidh e a-steach is rug e air làimh oirre, agus dh'èirich a' chaileag.

**26**Agus chaidh an naidheachd mun seo a-mach air feadh na tìre sin gu lèir.

### **Ìosa a' Leigheas nan Dall is nam Balbh**

**27**Fhad 's a bha Ìosa a' dol air adhart às a sin, lean dithis dhal e, ag èigheach, “Dèan tròcair oirnne, a Mhic Dhaibhidh!”

**28**Nuair a chaidh e a-steach dhan taigh, thàinig na doill thuige, agus thuirte Ìosa riutha, “A bheil sibh a' creidsinn gu bheil mise comasach air seo a dhèanamh?” Thuirte iad ris, “Tha, a Thighearna.”

**29**An uair sin bhean e dhan sùilean, ag ràdh, “A rèir ur creideimh biodh e air a dhèanamh dhuibh.”

**30**Agus chaidh an sùilean fhosgladh is thug Ìosa rabhadh geur dhaibh, ag ràdh, “Faicibh nach faigh neach sam bith fios air a seo.”

**31**Ach dh'fhalbh iad agus sgaoil iad an naidheachd ma dheidhinn air feadh na tìre sin gu lèir.

<sup>32</sup>Fhad 's a bha iad a' falbh, seall, thug iad duine balbh anns an robh deamhan thuige.

<sup>33</sup>Agus às dèidh dhan deamhan a bhith air a thilgeil a-mach, bhruidhinn am balbhan. Agus ghabh an sluagh iongnadh, ag ràdh, “Cha deach a leithid seo riamh fhaicinn ann an Israel.”

<sup>34</sup>Ach thuir na Pharasaich, “Tha e a' tilgeil a-mach dheamhan tro phrionnsa nan deamhan.”

### **Is Gann an Luchd-Obrach**

<sup>35</sup>Agus chaidh Ìosa tro na bailtean mòra agus na bailtean beaga gu lèir, a' teagasg anns na sionagogan agus a' searmonachadh soisgeul na rìoghachd, agus a' leigheas gach tinneas agus gach bochdainn.

<sup>36</sup>Nuair a chunnaic e an sluagh, ghabh e truas riutha, a chionn 's gun robh iad sàraichte 's gun chuideachadh, mar chaoraich gun bhuachaille.

<sup>37</sup>An uair sin thuir e ri a dheisciobail, “Gu deimhinn is mòr am fogharadh, ach is gann an luchd-obrach.

<sup>38</sup>Mar sin, guidhibh air Tighearna an fhoghar luchd-obrach a chur a-mach dhan fhogharadh aige fhèin.”

## **Mata 10**

### **Ìosa a' Cur an Dà Fhear Dheug A-Mach**

<sup>1</sup>Agus ghairm e thuige fhèin a dhà dheisciobal dheug agus thug e ùghdarras dhaibh thairis air spioradan neòghlan, airson an tilgeil a-mach, agus airson a h-uile tinneas is a h-uile seòrsa bochdainn a shlànachadh.

<sup>2</sup>Is iad seo ainmean an dà abstol dheug: a' chiad fhear, Simon, ris an canar Peadar, agus Anndra a bhràthair; Seumas mac Shebede, agus Eòin a bhràthair;

<sup>3</sup>Philip agus Bartolomèus; Tòmas agus Mata an cis-mhaor; Seumas mac Alphèuis, agus Tadèus;

<sup>4</sup>Simon an Canàanach, agus Iùdas Iscariot, a bhrath Ìosa.

<sup>5</sup>Chuir Ìosa a-mach an dà fhear dheug seo, ag àithne dhaibh, “Na rachaibh gu slighe nan Cinneach agus na rachaibh a-steach do bhaile Shamaritanach,

<sup>6</sup>ach an àite sin thallaibh gu caoraich chailte taigh Israeil.

<sup>7</sup>Agus fhad 's a tha sibh a' siubhal, searmonaichibh, ag ràdh, ‘Tha rìoghachd nèimh faisg air làimh.’

<sup>8</sup>Leighisibh an fheadhainn a tha tinn, togaibh na mairbh, glanaibh na lobhair, tilgibh a-mach deamhainnean. An-asgaidh fhuair sibh, an-asgaidh thoiribh seachad.

<sup>9</sup>Na sealbhaichibh òr no airgead no umha airson ur sporain,

<sup>10</sup>no бага airson na slighe, no dà lèine-fhada, no cuarain, no bata, oir is airidh an t-obraiche air a bhiadh.

<sup>11</sup>“Agus ge b' e baile mòr no baile beag dhan tèid sibh a-steach, faighibh a-mach cò a tha airidh ann agus fanaibh an sin gus am fàg sibh.

<sup>12</sup>Agus nuair a thig sibh a-steach do thaigh, thoiribh ur fàilte dha.

<sup>13</sup>Agus mas airidh an taigh sin, thigeadh ur sìth air, ach mura h-eil e airidh, tilleadh ur sìth thugaib' fhèin.

<sup>14</sup>Agus mura gabh no nach èist neach sam bith ri ur briathran, crathaibh an dust o ur casan nuair a dh'fhàgas sibh an taigh no am baile sin.

<sup>15</sup>Gu deimhinn, tha mi ag ràdh ribh gum bi e nas fhasa do thìr Shodoim is Ghomorrah fulang air latha a' bhreitheanais na bhios e dhan bhaile sin.

<sup>16</sup>Seall, tha mi gar cur a-mach mar chaoraich am measg mhadaidhean-allaidh; mar sin bithibh cho glic ri nathraichean agus cho neoichiontach ri calmair.

<sup>17</sup>“Bithibh air ur faiceall o dhaoine, oir bheir iad thairis sibh do chomhairlean, agus sgiùrsaidh iad sibh nan sionagogan

<sup>18</sup>agus thèid ur toirt mu choinneamh riaghladairean agus rìghrean air mo sgàth-sa, mar fhianais dhaibhsan agus dha na Cinnich.

<sup>19</sup>Nuair a bheir iad thairis sibh, na bithibh fo chùram a thaobh mar a bhruidhneas sibh no dè a chanas sibh, oir bidh na chanas sibh air a thoirt dhuibh san uair sin.

<sup>20</sup>Oir chan e sibhse a bhruidhneas, ach 's e Spiorad ur n-Athar a bhruidhneas annaibh.

<sup>21</sup>“Bheir bràthair bràthair thairis gu bàs, agus athair a leanabh, agus èiridh clann an aghaidh am pàrantan agus cuiridh iad gu bàs iad

<sup>22</sup>agus bidh fuath aig a h-uile duine dhuibh air sgàth m' ainme-sa, ach ge b' e a leanas air chun na crìche bidh e air a shàbhaladh.

<sup>23</sup>Agus nuair a nì iad geur-leanmhainn oirbh ann an aon bhaile, teichibh gu baile eile; oir gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh nach bi sibh air sgur a dhol air feadh bhailtean Israeil mun tig Mac an Duine.

24“Chan eil deisciobal os cionn a neach-teagaisg, no seirbheiseach os cionn a mhaighstir.

25Is leòr dhan dheisciobal a bhith coltach ris an neach-teagaisg aige, agus dhan t-seirbheiseach a bhith coltach ri a mhaighstir. Ma ghabh iad Beelsebul air maighstir an taighe, nach motha a nì iad sin air a theaghlach!

26“Mar sin na biodh eagal oirbh romhpa, oir chan eil rud sam bith falaichte nach tèid fhoillseachadh agus air a chleith nach tèid a dhèanamh aithnichte.

27Na dh'innseas mise dhuibh san dorchadas, canaibh e san t-solas, agus an nì a chluinneas sibh sa chluais, searmonaichibh air mullach nan taighean e.

28Agus na biodh eagal oirbh on fheadhainn a mharbhas an corp ach nach urrainn an t-anam a mharbhadh. An àite sin, biodh eagal oirbh on Aon as urrainn an dà chuid an corp 's an t-anam a sgrios ann an Ifrinn.

29Nach eil dà ghealbhonn air an reic air sgillinn? Agus cha tuit aon dhiubh gu talamh às aonais ur n-Athar-se.

30Ach tha fiù 's fuiltein ur cinn gu lèir air an àireamh.

31Mar sin na biodh eagal oirbh; 's fhiach sibhse barrachd na mòran ghealbhonn.

32“Mar sin ge b' e a dh'aidicheas mise mu choinneamh dhaoine, aidichidh mise esan cuideachd mu choinneamh m' Athar a th' air nèamh.

33Ach ge b' e a dh'àicheas mise mu choinneamh dhaoine, àicheidh mise esan cuideachd mu choinneamh m' Athar a th' air nèamh.

34“Na smaoinichibh gun tàinig mise a thoirt sìthe air thalamh. Chan ann a thoirt sìthe a thàinig mi, ach claidheamh.

35Oir thàinig mi a chur “duine an aghaidh athar, agus nighean an aghaidh a màthar, agus nighean-cèile an aghaidh a màthar-cèile –

36agus is iad na nàimhdean aig duine muinntir a theaghlach fhèin.’

37“Ge b' e cò a ghràdhaicheas athair no màthair nas motha na mise, chan eil e airidh orm, agus ge b' e cò a ghràdhaicheas mac no nighean os mo chionn-sa, chan eil e airidh orm.

38Agus ge b' e cò nach tog a chrann-ceusaidh agus nach lean mise, chan eil e airidh orm.

39Ge b' e cò a lorgas a bheatha, cailidh e i, agus ge b' e cò a chailleas a bheatha air mo shon-sa, lorgaidh e i.

40“Ge b' e cò a ghabhas ribhse, gabhaidh e riumsa, agus ge b' e a ghabhas riumsa, gabhaidh e ris an Aon a chuir a-mach mi.



<sup>41</sup>An neach a ghabhas ri fàidh ann an ainm fàidh, gheibh e duais fàidh, agus an neach a ghabhas ri firean ann an ainm firein, gheibh e duais firein.

<sup>42</sup>Agus ge b' e cò a bheir fiù 's cupa uisge fuar do dh'aon dhen fheadhainn bheaga seo, a chionn 's gur e deisciobal a th' ann, gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh nach caill e a dhuais air chor sam bith.”

## Mata 11

### Ìosa agus Eòin Baistidh

<sup>1</sup>Nuair a chrìochnaich Ìosa air àithnntean a thoirt dhan dà dheisciobal dheug aige, chaidh e air adhart às a sin a theagasg is a shearmonachadh anns na bailtean aca.

<sup>2</sup>A-nis nuair a chuala Eòin sa phrìosan mu ghnìomhan Chrìosd, chuir e dithis dhe na deisciobail aige thuige,

<sup>3</sup>a dh'fhaighneachd dha, “An tusa am fear a bha ri thighinn, no an coimhead sinn airson neach eile?”

<sup>4</sup>Agus fhreagair Ìosa iad, “Thallaibh agus innsibh do dh'Eòin na tha sibh a' cluintinn agus a' faicinn:

<sup>5</sup>tha na doill a' faighinn fradhairc, agus na bacaich a' coiseachd, na lobhair air an glanadh, na bodhair a' cluintinn, na mairbh air an togail suas, agus an soisgeul air a shearmonachadh dha na bochdan.”

<sup>6</sup>Agus is beannaichte an neach nach gabh oilbheum air mo sgàth-sa.

<sup>7</sup>Fhad 's a bha iadsan a' falbh, thòisich Ìosa air bruidhinn ris an t-sluagh mu dheidhinn Eòin, ag ràdh, “Dè a chaidh sibh a-mach dhan fhàsach a dh'fhaicinn? Cuilc air a crathadh leis a' ghaoith?

<sup>8</sup>Dè ma-thà a chaidh sibh a-mach a dh'fhaicinn? Duine air èideadh ann an aodach mìn? Seall, tha iadsan air a bheil aodach mìn ann an lùchairtean rìghrean.

<sup>9</sup>Dè ma-thà a chaidh sibh a-mach a dh'fhaicinn? Fàidh? Seadh, tha mi ag ràdh ribh, agus barrachd air fàidh.

<sup>10</sup>Is e seo esan mu bheil e sgrìobhte: “Seall, cuiridh mise mo theachdaire rod aghaidh, a dh'ullaicheas do shlighe romhad.’

<sup>11</sup>“Gu deimhinn, tha mi ag ràdh ribh, nam measg-san a rugadh o mhnathan, chan eil neach sam bith nas motha na Eòin Baistidh air èirigh suas; ach a dh'aindeoin sin tha an neach as lugha ann an rìoghachd Dhè nas motha na esan.

<sup>12</sup>O làithean Eòin Baistidh gus a-nis, tha rìoghachd nèimh air fòirneart fhulang, agus tha luchd an fhòirneirt ga ghlacadh le cumhachd.

<sup>13</sup>Oir rinn na fàidhean air fad agus an Lagh fàidheadaireachd gu àm Eòin,

<sup>14</sup>agus ma tha sibh deònach gabhail ris, is esan Eliah a bha ri thighinn.

<sup>15</sup>An neach aig a bheil cluasan, èisteadh e.

<sup>16</sup>“Ach cò ris a shamhlaicheas mise an ginealach seo? Tha e coltach ri cloinn a tha nan suidhe sna h-ionadan-margaidh, agus ag èigheach ri chèile, ag ràdh:

<sup>17</sup>“Chluich sinn an duiseal dhuibhse, agus cha do rinn sibhse dannsa; sheinn sinn tuireadh dhuibhse, agus cha do rinn sibhse caoidh.’

<sup>18</sup>“Oir thàinig Eòin, chan ann ag ithe no ag òl, agus canaidh iad, ‘Tha deamhan ann.’

<sup>19</sup>Thàinig Mac an Duine ag ithe 's ag òl, agus thuirt iad, ‘Seall, craosaire agus drungaire, caraid chis-mhaor is pheacach.’ Ach tha gliocas air a fireanachadh le a gnìomhan.”

### **Is Mairg do Bhailtean Neo-Aithreachail**

<sup>20</sup>An uair sin thòisich e air na bailtean far an deach a mhòr-chuid dhe na h-obraichean cumhachdach aige a dhèanamh a chronachadh, a chionn 's nach do rinn iad aithreachas.

<sup>21</sup>“Is mairg dhut, a Chorasin! Is mairg dhut, a Bhetsaida! Oir nan robh na h-obraichean cumhachdach a chaidh a dhèanamh annaibhse air an dèanamh ann an Tirus is ann an Sìdon, is fhada on a bhiodh iad air aithreachas a dhèanamh ann an sac-aodach 's ann an luaithe.

<sup>22</sup>Ach tha mi ag ràdh ribh, bidh e nas fhasa do Thirus is do Shìdon fulang air latha a' bhreitheanais na bhios e dhuibhse.

<sup>23</sup>Agus thusa, a Chapernàum, am bi thu air do thogail suas a nèamh? Thèid do thoirt sìos a dh'Ifrinn. Oir nan robh na h-obraichean cumhachdach a chaidh a dhèanamh annadsa air an dèanamh ann an Sodom, nach maireadh e gus an-diugh?

<sup>24</sup>Ach tha mi ag innse dhuibh gum bi e nas fhasa do thìr Shodoim fulang air latha a' bhreitheanais na dhutsa.”

### **Fois Dhaibhsan a Tha Claoidhte**

<sup>25</sup>Aig an àm sin thuirt Iosa, “Tha mi a' toirt taing dhut, O Athair, a Thighearna nèimh is na talmhainn, gun do dh'fhalaich thu na rudan seo o dhaoine glic is tuigseach agus gun do dh'fhoillsich thu iad do leanabanan.

<sup>26</sup>Seadh, Athair, oir bha seo tlachdmhor nad shealladh.

<sup>27</sup>Chaidh a h-uile rud a thoirt dhòmhsa lem Athair, agus chan aithne do neach sam bith am Mac ach an t-Athair; cha mhotha as aithne do neach sam

bith an t-Athair ach am Mac agus neach sam bith dhan toigh leis a' Mhac fhoillseachadh.

<sup>28</sup>Thigibh thugamsa, sibhse uile a tha ri saothair agus fo throm-eallaich, agus bheir mise fois dhuibh.

<sup>29</sup>Gabhaibh mo chuing oirbh, agus ionnsaichibh uam, oir tha mise macanta is iriosal ann an cridhe, agus gheibh sibh fois dhur n-anman.

<sup>30</sup>Oir tha mo chuing-sa furasta agus tha m' eallach aotrom.”

## **Mata 12**

### **Tighearna na Sàbaid**

<sup>1</sup>Aig an àm sin chaidh Ìosa tro na h-achaidhean arbhair air an t-Sàbaid. Bha acras air a dheisciobail, agus thòisich iad air dìasan arbhair a spìonadh agus an ithe.

<sup>2</sup>Ach nuair a chunnaic na Pharasaich seo, thuirt iad ris, “Seall, tha do dheisciobail a' dèanamh rud nach eil laghail a dhèanamh air latha na Sàbaid.”

<sup>3</sup>Agus thuirt e riutha, “Nach do leugh sibh mar a rinn Daibhidh nuair a bha acras air fhèin 's air an fheadhainn a bha còmhla ris,

<sup>4</sup>mar a chaidh e a-steach do thaigh Dhè agus a dh'ith e an t-aran coisrigte, nach robh laghail dha fhèin ithe no dhaibhsan a bha còmhla ris, ach dha na sagartan a-mhàin?

<sup>5</sup>No nach do leugh sibh anns an Lagh mar a tha na sagartan anns an teampall air an t-Sàbaid a' briseadh na Sàbaid, agus iad neoichiontach?

<sup>6</sup>Ach tha mise ag ràdh ribh gu bheil rudeigin nas motha na an teampall an seo.

<sup>7</sup>Agus nan robh fios air a bhith agaibh mu dè as ciall dha seo: ‘Tròcair is miann leam, agus chan e ìobairt,’ cha bhiodh sibh air an fheadhainn a tha neoichiontach a dhìtheadh.

<sup>8</sup>Oir is e Mac an Duine Tighearna na Sàbaid.”

<sup>9</sup>A' dol air adhart às a sin, chaidh e a-steach dhan t-sionagog aca,

<sup>10</sup>agus seall, bha duine an sin aig an robh làmh sheargte. Agus dh'fhaighnich iad dha, “A bheil e laghail leigheas a dhèanamh air an t-Sàbaid?” – airson 's gum b' urrainn dhaibh cùis-dhìtidh a thoirt na aghaidh.

<sup>11</sup>Thuirt esan riutha, “Cò an duine o ur measg aig am bi caora, agus ma thuiteas i a-steach do tholl air an t-Sàbaid, nach beir oirre agus nach tog às i?

**12**Nach mòr nas luachmhoire, ma-thà, a tha duine na caora! Mar sin tha e laghail math a dhèanamh air an t-Sàbaid.”

**13**An uair sin thuir e ris an duine, “Sìn a-mach do làmh.” Agus shìn e a-mach i, agus bha i air a h-aiseag slàn mar an tèile.

**14**Ach chaidh na Pharasaich a-mach agus ghabh iad comhairle le chèile na aghaidh-san, a thaobh mar a sgriosadh iad e.

### **Seirbheiseach Taghte Dhè**

**15**Ach, mothachail mun seo, tharraing Ìosa air ais à sin. Lean mòran e agus leighis e iad uile,

**16**agus thug e rabhadh dhaibh gun innse cò a bh' ann,

**17**airson 's gun deigheadh an rud a choileanadh a chaidh a chantainn tro Isaiah am fàidh:

**18**“Seall, mo sheirbheiseach a thagh mi, m' aon ghràdhaichte leis a bheil m' anam fìor thoilichte; cuiridh mi mo Spiorad air, agus aithrisidh e ceartas dha na Cinnich.

**19**Cha dèan e aimhreit agus cha ghlaodh e; cha mhotha a chluinneas neach sam bith a ghuth air na sràidean.

**20**Cha bhris e a' chuilc bhrùite, agus an t-siobhag chnàmh-loisgte cha chuir e às, gus an treòraich e ceartas gu buaidh.

**21**Agus na ainm-san cuiridh na Cinnich an dòchas.”

### **Ìosa agus Beelsebub**

**22**An uair sin chaidh duine a thoirt thuige anns an robh deamhan, dall agus balbh, agus shlànaich Ìosa e, leis a' bhuil gun do bhruidhinn an duine balbh is gum faca e.

**23**Agus ghabh an sluagh uile iongnadh, agus bha iad ag ràdh, “An urrainn gur e seo Mac Dhaibhidh?”

**24**Ach nuair a chuala na Pharasaich seo, thuir iad, “Chan eil am fear seo a' tilgeil a-mach dheamhan ach tro Bheelsebul, uachdaran nan deamhan.”

**25**Eòlach air an smuaintean, thuir Ìosa riutha, “Gach uile rìoghachd a tha roinnte na h-aghaidh fhèin, thèid a dèanamh na fàsach, agus a h-uile baile no taigh a tha roinnte na aghaidh fhèin, cha sheas e.

**26**Agus ma thilgeas an Sàtan a-mach an Sàtan, tha e roinnte na aghaidh fhèin. Ciamar, mar sin, a sheasas a rìoghachd?

**27** Mas ann tro Bheelsebul a tha mise a' tilgeil a-mach dheamhan, cò troimhe a tha ur clann-se gan tilgeil a-mach? Mar sin bidh iadsan nam britheamhan oirbh.

**28** Ach mas ann le Spiorad Dhè a tha mise a' tilgeil a-mach dheamhan, mar sin tha rìoghachd Dhè air tighinn oirbhse.

**29** “No ciamar as urrainn do chuideigin a dhol a-steach do thaigh dhuine làidir agus a chuid a chreachadh, mura ceangail e an toiseach an duine làidir? Agus an uair sin is urrainn dha a thaigh a chreachadh.

**30** “Ge b' e nach eil leam, tha e nam aghaidh, agus ge b' e nach cruinnich leam, tha e a' sgapadh.

**31** Mar sin, tha mi ag ràdh ribh gum bi a h-uile peacadh agus toibheum air am mathadh do dhaoine, ach cha bhi toibheum an aghaidh an Spioraid air a mhathadh.

**32** Ge b' e cò a bhruidhneas facal an aghaidh Mac an Duine, thèid a mhathadh dha, ach ge b' e cò a bhruidhneas an aghaidh an Spioraid Naoimh, cha tèid a mhathadh dha, an dara cuid anns an t-saoghal seo no anns an t-saoghal a tha ri thighinn.

**33** “An dara cuid dèanaibh a' chraobh math agus a toradh math, no dèanaibh a' chraobh truailidh agus a toradh truailidh, oir is ann air a toradh a dh'aithnichear a' chraobh.

**34** A shìol nan nathraichean-nimhe! Ciamar as urrainn dhuibh rudan matha a ràdh, agus sib' fhèin olc? Oir a-mach à pailteas a' chridhe bruidhinnidh am beul.

**35** Bheir duine math rudan matha a-mach às a dheagh ionmhas, agus bheir an duine olc rudan olc a-mach às a dhroch ionmhas.

**36** Ach tha mi ag ràdh ribh gun toir daoine cunntas airson gach facal mhì-chùramaich a chanas iad, air latha a' bhreitheanais.

**37** Oir led fhacail thèid d' fhìreanachadh, agus led fhacail thèid do dhìtheadh.”

### **Comharra lònah**

**38** An uair sin fhreagair cuid dhe na sgrìobhaichean agus dhe na Pharasaich e, ag ràdh, “Fhir-Teagaisg, tha sinn ag iarraidh comharra fhaicinn uat.”

**39** Ach fhreagair esan, ag ràdh, “Tha ginealach olc is adhaltranach a' sireadh comharraidh, ach cha tèid comharra sam bith a thoirt dhaibh ach comharra an fhàidh lònah.

**40** Oir dìreach mar a bha lònah trì latha is trì oidhcheannan ann am broinn a' chreutair-mara mhòir, 's ann mar sin a bhios Mac an Duine trì latha is trì oidhcheannan ann an cridhe na talmhainn.

<sup>41</sup>Èiridh muinntir Ninebheh anns a' bhreitheanas còmhla ris a ghinealach seo, agus dìtidh iad e, oir rinn iadsan aithreachas aig searmon Iònah agus, seall, tha nas motha na Iònah an seo.

<sup>42</sup>Èiridh banrigh na h-àird a deas anns a' bhreitheanas còmhla ris a ghinealach seo, agus dìtidh i e, oir thàinig i o chrìochan na talmhainn a chluinntinn gliocas Sholaimh, agus, seall, tha nas motha na Solamh an seo.

<sup>43</sup>“Nuair a tha an spiorad neòghlan air a dhol a-mach à duine, thèid e tro àiteachan gun uisge a' sireadh fois, agus chan fhaigh e i.

<sup>44</sup>An uair sin canaidh e, ‘Tillidh mi dham thaigh às an tàinig mi.’ Agus nuair a thig e, gheibh e falamh e, air a sguabadh 's air a chur an òrdugh.

<sup>45</sup>An uair sin falbhaidh e agus bheir e leis seachd spioradan eile nas uilce na e fhèin, is thèid iad a-steach agus fanaidh iad an sin, is bidh staid dheireannach an duine sin nas miosa na a chiad staid. Is ann mar sin cuideachd a bhitheas leis a' ghinealach olc seo.”

### **Màthair agus Bràithrean Iosa**

<sup>46</sup>Fhad 's a bha e fhathast a' bruidhinn ris an t-sluagh, seall, sheas a mhàthair agus a bhràithrean a-muigh, ag iarraidh bruidhinn ris.

<sup>47</sup>Thuirte cuideigin ris, “Seall, tha do mhàthair agus do bhràithrean nan seasamh a-muigh ag iarraidh bruidhinn riut.”

<sup>48</sup>Ach fhreagair esan an duine a dh'innis seo dha, “Cò i mo mhàthair, agus cò iad mo bhràithrean?”

<sup>49</sup>Agus a' sìneadh a-mach a làimh gu a dheisciobail, thuirte e, “Seall, mo mhàthair agus mo bhràithrean!

<sup>50</sup>Oir ge b' e cò a nì toil m' Athar-sa a th' air nèamh, 's e sin fhèin mo bhràthair agus mo phiuthar agus mo mhàthair.”

## **Mata 13**

### **Cosamhlachd Fear-Cuir an t-Sil**

<sup>1</sup>Air an latha sin fhèin chaidh Iosa a-mach às an taigh agus shuidh e ri taobh na mara.

<sup>2</sup>Agus chruinnich sluagh mòr thuige, air chor is gun deach e a-steach do dh'eathar agus gun do shuidh e sìos, agus sheas an sluagh gu lèir air an tràigh.

<sup>3</sup>Agus dh'innis e mòran rudan dhaibh ann an cosamhlachdan, ag ràdh: “Seallaibh, chaidh fear-cuir sìl a-mach a chur sìl

<sup>4</sup>agus fhad 's a bha e a' cur, thuit cuid ri taobh an rathaid, agus thàinig na h-eòin agus dh'ith iad e.

<sup>5</sup>Thuit cuid eile air àite creagach, far nach robh mòran talmhainn aige, agus sa bhad dh'fhàs e suas, a chionn 's nach robh doimhne talmhainn aige.

<sup>6</sup>Ach nuair a dh'èirich a' ghrian chaidh a losgadh, agus a chionn 's nach robh freumh aige, shearg e às.

<sup>7</sup>Thuit cuid eile am measg dhroigheann, agus dh'fhàs na droighinn suas agus thachd iad e.

<sup>8</sup>Ach thuit cuid eile air talamh math agus thug e toradh a-mach, cuid a cheud, cuid a sheasgad agus cuid a thrithead uiread.

<sup>9</sup>“Ge b' e cò aig a bheil cluasan, cluinneadh e.”

<sup>10</sup>An uair sin thàinig na deisciobail is thuir iad ris, “Carson a tha thu a' bruidhinn riutha ann an cosamhlachdan?”

<sup>11</sup>Agus fhreagair e iad, “Chaidh a thoirt dhuibhse eòlas a bhith agaibh air dìomhaireachdan rìoghachd nèimh, ach dhaibhsan cha deach a thoirt.

<sup>12</sup>Oir dhan neach aig a bheil, dhàsan thèid barrachd a thoirt, agus bidh am pailteas aige, ach uaithean aig nach eil, thèid fiù 's na th' aige a thoirt uaithe.

<sup>13</sup>Is ann airson seo a tha mise a' bruidhinn riutha ann an cosamhlachdan: “A chionn 's a' faicinn nach eil iad a' faicinn; agus a' cluinntinn nach eil iad a' cluinntinn, cha mhotha a tha iad a' tuigsinn.

<sup>14</sup>“Anntasan tha fàidheadaireachd Isaiah air a coileanadh, a tha ag ràdh: “Cluinnidh sibh ach cha tuig sibh; agus chì sibh ach cha toir sibh fa-near.

<sup>15</sup>Oir tha cridhe an t-sluaigh seo air fàs mì-mhothachail; len cluasan is gann gun cluinn iad agus dhùin iad an sùilean, air eagal 's gum faiceadh iad len sùilean, agus gun cluinneadh iad len cluasan, agus gun tuigeadh iad len cridhe, agus gun tionndaidheadh iad, agus gun slànaichinn iad.

<sup>16</sup>“Ach is beannaichte ur sùilean-se, oir tha iad a' faicinn; agus ur cluasan, oir tha iad a' cluinntinn.

<sup>17</sup>Oir gu firinneach, tha mi ag ràdh ribh gum b' iomadh fàidh agus firean a mhiannaich na rudan fhaicinn a tha sibhse a' faicinn, ach nach fhaca iad, agus na rudan a chluinntinn a tha sibhse a' cluinntinn, ach nach cuala iad.

<sup>18</sup>“Cluinnibh-se, mar sin, cosamhlachd fear-cuir an t-sìl:

<sup>19</sup>A h-uile neach a chluinneas facal na rìoghachd agus nach tuig e, tha an droch fhear a' tighinn agus a toirt air falbh na chaidh a chur na chridhe; is e seo an sìol a chaidh a chur ri taobh an rathaid.

**20** An sìol a chaidh a chur air àiteachan creagach, is e seo an neach a chluinneas am facal agus a ghabhas e sa bhad le gàirdeachas,

**21** Ach chan eil freumh aige ann fhèin, ach mairidh e ùine ghoirid, agus nuair a thig trioblaid no geur-leanmhainn air sgàth an fhacail, sa bhad tuitidh e air falbh.

**22** An sìol a chaidh a chur am measg dhroigheann, is e seo an neach a tha a' cluinntinn an fhacail, ach tha cùram an t-saoghail agus mealltaireachd beairteis a' tachdadh an fhacail, agus fàsaidh e neo-thorrach.

**23** An sìol a chaidh a chur ann an deagh thalamh, is e sin an neach a chluinneas am facal agus a thuigeas e. Tha esan dha-rìribh a' giùlain toraidh agus a' toirt a-mach a cheud, a sheasgad agus a thrithhead uiread.”

### **Cosamhlachd nan Luibh**

**24** Chuir e cosamhlachd eile mun coinneamh, ag ràdh, “Faodaidh rìoghachd nèimh a bhith air a samhlachadh ri duine a chuir sìol math na achadh.

**25** Ach fhad 's a bha a dhaoine nan cadal, thàinig a nàmhaid is chuir e luibhean am measg a' chruithneachd agus chaidh e air falbh.

**26** Ach nuair a thàinig an t-arbhar fo dhèis is a thug e a-mach a thoradh, an uair sin nochd na luibhean cuideachd.

**27** “Agus thàinig seirbheisich mhaighstir an taighe agus thuirt iad ris, ‘A mhaighstir, nach do chuir thusa sìol math nad achadh? Ciamar mar sin a tha luibhean ann?’

**28** Thuirt esan riutha, ‘Tha nàmhaid air seo a dhèanamh.’ Agus thuirt a sheirbheisich ris, ‘A bheil thu, mar sin, ag iarraidh gun tèid sinne agus gun cruinnich sinn iad?’

**29** Ach thuirt esan, ‘Chan eil, air eagal 's, nuair a chruinnicheas sibh na luibhean, gun spìon sibh a' chruithneachd còmhla riutha.

**30** Leigibh leis an dà chuid fàs còmhla gus an tig am fogharadh, agus aig àm an fhogharaidh canaidh mise ris an luchd-buana, “Cruinnichibh an toiseach na luibhean agus ceanglaibh iad nan sguaban airson a bhith air an losgadh, ach cruinnichibh a' chruithneachd dham shabhal.””

### **Cosamhlachdan an t-Sìl Mustaird is na Taois Ghoirt**

**31** Chuir e cosamhlachd eile mun coinneamh, ag ràdh, “Tha rìoghachd nèimh coltach ri gràinne de shìol mustaird a ghabh duine agus a chuir e na achadh.

**32** Is e as lugha dhe na sìl uile, ach nuair a tha e air fàs tha e nas motha na na lusan-gàrraidh uile agus thig e gus a bhith na chraoibh; mar sin thig eòin an adhair agus nì iad neadan na gheugan.”



**33** Dh'innis e cosamhlachd eile dhaibh: “Tha rìoghachd nèimh coltach ri taois ghoirt, a ghabh boireannach agus a dh'fhalaich i ann an trì tomhasan mine, gus an do dh'èirich e gu lèir.”

**34** Thuirt Ìosa na rudan seo uile ris an t-sluagh ann an cosamhlachdan; agus às aonais cosamhlachd cha do bhruidhinn e riutha.

**35** Bha seo airson 's gun deigheadh an rud a choileanadh a chaidh a ràdh tron fhàidh: “Fosglaidh mi mo bheul ann an cosamhlachdan, cuiridh mi an cèill rudan a bha falaichte o thoiseach an t-saoghail.”

### **Cosamhlachd nan Luibh air a Mìneachadh**

**36** An uair sin dh'fhàg e an sluagh agus chaidh e a-steach dhan taigh. Agus thàinig a dheisciobail thuige, ag ràdh, “Mìnich dhuinne cosamhlachd luibhean an achaidh.”

**37** Agus fhreagair esan, “Am fear a chuireas an sìol math, is esan Mac an Duine.

**38** Is e an t-achadh an saoghal, agus is e an sìol math clann na rìoghachd, ach is e na luibhean clann an droch fhir,

**39** agus is e an nàmhaid a chuir iad an diabhal. Is e am fogharadh deireadh na linne, agus is iad na buanaichean na h-ainglean.

**40** “Dìreach mar a tha na luibhean air an cruinneachadh agus air an losgadh le teine, is ann mar sin a bhitheas aig deireadh na linne.

**41** Cuiridh Mac an Duine na h-ainglean aige a-mach, agus cruinnichidh iad às a rìoghachd-san gach ceap-tuislidh agus iadsan a tha a' dèanamh mì-riaghailt,

**42** agus tilgidh iad dhan fhùirneis theinntich iad. An sin bidh caoineadh is giosgan fhiacal.

**43** An uair sin deàrrsaidh na fireanan mar a' ghrian, ann an rìoghachd an Athar-san. Ge b' e cò aig a bheil cluasan, cluinneadh e.

### **Cosamhlachdan an Ionmhais Fhalaichte agus na Neamhnaid**

**44** “Tha rìoghachd nèimh coltach ri ionmhas falaichte ann an achadh, a lorg duine agus a dh'fhalaich e. Agus an uair sin, na aoibhneas, tha e a' falbh agus a' reic a h-uile sìon a th' aige, agus a' ceannach an achaidh sin.

**45** “A-rithist, tha rìoghachd nèimh coltach ri ceannaiche a' sireadh neamhnaidean grinn,

**46** agus nuair a lorg e aon neamhnaid ro luachmhor, chaidh e agus reic e na bh' aige agus cheannaich e i.

### **Cosamhlachd an Lìn**

<sup>47</sup>“A-rithist, tha rìoghachd nèimh coltach ri lìon a chaidh a thilgeil dhan mhuir agus a chruinnich a h-uile seòrsa èisg.

<sup>48</sup>Nuair a bha e làn, tharraing iad suas air an tràigh e, agus shuidh iad agus chruinnich iad na h-èisg mhatha a-steach do shoithichean, ach thilg iad na droch èisg air falbh.

<sup>49</sup>Is ann mar sin a bhitheas aig deireadh na linne. Thig na h-ainglean a-mach agus sgaraidh iad na h-uile o na fireanan,

<sup>50</sup>agus tilgidh iad dhan fhùirneis theinntich iad. An sin bidh caoineadh is giosgan fhiacal.

<sup>51</sup>“An do thuig sibh na rudan seo uile?” Thuirt iad ris, “Thuig.”

<sup>52</sup>Agus thuirt e riutha, “Mar sin, tha gach sgrìobhaiche a th' air oideachadh airson rìoghachd nèimh coltach ri maighstir-taighe, a bheir a-mach rudan ùra is sean às an ionmhas aige.”

### Fàidh gun Urram

<sup>53</sup>Agus nuair a bha Ìosa air na cosamhlachdan seo a chrìochnachadh, dh'fhalbh e às a sin,

<sup>54</sup>agus a' tighinn gu a bhaile fhèin, theagaisg e iad nan sionagog; mar sin ghabh iad iongnadh, agus tuirt iad, “Càit an d' fhuair am fear seo an gliocas seo, agus na h-obraichean cumhachdach seo?”

<sup>55</sup>Nach e seo mac an t-saoir? Nach e ainm a mhàthar Moire? Nach iad a bhràithrean Seumas is Iòsaph is Sìmon is Iùdas?

<sup>56</sup>Agus nach eil a pheathraichean gu lèir còmhla rinn? Càite mar sin an d' fhuair an duine seo na rudan seo uile?”

<sup>57</sup>Agus ghabh iad oilbheum ma dheidhinn. Ach thuirt Ìosa riutha, “Chan eil fàidh gun urram ach na dhùthaich fhèin, agus na theaghlach fhèin.”

<sup>58</sup>Agus cha do rinn e mòran obraichean cumhachdach an sin, air sgàth an eas-creideimh.

## Mata 14

### An Ceann air a Thoirt far Eòin Baistidh

<sup>1</sup>Aig an àm sin chuala Herod an tetrarc mu chliù Ìosa,

<sup>2</sup>agus thuirt e ri a sheirbheisich, “Is e seo Eòin Baistidh. Chaidh a thogail o na mairbh, agus is ann air sgàth sin a tha na cumhachdan mìorbhaileach seo ag obrachadh ann.”

- <sup>3</sup>Oir bha Herod air Eòin a chur an greim is air a cheangal agus air a chur ann am prìosan air sgàth Heròdiais, bean Philip a bhràthair fhèin,
- <sup>4</sup>oir bha Eòin air a bhith ag ràdh ris, “Chan eil e laghail dhut i a bhith agad.”
- <sup>5</sup>Agus ged a bha Herod ag iarraidh a chur gu bàs, bha eagal air on t-sluagh, oir mheas iad gum b' e fàidh a bh' ann.
- <sup>6</sup>Ach nuair a thàinig co-là-breith Heroid, rinn nighean Heròdiais dannsa mun coinneamh agus thoilich i Herod,
- <sup>7</sup>chun na h-ìre 's gun do gheall e le mionnan gun toireadh e dhi ge b' e dè a dh'iarradh i.
- <sup>8</sup>Agus air a piobrachadh le a màthair, thuirt i, “Tha mi airson 's gun toir thu dhomh ceann Eòin Baistidh air truinnsear mòr.”
- <sup>9</sup>Agus bha an rìgh duilich, ach a thaobh nam mionnan 's air sgàth nan aoighean aige, dh'àithn e a thoirt dhi.
- <sup>10</sup>Agus chuir e fear a-mach a thug an ceann far Eòin anns a phrìosan.
- <sup>11</sup>Agus chaidh a cheann a thoirt air truinnsear mòr is chaidh a thoirt dhan chaileig, agus thug ise gu a màthair e.
- <sup>12</sup>Thàinig a dheisciobail, agus thug iad an corp leotha is dh'adhlaic iad e, agus chaidh iad 's dh'innis iad do dh'Ìosa.

### **Ìosa a' Biathadh nan Còig Mìle**

- <sup>13</sup>A-nis nuair a chuala Ìosa seo, tharraing e air ais à sin ann an eathar gu àite fàsail leis fhèin. Ach nuair a chuala an sluagh sin, lean iad air chois e o na bailtean.
- <sup>14</sup>Agus nuair a chaidh e air tìr chunnaic e sluagh mòr, agus bha truas aige dhaibh, agus shlànaich e an fheadhainn aca a bha tinn.
- <sup>15</sup>Agus nuair a bha am feasgar ann, thàinig na deisciobail thuige agus thuirt iad, “S e àite fàsail a tha an seo agus tha an latha a-nis seachad; cuir an sluagh air falbh airson 's gun tèid iad dha na bailtean agus gun ceannaich iad biadh dhaib' fhèin.”
- <sup>16</sup>Ach thuirt Ìosa, “Cha leig iad a leas falbh; thugaibh-se dhaibh rudeigin a dh'itheas iad.”
- <sup>17</sup>Thuirt iad ris, “Chan eil an seo againn ach còig lofaichean agus dà iasg.”
- <sup>18</sup>Agus thuirt esan, “Thugaibh an seo iad thugamsa.”
- <sup>19</sup>Agus dh'àithn e dhan t-sluagh suidhe sìos air an fheur, agus a' gabhail nan còig lofaichean agus an dà iasg, sheall e suas gu nèamh, bheannaich e 's

bhris e na lofaichean agus thug e iad dha na deisciobail, agus thug na deisciobail dhan t-sluagh iad.

<sup>20</sup>Dh'ith iad uile agus bha iad air an sàsachadh. Agus thog iad dà bhasgaid dheug làn de chrìomagan a bha a chèrr.

<sup>21</sup>Agus bha iadsan a dh'ith mu thimcheall air còig mìle fear, a thuilleadh air mnathan agus air cloinn.

### **Ìosa a' Coiseachd air an Uisge**

<sup>22</sup>Sa bhad thug e air na deisciobail a dhol dhan eathar agus a dhol roimhe chun an taoibh thall, fhad 's a chuir e fhèin an sluagh air falbh.

<sup>23</sup>Agus às dèidh an sluagh a chur air falbh, chaidh e suas dhan bheinn leis fhèin a dh'ùrnaigh. Nuair a thàinig am feasgar, bha e an sin na aonar.

<sup>24</sup>Ach bha an t-eathar mun àm sin astar fada o thìr, air a tilgeil mun cuairt leis na tonnan, oir bha a' ghaoth nan aghaidh.

<sup>25</sup>Mus do dh'èirich a' ghrian, thàinig e thuca, a' coiseachd air a' mhuir.

<sup>26</sup>Ach nuair a chunnaic na deisciobail e a' coiseachd air a' mhuir, bha iad fo oillt, ag ràdh, “Is e taibhs a th' ann!” agus dh'èigh iad a-mach le eagal.

<sup>27</sup>Ach sa bhad bhruidhinn Ìosa riutha ag ràdh, “Biodh deagh mhisneach agaibh, is mise a th' ann – na biodh eagal oirbh.”

<sup>28</sup>Agus fhreagair Peadar e, “A Thighearna, mas tusa a th' ann, iarr orm tighinn thugad air na h-uisgeachan.”

<sup>29</sup>Agus thuirt esan, “Thig.” Is thàinig Peadar a-mach às an eathar agus choisich e air na h-uisgeachan is thàinig e gu Ìosa.

<sup>30</sup>Ach nuair a chunnaic e a' ghaoth cho làidir, ghabh e eagal, agus a' tòiseachadh air a dhol fodha, ghlaodh e, “A Thighearna, sàbhail mi!”

<sup>31</sup>Anns a' bhad shìn Ìosa a-mach a làmh agus rug e air, is thuirt e ris, “O thusa air bheag creideimh, carson a bha thu fo amharas?”

<sup>32</sup>Agus nuair a chaidh iad a-steach dhan eathar, sguir a' ghaoth.

<sup>33</sup>Agus rinn iadsan a bh' anns an eathar adhradh dha, ag ràdh, “Gu firinneach is tusa Mac Dhè!”

<sup>34</sup>Nuair a bha iad air a dhol thairis, thàinig iad air tìr aig Genesaret.

<sup>35</sup>Agus nuair a dh'aithnich muinntir an àite sin e, chuir iad fios air feadh a' cheàrnaidh sin gu lèir agus thug iad thuige iadsan uile a bha tinn

<sup>36</sup>agus ghuidh iad air airson 's gum faodadh iad beantainn fiù 's ri iomall aodaich. Agus na h-uimhir 's a bhean dha, chaidh an leigheas.

## Mata 15

### Glan agus Neòghlan

- 1**An uair sin thàinig Pharasaich agus sgrìobhaichean gu Ìosa o Ierusalem agus thuir iad,
- 2**“Carson a bhios do dheisciobail a' briseadh dualchas nan èildear? Oir cha bhi iad a' nighe an làmhan nuair a dh'itheas iad aran.”
- 3**Fhreagair esan iad, “Agus carson a tha sibhse a' briseadh àithne Dhè air sgàth ur dualchais fhèin?”
- 4**Oir dh'àithn Dia, ‘Thoir urram dhad athair is dhad mhàthair,’ agus, ‘Ge b' e cò a mhallaicheas athair no a mhàthair, thèid a chur gu bàs.’
- 5**Ach canaidh sibhse, ‘Ge b' e neach a their ri athair no ri mhàthair, “Biodh rud sam bith leis am faodadh tu buannachd fhaighinn uamsa na thiodhlaic do Dhia,”
- 6**chan fheum e urram a thoirt dha athair no dha mhàthair.’ Mar sin air sgàth ur dualchais fhèin tha sibh a' cur Facal Dhè an neo-bhrìgh.
- 7**A bhreug-chràbhaichean! Is math a rinn Isaiah fàidheadaireachd mur deidhinn, nuair a thuir e:
- 8**‘Tha an sluagh seo a' toirt urraim dhòmhsa lem bilean, ach tha an cridheachan fada uam.
- 9**Is ann gu dìomhain a tha iad a' toirt adhruidh dhòmhsa, a' teagasg mar theagasg àithntean dhaoine.”
- 10**Agus ghairm e an sluagh thuige is thuir e riu, “Èistibh agus tuigibh.
- 11**Chan e na thèid a-steach dhan bheul a nì an duine neòghlan, ach na thig a-mach às a bheul, is e seo a nì an duine neòghlan.”
- 12**An uair sin thàinig na deisciobail agus thuir iad ris, “A bheil fios agad gun do ghabh na Pharasaich oilbheum nuair a chuala iad am facal ud?”
- 13**Fhreagair esan, “Gach lus nach do chuir m' Athair nèamhaidh-sa, thèid a spìonadh on fhreumh.
- 14**Leigibh leotha, is e luchd-treòrachaidh dhal dhe na doill a th' annta. Agus ma threòraicheas dall dall eile, tuitidh an dìthis aca a-steach do chlais.”
- 15**Ach fhreagair Peadar e, “Mìnich an cosamhlachd dhuinn.”
- 16**Agus thuir Ìosa, “A bheil sibhse cuideachd fhathast gun tuigse?”
- 17**Nach eil sibh a' faicinn gu bheil na thèid a-steach dhan bheul a' dol dhan stamaig agus gun tèid a chur a-mach dhan t-sitig?

**18** Ach na rudan a thig a-mach às a' bheul, tha iad a' tighinn on chridhe, agus is iad sin a nì an duine neòghlan.

**19** Oir às a chridhe thig smuaintean olca, murt, adhaltranas, striopachas, goid, fianais bhrèige, cùl-chàineadh.

**20** Is iad seo na rudan a nì an duine neòghlan. Ach ithe le làmhan gun nighe, cha dèan sin an duine neòghlan.”

### **Creideamh a Bhoireannaich à Canaan**

**21** Agus chaidh Ìosa air falbh on àite sin is tharraing e air ais gu ceàrnaidh Thìruis agus Shìdoin.

**22** Agus seall, thàinig boireannach Canaanach on cheàrnaidh sin agus thòisich i air èigheach air, “Dèan tròcair orm, a Thighearna, a Mhic Dhaibhidh; tha mo nighean a' fulang gu truagh le deamhan a th' innte.”

**23** Ach cha do fhreagair e facal dhi. Agus thàinig a dheisciobail thuige agus ghuidh iad air, ag ràdh, “Cuir air falbh i, oir tha i ag èigheach às ar dèidh.”

**24** Fhreagair esan, “Cha deach mo chur ach dìreach gu caoraich chailte taigh Israeil.”

**25** Ach thàinig ise agus thilg i i fhèin sìos ma choinneamh, ag ràdh, “A Thighearna, cuidich leam!”

**26** Agus fhreagair esan, “Chan eil e ceart aran na cloinne a ghabhail agus a thilgeil chun nan con.”

**27** Thuirt ise, “Seadh, a Thighearna, ach ithidh fiù 's na coin dhen sprùilleach a thuiteas o bhòrd am maighstirean.”

**28** An uair sin fhreagair Ìosa i, “Ò, a bhoireannaich, is mòr do chreideamh! Biodh e air a dhèanamh dhut mar a tha thu a' miannachadh!” Agus chaidh an nighean a dhèanamh slàn on uair sin fhèin.

### **Ìosa a' Biadhadh na Ceithir Mile**

**29** Chaidh Ìosa air adhart à sin agus choisich e ri taobh Muir Ghalile. Agus chaidh e suas dhan bheinn agus shuidh e an sin.

**30** Agus thàinig sluagh mòr thuige, a' toirt leotha nam bacach, nan dall, nan daoine ciorramach, nam balbhan, agus mòran eile, agus shìn iad sìos aig casan Ìosa iad, agus shlànaich e iad.

**31** Mar sin ghabh an sluagh iongnadh nuair a chunnaic iad na balbhain a' bruidhinn, na ciorramaich slàn, na bacaich a' coiseachd, agus na doill a' faicinn. Agus thug iad glòir do Dhia Israeil.

**32** An uair sin ghairm Ìosa a dheisciobail thuige, agus thuirt e, “Tha truas agam ris an t-sluagh a chionn 's gu bheil iad air a bhith còmhla rium a-nis trì

latha agus nach eil sìon aca ri ithe. Agus chan eil mi ag iarraidh an cur air falbh acrach, air eagal 's gum faodadh iad fannachadh air an t-slighe.”

<sup>33</sup>Agus thuirt na deisciobail ris, “Càit am faigheamaid aran gu leòr anns an àite fàsail seo a bhiathadh sluagh cho mòr?”

<sup>34</sup>Agus thuirt Ìosa riutha, “Cia mheud lof a th' agaibh?” Thuirt iadsan, “Seachd, agus beagan èisg bheaga.”

<sup>35</sup>Agus a' toirt òrduigh dhan t-sluagh suidhe sìos air an talamh

<sup>36</sup>ghabh e na seachd lofaichean agus na h-èisg, agus às dèidh dha taing a thoirt, bhris e iad, agus thug e dha na deisciobail iad, agus thug na deisciobail dhan t-sluagh iad.

<sup>37</sup>Agus dh'ith iad uile agus bha iad air an sàsachadh. Agus thog iad suas seachd basgaidean dhe na criomagan, a bh' air chòrr aca.

<sup>38</sup>Agus b' iad a dh'ith ceithir mìle fear, a bharrachd air boireannaich agus cloinn.

<sup>39</sup>Agus às dèidh dha an sluagh a chur air falbh, chaidh e a-steach dhan eathar agus chaidh e gu ceàrnaidh Mhagadan.

## **Mata 16**

### **An t-larrtas airson Comharra**

<sup>1</sup>Agus thàinig na Pharasaich agus na Sadusaich, agus airson Ìosa a dhearbhadh, dh'iarr iad comharra o nèamh air.

<sup>2</sup>Ach fhreagair esan, “Nuair a tha am feasgar ann, canaidh sibh, ‘Bidh deagh aimsir ann, oir tha an t-adhar dearg,’

<sup>3</sup>agus anns a' mhadainn, ‘Bidh stoirm ann an-diugh, oir tha an t-adhar dearg is dorcha.’ Is aithne dhuibh ciamar a dh'eadar-mhìniches sibh coltas an adhair, ach chan urrainn dhuibh comharraidhean nan amannan eadar-mhìneachadh.

<sup>4</sup>Tha ginealach olc agus adhaltranach ag iarraidh comharraidh, ach cha tèid comharra a thoirt dha, ach comharra lònah.” Agus dh'fhàg e iad, agus chaidh e air falbh.

### **Taois Ghoirt nam Pharasach is nan Sadusach**

<sup>5</sup>Ach nuair a ràinig na deisciobail an taobh eile, bha iad air dìochuimhneachadh aran a thoirt leotha.

<sup>6</sup>Thuirt Ìosa riutha, “Thoiribh an aire, agus bithibh faiceallach mu thaois ghoirt nam Pharasach agus nan Sadusach.”

<sup>7</sup>Agus thòisich iad air deasbad, ag ràdh, “Tha seo a chionn 's nach tug sinn aran leinn.”

<sup>8</sup>Agus a' tuigsinn seo, thuirt Ìosa, “Carson a tha sibh a' deasbad nur measg fhèin nach eil aran agaibh, sibhse air bheag creideimh?”

<sup>9</sup>An e nach eil sibh fhathast a' toirt fa-near? An e nach eil sibh a' cuimhneachadh nan còig lofaichean airson nan còig mìle, agus cia mheud basgaid a chruinnich sibh?

<sup>10</sup>No na seachd lofaichean airson nan ceithir mìle, agus cia mheud basgaid a chruinnich sibh?

<sup>11</sup>Ciamar nach eil sibh a' tuigsinn nach ann mu aran a bha mi a' bruidhinn? Bithibh faiceallach mu thaois ghoirt nam Pharasach agus nan Sadusach.”

<sup>12</sup>An uair sin thuig iad nach do dh'iarr e orra a bhith faiceallach mu thaois ghoirt an arain, ach mu theagasg nam Pharasach agus nan Sadusach.

### **Aidmheil Pheadair de Chrìosd**

<sup>13</sup>A-nis nuair a thàinig Ìosa a-steach do cheàrnaidh Chesarèa Philipi, dh'fhaighnich e dha dheisciobail, “Cò a tha daoine ag ràdh a th' ann am Mac an Duine?”

<sup>14</sup>Agus thuirt iad, “Tha cuid ag ràdh Eòin Baistidh, cuid eile Eliah, agus cuid eile Ieremiah, no aon dhe na fàidhean.”

<sup>15</sup>Thuirt esan riutha, “Ach cò a tha sibhse ag ràdh a th' annam?”

<sup>16</sup>Fhreagair Simon Peadar, “Is tusa an Crìosd, Mac an Dè bheò.”

<sup>17</sup>Agus fhreagair Ìosa esan, “Is beannaichte thusa, a Shìmoin Bhar-lònah, oir cha do dh'fhoillsich feòil is fuil seo dhutsa ach m' Athair-sa a th' air nèamh.

<sup>18</sup>Agus tha mise ag ràdh riut gur tusa Peadar, agus air a' chreig seo togaidh mise m' eaglais, agus cha toir geatachan Ifrinn buaidh oirre.

<sup>19</sup>Bheir mi dhut iuchraichean rìoghachd nèimh; agus ge b' e dè a cheanglas tusa air thalamh, bidh e ceangailte air nèamh, agus ge b' e dè a dh'fhuasglas tusa air thalamh, bidh e fuasgailte air nèamh.”

<sup>20</sup>An uair sin dh'àithn e dha dheisciobail nach innseadh iad do neach sam bith gum b' esan an Crìosd.

### **Ìosa ag Innse Ro-Làimh ma Bhàs Fhèin**

<sup>21</sup>On àm sin thòisich Ìosa air sealltainn dha dheisciobail gum feumadh esan a dhol gu Ierusalem agus mòran rudan fhulang o na h-èildearan, o na h-àrd-shagartan is o na sgrìobhaichean, agus a bhith air a chur gu bàs, agus air an treas latha a bhith air a thogail suas.



<sup>22</sup>Agus thug Peadar gu aon taobh e is thòisich e ga chronachadh, ag ràdh, “Gun deigheadh tròcair a dhèanamh ort, a Thighearna! Cha tachair sin gu bràth dhutsa!”

<sup>23</sup>Ach thionndaidh e is thuir e ri Peadar, “Thalla gu mo chùlaibh, a Shàtain! Tha thu nad cheap-tuislidh dhomh. Oir chan eil thu a' smaoinichadh mu rudan Dhè, ach mu rudan dhaoine.”

<sup>24</sup>An uair sin thuir Ìosa ri dheisciobail, “Mas e toil neach sam bith tighinn às mo dhèidh-sa, àicheadh e e fhèin, is togadh e suas a chrann-ceusaidh agus leanadh e mise.

<sup>25</sup>Oir ge b' e cò leis am bu toigh l' a bheatha a shàbhaladh, caillidh e i, ach ge b' e cò a chailleas a bheatha air mo shon-sa, lorgaidh e i.

<sup>26</sup>Oir dè a' bhuannachd a th' ann do dhuine, ma chosnas e an saoghal gu lèir ach gun caill e a bheatha? No dè a bheir duine seachad an àite a bheatha?

<sup>27</sup>Oir tha Mac an Duine a' dol a thighinn ann an glòir Athar, le na h-ainglean aige, agus an uair sin bheir e air ais do gach neach a rèir na rinn e.

<sup>28</sup>Tha mise ag ràdh ribh gu firinneach gu bheil cuid dhiubhsan nan seasamh an seo nach blais bàs gus am faic iad Mac an Duine a' tighinn na rìoghachd fhèin.”

## **Mata 17**

### **An Cruth-Atharrachaidh**

<sup>1</sup>Agus às dèidh sia latha thug Ìosa leis Peadar is Seumas, is Eòin a bhràthair, agus threòraich e iad suas beinn àrd leatha fhèin.

<sup>2</sup>Agus chaidh a chruth-atharrachadh mun coinneamh, agus dheàraich aghaidh mar a' ghrian, agus dh'fhàs aodach deàlach, ro gheal.

<sup>3</sup>Agus, seall, chaidh Maois agus Eilias a nochdadh dhaibh, a' còmhradh ris.

<sup>4</sup>Thuir Peadar ri Ìosa, “A Thighearna, tha e math dhuinne a bhith an seo. Mas toigh leatsa, nì mi trì pàilleanan an seo – aon dhutsa agus aon do Mhaois agus aon do dh'Eilias.”

<sup>5</sup>Nuair a bha e fhathast a' bruidhinn, seall, chuir sgòth dheàlach sgàil orra, agus thuir guth às an sgòth riutha, “Is e seo mo Mhac gràdhaichte, leis a bheil mi fìor thoilichte; èistibh ris-san!”

<sup>6</sup>Nuair a chuala na deisciobail seo, thuit iad air an aghaidhean agus ghabh iad fìor eagal.

<sup>7</sup>Ach thàinig Ìosa agus bhean e dhaibh, is thuir e, “Èiribh, agus na biodh eagal oirbh.”

<sup>8</sup>Agus nuair a thog iad suas an sùilean, chan fhaca iad neach sam bith ach Ìosa a-mhàin.

<sup>9</sup>Agus fhad 's a bha iad a' tighinn a-nuas on bheinn, thug Ìosa àithne dhaibh: “Na innsibh mun t-sealladh do neach sam bith, gus am bi Mac an Duine air a thogail o na mairbh.”

<sup>10</sup>Agus dh'fhaighnich a dheisciobail dha, “Carson mar sin a tha na sgrìobhaichean ag ràdh gum feum Eliah tighinn an toiseach?”

<sup>11</sup>Fhreagair e, “Tha Eliah a' tighinn, agus aisgidh e a h-uile rud.

<sup>12</sup>Ach tha mise ag ràdh ribh gun tàinig Eliah mu thràth, agus cha do dh'aithnich iad e, ach rinn iad ris gach nì a thogair iad. Mar sin cuideachd fulaingidh Mac an Duine uapa.”

<sup>13</sup>An uair sin thuig na deisciobail gun robh e a' bruidhinn riutha mu Eòin Baistidh.

### **Leigheas Balaich aig an Robh Deamhan**

<sup>14</sup>Agus nuair a thàinig iad chun an t-sluaigh, thàinig duine suas gu Ìosa agus, a' tuiteam gu ghlùinean,

<sup>15</sup>thuirt e, “A Thighearna, dèan tròcair air mo mhac, oir tha an tinneas tuiteamach air, agus tha e a' fulang gu mòr. Oir gu tric tha e a' tuiteam dhan teine, agus gu tric dhan uisge.

<sup>16</sup>Thug mi gu do dheisciobail e, agus cha b' urrainn dhaibh a leigheas.”

<sup>17</sup>Agus fhreagair Ìosa, “O, a ghinealaich eas-creidmheich agus chlaoin, dè cho fada 's a bhios mi còmhla ribh? Dè cho fada 's a dh'fhuilingeas mi sibh? Thugaibh an seo thugamsa e.”

<sup>18</sup>Agus chronaich Ìosa an deamhan, agus thàinig e às, agus chaidh am balach a leigheas on àm sin a-mach.

<sup>19</sup>An uair sin thàinig na deisciobail gu Ìosa gu dìomhair agus thuirt iad, “Carson nach robh an comas againne a thilgeil a-mach?”

<sup>20</sup>Thuirt e riutha, “Air sgàth ur beag-creideimh. Oir gu fìrinneach tha mi ag ràdh ribh, ma bhios creideamh mar shìol de ghràinne mustaird agaibh, canaidh sibh ris a' bheinn seo, ‘Gluais à seo gu sin,’ agus gluaisidh i, agus cha bhi rud sam bith eu-comasach dhuibh.”

<sup>21</sup>Ach cha tèid an seòrsa seo a-mach ach tro ùrnaigh is tro thrasgadh.

### **Ìosa ag Innse Ro-Làimh mu Bhàs Fhèin an Dara h-Uair**

<sup>22</sup>Nuair a bha iad air cruinneachadh ann an Galile, thuirt Ìosa riutha, “Bidh Mac an Duine air a bhrath thairis do làmhan dhaoine;

<sup>23</sup>agus marbhaidh iad e, agus bidh e air a thogail suas air an treas latha.” Agus bha iadsan fìor bhrònach.

### **Cìs an Teampaill**

<sup>24</sup>Nuair a thàinig iad gu Capernàum, thàinig luchd-togail cìs an teampaill gu Peadar, agus thuirte iad ris, “Nach eil ur Fear-Teagaisg a' pàigheadh cìs an teampaill?”

<sup>25</sup>Thuirte esan, “Tha.” Agus nuair a thàinig Peadar a-steach dhan taigh, bhruidhinn Ìosa ris an toiseach, ag ràdh, “Dè do bharail-sa, a Shìmoin? Cò uaithe a tha rìghrean na talmhainn a' togail an càin no an cìse? An ann on cloinn fhèin, no o fheadhainn eile?”

<sup>26</sup>Agus nuair a thuirte e, “O fheadhainn eile,” thuirte Ìosa ris, “Mar sin tha a' chlann saor.

<sup>27</sup>A dh'aindeoin sin, airson 's nach toir sinn oilbheum dhaibh, thalla chun na mara is tilg dubhan innte, agus gabh a' chiad iasg a thig suas; is nuair a dh'fhosglas tu a bheul gheibh thu bonn airgid. Gabh sin is thoir dhaibh e air mo shon-sa agus air do shon fhèin.”

## **Mata 18**

### **An Neach as Motha ann an Rìoghachd Nèimh**

<sup>1</sup>Aig an àm sin thàinig na deisciobail gu Ìosa, ag ràdh, “Cò as motha ann an rìoghachd nèimh?”

<sup>2</sup>Agus a' gairm leanaibh thuige, chuir e nam meadhan e,

<sup>3</sup>agus thuirte e, “Gu fìrinneach tha mi ag ràdh ribh, mura tionndaidh sibh, agus mura fàs sibh coltach ri leanabanan, cha tèid sibh idir a-steach do rìoghachd nèimh.

<sup>4</sup>Mar sin, ge b' e a dh'ìslicheas e fhèin mar an leanaban seo, is e as motha ann an rìoghachd nèimh.

<sup>5</sup>Agus ge b' e a ghabhas aon leanabh dhen leithid seo nam ainm-sa, gabhaidh e mise.

### **Ag Adhbhrachadh Tuislidh**

<sup>6</sup>“Ach ge b' e cò a dh'adhbhraicheas do dh'aon dhen mhuinntir bhig seo a tha a' creidsinn annamsa gum peacaich iad, b' fheàrr dha gum biodh clach-mhuilinn mhòr air a ceangal ma amhaich, agus gum biodh e air a bhàthadh ann an doimhne na fairge.

<sup>7</sup>Is mairg dhan t-saoghal air sgàth cheapan-tuislidh! Oir feumaidh gun tig ceapan-tuislidh, ach is mairg dhan neach sin tron tig an ceap-tuislidh!

<sup>8</sup>Ma dh'adhbhraicheas do làmh no do chas gun tuislich thu, geàrr dhìot i, agus tilg uat i. Tha e nas fheàrr dhut a dhol a-steach dhan bheatha ciorramach no cuagach na dà làimh no dà chois a bhith agad, agus thu a bhith air do thilgeil dhan teine shìorraidh.

<sup>9</sup>Agus ma dh'adhbhraicheas do shùil gum peacaich thu, spìon asad i, agus tilg uat i. Is fheàrr dhut a dhol a-steach dhan bheatha le aon t-sùil na dà shùil a bhith agad, agus thu a bhith air do thilgeil ann an teine lfrinn.

### **Cosamhlachd na Caorach Chailte**

<sup>10</sup>“Thugaibh an aire nach dèan sibh tàir air aon dhen fheadhainn bhig seo. Oir tha mise ag ràdh ribh gu bheil an ainglean-san ann an nèamh an-còmhnaidh a' faicinn aghaidh m' Athar-sa a tha ann an nèamh.

<sup>11</sup>Oir thàinig mac an duine a shaoradh an nì sin a bha cailte.

<sup>12</sup>“Dè ur barail-se? Ma tha ceud caora aig duine, agus gu bheil aon dhiubh air a dhol air seachran, nach fàg e na naochad 's a naoi air na beanntan agus nach tèid e a lorg na tè a chaidh air seachran?

<sup>13</sup>Agus ma lorgas e i, gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh, tha e a' dèanamh barrachd gàirdeachais airson na tè sin na airson nan naochad 's a naoi, nach deach air seachran.

<sup>14</sup>Mar seo chan i toil ur n-Athar-se a th' air nèamh gun deigheadh aon neach dhen fheadhainn bhig seo a chall.

### **Bràthair a Pheacaicheas nad Aghaidh**

<sup>15</sup>“Ma pheacaicheas do bhràthair nad aghaidh, thalla agus innis a choire dha eadar thu fhèin 's e fhèin a-mhàin. Ma dh'èistean e riut, choisinn thu do bhràthair.

<sup>16</sup>Ach mura h-èist e riut, thoir leat aon no dithis eile, airson 's tro bheul dhithis no thriùir fhianaisean gum bi gach facal air a dhèanamh seasmhach.

<sup>17</sup>Ach ma dhiùltas e èisteachd riuthasan, innis dhan eaglais e. Agus ma dhiùltas e fiù 's èisteachd ris an eaglais, biodh e dhut mar Chinneach agus mar chis-mhaor.

<sup>18</sup>“Gu deimhinn, tha mi ag ràdh ribh, ge b' e na rudan a cheanglas sibhse air thalamh, bidh iad ceangailte air nèamh; agus ge b' e na rudan a dh'fhuaisglean sibhse air thalamh, bidh iad fuasgailte air nèamh.

<sup>19</sup>“A-rithist tha mi ag ràdh ribh, ma dh'aontaicheas dithis agaibh air thalamh mun a h-uile rud a dh'iarras iad, thèid a dhèanamh dhaibh lem Athair-sa a th' air nèamh.

<sup>20</sup>Oir far a bheil dithis no triùir air an cruinneachadh nam ainm-sa, an sin tha mise nam measg.”

### Cosamhlachd an t-Seirbheisich Mhi-Thròcairich

- 21**An uair sin thàinig Peadar thuige agus thuit e ris, “A Thighearna, dè cho tric 's a pheacaicheas mo bhràthair nam aghaidh, agus a bheir mi mathanas dha? Suas ri seachd uairean?”
- 22**Thuit Ìosa ris, “Chan eil mise ag ràdh suas ri seachd uairean riut, ach suas ri seachd air iomadachadh seachdad uair.
- 23**“Mar sin faodaidh rìoghachd nèimh a bhith air a coimeas ri rìgh a bha ag iarraidh cunntasan a chur an òrdugh le a sheirbheisich.
- 24**Agus nuair a thòisich e a' cur an òrdugh, chaidh neach-fiach a thoirt thuige a bha fo fhiachan deich mìle tàlann dha.
- 25**Agus air sgàth 's nach robh dad aige leis am pàigheadh e, dh'àithn a thighearna gum biodh e air a reic, còmhla ri bhean 's a chlann 's a h-uile sìon a bh' aige, agus gum biodh pàigheadh air a dhèanamh.
- 26**“Mar sin, thuit an seirbheiseach sìos, a' guidhe air, ‘Bi foighidneach leam, agus pàighidh mi a h-uile sìon dhut.’
- 27**Agus a' gabhail truas, shaor tighearna an t-seirbheisich e agus mhath e na fiachan dha.
- 28**“Ach nuair a chaidh an seirbheiseach sin fhèin a-mach, fhuair e aon dhe a cho-sheirbheisich a bh' ann am fiachan ceud denarius dha, agus ga ghlacadh, thòisich e ri thachdadh, ag ràdh, ‘Pàigh air ais d' fhiachan!’
- 29**“Mar sin thuit a cho-sheirbheiseach sìos agus ghuidh e air, ‘Bi foighidneach leam, agus pàighidh mi air ais thu.’
- 30**“Ach cha robh e deònach agus dh'fhalbh e is thilg e ann am prìosan e gus am pàigheadh e na fiachan.
- 31**Nuair a chunnaic a cho-sheirbheisich dè a bh' air tachairt, bha iad fìor bhrònach, agus chaidh iad agus dh'innis iad dhan tighearna aca a h-uile rud a bh' air tachairt.
- 32**“An uair sin ghairm a thighearna air agus thuit e ris, “A sheirbheisich uilc! Mhath mi d' fhiachan uile dhut, air sgàth 's gun do ghuidh thu orm.
- 33**Nach bu chòir dhutsa cuideachd a bhith air tròcair a dhèanamh air do cho-sheirbheiseach, mar a rinn mise tròcair ortsa?”
- 34**Agus na fheirg thug a thighearna dhan luchd-cràidh e gus am pàigheadh e na fiachan aige gu lèir.
- 35**“Agus mar sin cuideachd nì m' Athair nèamhaidh ri gach aon agaibhse, mura math sibh ur bràthair o ur cridheachan.”

## Mata 19

### Dealachadh-Pòsaidh

<sup>1</sup>A-nis nuair a bha Ìosa air na faclan sin a chrìochnachadh, chaidh e air falbh o Ghalile, agus thàinig e gu ceàrnaidhean Iudèa, thar Iòrdan.

<sup>2</sup>Agus lean sluagh mòr e, agus shlànaich e iad an sin.

<sup>3</sup>Agus thàinig Pharasaich thuige ga dhearbhadh, agus ag ràdh ris, “A bheil e laghail do dhuine a bhean a chur uaithe air adhbhar sam bith?”

<sup>4</sup>Fhreagair e, “Nach do leugh sibh, an t-Aon a chruthaich iad anns an toiseach, ‘rinn e fireann agus boireann iad’

<sup>5</sup>agus thuirt e, ‘Air an adhbhar seo fàgaidh duine athair agus a mhàthair, agus aonaidh e ri bhean, agus bidh an dithis nan aon fheòil?’

<sup>6</sup>Mar sin chan eil iad tuilleadh nan dithis, ach nan aon fheòil. Mar sin, na chuir Dia còmhla, na sgaradh duine.”

<sup>7</sup>Thuirt iad ris, “Carson, mar sin, a dh’àithn Maois teisteanas-dealachaidh a thoirt dhi, agus a cur air falbh?”

<sup>8</sup>Thuirt esan riutha, “Air sgàth cruas ur cridhe cheadaich Maois dhuibh ur mnathan a chur air falbh uaibh, ach cha robh e mar sin on toiseach.

<sup>9</sup>Agus tha mise ag ràdh ribh, ge b' e a chuireas uaithe a bhean, ach airson strìopachais, agus a phòsas bean eile, tha e a' dèanamh adhaltranas.”

<sup>10</sup>Thuirt a dheisciobail ris, “Ma tha a' chùis mar sin eadar fear is a bhean, tha e nas fheàrr gun phòsadh.”

<sup>11</sup>Ach thuirt esan riutha, “Chan e a h-uile neach as urrainn gabhail ris an fhacal seo, ach iadsan dhan tugadh e.

<sup>12</sup>Oir tha cailteanaich ann a rugadh mar sin o bhroinn am màthar, agus tha cailteanaich ann a chaidh a dhèanamh nan cailteanaich le daoine, agus tha cailteanaich ann a rinn iad fhèin nan cailteanaich air sgàth rìoghachd nèimh. An neach as urrainn seo a ghabhail, gabhadh e e.”

### Clann Bheaga agus Ìosa

<sup>13</sup>An uair sin chaidh leanabanan a thoirt thuige airson 's gun cuireadh e a làmhan orra, agus gun dèanadh e ùrnaigh; ach chrònaich na deisciobail iad.

<sup>14</sup>Ach thuirt Ìosa, “Leigibh le na leanabanan, agus na cuiribh bacadh orra on a bhith a' tighinn thugam, oir is ann dhen leithidean sin a tha rìoghachd nèimh.”

<sup>15</sup>Agus às dèidh dha a làmhan a chur orra, chaidh e às a sin.

### Am Fear Òg Beairteach

**16**Agus, seall, thàinig duine suas thuige ag ràdh, “Fhir-Teagaisg, dè an rud math a nì mi airson 's gum faigh mi a' bheatha shìorraidh?”

**17**Agus thuir esan ris, “Carson a tha thu a' faighneachd dhòmhsa mu na tha math? Chan eil ann ach an t-Aon a tha math. Mas e do thoil a dhol a-steach dhan bheatha, cùm na h-àitheantan.”

**18**Thuir esan, “Dè an fheadhainn?” Agus thuir Ìosa, “Na dèan murt, na dèan adhaltranas, na dèan goid, na toir fianais-bhrèige,

**19**thoir urram dhad athair agus dhad mhàthair, agus gràdhaich do choimhearsnach mar thu fhèin.”

**20**Thuir an duine òg ris, “Iad sin uile chùm mi. Dè a tha fhathast a dhith orm?”

**21**Thuir Ìosa ris, “Mas e do thoil a bhith coileanta, thalla, reic na th' agad agus thoir dha na bochdan, agus bidh ionmhas agad air nèamh; agus trobhad 's lean mise.”

**22**Ach nuair a chuala an duine òg am facal sin, dh'fhalbh e gu brònach, oir bha mòran saidhbheis aige.

**23**Agus thuir Ìosa ri a dheisciobail, “Gu firinneach tha mi ag ràdh ribh, tha e doirbh do dhuine saidhbhir a dhol a-steach do rìoghachd nèimh.

**24**A-rithist tha mi ag ràdh ribh, tha e nas fhasa do chàmhail a dhol tro chrò snàthaid na do dhuine beairteach a dhol a-steach do rìoghachd Dhè.”

**25**Nuair a chuala a dheisciobail seo, ghabh iad iongnadh mòr, ag ràdh, “Cò mar sin as urrainn a bhith air a shàbhaladh?”

**26**Ach sheall Ìosa orra agus thuir e, “Do dhaoine tha seo eu-comasach, ach do Dhia tha a h-uile sìon comasach.”

**27**An uair sin fhreagair Peadar, “Seall, dh'fhàg sinne a h-uile rud agus lean sinn thusa! Dè mar sin a bhios ann dhuinne?”

**28**Thuir Ìosa riutha, “Gu deimhinn, tha mi ag ràdh ribh, sibhse a lean mise, anns an linn nuadh, nuair a shuidheas Mac an Duine air a chathair ghlòrmhor fhèin, suidhidh sibhse cuideachd air dà chathair dheug, a' toirt breith air dà threubh dheug Israeil.

**29**Agus a h-uile neach a dh'fhàg taighean no bràithrean no peathraichean no athair no màthair no clann no achaidhean air sgàth m' ainme-sa, gheibh e a cheud uiread agus sealbhaichidh e a' bheatha shìorraidh.

**30**Ach bidh mòran a th' air thoiseach air dheireadh, agus air dheireadh a bhios air thoiseach.”

## Mata 20

### Cosamhlachd an Luchd-Obrach san Fhìon-Lios

- <sup>1</sup>“Oir tha rìoghachd nèimh coltach ri maighstir-taighe a chaidh a-mach tràth sa mhadainn airson luchd-obrach fhastadh dhan fhìon-lios aige.
- <sup>2</sup>Agus às dèidh dha denarius san latha aontachadh leis an luchd-obrach, chuir e dha fhìon-lios iad.
- <sup>3</sup>“Agus a' dol a-mach mu naoi uairean sa mhadainn chunnaic e feadhainn eile nan seasamh dìomhain san ionad-mhargaidh.
- <sup>4</sup>Agus riuthasan thuirt e, ‘Thallaibh-se cuideachd dhan fhìon-lios agus ge b' e a bhios ceart bheir mi dhuibh e.’
- <sup>5</sup>Mar sin dh'fhalbh iad. “A' dol a-mach a-rithist mu mheadhan-latha agus mu thrì uairean feasgar, rinn e an aon rud.
- <sup>6</sup>Agus mu chòig uairean feasgar, chaidh e a-mach agus lorg e feadhainn eile nan seasamh. Agus thuirt e riutha, ‘Carson a tha sibh nur seasamh an seo fad an latha gu dìomhain?’
- <sup>7</sup>“Thuirt iadsan ris, ‘A chionn 's nach do rinn duine sam bith fastadh oirnn.’ “Thuirt esan riutha, ‘Thallaibh-se cuideachd dhan fhìon-lios.’
- <sup>8</sup>“Agus nuair a thàinig am feasgar, thuirt maighstir an fhìon-lios ris an stiùbhard aige, ‘Gairm an luchd-obrach, agus pàigh dhaibh an tuarastal, a' tòiseachadh leis an fheadhainn mu dheireadh gus a' chiad fheadhainn.’
- <sup>9</sup>“Agus nuair a thàinig an fheadhainn a chaidh fhastadh mu chòig uairean feasgar, fhuair gach fear dhiubh denarius.
- <sup>10</sup>Ach nuair a thàinig a' chiad fheadhainn, shaoil iadsan gum faigheadh iad na bu mhotha, ach fhuair gach aon dhiubh denarius cuideachd.
- <sup>11</sup>Ach nuair a fhuair iad e, rinn iad gearan an aghaidh a' mhaighstir-taighe,
- <sup>12</sup>ag ràdh, ‘An fheadhainn mu dheireadh seo, dh'obraich iad aon uair a thìde, agus rinn thusa iad co-ionann rinne a ghiùlain eallach an latha agus an teas loisgeach.’
- <sup>13</sup>“Ach fhreagair e aon dhiubh ag ràdh, ‘A charaid, chan eil mi a' dèanamh eucoir ort. Nach do rinn thu aonta leum airson denarius?’
- <sup>14</sup>Tog na tha leat fhèin agus thalla. Is i mo thoil-sa gun toirinn dhan fhear seo a thàinig mu dheireadh mar a thug mi dhutsa.
- <sup>15</sup>Nach eil e ceadaichte dhòmhsa dèanamh lem chuid fhèin mar as miann leam? No a bheil do shùil-sa farmadach a chionn 's gu bheil mise fialaidh?’
- <sup>16</sup>“Mar sin bidh iadsan a th' air dheireadh air thoiseach, agus iadsan a th' air thoiseach air dheireadh.”

### Ìosa a' Dèanamh Ro-Innse ma Bhàs Fhèin an Treas Uair



<sup>17</sup>Agus fhad 's a bha Ìosa a' dol suas gu Ierusalem, thug e an dà dheisciobal dheug gu aon taobh, agus air an t-slighe thuir e riutha,

<sup>18</sup>“Seall, tha sinn a' dol suas gu Ierusalem, agus bidh Mac an Duine air a thoirt thairis dha na h-àrd-shagartan agus dha na sgrìobhaichean, agus dìtidh iad gu bàs e

<sup>19</sup>agus bheir iad thairis dha na Cinnich e airson magadh air, a sgiùrsadh agus a cheusadh. Agus air an treas latha bidh e air a thogail suas!”

### Iarrtas Màthar

<sup>20</sup>An uair sin thàinig màthair clann Shebede thuige còmhla ri a mic, agus a' dèanamh ùmhlachd ma choinneamh dh'iarr i rudeigin uaithe.

<sup>21</sup>Agus thuir e rithe, “Dè a tha thu ag iarraidh?” Thuir i ris, “Can gun suidh an dithis mhac seo agamsa, aon air do làimh dheis agus aon air do làimh chli, nad rìoghachd.”

<sup>22</sup>Ach fhreagair Ìosa, “Chan eil fhios agaibh dè a tha sibh ag iarraidh. A bheil sibh comasach air an cupa òl a dh'òlas mise?” Thuir iadsan ris, “Tha sinn an comas.”

<sup>23</sup>Thuir esan riutha, “Òlaidh sibh mo chupa-sa, ach a bhith a' suidhe air mo làimh dheis agus chli, cha leamsa sin airson a bhuileachadh, ach tha sin dhaibhsan dham bheil e air ullachadh lem Athair.”

<sup>24</sup>Agus nuair a chuala an deichnear seo, bha iad diombach ris an dithis bhràithrean.

<sup>25</sup>Ach ghairm Ìosa thuige iad, agus thuir e, “Is aithne dhuibh gu bheil àrd-thighearnas aig riaghladairean nan Cinneach thairis orra, agus gu bheil na daoine mòra aca a' cur ùghdarras an gnìomh thairis orra.

<sup>26</sup>“Cha bhi e mar sin nur measg-se. Ach ge b' e cò lem bu toigh l' a bhith mòr nur measg-se, biodh e na sheirbheiseach agaibh,

<sup>27</sup>agus ge b' e cò agaibh lem bu toigh l' a bhith air thoiseach, biodh e na sheirbheiseach dhuibh,

<sup>28</sup>dìreach san dòigh anns nach tàinig Mac an Duine airson 's gun deigheadh frithealadh a dhèanamh dha, ach a dhèanamh frithealaidh, agus airson a bheatha fhèin a thoirt mar èirig airson mhòran.”

### Dithis Dhall a' Faighinn Fradhairc

<sup>29</sup>Agus fhad 's a bha iad a' fàgail Iericho, lean sluagh mòr e.

<sup>30</sup>Agus, seall, bha dithis dhaoine a bha dall nan suidhe ri taobh an rathaid, agus nuair a chuala iad gu robh Ìosa a' dol seachad dh'èigh iad, “Dèan tròcair oirnne, a Thighearna, a Mhic Dhaibhidh.”

<sup>31</sup>Chronaich an sluagh iad, ag ràdh riutha a bhith sàmhach, ach b' ann na bu mhotha a dh'èigh iadsan, “Dèan tròcair oirnn, a Thighearna, a Mhic Dhaibhidh.”

<sup>32</sup>Stad Ìosa agus dh'èigh e orra is thuir e, “Dè a bu toigh leibh a dhèanainn-sa dhuibh?”

<sup>33</sup>Thuir iadsan ris, “A Thighearna, ar sùilean a bhith air am fosgladh.”

<sup>34</sup>Ghabh Ìosa truas riutha, agus bhean e dha na sùilean aca, agus sa bhad fhuair iad am fradharc air ais, agus lean iad e.

## **Mata 21**

### **An Dol-a-Steach Buadmhor**

<sup>1</sup>A-nis nuair a thàinig iad faisg air Ierusalem agus a thàinig iad gu Betphage, gu Beinn nan Crann-Ola, chuir Ìosa air falbh dithis dheisciobal,

<sup>2</sup>ag ràdh riutha, “Thallaibh a-steach dhan bhaile a tha mur coinneamh, agus sa bhad gheibh sibh asal ceangailte, agus searrach còmhlà rithe. Fuasglaibh iad, agus thugaibh thugamsa iad.

<sup>3</sup>Ma chanas neach sam bith rud sam bith ribh, canaibh, ‘Tha feum aig an Tighearna orra agus cuiridh e air ais sa bhad iad.’”

<sup>4</sup>Thachair seo airson 's gun coileante an rud a chaidh a ràdh tron fhàidh:

<sup>5</sup>“Canaibh ri nighean Shioin, ‘Seall, tha do rìgh a' tighinn thugad, iriosal, agus na shuidhe air asal, agus air searrach, loth asail.’”

<sup>6</sup>Chaidh na deisciobail agus rinn iad dìreach mar a dh'àithn Ìosa dhaibh.

<sup>7</sup>Thug iad an t-asal agus an searrach thuige, agus chuir iad an cuid aodaich uachdair orra, agus shuidh esan orrasan.

<sup>8</sup>Sgaoil a' mhòr-chuid dhen t-sluagh an aodach-uachdair air an rathad, agus gheàrr feadhainn eile geugan far nan craobh, agus sgaoil iad air an rathad iad.

<sup>9</sup>Agus bha an sluagh a chaidh air thoiseach air agus a lean e ag èigheach: “Hosanna do Mhac Dhaibhidh! ‘Is beannaichte esan a tha a' tighinn ann an ainm an Tighearna!’ Hosanna anns na h-àrdan!”

<sup>10</sup>Agus nuair a chaidh e a-steach do dh'Ierusalem, chaidh am baile uile air bhoil ag ràdh, “Cò tha seo?”

<sup>11</sup>Agus thuir an sluagh, “Is e seo Ìosa am fàidh o Nàsaret Ghalile.”

### **Ìosa aig an Teampall**

<sup>12</sup>Agus chaidh Ìosa a-steach dhan teampall, agus thilg e a-mach iadsan uile a bha a' reic 's a' ceannach san teampall, agus chuir e car de bhùird luchd-malairt an airgid is cathraichean luchd-reic nan calman.

<sup>13</sup>Agus thuirte e riutha, “Tha e sgrìobhte, ‘Thèid taigh-ùrnaigh a ghabhail air mo thaigh-sa, ach tha sibhse a' dèanamh uamh mhèirleach dheth.’”

<sup>14</sup>Agus thàinig na doill is na bacaich thuige san teampall, agus shlànaich e iad.

<sup>15</sup>Ach nuair a chunnaic na h-àrd-shagartan agus na sgrìobhaichean na rudan iongantach a rinn e, agus a' chlann ag èigheach a-mach san teampall ag ràdh, “Hosanna do Mhac Dhaibhidh!” bha iad feargach.

<sup>16</sup>Agus thuirte iad ris, “A bheil thu a' cluinntinn dè a tha iad sin ag ràdh?” Agus thuirte Ìosa riutha, “Tha. Nach do leugh sibhse riamh: ‘A-mach à beul naoidhean agus chìochran dh'ullaich thu moladh?’”

<sup>17</sup>Agus gam fàgail, chaidh e a-mach às a' bhaile gu Betani, agus chuir e seachad an oidhche an sin.

### **A' Chraobh-Fhìge Sheargte**

<sup>18</sup>Anns a' mhadainn, fhad 's a bha e a' tilleadh dhan bhaile, bha Ìosa acrach.

<sup>19</sup>Agus a' faicinn craobh-fhìge ri taobh an rathaid, chaidh e thuice agus cha d' fhuair e rud sam bith oirre, ach duilleach a-mhàin. Agus thuirte e rithe, “Na leigeadh gum fàsadh toradh gu bràth tuilleadh ort!” Agus sa bhad chrìon a' chraobh-fhìge às.

<sup>20</sup>Nuair a chunnaic na deisciobail e, ghabh iad iongnadh, ag ràdh, “Ciamar a chrìon a' chraobh-fhìge sa bhad?”

<sup>21</sup>Ach fhreagair Ìosa iad, “Gu deimhinn, tha mi ag ràdh ribh, ma bhios creideamh agaibh agus nach bi sibh fo amharas-cridhe, chan e a-mhàin gun dèan sibh na chaidh a dhèanamh air a' chraobh-fhìge, ach fiù 's ma chanas sibh ris a' bheinn seo, ‘Bidh air do thogail agus air do thilgeil dhan mhuir,’ tachraidh e.

<sup>22</sup>Agus ge b' e dè na rudan a dh'iarras sibh ann an ùrnaigh, ma chreideas sibh, gheibh sibh iad.”

### **Ùghdarras Ìosa air a Cheasnachadh**

<sup>23</sup>Agus nuair a chaidh Ìosa a-steach dhan teampall, thàinig na h-àrd-shagartan agus èildearan an t-sluaigh thuige fhad 's a bha e a' teagasg, ag ràdh, “Dè an t-ùghdarras a th' agad airson na rudan seo a dhèanamh? Agus cò a thug dhut an t-ùghdarras seo?”

**24**Fhreagair Ìosa iad, “Faighnichidh mise cuideachd aon cheist dhuibhse, agus ma fhreagras sibh mise, innsidh mi cuideachd dhuibhse dè an t-ùghdarras a th' agamsa airson na rudan seo a dhèanamh.

**25**An ann o nèamh no o dhaoine a bha baisteadh Eòin?” Agus rinn iad deasbad nam measg fhèin, ag ràdh, “Ma chanas sinne, ‘O nèamh,’ canaidh esan rinn, ‘Carson ma-thà nach do chreid sibh e?’

**26**Ach ma chanas sinn, ‘O dhaoine,’ tha eagal an t-sluaigh oirnn, oir tha iad uile a' meas gum b' e fàidh a bh' ann an Eòin.”

**27**Mar sin fhreagair iad Ìosa, “Chan eil fios againn.” Agus thuirt esan riutha, “Cha mhotha a dh'innseas mise dhuibhse dè an t-ùghdarras a th' agamsa airson na rudan seo a dhèanamh.”

### **Cosamhlachd an Dithis Mhac**

**28**“Dè ur beachd-se? Bha dithis mhac aig duine, agus thàinig e chun a' chiad mhac, agus thuirt e, ‘A mhic, thalla, dèan obair an-diugh san fhìon-lios.’

**29**“Agus fhreagair esan, ‘Cha dèan,’ ach às dèidh sin, ghabh e aithreachas agus dh'fhalbh e.

**30**“Agus chaidh e chun a' mhac eile, agus thuirt e an aon rud. “Agus fhreagair esan, ‘Thèid, a thighearna,’ ach a dh'aindeoin sin, cha do dh'fhalbh e.

**31**“Cò dhen dithis a rinn toil athar?” Thuirt iadsan, “A' chiad fhear.” Thuirt Ìosa riutha, “Gu firinneach, tha mise ag ràdh ribh, tha na cìs-mhaoir agus na siùrsaichean a' dol a-steach do rìoghachd Dhè romhaibhse.

**32**Oir thàinig Eòin thugaibh air slighe na fireantachd agus cha do chreid sibh e, ach chreid na cìs-mhaoir agus na siùrsaichean e. Agus fiù 's às dèidh dhuibh fhaicinn, cha do rinn sibh aithreachas, airson 's gun creideadh sibh e.

### **Cosamhlachd nan Droch Thuathanach**

**33**“Èistibh ri cosamhlachd eile. Bha maighstir-taighe ann, a chuir fìon-lios, agus chuir e balla timcheall air agus chladhaich e amar-fìona, agus thog e tùr; agus thug e air mhàl do thuathanaich e agus dh'fhàg e an dùthaich.

**34**Nuair a thàinig àm an fhogharaidh, chuir e a sheirbheisich gu na tuathanaich airson an toradh aige fhaighinn.

**35**“Agus rug na tuathanaich air a sheirbheisich agus dhochainn iad fear dhiubh, mharbh iad fear eile, agus chlach iad fear eile.

**36**A-rithist, chuir e seirbheisich eile a-mach, barrachd air a' chiad chuideachd, agus rinn iad an aon rud riuthasan.

<sup>37</sup>Ach mu dheireadh chuir e a mhac thuca, ag ràdh, ‘Bheir iad urram dham mhac.’

<sup>38</sup>“Ach nuair a chunnaic na tuathanaich am mac, thuirt iad ri chèile, ‘Is e seo an t-oighre. Thigibh, marbhamaid e, agus faigheamaid an oighreachd aige.’

<sup>39</sup>Agus rug iad air, agus thilg iad a-mach às an fhìon-lios e, agus mharbh iad e.

<sup>40</sup>“Mar sin, nuair a thig am fear leis a bheil am fìon-lios, dè a nì e ris na tuathanaich sin?”

<sup>41</sup>Thuirt iad ris, “Bheir e na trustairean sin gu droch chrìoch agus bheir e am fìon-lios air mhàl do thuathanaich eile a bheir dha an toradh na àm fhèin.”

<sup>42</sup>Thuirt Ìosa riutha, “Nach do leugh sibh riamh anns na Sgrìobtaran: “A’ chlach a dhiùlt na clachairean, chaidh ceann an oisein a dhèanamh dhith; chaidh seo a dhèanamh leis an Tighearna, agus is iongantach e nar sùilean-ne’?”

<sup>43</sup>“Mar sin, tha mi ag ràdh ribh gun tèid rìoghachd Dhè a thoirt uaibhse, agus gun tèid a toirt do shluagh a bheir a-mach a toradh.

<sup>44</sup>Agus ge b' e a thuiteas air a' chloich seo, thèid a bhriseadh na phìosan beaga; ach ge b' e cò air an tuit i, pronnaidh i e.”

<sup>45</sup>Nuair a chuala na h-àrd-shagartan agus na Pharasaich a chosamhlachdan, thuig iad gun robh e a' bruidhinn mun deidhinn fhèin.

<sup>46</sup>Agus bha iad a' sireadh cothrom a chur an greim ach bha eagal an t-sluaigh orra, oir bha iadsan a' meas gum b' e fàidh a bh' ann.

## **Mata 22**

### **Cosamhlachd Bangaid na Bannse**

<sup>1</sup>Agus bhruidhinn Ìosa riutha a-rithist ann an cosamhlachdan, ag ràdh,

<sup>2</sup>“Faodaidh rìoghachd nèimh a bhith air a samhlachadh ri rìgh a rinn fèist-bannse dha mhac.

<sup>3</sup>Agus chuir e a sheirbheisich a ghairm air an fheadhainn a fhuair cuireadh gu fèist na bannse. Ach cha robh iad deònach tighinn.

<sup>4</sup>“A-rithist, chuir e a-mach seirbheisich eile, ag ràdh, ‘Canaibh-se riuthasan a fhuair cuireadh, “Seall, dheasaich mi mo dhinnear, chaidh mo dhaimh is mo chrodh bhiadhte am marbhadh, agus tha a h-uile sìon deiseil. Thigibh chun na bannse.”’

<sup>5</sup>“Ach cha do ghabh iad feairt dha agus rinn iad às, fear dhiubh chun an achaidh aige, agus fear eile chun na h-obrach mhalairt aige,

<sup>6</sup>agus rug an còrr dhiubh air a sheirbheisich, agus làimhsich iad gu maslach iad agus mharbh iad iad.

<sup>7</sup>Ach ghabh an rìgh an fhearg, agus chuir e na h-armailtean aige a-mach agus sgrios e na murtairean sin, agus loisg e am baile aca.

<sup>8</sup>“An uair sin thuir e ri a sheirbheisich, ‘Tha a’ bhanais ullaichte, ach chan eil an fheadhainn a fhuair cuireadh airidh.

<sup>9</sup>Thallaibh, ma-thà, gu na prìomh rathaidean, agus na h-uimhir 's a lorgas sibh, thoiribh cuireadh dhaibh chun na bainnse.’

<sup>10</sup>Agus chaidh na seirbheisich sin a-mach air na rathaidean agus chruinnich iad a h-uile neach a lorg iad, an dà chuid olc is math, agus chaidh talla na bainnse a lìonadh le aoighean.

<sup>11</sup>“Ach nuair a thàinig an rìgh a-steach a dh'fhaicinn nan aoighean, chunnaic e an sin duine air nach robh aodach bainnse.

<sup>12</sup>Agus thuir e ris, ‘A charaid, ciamar a fhuair thusa a-steach an seo, gun aodach bainnse ort?’ Agus bha an duine sàmhach.

<sup>13</sup>An uair sin thuir an rìgh ri na seirbheisich, ‘Ceanglaibh e làmh is cas agus tilgibh dhan dorchadas às fhaide a-muigh e; san àite sin bidh caoineadh is giosgan fhiacal.’

<sup>14</sup>“Oir tha mòran air an gairm, ach beagan air an taghadh.”

#### **A' Pàigheadh Chìsean do Chèasar**

<sup>15</sup>An uair sin dh'fhalbh na Pharasaich agus ghabh iad comhairle còmhla a thaobh ciamar a dh'fhaodadh iad esan a ghlacadh na chainnt.

<sup>16</sup>Agus chuir iad an deisciobail thuige, cuide ri na Heròdianaich, ag ràdh, “Fhir-Teagaisg, tha fios againn gu bheil thusa firinneach, agus gu bheil thu a' teagasg slighe Dhè ann am firinn, agus nach eil dragh ort mu bheachd neach sam bith, oir chan eil thu a' gabhail suim de choltas dhaoine.

<sup>17</sup>Innis dhuinn, ma-thà, dè do bheachd? A bheil e laghail cìs a thoirt do Chèasar no nach eil?”

<sup>18</sup>Ach, mothachail air am mì-rùn, thuir Ìosa, “Carson a tha sibh gam bhuaireadh, a chealgairean?

<sup>19</sup>Seallaibh dhòmhsa bonn na cìse.” Agus thug iad bonn airgid thuige.

<sup>20</sup>Agus thuir Ìosa riutha, “Cò leis a tha an coltas agus an sgrìobhadh seo?”

<sup>21</sup>Thuir iadsan ris, “Le Cèasar.” An uair sin thuir esan riutha, “Mar sin, thugaibh do Chèasar na rudan a tha le Cèasar, agus do Dhia na rudan a tha le Dia.”

<sup>22</sup>Agus nuair a chuala iad seo, ghabh iad iongnadh. Agus dh'fhàg iad e, agus dh'fhalbh iad.

### **Pòsadh san Aiseirigh**

<sup>23</sup>Air an latha sin fhèin thàinig Sadusaich thuige, a chanas nach eil aiseirigh ann, agus cheasnaich iad e,

<sup>24</sup>ag ràdh, “Fhir-Teagaisg, thuirt Maois, ‘Ma chaochaileas duine gun chlann aige, feumaidh a bhràthair-san a' bhean a phòsadh agus sliochd a thogail dha bhràthair.’

<sup>25</sup>A-nis bha seachdnar bhràithrean nar measg-ne. Phòs a' chiad fhear agus chaochail e, agus a chionn 's nach robh sliochd aige, dh'fhàg e a bhean dha bhràthair.

<sup>26</sup>Mar sin cuideachd an dara 's an treas, gu ruig an seachdamh fear.

<sup>27</sup>Agus mu dheireadh chaochail a' bhean.

<sup>28</sup>Anns an aiseirigh, ma-thà, cò dhen t-seachdnar leis am bi i mar bhean? Oir bha i aca uile?”

<sup>29</sup>Ach fhreagair Ìosa iad, “Tha sibh ceàrr, a chionn 's nach aithne dhuibh na Sgriobtaran no cumhachd Dhè.

<sup>30</sup>Oir san aiseirigh cha phòs iad, 's cha mhotha a thèid an toirt ann am pòsadh, ach tha iad mar ainglean air nèamh.

<sup>31</sup>Ach a-thaobh aiseirigh nam marbh, nach do leugh sibh an rud sin a chaidh a ràdh ribh le Dia,

<sup>32</sup>‘Is mise Dia Abrahàim, agus Dia Ìsaic, agus Dia Iàcoib.’ Chan esan Dia nam marbh, ach nam beò.”

<sup>33</sup>Agus nuair a chuala an sluagh seo, ghabh iad iongnadh ma theagasg-san.

### **An Àithne as Motha**

<sup>34</sup>Ach nuair a chuala na Pharasaich gun robh Ìosa air na Sadusaich a chur nan tost, chruinnich iad còmhla.

<sup>35</sup>Agus chuir aon dhiubh, fear-lagha, ceist air airson a dhearbhadh:

<sup>36</sup>“Fhir-Teagaisg, cò i an àithne as motha san lagh?”

<sup>37</sup>Thuirt e ris, “Gràdhaichidh tu an Tighearna do Dhia led uile chridhe, agus led uile anam agus led uile inntinn.’

<sup>38</sup>Is i seo an àithne as motha agus am prìomh thè.

<sup>39</sup>Agus tha an dara tè coltach rithe seo: ‘Gràdhaichidh tu do choimhearsnach mar thu fhèin.’

<sup>40</sup>Air an dà àithne seo tha an Lagh gu lèir agus na Fàidhean a' crochadh.”

### **Cò dha a Tha Crìosd na Mhac?**

<sup>41</sup>A-nis fhad 's a bha na Pharasaich air an cruinneachadh còmhla, dh'fhaighnich Ìosa ceist dhaibh,

<sup>42</sup>ag ràdh, “Dè ur beachd-se mu Chrìosd? Cò dha a tha e na mhac?” Thuirt iadsan, “Do Dhaibhidh.”

<sup>43</sup>Thuirt esan riutha, “Ciamar mar sin a ghabhas Daibhidh, san spiorad, ‘a Thighearna’ air? Ag ràdh:

<sup>44</sup>“Thuirt an Tighearna rim Thighearna: “Suidh aig mo dheas-làimh gus an cuir mi do nàimhdean fod chasan.””

<sup>45</sup>“Ma ghabhas Daibhidh, mar sin, a Thighearna air, ciamar a tha e na mhac dha?”

<sup>46</sup>Agus cha robh neach sam bith an comas facal freagairt a thoirt dha; cha mhotha a bu dùraig do neach sam bith, on latha sin suas, an còrr cheistean fhaighneachd dha.

## **Mata 23**

### **Rabhadh an Aghaidh Ceilg**

<sup>1</sup>An uair sin thuirt Ìosa ris an t-sluagh agus ri a dheisciobail,

<sup>2</sup>“Tha na sgrìobhaichean agus na Pharasaich nan suidhe air cathair Mhaois.

<sup>3</sup>Air an adhbhar sin, a h-uile rud a dh'iarras iad oirbh, dèanaibh agus cumaibh, ach na dèanaibh mar a nì iadsan, oir canaidh iad, ach cha dèan iad.

<sup>4</sup>Ceanglaidh iad eallaichean troma agus cuiridh iad air guailnean dhaoine iad, ach chan eil iad fhèin deònach an gluasad len corraig.

<sup>5</sup>“Ach tha iad a' dèanamh an obraichean gu lèir airson a bhith air am faicinn le daoine. Oir nì iad na philactaraidhean aca leathann agus iomallan an aodaich mòr.

<sup>6</sup>Is gràdh leotha an t-àite urramach aig na cuirmean agus na prìomh chathraichean sna sionagogan,

<sup>7</sup>agus fàilte fhaighinn anns na margaidhean agus ‘Rabaidh’ a bhith air a ghabhail orra le daoine.

<sup>8</sup>“Ach na biodh ‘Rabaidh’ air a ghabhail oirbhse, oir tha aon fhear-teagaisg agaibh, agus is e bràithrean a th' annaibh uile.



<sup>9</sup>Agus na gabhaibh ur n-athair air duine sam bith air thalamh, oir tha aon athair agaibh, a th' air nèamh.

<sup>10</sup>Cha mhotha a thèid 'tidsear' a' ghabhail oirbh, oir tha aon tidsear agaibh, an Crìosd.

<sup>11</sup>Bidh an neach as motha nur measg na sheirbheiseach dhuibh.

<sup>12</sup>Ge b' e cò a dh'àrdaicheas e fhèin, thèid ìsleachadh, agus ge b' e cò a dh'ìslicheas e fhèin, thèid àrdachadh.

### Seachd Truighean

<sup>13</sup>“Nach truagh dhuibhse, a sgrìobhaichean agus Pharasacha, a bhreug-chràbhaichean! Oir tha sibh a' dùnadh rìoghachd nèimh ann an aghaidhean dhaoine. Oir cha tèid sibh fhèin a-steach, agus cha leig sibh leis an fheadhainn a tha a' dol a-steach a dhol ann.

<sup>14</sup>“Nach truagh dhuibhse, a sgrìobhaichean agus Pharasacha, a bhreug-chràbhaichean! Oir tha sibh ag ithe suas taighean bhantrach, agus airson a bhith a' leigeil oirbh nì sibh ùrnaighean fhada. Mar sin gheibh sibh an dìteadh as motha.

<sup>15</sup>“Nach truagh dhuibhse, a sgrìobhaichean agus Pharasacha, a bhreug-chràbhaichean! Oir siubhlaidh sibh thar muir is tìr airson aon iompaiche a dhèanamh, agus nuair a thachras sin, nì sibh a dhà uimhir de mhac Ifrinn dheth 's a th' annaibh fhèin.

<sup>16</sup>“Nach truagh dhuibhse, a luchd-treòrachaidh dhalla, a chanas, ‘Ma bheir sibh mionnan air an teampall, is neoni sin, ach ma bheir neach sam bith mionnan air òir an teampaill, feumaidh e a choileanadh.’

<sup>17</sup>Amadain dhalla! Oir cò dhiubh as motha, an t-òr no an teampall a tha a' naomhachadh an òir?

<sup>18</sup>Agus canaidh sibh, ‘Ge b' e cò a bheir mionnan air an altair, is neoni sin, ach ge b' e cò a bheir mionnan air an tiodhlac a th' oirre, feumaidh e a choileanadh.’

<sup>19</sup>A dhaoine dhalla! Oir cò dhiubh as motha, an tiodhlac no an altair a tha a' naomhachadh an tiodhlaic?

<sup>20</sup>Mar sin, an neach a mhionnaicheas air an altair, tha e a' mionnachadh oirre, agus air a h-uile rud a th' oirre.

<sup>21</sup>Agus an neach a mhionnaicheas air an teampall, tha e a' mionnachadh air, agus air an Aon a tha a' còmhnaidh ann.

<sup>22</sup>Agus an neach a mhionnaicheas air nèamh, tha e a' mionnachadh air rìgh-chathair Dhè, agus airsan a tha na shuidhe oirre.

**23**“Nach truagh dhuibhse, a sgrìobhaichean agus Pharasacha, a bhreug-chràbhaichean! Oir tha sibh a' toirt an deicheamh às a' mhionnt agus às an dile agus às a' chumin, agus rinn sibh dearmad air rudan cudromach an lagha: ceartas, tròcair agus dìlseachd. Bu chòir dhuibh iad seo a dhèanamh, gun an fheadhainn eile a dhearmad.

**24**A luchd-treòrachaidh dhalla, a shìolaidheas a' chuileag-bheag, agus a shluigeas an càmhail.

**25**“Nach truagh dhuibhse, a sgrìobhaichean agus Pharasacha, a bhreug-chràbhaichean! Oir glanaidh sibh taobh a-muigh a' chupa agus an truinnseir, ach tha an taobh a-staigh làn sannt agus fèin-thoileachaidh.

**26**Pharasacha dhalla! An toiseach glan taobh a-staigh a' chupa, airson 's gum bi an taobh a-muigh glan cuideachd.

**27**“Nach truagh dhuibhse, a sgrìobhaichean agus Pharasacha, a bhreug-chràbhaichean! Oir tha sibh coltach ri tuaman gealaichte, a tha a' coimhead brèagha air an taobh a-muigh, ach air an taobh a-staigh a tha làn de chnàmhan dhaoine marbha, agus dhen uile neòghlaine.

**28**Mar sin, tha sibhse cuideachd, air an taobh a-muigh a' coimhead coltach ri fireanan do dh'fheadhainn eile, ach air an taobh a-staigh tha sibh làn ceilg agus mì-riaghailteachd.

**29**“Is mairg dhuibh, a sgrìobhaichean agus Pharasacha, a bhreug-chràbhaichean! Oir tha sibh a' togail tuaman nam fàidhean, agus a' sgeadachadh carraighean-cuimhne nam firean,

**30**agus ag ràdh, ‘Nan robh sinne air a bhith beò ann an làithean ur n-athraichean, cha bhiodh sinn air compàirteachadh leotha ann am fuil nam fàidhean.’

**31**Mar sin tha sibh nur fianaisean nur n-aghaidh fhèin gur sibh clann na feadhna a mhurt na fàidhean.

**32**Coileanaibh mar sin tomhas obraichean ur n-athraichean.

**33**“A nathraichean! A shìol nan nathraichean-nimhe! Ciamar a tha sibh a' dol a theicheadh o bhith air ur dìteadh a dh'fhrinn?

**34**Mar sin, seallaibh, tha mi a' cur thugaibh fàidhean is daoine glice is sgrìobhaichean, cuid dhiubh a mharbhas agus a cheusas sibh, agus cuid dhiubh a' sgiùrsas sibh nur sionagogan, is a gheur-leanas sibh o bhaile gu baile.

**35**Agus airson 's gum bi sibh ciontach dhe na chaidh a dhòrtadh air an talamh de dh'fhuil fhìreanta, o fhuil Abeil fhìreanta gu fuil Shachariah mhic Bharachiah, a mhurt sibh eadar an teampall agus an altair.

<sup>36</sup>Gu firinneach, tha mi ag ràdh ribh, thig na rudan seo uile air a' ghinealach seo.

<sup>37</sup>“A Ierusalem, a Ierusalem, a mharbhas na fàidhean, agus a chlachas an fheadhainn a chaidh a chur thugad! Dè cho tric 's a bu mhiann leam do chlann a chruinneachadh còmhla, mar a chruinnicheas cearc a h-iseanan fo a sgiathan, ach cha robh sibh deònach.

<sup>38</sup>Seall, tha ur taigh air fhàgail agaibh na fhàsach.

<sup>39</sup>Oir tha mi ag ràdh ribh, nach fhaic sibh mise tuilleadh gus an can sibh, ‘Is beannaichte Esan a tha a' tighinn ann an ainm an Tighearna.’”

## Mata 24

### Comharran Deireadh na Linne

<sup>1</sup>Dh'fhàg Ìosa an teampall agus bha e a' falbh nuair a thàinig a dheisciobail thuige a shealltainn dha togalaichean an teampaill.

<sup>2</sup>Ach gam freagairt thuir Ìosa, “A bheil sibh a' faicinn na rudan seo gu lèir? Gu firinneach, tha mi ag ràdh ribh nach bi clach air a fàgail air muin cloiche nach tèid a leagail sìos.”

<sup>3</sup>Fhad 's a bha e na shuidhe air Beinn nan Crann-Ola, thàinig na deisciobail thuige gu prìobhaideach, ag ràdh, “Innis dhuinne cuin a thachras na rudan seo, agus dè an comharra a bhios ann airson do theachd-sa, agus deireadh na linne?”

<sup>4</sup>Agus fhreagair Ìosa iad, “Thoiribh an aire nach meall neach sam bith sibh.

<sup>5</sup>Oir thig mòran nam ainm-sa, ag ràdh, ‘Is mise an Crìosd,’ agus meallaidh iad mòran.

<sup>6</sup>Agus cluinnidh sibh mu chogaidhean agus fathannan mu chogaidhean. Thoiribh an aire nach bi sibh fo dhragh, oir feumaidh seo tachairt, ach chan eil a' chrìoch ann fhathast.

<sup>7</sup>Oir èiridh nàisean an aghaidh nàisein, agus rìoghachd an aghaidh rìoghachd. Bidh gortan agus crithean-talmhainn ann an iomadh àite.

<sup>8</sup>Chan eil annta seo uile ach toiseach tòiseachaidh phiantan asaid.

<sup>9</sup>“An uair sin bheir iad thairis sibh gu àmhghar agus cuiridh iad gu bàs sibh, agus bidh fuath aig a h-uile nàisean dhuibh air sgàth m' ainme-sa.

<sup>10</sup>Agus an uair sin tuitidh mòran air falbh agus brathaidh iad càch-a-chèile, agus bidh fuath aca dha chèile.

<sup>11</sup>Agus èiridh mòran fhàidhean brèige agus meallaidh iad mòran.

- 12 Air sgàth 's gum bi mì-riaghailteachd air a meudachadh, fuaraichidh gràdh mhòran,
- 13 ach bidh an neach a leanas air chun na crìche air a shàbhaladh.
- 14 Agus bidh an soisgeul seo aig an rìoghachd air a shearmonachadh air feadh an t-saoghail gu lèir, mar fhianais dha na nàiseanan uile, agus an uair sin thig an deireadh.
- 15 “Mar sin nuair a chì sibhse ‘gràinealachd an lèir-sgrìos’ air an do bhruidhinn Daniel am fàidh, na seasamh san àite naomh” (tuigeadh an leughadair),
- 16 an uair sin teicheadh iadsan a th' ann an Iudèa gu na beanntan.
- 17 Na tigeadh an neach a th' air mullach an taighe a-nuas airson rudan a thoirt às a thaigh,
- 18 agus na tilleadh an neach a th' anns an achadh air ais a thogail aodaich uachdair leis.
- 19 Nach truagh dhaibhsan a tha trom agus dhan fheadhainn a tha ag altram leanaban anns na làithean sin!
- 20 Dèanaibh ùrnaigh nach bi ur teicheadh sa gheamhradh, no air Sàbaid.
- 21 Oir an uair sin bidh àmhghar mòr ann, a leithid nach robh ann o thoiseach an t-saoghail gus a-nis, agus nach bi ann tuilleadh.
- 22 Agus mura biodh na làithean sin air an giorrachadh, cha bhiodh neach sam bith air a shàbhaladh, ach air sgàth na feadhna thaghte thèid na làithean sin a ghiorrachadh.
- 23 An uair sin ma chanas neach sam bith ribh, ‘Seallaibh, tha an Crìosd an seo!’ no ‘Tha e an sin!’ na creidibh e.
- 24 Oir èiridh crìosdan brèige agus fàidhean brèige is nì iad comharraidhean mòra agus iongantasan, airson 's – nan robh e an comas – fiù 's an fheadhainn thaghte fhèin a mhealladh.
- 25 Seallaibh, tha mi air innse dhuibh ro-làimh.
- 26 “Mar sin, ma chanas iad ribh, ‘Seallaibh, tha e anns an fhàsach,’ na rachaibh a-mach, no ‘Seallaibh, tha e anns na seòmraichean as fhaide a-staigh,’ na creidibh iad.
- 27 Oir mar a thig an dealanach a-mach às an àird an ear agus a dheàlraicheas e chun na h-àird an iar, mar sin cuideachd bidh teachd Mhic an Duine.
- 28 Oir ge b' e càit am bi an corp, an sin cruinnichidh na fangan.

**29**“Sa bhad às dèidh àmhghar nan làithean ud, “‘bidh a' ghrian air a dorchnachadh, agus cha toir a' ghealach a solas uaipe; tuitidh na rionnagan o nèamh, agus bidh cumhachdan nan nèamh air an crathadh.’

**30**“An uair sin nochdaidh comharra Mhic an Duine ann an nèamh, 's an uair sin nì treubhan na talmhainn gu lèir caoidh, agus chì iad Mac an Duine a' tighinn air sgòthan nèimh, le cumhachd agus glòir ro mhòr.

**31**Agus cuiridh e a-mach na h-ainglean aige le gairm àrd trompaid, agus cruinnichidh iad an fheadhainn thaghte aige o na ceithir gaothan, o aon cheann de nèimh gus an ceann eile.

**32**“Ionnsaichibh cosamhlachd on chraoibh-fhìge: cho luath 's a bhios a geug bog, agus a chuireas i a-mach a duilleach, tha fios agaibh gu bheil an samhradh faisg.

**33**Mar sin leibhse cuideachd: nuair a chì sibh na rudan seo uile, biodh fhios agaibh gu bheil e faisg, aig na dorsan fhèin.

**34**Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh nach tèid an ginealach seo seachad gus an tachair na rudan seo uile.

**35**Thèid nèamh agus talamh seachad, ach cha tèid mo bhriathran-sa seachad idir.

### **An Latha agus an Uair Neo-Aithnichte**

**36**“Ach a thaobh an latha sin no an uair, chan aithne do neach sam bith, fiù 's ainglean nèimh, no am Mac, ach dìreach an t-Athair a-mhàin.

**37**Oir mar a bha làithean Nòah, mar sin bidh teachd Mhic an Duine.

**38**Oir mar anns na làithean ron tuil, bha iad ag ithe 's ag òl, a' pòsadh 's a' toirt ann am pòsadh, gus an latha san deach Nòah a-steach dhan àirc,

**39**agus nach robh sìon a dh'fhios aca gus an tàinig an tuil, is thog i leatha iad uile. Mar sin bidh teachd Mhic an Duine.

**40**An uair sin bidh dithis fhear anns an achadh; thèid fear a ghabhail agus thèid am fear eile fhàgail.

**41**Bidh dithis bhoireannach a' bleith anns a' mhuileann; thèid aon tè a gabhail agus thèid an tèile a fhàgail.

**42**“Mar sin, dèanaibh faire, oir chan eil fios agaibh dè an latha air an tig ur Tighearna.

**43**Ach bithibh cinnteach mun seo: nan robh fios air a bhith aig maighstir an taighe mun uair dhen oidhche san tigeadh am mèirleach, bhiodh e air faire a dhèanamh agus cha bhiodh e air a thaigh fhàgail airson 's gun deigheadh briseadh a-steach ann.

<sup>44</sup>Air an adhbhar sin, feumaidh sibhse cuideachd a bhith deiseil, oir tha Mac an Duine a' tighinn aig uair nach eil sibh a' sùileachadh.

<sup>45</sup>“Cò, mar sin, a tha na sheirbheiseach dìleas agus glic, a chuir a mhaighstir os cionn seirbheisich a thaighe, a thoirt am bìdh dhaibh aig an àm cheart?”

<sup>46</sup>Is beannaichte an seirbheiseach sin nuair a lorgas a mhaighstir e a' dèanamh mar seo nuair a thig e.

<sup>47</sup>Gu deimhinn, tha mi ag ràdh ribh, suidhichidh e os cionn a chuid gu lèir e.

<sup>48</sup>Ach ma chanas an seirbheiseach aingidh ud na chridhe, ‘Tha mo mhaighstir a' dèanamh dàil,’

<sup>49</sup>agus ma thòisicheas e air a cho-sheirbheisich a bhualadh, agus air ithe is òl còmhla ri drungairean,

<sup>50</sup>thig maighstir an t-seirbheisich sin air latha anns nach eil sùil aige ris, agus aig uair nach aithne dha,

<sup>51</sup>agus gearraidh e na phìosan e agus bheir e àite dha còmhla ri na breug-chràbhaichean. An sin bidh caoineadh is giosgan fhiacal.

## **Mata 25**

### **Cosamhlachd nan Deichnear Òigh**

<sup>1</sup>“An uair sin bidh rìoghachd nèimh coltach ri deichnear òighean a thug an lampaichean leotha agus a chaidh a-mach a choinneachadh fear na bainnse.

<sup>2</sup>Bha còignear dhiubh amaideach agus còignear glic.

<sup>3</sup>Oir nuair a thug iadsan a bha amaideach an lampaichean leotha, cha tug iad ola leotha.

<sup>4</sup>Ach thug iadsan a bha glic ola leotha ann an soithichean cuide rin lampaichean.

<sup>5</sup>Fhad 's a bha fear na bainnse a' dèanamh dàil, dh'fhàs iadsan uile cadalach agus chaidil iad.

<sup>6</sup>“Ach aig meadhan-oidhche bha èigh ann: ‘Seall, fear na bainnse! Thigibh a-mach ga choinneachadh.’

<sup>7</sup>“An uair sin dh'èirich na h-òighean sin gu lèir agus dheasaich iad an lampaichean.

<sup>8</sup>Agus thuirt an fheadhainn amaideach riuthasan a bha glic, ‘Thoiribh dhuinn cuid dhe ur n-ola, oir tha ar lampaichean a' dol às.’

9“Ach fhreagair an fheadhainn ghlice, ‘Air eagal 's nach bi gu leòr ann dhuinn fhèin is dhuibhse, an àite sin, thallaibh chun a' luchd-malairt agus ceannaichibh beagan dhuib' fhèin.

10“Ach fhad 's a bha iad a' dol a cheannach, thàinig fear na bainnse, is chaidh iadsan a bha deiseil a-steach còmhla ris gu fèist na bainnse, agus chaidh an doras a dhùnadh.

11“Às dèidh sin, thàinig na h-òighean eile cuideachd, ag ràdh, ‘A thighearna, a thighearna, fosgail dhuinne.’

12“Ach fhreagair esan, ‘Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh, chan aithne dhomh sibh.’

13“Mar sin dèanaibh faire, air sgàth 's nach aithne dhuibh an latha no an uair.

### **Cosamhlachd nan Tàlann**

14“Oir bidh e coltach ri duine a' dol air turas, a ghairm a sheirbheisich fhèin agus a dh'earb a sheilbh dhaibh.

15Do dh'aon thug e còig tàlannan, do neach eile a dhà, agus do neach eile aon fhear, do gach aon a rèir a chomais fhèin. Agus chaidh e air a thuras.

16Chaidh am fear a fhuair na còig tàlannan is rinn e malairt leotha agus bhuannaich e còig tàlannan eile.

17Mar sin cuideachd esan a fhuair na dhà, bhuannaich e a dhà eile.

18Ach an neach a fhuair aon fhear, dh'fhalbh e is chladhaich e san talamh, agus dh'fhalaich e airgead a mhaighstir.

19“A-nis às dèidh ùine fhada thàinig maighstir nan seirbheiseach sin agus chuir e an cunntas an òrdugh leotha.

20Agus thàinig esan a fhuair na còig tàlannan air adhart a' toirt còig tàlannan eile leis, ag ràdh, ‘A mhaighstir, thug thu dhòmhsa còig tàlannan. Seall, bhuannaich mi còig eile.’

21“Thuirt a mhaighstir ris, ‘Is math a rinn thu, a sheirbheisich mhaith is dhìleis. Bha thusa dìleas thairis air beagan; cuiridh mise os cionn mhòran thu. Thig a-steach do dh'aoibhneas do mhaighstir!’

22“Agus thàinig esan cuideachd a fhuair an dà thàlann air adhart, agus thuirt e, ‘A mhaighstir, thug thu dhòmhsa dà thàlann. Seall, bhuannaich mi dà thàlann eile.’

23“Thuirt a mhaighstir ris, ‘Is math a rinn thu, a sheirbheisich mhaith is dhìleis. Bha thusa dìleas thairis air beagan; cuiridh mise os cionn mhòran thu. Thig a-steach do dh'aoibhneas do mhaighstir.’

24“Ach nuair a thàinig esan a fhuair an t-aon thàlann air adhart, thuir e, ‘A mhaighstir, bha fios agam gur e duine cruaidh a th’ annad, a’ buain far nach do chuir thu, agus a’ cruinneachadh far nach do sgaoil thu sìol;

25mar sin bha an t-eagal orm, is dh’fhalbh mi agus dh’fhalaich mi do thàlann san talamh. Seall, sin agad do chuid fhèin.’

26“Ach fhreagair a mhaighstir e, ‘A sheirbheisich uilc agus leisg! Bha fios agad gu bheil mi a’ buain far nach do chuir mi, agus a’ cruinneachadh far nach do sgaoil mi sìol?

27Mar sin bu chòir dhut a bhith air m’ airgead a chur an seilbh le na malairtich, agus air tilleadh bhithinn air mo chuid fhèin fhaighinn le riadh.

28“Mar sin thoiribh an tàlann uaithe, agus thoiribh dhàsan e aig a bheil na deich tàlannan.

29Oir dhan a h-uile neach aig a bheil thèid barrachd a thoirt, agus bidh pailteas aige. Ach uaitheasan aig nach eil thèid fiù 's na tha aige a thoirt uaithe.

30Agus tilgibh an seirbheiseach gun luach seo dhan dorchadas as fhaide a-muigh. San àite sin bidh caoineadh is giosgan fhiacal.’

#### **Na Caoraich 's na Gobhair**

31“Nuair a thig Mac an Duine na ghlòir, agus na h-ainlean naomha uile còmhla ris, suidhidh an e uair sin air rìgh-chathair a ghlòire.

32Bidh a h-uile nàisean air an cruinneachadh mu choinneamh, agus sgairidh e o chèile iad, mar a sgaras buachaille na caoraich o na gobhair.

33Agus cuiridh e na caoraich air a làimh dheis, ach na gobhair air a làimh chli.

34“An uair sin canaidh an Rìgh riuthasan air a làimh dheis, ‘Thigibh, sibhse a tha beannaichte lem Athair-sa, sealbhaichibh mar oighreachd an rìoghachd a th’ air a deasachadh dhuibh o bhunait an t-saoghail.

35Oir bha mi acrach, agus thug sibh biadh dhomh; bha mi pàiteach agus thug sibh deoch dhomh; bha mi nam choigreach agus chuir sibh fàilte orm;

36bha mi rùisgte agus chuir sibh aodach orm; bha mi tinn agus thadhail sibh orm; bha mi sa phrìosan agus thàinig sibh thugam.’

37“An uair sin freagraidh na fireanan e, ag ràdh, ‘A Thighearna, cuin a chunnaic sinn acrach thu agus a thug sinn biadh dhut, no pàiteach agus a thug sinn deoch dhut?

38Agus cuin a chunnaic sinn nad choigreach thu agus a chuir sinn fàilte ort, no rùisgte agus a chuir sinn aodach ort?



<sup>39</sup>Agus cuin a chunnaic sinn tinn thu, no ann am prìosan agus a thàinig sinn thugad?’

<sup>40</sup>“Agus freagraidh an Rìgh iad, ‘Gu deimhinn, tha mi ag ràdh ribh, chun na h-ìre a rinn sibh e do dh'aon dhe na bràithrean as lugha agamsa, rinn sibh dhòmhsa e.

<sup>41</sup>“An uair sin canaidh e riuthasan air a làimh chli, ‘Thallaibh uam, a luchd mhallaichte, dhan teine sìorraidh a chaidh ullachadh dhan diabhal agus dha na h-ainglean aige.

<sup>42</sup>oir bha mi acrach agus cha tug sibh sìon dhomh ri ithe; bha mi pàiteach agus cha tug sibh deoch dhomh;

<sup>43</sup>bha mi nam choigreach agus cha do chuir sibh fàilte orm; rùisgte agus cha do chuir sibh aodach orm; tinn agus ann am prìosan agus cha tàinig sibh a choimhead orm.’

<sup>44</sup>“An uair sin freagraidh iadsan cuideachd, ag ràdh, ‘A Thighearna, cuin a chunnaic sinne acrach thu, no pàiteach, no nad choigreach, no rùisgte, no tinn, no ann am prìosan, agus nach do fhritheil sinn dhut?’

<sup>45</sup>“An uair sin freagraidh esan iad, ag ràdh, ‘Gu deimhinn, tha mi ag ràdh ribh, chun na h-ìre nach do rinn sibh e dhan neach as lugha dhiubh seo, cha do rinn sibh dhòmhsa e.’

<sup>46</sup>“Agus thèid iadsan air falbh, a-steach do pheanas sìorraidh, ach na fireanan chun na beatha shìorraidh.”

## **Mata 26**

### **Innleachd an aghaidh Ìosa**

<sup>1</sup>Nuair a bha Ìosa air crìoch a chur air na faclan seo uile, thuirt e ri a dheisciobail,

<sup>2</sup>“Tha fios agaibh gu bheil a' Chàisg gu bhith ann às dèidh dà latha agus gum bi Mac an Duine air a bhrath airson a cheusadh.”

<sup>3</sup>An uair sin chruinnich na h-àrd-shagartan agus èildearan an t-sluaigh ann an lùchairt an àrd-shagairt, dham b' ainm Caiaphas,

<sup>4</sup>agus ghabh iad comhairle le chèile airson Ìosa a chur an greim le foill agus a chur gu bàs.

<sup>5</sup>Ach thuirt iad, “Chan ann aig àm na fèille, air eagal 's gum bi aimhreit am measg an t-sluaigh.”

### **Ìosa air Ungadh aig Betani**

<sup>6</sup>A-nis nuair a bha Ìosa ann am Betani ann an taigh Shìmoin an lobhar,

<sup>7</sup>thàinig boireannach thuige le crogan alabastair de dh'acfhainn ro luachmhor, agus dhòirt i air a cheann e fhad 's a bha e na shuidhe aig bòrd.

<sup>8</sup>Agus nuair a chunnaic na deisciobail seo, bha iad diombach, ag ràdh, “Carson a tha an t-ana-caitheamh seo?”

<sup>9</sup>Oir dh'fhaodadh an acfhainn seo a bhith air a reic air prìs mhòr agus sin a bhith air a thoirt do na bochdan.”

<sup>10</sup>Ach, mothachail mun seo, thuirt Ìosa riutha, “Carson a tha sibh a' cur dragh air a' bhoireannach? Oir rinn i gnìomh àlainn dhòmhsa.

<sup>11</sup>Oir tha na bochdan an-còmhnaidh agaibh còmhla ribh. Ach cha bhi mise an-còmhnaidh agaibh.

<sup>12</sup>Nuair a dhòirt i an acfhainn seo air mo chorp-sa rinn i e airson m' ullachadh airson adhlacadh.

<sup>13</sup>Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh, ge b' e càit an tèid an soisgeul seo a shearmonachadh air feadh an t-saoghail gu lèir, bidh an rud a rinn i air innse mar chuimhneachan oirre.”

#### **Iùdas ag Aontachadh Ìosa a Bhrath**

<sup>14</sup>An uair sin chaidh aon dhen dà fhear dheug, dham b' ainm Iùdas Iscariot, gu na h-àrd-shagartan

<sup>15</sup>agus thuirt e, “Dè tha sibh deònach a thoirt dhomh ma bhrathas mi dhuibh e?” Agus phàigh iad trithead bonn airgid dha.

<sup>16</sup>Agus on àm sin a-mach bha e a' sireadh cothrom iomchaidh airson esan a bhrath.

#### **Suipear an Tighearna**

<sup>17</sup>Air a' chiad latha de dh'Fhèill an Arain Neo-Ghortaichte, thàinig na deisciobail gu Ìosa, ag ràdh ris, “Càit am bu toigh leat gun ullaicheamaid dhut airson 's gun itheadh tu a' Chàisg?”

<sup>18</sup>Thuirt esan, “Thallaibh a-steach dhan bhaile gu duine sònraichte agus canaibh ris, ‘Tha am Fear-Teagaisg ag ràdh: Tha m' àm faisg air làimh. Cumaidh mi a' Chàisg aig do thaigh-sa còmhla rim dheisciobail.’”

<sup>19</sup>Agus rinn na deisciobail mar a dh'òrdaich Ìosa dhaibh, is dh'ullaich iad a' Chàisg.

<sup>20</sup>Nuair a bha am feasgar air tighinn, shuidh Ìosa aig bòrd còmhla ris an dà fhear dheug.

<sup>21</sup>Agus fhad 's a bha iad ag ithe, thuirt e, “Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh gum brath aon agaibhse mise.”

**22**Thòisich iad air a bhith ro thùrsach, agus air a ràdh ris, fear mu seach, “Cha mhise e, am mi, a Thighearna?”

**23**Fhreagair esan, “Am fear a bhog a làmh anns an t-soitheach còmhla riumsa, brathaidh e mise.

**24**Thèid Mac an Duine air falbh dìreach mar a tha e sgrìobhte ma dheidhinn, ach is maireg dhan fhear sin leis an tèid Mac an Duine a bhrath; bhiodh e na b' fheàrr dhan duine sin mura robh e air a bhreith riamh.”

**25**An uair sin fhreagair Iùdas, a bha a' dol ga bhrath, “Cha mhise e a Rabaidh, am mi?” Thuir esan ris, “S tu a thuir e.”

**26**Fhad 's a bha iad ag ithe, ghabh Iosa thuige aran, agus às dèidh a bheannachadh, bhris e e is thug e dha na deisciobail e, agus thuir e, “Gabhaibh, ithibh, is e seo mo chorp-sa.”

**27**Agus ghabh e thuige cupa, agus às dèidh dha taing a thoirt, thug e dhaibh e, ag ràdh, “Òlaibh uile às a seo,

**28**oir is i seo m' fhuil-sa, fuil a' chùmhaint, a tha air a dòrtadh a-mach airson mhòran airson mathanas pheachaidhean.

**29**Tha mi ag ràdh ribh, chan òl mi à seo suas de thoradh seo an fhìonain gus an latha sin nuair a dh'òlas mi nuadh e còmhla ribhse ann an rìoghachd m' Athar.”

**30**Nuair a bha iad air laoidh a sheinn chaidh iad a-mach gu Beinn nan Crann-Ola.

### **Iosa a' Ro-Innse mu Àicheadh Pheadair**

**31**An uair sin thuir Iosa riutha, “Bidh sibh uile air ur sgainnealachadh asam air an oidhche seo, oir tha e sgrìobhte: “Buailidh mi am buachaille, agus sgapar caoraich an treuda.’

**32**“Ach às dèidh m' aiseirigh, thèid mi romhaibh do Ghalile.”

**33**Fhreagair Peadar e, “Ged a thèid iadsan uile an sgainnealachadh asad, cha tèid mise mo sgainnealachadh a-chaidh.”

**34**Thuir Iosa ris, “Gu deimhinn tha mi ag ràdh riut, air a' cheart oidhche seo, mun gairm an coileach, àicheadh tu mi trì tursan.”

**35**Thuir Peadar ris, “Ged a dh'fheumainn bàsachadh còmhla riut, chan àichinn thu.” Agus thuir na deisciobail uile an aon rud.

### **Getsemane**

**36**An uair sin chaidh Iosa còmhla riutha gu àite dham b' ainm Getsemane, agus thuir e ri a dheisciobail, “Suidhibh-se an seo, fhad 's a thèid mise a-null an siud a dh'ùrnaigh.”

**37** Agus thug e leis Peadar agus dithis mhac Shebede, agus thòisich e air a bhith tùrsach, agus air a bhuaireadh.

**38** An uair sin thuirt e riutha, “Tha m' anam ro bhrònach, fiù 's gu bàs. Fuirichibh an seo agus dèanaibh faire còmhla riumsa.”

**39** Agus a' dol beagan na b' fhaide air adhart, thuit e air aghaidh, agus rinn e ùrnaigh, ag ràdh, “M' Athair, ma tha e an comas, leig leis a' chupa seo a dhol seachad orm. A dh'aindeoin sin, chan ann mar as toigh leamsa, ach mar as toigh leatsa.”

**40** Agus thàinig e chun nan deisciobal agus fhuair e iadsan nan cadal, agus thuirt e ri Peadar, “Seadh, nach b' urrainn dhuibh faire a dhèanamh còmhla rium airson uair a thìde?”

**41** Dèanaibh faire agus ùrnaigh airson 's nach tuit sibh ann am buaireadh. Tha an spiorad gu deimhinn deònach, ach tha an fheòil lag.”

**42** A-rithist, an dara uair chaidh e air falbh agus rinn e ùrnaigh: “M' Athair, mas e 's nach urrainn dhan a seo a dhol seachad mura h-òl mi e, do thoil-sa gu robh dèante.”

**43** Agus a-rithist thàinig e agus fhuair e nan cadal iad, oir bha an sùilean trom.

**44** Agus nuair a dh'fhàg e iad a-rithist chaidh e air falbh, rinn e ùrnaigh an treas uair, ag ràdh na h-aon bhriathran a-rithist.

**45** An uair sin thàinig e chun nan deisciobal agus thuirt e riutha, “A bheil sibh fhathast a' cadal 's a' gabhail fois? Seallaibh, tha an uair faisg air làimh, agus tha Mac an Duine air a bhrath do làmhan pheacach.

**46** Èiribh! Rachamaid! Seallaibh, tha mo neach-brathaidh air tighinn faisg!”

### **Ìosa air a Chur an Grèim**

**47** Fhad 's a bha e fhathast a' bruidhinn, seall, thàinig Iùdas, aon dhen dà fhear dheug, agus sluagh mòr còmhla ris le claidheamhan agus cuaillean, o àrd-shagartan agus èildearan an t-shluaigh.

**48** A-nis bha an neach-brathaidh air comharra a thoirt dhaibh, ag ràdh, “Am fear dhan toir mise pòg, 's e sin e; glacaibh e.”

**49** Agus chaidh e dìreach gu Ìosa agus thuirt e, “Fàilte, a Rabaidh!” Agus phòg e e.

**50** Thuirt Ìosa ris, “A charaid, dèan an rud a thàinig thu a dhèanamh.” An uair sin thàinig iad agus chuir iad an làmhan air Ìosa agus ghlac iad e.

**51** Agus seall, shìn fear dhiubhsan a bha còmhla ri Ìosa a-mach a làimh, tharraing e a chladheamh agus bhuaill e seirbheiseach an àrd-shagairt agus gheàrr e a chluas dheth.

**52**An uair sin thuirtdh Iosa ris, “Cuir do chlaidheamh air ais na àite fhèin. Oir iadsan uile a ghlacas an claidheamh, tuitidh iad leis a' chlaidheamh.

**53**A bheil thu a' saoil sinn nach urrainn dhòmhsa guidhe air m' Athair, agus bheir e dhomh sa bhad barrachd air dà lègion dheug de dh'ainlean?

**54**Ach ciamar an uair sin a bhiodh na Sgrìobtaran air an coileanadh, a tha ag ràdh gur ann mar seo a dh'fheumas tachairt?”

**55**Aig an àm sin thuirtdh Iosa ris an t-sluagh, “An tàinig sibh a-mach le claidheamhan agus le cuaillean gam ghlacadh-sa mar gum b' e gadaiche a bh' annam? Shuidh mi gach latha san teampall a' teagasg, agus cha do ghlac sibh mi.

**56**Ach thachair seo uile airson 's gum biodh sgrìobhaidhean nam fàidhean air an coileanadh.” An uair sin dh'fhàg na deisciobail uile e agus theich iad.

### **Mu choinneamh na Comhairle**

**57**Agus thug iadsan a ghlac Iosa gu Caiaphas an t-àrd-shagart e, far an robh na sgrìobhaichean agus na h-èildearan air cruinneachadh.

**58**Agus bha Peadar ga leantainn pìos às, cho fada ri cùirt-lios an àird-shagairt, agus chaidh e a-steach, agus shuidh e còmhla ris na seirbheisich a dh'fhaicinn deireadh na cùise.

**59**A-nis bha na h-àrd-shagartan agus a' Chomhairle gu lèir a' sireadh fianais bhrèige an aghaidh Iosa, airson 's gun cuireadh iad gu bàs e.

**60**Agus cha d' fhuair iad i, ged a thàinig mòran fhianaisean brèige air adhart. Ach mu dheireadh, thàinig dithis air adhart

**61**agus thuirtdh iad, “Thuirtdh an duine seo, ‘Tha mise an comas teampall Dhè a leagail, agus a thogail a-rithist ann an trì latha.’”

**62**Agus sheas an t-àrd-shagart suas agus thuirtdh e ris, “Nach eil freagairt idir agad? Dhè an fhianais a tha iad seo a' togail nad aghaidh?”

**63**Ach dh'fhan Iosa sàmhach. Agus thuirtdh an t-àrd-shagart ris, “Tha mi gad chur fo mhionnan tron Dia bheò, innis dhuinn mas tu an Crìosd, Mac Dhè?”

**64**Thuirtdh Iosa ris, “Thuirtdh thu e. Ach tha mi ag ràdh ribh, às dèidh seo chì sibh Mac an Duine na shuidhe air deas-làimh a' Chumhachd, agus a' tighinn air neòil nèimh.”

**65**An uair sin shrac an t-àrd-shagart aodach-uachdair, ag ràdh, “Tha e air toibheum a ràdh. Dhè am feum a th' againn tuilleadh air fianaisean? Chuala sibh a-nis an toibheum.

**66**Dhè ur beachd?” Fhreagair iad, “Tha e airidh air bàs!”

<sup>67</sup>An uair sin thilg iad smugaidean na aodann agus bhuail iad e. Agus thug feadhainn eile sgailcean dha,

<sup>68</sup>ag ràdh, “Dèan fàidheadaireachd dhuinn, thusa a Chrìosd. Cò a thug buille dhut?”

### **Peadar ag Àicheadh Ìosa**

<sup>69</sup>A-nis bha Peadar na shuidhe a-muigh sa chùirt-lios. Agus thàinig bana-sheirbheiseach suas thuige agus thuirt i, “Bha thusa cuideachd còmhla ri Ìosa an Galilèach.”

<sup>70</sup>Ach dh'àich esan e mun coinneamh gu lèir, ag ràdh, “Chan eil fhios a'm dè a tha thu ag ràdh.”

<sup>71</sup>Agus nuair a chaidh e a-mach dhan fhor-dhoras, chunnaic tèile e agus thuirt i riuthasan a bha an sin, “Bha am fear seo còmhla ri Ìosa o Nàsaret.”

<sup>72</sup>Agus a-rithist dh'àich e e le mionnan, ag ràdh, “Chan aithne dhomh an duine.”

<sup>73</sup>Às dèidh greiseag thàinig an fheadhainn a bha nan seasamh mun cuairt suas, agus thuirt iad ri Peadar, “Gu fìrinneach is e fear dhiubh a th' annadsa cuideachd, oir tha blas do chainnt gad bhrath.”

<sup>74</sup>An uair sin thòisich e air mallachadh 's air mionnachadh, ag ràdh, “Chan aithne dhomh an duine!” Agus sa bhad ghairm coileach.

<sup>75</sup>Is chuimhnich Peadar air dè a thuirt Ìosa, “Mun ghairm coileach, àicheadh tu mi trì tursan.” Agus chaidh e a-mach is chaoin e gu geur.

## **Mata 27**

### **Ìudas ga Chrochadh Fhèin**

<sup>1</sup>Nuair a thàinig a' mhadainn, ghabh na h-àrd-shagartan agus èildearan an t-sluaigh uile comhairle le chèile an aghaidh Ìosa airson a chur gu bàs.

<sup>2</sup>Cheangail iad e agus thug iad air falbh e is thug iad thairis do Phìlat an riaghladair e.

<sup>3</sup>An uair sin, nuair a chunnaic Ìudas, a bhrath e, gun deach Ìosa a dhìteadh, dh'atharraich e inntinn agus thug e air ais an trithead bonn airgid dha na h-àrd-shagartan agus dha na h-èildearan,

<sup>4</sup>ag ràdh, “Pheacaich mi tro bhith a' brath fuil neoichiontach.” Ach thuirt iadsan, “Dè tha sin dhuinne? Seall thusa ris!”

<sup>5</sup>Agus a' tilgeil sìos nam bonn airgid dhan teampall, dh'fhalbh e, agus chaidh e is chroch e e fhèin.

<sup>6</sup>Ach a' gabhail nan bonn airgid, thuir na h-àrd-shagartan, “Chan eil e laghail an cur do chiste-ionmhas an teampaill, on as e airgead fala a th' ann.”

<sup>7</sup>Mar sin ghabh iad comhairle is cheannaich iad leotha achadh a' chrèadhadair, airson a bhith na àite-adhlaic do choigrich.

<sup>8</sup>Mar sin tha Achadh na Fala air a bhith air a ghabhail air an achadh sin gus an latha an-diugh.

<sup>9</sup>An uair sin choileanadh an rud a chaidh a ràdh leis an fhàidh Jeremiah: “Agus ghabh iad an trithead bonn airgid, prìs an aoine air an deach luach a shuidheachadh le cloinn Israeil,

<sup>10</sup>agus thug iad seachad iad airson achadh a' chrèadhadair, mar a dh'òrdaich an Tighearna dhòmhsa.”

### **Ìosa mu choinneamh Philait**

<sup>11</sup>A-nis sheas Ìosa mu choinneamh an riaghladair, agus cheasnaich an riaghladair e: “An tusa Rìgh nan Iùdhach?” Agus thuir Ìosa ris, “Tha thu ga ràdh.”

<sup>12</sup>Ach nuair a chuir na h-àrd-shagartan agus na h-èildearan casaidean air, cha do fhreagair e sìon.

<sup>13</sup>An uair sin thuir Pìlat ris, “Nach eil thu a' cluinntinn cia mheud rud leis a bheil iad a' toirt fianais nad aghaidh?”

<sup>14</sup>Ach cha tug e freagairt sam bith dha, cha tug fiù 's aon fhacal, air chor is gun robh an riaghladair fo iongnadh mòr.

<sup>15</sup>A-nis aig gach fèill bha e na chleachdadh aig an riaghladair aon phrìosanach a bha iad ag iarraidh a leigeil ma sgaoil dhan t-sluagh.

<sup>16</sup>Aig an àm sin bha prìosanach iomraiteach aca dham b' ainm Barabas.

<sup>17</sup>Mar sin, nuair a bha iad air cruinneachadh còmhla, thuir Pìlat riutha, “Cò a bu toigh leibh a leiginn mu sgaoil dhuibh: Barabas, no Ìosa ris an canar Crìosd?”

<sup>18</sup>Oir bha fhios aige gum b' ann air sgàth an fharmaid a thug iad thairis e.

<sup>19</sup>Fhad 's a bha e na shuidhe air cathair a' bhreitheanais, chuir a bhean fios thuige, ag ràdh, “Na gabh gnothach sam bith ris an fhìrean sin, oir tha mi air mòran fhulang an-diugh ann am brùadar air a sgàth-san.”

<sup>20</sup>Ach chuir na h-àrd-shagartan agus na h-èildearan ìmpidh air an t-sluagh gus Barabas iarraidh, agus Ìosa a sgrios.

<sup>21</sup>Fhreagair an riaghladair iad, “Cò dhen dithis a bu toigh leibh a leiginn mu sgaoil dhuibh.” Thuir iadsan, “Barabas.”

**22**Thuir Pìlat riutha, “Dè ma-thà a nì mi le Ìosa, ris an canar Crìosd?” Thuir iad uile ris, “Biodh e air a cheusadh!”

**23**Agus thuir e, “Carson, dè an t-olc a rinn e?” Ach dh'èigh iadsan na bu mhotha buileach, “Biodh e air a cheusadh!”

**24**Nuair a chunnaic Pìlat nach robh e a' dèanamh adhartas sam bith, ach an àite sin gun robh aimhreit a' tòiseachadh, ghabh e uisge, agus nigh e a làmhan mu choinneamh an t-sluaigh, ag ràdh, “Tha mise neoichiontach de dh'fhuil an fhir seo. Seallaibh fhèin ris!”

**25**Agus fhreagair an sluagh gu lèir, “Biodh fhuil oirnne agus air ar cloinne!”

**26**An uair sin leig e mu sgaoil Barabas dhaibh, ach às dèidh do dh'Ìosa a bhith air a sgiùrsadh, thug e thairis e airson 's gum biodh e air a cheusadh.

### **Na Saighdearan a' Magadh air Ìosa**

**27**An uair sin thug saighdearan an riaghladair Ìosa leotha do lùchairt an riaghladair, agus chruinnich iad còmhla am buidheann shaighdearan gu lèir mun cuairt air.

**28**Agus thug iad an t-aodach dheth agus chuir iad cleòc sgàrlaid timcheall air,

**29**agus às dèidh dhaibh droighinn fhigh nan crùn, chuir iad air a cheann e, agus chuir iad cuilc na làimh dheis, agus lùb iad an glùinean ma choinneamh, agus rinn iad magadh air, ag ràdh, “Fàilte dhut, a Rìgh nan lùdhach!”

**30**Agus thilg iad smugaidean air agus ghlac iad a' chuilc agus bhuail iad air a cheann i.

**31**Agus às dèidh dhaibh magadh air, thug iad dheth an cleòc agus chuir iad a chuid aodaich fhèin air. Agus thug iad air falbh e airson a cheusadh.

### **Ìosa air a Cheusadh**

**32**Fhad 's a bha iad a' dol a-mach, fhuair iad duine o Chirène, dham b' ainm Simon. Cho-èignich iad an duine seo gus crann-ceusaidh Ìosa a ghiùlain.

**33**Agus nuair a thàinig iad gu àite dham b' ainm Golgota, a tha a' ciallachadh Àite Claiginn,

**34**thug iad fion dha ri òl, measgte le domblas, ach às dèidh dha a bhlasad, chan òladh e e.

**35**Agus nuair a bha iad air a cheusadh, roinn iad a chuid aodaich eatarra, tro chrannchur a thilgeil.

**36**Agus a' suidhe sìos chùm iad faire air an sin.



**37** Agus os cionn a chinn chuir iad a' chùis-ditidh na aghaidh, IS E SEO ÌOSA, RÌGH NAN IÙDHACH.

**38** An uair sin chaidh dithis mhèirleach a cheusadh còmhla ris, aon air a làimh dheis agus aon air a làimh chli.

**39** Agus rinn iadsan a bha a' dol seachad magadh air, a' crathadh an cinn

**40** agus ag ràdh, “Thusa a leagadh an teampall agus a thogadh e ann an trì latha, sàbhail thu fhèin: mas tu Mac Dhè, thig a-nuas on chrann-ceusaidh!”

**41** Anns an aon dòigh rinn na h-àrd-shagartan le na sgrìobhaichean agus le na h-èildearan magadh air, ag ràdh,

**42** “Shàbhail e daoine eile; chan eil e comasach air e fhèin a shàbhaladh. Is esan Rìgh Israeil! Thigeadh e a-nuas a-nis on chrann-ceusaidh, agus creididh sinn e.

**43** Tha earbsa aige ann an Dia; sàbhaileadh Dia a-nis e, ma tha e ga iarraidh. Oir thuirt e, ‘Is mise Mac Dhè.’”

**44** Agus thug na mèirlich a chaidh a cheusadh còmhla ris droch bheul dha san aon dòigh.

### Bàs Ìosa

**45** A-nis o mheadhan-latha thàinig dorchadas thairis air an tìr gu lèir, gu trì uairean feasgar.

**46** Agus mu thrì uairean feasgar dh'èigh Ìosa le guth àrd, “Eli, Eli, lama sabachtani?” 'S e sin, “Mo Dhia, mo Dhia, carson a thrèig thu mi?”

**47** Nuair a chuala cuid dhiubhsan a bha nan seasamh mun cuairt e, thuirt iad, “Tha an duine seo ag èigheach air Eliah.”

**48** Agus ruith aon dhiubh sa bhad agus ghabh e spong agus lìon e le fion-geur e agus chur e air slat cuilce e, agus thug e dha e ri òl.

**49** Ach thuirt càch, “Leigibh leis, faiceamaid an tig Eliah airson a shàbhaladh.”

**50** Agus dh'èigh Ìosa a-mach a-rithist le guth àrd, agus thug e suas an deò.

**51** Agus seall, chaidh cùirtear an teampaill a shracadh na dhà phìos o mhullach gu bhonn, agus chaidh an talamh air chrith, agus chaidh na creagan a sgoilteadh.

**52** Chaidh na tuaman fhosgladh, agus chaidh mòran de chuirp nan naomh a bha nan cadal a thogail,

**53** agus a' tighinn a-mach às na tuaman às dèidh na h-aiseirigh aigesan chaidh iad a-steach dhan bhaile naomh, agus nochd iad ri mòran.

<sup>54</sup>Nuair a chunnaic an ceannard-ceud is iadsan a bha còmhla ris, a bha a' cumail faire air Ìosa, a' chrith-thalmhainn agus na thachair, ghabh iad oillt mhòr, agus thuirt iad, “Gu firinneach b' e an duine seo Mac Dhè!”

<sup>55</sup>Bha tòrr bhoireannaich an sin a' coimhead o phìos às. Bha iad air Ìosa a leantainn o Ghalile airson frithealadh dha;

<sup>56</sup>nam measg bha Màiri Magdalen, agus Màiri màthair Sheumais agus Ìosaiph, agus màthair mic Shebede.

### Adhlacadh Ìosa

<sup>57</sup>Nuair a thàinig am feasgar thàinig duine beairteach o Arimatèa, dham b' ainm Ìòsaph, a bha e fhèin cuideachd na dheisciobal do dh'Ìosa.

<sup>58</sup>Chaidh esan gu Pìlat, agus dh'iarr e corp Ìosa. An uair sin dh'àithn Pìlat an corp a thoirt dha.

<sup>59</sup>Agus ghabh Ìòsaph an corp agus shuain e ann an anart glan e

<sup>60</sup>agus shìn e na thuam nuadh fhèin e, a gheàrr e às a' chreig. Agus roilig e clach mhòr gu beul an tuama, agus dh'fhalbh e.

<sup>61</sup>Bha Màiri Magdalen agus a' Mhàiri eile nan suidhe an sin mu choinneamh an tuama.

### An Geàrd aig an Tuam

<sup>62</sup>An ath latha, is e sin às dèidh Latha an Ullachaidh, chruinnich na h-àrd-shagartan agus na Pharasaich mu choinneamh Phìlat,

<sup>63</sup>ag ràdh, “A thighearna, tha cuimhn' againn nuair a bha am mealltair ud fhathast beò, gun tuirt e, ‘Às dèidh trì latha èiridh mi.’

<sup>64</sup>Mar sin òrdaich gum bi an tuam air a dhèanamh tèarainte gus an treas latha, air eagal 's gun tig a dheisciobail agus gun goid iad air falbh e, agus gun can iad ris an t-sluagh, ‘Dh'èirich e o na mairbh,’ agus bidh am mealladh mu dheireadh nas miosa na a' chiad mhealladh.”

<sup>65</sup>Thuirt Pìlat riutha, “Tha geàrd agaibh. Thallaibh, dèanaibh e cho tèarainte 's as aithne dhuibh.”

<sup>66</sup>Mar sin dh'fhalbh iad agus rinn iad an tuam tèarainte le bhith a' seulachadh na cloiche agus leis a' gheàrd.

## Mata 28

### An Aiseirigh aig Ìosa

<sup>1</sup>A-nis às dèidh na Sàbaid, faisg air camhanaich ciad latha na seachdain, chaidh Màiri Magdalen agus a' Mhàiri eile a dh'fhaicinn an tuama.

<sup>2</sup>Agus, seall, bha crith-thalmhainn mhòr ann, oir thàinig aingeal leis an Tighearna a-nuas o nèamh, is thàinig e agus roilig e a' chlach air ais is shuidh e oirre.

<sup>3</sup>Bha aghaidh mar dhealanach agus aodach geal mar shneachda.

<sup>4</sup>Agus a chionn 's gun robh eagal orra bhuaithe, chaidh an luchd-geàird air chrith, agus dh'fhàs iad coltach ri daoine marbha.

<sup>5</sup>Ach thuirt an t-aingeal ris na boireannaich, “Na biodh eagal oirbh, oir tha fios agam gu bheil sibh a' sireadh Ìosa a chaidh a cheusadh.

<sup>6</sup>Chan eil e an seo, oir dh'èirich e, mar a thubhairt e. Thigibh, faicibh an t-àite far an do shìn e.

<sup>7</sup>Thallaibh gu luath agus innsibh dha na deisciobail aige gun do dh'èirich e o na mairbh agus seallaibh, tha e a' dol romhaibh a Ghalile. An sin chì sibh e. Seallaibh, thuirt mise ribh e.”

<sup>8</sup>Mar sin dh'fhalbh iad gu luath on tuam le eagal is le mòr-aoibhneas, agus ruith iad a dh'innse dha a dheisciobail.

<sup>9</sup>Agus seall, choinnich Ìosa ris na boireannaich, agus thuirt e, “Fàilte!” Agus thàinig iad suas agus rug iad air a chasan agus rinn iad adhradh dha.

<sup>10</sup>An uair sin thuirt Ìosa riutha, “Na biodh eagal oirbh. Thallaibh, agus canaibh rim bhràithrean a dhol a Ghalile, agus an sin chì iad mi.”

#### **Iomradh nan Geàrd**

<sup>11</sup>Fhad 's a bha iadsan a' falbh, seall, thàinig cuid dhen luchd-geàird dhan bhaile agus dh'innis iad dha na h-àrd-shagartan gach rud a bh' air tachairt.

<sup>12</sup>Agus nuair a bha iad air cruinneachadh còmhla ris na h-èildearan, agus air comhairle a ghabhail, thug iad tòrr airgid dha na saighdearan,

<sup>13</sup>agus thuirt iad, “Canaibhse, ‘Thàinig a dheisciobail san oidhche agus ghoid iad air falbh e, nuair a bha sinne nar cadal.’

<sup>14</sup>Agus ma thig seo gu cluasan an riaghladair, cuiridh sinne air dòigh e, agus chan eagal dhuibhse.”

<sup>15</sup>Mar sin ghabh iad an t-airgead agus rinn iad mar a chaidh an stiùireadh. Agus tha an sgeul seo air a bhith air a h-aithris am measg nan lùdhach gus an latha an-diugh.

#### **Am Barantas Mòr**

<sup>16</sup>A-nis, chaidh an t-aon dheisciobal deug a Ghalile, dhan bheinn far an do dh'òrdaich Ìosa dhaibh a dhol.

<sup>17</sup>Agus nuair a chunnaic iad e, rinn iad adhradh dha; ach bha cuid dhiubh teagmhach.

<sup>18</sup>Agus thàinig Ìosa is thuir e riutha, “Chaidh a h-uile h-ùghdarras ann an nèamh agus air talamh a thoirt dhòmhsa.

<sup>19</sup>Thallaibh-se, mar sin, agus dèanaibh deisciobail dhen a h-uile nàisean, gam baisteadh ann an ainm an Athar agus a' Mhic agus an Spioraid Naoimh,

<sup>20</sup>a' teagasg dhaibh a bhith a' cumail a h-uile rud a dh'àithn mise dhuibh. Agus seall, tha mise còmhla ribh an-còmhnaidh, gu deireadh na linne.”

## Marcas

### Marcas 1

#### Eòin Baistidh ag Ullachadh na Slighe

- <sup>1</sup>Toiseach soisgeul Ìosa Crìosd, Mac Dhè.
- <sup>2</sup>Dìreach mar a tha e sgrìobhte ann an Isaiah am fàidh: “Seall, tha mi a' cur mo theachdaire air toiseach ort, a dh'ullaicheas do shlighe;
- <sup>3</sup>guth aoin ag èigheach anns an fhàsach, ‘Ullaichibh slighe an Tighearna, dèanaibh a fhrith-rathaidean dìreach.’”
- <sup>4</sup>Nochd Eòin, a' baisteadh anns an fhàsach agus a' searmonachadh baisteadh an aithreachais airson mathanas pheacaidhean.
- <sup>5</sup>Agus bha tìr Iudèa gu lèir agus na h-Ierusalemich a' dol a-mach thuige agus bha e gam baisteadh ann an abhainn Iòrdain, 's iad ag aideachadh am peacaidhean.
- <sup>6</sup>A-nis bha Eòin air èideadh le fionnadh chàmhal, le crios leathair ma mheadhan, agus ag ithe lòcaist le mil fhiadhaich.
- <sup>7</sup>Agus shearmonaich e ag ràdh, “Tha an t-Aon a tha a' tighinn às mo dhèidh nas cumhachdaiche na mise, air nach airidh mise air cromadh sìos agus barrail a chuarain fhuasgladh.
- <sup>8</sup>Bhaist mise sibh le uisge, ach baistidh esan sibh leis an Spiorad Naomh.”

#### Baisteadh agus Buairadh Ìosa

- <sup>9</sup>Anns na làithean sin thàinig Ìosa o Nàsaret Ghalile agus chaidh a bhaisteadh le Eòin anns an Iòrdan.
- <sup>10</sup>Nuair a bha e a' tighinn a-nìos às an uisge, chunnaic e na nèamhan gan reubadh fosgailte agus an Spiorad a' tighinn a-nuas air mar chalman.
- <sup>11</sup>Agus thàinig guth o nèamh ag ràdh, “Is tusa mo Mhac gràdhach, leatsa tha mi fìor thoilichte.”
- <sup>12</sup>Sa bhad, chuir an Spiorad dhan fhàsach e.
- <sup>13</sup>Agus bha e anns an fhàsach airson ceathrad latha air a bhuaireadh leis an t-Sàtan. Agus bha e còmhla ri na beathaichean fiadhaich, agus bha na h-ainglean a' frithealadh dha.

#### Ìosa a' Cur an Cèill an Deagh Sgeul

- <sup>14</sup>A-nis às dèidh do dh'Eòin a bhith air a chur an grèim, thàinig Ìosa a-steach do Ghalile, a' searmonachadh soisgeul Dhè,
- <sup>15</sup>agus ag ràdh, “Chaidh an t-àm a choileanadh, agus tha rìoghachd Dhè faisg. Dèanaibh-se aithreachas agus creidibh an soisgeul!”

### Gairm nan Ciad Dheisciobal

**16** Agus a' coiseachd ri taobh Muir Ghalile, chunnaic e Sìmon agus Anndra a bhràthair a' tilgeil lìon dhan mhuir, oir b' e iasgairean a bh' annta.

**17** Thuirt Ìosa riutha, “Thigibh às mo dhèidh-sa, agus nì mi sibh nur n-iasgairean air daoine.”

**18** Agus sa bhad dh'fhàg iad an lìn agus lean iad esan.

**19** Agus a' dol beagan air adhart, chunnaic e Seumas mac Shebede agus Eòin a bhràthair san eathar a' càradh an lìon.

**20** Sa bhad ghairm e iad, agus dh'fhàg iad Sebede an athair san eathar còmhla ris na fir a bh' air am fastadh, agus lean iad esan.

### Ìosa a' Cur Ruaig air Spiorad Olc

**21** Agus chaidh iad a-steach do Chapernàum agus sa bhad air an t-Sàbaid chaidh e a-steach dhan t-sionagog agus bha e a' teagasg.

**22** Agus bha iad fo iongnadh mu a theagasg-san, oir theagaisg e mar neach aig an robh ùghdarras, agus cha b' ann mar na sgrìobhaichean.

**23** Direach an uair sin bha duine anns an robh spiorad neòghlan san t-sionagog aca, agus dh'èigh e,

**24** ag ràdh, “Dè do ghnothach-sa rinne, Ìosa o Nàsaret? An tàinig thu gar sgrios? Is aithne dhòmhsa cò thu – Aon Naomh Dhè.”

**25** Agus chronaich Ìosa e, ag ràdh, “Bi sàmhach agus thig a-mach às!”

**26** Dhubh-chriothnaich an spiorad neòghlan e, agus ag èigheach le guth àrd, thàinig e a-mach às.

**27** Agus bha iad uile fo uimhir de dh'iongnadh is gun do dh'fhaighnich iad do chàch-a-chèile, “Dè tha seo? Teagasg ùr le ùghdarras! Tha e fiù 's a' toirt òrdugh dha na spioradan neòghlan, agus tha iad umhail dha.”

**28** Agus chaidh a chliù sa bhad a-mach air feadh na tìre gu lèir timcheall Ghalile.

### Ìosa a' Leigheas Mhòran

**29** Nuair a thàinig iad on t-sionagog, chaidh iad a-steach do thaigh Shìmoin is Anndra, còmhla ri Seumas is Eòin.

**30** A-nis bha màthair-chèile Shìmoin na laighe tinn le fiabhras, agus sa bhad dh'innis iad do dh'Ìosa ma deidhinn.

**31** Agus thàinig esan agus rug e air làimh oirre agus thog e suas i. An uair sin dh'fhàg am fiabhras i, agus fhritheil i dhaibh.

**32**Air an fheasgar sin aig dol sìos na grèine bha iad gan toirt-san uile a bha tinn thuige, agus iadsan a bha fo chumhachd dheamhan.

**33**Bha am baile gu lèir air a chruinneachadh aig an doras.

**34**Agus leighis e mòran a bha tinn le iomadh seòrsa tinneis, agus thilg e a-mach mòran dheamhain, agus cha cheadaicheadh e dha na deamhain bruidhinn, a chionn 's gum b' aithne dhaibh e.

### **Ìosa ag Ùrnaigh ann an Àite Fàsail**

**35**Agus ag èirigh fìor thràth sa mhadainn, fhad 's a bha e fhathast dorcha, dh'fhalbh e agus chaidh e gu àite fàsail, agus an sin bha e ag ùrnaigh.

**36**Shir Sìmon agus an fheadhainn a bha còmhla ris gu dùrachdach e,

**37**agus lorg iad e is thuirtead ris, “Tha a h-uile duine a' coimhead air do shon!”

**38**Agus thuirtead esan riutha, “Rachamaid air adhart gu na bailtean a tha faisg air làimh, airson 's gum faod mi searmonachadh an sin cuideachd. Oir is ann airson seo a thàinig mi.”

**39**Agus chaidh e tro Ghalile gu lèir a' searmonachadh anns na sionagogan aca agus a' tilgeil a-mach dheamhain.

### **Duine le Luibhre**

**40**Thàinig lobhar thuige, a' guidhe air, agus a' lùbadh a ghlùn dha, thuirtead e ris, “Mas miann leat, tha thu comasach air mise a dhèanamh glan.”

**41**Agus air a lìonadh le truas, shìn e a-mach a làmh agus bhean e ris, agus thuirtead e, “Is miann leam. Bi glan!”

**42**Sa bhad dh'fhàg an luibhre e, agus chaidh a dhèanamh glan.

**43**An uair sin, a' rabhadh dha gu geur, chuir e air falbh sa bhad e.

**44**Agus thuirtead e ris, “Feuch nach innis thu rud sam bith do neach sam bith. Ach thalla agus seall thu fhèin dhan t-sagart, agus mar fhianais dhaibh, tairg na dh'àithn Maois airson do ghlanaidh.”

**45**Ach chaidh esan a-mach agus thòisich e air tòrr aithris a dhèanamh agus air an naidheachd a sgaoileadh mun cuairt, air chor is nach b' urrainn do dh'Ìosa tuilleadh a dhol gu follaiseach a-steach do bhaile. Ach dh'fhan e a-muigh ann an àiteachan fàsail agus bha daoine a' tighinn thuige on a h-uile taobh.

## **Marcas 2**

### **Ìosa a' Leigheas Fear leis a' Phairilis**

<sup>1</sup>Nuair a thàinig e a-rithist gu Capernàum às dèidh beagan làithean, chaidh cluinntinn gun robh e aig an dachaigh.

<sup>2</sup>Chaidh mòran a chruinneachadh còmhla, air chor is nach robh an còrr àite ann, fiù 's aig an doras, agus bha e ag aithris an fhacail dhaibh.

<sup>3</sup>Agus thàinig iad, a' toirt thuige fear air an robh a' phairilis, air a ghiùlain le ceathrar.

<sup>4</sup>Nuair nach b' urrainn dhaibh faighinn faisg air Ìosa air sgàth an t-sluaigh, thug iad air falbh mullach an taighe os a chionn, agus às dèidh dhaibh a tholladh, leig iad sìos an leabaidh air an robh am fear leis a' phairilis na laighe.

<sup>5</sup>Nuair a chunnaic Ìosa an creideamh-san, thuit e ris an fhear air an robh a' phairilis, “A leanaibh, tha do pheacaidhean air am mathadh dhut.”

<sup>6</sup>A-nis bha cuid dhe na sgrìobhaichean nan suidhe an sin, a' reusanachadh nan cridheachan,

<sup>7</sup>“Carson a tha am fear seo a' bruidhinn mar sin? 'S e toibheum a tha an seo. Cò a dh'fhaodas peacaidhean a mhathadh ach an t-Aon – Dia?”

<sup>8</sup>Agus cho luath 's a bha fios aig Ìosa na spiorad gun robh iadsan a' reusanachadh mar sin annta fhèin, thuit e riutha, “Carson a tha sibh a' reusanachadh na rudan sin nur cridheachan?”

<sup>9</sup>Dè as fhasa, a ràdh ris an fhear air a bheil a' phairilis, ‘Tha do pheacaidhean air am mathadh dhut,’ no a ràdh, ‘Èirich, tog suas do leabaidh agus coisich?’

<sup>10</sup>Ach airson 's gum faod fios a bhith agaibh gu bheil ùghdarras aig Mac an Duine air thalamh airson peacaidhean a mhathadh”, thuit e ris an fhear air an robh a' phairilis,

<sup>11</sup>“Tha mi ag ràdh riut, èirich, tog suas do leabaidh, agus thalla dhad thaigh.”

<sup>12</sup>Dh'èirich e agus sa bhad thog e suas a leabaidh agus chaidh e a-mach mun coinneamh gu lèir. Bha iongnadh mòr orra uile agus ghlòraich iad Dia, ag ràdh, “Chan fhaca sinne riamh rud sam bith mar seo!”

### **Ìosa a' Gairm Lèbhi**

<sup>13</sup>Chaidh e a-mach a-rithist ri taobh na mara. Bha an sluagh gu lèir a' tighinn thuige, agus bha e gan teagasg.

<sup>14</sup>Agus a' gabhail seachad, chunnaic e Lèbhi mac Alphèuis na shuidhe aig bùth na cìse agus thuit e ris, “Lean mise.” Agus dh'èirich e is lean e e.

<sup>15</sup>Agus fhad 's a bha e na shuidhe aig bòrd aig a thaigh-san, bha mòran chis-mhaor is pheacach nan suidhe còmhla ri Ìosa agus a dheisciobail, oir bha mòran ann a lean e.



**16**Nuair a chunnaic na sgrìobhaichean agus na Pharasaich esan ag ithe còmhla ri peacaich agus ri cìs-mhaoir, thuirt iad ri dheisciobail, “Carson a tha e ag ithe agus ag òl còmhla ri cìs-mhaoir agus ri peacaich?”

**17**Nuair a chuala Ìosa seo, thuirt e riutha, “Chan iadsan a tha slàn aig a bheil feum air lighiche, ach iadsan a tha tinn. Cha tàinig mise a ghairm nam firean, ach nam peacach.”

### **Ìosa air a Cheasnachadh mu Thrasgadh**

**18**Bha deisciobail Eòin is nam Pharasach a' trasgadh. Thàinig daoine agus thuirt iad ris, “Carson a tha deisciobail Eòin is nam Pharasach a' trasgadh, 's nach eil do dheisciobail-sa a' trasgadh?”

**19**Fhreagair Ìosa, “An urrainn do fhleasgaich na bainnse trasgadh fhad 's a tha fear na bainnse còmhla riutha? Cho fada 's a tha fear na bainnse aca còmhla riutha, chan urrainn dhaibh trasgadh.

**20**Ach thig na làithean anns an tèid fear na bainnse a thoirt uapa, agus an uair sin nì iad trasgadh san latha sin.

**21**“Chan eil neach sam bith a' fuaigheal pìos aodaich neosheargte air seann bhad aodaich. Ma dh'fhuaighleas, tha an tuthag a' draghadh air falbh uaithe – am pìos ùr on t-seann phìos – agus tha an sracadh air a dhèanamh nas miosa.

**22**Agus chan eil duine sam bith a' cur fion ùr ann an seann searragan. Ma chuireas, sracaidh am fion ùr na searragan, agus tha am fion agus na searragan air an sgrios, ach tha fion ùr ga chur ann an searragan ùra.”

### **Tighearna na Sàbaid**

**23**Aon Shàbaid bha e a' dol tro na h-achaidhean arbhair agus, fhad 's a bha iad a' coiseachd, thòisich a dheisciobail air na diasan arbhair a spìonadh.

**24**Agus thuirt na Pharasaich ris, “Seall, carson a tha iad a' dèanamh an rud nach eil ceadaichte air Latha na Sàbaid?”

**25**Thuirt e riutha, “Nach do leugh sibhse riamh mar a rinn Daibhidh nuair a bha e ann an dìth, agus acras air fhèin agus orrasan a bha còmhla ris?”

**26**Mar a chaidh e a-steach do thaigh Dhè ann an làithean Abiatair an t-àrd-shagart, agus a dh'ith e an t-aran coisrigte, nach eil laghail do neach sam bith ithe ach dha na sagartan, agus a thug e cuideachd dhan fheadhainn a bha còmhla ris?”

**27**An uair sin thuirt e riutha, “Chaidh an t-Sàbaid a dhèanamh airson an duine, 's chan e an duine airson na Sàbaid.

**28**Mar sin, is e Mac an Duine fiù 's Tighearna na Sàbaid.”

## Marcas 3

### Ìosa a' Leigheas air an t-Sàbaid

<sup>1</sup>A-rithist chaidh e a-steach dhan t-sionagog, agus bha duine an sin le làimh sheargte.

<sup>2</sup>Agus rinn iad faire air airson faicinn an leighiseadh e air an t-Sàbaid e, airson 's gum b' urrainn dhaibh cùis-dhìtidh a thoirt na aghaidh.

<sup>3</sup>Thuirt e ris an duine, am fear leis an làimh sheargte, “Èirich dhan mheadhan.”

<sup>4</sup>Agus thuirt e riutha, “A bheil e ceadaichte air làithean na Sàbaid math a dhèanamh no olc, anam a shàbhaladh no a sgrios?” Ach dh'fhan iadsan sàmhach.

<sup>5</sup>Sheall e mun cuairt orra le feirg, air a chràdh gu domhainn air sgàth cruas an cridhe, agus thuirt e ris an duine, “Sìn a-mach do làmh.” Shìn e a-mach i, agus chaidh a làmh aiseag slàn dha.

<sup>6</sup>Sa bhad chaidh na Pharasaich a-mach còmhla ri na Heròdianaich agus bha iad a' gabhail comhairle le chèile na aghaidh-san mu mar a sgriosadh iad e.

### Slòigh a' Leantainn Chrìosd

<sup>7</sup>Tharraing Ìosa air ais chun na mara còmhla ri a dheisciobail, agus lean sluagh mòr e o Ghalile agus o Iudèa,

<sup>8</sup>o Ierusalem agus o Idumèa, o thaobh thall Iòrdain agus o mu thimcheall Thìruis agus Shìdoin. Nuair a chuala an sluagh mòr mun a h-uile rud a bha e a' dèanamh, thàinig iad thuige.

<sup>9</sup>Agus thuirt e ri a dheisciobail eathar bheag a dheisealachadh air a shon air sgàth an t-sluaigh, airson 's nach bruthadh iad e.

<sup>10</sup>Oir bha e air mòran a leigheas, leis a' bhuil gun do theann iadsan uile ris air an robh tinneasan, airson 's gum beanadh iad ris.

<sup>11</sup>Agus uair sam bith a chunnaic na spioradan neòghlan e, thuiteadh iad sìos ma choinneamh agus ghlaodhadh iad a-mach, “Is tusa Mac Dhè.”

<sup>12</sup>Ach thug e òrdugh teann dhaibh nach dèanadh iad aithnichte e.

### An Dà Abstol Dheug

<sup>13</sup>Agus chaidh e suas chun na beinne agus ghairm e thuige fhèin an fheadhainn sin a bha e ag iarraidh, agus thàinig iad thuige.

<sup>14</sup>Agus shuidhich e dà fhear dheug – a dh'ainmich e cuideachd mar abstoil – airson 's gum biodh iad còmhla ris agus gun cuireadh e a-mach iad a shearmonachadh,

- <sup>15</sup> agus airson 's gum biodh ùghdarras aca deamhain a thilgeil a-mach.
- <sup>16</sup> Shuidhich e an dà fhear dheug: Simon (dhan tug e an t-ainm Peadar);
- <sup>17</sup> Seumas mac Shebede agus Eòin bràthair Sheumais (dhan tug e an t-ainm Boanerges, 's e sin Mic nan Tàirneanach);
- <sup>18</sup> Anndra, Philip, Bartolomèus, Mata, Tòmas, Seumas mac Alphèuis, Tadèus, Simon an Canàanach;
- <sup>19</sup> agus Iùdas Iscariot, a bhrath esan.

### **Ìosa agus Beelsebul**

- <sup>20</sup> An uair sin chaidh e dhachaigh, agus chruinnich an sluagh a-rithist, air chor 's nach robh e an comas dhaibh fiù 's aran ithe.
- <sup>21</sup> Nuair a chuala a chàirdean seo, chaidh iad a-mach airson grèim a ghabhail air, oir bha iad ag ràdh, “Tha e às a chiall.”
- <sup>22</sup> Agus bha na sgrìobhaichean a thàinig a-nuas o Ierusalem ag ràdh, “Tha seilbh aig Beelsebul air! Is ann tro uachdaran nan deamhan a tha e a' tilgeil a-mach dheamhan.”
- <sup>23</sup> Agus ghairm e thuige iad agus thuir e riutha ann an cosamhlachdan, “Ciamar as urrainn dhan t-Sàtan an Sàtan a thilgeil a-mach?”
- <sup>24</sup> Ma bhios rìoghachd roinnte na h-aghaidh fhèin, chan urrainn dhan rìoghachd sin seasamh.
- <sup>25</sup> Agus ma bhios taigh roinnte na aghaidh fhèin, chan urrainn dhan taigh sin seasamh.
- <sup>26</sup> Agus ma tha an Sàtan air èirigh suas na aghaidh fhèin agus gu bheil e roinnte, chan urrainn dha seasamh, tha e crìochnaichte.
- <sup>27</sup> Ach chan urrainn do neach sam bith a dhol a-steach do thaigh duine làidir agus a sheilbh a chreach mura ceangail e an duine làidir an toiseach, agus an uair sin creachaidh e a thaigh.
- <sup>28</sup> Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh gun tèid a h-uile peacadh a mhathadh do chloinn nan daoine, agus ge b' e dè na toibheuman a chanas iad;
- <sup>29</sup> ach ge b' e cò a chanas toibheum an aghaidh an Spioraid Naoimh, chan fhaigh e mathanas a-chaidh, ach tha e ciontach de pheacadh sìorraidh”,
- <sup>30</sup> airson 's gun tuir iad, “Tha spiorad neòghlan aige.”

### **Màthair agus Bràithrean Ìosa**

- <sup>31</sup> An uair sin thàinig a mhàthair agus a bhràithrean agus, a' seasamh a-muigh, chuir iad fios thuige agus ghairm iad air.

<sup>32</sup>Bha sluagh nan suidhe timcheall air, agus thuir iad ris, “Tha do mhàthair agus do bhràithrean a-muigh, gad shireadh.”

<sup>33</sup>Agus fhreagair e iad, “Cò iad mo mhàthair agus mo bhràithrean?”

<sup>34</sup>Agus a' coimhead mun cuairt orrasan a bha nan suidhe timcheall air, thuir e, “Seallaibh, mo mhàthair agus mo bhràithrean!

<sup>35</sup>Oir ge b' e a nì toil Dhè, is esan mo bhràthair agus mo phiuthar agus mo mhàthair.”

## **Marcas 4**

### **Cosamhlachd Fear-Cuir an t-Sìl**

<sup>1</sup>A-rithist thòisich e air teagasg ri taobh na mara. Chruinnich sluagh fìor mhòr timcheall air, a dh'fhàg gun deach e a-steach do dh'eathar, agus shuidh e innte air a' mhuir, agus bha an sluagh gu lèir ri taobh na mara air an tìr.

<sup>2</sup>Agus bha e a' teagasg mòran rudan dhaibh ann an cosamhlachdan, agus na theagasg thuir e riutha,

<sup>3</sup>“Èistibh! Chaidh fear-cuir sìl a-mach a chur sìl

<sup>4</sup>agus fhad 's a bha e a' cur, thuit cuid ri taobh an rathaid, agus thàinig na h-eòin agus dh'ith iad e.

<sup>5</sup>Thuit cuid eile air àite creagach, far nach robh mòran talmhainn aige, agus sa bhad dh'fhàs e suas, a chionn 's nach robh doimhne talmhainn aige.

<sup>6</sup>Agus nuair a dh'èirich a' ghrian chaidh a losgadh, agus a chionn 's nach robh freumh aige, shearg e às.

<sup>7</sup>Thuit cuid eile am measg dhroigheann, agus dh'fhàs na droighinn suas agus thachd iad e, agus cha tug e toradh a-mach.

<sup>8</sup>Agus thuit cuid eile air talamh math is thug e toradh a-mach, a' fàs suas agus a' meudachadh, is ghiùlain e a thrithead, a sheasgad 's a cheud uiread.”

<sup>9</sup>Agus thuir e, “An neach aig a bheil cluasan airson cluinntinn, cluinneadh e.”

<sup>10</sup>Nuair a bha e na aonar, dh'fhaighnich iadsan a bha mun cuairt air, còmhla ris an dà fhear dheug, mu dheidhinn na cosamhlachd.

<sup>11</sup>Thuir e riutha, “Dhuibhse chaidh diomhaireachd rìoghachd Dhè a thoirt, ach dhaibhsan a th' air an taobh a-muigh tha a h-uile rud ann an cosamhlachdan

**12**airson 's: “a' faicinn, gum faiceadh iad, ach nach toireadh iad fa-near, agus a' cluinntinn, gun cluinneadh iad ach nach tuigeadh iad; air eagal 's gun tionndaidheadh iad agus gum faigheadh iad mathanas!”

**13**An uair sin thuir e riutha, “Nach eil sibh a' tuigsinn na cosamhlachd seo? Ciamar mar sin a thuigeas sibh na cosamhlachdan air fad?”

**14**Tha am fear-cuir a' cur an fhacail.

**15**Is iad seo an fheadhainn ri taobh an rathaid, far a bheil am facal air a chur: nuair a chluinneas iad, tha an Sàtan a' tighinn sa bhad agus a' toirt air falbh an fhacail a chaidh a chur annta.

**16**Agus is iad seo an fheadhainn a th' air an cur air àite creagach: an fheadhainn, nuair a chluinneas iad am facal, a ghabhas e sa bhad le gàirdeachas.

**17**Agus chan eil freumh aca annta fhèin, ach mairidh iad ùine ghoirid. An uair sin, nuair a dh'èireas àmhghar no geur-leanmhainn air sgàth an fhacail, sa bhad tha iad a' tuiteam air falbh.

**18**Agus tha feadhainn eile air an cur am measg dhroigheann: is iad sin an fheadhainn a chluinneas am facal;

**19**ach tha cùraman an t-saoghail agus mealltaireachd beairteis agus na miannan airson rudan eile a' tighinn a-steach is a' tachdadh an fhacail, agus tha e fàs neothorrach.

**20**Ach is iadsan a chaidh a chur ann an talamh math an fheadhainn a chluinneas am facal agus a ghabhas e is a bheir a-mach toradh – a thrithead, a sheasgad agus a cheud uiread.”

### **Lampa air Lampair**

**21**Thuir e riutha, “A bheil lampa air a toirt a-steach airson 's gun tèid a cur fo shoitheach, no fo leabaidh? Nach ann airson a cur air an lampair?”

**22**Oir chan eil rud sam bith falaichte ach airson 's gum bi e air fhoillseachadh; cha mhotha a tha rud sam bith dìomhair ach airson 's gun tig e am follais.

**23**Ma tha cluasan airson èisteachd aig neach sam bith, èisteadh e.”

**24**Agus thuir e riutha, “Thoiribh an aire dha na chluinneas sibh. Leis an tomhas a chleachdas sibh, thèid a thomhas dhuib' fhèin, agus thèid tuilleadh a chur ribhse.

**25**Oir an neach aig a bheil, thèid toirt dha, agus an neach aig nach eil, thèid fiù 's na th' aige a thoirt uaithe.”

### **Cosamhlachd an t-Sìl a Tha a' Fàs**

<sup>26</sup>Thuir e cuideachd, “Tha rìoghachd Dhè mar gun sgaoileadh duine sìol air an talamh.

<sup>27</sup>Caidlidh is èiridh e a dh'oidhche 's a latha, agus bòrcaidh is fàsaidh an sìol air dhòigh 's nach aithne dha.

<sup>28</sup>Bheir an talamh a-mach toradh leis fhèin – an toiseach a' bhileag-fheòir, an uair sin an dias, às dèidh sin an làn-ghràinne san dèis.

<sup>29</sup>Ach nuair a tha a' ghràinne abaich, sa bhad cuiridh e an corran a-steach, a chionn 's gu bheil am fogharadh air tighinn.”

### **Cosamhlachd an t-Sìol Mustaird**

<sup>30</sup>A-rithist thuir e, “Dè ris an samhlaich sinn rìoghachd Dhè, no dè a' chosamhlachd a chleachdas sinn air a son?

<sup>31</sup>Tha i coltach ri gràinne mustaird, rud – nuair a thèid a cur san talamh – as lugha dhe na sìl gu lèir a th' air thalamh,

<sup>32</sup>ach às dèidh a cur, fàsaidh i suas agus thig i gus a bhith nas motha na na lusàn-gàrraidh uile, agus cuiridh i geugan cho mòr a-mach is gun urrainn do dh'eòin an adhair neadan a dhèanamh fo a sgàil.

<sup>33</sup>Le mòran chosamhlachdan dhen leithid sin bhruidhinn e am facal riutha, a rèir mar a b' urrainn dhaibh èisteachd.

<sup>34</sup>Cha do bhruidhinn e riutha gun chosamhlachd, ach gu prìobhaideach bha e a' mìneachadh a h-uile rud dha dheisciobail fhèin.”

### **Iosa a' Socrachadh an Stoirm**

<sup>35</sup>Air an latha sin, nuair a bha am feasgar air tighinn, thuir e riutha, “Rachamaid thairis chun an taoibh eile.”

<sup>36</sup>Agus a' fàgail an t-sluaigh, thug iad leotha san eathar e, dìreach mar a bha e; agus bha eathraichean eile còmhla ris.

<sup>37</sup>An uair sin dh'èirich sgal mòr gaoithe agus bha na tonnan a' slaiceadh air an eathar, air chor 's gun robh i mu thràth ga lìonadh.

<sup>38</sup>Ach bha esan san deireadh, na chadal air a' chluasaig. Dhùisg iad e, agus thuir iad, “Fhir-Teagaisg, nach eil dragh idir agad gu bheil sinn gu bhith cailte?”

<sup>39</sup>Agus dhùisg esan, agus chronaich e a' ghaoth agus thuir e ris a' mhuir, “Sàmhach! Bi nad thost!” Agus stad a' ghaoth, agus bha ciùine mhòr ann.

<sup>40</sup>Thuir e riutha, “Carson a tha an t-eagal oirbh? Nach eil creideamh fhathast agaibh?”

<sup>41</sup>Agus chaidh an lìonadh le eagal mòr agus thuir iad ri chèile, “Cò mar sin a tha seo, agus gu bheil fiù 's a' ghaoth 's a' mhuir umhail dha?”

## Marcas 5

### Leigheas Duine anns an Robh Deamhan

- <sup>1</sup>Thàinig iad gu taobh eile na mara, gu dùthaich nan Gerasèanach.
- <sup>2</sup>Nuair a chaidh e a-mach às an eathar, sa bhad, o na tuaman, thachair duine ris anns an robh spiorad neòghlan,
- <sup>3</sup>aig an robh a dhachaigh anns na tuaman, agus cha b' urrainn neach sam bith a cheangal tuilleadh, fiù 's le sèinichean.
- <sup>4</sup>Oir chaidh a cheangal gu tric le slabhraidhean agus le sèinichean, ach tharraing e na sèinichean-coise às a chèile, agus bhris e na slabhraidhean nam pìosan beaga. Cha robh an neart aig neach sam bith airson a cheannsachadh.
- <sup>5</sup>A latha 's a dh'oidhche, am measg nan tuam 's air na beanntan, bha e an-còmhnaidh ag èigheach 's ga ghearradh fhèin le clachan.
- <sup>6</sup>Nuair a chunnaic e Ìosa o fhad' às, ruith e agus thilg e e fhèin sìos ma choinneamh.
- <sup>7</sup>Agus dh'èigh e le guth àrd, is thuir e, “Dè mo ghnothach riutsa, Ìosa, a Mhic an Dè as ro àirde? Tha mi a' guidhe ort, tro Dhia, gun mo chur fo àmhghar.”
- <sup>8</sup>Oir bha e ag ràdh ris, “Thig a-mach às an duine, a spioraid neòghlain!”
- <sup>9</sup>Agus bha Ìosa a' faighneachd dha, “Dè an t-ainm a th' ort?” Fhreagair esan, “Is e Lègion an t-ainm a th' orm, oir tha mòran againn ann.”
- <sup>10</sup>Agus ghuidh e air gu dùrachdach gun an cur a-mach às an dùthaich.
- <sup>11</sup>A-nis bha treud mòr mhuc an sin ag ionaltradh faisg air làimh air cliathaich na beinne.
- <sup>12</sup>Ghuidh na deamhain air Ìosa, “Cuir sinne dha na mucan; leig leinn a dhol a-steach annta.”
- <sup>13</sup>Mar sin thug e cead dhaibh, agus thàinig na spioradan neòghlan a-mach, agus chaidh iad a-steach dha na mucan; agus ruith an treud, timcheall air dà mhìle dhiubh, sìos gu luath air leathad cas dhan mhuir; agus chaidh am bàthadh sa mhuir.
- <sup>14</sup>Agus theich iadsan a bha gam biathadh agus dh'aithris iad e sa bhaile agus san dùthaich. Agus thàinig daoine airson faicinn dè an rud a bh' air tachairt.

**15**Thàinig iad gu Ìosa agus chunnaic iad an duine anns an robh na deamhain, am fear aig an robh an Lègion, na shuidhe an sin, air èideadh agus ceart sa cheann; agus bha an t-eagal orra.

**16**Agus iadsan a chunnaic e, dh'aithris iad dhaibh mar a thachair dhan duine san robh na deamhain, agus mu na mucan.

**17**Agus thòisich iad a' guidhe air Ìosa a dhol a-mach às a' cheàrnaidh aca.

**18**Fhad 's a bha e a' dol a-steach dhan eathar, ghuidh an duine anns an robh na deamhain air Ìosa am faodadh e a bhith còmhla ris.

**19**Ach cha do leig e leis, is thuir e ris, “Thalla dhachaigh gu do chuideachd, agus innis dhaibh na rinn an Tighearna dhut, agus mar a rinn e tròcair ort.”

**20**Agus dh'fhalbh esan, agus thòisich e air aithris san Decapolis na rinn Ìosa dha. Agus ghabh iad uile iongnadh.

### **Nighean Mharbh is Boireannach Tinn**

**21**Nuair a bha Ìosa air a dhol thairis a-rithist san eathar chun an taoibh eile, chruinnich sluagh mòr timcheall air, agus bha e ri taobh na mara.

**22**An uair sin thàinig aon de riaghladairean an t-sionagoig, dham b' ainm làirus, agus nuair a chunnaic e esan, thuit e aig a chasan.

**23**Agus ghuidh e gu dùrachdach air, ag ràdh, “Tha mo nighean bheag ri uchd bàis. Thig, tha mi a' guidhe ort, agus cuir do làmhan oirre airson 's gun tèid a slànachadh, agus gum bi i beò.”

**24**Agus chaidh Ìosa còmhla ris. Lean sluagh mòr e agus bhrùth iad a-steach air.

**25**Agus bha boireannach ann air an robh sruth fala dà bhliadhna dheug.

**26**Bha i air mòran fhulang fo iomadh lighiche, agus bha i air na bh' aice a chosg, agus cha robh i dad na b' fheàrr, ach dh'fhàs i na bu mhiosa.

**27**Bha i air cluinntinn mu Ìosa agus thàinig i suas air a chùlaibh am measg an t-sluaigh, agus bhean i ris an aodach aige.

**28**Oir smaoinich i, “Ma bheanas mi fiù 's ris an aodach aige thèid mo shlànachadh”.

**29**Agus sa bhad chaidh a sruth fala a thiomachadh, agus dh'aithnich i na corp fhèin gun deach a leigheas on tinneas aice.

**30**Sa bhad dh'aithnich Ìosa ann fhèin gun robh cumhachd air a dhol a-mach às, agus thionndaidh e mun cuairt am measg an t-sluaigh, agus thuir e, “Cò a bhean rim aodach?”



**31** Agus thuirt a dheisciobail ris, “Tha thu a' faicinn an t-sluaigh a' bruthadh a-steach ort, agus tha thu ag ràdh, ‘Cò a bhean rium?’”

**32** Ach choimhead e mun cuairt airson a faicinn-se a rinn seo.

**33** An uair sin, agus fios aice dè a thachair dhi, thàinig am boireannach, fo eagal 's air chrith, is thuit i sìos ma choinneamh agus dh'innis i an fhìrinn air fad dha.

**34** Agus thuirt esan rithe, “A nighean, shlànaich do chreideamh thu. Thalla ann an sìth, agus bi slàn od thinneas.”

**35** Fhad 's a bha e fhathast a' bruidhinn, thàinig feadhainn o thaigh riaghladair an t-sionagoig a thuirt, “Tha do nighean air bàsachadh; carson a chuireadh tu dragh air an Fhear-Teagaisg tuilleadh?”

**36** Ach a' cluinntinn na thubhairt iad, thuirt Ìosa ri riaghladair an t-sionagoig, “Na bi fo eagal; dìreach creid.”

**37** Agus cha do leig e le neach sam bith a leantainn ach Peadar, Seumas is Eòin bràthair Sheumais.

**38** Thàinig iad gu taigh riaghladair an t-sionagoig, agus chunnaic Ìosa an ùpraid, feadhainn a' caoineadh 's a' burralaich.

**39** Agus nuair a chaidh e a-steach, thuirt e riutha, “Carson a tha sibh a' dèanamh ùpraid 's a' caoineadh? Cha do bhàsaich an leanabh, ach tha i na cadal.”

**40** Agus rinn iadsan gàire magaidh air. Ach às dèidh dha iadsan uile a chur a-mach, thug e leis athair is màthair an leanaibh 's iadsan a bha còmhla ris, agus chaidh e a-steach far an robh an leanabh.

**41** A' gabhail grèim air an leanabh air làimh, thuirt e rithe, “Talitha cùm,” a tha a' ciallachadh, “A chaileag, tha mise ag ràdh riut, èirich.”

**42** Sa bhad dh'èirich a' chaileag agus choisich i (bha i dà bhliadhna dheug a dh'aois). Agus sa bhad ghabh iad uile iongnadh anabarrach mòr.

**43** Agus thug e òrdugh teann dhaibh nach bu chòir fios a bhith aig neach sam bith air a seo, agus thuirt e riutha rudeigin a thoirt dhi ri ithe.

## **Marcas 6**

### **Fàidh gun Urram**

**1** Chaidh e air falbh às a sin, agus thàinig e gu a bhaile fhèin, agus lean a dheisciobail e.

**2** Agus nuair a thàinig an t-Sàbaid, thòisich e air teagasg san t-sionagog, agus ghabh mòran iongnadh nuair a chuala iad e, ag ràdh, “Cò às a fhuair

am fear seo na rudan seo? Dè an gliocas seo a chaidh a thoirt dha, 's gu bheil a leithid seo de dh'obraichean cumhachdach air an dèanamh le a làmhan?

<sup>3</sup>Nach e seo an saor, mac Moire agus bràthair Sheumais is Iòsais is Iùdais is Shìmoin? Agus nach eil a pheathraichean an seo còmhla rinn?” Agus ghabh iad oilbheum ma dheidhinn.

<sup>4</sup>Thuirt Iòsa riutha, “Chan eil fàidh gun urram ach na dhùthaich fhèin agus am measg a chàirdean, 's na thaigh fhèin.”

<sup>5</sup>Agus cha b' urrainn dha obair chumhachdach sam bith a dhèanamh an sin, a bharrachd air gun do chuir e a làmhan air beagan de mhuinntir a bha tinn agus gun do leighis e iad.

<sup>6</sup>Agus ghabh e iongnadh mun eas-creideamh.

### **Iòsa a' Cur a-mach an Dà Fhear Dheug**

An uair sin chaidh e timcheall nam bailtean a' teagasg.

<sup>7</sup>Agus ghairm e an dà fhear dheug thuige agus thòisich e air an cur a-mach dithis is dithis, agus thug e cumhachd dhaibh thairis air spioradan neòghlan.

<sup>8</sup>Dh'àithn e dhaibh gun rud sam bith a thoirt leotha airson na slighe, ach bata a-mhàin – gun aran, gun bhaga, gun airgead nan sporain –

<sup>9</sup>ach cuarain a cheangal orra agus gun dà lèine-fhada a bhith aca airson an cur orra.

<sup>10</sup>Agus thuirt e riutha, “Ge b' e cuin a thèid sibh a-steach do thaigh, fanaibh an sin gus am falbh sibh às an àite sin.

<sup>11</sup>Agus mura gabh àite sam bith ribh is nach èist iad ribh, nuair a dh'fhàgas sibh crathaibh an dust a tha for casan mar fhianais dhaibh.”

<sup>12</sup>Chaidh iad a-mach agus shearmonaich iad gum bu chòir do dhaoine aithreachas a dhèanamh.

<sup>13</sup>Agus thilg iad a-mach mòran dheamhan agus dh'ung iad le ola mòran a bha tinn agus leighis iad iad.

### **An Ceann air a Thoirt far Eòin Baistidh**

<sup>14</sup>Chuala an rìgh Herod ma dheidhinn, oir bha ainm Iòsa air fàs iomraiteach. Bha cuid ag ràdh, “Chaidh Eòin Baistidh a thogail o na mairbh agus is ann air sgàth sin a tha na cumhachdan mìorbhaileach seo ag obrachadh ann.”

<sup>15</sup>Ach thuirt cuid eile, “Is e Elisha a th' ann.” Agus thuirt cuid eile, “Is e fàidh a th' ann, mar aon dhe na fàidhean.”

<sup>16</sup>Ach nuair a chuala Herod mu dheidhinn, thuirt e, “Chaidh Eòin, dhen tug mise an ceann, a thogail o na mairbh!”

**17**Oir b' e Herod fhèin a chuir feadhainn a-mach airson 's gum biodh Eòin air a chur an grèim, agus cheangail e ann am prìosan e, air sgàth Heròdias, bean Philip a bhràthair fhèin, a chionn 's gun robh e air a pòsadh.

**18**Oir bha Eòin air a bhith ag ràdh ri Herod, “Chan eil e laghail dhut bean do bhràthar a bhith agad.”

**19**Mar sin bha Heròdias diombach ma dheidhinn agus bha i ag iarraidh a chur gu bàs. Ach cha b' urrainn dhi,

**20**oir bha eagal air Herod o Eòin, a chionn 's gun robh fios aige gum b' e duine ionraic is naomh a bh' ann, agus chùm e sàbhailte e. Nuair a chuala Herod e, bha e fo imcheist mhòr, ach chòrd e ris èisteachd ris.

**21**Ach thàinig cothrom nuair a rinn Herod, air a cho-là-breith, bangaid dha na h-uaislean 's na ceannardan-armailt aige agus do phrìomh dhaoine Ghalile.

**22**Oir nuair a thàinig nighean Heròdias a-steach agus a rinn i dannsa, thoilich i Herod agus na h-aoghean aige. Agus thuirt an rìgh ris a' chaileig, “Iarr nì sam bith as miann leat uamsa, agus bheir mi dhut e.”

**23**Agus thug e mionnan dhi: “Ge b' e dè a dh'iarras tu orm, bheir mi dhut, suas gu leth mo rìoghachd.”

**24**Chaidh i a-mach agus thuirt i ri a màthair, “Dè a dh'iarras mi?” Agus thuirt ise, “Ceann Eòin Baistidh.”

**25**Sa bhad thàinig i ann an cabhaig chun an rìgh agus dh'iarr i, ag ràdh, “Tha mi airson 's gun toir thu dhomh, gun dàil, ceann Eòin Baistidh air truinnsear mòr.”

**26**Agus bha an rìgh ro dhuilich, ach a thaobh nam mionnan 's air sgàth nan aoghean aige cha robh e ag iarraidh am facal aige dhi a bhriseadh.

**27**Sa bhad chuir an rìgh a-mach bàsaire le òrdugh ceann Eòin a thoirt thuige. Dh'fhalbh e agus thug e dheth an ceann sa phrìosan,

**28**agus thug e a cheann leis air truinnsear mòr is thug e dhan chaileig e is thug a' chaileag dha màthair e.

**29**Nuair a chuala a dheisciobail mu dheidhinn, thàinig iad agus thug iad a chorp leotha is chuir iad ann an tuam e.

### **Ìosa a' Biathadh nan Còig Mìle**

**30**Chruinnich na h-abstoil timcheall air Ìosa agus dh'innis iad dha a h-uile rud a rinn iad agus na theagaisg iad.

**31**Agus thuirt e riutha, “Thigibh-se air falbh leib' fhèin gu àite fàsail is gabhaibh fois airson ùine bhig.” Oir bha mòran a' tighinn 's a' falbh, agus cha robh ùine aca fiù 's airson ithe.

- 32** Agus chaidh iad air falbh san eathar gu àite fàsail leotha fhèin.
- 33** Ach chunnaic mòran iad a' falbh agus dh'aithnich iad iad, agus ruith iad ann air chois às na bailtean gu lèir agus ràinig iad air thoiseach orra.
- 34** Nuair a chaidh e air tìr chunnaic e slugh mòr, agus bha truas aige riutha, a chionn 's gun robh iad mar chaoraich gun bhuachaille. Agus thòisich e air mòran rudan a theagasg dhaibh.
- 35** Mun àm seo bha e anmoch san latha; mar sin thàinig a dheisciobail thuige agus thuir iad, “S e àite fàsail a tha an seo agus tha an uair a-nis anmoch.
- 36** Cuir air falbh iad airson 's gun tèid iad dhan tìr mun cuairt 's dha na bailtean, agus gun ceannaich iad dhaib' fhèin rudeigin ri ithe.”
- 37** Ach fhreagair esan iad, “Thugaibhse dhaibh rudeigin a dh'itheas iad!” Agus thuir iadsan ris, “An tèid sinn a cheannach luach ochd mìosan tuarastail de dh'aran agus gun toir sinn dhaibh e ri ithe?”
- 38** Ach thuir esan riutha, “Cia mheud lof a th' agaibh? Thallaibh 's faicibh!” Agus nuair a fhuair iad a-mach thuir iad, “Còig, agus dà iasg.”
- 39** An uair sin dh'àithn e dhaibh uile suidhe sìos nam buidhnean air an fheur uaine.
- 40** Mar sin shuidh iad sìos ann am buidhnean, nan ceudan agus nan caogadan.
- 41** Agus a' gabhail nan còig lofaichean agus an dà iasg, sheall e suas gu nèamh, bheannaich e 's bhris e na lofaichean is thug e iad dha dheisciobail airson an cur mu choinneamh nan daoine. Agus roinn e cuideachd an dà iasg nam measg gu lèir.
- 42** Dh'ith iad uile agus bha iad air an sàsachadh.
- 43** Agus thog iad dà bhasgaid dheug làn de chrìomagan agus dhen iasg.
- 44** Agus b' iad an fheadhainn a dh'ith na lofaichean còig mìle fear.

### **Ìosa a' Coiseachd air an Uisge**

- 45** Sa bhad thug e air a dheisciobail a dhol dhan eathar agus a dhol roimhe chun an taoibh thall, gu Betsaida, fhad 's a chuir e fhèin an slugh air falbh.
- 46** Às dèidh dha beannachd fhàgail aca, chaidh e suas dhan bheinn a dh'ùrnaigh.
- 47** Nuair a thàinig am feasgar, bha an t-eathar am meadhan na mara, agus bha esan leis fhèin air tìr.

**48** Chunnaic e iadsan a' strì ag iomradh a chionn 's gun robh a' ghaoth nan aghaidh. Mus do dh'èirich a' ghrian, thàinig e thuca, a' coiseachd air a' mhuir, agus bha e gus a dhol seachad orra,

**49** ach nuair a chunnaic iad e a' coiseachd air a' mhuir, shaoil iad gum b' e taibhs a bh' ann, is dh'èigh iad,

**50** oir chunnaic iad uile e, agus bha iad fo oillt. Ach sa bhad bhruidhinn e riutha ag ràdh, “Biodh deagh mhisneach agaibh, is mise a th' ann; na biodh eagal oirbh.”

**51** An uair sin chaidh e a-steach dhan eathar còmhla riutha, agus sguir a' ghaoth. Agus bha iad uile-gu-lèir fo mhòr-iongnadh,

**52** bho nach robh iad air tuigsinn mu na lofaichean, oir bha an cridheachan air an cruadhachadh.

**53** Nuair a bha iad air a dhol thairis, thàinig iad gu tir aig Genesaret, agus dh'acraich iad air an tràigh.

**54** Agus nuair a thàinig iad a-mach às an eathar, sa bhad dh'aithnich na daoine e.

**55** Ruith iad mun cuairt a' cheàrnaidh sin gu lèir agus thòisich iad air an fheadhainn a bha tinn a ghiùlain air leapannan gu far an cuala iad esan a bhith.

**56** Ge b' e càit an deach e, bailtean beaga, bailtean mòra, dhan dùthaich, chuir iad na daoine a bha tinn nan laighe sna h-ionadan-margaidh agus ghuidh iad air gum faodadh iad beantainn fiù 's ri iomall aodaich. Agus na h-uimhir 's a bhean ris, chaidh an leigheas.

## **Marcas 7**

### **Glan agus Neòghlan**

**1** Chruinnich na Pharasaich agus cuid dhe na sgrìobhaichean a bh' air tighinn o Ierusalem timcheall air.

**2** Agus chunnaic iad gun robh cuid dhe na deisciobail aige ag ithe arain le làmhan “neòghlan”, is e sin gun an nighe.

**3** (Oir chan ith na Pharasaich 's na h-lùdhaich gu lèir biadh mura nigh iad an làmhan gu faiceallach, a' cumail dualchas nan èildearan.

**4** Agus nuair a thig iad on mhargaidh, chan ith iad mura nigh iad iad fhèin. Agus tha mòran de rudan eile ann a chumas iad, mar nighe chupannan is phoitean is shoithichean umha is bheingean-ithe).

<sup>5</sup>Dh'fhaighnich na Pharasaich 's na sgrìobhaichean dha, “Carson nach eil do dheisciobail a' coiseachd a rèir dualchas nan èildearan, ach ag ithe arain le làmhan ‘neòghlan’?”

<sup>6</sup>Agus thuir e riutha, “Is math a rinn Isaiah fàidheadaireachd mur deidhinn, a bhreug-chràbhaichean; mar a tha e sgrìobhte: “‘Tha an sluagh seo a' toirt urraim dhòmhsa lem bilean, ach tha an cridheachan fada uam.

<sup>7</sup>Is ann gu dìomhain a tha iad a' toirt adhraidh dhòmhsa, a' teagasg mar theagasg àitheantan dhaoine.’

<sup>8</sup>“Tha sibh a' trèigsinn àithne Dhè agus a' cumail ri dualchas dhaoine.”

<sup>9</sup>Agus thuir e riutha, “Tha dòigh mhath agaibh air àithne Dhè a chur gu aon taobh airson 's gun cùm sibh ri ur dualchas fhèin.

<sup>10</sup>Oir thuir Maois, ‘Thoir urram dhad athair agus dhad mhàthair,’ agus, ‘Ge b' e neach a mhallaicheas athair no màthair, thèid a chur gu cinnteach gu bàs.’

<sup>11</sup>Ach tha sibhse ag ràdh, ma chanas duine ri athair no ri mhàthair: ‘Tha ge b' e dè a bhiodh sibh air fhaighinn uamsa na Chorban’ (is e sin, tiodhlac do Dhia),

<sup>12</sup>mar sin cha cheadaich sibh dha tuilleadh rud sam bith a dhèanamh dha athair no dha mhàthair,

<sup>13</sup>a' cur Facal Dhè an neo-bhrìgh tro ur dualchas a tha sibhse a' toirt seachad. Agus tha sibh a' dèanamh mòran rudan dhen t-seòrsa sin.”

<sup>14</sup>Ghairm e an sluagh gu lèir thuige a-rithist is thuir e riutha, “Èistibh riumsa, sibhse uile, agus tuigibh:

<sup>15</sup>chan eil rud sam bith air taobh a-muigh an duine, tro a bhith a' dol a-steach ann, a tha an comas air a dhèanamh neòghlan, ach na rudan a tha a' tighinn a-mach às an duine, is iad sin a tha ga dhèanamh neòghlan.

<sup>16</sup>An neach aig a bheil cluasan, èisteadh e.”

<sup>17</sup>Agus nuair a chaidh e a-steach do thaigh air falbh on t-sluagh, dh'fhaighnich a dheisciobail dha mun abairt aige.

<sup>18</sup>Agus thuir e riutha, “Mar sin, a bheil sibhse fhathast gun tuigse?” Nach eil sibh a' faicinn nach urrainn do rud sam bith a thèid a-steach do neach on taobh a-muigh a dhèanamh neòghlan,

<sup>19</sup>air sgàth 's gu bheil e a' dol a-steach, chan ann dhan chridhe ach dhan stamaig aige, agus air a chur a-mach dhan t-sitig (mar sin chuir e an cèill gun robh a h-uile biadh “glan”).

<sup>20</sup>Agus thuirt e, “Is e an nì a thig a-mach às an duine a dh'fhàgas e 'neòghlan.’

<sup>21</sup>Oir on taobh a-staigh, a-mach à cridheachan dhaoine, thig smuaintean olca, strìopachas, goid, murt,

<sup>22</sup>adhaltranas, sannt, aingidheachd, mealltaireachd, feòlmhorachd, farmad, cùl-chàineadh, pròis, amaideachd.

<sup>23</sup>Tha a h-uile h-olc seo a' tighinn a-mach on taobh a-staigh, agus a' dèanamh an duine 'neòghlan.’”

### **Creideamh a' Bhoireannaich Shirophenisich**

<sup>24</sup>Agus o sin dh'èirich e is chaidh e air falbh gu ceàrnaidh Thìruis agus Shìdoin. Agus chaidh e a-steach do thaigh agus cha robh e ag iarraidh gum biodh fios aig neach sam bith air, ach a dh'aindeoin sin cha b' urrainn dha a bhith air fhalach.

<sup>25</sup>Ach sa bhad chuala boireannach aig an robh nighean bheag anns an robh spiorad neòghlan ma dheidhinn agus thàinig i is thuit i aig a chasan.

<sup>26</sup>A-nis b' e bana-Ghreugach a bh' anns a' bhoireannach, Siropheniseach a-thaobh a breith. Agus ghuidh i air gun tilgeadh e an deamhan a-mach às a nighinn.

<sup>27</sup>Agus thuirt e rithe, “Leig leis a' chloinn a bhith air am biathadh an toiseach, oir chan eil e ceart aran na cloinne a ghabhail 's a thilgeil chun nan con.”

<sup>28</sup>Ach fhreagair i e, “Seadh, a Thighearna, ach ithidh fiù 's na coin fon bhòrd sprùilleach na cloinne.”

<sup>29</sup>Agus thuirt e rithe, “Airson na freagairt seo, faodaidh tu falbh; tha an deamhan air a dhol a-mach às do nighinn.”

<sup>30</sup>Agus chaidh i dhachaigh is fhuair i an leanabh na laighe air an leabaidh agus an deamhan air tighinn a-mach.

### **Leigheas an Fhir a Bha Bodhar agus Balbh**

<sup>31</sup>A-rithist chaidh Ìosa a-mach à ceàrnaidh Thìruis agus chaidh e tro Shìdon gu Muir Ghalile, ann an ceàrnaidh Dhecapolis.

<sup>32</sup>Agus thug iad thuige duine a bha bodhar agus aig an robh stad na bhruidhinn, agus ghuidh iad air gun cuireadh e a làmh air.

<sup>33</sup>Ga thoirt gu aon taobh leis fhèin on t-sluagh, chuir e a chorragan na chluasan, agus às dèidh smugaid a thilgeil, bhean e ri a theangaidh.

<sup>34</sup>Agus a' coimhead suas gu nèamh rinn e osna agus thuirt e ris, “Ephphata!” (a tha a' ciallachadh, “Bi air d' fhosgladh!”).

<sup>35</sup>Agus chaidh a chluasan fhosgladh is chaidh ceangal a theangaidh fhuasgladh, agus bhruidhinn e gu soilleir.

<sup>36</sup>Agus dh'àithn Ìosa dhaibh gun innse do neach sam bith. Ach mar bu mhotha a dh'àithn esan dhaibh, 's ann a bu mhotha gu h-eudmhor a rinn iadsan aithris air.

<sup>37</sup>Agus bha iad fo iongnadh thar tomhais, ag ràdh, “Rinn e a h-uile rud gu math. Tha e fiù 's a' toirt air na bodhair cluinntinn agus air na balbhain bruidhinn.”

## Marcas 8

### Ìosa a' Biathadh nan Ceithir Mìle

<sup>1</sup>Anns na làithean sin, nuair a chruinnich sluagh mòr a-rithist, agus gun sìon aca ri ithe, ghairm Ìosa a dheisciobail thuige agus thuir e riutha,

<sup>2</sup>“Tha truas agam ris an t-sluagh a chionn 's gu bheil iad air a bhith còmhla rium a-nis trì latha agus nach eil sìon aca ri ithe.

<sup>3</sup>Ma chuireas mi air falbh acrach iad gu an dachaighean, fannaichidh iad air an t-slighe, agus tha cuid dhiubh air tighinn o astar fad' às.”

<sup>4</sup>Agus fhreagair a dheisciobail e, “Càit am bi neach sam bith an comas air gu leòr arain fhaighinn san àite fàsail seo airson an sàsachadh?”

<sup>5</sup>Agus dh'fhaighnich e dhaibh, “Cia mheud lof a th' agaibh?” Agus thuir iadsan, “Seachd.”

<sup>6</sup>Agus thug e òrdugh dhan t-sluagh suidhe sìos air an talamh. Agus ghabh e na seachd lofaichean, agus às dèidh dha taing a thoirt, bhris e iad, agus thug e dha dheisciobail iad, airson an cur mun coinneamh; agus chuir iad sìos mu choinneamh an t-sluaigh iad.

<sup>7</sup>Bha beagan de dh'èisg mheanbha aca cuideachd; agus às dèidh am beannachadh, dh'àithn e gum biodh iadsan cuideachd air an cur sìos mun coinneamh.

<sup>8</sup>Agus dh'ith iad agus chaidh an sàsachadh. Agus thog iad suas seachd basgaidean dhe na criomagan a bha a chèrr aca.

<sup>9</sup>A-nis bha mu cheithir mìle an sin. Agus chuir e air falbh iad.

<sup>10</sup>Agus sa bhad chaidh e a-steach dhan eathar còmhla ri a dheisciobail agus thàinig e gu ceàrnaidh Dhalmanuta.

<sup>11</sup>Thàinig na Pharasaich agus thòisich iad air argamaid ris, a' sireadh chomharraidh uaithe o nèamh, ga dhearbhadh.



**12** Agus ag osnaich gu domhainn na spiorad, thuir e, “Carson a tha an ginealach seo a' sireadh chomharraidh? Gu deimhinn tha mise ag ràdh ribh nach tèid comharra a thoirt dhan ghinealach seo.”

**13** Agus dh'fhàg e iad, agus às dèidh dha a dhol a-steach dhan eathar a-rithist, chaidh e chun an taoibh eile.

### **Taois Ghoirt nam Pharasach agus Heroid**

**14** A-nis bha na deisciobail air dìochuimhneachadh aran a thoirt leotha, agus cha robh aca ach aon lof nan cois san eathar.

**15** Agus thug e àithne dhaibh, ag ràdh, “Thoiribh an aire, bithibh faiceallach mu thaois ghoirt nam Pharasach, agus mu thaois ghoirt Heroid.”

**16** Agus thòisich iad air deasbad, ag ràdh, “Tha seo a chionn 's nach eil aran againn.”

**17** Agus a' tuigsinn seo, thuir Ìosa riutha, “Carson a tha sibh a' deasbad nach eil aran agaibh? An e nach eil sibh fhathast a' toirt fa-near no a' tuigsinn? A bheil ur cridheachan fhathast air an cruadhachadh?”

**18** A bheil sùilean agaibh is nach fhaic sibh agus a bheil cluasan agaibh is nach cluinn sibh? Agus nach eil sibh a' cuimhneachadh?

**19** Nuair a bhris mi na còig lofaichean airson nan còig mìle, cia mheud basgaid làn de chrìomagan a thog sibh?” Thuir iad ris, “A dhà dheug.”

**20** “Nuair a bhris mi na seachd airson nan ceithir mìle, cia mheud basgaid làn de chrìomagan a thog sibh?” Agus thuir iadsan, “Seachd.”

**21** Agus thuir e riutha, “Ciamar nach eil sibh a' tuigsinn?”

### **Leigheas Duine a Bha Dall aig Betsaida**

**22** Thàinig iad gu Betsaida, agus thug feadhainn thuige duine dall, agus ghuidh iad air gum beanadh e ris.

**23** Agus rug e air làimh air an duine dhall agus threòraich e a-mach às a bhaile e, agus às dèidh dha smugaid a chur air a shùilean agus a làmhan a chur air, dh'fhaighnich e dha, “A bheil thu a' faicinn sìon?”

**24** Agus choimhead e suas, is thuir e, “Tha mi a' faicinn dhaoine; tha iad a' coimhead coltach ri craobhan a' coiseachd.”

**25** An uair sin chuir Ìosa a làmhan air a shùilean a-rithist; agus choimhead gu geur air, agus fhuair e a fhradharc air ais, is chunnaic e a h-uile sìon gu soilleir.

**26** Agus chuir e gu a dhachaigh fhèin e, ag ràdh, “Na rach fiù 's dhan bhaile.”

### **Aidmheil Pheadair de Chrìosd**

**27** Agus chaidh Ìosa agus a dheisciobail a-mach gu bailtean Chesarèa Philipi. Air an t-slighe cheasnaich e a dheisciobail: “Cò a tha daoine ag ràdh a th' annam?”

**28** Agus thuirt iad ris, “Eòin Baistidh, agus canaidh cuid eile Eliah, agus cuid eile aon dhe na fàidhean.”

**29** Agus cheasnaich esan iad: “Ach cò a tha sibhse ag ràdh a th' annam?” Fhreagair Peadar e, “Is tusa an Crìosd.”

**30** Agus thug e òrdugh dhaibh gun seo innse do neach sam bith ma dheidhinn.

### **Ìosa ag Innse Ro-Làimh ma Bhàs Fhèin**

**31** Agus thòisich e a' teagasg dhaibh gum feumadh Mac an Duine mòran rudan fhulang 's a bhith air a dhiùltadh le na h-èildearan, na h-àrd-shagartan is na sgrìobhaichean, agus a bhith air a chur gu bàs agus às dèidh trì latha èirigh a-rithist.

**32** Is thuirt e seo gu soilleir. Agus thug Peadar gu aon taobh e is thòisich e ga chronachadh.

**33** Ach a' tionndadh agus a' faicinn a dheisciobal, chronaich e Peadar, ag ràdh, “Thalla gu mo chùlaibh, a Shàtain! Oir chan eil thu a' smaoinichadh mu rudan Dhè, ach mu rudan dhaoine.”

### **Slighe a' Chroinn-Ceusaidh**

**34** Agus ghairm e thuige an sluagh 's a dheisciobail, agus thuirt e riutha, “Mas e toil neach sam bith tighinn às mo dhèidh-sa, àicheadh e e fhèin, is togadh e suas a chrann-ceusaidh agus leanadh e mise.

**35** Oir ge b' e cò leis am bu toigh l' a bheatha a shàbhaladh, caillidh e i, ach ge b' e cò a chailleas a bheatha air mo shon-sa 's airson an t-soisgeil, sàbhailidh esan i.

**36** Oir dè a' bhuannachd a th' ann do dhuine an saoghal gu lèir a chosnadh agus a bheatha a chall?

**37** Oir dè as urrainn do dhuine a thoirt seachad an àite a bheatha?

**38** Oir ge b' e a ghabhas nàire mum dheidhinn-sa agus m' fhaclan sa ghinealach adhaltranach is olc seo, bidh Mac an Duine cuideachd a' gabhail nàire dhethsan nuair a thig e ann an glòir Athar 's nan ainglean naomha.”

## **Marcas 9**

<sup>1</sup>Agus thuir e riutha, “Tha mise ag ràdh ribh gu fìrinneach gu bheil cuid dhiubhsan nan seasamh an seo nach blais bàs gus am faic iad rìoghachd Dhè às dèidh dhi tighinn le cumhachd.”

### **An Cruth-Atharrachadh**

<sup>2</sup>Às dèidh sia latha, thug Ìosa Peadar is Seumas is Eòin leis agus threòraich e iad suas beinn àrd leotha fhèin. Agus chaidh a chruth-atharrachadh mun coinneamh,

<sup>3</sup>agus dh'fhàs aodach deàlrach, ro gheal, mar nach b' urrainn do ghealadair-aodaich sam bith air thalamh a ghealachadh.

<sup>4</sup>Agus chaidh Eliah a' nochdadh dhaibh còmhla ri Maois, agus bha iad a' còmhradh ri Ìosa.

<sup>5</sup>Thuir Peadar ri Ìosa, “A Rabaidh, tha e math dhuinne a bhith an seo. Dèanamaid trì pàilleanan – aon dhutsa agus aon do Mhaois agus aon do dh'Eliah.”

<sup>6</sup>Oir cha robh fios aige dè a chanadh e, oir bha iad fo dhearg-eagal.

<sup>7</sup>An uair sin thàinig sgòth a chuir sgàile orra, agus thàinig guth às an sgòth, ag ràdh, “Is e seo mo Mhac gràdhaichte; èistibh ris-san!”

<sup>8</sup>Sa bhad, nuair a choimhead iad mun cuairt, chan fhaca iad neach sam bith còmhla riutha ach Ìosa a-mhàin.

### **Teachd Eliah**

<sup>9</sup>Agus fhad 's a bha iad a' tighinn a-nuas on bheinn, dh'àithn e dhaibh gun na rudan a chunnaic iad innse do neach sam bith, gus am biodh Mac an Duine air èiridh o na mairbh.

<sup>10</sup>Chùm iad an gnothach aca fhèin, a' deasbad dè a bh' ann an ‘èirigh o na mairbh’.

<sup>11</sup>Agus dh'fhaighnich iad dha, “Carson a tha na sgrìobhaichean ag ràdh gum feum Eliah tighinn an toiseach?”

<sup>12</sup>Agus thuir esan riutha, “Tha Eliah a' tighinn an toiseach airson a h-uile rud aiseag; ach ciamar a tha e sgrìobhte mu Mhac an Duine, gu bheil e a' dol a dh'fhulang tòrr rudan agus gu bhith air a chur ann an dìmeas?

<sup>13</sup>Ach tha mise ag innse dhuibh gu bheil Eliah dha-rìribh air tighinn, agus rinn iad ris gach nì a thogair iad, a rèir mar a tha e sgrìobhte ma dheidhinn.”

### **Ìosa a' Leigheas Balach le Spiorad Balbh**

<sup>14</sup>Agus nuair a thàinig iad gu na deisciobail, chunnaic iad sluagh mòr mun timcheall, agus sgrìobhaichean ag argamaid riutha.

**15** Sa bhad nuair a chunnaic an sluagh gu lèir e, bha iad fo iongnadh mòr is ruith iad thuige agus chuir iad fàilte air.

**16** Agus dh'fhaighnich e dhaibh, “Dè a tha sibh ag argamaid riutha mu dheidhinn?”

**17** Agus fhreagair aon dhen t-sluagh e, “Fhir-Teagaisg, thug mi mo mhac thugad, oir tha spiorad aige a tha ga dhèanamh balbh.

**18** Agus ge b' e cuin a ghreimicheas e air, tha e ga thilgeil sìos, agus tha cop ma bheul agus tha e a' giosgarnaich fhiaclan agus fàsaidh e rag. Agus bhruidhinn mi ri do dheisciobail airson 's gun tilgeadh iad a-mach e, ach cha b' urrainn dhaibh.”

**19** Agus fhreagair esan iad, “O a ghinealaich eas-creidmhich, dè cho fada 's a bhios mi còmhla ribh? Dè cho fada 's a dh'fhuilingeas mi sibh? Thugaibh thugamsa e.”

**20** Agus thug iad am balach thuige. Nuair a chunnaic an spiorad e, sa bhad chrath e e, agus thuit e chun na talmhainn agus roilig e mun cuairt, le cop ma bheul.

**21** Agus dh'fhaighnich Ìosa dha athair, “Dè cho fada 's a tha seo air a bhith a' tachairt dha?” Agus thuirt e, “On a bha e na leanabh.

**22** Agus tha e gu tric air a thilgeil dhan teine, agus dhan uisge, airson a sgrios. Ach mas urrainn dhut rud sam bith a dhèanamh, cuidich leinn agus gabh truas rinn.”

**23** Agus thuirt Ìosa ris, “Mas urrainn dhut! Tha a h-uile rud comasach dhan neach a chreideas.”

**24** Sa bhad dh'èigh athair an leanaibh, “Tha mi a' creidsinn, cuidich thusa lem eas-creideamh!”

**25** Agus nuair a chunnaic Ìosa gun robh sluagh a' cruinneachadh gu luath, chronaich e an spiorad neòghlan, ag ràdh ris, “A spioraid bhailbh is bhodhair, tha mi ag òrdachadh dhut, thig a-mach às, agus na rach a-steach ann tuilleadh!”

**26** Agus às dèidh èigheach agus a chrathadh gu mòr, chaidh e a-mach às; agus bha am balach cho coltach ri aon a bha marbh is gun tuirte mòran, “Tha e marbh!”

**27** Ach ghabh Ìosa grèim air làimh air agus thog e suas e, agus sheas e.

**28** Agus nuair a chaidh e a-steach dhan taigh, dh'fhaighnich a dheisciobail dha gu prìobhaideach, “Carson nach robh an comas againne a thilgeil a-mach?”

**29** Agus thuir e riutha, “Chan urrainn an seòrsa seo tighinn a-mach tro rud sam bith ach ùrnaigh.”

### **Ìosa A-Rithist ag Innse Ro-Làimh ma Bhàs is ma Aiseirigh**

**30** Dh'fhalbh iad on àite sin agus chaidh iad tro Ghalile. Agus cha robh e ag iarraidh gum biodh fios aig neach sam bith,

**31** oir bha e a' teagasg a dheisciobal, ag ràdh riutha, “Tha Mac an Duine gus a bhith air a thoirt thairis do làmhan dhaoine, agus marbhaidh iad e. Agus às dèidh dhaibh a mharbhadh, às dèidh trì latha èiridh e a-rithist.”

**32** Ach cha do thuig iad an abairt, agus bha an t-eagal orra faighneachd dha.

**33** Agus thàinig iad gu Capernàum. An uair a bha e san taigh dh'fhaighnich e dhaibh, “Dè a bha sibh a' deasbad mu dheidhinn air an t-slighe?”

**34** Ach dh'fhan iad sàmhach, oir air an t-slighe bha iad air a bhith ag argamaid eatarra fhèin a thaobh cò aca a bu mhotha.

**35** A' suidhe sìos, ghairm e an dà fhear dheug thuige. Agus thuir e riutha, “Mas e toil neach sam bith a bhith air thoiseach, bidh esan air dheireadh air càch gu lèir, agus na sheirbheiseach dha na h-uile.”

**36** Agus ghabh e leanabh is chuir e nam meadhan e, agus nuair a ghabh e na ghàirdeanan e, thuir e riutha,

**37** “Ge b' e cò a ghabhas ri leanabh dhen leithid seo nam ainm-sa, tha e a' gabhail riumsa, agus ge b' e cò a ghabhas riumsa, chan ann riumsa ris e bheil e a' gabhail, ach ris an Aon a chuir a-mach mi.”

### **Ge B' e Nach Eil nar n-Aghaidh, Tha e air ar Son**

**38** Thuir Eòin ris, “Fhir-Teagaisg, chunnaic sinne duine a' tilgeil a-mach dheamhan nad ainm-sa, agus dh'fheuch sinn ri bacadh a chur air, a chionn 's nach robh e gar leantainn-ne.”

**39** Ach thuir Ìosa, “Na cuiribh bacadh air, oir chan eil neach sam bith a nì mìorbhail nam ainm-sa an comas, goirid às a dhèidh, air olc a ràdh mum dheidhinn.

**40** Oir ge b' e cò nach eil nar n-aghaidh, tha e leinn.

**41** Oir ge b' e cò a bheir cupa uisge dhuibhse ri òl nam ainm-sa, a chionn 's gur ann le Crìosd a tha sibh, gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh nach cail e a dhuais.

### **Ag Adhbhrachadh Peacaidh**

**42** “Ge b' e cò a dh'adhbhraicheas do dh'aon dhen mhuinntir bhig seo a tha a' creidsinn annamsa gum peacaich iad, b' fheàrr dha gum biodh

clach-mhuilinn mhòr air a crochadh ma amhaich agus gum biodh e air a thilgeil dhan fhairge.

<sup>43</sup>Agus ma dh'adhbhraicheas do làmh gum peacaich thu, geàrr dhìot i. Is fheàrr dhut a dhol a-steach dhan bheatha ciorramach na le dà làimh gun deigheadh tu a dh'lfrinn, dhan teine nach mùchar,

<sup>44</sup>far 'nach bàsaich an cnuimh-san, agus nach tèid an teine às.'

<sup>45</sup>Agus ma dh'adhbhraicheas do chas gum peacaich thu, geàrr dhìot i. Is fheàrr dhut a dhol a-steach dhan bheatha cuagach na le dà chois a bhith air do thilgeil a dh'lfrinn,

<sup>46</sup>far 'nach bàsaich an cnuimh-san, agus nach tèid an teine às.'

<sup>47</sup>Agus ma dh'adhbhraicheas do shùil gum peacaich thu, spìon asad i. Is fheàrr dhut a dhol a-steach do rìoghachd Dhè le aon t-sùil na dà shùil a bhith agad agus gum biodh tu air do thilgeil ann an lfrinn,

<sup>48</sup>far “nach bàsaich an cnuimh-san, agus nach tèid an teine às.’

<sup>49</sup>“Oir thèid a h-uile neach a shailleadh le teine.

<sup>50</sup>“Tha an salann math, ach ma chailleas an salann a shailleadh, ciamar a nì sibh saillte a-rithist e? Biodh salann agaibh nur measg: bithibh sìochail ri chèile.”

## Marcas 10

### Dealachadh-Pòsaidh

<sup>1</sup>Dh'èirich Ìosa on àite sin agus chaidh e gu ceàrnaidhean Iudèa is thairis air Iòrdan, agus chruinnich slòigh thuige a-rithist. Agus a-rithist, mar a b' fhasan dha, theagaisg e iad.

<sup>2</sup>Thàinig Pharasaich thuige agus, airson a dhearbhadh, dh'fhaighnich iad, “A bheil e ceadaichte do dhuine a bhean a chur air falbh?”

<sup>3</sup>Ach fhreagair esan iad, “Dè a dh'àithn Maois dhiubh?”

<sup>4</sup>Thuir iadsan, “Cheadaich Maois dhuinn teisteanas-dealachaidh a sgrìobhadh, agus a cur air falbh.”

<sup>5</sup>Ach thuir Ìosa riutha, “B' ann air sgàth cruas ur cridhe a sgrìobh e an àithne seo dhuibh.

<sup>6</sup>Ach o thoiseach a' chruthachaidh rinn Dia fireann is boireann iad.

<sup>7</sup>Air an adhbhar seo fàgaidh duine athair 's a mhàthair, agus bidh e air aonadh ri bhean,

<sup>8</sup>agus bidh an dithis nan aon fheòil. Mar sin chan eil iad nan dithis tuilleadh, ach nan aon fheòil.

<sup>9</sup>Mar sin, na chuir Dia còmhla, na sgaradh duine.”

<sup>10</sup>Agus san taigh dh'fhaighnich na deisciobail dha mu dheidhinn seo a-rithist.

<sup>11</sup>Agus thuir e riutha, “Ge b' e cò a chuireas air falbh a bhean agus a phòsas tèile, tha e a' dèanamh adhaltranas na h-aghaidh,

<sup>12</sup>agus ma chuireas ise air falbh a fear is gum pòs i fear eile, tha ise a' dèanamh adhaltranas.”

### Clann Bheaga agus Ìosa

<sup>13</sup>Agus bha iad a' toirt leanabanan thuige airson 's gum beanadh e riutha, agus chronaich na deisciobail iad.

<sup>14</sup>Ach nuair a chunnaic Ìosa seo bha e diombach agus thuir e riutha, “Leigibh le na leanabanan tighinn thugamsa; na cuiribh bacadh orra, oir is ann dhen leithidean seo a tha rìoghachd Dhè.

<sup>15</sup>Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh, ge b' e cò nach gabh rìoghachd Dhè mar leanabh, gu cinnteach cha tèid e a-steach innte.”

<sup>16</sup>Agus ghabh e na ghàirdeanan iad agus bheannaich e iad, a' cur a làmhan orra.

### An Duine Beairteach

<sup>17</sup>Fhad 's a bha e a' tòisichadh air a shlighe, ruith duine suas thuige agus chaidh e sìos air a ghlùinean ma choinneamh, agus dh'fhaighnich e dha, “Fhir-Teagaisg mhaith, dè a dh'fheumas mi a dhèanamh airson 's gun sealbhaich mi a' bheatha shìorraidh?”

<sup>18</sup>Agus thuir Ìosa ris, “Carson a tha thu a' gabhail math ormsa? Chan eil neach sam bith math ach Dia a-mhàin.

<sup>19</sup>Is aithne dhut na h-àitheantan: ‘Na dèan murt, na dèan adhaltranas, na goid, na toir fianais-bhrèige, na dèan foill, thoir urram dhad athair agus dhad mhàthair.’”

<sup>20</sup>Agus thuir e ris, “Fhir-Teagaisg, tha mi air iad sin uile a chumail om òige.”

<sup>21</sup>Agus a' coimhead air, ghràdhaich e e, agus thuir e, “Tha aon rud a dh'ith ort: thalla, reic na th' agad agus thoir dha na bochdan, agus bidh ionmhas agad air nèamh, agus trobhad 's lean mise.”

<sup>22</sup>Ach, dubhach air sgàth an fhacail sin, dh'fhalbh e gu brònach, oir bha mòran saidhbheis aige.

**23**Sheall Ìosa mun cuairt, agus thuir e ri a dheisciobail, “Nach doirbh a bhios e dhaibhsan aig a bheil beairteas a dhol a-steach do rìoghachd Dhè!”

**24**Bha na deisciobail fo iongnadh air sgàth a bhriathran. Ach fhreagair Ìosa iad a-rithist, “A chlann, nach doirbh e a dhol a-steach do rìoghachd Dhè!”

**25**Tha e nas fhasa do chàmhal a dhol tro chrò snàthaid na do dhuine beairteach a dhol a-steach do rìoghachd Dhè.”

**26**Ach bha iad fo fhìor iongnadh agus thuir iad ri chèile, “Cò mar sin as urrainn a bhith air a shàbhaladh?”

**27**Sheall Ìosa orra agus thuir e, “Do dhaoine tha seo eu-comasach, ach chan eil do Dhia; oir do Dhia tha a h-uile sìon comasach.”

**28**Thòisich Peadar air cantainn ris, “Seall, dh'fhàg sinne a h-uile rud agus lean sinn thusa!”

**29**Thuir Ìosa, “Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh nach eil neach sam bith a dh'fhàg taigh no bràithrean no peathraichean no màthair no athair no clann no achaidhean, air mo shon-sa agus airson an t-soisgeil,

**30**nach fhaigh a cheud uiread san àm seo fhèin (taighean is bràithrean is peathraichean is màthraichean is clann is achaidhean – cuide ri geur-leanmhainnean) agus, san linn ri thighinn, a' bheatha shìorraidh.

**31**Ach bidh mòran a th' air thoiseach air dheireadh, agus air dheireadh a bhios air thoiseach.”

### **Ìosa A-Rithist a' Dèanamh Ro-Innse ma Bhàs Fhèin**

**32**Bha iad air an rathad a' dol suas gu Ierusalem, agus bha Ìosa a' coiseachd air thoiseach orra; agus ghlac iongnadh iad, agus bha iadsan a bha a' leantainn fo eagal. Agus a-rithist a' toirt an dà fhear dheug air leth, thòisich e air na rudan a bha a' dol a thachairt innse dhaibh,

**33**ag ràdh, “Seall, tha sinn a' dol suas gu Ierusalem, agus bidh Mac an Duine air a thoirt thairis dha na h-àrd-shagartan agus dha na sgrìobhaichean, agus dìtidh iad gu bàs e agus bheir iad thairis dha na Cinnich e.

**34**Nì iadsan magadh air is tilgidh iad smugaid air, agus sgiùrsaidh iad e is cuiridh iad gu bàs e. Agus às dèidh trì latha èiridh e.”

### **Iarrrtas Sheumais is Eòin**

**35**Thàinig Seumas agus Eòin, mic Shebede, suas thuige, ag ràdh, “Fhir-Teagaisg, tha sinn ag iarraidh gun dèan thu dhuinne ge b' e dè a dh'iarrras sinn.”

**36**Agus thuir esan riutha, “Dè a tha sibh ag iarraidh a nì mi dhuibh?”



**37**Fhreagair iadsan, “Ceadaich dhuinne suidhe air do làimh dheis agus air do làimh chlì, nad glòir.”

**38**Thuir Ìosa riutha, “Chan eil fios agaibh dè a tha sibh ag iarraidh. A bheil sibh comasach air an cupa òl a dh'òlas mise, no a bhith air ur baisteadh leis a' bhaisteadh leis an tèid mise a bhaisteadh?”

**39**Thuir iadsan ris, “Tha sinn an comas.” Ach thuir Ìosa riutha, “An cupa a dh'òlas mise, òlaidh sibhse, agus leis a' bhaisteadh leis an tèid mise a bhaisteadh thèid sibhse a bhaisteadh,

**40**ach suidhe air mo làimh dheis no air mo làimh chlì, cha leamsa sin ri bhuileachadh, ach is ann dhaibhsan dhan deach ullachadh a tha e.”

**41**Nuair a chuala an deichnear seo, thòisich iad air diomb a ghabhail ri Seumas is Eòin.

**42**Ghairm Ìosa thuige fhèin iad, agus thuir e riutha, “Is aithne dhuibh gu bheil àrd-thighearnas acasan a th' air am faicinn mar riaghladairean thar nan Cinneach thairis orra, agus gu bheil na daoine mòra aca a' cur ùghdarras an gnìomh thairis orra.

**43**Ach cha bhi e mar sin nur measg-se. Ge b' e cò lem bu toigh l' a bhith mòr nur measg-se, bidh e na sheirbheiseach agaibh,

**44**agus ge b' e cò agaibh lem bu toigh l' a bhith air thoiseach, bidh e na sheirbheiseach dha na h-uile.

**45**Oir cha tàinig fiù 's Mac an Duine airson 's gun deigheadh frithealadh a dhèanamh dha, ach a dhèanamh frithealaidh, agus airson a bheatha fhèin a thoirt mar èirig airson mhòrain.”

### **Bartimèus Dall a' Faighinn a Fhradhairc**

**46**An uair sin thàinig iad gu Iericho. Agus fhad 's a bha Ìosa 's a dheisciobail is sluagh mòr a' fàgail Iericho, bha Bartimèus (is e sin mac Thimèuis), dèirceach dall, na shuidhe ri taobh an rathaid.

**47**Nuair a chuala e gum b' e Ìosa o Nàsaret a bh' ann, thòisich e air èigheach agus air a ràdh, “Ìosa, a Mhic Dhaibhidh, dèan tròcair orm!”

**48**Agus chrònaich mòran e, ag ràdh ris a bhith sàmhach, ach b' ann na bu mhotha buileach a dh'èigh esan, “A Mhic Dhaibhidh, dèan tròcair orm!”

**49**Stad Ìosa agus thuir e, “Èighibh air!” Agus dh'èigh iad air an duine dhall, ag ràdh ris, “Biodh misneachd agad! Èirich! Tha e ag èigheach ort!”

**50**A' tilgeil dheth an aodaich uachdair aige, leum e suas, is thàinig e gu Ìosa.

**51**Agus thuir Ìosa ris, “Dè a bu toigh leat mise a dhèanamh dhut?” Agus thuir an duine dall ris, “A Rabònaidh, mo fhradharc fhaighinn air ais.”

<sup>52</sup>Thuir Ìosa ris, “Thalla, shlànaich do chreideamh thu.” Sa bhad fhuair e a fhradharc air ais, agus lean e air an t-slighe e.

## **Marcas 11**

### **An Dol-a-Steach Buadmhor**

<sup>1</sup>Nuair a thàinig iad faisg air Ierusalem, air Betphage agus Betani, aig Beinn nan Crann-Ola, chuir Ìosa air falbh dithis dhe dheisciobail,

<sup>2</sup>agus thuir e riutha, “Thallaibh dhan bhaile mur coinneamh, agus cho luath 's a thèid sibh a-steach ann gheibh sibh searrach ceangailte, air nach do shuidh aon duine riamh. Fuasglaibh e agus thoiribh an seo e.

<sup>3</sup>Ma chanas neach sam bith ribh, ‘Carson a tha sibh a' dèanamh seo?’ canaibh ris, ‘Tha feum aig an Tighearna air agus cuiridh e air ais an seo sa bhad e.’”

<sup>4</sup>Dh'fhalbh iad agus fhuair iad searrach ceangailte aig doras, a-muigh air an t-sràid. Agus fhad 's a bha iad ga fhuasgladh,

<sup>5</sup>thuir cuid dhen fheadhainn a bha nan seasamh an sin riutha, “Dè a tha sibh a' dèanamh, a' fuasgladh an t-searraich?”

<sup>6</sup>Agus dh'innis iad dhaibh dè a bha Ìosa air a ràdh, agus leig iad leotha falbh.

<sup>7</sup>Thug iad an searrach gu Ìosa agus thilg iad an cuid aodaich uachdair air, agus shuidh esan air.

<sup>8</sup>Agus sgaoil mòran an t-aodach uachdar aca air an rathad, agus sgaoil feadhainn eile geugan duilleagach a bha iad air a ghearradh bho na h-achaidhean.

<sup>9</sup>Agus bha iadsan a bha a' dol air thoiseach, 's iadsan a bha a' leantainn ag èigheach, “Hosanna!” “Is beannaichte esan a tha a' tighinn ann an ainm an Tighearna!”

<sup>10</sup>“Is beannaichte an rìoghachd a tha ri thighinn aig ar n-athair Daibhidh!” “Hosanna anns na h-àrdan!”

<sup>11</sup>Chaidh Ìosa a-steach a dh'Ierusalem, agus dhan teampall. Nuair a bha e air coimhead mun cuairt air a h-uile rud, on a bha an uair mu thràth anmoch, chaidh e a-mach gu Betani còmhla ris an dà fhear dheug.

### **Ìosa a' Falmhachadh an Teampaill**

<sup>12</sup>An ath latha, nuair a thàinig iad a-mach à Betani, bha Ìosa acrach.

<sup>13</sup>A' faicinn o fhad' às craobh-fhìge air an robh duilleach, chaidh e a dh'fhaicinn an lorgadh e rud sam bith oirre. Nuair a thàinig e thuice, cha do

lorg e rud sam bith ach duilleach, oir cha b' e an t-àm airson figean a bh' ann.

**14** Agus thuirt e rithe, “Na itheadh neach sam bith toradh dhìotsa gu bràth tuilleadh.” Agus chuala a dheisciobail e.

**15** An uair sin thàinig iad gu Ierusalem. Agus chaidh e a-steach dhan teampaill is thòisich e air an fheadhainn a bha a' reic 's a' ceannach san teampall a ruaigeadh a-mach agus chuir e car de bhùird luchd-malairt an airgid is cathraichean luchd-reic nan calman.

**16** Agus cha leigeadh e le neach sam bith dad a ghiùlain tron teampall.

**17** Agus theagaisg e iad, ag ràdh riutha, “Nach eil e sgrìobhte: “Thèid taigh ùrnaigh airson a h-uile nàisean a ghabhail air mo thaighsa, ach tha sibhse air uamh mhèirleach a dhèanamh dheth.”

**18** Agus chuala na h-àrd-shagartan agus na sgrìobhaichean seo agus bha iad ag iarraidh dòigh air a chur gu bàs, oir bha eagal orra uaithe, oir bha an sluagh uile fo mhòr-iongnadh air sgàth a theagaisg.

**19** Nuair a thàinig am feasgar, chaidh iad a-mach às a bhaile.

#### **A' Chraobh-Fhìge Sheargte**

**20** Anns a' mhadainn, fhad 's a bha iad a' dol seachad, chunnaic iad a' chraobh-fhìge air crìonadh o a freumhan.

**21** Chuimhnich Peadar, agus thuirt e ris, “A Rabaidh, seall! Tha a' chraobh-fhìge a mhallaich thu air crìonadh.”

**22** Agus fhreagair Ìosa, “Biodh creideamh agaibh ann an Dia.

**23** Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh, ge b' e cò a chanas ris a' bheinn seo, ‘Bi air do thogail agus air do thilgeil dhan mhuir,’ agus nach bi fo amharas-cridhe, ach a chreideas gun tachair an rud a chanas e, thèid a dhèanamh dha.

**24** Mar sin tha mi ag ràdh ribh, ge b' e dè na rudan a dh'iarras sibh ann an ùrnaigh, creidibh gum faigh sibh iad, agus thèid a dhèanamh dhuibh.

**25** Agus ge b' e cuin a sheasas sibh ag ùrnaigh, mathaibh, ma tha rud sam bith agaibh an aghaidh neach sam bith, airson 's gum math ur n-Athair a th' air nèamh ur peacaidhean fhèin dhuibhse.

**26** Ach mura math sibhse, cha mhotha a mhathas ur n-Athair a th' air nèamh ur peacaidhean fhèin dhuibhse.”

#### **Ùghdarras Ìosa air a Cheasnachadh**

<sup>27</sup>Thàinig iad a-rithist gu Ierusalem, agus fhad 's a bha Ìosa a' coiseachd anns an teampall, thàinig na h-àrd-shagartan agus na sgrìobhaichean agus na h-èildearan thuige,

<sup>28</sup>agus thuirt iad ris, “Dè an t-ùghdarras a th' agad airson na rudan seo a' dèanamh, no cò a thug dhut an t-ùghdarras seo airson 's gun dèanadh tu iad?”

<sup>29</sup>Fhreagair Ìosa iad, “Faighnichidh mise aon cheist dhuibhse. Freagraibh mise, agus innsidh mi dhuibhse dè an t-ùghdarras a th' agamsa airson na rudan seo a dhèanamh.

<sup>30</sup>An ann o nèamh no o dhaoine a bha baisteadh Eòin? Freagraibh mi.”

<sup>31</sup>Agus rinn iad deasbad nam measg fhèin, ag ràdh, “Ma chanas sinne, ‘O nèamh,’ canaidh esan, ‘Carson ma-thà nach do chreid sibh e?’

<sup>32</sup>Ach nan canamaid, ‘O dhaoine ...?’” (Bha eagal an t-sluaigh orra, oir mheas iad uile gum b' e fàidh dha-rìribh a bh' ann an Eòin.)

<sup>33</sup>Mar sin fhreagair iad Ìosa, “Chan eil fios againn.” Agus thuirt Ìosa riutha, “Cha mhotha a dh'inneas mise dhuibhse dè an t-ùghdarras a th' agamsa airson na rudan seo a dhèanamh.”

## **Marcas 12**

### **Cosamhlachd nan Droch Thuathanach**

<sup>1</sup>Agus thòisich Ìosa air bruidhinn riutha ann an cosamhlachdan: “Chuir duine fìon-lios, agus chuir e balla timcheall air agus chladhaich e amar-fiona, agus thog e tùr; agus thug e air mhàl do thuathanaich e agus dh'fhàg e an dùthaich.

<sup>2</sup>Aig an àm cheart chuir e seirbheiseach gu na tuathanaich airson 's gum faigheadh e cuid de thoradh an fhìon-lios uapa.

<sup>3</sup>Ach ghlac iad e agus dhochainn iad e agus chuir iad uapa falamh e.

<sup>4</sup>A-rithist chuir e seirbheiseach eile thuca, agus bhuail iad air a' cheann e, agus làimhsich iad gu maslach e.

<sup>5</sup>Agus chuir e fear eile thuca is mharbh iad esan. Agus mar seo le mòran a bharrachd: bhuail iad cuid dhiubh agus mharbh iad cuid eile.

<sup>6</sup>“Bha fhathast aon fhear eile aige, mac a bu ghràdhach leis. Mu dheireadh chuir e esan thuca, ag ràdh, ‘Bheir iad urram dham mhac.’

<sup>7</sup>“Ach thuirt na tuathanaich ud ri càch-a-chèile, ‘Is e seo an t-oighre. Thigibh, marbhamaid e, agus bidh an oighreachd leinn fhèin.’

<sup>8</sup>Rug iad air, agus mharbh iad e, agus thilg iad a-mach às an fhìon-lios e.

<sup>9</sup>“Dè a nì am fear leis an robh am fìon-lios? Thig e agus sgriosaidh e na tuathanaich agus bheir e am fìon-lios do dh'fheadhainn eile.

<sup>10</sup>Nach do leugh sibh an Sgrìobtar seo: “A' chlach a dhiùlt na clachairean, chaidh ceann an oisein a dhèanamh dhith;

<sup>11</sup>chaidh seo a dhèanamh leis an Tighearna, agus is iongantach e nar sùilean-ne’?”

<sup>12</sup>Agus bha iad a' sireadh cothrom a chur an grèim ach bha eagal an t-sluaigh orra, oir thuig iad gum b' ann nan aghaidh fhèin a thuit e a' chosamhlachd. Mar sin dh'fhàg iad e agus chaidh iad air falbh.

### **A' Pàigheadh Chìsean do Chèasar**

<sup>13</sup>An uair sin chuir iad cuid dhe na Pharasaich is dhe na Heròdianaich thuige airson 's gun glacadh iad na chainnt e.

<sup>14</sup>Thàinig iad agus thuit iad ris, “Fhir-Teagaisg, tha fios againn gu bheil thusa firinneach agus nach eil dragh ort mu bheachd neach sam bith; oir chan eil thu a' gabhail suim de choltas dhaoine ach a' teagasg slighe Dhè ann am firinn. A bheil e laghail cìs a thoirt do Chèasar no nach eil? Am bu chòir dhuinn pàigheadh no nach bu chòir?”

<sup>15</sup>Ach, a' tuigsinn an cuid cealgaireachd, thuit e riutha, “Carson a tha sibh gam bhuaireadh? Thoiribh thugam bonn airgid agus leigibh leam coimhead air.”

<sup>16</sup>Agus thug iad fear thuige, agus thuit e riutha. “Cò leis a tha an coltas agus an sgrìobhadh seo?” Agus thuit iadsan, “Le Cèasar.”

<sup>17</sup>Thuit Ìosa riutha, “Thugaibh do Chèasar na rudan a tha le Cèasar agus do Dhia na rudan a tha le Dia.” Agus ghabh iad iongnadh ris.

### **Pòsadh san Aiseirigh**

<sup>18</sup>Agus thàinig Sadusaich thuige, a tha ag ràdh nach eil aiseirigh ann, agus cheasnaich iad e, ag ràdh,

<sup>19</sup>“Fhir-Teagaisg, sgrìobh Maois dhuinne nam bàsaicheadh bràthair duine is gum fàgadh e bean, ach nach fàgadh e clann, gun gabhadh a bhràthair a' bhean thuige fhèin, agus gun togadh e sliochd dha bhràthair.

<sup>20</sup>Bha seachdnar bhràithrean ann; agus ghabh a' chiad fhear dhiubh bean is nuair a chaochail e cha do dh'fhàg e sliochd.

<sup>21</sup>Agus ghabh an dara fear i, agus chaochail esan, gun shliochd fhàgail; agus an treas fear cuideachd.

<sup>22</sup>Agus cha do dh'fhàg an t-seachdnar sliochd. Mu dheireadh chaochail am boireannach cuideachd.

**23**San aiseirigh, nuair a dh'èireas iad a-rithist, cò aca aig am bi i mar bhean? Oir bha i aig an t-seachdnar mar bhean.”

**24**Thuir Ìosa riutha, “Nach e seo an t-adhbhar gu bheil sibh ceàrr, a chionn 's nach aithne dhuibh na Sgrìobtaran no cumhachd Dhè?”

**25**Oir nuair a dh'èireas iad o na mairbh, cha phòs iad, 's cha mhotha a thèid an toirt ann am pòsadh, ach tha iad mar ainglean air nèamh.

**26**Ach a thaobh nam marbh a bhith air an togail, nach do leugh sibh ann an leabhar Mhaois, sa chunntas mun phreas, mar a bhruidhinn Dia ris, ag ràdh, ‘Is mise Dia Abrahàim, agus Dia Ìsaic, agus Dia làcoib’?

**27**Chan esan Dia nam marbh, ach nam beò. Tha sibhse gu math fada ceàrr!”

### **An Àithne as Motha**

**28**Agus thàinig fear dhe na sgrìobhaichean, agus nuair a chuala e iadsan a' deasbad ri chèile, agus a' faicinn gun do fhreagair e gu math iad, dh'fhaighnich e dha, “Cò i a' phrìomh àithne dhiubh uile?”

**29**Fhreagair Ìosa, “Is i seo a' phrìomh thè: ‘Èist, O Israeil, an Tighearna ar Dia, is aon Tighearna e.

**30**Agus gràdhaichidh tu an Tighearna do Dhia led uile chridhe, agus led uile anam agus led uile inntinn, agus led uile neart.’

**31**Is i seo an dara tè, ‘Gràdhaichidh tu do choimhearsnach mar thu fhèin.’ Chan eil àithne eile ann a tha nas motha na iad seo.”

**32**Agus thuir an sgrìobhaiche ris, “Ceart, fhir-teagaisg. Is fìrinneach a thuir thu gur e aon a th' annsan, agus nach eil aon eile ann ach esan.

**33**Agus a bhith ga ghràdhachadh leis a' chridhe gu lèir 's leis an tuigse gu lèir 's leis an neart gu lèir, agus a bhith a' gràdhachadh a choimhearsnaich mar e fhèin, tha sin fada nas motha na na tabhartasan-loisgte 's na h-ìobairtean gu lèir.”

**34**Agus nuair a chunnaic Ìosa gun do fhreagair e gu glic, thuir e ris, “Chan eil thu fada o rìoghachd Dhè.” Agus às dèidh sin cha robh de mhisneachd aig neach sam bith an còrr cheistean a chur air.

### **Cò Dha a Tha an Crìosd na Mhac?**

**35**Agus fhad 's a theagaisg Ìosa san teampall thuir e, “Ciamar as urrainn dha na sgrìobhaichean a ràdh gur e an Crìosd Mac Dhaibhidh?”

**36**Oir thuir Daibhidh fhèin tron Spiorad Naomh: “Thuir an Tighearna rim Thighearna: “Suidh aig mo dheas-làimh gus an cuir mi do nàimhdean fod chasan.””

<sup>37</sup>“Tha Daibhidh fhèin a' gabhail ‘Tighearna’ air. Ciamar mar sin a tha e na mhac dha?” Agus dh'èist am mòr-shluagh gu toilichte ris.

### **Rabhadh an aghaidh Luchd-Teagaisg an Lagha**

<sup>38</sup>Agus na theagasg thuir e, “Bithibh air ur faiceall o na sgrìobhaichean, leis an toigh l' a bhith a' coiseachd mun cuairt ann an culaidhean fada agus fàilte fhaighinn sna margaidhean,

<sup>39</sup>agus na prìomh chathraichean fhaighinn sna sionagogan, agus na h-àiteachan urramach fhaighinn aig na cuirmean,

<sup>40</sup>a tha ag ithe suas taighean bhantrach, agus, airson a bhith a' leigeil orra, a nì ùrnaighean fhada. Gheibh iad sin an dìteadh as motha.”

### **Tabhartas na Banntraich**

<sup>41</sup>Agus shuidh Ìosa sìos mu choinneamh àite an ionmhais, agus bha e a' sealltainn air an t-sluagh a' tilgeil an airgid dhan chiste-ionmhais, is thilg tòrr dhaoine beairteach mòran innte.

<sup>42</sup>Thàinig banntrach bho chd agus thilg i dà bhonn bheag innte, luach sgillinn.

<sup>43</sup>Agus ghairm e a dheisciobail thuige is thuir e riutha, “Gu firinneach tha mi ag ràdh ribh gun do thilg a' bhantrach bho chd seo barrachd dhan chiste-ionmhais na iadsan uile a thilg innte.

<sup>44</sup>Oir thilg iadsan uile às am mòr-phailteas, ach thilg ise às a gainne a h-uile rud bh' aice, fiù 's a bith-beò gu lèir.”

## **Marcas 13**

### **Comharraidhean Deireadh na Linne**

<sup>1</sup>Agus fhad 's a bha e a' tighinn a-mach às an teampall, thuir aon dhe a dheisciobail ris, “Fhir-Teagaisg, seall, nach sgoinneil na clachan 's nach sgoinneil na togalaichean!”

<sup>2</sup>Agus thuir Ìosa ris, “A bheil thu a' faicinn nan togalaichean mòra seo? Chan tèid aon chlach fhàgail air muin cloiche an seo nach tèid a leagail sìos!”

<sup>3</sup>Agus fhad 's a bha e na shuidhe air Beinn nan Crann-Ola mu choinneamh an teampaill, chuir Peadar, Seumas, Eòin agus Anndra, ceist air gu prìobhaideach, ag ràdh,

<sup>4</sup>“Innis dhuinne, cuin a thachras na rudan seo, agus dè an comharra a bhios ann nuair a tha na rudan seo gu lèir gus a bhith air an coileanadh?”

<sup>5</sup>Agus thòisich Ìosa air a ràdh riutha, “Thoiribh an aire nach meall neach sam bith sibh.

<sup>6</sup>Thig mòran nam ainm-sa, ag ràdh, ‘Is mise Esan,’ agus meallaidh iad mòran.

<sup>7</sup>Agus nuair a chluinneas sibh mu chogaidhean, agus fathannan mu chogaidhean, na bithibh fo dhragh. Feumaidh seo tachairt, ach chan eil a' chrìoch ann fhathast.

<sup>8</sup>Oir èiridh nàisean an aghaidh nàisein, agus rìoghachd an aghaidh rìoghachd. Bidh crithean-talmhainn ann an iomadh àite; bidh gortan ann. Is iad seo toiseach tòiseachaidh phiantan asaid.

<sup>9</sup>“Ach thoiribh an aire! Oir bheir iad thairis sibh do chomhairlean, agus thèid ur dochann sna sionagogan, agus seasaidh sibh mu choinneamh uachdaran is rìghrean air mo shon-sa, mar fhianais dhaibhsan.

<sup>10</sup>Agus feumaidh an soisgeul an toiseach a bhith air a shearmonachadh dhan a h-uile nàisean.

<sup>11</sup>Agus nuair a bheir iad leotha sibh agus a bheir iad thairis sibh, na biodh cùram oirbh ro-làimh a thaobh dè a chanas sibh, ach canaibh ge b' e dè a thèid a thoirt dhuibh aig an àm sin, oir chan e sibhse a tha a' bruidhinn ach an Spiorad Naomh.

<sup>12</sup>“Bheir bràthair a bhràthair thairis gu bàs, agus athair a leanabh, agus èiridh a' chlann suas an aghaidh am pàrantan, agus bidh iad air an cur gu bàs.

<sup>13</sup>Fuathaichidh gach neach sibh air sgàth m' ainme-sa, ach bidh an neach a leanas air chun na crìche air a shàbhaladh.

<sup>14</sup>“Ach nuair a chì sibh ‘gràinealachd an lèir-sgrìos’ na seasamh far nach bu chòir dhi a bhith (tuigeadh an leughadair), an uair sin teicheadh iadsan a th' ann an Iudèa gu na beanntan.

<sup>15</sup>Na tigeadh an neach a th' air mullach an taighe a-nuas, 's na deigheadh e a-steach airson rud sam bith a thoirt às a thaigh,

<sup>16</sup>agus na tilleadh an neach a th' anns an achadh air ais a thogail aodaich uachdair leis.

<sup>17</sup>Nach truagh dhaibhsan a tha trom agus dhan fheadhainn a tha ag altram leanaban sna làithean sin!

<sup>18</sup>Dèanaibh ùrnaigh nach tachair e sa gheamhradh.

<sup>19</sup>Oir sna làithean sin bidh àmhghar ann nach fhacas a leithid o thoiseach a' chruthachaidh a chruthaich Dia gus a-nis – agus nach bi ann tuilleadh.

<sup>20</sup>Agus mura biodh an Tighearna air na làithean sin a ghiorrachadh, cha bhiodh neach sam bith air a shàbhaladh. Ach air sgàth na feadhna thaghte, a thagh e fhèin, ghiorraich e na làithean.



**21** Agus an uair sin ma chanas neach sam bith ribh, ‘Seallaibh, tha an Crìosd an seo!’ no ‘Seallaibh, tha e an sin!’ na creidibh e.

**22** Èiridh crìosdan brèige agus fàidhean brèige is nì iad comharraidhean agus iongantasan, airson 's, nan robh e an comas, an fheadhainn thaghte fhèin a mhealladh.

**23** Ach thoiribh-se an aire; dh'innis mu dhuibh a h-uile sion ro-làimh.

**24** “Ach sna làithean sin, às dèidh an àmhghair ud, “‘bidh a' ghrian air a dorchnachadh, agus cha toir a' ghealach a solas uaipe;

**25** bidh na rionnagan a' tuiteam o nèamh, agus bidh cumhachdan nan nèamh air an crathadh.’

**26** “Agus an uair sin chì iad Mac an Duine a' tighinn ann an sgòthan, le mòr-chumhachd agus glòir.

**27** Agus an uair sin cuiridh e na h-ainglean aige a-mach, agus cruinnichidh e fheadhainn thaghte fhèin o na ceithir gaothan, o chrìochan na talmhainn gu crìochan nèimh.

**28** “Ionnsaichibh cosamhlachd on chraoibh-fhìge: cho luath 's a bhios a geug bog, agus a chuireas i a-mach a duilleach, tha fios agaibh gu bheil an samhradh faisg.

**29** Mar sin leibhse cuideachd: nuair a chì sibh na rudan seo a' tachairt, biodh fhios agaibh gu bheil e faisg, aig na dorsan fhèin.

**30** Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh nach tèid an ginealach seo seachad gus an tachair a h-uile rud a tha seo.

**31** Thèid nèamh is talamh seachad, ach cha tèid mo bhriathran-sa seachad idir.

### **An Latha agus an Uair Neo-Aithnichte**

**32** “Ach a thaobh an latha sin no na h-uaire, chan aithne do neach sam bith, fiù 's na h-ainglean air nèamh, no am Mac, ach dìreach an t-Athair.

**33** Thoiribh an aire! Dèanaibh faire! Oir chan eil fios agaibh cuin a thig an t-àm.

**34** Tha e coltach ri duine a' dol air turas, nuair a dh'fhàgas e a thaigh fhèin agus a bheir e ùghdarras dha sheirbheisich, is obair fhèin do gach neach, agus a bheir e àithne dhan dorsair faire a dhèanamh.

**35** “Mar sin dèanaibh faire – oir chan aithne dhuibh cuin a thig maighstir an taighe, an ann feasgar, no aig meadhan-oidhche, no nuair a ghairmeas an coileach, no sa mhadainn –

**36** gun fhios nach tig e gu luath 's gun lorg e sibh nur cadal.

<sup>37</sup>Agus na rudan a tha mi ag ràdh ribhse, tha mi ag ràdh ri na h-uile: ‘Dèanaibh faire!’”

## **Marcas 14**

### **Ìosa air Ungadh aig Betani**

<sup>1</sup>A-nis bha a' Chàisg agus Fèill an Arain Neo-Ghortaichte dà latha air falbh, agus bha na h-àrd-shagartan is na sgrìobhaichean a' sireadh ciamar a chuireadh iad an greim e tro fhoill, agus a chuireadh iad e gu bàs.

<sup>2</sup>Oir thuir iad, “Chan ann air an Fhèill, air eagal 's gun èirich aimhreit am measg an t-sluaigh.”

<sup>3</sup>Agus fhad 's a bha e ann am Betani ann an taigh Shìmoin an lobhar, nuair a bha e na shuidhe aig bòrd, thàinig boireannach le crogan alabastair de dh'acfhainn fìor chosgail, agus bhris i an crogan agus dhòirt i air a cheann i.

<sup>4</sup>Ach bha cuid ann a thuir gu diombach nam measg fhèin, “Carson a tha an acfhainn air a cosg mar seo?”

<sup>5</sup>Oir dh'fhaodadh an acfhainn seo a bhith air a reic airson barrachd air tuarastal bliadhna agus air a toirt dha na bochdan.” Agus chrònaich iad i.

<sup>6</sup>Ach thuir Ìosa, “Leigibh leatha. Carson a tha sibh a' cur dragh oirre? Rinn i gnìomh àlainn dhòmhsa.

<sup>7</sup>Oir tha na bochdan an-còmhnaidh agaibh còmhla ribh, agus uair sam bith a thoilicheas sibh, faodaidh sibh math a dhèanamh dhaibh. Ach cha bhi mise an-còmhnaidh agaibh.

<sup>8</sup>Rinn i na b' urrainn dhi: thàinig i ro-làimh a dh'ungadh mo chuirp airson adhlacadh.

<sup>9</sup>Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh, ge b' e càit an tèid an soisgeul a shearmonachadh air feadh an t-saoghail gu lèir, bidh an rud a rinn i air innse mar chuimhneachan oirre.”

<sup>10</sup>An uair sin chaidh Iùdas Iscariot, a bh' air àireamh am measg an dà fhear dheug, gu na h-àrd-shagartan airson esan a bhrath dhaibh.

<sup>11</sup>Agus nuair a chuala iad, bha iad toilichte 's gheall iad airgead a thoirt dha. Agus bha e a' sireadh cothrom iomchaidh airson esan a bhrath.

### **Suipear an Tighearna**

<sup>12</sup>Air a' chiad latha de dh'Fhèill an Arain Neo-Ghortaichte, nuair a bhiodh iad ag ìobradh uan na Càisge, thuir deisciobail Ìosa ris, “Càit am bu toigh leat sinn a dhol a dh'ullachadh airson 's gun itheadh tu a' Chàisg?”

**13**Chuir e dithis dhe dheisciobail air falbh, agus thuirt e riutha, “Thallaibh dhan bhaile, agus coinnichidh duine ribh a' giùlain soitheach uisge. Leanaibh e,

**14**agus ge b' e àite dhan tèid e a-steach, canaibh ri fear an taighe, ‘Tha am Fear-Teagaisg ag ràdh: Càit a bheil mo sheòmar aoigheachd, far an ith mi a' Chàisg còmhla rim dheisciobail?’

**15**Agus seallaidh esan dhuibh seòmar mòr, shuas an staidhre, uidheamaichte is deiseil; an sin ullaichibh air ar son.”

**16**Chaidh na deisciobail a-mach agus thàinig iad dhan bhaile, agus fhuair iad e dìreach mar a thuirt e riutha, is dh'ullaich iad a' Chàisg.

**17**Nuair a bha am feasgar air tighinn, thàinig esan còmhla ris an dà fhear dheug.

**18**Agus fhad 's a bha iad nan suidhe aig bòrd agus ag ithe, thuirt Ìosa, “Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh gum brath aon agaibhse mise, fear a tha ag ithe còmhla rium.”

**19**Thòisich iad air a bhith tùrsach, 's air a ràdh ris, fear mu seach, “Cha mhise e, am mi?”

**20**Ach thuirt e riutha, “Is e fear dhen dà fhear dheug a th' ann, a tha a' bogadh arain còmhla riumsa san t-soitheach.

**21**Oir thèid Mac an Duine air falbh dìreach mar a tha e sgrìobhte ma dheidhinn, ach is mairg dhan fhear sin leis an tèid Mac an Duine a bhrath: bhiodh e na b' fheàrr dhan duine sin mura robh e air a bhreith riamh.”

**22**Agus fhad 's a bha iad ag ithe, ghabh Ìosa thuige aran, agus às dèidh a bheannachadh, bhris e e agus thug e dhaibh e, agus thuirt e, “Gabhaibh, is e seo mo chorp-sa.”

**23**Agus ghabh e thuige cupa, agus às dèidh dha taing a thoirt, thug e dhaibh e, agus dh'òl iad uile às.

**24**Agus thuirt e riutha, “Is e seo m' fhuil-sa, fuil a' chùmhaint, a th' air a dòrtadh a-mach airson mhòrain.

**25**Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh, chan òl mi tuilleadh de thoradh an fhìonain gus an latha sin nuair a dh'òlas mi nuadh e ann an rìoghachd Dhè.”

**26**Nuair a bha iad air laoidh a sheinn chaidh iad a-mach gu Beinn nan Crann-Ola.

### **Ìosa a' Fàidheadaireachd mu Àicheadh Pheadair**

**27**Agus thuirt Ìosa riutha, “Bidh sibh uile air ur sgainnealachadh asam, oir tha e sgrìobhte: “Buailidh mi am buachaille, agus sgapar na caoraich.’

28“Ach às dèidh m' aiseirigh, thèid mi romhaibh do Ghalile.”

29Ach thuirt Peadar ris, “Ged a thèid iadsan uile a sgainnealachadh, cha tèid mise.”

30Agus thuirt Ìosa ris, “Gu deimhinn tha mi ag ràdh riut, an-diugh fhèin air a' cheart oidhche seo, mun gairm an coileach dà thuras, àicheidh tu mi trì tursan.”

31Ach thuirt e gu làidir, “Ged a dh'fheumainn bàsachadh còmhla riut, chan àichinn thu.” Agus thuirt a h-uile duine aca an aon rud.

### Getsemane

32Chaidh iad gu àite dham b' ainm Getsemane, agus thuirt Ìosa ri a dheisciobail, “Suidhibh-se an seo, fhad 's a nì mise ùrnaigh.”

33Agus thug e leis Peadar, Seumas is Eòin, agus thòisich e air a bhith fo mhòr-àmhghar 's air a bhuaireadh.

34Agus thuirt e riutha, “Tha m' anam ro bhrònach, fiù 's gu bàs. Fuirichibh an seo agus dèanaibh faire.”

35Agus a' dol beagan na b' fhaide air adhart, thuit e air an talamh is rinn e ùrnaigh – nam biodh e comasach, gun deigheadh an uair seo seachad air.

36Agus thuirt e, “Abba, Athair, tha gach rud an comas dhutsa. Thoir an cupa seo air falbh uam. Ach chan e na 's toigh leamsa, ach na 's toigh leatsa.”

37An uair sin thàinig e agus fhuair e iadsan nan cadal, agus thuirt e ri Peadar, “A Shìmoin, a bheil thu nad chadal? Nach b' urrainn dhut faire a dhèanamh airson uair a thìde?”

38Dèanaibh faire is ùrnaigh airson 's nach tuit sibh ann am buaireadh. Tha an spiorad gu deimhinn deònach, ach tha an fheòil lag.”

39Agus a-rithist dh'fhalbh e agus rinn e ùrnaigh, ag ràdh nan aon bhriathran.

40Agus a-rithist thàinig e agus fhuair e nan cadal iad, oir bha an sùilean fìor throm, agus cha robh fhios aca ciamar a fhreagradh iad e.

41Agus thàinig e an treas turas agus thuirt e riutha, “A bheil sibh fhathast a' cadal 's a' gabhail fois? Tha sin gu leòr; thàinig an uair. Seall, tha Mac an Duine air a bhrath do làmhan pheacach.

42Èiribh! Thallamaid! Seallaibh, tha mo neach-brathaidh air tighinn faisg!”

### Ìosa air a Chur an Grèim

43Agus fhad 's a bha e fhathast a' bruidhinn, thàinig Iùdas, aon dhen dà fhear dheug, agus sluagh còmhla ris le claidheamhan is cuailleann, o na h-àrd-shagartan, na sgrìobhaichean agus na h-èildearan.

**44**A-nis bha an neach-brathaidh air comharra a thoirt dhaibh, ag ràdh, “Am fear dhan toir mise pòg, 's e sin e; glacaibh e agus thoiribh leibh e, fo gheàrd.”

**45**Agus nuair a thàinig e, chaidh e dìreach thuige agus thuirt e, “A Rabaidh!” Agus phòg e e.

**46**Agus chuir iad an làmhan air agus ghlac iad e.

**47**Ach tharraing aon fhear dhiubhsan a bha an làthair a chleidheamh agus bhuail e seirbheiseach an àrd-shagairt agus gheàrr e a chluas dheth.

**48**Agus fhreagair Ìosa iad, “An tàinig sibh a-mach le claidheamhan agus le cuailleann gam ghlacadh-sa mar gum b' e gadaiche a bh' annam?”

**49**Bha mi còmhla riubh gach latha san teampall a' teagasg, agus cha do ghlac sibh mi. Ach biodh na Sgrìobtairean air an coileanadh.”

**50**Agus dh'fhàg iad uile e agus theich iad.

**51**Agus lean òganach àraidh e, gun dad air ach aodach anairt. Agus ghlac iad e,

**52**ach dh'fhàg e aca an t-aodach anairt agus theich e rùisgte.

#### **Mu choinneamh na Comhairle**

**53**Thug iad Ìosa leotha chun an àrd-shagairt, agus chruinnich na h-àrd-shagartan agus na h-èildearan agus na sgrìobhaichean uile còmhla.

**54**Agus lean Peadar e pìos air falbh, eadhon a-steach do chùirt-lios an àrd-shagairt. Agus bha e na shuidhe còmhla ri na seirbheisich, agus ga bhlàthachadh fhèin aig an teine.

**55**A-nis bha na h-àrd-shagartan agus a' Chomhairle gu lèir a' sireadh fianais an aghaidh Ìosa airson a chur gu bàs, ach cha d' fhuair iad sìon.

**56**Oir bha mòran a' toirt fianais bhrèige na aghaidh, ach cha robh aonta nan cuid fianais.

**57**Sheas cuid suas agus thug iad fianais bhrèige na aghaidh, ag ràdh,

**58**“Chuala sinne e ag ràdh, ‘Sgrìosaidh mi an teampall seo a chaidh a dhèanamh le làmhan, agus ann an trì latha togaidh mi fear eile, nach deach a thogail le làmhan.’”

**59**Ach fiù 's mu dheidhinn sin cha robh aonta nan cuid fianais.

**60**An uair sin sheas an t-àrd-shagart suas nam measg agus cheasnaich e Ìosa: “Nach eil freagairt idir agad? Dè an fhianais a tha iad seo a' togail nad aghaidh?”

<sup>61</sup>Ach dh'fhan esan sàmhach; cha tug e freagairt sam bith. A-rithist cheasnaich an t-àrd-shagart e, ag ràdh, “An tusa an Crìosd, Mac an Aoin Bheannaichte?”

<sup>62</sup>Agus thuirt Ìosa, “Is mi, agus chì sibh Mac an Duine na shuidhe air deas-làimh a' Chumhachd, agus a' tighinn cuide ri neòil nèimh.”

<sup>63</sup>Agus shrac an t-àrd-shagart aodach-uachdair, agus thuirt e, “Dè am feum a th' againn tuilleadh air fianaisean?”

<sup>64</sup>Chuala sibh an toibheum. Dè ur barail-se?” Agus dhìt iad uile e mar airidh air bàs.

<sup>65</sup>Agus thòisich cuid air smugaidean a thilgeil air, is air aodann a chòmhdachadh, is air a bhualadh, ag ràdh ris, “Dèan fàidheadaireachd!” Agus ghabh na seirbheisich dha le sgailcean.

### **Peadar ag Àicheadh Ìosa**

<sup>66</sup>Fhad 's a bha Peadar gu h-ìosal sa chùirt-lios, thàinig aon de bhana-sheirbheisich an àrd-shagairt,

<sup>67</sup>agus a' faicinn Pheadair ga gharadh fhèin, sheall i gu geur air agus thuirt i, “Bha thusa cuideachd còmhla ri Ìosa o Nàsaret.”

<sup>68</sup>Ach dh'àich esan e, ag ràdh, “Chan eil fios agam agus chan eil mi a' tuigsinn dè a tha thu ag ràdh.” Agus chaidh esan a-mach dhan phoirdse, agus ghairm coileach.

<sup>69</sup>Agus ga fhaicinn, thòisich a' bhana-sheirbheiseach air a ràdh a-rithist riuthasan a bha nan seasamh mun cuairt, “S e fear dhiubh a tha seo.”

<sup>70</sup>Ach a-rithist dh'àich e e. Agus às dèidh greiseig thuirt iadsan a bha nan seasamh mun cuairt a-rithist ri Peadar, “Gu firinneach is e fear dhiubh a th' annad, oir is Galilèach thu.”

<sup>71</sup>Ach thòisich esan air mallachadh 's air mionnachadh, “Chan aithne dhomh an duine seo air a bheil sibh a' bruidhinn.”

<sup>72</sup>Agus sa bhad ghairm coileach an dara h-uair. Is chuimhnich Peadar air dè a thuirt Ìosa ris: “Mun gairm coileach dà uair, àicheadh tu mi trì tursan.” Agus bhris e sìos is chaoin e.

## **Marcas 15**

### **Ìosa mu choinneamh Phìlat**

<sup>1</sup>Cho luath 's a thàinig a' mhadainn chùm na h-àrd-shagartan, còmhla ri na h-èildearan, na sgrìobhaichean agus a' Chomhairle gu lèir, co-chomhairle. Cheangail iad Ìosa agus thug iad air falbh e is thug iad thairis do Phìlat e.

<sup>2</sup>Agus dh'fhaighnich Pìlat dha, “An tusa Rìgh nan lùdhach?” Agus fhreagair esan e, “Tha thu ga ràdh.”

<sup>3</sup>Agus chuir na h-àrd-shagartan mòran chasaidean air.

<sup>4</sup>Agus cheasnaich Pìlat a-rithist e: “Nach eil freagairt agad? Seall na tha iad a' cur de chasaidean ort.”

<sup>5</sup>Ach cha do fhreagair Ìosa sìon tuilleadh, air chor is gun robh Pìlat fo iongnadh.

<sup>6</sup>Aig gach fèill bhiodh e a' leigeil ma sgaoil dhaibh aon phrìosanach a dh'iarraidh iad.

<sup>7</sup>A-nis bha fear dham b' ainm Barabas sa phrìosan còmhla ri na reubaltaich a bh' air murt a dhèanamh san ar-a-mach.

<sup>8</sup>Agus thàinig an sluagh suas agus thòisich iad air iarraidh air Pìlat gun dèanadh e dhaibh mar a b' àbhaist dha.

<sup>9</sup>Fhreagair Pìlat iad ag ràdh, “Am bu toigh leibh gun leiginn mu sgaoil dhuibh Rìgh nan lùdhach?”

<sup>10</sup>Oir thuig e gum b' ann air sgàth an fharmaid a bha na h-àrd-shagartan air a thoirt thairis.

<sup>11</sup>Ach bhrosnaich na h-àrd-shagartan an sluagh airson 's, an àite sin, gun leigeadh e mu sgaoil Barabas.

<sup>12</sup>Agus a-rithist thuir Pìlat riutha, “Dè ma-thà a bu toigh leibh a dhèanainn leis an duine ris an can sibh Rìgh nan lùdhach?”

<sup>13</sup>Ach dh'èigh iad air ais, “Ceus e!”

<sup>14</sup>Agus thuir Pìlat riutha, “Carson, dè an t-olc a rinn e?” Ach 's ann bu mhotha a dh'èigh iadsan, “Ceus e!”

<sup>15</sup>Mar sin, ag iarraidh an sluagh a shàsachadh, leig e mu sgaoil Barabas dhaibh, agus às dèidh do dh'Ìosa a bhith air a sgiùrsadh, thug e thairis e airson 's gum biodh e air a cheusadh.

### **Na Saighdearan a' Magadh air Ìosa**

<sup>16</sup>Agus thug na saighdearan air falbh e a-steach dhan lùchairt (is e sin am Praetorium), agus ghairm iad còmhla am buidheann shaighdearan gu lèir.

<sup>17</sup>Agus chuir iad aodach purpaidh air, agus às dèidh dhaibh droighinn fhighe nan crùn, chuir iad air e.

<sup>18</sup>Agus thòisich iad air fhàilteachadh, ag ràdh, “Fàilte dhut, a Rìgh nan lùdhach!”

**19** Agus bhuail iad a cheann le cuilc agus thilg iad smugaidean air, agus a' lùbadh an glùinean thug iad ùmhlachd dha.

**20** Agus às dèidh dhaibh magadh air, thug iad dheth an t-aodach purpaidh is chuir iad a chuid aodaich fhèin air. Agus thug iad a-mach e airson a cheusadh.

### **Ìosa air a Cheusadh**

**21** Cho-èignich iad duine a bha a' dol seachad, Sìmon o Chirène, athair Alecsandair is Rùfais, a bha a' tighinn a-steach bhon dùthaich, airson crann-ceusaidh Ìosa a ghiùlain.

**22** Agus thug iad e chun an àite dham b' ainm Golgota, a tha a' ciallachadh Àite Claiginn.

**23** Agus thabhainn iad fion air a mheasgachadh le mirr dha, ach cha do ghabh esan e.

**24** Agus cheus iad e agus roinn iad a chuid aodaich, a' tilgeil chrann airson roghnachadh dè a bheireadh iad leotha.

**25** Bha e naoi uairean sa mhadainn nuair a cheus iad e.

**26** Bha sgrìobhadh a' chùis-dìtidh na aghaidh ag ràdh: RÌGH NAN IÙDHACH.

**27** Agus còmhla ris cheus iad dìthis mhèirleach, aon air an làimh dheis agus aon air a làimh chlì.

**28** Agus chaidh an sgrìobtar a choileanadh a thuirt, “Agus bha e air àireamh am measg nan ciontach.”

**29** Agus rinn iadsan a bha a' dol seachad magadh air, a' crathadh an cinn agus ag ràdh, “Ha! Thusa a leagadh an teampall agus a thogadh e ann an trì latha,

**30** sàbhail thu fhèin, is thig a-nuas on chrann-cheusaidh!”

**31** San aon dòigh rinn na h-àrd-shagartan le na sgrìobhaichean magadh air nam measg fhèin, ag ràdh, “Shàbhail e daoine eile; chan eil e comasach air e fhèin a shàbhaladh.

**32** Thigeadh Crìosd, Rìgh Israeil, a-nis a-nuas on chrann-cheusaidh airson 's gum faic is gun creid sinn.” Thug iadsan cuideachd a chaidh a cheusadh còmhla ris droch bheul dha.

### **Bàs Ìosa**

**33** Nuair a thàinig meadhan-latha, thàinig dorchadas thairis air an tìr gu lèir gu trì uairean feasgar.



<sup>34</sup>Agus aig trì uairean feasgar dh'èigh Iosa le guth àrd, “Eloi, Eloi, lema sabachtani?” a tha a' ciallachadh, “Mo Dhia, mo Dhia, carson a thrèig thu mi?”

<sup>35</sup>Nuair a chuala cuid dhiubhsan a bha nan seasamh mun cuairt e, thuirt iad, “Èistibh, tha e ag èigheach air Eliah.”

<sup>36</sup>Ruith fear dhiubh agus lion e spong le fion-geur, agus chuir e air slat cuilce e; thug e dha e ri òl, ag ràdh, “Leigibh leis, faiceamaid an tig Eliah ga thoirt a-nuas.”

<sup>37</sup>Agus leig Iosa èigh àrd às, is thug e suas an deò.

<sup>38</sup>Agus chaidh cùirtear an teampaill a shracadh na dhà phìos o mhullach gu bhonn.

<sup>39</sup>Agus nuair a chunnaic an ceannard-ceud, a bha na sheasamh ma choinneamh, gun tug e suas an deò san dòigh seo, thuirt e, “Gu firinneach b' e an duine seo Mac Dhè!”

<sup>40</sup>Bha boireannaich cuideachd a' coimhead o phìos às; nam measg sin bha Màiri Magdalen, agus Màiri màthair Sheumais a bu lugha, agus Iòseis, agus Salòme.

<sup>41</sup>Nuair a bha e ann an Galile, lean iadsan e agus rinn iad frithealadh dha, agus bha mòran bhoireannach eile ann a thàinig suas còmhla ris gu Ierusalem.

### Adhlacadh Iosa

<sup>42</sup>Agus nuair a bha am feasgar air tighinn, on a b' e Latha an Ullachaidh a bh' ann, 's e sin an latha ron t-Sàbaid,

<sup>43</sup>thàinig Iòsaph o Arimatèa, ball urramach dhen Chomhairle, a bha e fhèin cuideachd a' feitheamh airson rìoghachd Dhè, agus a' gabhail misneachd chaidh e a-steach gu Pìlat, is dh'iarr e corp Iosa.

<sup>44</sup>Agus bha iongnadh air Pìlat gum biodh e marbh mu thràth. Agus a' gairm air a' cheannard-ceud, dh'fhaighnich e dha an robh e marbh mu thràth.

<sup>45</sup>Nuair a fhuair e a-mach on cheannard-ceud gu robh, thug e an corp do dh'Iòsaph.

<sup>46</sup>Cheannaich Iòsaph anart, agus thug e a-nuas e, agus shuain e ann an anart e, agus chuir e ann an tuam e a bh' air a ghearradh à creig. Agus roilig e clach an aghaidh beul an tuama.

<sup>47</sup>Agus chunnaic Màiri Magdalen agus Màiri màthair Iòseis far an deach a chur na shìneadh.

## Marcas 16

## An Aiseirigh aig Ìosa

<sup>1</sup>Nuair a bha an t-Sàbaid seachad, cheannaich Màiri Magdalen is màthair Sheumais is Salòme spìosraidhean, airson 's gum faodadh iad a dhol ga ungradh.

<sup>2</sup>Fior thràth sa mhadainn air a' chiad latha dhen t-seachdain, nuair a bha a' ghrian air èirigh, chaidh iad chun an tuaim.

<sup>3</sup>Agus bha iad ag ràdh ri càch-a-chèile, “Cò a roiligeas a' chlach dhuinn o bheul an tuaim?”

<sup>4</sup>A' coimhead suas, chunnaic iad gun robh a' chlach – a bha fìor mhòr – air a rolaigeadh air falbh.

<sup>5</sup>A' dol a-steach dhan tuam, chunnaic iad òganach na shuidhe air an làimh dheis, air èideadh ann an culaidh fhada gheal, agus bha eagal mòr orra.

<sup>6</sup>Ach thuir e riutha, “Na biodh eagal oirbh. Tha sibh a' sireadh Ìosa o Nàsaret, a chaidh a cheusadh. Dh'èirich e; chan eil e an seo. Seallaibh an t-àite far an do chuir iad na shìneadh e.

<sup>7</sup>Ach thallaibh, innsibh dha dheisciobail agus do Pheadar gu bheil e a' dol romhaibh a Ghalile. An sin chì sibh e, mar a thuir e ribh.”

<sup>8</sup>Agus chaidh iad a-mach is theich iad on tuam, oir bha ball-chrith agus iongnadh air an greimeachadh, agus cha tuirt iad sìon ri neach sam bith, oir bha eagal orra. [Chan eil Marcas

<sup>16:9-20</sup> sna làmh-sgrìobhainnean as tràithe no ann an tòrr dhe na fianaisean as sine.]

<sup>9</sup>A-nis nuair a dh'èirich e tràth air a' chiad latha dhen t-seachdain, nochd e an toiseach ri Màiri Magdalen, às an do thilg e seachd deamhain.

<sup>10</sup>Chaidh ise agus dh'innis i sin dhaibhsan a bh' air a bhith còmhla ris, a bha ri bròn is caoineadh.

<sup>11</sup>Ach nuair a chuala iadsan gun robh e beò agus gun robh ise air fhaicinn, cha do chreid iad.

<sup>12</sup>Às dèidh sin nochd e ri dithis dhiubh ann an cruth eile, fhad 's a bha iad a' coiseachd dhan dùthaich.

<sup>13</sup>Chaidh iad air ais agus dh'innis iad do chàch, ach cha do chreid iad iadsan na bu mhotha.

<sup>14</sup>Às dèidh sin nochd e ris an aon fhear dheug fhad 's a bha iad nan suidhe aig bòrd, agus chronaich e iad airson an eas-creideimh agus an cruas cridhe, a chionn 's nach do chreid iad iadsan a chunnaic e às dèidh dha èirigh.

**15** Agus thuirt e riutha, “Thallaibh air feadh an t-saoghail gu lèir agus searmonaichibh an soisgeul dhan chruthachadh gu lèir.

**16** Ge b' e cò a chreideas agus a th' air a bhaisteadh, thèid a shàbhaladh, ach ge b' e cò nach creid, thèid a dhìteadh.

**17** Leanaidh na comharraidhean seo an fheadhainn a chreideas: nam ainm-sa tilgidh iad a-mach deamhain; bruidhinnidh iad le teangannan ùra;

**18** togaidh iad nathraichean len làmhan; agus ma dh'òlas iad puinnsean marbhteach sam bith, cha dèan e cron orra; cuiridh iad an làmhan air daoine tinn, agus bidh iad gu math.”

**19** Mar sin an uair sin, às dèidh dhan Tighearna Ìosa bruidhinn riutha, chaidh a thoirt suas gu nèamh agus shuidh e air deas-làimh Dhè.

**20** Agus chaidh iadsan a-mach is shearmonaich iad anns gach àite, agus bha an Tighearna a' co-obrachadh leotha agus a' dearbhadh an fhacail le na comharraidhean a thàinig leis.

## Lùcas

### Lùcas 1

#### Coisrigeadh an Leabhair do Theophilus

- <sup>1</sup>A chionn 's gu bheil mòran air gabhail os làimh cunntas a chur ri chèile mu na rudan a chaidh a choileanadh nar measg-ne,
- <sup>2</sup>dìreach mar a dh'earb iadsan rinne iad, a bha nan sùil-fhianaisean agus nan luchd-frithealaidh air an fhacal:
- <sup>3</sup>chunnaic mise iomchaidh e cuideachd – on a rannsaich mi a h-uile rud gu mionaideach on toiseach – eachdraidh òrdail a sgrìobhadh dhut, a Theophiluis as uaisle,
- <sup>4</sup>airson 's gum faod cinnt a bhith agad mu na rudan a chaidh a theagasg dhut.

#### Fàidheadaireachd mu Bhreith Eòin Baistidh

- <sup>5</sup>Ann an làithean Heroid, rìgh Iudèa, bha sagart ann air an robh an t-ainm Sachariah, de roinn shagartail Abia. Agus bha a bhean o nigheanan Aaroin, agus b' e Ealasaid an t-ainm a bh' oirre.
- <sup>6</sup>Agus bha an dithis aca fireanta mu choinneamh Dhè, gan giùlain fhèin gu neo-lochdach ann an àithntean is òrduighean an Tighearna gu lèir.
- <sup>7</sup>Ach cha robh leanabh aca, a chionn 's gun robh Ealasaid neo-thorrach, agus bha an dithis aca suas ann am bliadhnaichean.
- <sup>8</sup>A-nis, fhad 's a bha esan a' frithealadh mar shagart mu choinneamh Dhè, nuair a bha an roinn aigesan fo dhleastanas frithealaidh –
- <sup>9</sup>a rèir cleachdadh na sagartachd – chaidh a thaghadh tro chrannchur airson a dhol a-steach do theampall an Tighearna agus tùis a losgadh.
- <sup>10</sup>Agus bha mòr-bhuidheann an t-sluaigh gu lèir ag ùrnaigh a-muigh aig àm na tùise.
- <sup>11</sup>Is nochd aingeal leis an Tighearna ris, na sheasamh air taobh deas altair na tùise.
- <sup>12</sup>Agus bha Sachariah fo dhragh mòr nuair a chunnaic e e, is bhuail eagal e.
- <sup>13</sup>Ach thuirt an t-aingeal ris, “Na gabh eagal, a Shachariah; oir chaidh d' ùrnaigh a chluinntinn, agus beiridh do bhean Ealasaid mac dhut, agus bheir thu Eòin mar ainm air.
- <sup>14</sup>Agus bidh aoibhneas is toileachas ort; agus nì mòran gàirdeachas aig àm a bhreith.

**15**Oir bidh e mòr mu choinneamh an Tighearna, agus chan òl e fion no deoch-làidir idir; agus bidh e air a lìonadh leis an Spiorad Naomh, fiù 's o bhroinn a mhàthar.

**16**Agus tillidh e mòran de chloinn Israeil chun an Tighearna an Dia-san.

**17**Agus thèid e roimhesan ann an spiorad 's ann an cumhachd Eliah, airson cridheachan nan athraichean a thionndadh chun na cloinne, agus na h-eas-umhail gu gliocas nam firean, airson sluagh a dhèanamh deiseil dhan Tighearna a th' air an ullachadh.”

**18**Agus thuirte Sachariah ris an aingeal, “Ciamar a bhios fios agam air a seo? Oir is e seann duine a th' annam, agus tha mo bhean suas ann am bliadhnaichean.”

**19**Agus fhreagair an t-aingeal e, “Is mise Gàbriel a tha a' seasamh mu choinneamh Dhè, agus chaidh mo chur airson bruidhinn riutsa agus an naidheachd mhath seo a thoirt thugad.

**20**Agus, seall, bidh thu balbh is gun chomas bruidhinn gus an latha nuair a thachras na rudan seo, a chionn 's nach do chreid thu m' fhaclan-sa, a bhios air an coileanadh nan àm fhèin.”

**21**Agus bha an sluagh a' feitheamh ri Sachariah, agus bha an dàil a rinn e anns an teampall a' cur iongnadh orra.

**22**Agus nuair a thàinig e a-mach, cha b' urrainn dha bruidhinn riutha, agus thuig iad gum faca e sealladh anns an teampall, oir chùm e air a' smèideadh riutha, agus dh'fhan e balbh.

**23**Agus nuair a bha làithean a fhrithealaidh seachad chaidh e dha thaigh fhèin.

**24**Às dèidh nan làithean sin dh'fhàs a bhean Ealasaid torrach, agus chùm i i fhèin air falach airson còig mìosan, ag ràdh,

**25**“Is ann mar seo a rinn an Tighearna rium anns na làithean san do sheall e orm, a' toirt mo mhaslaidh am measg dhaoine air falbh uam.”

### **Fàidheadaireachd mu Bhreith Ìosa**

**26**Anns an t-siathamh mìos, chaidh an t-aingeal Gàbriel a chur o Dhia gu baile ann an Galile air an robh an t-ainm Nàsaret,

**27**gu òigh a bha fo ghealladh-pòsaidh aig fear dham b' ainm Iòsaph, de thaigh Dhaibhidh; b' e ainm na h-òighe Moire,

**28**agus thàinig e thuice is thuirte e, “Fàilte, O thusa a fhuair fàbhar, tha an Tighearna còmhla riut!”

<sup>29</sup>Ach bha i fo dhragh mòr air sgàth an fhacail aige, agus dh'fheuch i ri reusanachadh gu dè an seòrsa fàilte a dh'fhaodadh a bhith an seo.

<sup>30</sup>Agus thuir an t-aingeal rithe, “Na bi fo eagal, a Mhoire; oir fhuair thu fàbhar le Dia.

<sup>31</sup>Agus, seall, fàsaidh tu torrach nad bhroinn, agus beiridh tu mac, agus bheir thu Ìosa mar ainm air.

<sup>32</sup>Bidh e mòr, agus thèid Mac an Aoin as Àirde a ghabhail air; agus bheir an Tighearna Dia rìgh-chathair athar, Daibhidh, dha.

<sup>33</sup>Agus riaghlaidh e thairis air taigh làcoib gu sìorraidh, agus air a rìoghachd cha bhì crìoch.”

<sup>34</sup>Agus thuir Moire ris an aingeal, “Ciamar as urrainn seo a bhith, on as e òigh a th' annamsa?”

<sup>35</sup>Agus fhreagair an t-aingeal i, “Thig an Spiorad Naomh ort, agus cuiridh cumhachd an Aoin as Àirde sgàil ort. Mar sin, an leanabh naomh a bhios air a bhreith, gabhaidh iad Mac Dhè air.

<sup>36</sup>Agus, seall, do bhanacharaid Ealasaid, na seann aois, tha ise cuideachd torrach le mac; agus is e seo an t-siathamh mìos dhìse air an deach neo-thorrach a ghabhail,

<sup>37</sup>oir cha bhì rud sam bith do-dhèante do Dhia.”

<sup>38</sup>Agus thuir Moire, “Seall, is mise searbhanta an Tighearna; biodh e dèante riumsa a rèir d' fhacail.” Agus dh'fhàg an t-aingeal i.

#### **Moire a' Tadhal air Ealasaid**

<sup>39</sup>Anns na làithean sin dh'èirich Moire agus chaidh i ann an cabhaig gu dùthaich nam beann, gu baile ann an Iùdah,

<sup>40</sup>agus chaidh i a-steach do thaigh Shachariais, agus chuir i fàilte air Ealasaid.

<sup>41</sup>Agus nuair a chuala Ealasaid fàilte Mhoire, leum an naoidhean na broinn, agus chaidh Ealasaid a lìonadh leis an Spiorad Naomh.

<sup>42</sup>Agus dh'èigh i a-mach le guth àrd, “Is beannaichte thu am measg bhoireannach, agus is beannaichte toradh do bhroinne!

<sup>43</sup>Agus carson a dh'èirich seo dhòmhsa, gun tigeadh màthair mo Thighearna thugam?

<sup>44</sup>Oir seall, cho luath 's a thàinig fuaim d' fhàilte gu mo chluasan, leum an naoidhean le aoibhneas nam bhroinn.

<sup>45</sup>Agus is beannaichte ise a chreid gun deigheadh na thuir an Tighearna rithe a choileanadh.”

### Òran Moire

<sup>46</sup>Agus thuir Moire, “Tha m' anam ag àrdachadh an Tighearna,

<sup>47</sup>agus tha mo spiorad a' dèanamh gàirdeachas ann an Dia mo Shlànaighear:

<sup>48</sup>oir tha e air sealltainn air staid ìosal a shearbhanta: oir seall, o seo suas gabhaidh a h-uile ginealach ‘beannaichte’ orm.

<sup>49</sup>Oir tha an t-Aon a tha cumhachdach air rudan mòra a dhèanamh dhomh; agus is naomh ainm-san.

<sup>50</sup>Agus tha a thròcair dhaibhsan dhan eagal e – o ghinealach gu ginealach.

<sup>51</sup>Nochd e neart le a ghàirdean; sgap e na h-uaibhrich ann an smuain an cridhe.

<sup>52</sup>Tha e air an luchd-riaghlaidh a thoirt a-nuas on cathraichean, agus tha e air iadsan a bha iriosal àrdachadh.

<sup>53</sup>Lìon e an fheadhainn a bha acrach le rudan matha; agus na daoine saidhbhir chuir e air falbh falamh.

<sup>54</sup>Chuidich e a sheirbheiseach Israel gus a thròcair a chuimhneachadh.

<sup>55</sup>Mar a thuir e ri ar n-athraichean, ri Abrahàm agus ri a shliochd gu sìorraidh.”

<sup>56</sup>Agus dh'fhan Moire còmhla ri Ealasaid mu thrì mìosan, agus thill i dha taigh fhèin.

### Àm Breith Eòin Baistidh

<sup>57</sup>A-nis thàinig an t-àm airson leanabh a bhith aig Ealasaid, agus rug i mac.

<sup>58</sup>Agus chuala a coimhearsnaich 's a càirdean gun robh an Tighearna air mòr-thròcair a shealltainn dhi: agus rinn iad gàirdeachas còmhla rithe.

<sup>59</sup>Agus air an ochdamh latha thàinig iad a thimcheall-ghearradh an leanabh, agus bha iad a' dol a thoirt ainm athar air, Sachariah,

<sup>60</sup>ach fhreagair a mhàthair, “Chan e idir; ach thèid Eòin a ghabhail air.”

<sup>61</sup>Agus thuir iad rithe, “Chan eil neach am measg do chàirdean air a bheil an t-ainm seo.”

<sup>62</sup>Agus smèid iad air athair, a' faighneachd dha dè a bu toigh leis-san a thoirt air.

<sup>63</sup>Agus dh'iarr e clàr-sgrìobhaidh, is sgrìobh e “Is e Eòin ainm.” Agus ghabh iad uile iongnadh.

<sup>64</sup>Agus anns a' bhad chaidh a bheul fhosgladh is a theanga fhuasgladh, agus bhruidhinn e, a' moladh Dhè.

<sup>65</sup>Agus thàinig eagal air an coimhearsnaich gu lèir; agus chaidh bruidhinn mu na rudan sin uile air feadh dùthaich àrd Iudèa air fad.

<sup>66</sup>Agus iadsan uile a chuala iad, ghlèidh iad nan cridhe iad, ag ràdh, “Dè, ma-thà, an seòrsa leanaibh a bhios an seo?” Oir bha làmh an Tighearna còmhla ris.

### Fàidheadaireachd Shachariah

<sup>67</sup>Agus bha athair, Sachariah, air a lìonadh leis an Spiorad Naomh, is rinn e fàidheadaireachd, ag ràdh:

<sup>68</sup>“Beannaichte gun robh an Tighearna Dia Israeil, a chionn 's gun do thadhail e air a shluagh, agus gun do shaor e iad.

<sup>69</sup>Agus gun do thog e suas adharc sàbhalaidh dhuinne ann an taigh a sheirbheisich Daibhidh,

<sup>70</sup>mar a thuir e tro bheul fhàidhean naomha fhèin, o shean,

<sup>71</sup>sàbhaladh o ar nàimhdean agus o làimh na feadhna sin uile aig a bheil fuath dhuinn.

<sup>72</sup>A dhèanamh tròcair air ar n-athraichean, agus an cùmhnant naomh aige a chuimhneachadh,

<sup>73</sup>a' mhionn a mhionnaich e dhar n-athair Abrahàm, thug e dhuinn

<sup>74</sup>gum biodh sinne, às dèidh dhuinn a bhith air ar saoradh o làimh ar nàimhdean, a' dèanamh seirbheis dha às aonais eagal

<sup>75</sup>ann an naomhachd is ann am fireantachd ma choinneamh fad ar làithean.

<sup>76</sup>Agus thusa, a leanaibh, thèid fàidh an Aoin as àirde a ghabhail ort; oir thèid thu ron Tighearna, a dh'ullachadh a shlighean,

<sup>77</sup>a thoirt eòlas sàbhalaidh dha shluagh, tro mhathanas am peacaidhean,

<sup>78</sup>air sgàth tròcair chaomh ar Dè-ne, leis an tadhail èirigh-na-grèine oirnn on àirde

<sup>79</sup>airson solas a thoirt dhaibhsan a tha nan suidhe ann an dorchadas agus ann an sgàil a' bhàis, airson ar casan a threòrachadh a-steach do shlighe na sìthe.”



<sup>80</sup>Agus dh'fhàs an leanabh, agus chaidh a neartachadh ann an spiorad, agus bha e anns an fhàsach gu latha an fhoillseachaidh phoblaich aige do dh'Israel.

## Lùcas 2

### Ìosa Crìosd ga Bhreith

<sup>1</sup>Anns na làithean sin chaidh òrdugh a-mach o Chèasar Augustus an saoghal uile a bhith air a chlàradh.

<sup>2</sup>(B' e seo a' chiad chlàradh a chaidh a dhèanamh nuair a bha Cuirinius na riaghladair air Siria.)

<sup>3</sup>Agus chaidh iad uile gus a bhith air an clàradh, gach aon gu a bhaile fhèin.

<sup>4</sup>Chaidh Iòsaph cuideachd suas o Ghalile, à baile Nàsaret, gu Iudèa, gu baile Dhaibhidh, ris an canar Betlehem, a chionn 's gum buineadh e do theaghlach agus do shliochd Dhaibhidh,

<sup>5</sup>airson 's gum biodh e air a chlàradh còmhla ri Moire a bha fo ghealladh-pòsaidh aige, agus i trom le leanabh.

<sup>6</sup>Agus thachair, nuair a bha iad an sin, gun tàinig an t-àm airson 's gun toireadh i an leanabh a-steach dhan t-saoghal.

<sup>7</sup>Agus rug i a ciad-ghin mic, agus phaisg i e ann an aodach-suainidh, agus chuir i na laighe ann am prasaich e, a chionn 's nach robh àite anns an taigh-òsta dhaibh.

### Na Buachaillean agus na h-Ainglean

<sup>8</sup>Agus anns an aon dùthaich bha buachaillean anns na h-achaidhean is iad a' cumail faire na h-oidhche air an treud aca.

<sup>9</sup>Agus nochd aingeal an Tighearna riutha, agus dheàraich glòir an Tighearna mun cuairt orra, agus ghabh iad eagal mòr.

<sup>10</sup>Ach thuirt an t-aingeal riutha, “Na biodh eagal oirbh: oir seallaibh, tha mi a' toirt deagh sgeul thugaibh, a bhios na mhòr-aoibhneas dhuibhse agus dhan t-sluagh gu lèir.

<sup>11</sup>Oir rugadh dhuibh an-diugh, ann am baile Dhaibhidh, Slànaighear, agus is esan Crìosd an Tighearna.

<sup>12</sup>Agus bidh seo na chomharra dhuibh: gheibh sibh an leanabh paisgte ann an aodach-suainidh, agus na laighe ann am prasaich.”

<sup>13</sup>Agus gu h-aithghearr bha mòr-shluagh de dh'armailt nèamhaidh còmhla ris an aingeal a' moladh Dhè agus ag ràdh:

**14**“Glòir do Dhia anns na h-àrdan, agus air talamh sìth am measg dhaoine leis a bheil e toilichte.”

**15**Nuair a dh'fhalbh na h-ainglean bhuapa gu nèamh, thuir na buachaillean ri chèile, “Rachamaid a-nis gu Betlehem, agus faiceamaid an rud seo a th' air tachairt, a rinn an Tighearna follaiseach dhuinn.”

**16**Agus dh'fhalbh iad nan cabhaig agus fhuair iad Moire is Iòsaph, agus an leanabh na laighe anns a' phrasaich.

**17**Agus nuair a chunnaic iad sin, dh'aithris iad an rud a chaidh innse dhaibh mun phàiste seo.

**18**Agus ghabh iadsan uile a chuala seo iongnadh mu na rudan a bha na buachaillean air innse dhaibh.

**19**Ach ghlèidh Moire na rudan sin uile, a' meòrachadh orra na cridhe.

**20**Agus thill na buachaillean, a' glòrachadh agus a' moladh Dhè airson nan rudan sin uile a chuala agus a chunnaic iad, dìreach mar a chaidh innse dhaibh.

### **Ìosa air a Thairgsinn san Teampall**

**21**Air an ochdamh latha, nuair a bha an t-àm air tighinn airson a thimcheall-ghearradh, chaidh Ìosa a thoirt air mar ainm, an t-ainm a ghabh an t-aingeal air mun deach a ghineadh anns a' bhroinn.

**22**Agus nuair a chaidh làithean an glanaidh a choileanadh, a rèir lagh Mhaois, thug iad esan suas gu Ierusalem airson a thairgsinn dhan Tighearna.

**23**(Mar sin tha e sgrìobhte ann an lagh an Tighearna, “Gach mac a dh'fhosglas a' bhrù, thèid naomh dhan Tighearna a ghabhail air”).

**24**Agus thairg iad ìobairt a rèir mar a tha e air a ràdh ann an lagh an Tighearna: “dà thurtar no dà chalman òg”.

**25**A-nis, bha duine ann an Ierusalem air an robh an t-ainm Simeon, agus bha an duine seo ionraic agus diadhaidh, a' feitheamh ri sòlas Israeil: agus bha an Spiorad Naomh air.

**26**Agus chaidh fhoillseachadh dha leis an Spiorad Naomh nach fhaiceadh e bàs mus faiceadh e an Crìosd aig an Tighearna.

**27**Agus thàinig e anns an Spiorad dhan teampall. Agus nuair a thug na pàrantan am pàiste Ìosa a-steach, airson 's gun dèanadh iad air a shon a rèir cleachdadh an lagha,

**28**ghabh esan na ghàirdeanan e, is bheannaich e Dia, agus thuir e:

**29**“A Thighearna, a-nis tha thu a' leigeil led sheirbheiseach siubhal ann an sìth, a rèir d' fhacail.

**30**Oir chunnaic mo shùilean do shlàinte,

**31**a tha thu air ullachadh ann an làthair nan uile shluagh,

**32**solas taisbeanaidh dha na Cinnich, agus airson glòir dha do shluagh Israel.”

**33**Agus ghabh Iòsaph agus a mhàthair mòr-iongnadh mu na rudan a chaidh a ràdh mun phàiste.

**34**Agus bheannaich Simeon iad, agus thuir e ri Moire a mhàthair, “Seall, chaidh am pàiste seo a shuidheachadh airson tuiteam is èirigh mhòran ann an Israel, agus na chomharra a thèid cur na aghaidh

**35-** agus tollaidh claidheamh d' anam fhèin cuideachd – airson 's gun tèid smuaintean cridheachan mhòran fhoillseachadh.”

**36**Agus bha ban-fhàidh ann, Anna, nighean Phanueil, de threubh Aseir. Bha i suas ann am bliadhnaichean. Bha i air fuireach seachd bliadhna còmhla ris an duine aice on àm a bha i na h-òigh,

**37**agus an uair sin na bantraich gus an robh i ochdad 's a ceithir. Cha do dh'fhàg i an teampall, a' dèanamh seirbheis le trasgadh is ùrnaigh a latha 's a dh'oidhche.

**38**Agus aig an uair sin fhèin thàinig i suas agus thòisich i air moladh a thoirt do Dhia agus air bruidhinn ma dheidhinn riuthasan uile aig an robh sùil ri saorsa Ierusalem.

### **An Tilleadh gu Nàsaret**

**39**Agus nuair a choilean iad a h-uile rud a rèir Lagh an Tighearna, thill iad a Ghalile, dham baile fhèin, Nàsaret.

**40**Dh'fhàs am pàiste is chaidh a neart am meud; bha e air a lìonadh le gliocas agus bha gràs Dhè air.

### **Am Balach Iosa san Teampall**

**41**A-nis chaidh a phàrantan gu Ierusalem gach bliadhna, aig Fèill na Càisge.

**42**Agus nuair a bha e dà bhliadhna dheug a dh'aois, chaidh iad suas, a rèir cleachdadh na Fèille.

**43**Agus nuair a bha làithean na Fèille seachad, fhad 's a bha iad a' tilleadh, dh'fhan am balach ann an Ierusalem. Cha robh fios aig a phàrantan air.

**44**Ach a' saoil sinn gun robh e anns a' bhuidheann, chaidh iad astar latha, agus an uair sin sheall iad gu dìcheallach air a shon am measg an càirdean 's an luchd-eòlais.

**45**Nuair nach d' fhuair iad e thill iad gu Ierusalem a' coimhead air a shon.

<sup>46</sup>Às dèidh trì latha fhuair iad e anns an teampall, na shuidhe am measg an luchd-teagaisg, ag èisteachd riutha agus a' cur cheistean orra.

<sup>47</sup>Agus ghabh iadsan uile a chuala e iongnadh air sgàth a thuigse agus a fhreagairtean.

<sup>48</sup>Agus nuair a chunnaic a phàrantan e, bha iad fo iongnadh, agus thuir a mhàthair ris, “A mhic, carson a rinn thu mar seo oirnn? Seall, bha d' athair agus mise fo àmhghar gad shireadh.”

<sup>49</sup>Agus thuir esan riutha, “Carson a bha sibh gam shireadh? Nach robh fios agaibh gum feumainn-sa a bhith ann an taigh m' Athar?”

<sup>50</sup>Ach cha do thuig iadsan an rud a thuir e riutha.

<sup>51</sup>Agus chaidh e sìos còmhla riutha is thàinig e gu Nàsaret agus bha e umhail dhaibh. Ach ghlèidh a mhàthair na rudan sin uile na cridhe.

<sup>52</sup>Agus thàinig Iosa air adhart ann an gliocas is ann an inbhe is ann an fàbhar le Dia is daoine.

## Lùcas 3

### Eòin Baistidh ag Ullachadh na Slighe

<sup>1</sup>A-nis anns a' chòigeamh bliadhna deug de rìoghachadh Thiberiuis Chèasair, nuair a bha Pontias Pilat na riaghladair air Iudèa, agus Herod na thetrarc air Galile, agus Philip a bhràthair na thetrarc air ceàrnaidh Iturèa agus Thrachonitis, agus Lisaniyas na thetrarc air Abilene,

<sup>2</sup>nuair a bha Annas agus Caiaphas nan àrd-shagartan, thàinig facal Dhè gu Eòin mac Shachariah anns an fhàsach.

<sup>3</sup>Agus chaidh e dhan sgìre mu thimcheall Iòrdain gu Ièir, a' searmonachadh baisteadh an aithreachais, airson mathanas pheacaidhean.

<sup>4</sup>Mar a tha e sgrìobhte ann an leabhar an fhàidh Isaiah: “Guth aoin ag èigheach anns an fhàsach, ‘Ullaichibh slighe an Tighearna, dèanaibh a fhrith-rathaidean dìreach,

<sup>5</sup>bidh a h-uile gleann air a lìonadh, agus a h-uile beinn agus cnoc air an ìsleachadh; agus bidh na rudan cama air an dèanamh dìreach, agus na slighean garbha air an dèanamh rèidh,

<sup>6</sup>agus chì gach uile fheòil slàinte Dhè.”

<sup>7</sup>Mar sin thuir e ris an t-sluagh a thàinig a-mach airson gum baisteadh e iad, “A shìol nan nathraichean nimhe, cò a thug rabhadh dhuibhse teicheadh on chorraich a tha ri thighinn?

<sup>8</sup>Thugaibh a-mach toraidhean iomchaidh an aithreachais. Agus na tòisichibh air cantainn rib' fhèin, 'Tha athair againn, Abrahàm!' Oir tha mi ag ràdh ribh gu bheil Dia comasach air clann a thogail suas do dh'Abrahàm o na clachan seo.

<sup>9</sup>Ach mu thràth tha an tuagh air a cur ri bun nan craobh; mar sin, gach craobh nach toir a-mach toradh math, thèid a gearradh sìos, agus a tilgeil dhan teine."

<sup>10</sup>Agus dh'fhaighnich an sluagh dha, "Dè, mar sin, a nì sinne?"

<sup>11</sup>Agus fhreagair esan iad, "Ge b' e aig a bheil dà bhad aodaich uachdair, roinneadh e leis an neach aig nach eil; agus an neach aig a bheil biadh, dèanadh e san aon dòigh."

<sup>12</sup>Thàinig cìs-mhaoir cuideachd airson a bhith air am baisteadh agus thuirte iad ris, "Fhir-Teagaisg, dè a nì sinne?"

<sup>13</sup>Agus thuirte esan riutha, "Na cruinnichibh càil a bharrachd air na chaidh òrdachadh dhuibh."

<sup>14</sup>Dh'fhaighnich saighdearan cuideachd dha, "Agus sinne, dè a nì sinne?" Agus thuirte e riutha, "Na toiribh airgid o neach sam bith tro làimh làidir, no tro chasaidean-brèige, agus bithibh toilichte le ur tuarastal."

<sup>15</sup>Fhad 's a bha an sluagh a' feitheamh le dòchas agus na h-uile a' reusanachadh nan cridheachan mu Eòin, am b' e an Crìosd a bh' ann,

<sup>16</sup>fhreagair Eòin iad uile, ag ràdh, "Tha mise gur baisteadh le uisge, ach tha Aon a' tighinn a tha nas cumhachdaiche na mise, agus chan eil mise airidh air barrail a chuarain fhuasgladh. Baistidh esan sibh leis an Spiorad Naomh agus le teine.

<sup>17</sup>Tha a ghuit aige na làimh, airson an t-ùrlar-bualaidh aige a ro-ghlanadh, agus a' chruithneachd a chruinneachadh dhan t-sabhal aige, ach loisgidh e am moll le teine nach urrainn a bhith air a chur às."

<sup>18</sup>Agus le mòran earalaichean eile, shearmonaich e an soisgeul dhan t-sluagh.

<sup>19</sup>Ach bha Herod an tetrarc air cronachadh fhaighinn uaithe air sgàth Heròdiais, bean a bhràthar, agus air sgàth gach uilc a bha Herod air a dhèanamh,

<sup>20</sup>agus chuir e seo riutha uile: ghlas e Eòin anns a' phrìosan.

### **Baisteadh Ìosa**

<sup>21</sup>A-nis, nuair a bha an sluagh gu lèir air am baisteadh, agus Ìosa cuideachd air a bhaisteadh, agus e ag ùrnaigh, chaidh nèamh fhosgladh,

<sup>22</sup>agus thàinig an Spiorad Naomh a-nuas air ann an cruth corporra mar chalman. Agus thàinig guth o nèamh, ag ràdh, “Is tusa mo Mhac gràdhach, leatsa tha mi fìor thoilichte.”

### Sloinntearachd Ìosa

<sup>23</sup>Nuair a thòisich Ìosa fhèin a mhinistrealachd bha e mu thrithhead bliadhna a dh'aois. B' esan, mar a chaidh a shaoilsinn, mac Iòsaiph, mhic Heli,

<sup>24</sup>mhic Mhatait, mhic Lèbhi, mhic Mhelchì, mhic Ianna, mhic Iòsaiph,

<sup>25</sup>mhic Mhatatiah, mhic Àmois, mhic Nauim, mhic Esli, mhic Nagaidh,

<sup>26</sup>mhic Mhaait, mhic Mhatatiah, mhic Shemei, mhic Iòsaiph, mhic Iùdah,

<sup>27</sup>mhic Ioanna, mhic Rhesa, mhic Shorobabeil, mhic Shalatieil, mhic Nèri,

<sup>28</sup>mhic Mhelchì, mhic Adi, mhic Chòsaim, mhic Elmadaim, mhic Èir,

<sup>29</sup>mhic Iosua, mhic Elieseir, mhic Iòrim, mhic Mhatait, mhic Lèbhi,

<sup>30</sup>mhic Shimeoin, mhic Iùdah, mhic Iòsaiph, mhic Iònaim, mhic Eliacim,

<sup>31</sup>mhic Mhelea, mhic Mhenna, mhic Mhatata, mhic Nàtain, mhic Dhaibhidh,

<sup>32</sup>mhic Iese, mhic Obeid, mhic Bhòais, mhic Shalmoin, mhic Naasòin,

<sup>33</sup>mhic Aminadaibh, mhic Admain, mhic Arni, mhic Esròim, mhic Phareis, mhic Iùdah,

<sup>34</sup>mhic Iàcoib, mhic Ìsaac, mhic Abrahàim, mhic Thara, mhic Nachòir,

<sup>35</sup>mhic Sharuich, mhic Ragau, mhic Phaleic, mhic Ebeir, mhic Shala,

<sup>36</sup>mhic Chanàain, mhic Arphacsaid, mhic Shèim, mhic Nòah, mhic Lameich,

<sup>37</sup>mhic Mhatùsala, mhic Enoich, mhic Iareid, mhic Mhalelèil, mhic Chanàain,

<sup>38</sup>mhic Enòis, mhic Shèit, mhic Àdhaimh, mhic Dhè.

## Lùcas 4

### Buaireadh Ìosa anns an Fhàsach

<sup>1</sup>Agus thill Ìosa, làn dhen Spiorad Naomh, o Iòrdan agus bha e air a threòrachadh leis an Spiorad anns an fhàsach

<sup>2</sup>airson ceathrad latha, ga bhuaireadh leis an diabhal. Agus cha do dh'ith e rud sam bith anns na làithean sin: agus nuair a chaidh an crìochnachadh, bha e acrach.

<sup>3</sup>Thuir an diabhal ris, “Mas tu Mac Dhè, can ris a' chloich seo tionndadh na h-aran.”

<sup>4</sup>Agus fhreagair Ìosa e, “Tha e sgrìobhte, ‘Chan ann air aran a-mhàin a bhios duine beò.’”

<sup>5</sup>Agus thug an diabhal suas e, agus sheall e dha rìoghachdan an t-saoghail gu lèir ann an tiota tìm.

<sup>6</sup>Agus thuirte an diabhal ris, “Bheir mise dhutsa an t-ùghdarras seo gu lèir agus a' ghlòir aca, oir chaidh a thoirt thairis dhòmhsa, agus tha mi ga thoirt do neach sam bith as toigh leam.

<sup>7</sup>Mar sin, ma nì thu adhradh dhòmhsa, is ann leatsa a bhios e gu lèir.”

<sup>8</sup>Agus fhreagair Ìosa e, “Tha e sgrìobhte, ‘Nì thu adhradh dhan Tighearna do Dhia, agus dhàsan a-mhàin nì thu seirbheis.’”

<sup>9</sup>Agus thug e gu Ierusalem e, is chuir e air binnean an teampaill e, agus thuirte e ris, “Mas tu Mac Dhè, tilg thu fhèin sìos à seo.

<sup>10</sup>Oir tha e sgrìobhte: ‘Bheir e àithne dha ainglean mud thimcheall, do ghleidheadh’;

<sup>11</sup>agus ‘Togaidh iad suas thu nan làmhan, air eagal 's gum buail thu do chas air cloich.’”

<sup>12</sup>Agus fhreagair Ìosa e, “Tha e air a ràdh, ‘Cha bhuair thu an Tighearna do Dhia.’”

<sup>13</sup>Agus nuair a chrìochnaich an diabhal a h-uile buaireadh, dh'fhalbh e uaithe gus an tigeadh àm fàbharach.

#### **Ìosa air a Dhiùltadh ann an Nàsaret**

<sup>14</sup>Agus thill Ìosa a Ghalile ann an cumhachd an Spioraid, agus chaidh iomradh ma dheidhinn a-mach air feadh a' cheàrnaidh mun cuairt gu lèir.

<sup>15</sup>Agus bha e a' teagasg anns na sionagogan aca, a' faighinn molaidh on a h-uile duine.

<sup>16</sup>Agus thàinig e gu Nàsaret, far an do thogadh e, 's mar a b' fhasan dha, chaidh e a-steach dhan t-sionagog air latha na Sàbaid, is sheas e airson leughadh.

<sup>17</sup>Agus chaidh rolla an fhàidh Isaiah a thoirt dha. Agus dh'fhuasgail e an rolla is lorg e an t-àite far a bheil e sgrìobhte:

<sup>18</sup>“Tha Spiorad an Tighearna orm, a chionn 's gun do dh'ung e mi airson an deagh sgeul a shearmonachadh dha na bochdan. Tha e air mo chur a ghairm saorsa dha na braighdean agus fradharc air aiseag dha na doill, a thoirt saorsa dhan mhuinntir a tha air an claoidh,

<sup>19</sup>a shearmonachadh bliadhna fàbhair an Tighearna.”

<sup>20</sup>Agus roilig e suas an rolla, thug e air ais dhan fhear-frithealaidh e, is shuidh e. Agus bha sùilean a h-uile duine a bh' anns an t-sionagog a' coimhead gu geur air.

<sup>21</sup>Agus thòisich e ag ràdh riutha, “An-diugh chaidh an Sgrìobtar seo a choileanadh nur n-èisteachd-se.”

<sup>22</sup>Agus bhruidhinn iad uile gu math ma dheidhinn is ghabh iad iongnadh mu na faclan gràs-mhora a bha a' tighinn a-mach às a bheul. Agus thuirt iad, “Nach e seo mac Iòsaiph?”

<sup>23</sup>Agus thuirt e riutha, “Gun amharas canaidh sibh an gnàth-fhacal seo rium: ‘A lighiche, leighis thu fhèin! Na chuala sinn a rinn thu ann an Capernàum, dèan an seo na do bhaile fhèin cuideachd.’”

<sup>24</sup>Agus thuirt e, “Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh, chan eil fàidh sam bith a' faighinn fàilte na dhùthaich fhèin.

<sup>25</sup>Ach gu firinneach tha mise ag ràdh ribh gun robh mòran bhantrach ann an Israel ann an làithean Eliah, nuair a chaidh an t-adhar a dhùnadh airson trì bliadhna agus sia mìosan, agus a bha gorta mhòr air feadh na tìre gu lèir.

<sup>26</sup>Ach cha deach Eliah a chur gu aon dhiubh, ach gu Sarepta Shìdoin, gu boireannach a bha na bantraich.

<sup>27</sup>Agus bha mòran lobhar ann an Israel aig àm Elisah am fàidh agus cha deach aon dhiubh a ghlanadh ach Nàaman an Sirianach.”

<sup>28</sup>Agus chaidh iadsan uile a bh' anns an t-sionagog a lìonadh le feirg, nuair a chuala iad na rudan sin.

<sup>29</sup>Agus dh'èirich iad, is thilg iad a-mach às a' bhaile e, agus thug iad leotha e gu mullach a' chnuic air an robh am baile aca air a thogail, airson a thilgeil sìos am bearradh.

<sup>30</sup>Ach a' gabhail tro am meadhan, dh'fhalbh e.

### **Iosa a' Slànachadh Duine anns an Robh Deamhan**

<sup>31</sup>Agus chaidh e sìos gu Capernàum, baile ann an Galile, agus bha e gan teagasg air an t-Sàbaid,

<sup>32</sup>agus bha iad fo iongnadh mu theagasg-san, oir bha ùghdarras aig fhacal-san.

<sup>33</sup>Agus anns an t-sionagog bha duine anns an robh spiorad deamhain neòghlain, agus dh'èigh e le guth mòr,

<sup>34</sup>“À! Dè do ghnothach-sa rinne, Iosa o Nàsaret? An tàinig thu gar sgrìos? Is aithne dhòmhsa cò thu – Aon Naomh Dhè.”



<sup>35</sup>Agus chronaich Ìosa e, ag ràdh, “Bi sàmhach agus thig a-mach às.” Agus nuair a bha an deamhan air esan a thilgeil sìos nam measg, thàinig e a-mach às gun chron sam bith a dhèanamh air.

<sup>36</sup>Agus bha iad uile fo iongnadh agus thuir iad ri chèile, “Dè an seòrsa cainnt a tha an seo? Oir le ùghdarras is cumhachd tha e a' toirt òrduigh dha na spioradan neòghlan, agus tha iad a' tighinn a-mach.”

<sup>37</sup>Agus bha iomradh ma dheidhinn-san a' dol a-mach air feadh gach àite dhen cheàrnaidh mun cuairt.

### **Ìosa a' Slànachadh Mhòran**

<sup>38</sup>Dh'èirich e às an t-sionagog agus chaidh e a-steach do thaigh Shìmoin. A-nis bha màthair-chèile Shìmoin a' fulang le fiabhras mòr, agus dh'fhaighnich iad do dh'Ìosa an cuidicheadh e i.

<sup>39</sup>Agus sheas e os a cionn, chronaich e am fiabhras, agus dh'fhàg e i. Agus dh'èirich i sa bhad, agus fhritheil i dhaibh.

<sup>40</sup>A-nis, fhad 's a bha a' ghrian a' dol fodha, chaidh iadsan uile a bha tinn le iomadh seòrsa tinneis a thoirt thuige, agus chuir esan a làmhan air gach aon dhiubh, agus leighis e iad.

<sup>41</sup>Agus bha deamhain cuideachd a' tighinn a-mach à mòran, ag èigheach, “Is tusa Mac Dhè.” Ach chronaich e iad agus cha leigeadh e leotha bruidhinn, oir bha fios aca gum b' esan an Crìosd.

<sup>42</sup>Agus nuair a thàinig an latha, dh'fhalbh e agus chaidh e gu àite fàsail. Agus bha an sluagh ga shireadh agus thàinig iad thuige, agus dh'fheuch iad ri a chumail om fàgail.

<sup>43</sup>Ach thuir esan riutha, “Feumaidh mi soisgeul rìoghachd Dhè a shearmonachadh dha na bailtean eile cuideachd, oir is ann airson seo a chaidh mo chur a-mach.”

<sup>44</sup>Agus bha e a' searmonachadh ann an sionagogan Iudèa.

## **Lùcas 5**

### **Ìosa a' Gairm nan Ciad Dheisciobal**

<sup>1</sup>Ach thachair, nuair a bha an sluagh a' teannadh dlùth ris airson facal Dhè a chluinntinn, gun do sheas e ri taobh loch Ghenesaret,

<sup>2</sup>agus chunnaic e dà eathar aig oir an locha, ach bha na h-iasgairean air a dhol a-mach asta, agus bha iad a' nighe na lin.

<sup>3</sup>Agus chaidh e a-steach a dh'aon dhe na h-eathraichean, a bha le Sìmon, agus dh'iarr e air a dhol a-mach beagan o thìr. Agus shuidh e sìos is theagaisg e an sluagh on eathar.

<sup>4</sup>A-nis nuair a sguir e a bhruidhinn, thuir e ri Sìmon, “Thalla a-mach dhan doimhne, agus leigibh sìos ur lìn airson glacadh.”

<sup>5</sup>Agus fhreagair Sìmon agus thuir e ris, “A Mhaighstir, shaothraich sinn gu cruaidh fad na h-oidhche, agus cha do ghlac sinn rud sam bith. Ach air d'fhacal-sa leigidh mi sìos na lìn.”

<sup>6</sup>Agus nuair a bha iad air seo a dhèanamh, chuartaich iad àireamh mhòr èisg, agus bha na lìn aca a' briseadh.

<sup>7</sup>Agus smèid iad air na companaich a bh' anns an eathar eile gus tighinn 's an cuideachadh. Agus thàinig iad agus lìn iad an dà eathar, gus an robh iad a' tòiseachadh air a dhol fodha.

<sup>8</sup>Nuair a chunnaic Sìmon Peadar seo, thuit e sìos aig glùinean Ìosa, ag ràdh, “Theirig air falbh uamsa, a Thighearna, oir is e duine peacach a th' annam.”

<sup>9</sup>Oir bhuail uabhas e fhèin agus iadsan uile a bha còmhla ris, air sgàth na ghlac iad de dh'iasg,

<sup>10</sup>agus bha Seumas is Eòin, mic Shebede, a bha nan luchd-compàirt le Sìmon, mar sin cuideachd. Agus thuir Ìosa ri Simon, “Na biodh eagal ort; à seo suas glacaidh tu daoine.”

<sup>11</sup>Agus nuair a bha iad air am bàtaichean a thoirt gu tìr, dh'fhàg iad a h-uile rud is lean iad esan.

### **Duine le Luibhre**

<sup>12</sup>Fhad 's a bha esan ann an aon dhe na bailtean, thàinig duine làn de luibhre. Nuair a chunnaic e Ìosa, thuit e sìos air aghaidh agus ghuidh e air, “A Thighearna, mas miann leat, tha thu comasach air mise a dhèanamh glan.”

<sup>13</sup>Agus shìn Ìosa a làmh a-mach agus bhean e ris, ag ràdh, “Is miann leam. Bi glan!” Agus anns a' bhad dh'fhàg an luibhre e.

<sup>14</sup>Agus dh'àithn e dha gun innse do neach sam bith; “Ach thalla, agus seall thu fhèin dhan t-sagart, agus tairg ìobairt airson do ghlanaidh mar fhianais dhaibh, mar a dh'àithn Maois.”

<sup>15</sup>Ach bu mhotha a sgaoileadh an t-iomradh ma dheidhinn-san, agus chruinnich sluagh mòr airson èisteachd ris agus airson a bhith air an slànachadh leis om bochdainnean.

<sup>16</sup>Agus dheigheadh e air leth do dh'àiteachan fàsail, agus dhèanadh e ùrnaigh.

### **Ìosa a' Leigheas Fear leis a' Phairilis**

<sup>17</sup>Air aon dhe na làithean sin, nuair a bha e a' teagasg, bha Pharasaich agus luchd-teagaisg lagha nan suidhe an sin a bha air tighinn às gach uile bhaile

de Ghalile agus de dh'Iudèa agus à Ierusalem. Agus bha cumhachd an Tighearna còmhla ris airson 's gun dèanadh e slànachadh.

**18**Agus seall, bha cuid de dhaoine a' giùlain air leabaidh duine air an robh a' phairilis agus bha iad a' feuchainn ri a thoirt a-steach agus a chur mu choinneamh Ìosa.

**19**Ach nuair nach do lorg iad dòigh air a thoirt a-steach air sgàth an t-sluaigh, chaidh iad suas air mullach an taighe, agus leig iad sìos tro na leacagan e fhèin agus a leabaidh anns a' mheadhan, mu choinneamh Ìosa.

**20**Agus nuair a chunnaic e an creideamh, thuirt e, “A dhuine, tha do pheacaidhean air am mathadh dhut.”

**21**Agus thòisich na sgrìobhaichean agus na Pharasaich air reusanachadh, ag ràdh, “Cò e seo a tha a' bruidhinn gu toibheumach? Cò a dh'fhaodas peacaidhean a mhathadh ach Dia a-mhàin?”

**22**Ach le fios a bhith aig Ìosa air an smuaintean, fhreagair e iad, ag ràdh, “Carson a tha sibh a' reusanachadh nur cridheachan?”

**23**Dè as fhasa, a ràdh, ‘Tha do pheacaidhean air am mathadh dhut,’ no a ràdh, ‘Èirich agus coisich?’

**24**Ach airson 's gum bi fios agaibh gu bheil ùghdarras aig Mac an Duine peacaidhean a mhathadh air thalamh,” thuirt e ri fear na pairilis, “Tha mi ag ràdh riut, èirich, agus tog do leabaidh, agus theirig dhad thaigh.”

**25**Agus anns a' bhad dh'èirich e mun coinneamh, agus thog e an rud air an robh e na laighe, agus chaidh e dha thaigh a' toirt glòir do Dhia.

**26**Agus ghlac iongnadh iad uile, agus bha iad a' toirt glòir do Dhia, agus chaidh an lìonadh le eagal, ag ràdh, “Chunnaic sinne rudan do-chreidsinn an-diugh.”

### **Ìosa a' Gairm Lèbhi**

**27**Às dèidh seo chaidh e a-mach, agus chunnaic e cìs-mhaor air an robh an t-ainm Lèbhi na shuidhe aig bùth na cìse. Agus thuirt e ris, “Lean mise.”

**28**Agus a' fàgail a h-uile rud, dh'èirich e agus lean e e.

**29**Agus rinn Lèbhi fèist mhòr dha na thaigh fhèin, agus bha cuideachd mhòr de chìs-mhaoir agus de mhuinntir eile ann a' suidhe aig bòrd còmhla riutha.

**30**Agus rinn na Pharasaich is na sgrìobhaichean aca gearain an aghaidh a dheisciobal-san, ag ràdh, “Carson a tha sibh ag ithe agus ag òl còmhla ri cìs-mhaoir agus ri peacaich?”

**31**Agus fhreagair Ìosa iad, “Chan iadsan a tha slàn aig a bheil feum air lighiche, ach iadsan a tha tinn.

**32**Cha tàinig mise a ghairm nam firean, ach nam peacach gu aithreachas.”

### **Ìosa air a Cheasnachadh mu Thrasgadh**

**33**Agus thuirtd iadsan ris, “Tha deisciobail Eòin gu tric a' trasgadh agus a' dèanamh ùrnaigh, agus tha 's deisciobail nam Pharasach, ach tha an fheadhainn agadsa ag ithe agus ag òl.”

**34**Agus thuirtd Ìosa riutha, “An urrainn dhuibh toirt air fleasgaich na bainnse trasgadh, fhad 's a tha fear na bainnse còmhla riutha?”

**35**Ach thig na làithean nuair a thèid fear na bainnse a thoirt uapa; agus an uair sin trasgaidh iad anns na làithean sin.”

**36**Dh'innis e cuideachd cosamhlachd dhaibh: “Chan eil neach sam bith a' sracadh pìos o bhad aodaich ùr agus ga chur air seann bhad aodaich. Ma tha, sracaidh e an t-aodach ùr, agus cha tig am pìos on fhear ùr ris an t-seann fhear.

**37**Agus chan eil duine sam bith a' cur fion ùr ann an seann searragan. Ma chuireas, sgàinidh am fion ùr na searragan, agus thèid a dhòrtadh, agus thèid na searragan a sgrios.

**38**Ach feumaidh fion ùr a bhith air a chur ann an searragan ùra.

**39**Agus chan eil duine sam bith, às dèidh dha seann fhìon òl, a' miannachadh fion ùr, oir canaidh e, ‘Is e an seann fhìon as fheàrr.’”

## **Lùcas 6**

### **Tighearna na Sàbaid**

**1**Air latha Sàbaid, fhad 's a bha e a' dol tro na h-achaidhean arbhair, spìon agus dh'ith a dheisciobail diasan arbhair, gan suathadh len làmhnan.

**2**Ach thuirtd cuid dhe na Pharasaich, “Carson a tha sibh a' dèanamh an rud nach eil laghail a dhèanamh air an t-Sàbaid?”

**3**Agus fhreagair Ìosa iad, “Nach do leugh sibhse an rud a rinn Daibhidh, nuair a bha acras air fhèin is orrasan a bha còmhla ris:

**4**mar a chaidh e a-steach do thaigh Dhè agus a ghabh e an t-aran coisrigte, agus a dh'ith e e, agus a thug e cuideachd e dhaibhsan a bha còmhla ris – rud nach eil ceadaichte ach dha na sagartan a-mhàin?”

**5**Agus thuirtd e riutha, “Is e Mac an Duine Tighearna na Sàbaid.”

### **Duine le Làmh Sheargte**

**6**Air Sàbaid eile chaidh e a-steach dhan t-sionagog agus bha e a' teagasg, agus bha duine an sin aig an robh a làmh dheas seargte.

<sup>7</sup>Rinn na sgrìobhaichean agus na Pharasaich faire air, airson faicinn an leighiseadh e air an t-Sàbaid, gus am faigheadh iad adhbhar airson casaid a chur na aghaidh.

<sup>8</sup>Ach b' aithne dha an smuaintean agus thuir e ris an duine aig an robh an làmh sheargte, “Èirich, agus seas a-mach anns a' mheadhan.” Agus dh'èirich esan, agus sheas e.

<sup>9</sup>An uair sin thuir Ìosa riutha, “Tha mise a' faighneachd dhuibh, a bheil e ceadaichte air an t-Sàbaid math a dhèanamh no olc, beatha a shàbhaladh no a sgrios?”

<sup>10</sup>Agus às dèidh coimhead mun cuairt orra uile, thuir e ris an duine, “Sìn a-mach do làmh.” Agus rinn e sin, agus chaidh a làmh aiseag slàn dha.

<sup>11</sup>Agus bha iadsan air an lìonadh le cuthach agus rinn iad deasbad ri chèile a thaobh dè a dhèanadh iad ri Ìosa.

### **An Dà Abstol Dheug**

<sup>12</sup>Anns na làithean sin chaidh esan a-mach chun na beinne a dhèanamh ùrnaigh, agus chuir e seachad fad na h-oidhche ann an ùrnaigh ri Dia.

<sup>13</sup>Agus nuair a thàinig an latha, ghairm e air a dheisciobail agus thagh e dà fhear dheug asta, a dh'ainmich e cuideachd mar abstoil.

<sup>14</sup>Simon (a dh'ainmich e Peadar), Anndra a bhràthair, Seumas, Eòin, Philip, Bartolomèus,

<sup>15</sup>Mata, Tòmas, Seumas mac Alphèuis, Sìmon ris an canar an t-Eudmhoraiche,

<sup>16</sup>Iùdas mac Sheumais, agus Iùdas Iscariot, a thionndaidh na fhear-brathaidh.

### **Beannachdan agus Mallachdan**

<sup>17</sup>Agus thàinig e a-nuas leotha agus sheas e air àite còmhnard. Bha sluagh mòr dhe na deisciobail aige an sin agus buidheann mhòr de dhaoine o Iudèa uile agus Ierusalem agus o cheàrnaidh-fairge Thìruis agus Shìdoin,

<sup>18</sup>a bha air tighinn ga èisteachd agus airson a bhith air an leigheas on galaran. Agus iadsan a bha air am buaireadh le spioradan neòghlan, bha iad air an leigheas.

<sup>19</sup>Agus dh'fheuch an sluagh uile ri beantainn ris, oir bha cumhachd a' tighinn às agus gan slànachadh uile.

<sup>20</sup>Agus a' togail a shùilean suas gu a dheisciobail, thuir e: “Is beannaichte sibhse a tha bochd, oir is leibh rìoghachd Dhè.

**21**Is beannaichte sibhse a tha acrach a-nis, oir thèid ur sàsachadh. Is beannaichte sibhse a tha a' caoineadh a-nis, oir nì sibh gàire.

**22**Is beannaichte sibh, nuair a bheir daoine fuath dhuibh, agus a dhùineas iad a-mach sibh agus a bheir iad droch bheul dhuibh agus a dhiùltas iad mar olc ur n-ainm, air sgàth Mhic an Duine.

**23**“Dèanaibh-se gàirdeachas anns an latha sin, agus leumaibh le aoibhneas, oir seallaibh, is mòr ur duais ann an nèamh. Oir is ann mar sin a rinn an athraichean ri na fàidhean.

**24**“Ach is maireg dhuibhse a tha beairteach, oir fhuair sibh ur cofhurtachd.

**25**Is maireg dhuibhse a tha làn a-nis, oir bidh acras oirbh. Is maireg dhuibhse a tha a' gàireachdainn a-nis, oir nì sibh bròn is caoineadh.

**26**Is maireg dhuibhse nuair a bhruidhneas a h-uile duine gu math mur deidhinn, oir is ann mar sin a rinn an athraichean ris na fàidhean brèige.

### **Gràdh do Nàimhdean**

**27**“Ach tha mi ag ràdh ribhse a tha ag èisteachd: gràdhaichibh ur nàimhdean, dèanaibh math dhaibhsan a tha gur fuathachadh,

**28**beannaichibh iadsan a tha gur mallachadh, dèanaibh ùrnaigh airson na muinntir a tha a' dèanamh tàir oirbh.

**29**Ris an neach a bhuaileas thu air a' ghruaidh, tairg an tè eile cuideachd, agus on neach a bheir do chleòc uat na cùm do lèine-fhada air ais nas motha.

**30**Thoir dhan neach a dh'iarras ort, agus on neach a bheir uat na tha leat, na iarr air ais e.

**31**Agus mar a bu toigh leibh a dhèanadh daoine dhuibhse, dèanaibh-se dhaibhsan cuideachd.

**32**“Agus ma ghràdhaicheas sibh iadsan a tha gur gràdhachadh, dè an seòrsa cliù a tha an sin dhuibh? Oir gràdhaichidh fiù 's peacaich iadsan aig a bheil gràdh dhaibh.

**33**Agus ma nì sibh math dhaibhsan a nì math dhuibh, dè an seòrsa cliù a tha an sin dhuibh? Oir nì fiù 's peacaich an aon rud.

**34**Agus ma bheir sibh iasad dhaibhsan o bheil dùil agaibh fhaighinn air ais, dè an seòrsa cliù a tha sin dhuibh? Tha fiù 's peacaich a' toirt iasad do pheacaich, airson 's gum faigh iad air ais an aon uiread.

**35**Ach gràdhaichibh-se ur nàimhdean, is dèanaibh math, is thugaibh iasad, gun dùil ri rud sam bith air ais, agus bidh ur duais mòr, is bidh sibh nur cloinn dhan Aon as Àirde, oir tha esan còir riuthasan a tha mì-thaingeil agus olc.

**36**Bithibh-se tròcaireach, dìreach mar a tha ur n-Athair tròcaireach.

### **A' Toirt Breith air Feadhainn Eile**

**37**“Na toiribh breith, agus cha tèid breith a thoirt oirbh. Na dìtibh, agus cha tèid ur dìteadh. Thugaibh mathanas, agus thèid mathanas a thoirt dhuibh.

**38**Thoiribh, agus thèid toirt dhuibh. Deagh thomhas, air a bhruthadh sìos, air a chrathadh ri chèile is a' cur thairis, thèid a chur nur n-uchd. Oir leis an tomhas a chleachdas sibh thèid a thomhas air ais dhuibh.”

**39**Dh'innis e cuideachd cosamhlachd dhaibh: “Is cinnteach nach urrainn do dhuine dall duine dall a threòrachadh? Nach tuit an dithis aca ann an sloc?

**40**Chan eil deisciobal os cionn a neach-teagaisg, ach gach fear a tha e air a thrèanadh gu coileanta, bidh e mar a neach-teagaisg.

**41**“Carson a tha thu a' faicinn na speilg a tha ann an sùil do bhràthar, ach nach eil thu a' mothachadh dhan t-sail a tha nad shùil fhèin?

**42**No ciamar as urrainn dhut a ràdh rid bhràthair, ‘A bhràthair, leig leam an spealg a tha na do shùil a thoirt aiste,’ nuair nach eil thusa a' faicinn na sail a tha na do shùil fhèin? A bhreug-chràbhaiche, an toiseach thoir an t-sail às do shùil fhèin, agus an uair sin chì thu gu soilleir airson an spealg a thoirt à sùil do bhràthar.

### **Craobh agus a Toradh**

**43**“Oir cha toir deagh chraobh a-mach droch thoradh, no a-rithist cha toir droch chraobh a-mach deagh thoradh.

**44**Oir tha gach craobh air a h-aithneachadh o a toradh fhèin. Oir cha chruinnich daoine fìgean o dhroighinn, agus cha mhotha a tha fion-dhearcan air am buain o dhris.

**45**Bheir duine math math a-mach à ionmhas math a chridhe, agus an duine olc olc a-mach à ionmhas olc a chridhe. Oir a-mach à pailteas a' chridhe bruidhinnidh a bheul.

### **An Luchd-Togail Glic agus Gòrach**

**46**“Carson a ghabhas sibh, ‘A Thighearna, a Thighearna’ ormsa agus nach eil sibh a' dèanamh na rudan a tha mi ag ràdh?

**47**Gach neach a thig thugamsa agus a chluinneas m' fhaclan is a nì iad, seallaidh mi dhuibh cò ris a tha e coltach.

**48**Tha e coltach ri duine, a' togail taighe, a chladhaich sìos gu domhainn agus a shuidhich a' bhunait air a' chreig. Agus nuair a dh'èirich tuil, bhuaill an sruth gu dian air an taigh sin ach cha b' urrainn dha a chrathadh, oir bha e air a thogail gu math.

<sup>49</sup>Ach an neach a chluinneas m' fhaclan agus nach dèan iad, tha e coltach ri duine a thog taigh air an talamh gun bhunait. Nuair a bhuaill an sruth gu dian air, anns a' bhad thuit e, agus bu mhòr sgrios an taighe sin.”

## Lùcas 7

### Creideamh a' Cheannaird-Ceud

<sup>1</sup>Nuair a chrìochnaich Ìosa na faclan aige gu lèir ann an èisteachd an t-sluaigh, chaidh e a-steach do Chapernàum.

<sup>2</sup>A-nis bha seirbheiseach aig ceannard-ceud, dhan robh spèis mhòr aige, tinn agus ri uchd bàis.

<sup>3</sup>Nuair a chuala e mu Ìosa chuir e èildearan nan lùdhach thuige, a' faighneachd dha an tigeadh e agus gun leighiseadh e a sheirbheiseach.

<sup>4</sup>Nuair a thàinig iad gu Ìosa ghuidh iad air gu dùrachdach, ag ràdh, “Tha e airidh air gun dèanadh tu seo dha,

<sup>5</sup>oir tha gràdh aige air an nàisean againn agus thog e an sionagog dhuinn.”

<sup>6</sup>Agus chaidh Ìosa còmhla riutha. Ach nuair nach robh e fada on taigh, chuir an ceannard-ceud càirdean thuige, ag ràdh ris, “A Thighearna, na gabh dragh, oir chan eil mise airidh air gun tigeadh tu a-steach fo mhullach mo thaighe.

<sup>7</sup>Mar sin, cha do shaoil mi mi fhèin airidh air tighinn thugad. Ach can am facal, agus bidh mo sheirbheiseach air a shlànachadh.

<sup>8</sup>Oir is e duine a th' annamsa cuideachd a tha air mo chur fo ùghdarras, le saighdearan fodham. Agus canaidh mi ris an fhear seo, ‘Thalla,’ agus falbhaidh e, agus ri fear eile, ‘Thig,’ agus thig e, agus rim sheirbheiseach, ‘Dèan seo,’ agus nì e e.”

<sup>9</sup>Nuair a chuala Ìosa na rudan seo, ghabh e iongnadh ma dheidhinn, agus a' tionndadh chun an t-sluaigh a bha ga leantainn, thuirt e, “Tha mi ag ràdh ribh nach d' fhuair mi fiù 's ann an Israel a leithid seo de chreideamh.”

<sup>10</sup>Agus nuair a thill an fheadhainn sin a chaidh a chur a-mach air ais chun an taighe, fhuair iad an seirbheiseach ann an deagh shlàinte.

### Ìosa a' Togail Mac Banntraich o na Mairbh

<sup>11</sup>Agus an ath latha, chaidh e gu baile ris an canar Nain agus chaidh a dheisciobail is sluagh mòr còmhla ris.

<sup>12</sup>A-nis fhad 's a thàinig e faisg air geata a' bhaile, seall, bha duine marbh ga ghiùlain a-mach, aon mhac a mhàthar, agus b' e banntrach a bh' innte. Agus bha sluagh mòr de mhuinntir a' bhaile còmhla rithe.



**13**Nuair a chunnaic an Tighearna i, ghabh e truas rithe, agus thuirte e rithe, “Na bi a' caoineadh.”

**14**An uair sin thàinig e suas agus bhean e ris a' ghiùlan, agus sheas iadsan a bha ga ghiùlain stòlda, agus thuirte e, “Òganaich, tha mi ag ràdh riut, èirich.”

**15**Agus dh'èirich am fear a bha marbh agus thòisich e air bruidhinn, agus thug Ìosa dha mhàthair e.

**16**Agus ghlac eagal iad uile, is ghlòraich iad Dia, ag ràdh, “Dh'èirich fàidh mòr nar measg-ne,” agus “Tha Dia air tadhal air a shluagh fhèin le cùram.”

**17**Agus chaidh an naidheachd seo ma dheidhinn a-mach air feadh Iudèa air fad agus air feadh na dùthcha mun cuairt oirre gu lèir.

### **Ìosa agus Eòin Baistidh**

**18**Dh'innis deisciobail Eòin dha mu na rudan seo air fad. Ghairm Eòin dithis dhe dheisciobail thuige,

**19**agus chuir e iad gu Ìosa airson faighneachd, “An tusa esan a bha ri thighinn, no an sùilich sinn neach eile?”

**20**Nuair a thàinig na daoine thuige, thuirte iad, “Chuir Eòin Baistidh sinne thugad, ag ràdh, ‘An tusa an t-aon a bha ri thighinn, no an sùilich sinn neach eile?’”

**21**Aig an àm sin fhèin leighis e mòran o ghalaran, o phlàighean is o spioradan olca, agus thug e fradharc do mhòran a bha dall.

**22**Agus fhreagair Ìosa iad, “Thallaibh agus innsibh do dh'Eòin na chunnaic agus na chuala sibh: tha na doill a' faighinn fradhairc, na bacaich a' coiseachd, na lobhair air an glanadh, na bodhair a' cluinntinn, na mairbh air an togail suas, agus an soisgeul air a shearmonachadh dha na bochdan.

**23**Agus is beannaichte esan nach gabh oilbheum air mo sgàth-sa.”

**24**Nuair a bha teachdairean Eòin air falbh, thòisich Ìosa air bruidhinn ris an t-sluagh mu dheidhinn Eòin: “Dè a chaidh sibh a-mach dhan fhàsach a dh'fhaicinn? Cuilc air a crathadh leis a' ghaoith?”

**25**Dè mar sin a chaidh sibh a-mach a dh'fhaicinn? Duine air èideadh ann an aodach mìn? Seall, tha iadsan a tha air an èideadh ann an aodach glòrmhor agus a tha beò gu sòghail rim faighinn ann an lùchairtean rìghrean.

**26**Dè mar sin a chaidh sibh a-mach a dh'fhaicinn? Fàidh? Seadh, tha mi ag ràdh ribh, agus barrachd air fàidh.

**27**Is e seo esan mu bheil e sgrìobhte: “Seall, cuiridh mise mo theachdaire rod aghaidh, a dh'ullaicheas do shlighe romhad.”

**28**“Tha mi ag ràdh ribh, nam measg-san a rugadh o bhoireannaich, chan eil neach sam bith nas motha na Eòin; ach a dh'aindeoin sin tha an neach as lugha ann an rìoghachd Dhè nas motha na esan.”

**29**(Nuair a chuala an sluagh gu lèir seo, agus na cìs-mhaoir cuideachd, às dèidh dhaibh a bhith air am baisteadh le baisteadh Eòin, dh'aidich iad gun robh Dia firinneach.

**30**Ach dhiùlt na Pharasaich agus an luchd-lagha rùn Dhè air an son fhèin, a chionn 's nach deach am baisteadh leis.)

**31**“Cò ris, mar sin, a shamhlaicheas mi muinntir a' ghinealaich seo, agus cò ris a tha iad coltach?

**32**Tha iad coltach ri cloinn a tha nan suidhe san ionad-mhargaidh, agus ag èigheach ri chèile, ag ràdh: “Chluich sinne an duiseal dhuibhse, agus cha do rinn sibhse dannsa; sheinn sinne tuireadh dhuibhse, agus cha do chaoin sibhse.’

**33**“Oir thàinig Eòin Baistidh, chan ann ag ithe arain, no ag òl fiona, agus canaidh sibh, ‘Tha deamhan ann.’

**34**Thàinig Mac an Duine ag ithe 's ag òl, agus canaidh sibh, ‘Seall, craosaire agus drungair, caraid chis-mhaor is pheacach.’

**35**Ach tha gliocas air a fireanachadh le a cloinn gu lèir.”

### **Boireannach Peacach ag Ungadh Ìosa**

**36**Dh'iarr aon dhe na Pharasaich airsan biadh a ghabhail còmhla ris, agus chaidh e a-steach do thaigh an Pharasaich agus shuidh e aig a' bhòrd.

**37**Nuair a fhuair boireannach anns a' bhaile, a bha na peacach, fios gun robh e na shuidhe aig biadh ann an taigh an Pharasaich, thug i leatha crogan alabastair làn de dh'acfhainn,

**38**agus a' seasamh air a chùlaibh, aig a chasan, agus a' caoineadh, thòisich i air a chasan a fhliuchadh le a deòir. An uair sin shuath i iad le a falt, is phòg i a chasan, agus dh'ung i leis an acfhainn iad.

**39**Nuair a chunnaic am Pharasach a thug an cuireadh dha seo, thuir e ris fhèin, “Nam b' e fàidh a bh' anns an duine seo, bhiodh fhios aige cò i am boireannach seo, agus dè an seòrsa tè a th' innte a tha a' beantainn ris, oir is e peacach a th' innte.”

**40**Agus fhreagair Ìosa e, “A Shìmoin, tha rud agam ri ràdh riut.” Agus thuir e esan, “Fhir-Teagaisg, can e.”

**41**“Bha dithis fo fhiachan aig neach-fiach àraidh: aon airson còig cheud denarius, agus am fear eile airson caogad.

<sup>42</sup>Air sgàth 's nach b' urrainn dhaibh pàigheadh, mhath e fiachan an dithis aca. Cò dhiubh, ma-thà, as motha a ghràdhaicheas e?"

<sup>43</sup>Fhreagair Sìmon, "Saoilidh mi gur e am fear dhan do mhath e a' chuid a bu mhotha." Agus thuirt e ris, "Thug thu breith cheart."

<sup>44</sup>Agus a' tionndadh chun a' bhoireannaich, thuirt e ri Sìmon, "A bheil thu a' faicinn a' bhoireannaich seo? Thàinig mise a-steach dhan taigh agad; cha tug thu uisge dhomh airson mo chasan, ach tha ise air mo chasan a fhliuchadh le a deòir agus air an tiormachadh le a falt.

<sup>45</sup>Cha tug thusa pòg dhomh, ach o thàinig mise a-steach, cha do sguir ise a phògadh mo chasan.

<sup>46</sup>Cha do dh'ung thusa mo cheann le ola, ach tha ise air mo chasan ungradh le acfhainn.

<sup>47</sup>Mar sin tha mi ag ràdh riut gu bheil a peacaidhean, a tha lìonmhor, air am mathadh – oir ghràdhaich i gu mòr. Ach ge b' e neach dham mathar beagan, bidh a ghràdh beag."

<sup>48</sup>Agus thuirt e rithe, "Tha do pheacaidhean air am mathadh."

<sup>49</sup>An uair sin thòisich iadsan a bha nan suidhe aig a' bhòrd còmhla ris air a ràdh nam measg fhèin, "Cò tha seo, a tha eadhon a' mathadh pheacaidhean?"

<sup>50</sup>Agus thuirt e ris a' bhoireannach, "Shàbhail do chreideamh thu; thalla ann an sìth."

## Lùcas 8

### Cosamhlachd an Fhir-Cuir

<sup>1</sup>Às dèidh sin shiubhail e air adhart tro gach baile mòr is gach baile beag a' searmonachadh agus ag aithris deagh sgeul rìoghachd Dhè. Agus bha an dà fhear dheug còmhla ris,

<sup>2</sup>agus cuideachd boireannaich àraidh a chaidh a leigheas o dhroch spioradan agus o bhochdainnean: Màiri, ris an canar Magdalen, às an deach seachd deamhain a-mach,

<sup>3</sup>agus Ioanna bean Chusa, stiùbhard Heroid, agus Susanna, agus mòran eile, a fhritheil dhaibh a-mach às an cuid fhèin.

<sup>4</sup>Agus nuair a bha sluagh mòr a' cruinneachadh, is a thàinig iad às gach baile thuige, thuirt e ann an cosamhlachd:

<sup>5</sup>"Chaidh fear-cuir sìl a-mach a chur. Agus fhad 's a bha e a' cur, thuit cuid ri taobh an rathaid agus chaidh stampadh air, agus dh'ith eòin an adhair e.

<sup>6</sup>Thuit cuid air creig, agus nuair a bha e air fàs, shearg e, air sgàth 's nach robh fliuichead aige.

<sup>7</sup>Thuit cuid eile am measg dhroigheann, agus dh'fhàs na droighinn còmhlairis, agus thachd iad e.

<sup>8</sup>Agus thuit cuid eile air talamh math, agus dh'fhàs e, agus thug e toradh a-mach, a cheud uiread.” A' cantainn na rudan seo, dh'èigh e, “Ge b' e cò aig a bheil cluasan airson cluinntinn, cluinneadh e.”

<sup>9</sup>Dh'fhaighnich a dheisciobail dha dè a bh' anns a' chosamhlachd seo.

<sup>10</sup>Thuit e, “Chaidh a thoirt dhuibhse eòlas a bhith agaibh air dìomhaireachdan rioghachd Dhè, ach dhan a' chòrr tha iad sin ann an cosamhlachdan, airson 's, 'a' faicinn, nach fhaiceadh iad; agus a' cluinntinn, nach tuigeadh iad.’

<sup>11</sup>“Is e seo ciall na cosamhlachd: is e an sìol facal Dhè.

<sup>12</sup>Is iadsan a tha ri taobh an rathaid an fheadhainn a tha air cluinntinn. Ach an uair sin tha an diabhal a' tighinn agus tha e a' toirt air falbh an fhacail às an cridheachan, airson 's nach creideadh iad 's gum biodh iad air an saoradh.

<sup>13</sup>Agus is iadsan a tha air a' chreig an fheadhainn, nuair a dh'èisteachas iad ris an fhacal, a ghabhas thuca e le gàirdeachas, ach chan eil freumh aca seo. Creididh iad airson greis agus ann an àm buairidh tuitidh iad air falbh.

<sup>14</sup>Agus a thaobh an t-sìl a thuit am measg dhroigheann, is iad sin an fheadhainn a dh'èisteachas, ach fhad 's a thèid iad air an slighe, tha iad air an tachdadh le cùraman agus le beairteas agus le toileachais na beatha, agus chan eil iad a' toirt a-mach toradh abaich.

<sup>15</sup>Agus a thaobh an t-sìl a thuit air an talamh mhath, is iadsan an fheadhainn, às dèidh dhaibh am facal a chluinntinn, a tha ga chumail nan cridhe onarach agus math, agus a bheir a-mach toradh le foighidinn.

### **Lampa air Lampair**

<sup>16</sup>“Chan eil neach sam bith a' lasadh lampa agus ga falach le soitheach no ga cur fo leabaidh. An àite sin cuiridh e air lampair i, airson 's gum faic iadsan a thig a-steach an solas.

<sup>17</sup>Oir chan eil rud sam bith falaichte nach tèid a dhèanamh follaiseach, no dìomhair nach bi aithnichte 's a' tighinn am follais.

<sup>18</sup>Mar sin thoiribh an aire ciamar a dh'èisteachas sibh, oir ge b' e neach aig a bheil, thèid toirt dha, agus ge b' e neach aig nach eil, thèid fiù 's an rud sin a shaoileas e a th' aige a thoirt uaihe.”

### **Màthair agus Bràithrean Ìosa**

<sup>19</sup>An uair sin thàinig a mhàthair agus a bhràithrean thuige, ach cha b' urrainn dhaibh faighinn thuige air sgàth an t-sluaigh.

<sup>20</sup>Agus chaidh innse dha: “Tha do mhàthair agus do bhràithrean nan seasamh a-muigh, ag iarraidh d' fhaicinn.”

<sup>21</sup>Ach fhreagair esan iad, “Is iad mo mhàthair agus mo bhràithrean iadsan a chluinneas facal Dhè agus a tha ga dhèanamh.”

### **Ìosa a' Socrachadh an Stoirm**

<sup>22</sup>Aon latha chaidh e a-steach do dh'eathar còmhla ri a dheisciobail, agus thuir e riutha, “Rachamaid thairis gu taobh thall an locha.” Agus chuir iad a-mach o thìr.

<sup>23</sup>Ach fhad 's a sheòl iad, thuit esan na chadal. Agus thàinig sgall gaoithe a-nuas air an loch, agus bha an t-eathar ga lionadh le uisge, agus bha iad ann an cunnart mòr.

<sup>24</sup>Agus chaidh iad agus dhùisg iad e, ag ràdh, “A Mhaighstir, a Mhaighstir, tha sinn gu bhith cailte!” Agus dhùisg esan, agus chrònaich e a' ghaoth agus boile nan tonn, agus sguir iad, agus bha ciùine ann.

<sup>25</sup>Thuir e riutha, “Càit a bheil ur creideamh?” Agus bha iad fo eagal, is ghabh iad iongnadh, ag ràdh ri chèile, “Cò mar sin a tha seo, 's gu bheil e fiù 's a' toirt àithne dha na gaothan 's dhan uisge, agus tha iad umhail dha.”

### **Leigheas Duine anns an Robh Deamhain**

<sup>26</sup>An uair sin sheòl iad gu dùthaich nan Gerasèanach, a tha thall mu choinneamh Ghalile.

<sup>27</sup>Nuair a bha Ìosa air a dhol a-mach air tìr, choinnich duine às a' bhaile ris, anns an robh deamhain. Airson ùine mhòir cha robh e air aodach a chur air, agus cha robh e air fuireach ann an taigh, ach am measg nan tuam.

<sup>28</sup>Nuair a chunnaic e Ìosa, dh'èigh e a-mach agus thuit e sìos ma choinneamh agus thuir e le guth àrd, “Dè mo ghnòthach riutsa, Ìosa, a Mhic an Dè as ro àirde? Tha mi a' guidhe ort gun mo chur fo àmhghar.”

<sup>29</sup>Oir bha e air àithne a thoirt dhan spiorad neòghlan tighinn a-mach às an duine. Oir bha e air greimeachadh air gu tric; agus bhiodh e air a chumail fo fhaire agus air a cheangal le slabhraidhean is sèinichean-coise, ach bhriseadh e na cuibhrichean agus bhiodh e air a ruagadh leis an deamhan do dh'àiteachan fàsail.

<sup>30</sup>Dh'fhaighnich Ìosa an uair sin dha, “Dè an t-ainm a th' ort?” Agus thuir e, “Lègion,” oir bha mòran dheamhan air a dhol a-steach ann.

**31** Agus ghuidh iad air gun àithne a thoirt dhaibh falbh sìos dhan doimhneachd.

**32** Bha treud lìonmhor mhuc an sin ag ionaltradh air a' bheinn, agus ghuidh iad air cead a thoirt dhaibh a dhol a-steach annta, agus thug e cead dhaibh.

**33** Thàinig na deamhain a-mach às an duine agus chaidh iad a-steach dha na mucan, agus ruith an treud mhuc sìos an leathad cas dhan loch agus chaidh am bàthadh.

**34** Agus nuair a chunnaic iadsan a bha gam biathadh an rud a thachair, theich iad agus dh'aithris iad e anns a' bhaile agus anns an dùthaich.

**35** An uair sin chaidh iadsan a-mach a dh'fhaicinn an rud a bha air tachairt, agus thàinig iad gu Ìosa, agus fhuair iad an duine às an deach na deamhain na shuidhe aig casan Ìosa, air èideadh agus ceart sa cheann; agus bha an t-eagal orra.

**36** Agus dh'innis iadsan a chunnaic e mar a chaidh an duine anns an robh na deamhain a shlànachadh.

**37** An uair sin dh'iarr uile shluagh na dùthcha mun cuairt nan Gerasèanach airsan falbh uapa, oir chaidh an glacadh le eagal mòr. Mar sin chaidh e do dh'eathar agus thill e air ais.

**38** Ghuidh an duine às an deach na deamhain air Ìosa gum faodadh e a bhith còmhla ris, ach chuir Ìosa air falbh e, ag ràdh,

**39** “Till dhad dhachaigh fhèin agus innis na rinn Dia dhut.” Agus dh'fhalbh e tron bhaile gu lèir a' cur an cèill na rinn Ìosa dha.

### **Nighean Mharbh agus Boireannach Tinn**

**40** A-nis, nuair a thill Ìosa, chuir an sluagh fàilte air, oir bha iad uile ga fheitheamh.

**41** Agus thàinig duine leis an ainm Iàirus, a bha na riaghladair air an t-sionagog. Agus a' tuiteam aig casan Ìosa, ghuidh e air gun tigeadh e dhan taigh aige,

**42** oir bha an aon nighean a bh' aige, a bha mu dhà bhliadhna dheug, a' bàsachadh. Fhad 's a bha e air a shlighe, bha an sluagh ga bhruthadh.

**43** Agus bha boireannach ann a bha a' fulang sruth fala dà bhliadhna dheug, agus ged a chosg i na bh' aice air lighichean, cha b' urrainn dhi a bhith air a leigheas le neach sam bith.

**44** Thàinig i suas air a chùlaibh agus bhean i ri iomall aodaich agus sguir an sruth fala sa bhad.

<sup>45</sup>Agus thuirt Ìosa, “Cò a bhean rium?” Nuair a dh'àich iad uile e, thuirt Peadar, “A Mhaighstir, tha an sluagh gad chuartachadh agus gad bhruthadh.”

<sup>46</sup>Ach thuirt Ìosa, “Bhean cuideigin rium, oir is aithne dhòmhsa gu bheil cumhachd air a dhol asam.”

<sup>47</sup>Nuair a chunnaic am boireannach nach b' urrainn dhi fuireach air falach, thàinig i, air chrith, agus a' tuiteam ma choinneamh, dh'innis i ann an làthair an t-sluaigh gu lèir carson a bha i air beantainn ris, agus mar a chaidh a slànachadh sa bhad.

<sup>48</sup>Agus thuirt esan rithe, “A nighean, shlànaich do chreideamh thu. Thalla ann an sìth.”

<sup>49</sup>Fhad 's a bha e fhathast a' bruidhinn, thàinig neach o thaigh riaghladair an t-sionagoig, ag ràdh, “Tha do nighean marbh; na cuir dragh air an Fhear-Teagaisg tuilleadh.”

<sup>50</sup>Ach nuair a chuala Ìosa seo fhreagair e e, “Na bi fo eagal, dìreach creid, agus bidh i air a slànachadh.”

<sup>51</sup>Nuair a ràinig e an taigh, cha do leig e le neach sam bith a dhol a-steach còmhla ris ach Peadar, Eòin, Seumas agus athair is màthair an leanaibh.

<sup>52</sup>Agus bha iad uile a' caoineadh agus a' caoidh air a son, ach thuirt esan, “Na caoinibh: cha do bhàsaich i; tha i na cadal.”

<sup>53</sup>Agus rinn iadsan gàire magaidh air, a chionn 's gun robh fios aca gun robh i marbh.

<sup>54</sup>Ach, ga gabhail mun làimh, dh'èigh e, ag ràdh, “A nighean, èirich!”

<sup>55</sup>Agus thill an spiorad aice, agus dh'èirich i sa bhad, is dh'òrdaich e dhaibh biadh a thoirt dhi.

<sup>56</sup>Agus bha a pàrantan fo iongnadh mòr, ach dh'àithn esan dhaibh gun innse do neach sam bith dè a bh' air tachairt.

## Lùcas 9

### Ìosa a' Cur a-mach an Dà Fhear Dheug

<sup>1</sup>Ghairm Ìosa còmhla an dà fhear dheug agus thug e cumhachd is ùghdarras dhaibh thairis air a h-uile deamhan agus airson tinneasan a leigheas,

<sup>2</sup>is chuir e a-mach iad a shearmonachadh rìoghachd Dhè, agus a shlànachadh euslainteach.

<sup>3</sup>Thuirt e riutha, “Na toiribh dad leibh airson na slighe – bata, no бага, no aran, no airgead, agus na biodh dà lèine-fhada agaibh.

<sup>4</sup>Agus ge b' e dè an taigh dhan tèid sibh a-steach, fanaibh an sin, agus às a sin falbhaibh.

<sup>5</sup>Agus iadsan uile nach gabh ribh, nuair a dh'fhàgas sibh am baile sin, crathaibh an dust o ur casan mar fhianais nan aghaidh.”

<sup>6</sup>Agus dh'fhalbh iad is chaidh iad tro na bailtean, a' searmonachadh an deagh sgeòil agus a' leigheas anns gach àite.

<sup>7</sup>A-nis chuala Herod an tetrarc mun a h-uile rud a bha a' tachairt. Agus bha e fo dhragh mòr, a chionn 's gun deach a ràdh le cuid gun robh Eòin air a bhith air a thogail o na mairbh,

<sup>8</sup>agus le cuid gun robh Eliah air nochdadh, agus le cuid eile gun robh aon dhe na fàidhean o shean air èirigh.

<sup>9</sup>Ach thuirt Herod, “Thug mise an ceann far Eòin, ach cò am fear seo mu bheil mi a' cluinntinn a leithid seo de rudan?” Agus bha e ag iarraidh esan fhaicinn.

### **Ìosa a' Biathadh nan Còig Mìle**

<sup>10</sup>Agus nuair a thill na h-abstoil, dh'innis iad dha na bha iad air a dhèanamh. Thug e leis iad agus chaidh e air leth dhan bhaile ris an canar Betsaida.

<sup>11</sup>Nuair a thuig an sluagh mu dheidhinn, lean iad e. Chuir e fàilte orra agus bhruidhinn e riutha mu rioghachd Dhè agus leighis e iadsan aig an robh feum air leigheas.

<sup>12</sup>Ach bha an latha a' tighinn gu crìch, is thàinig an dà fhear dheug agus thuirt iad ris, “Cuir an sluagh air falbh airson 's gun tèid iad dha na bailtean mun cuairt, gus am faigh iad aoigheachd agus biadh, oir tha sinn an seo ann an àite fàsail.”

<sup>13</sup>Ach thuirt esan riutha, “Thugaibhse dhaibh rudeigin a dh'itheas iad.” Thuirt iadsan, “Chan eil barrachd againn air còig lofaichean agus dà iasg – mura tèid sinn is gun ceannaich sinn biadh airson an t-sluaigh seo gu lèir.”

<sup>14</sup>Oir bha iad mu chòig mìle fear ann. An uair sin thuirt e ri a dheisciobail, “Thoiribh orra suidhe sìos ann am buidhnean de chaogadan.”

<sup>15</sup>Rinn iad mar sin; thug iad orra uile suidhe sìos.

<sup>16</sup>Agus a' gabhail nan còig lofaichean agus an dà iasg, sheall e suas gu nèamh, bheannaich e 's bhris e iad, agus thug e iad dha na dheisciobail airson an cur mu choinneamh an t-sluaigh.

<sup>17</sup>Dh'ith iad uile agus bha iad air an sàsachadh. Agus chaidh na bha a chòrr a chruinneachadh, dà bhasgaid dheug de chriomagan.

### **Aidmheil Pheadair de Chrìosd**



**18**Thachair, nuair a bha e ag ùrnaigh air leth 's a dheisciobail còmhla ris, gun do dh'fhaighnich e dhaibh, “Cò a tha an sluagh ag ràdh a th' annam?”

**19**Fhreagair iadsan, “Eòin Baistidh, ach tha cuid ag ràdh Eliah, agus cuid eile gu bheil aon dhe na fàidhean o shean air èirigh a-rithist.”

**20**Thuirte esan riutha, “Ach cò a tha sibhse ag ràdh a th' annam?” Agus fhreagair Peadar, “Crìosd Dhè.”

### **Ìosa ag Innse Ro-Làimh ma Bhàs Fhèin**

**21**Thug e rabhadh teann is àithne dhaibh gun seo innse do neach sam bith.

**22**Thuirte e, “Feumaidh Mac an Duine mòran fhulang 's a bhith air a dhiùltadh le na h-èildearan, na h-àrd-shagartan is na sgrìobhaichean, agus a bhith air a chur gu bàs agus air a thogail suas air an treas latha.”

**23**Agus thuirte e ris na h-uile, “Mas e toil neach sam bith tighinn às mo dhèidh-sa, àicheadh e e fhèin, is togadh e suas a chrann-ceusaidh gach latha agus leanadh e mise.

**24**Oir ge b' e leis am bu toigh l' a bheatha a shàbhaladh, caillidh e i, ach ge b' e cò a chailleas a bheatha air mo shon-sa, sàbhailidh esan i.

**25**Oir dè a' bhuannachd a th' ann do dhuine, ged a choisinneas e an saoghal gu lèir, ma bhios e fhèin air a sgrios no air a chall?

**26**Oir ge b' e a ghabhas nàire mum dheidhinn-sa agus m' fhaclan, bidh Mac an Duine a' gabhail nàire dhethsan nuair a thig e na glòir fhèin agus ann an glòir an Athar 's nan ainglean naomha.

**27**Ach tha mise ag ràdh ribh gu firinneach gu bheil cuid dhiubhsan nan seasamh an seo nach blais bàs gus am faic iad rìoghachd Dhè.”

### **An Cruth-Atharrachadh**

**28**Mu ochd latha às dèidh nam faclan seo, thug e leis Peadar is Eòin is Seumas suas a' bheinn a dhèanamh ùrnaigh.

**29**Agus fhad 's a bha e ag ùrnaigh, chaidh coltas aghaidh atharrachadh, agus dh'fhàs an t-aodach aige geal mar bhoillsgeadh dealanaich.

**30**Agus seall, bha dithis fhear a' còmhradh ris: b' iad sin Maois agus Eliah,

**31**a nochd ann an glòir agus a bhruidhinn ma bhàs a bha esan a' dol a choileanadh ann an Ierusalem.

**32**Bha Peadar agus a chompanaich fo thruimead cadail, ach nuair a bha iad air làn-dhùsgadh, chunnaic iad a glòir agus an dithis fhear a bha nan seasamh còmhla ris.

**33**Dìreach nuair a bha na fir a' dealachadh ris, thuirt Peadar ri Ìosa, “A Mhaighstir, tha e math gu bheil sinne an seo. Dèanamaid trì pàilleanan – aon dhutsa agus aon do Mhaois agus aon do dh'Eliah,” (gun tuigse aige air dè a bha e ag ràdh).

**34**Fhad 's a bha e a' bruidhinn, thàinig sgòth agus chuir i sgàil orra, agus bha an t-eagal orra fhad 's a bha iad a' dol a-steach dhan sgòth.

**35**Agus thàinig guth às an sgòth, ag ràdh, “Is e seo mo Mhac taghte-sa; èistibh ris!”

**36**Nuair a bha an guth air bruidhinn, chaidh Ìosa a lorg na aonar. Dh'fhan iadsan sàmhach agus cha do dh'innis iad do neach sam bith anns na làithean sin aon rud mu na bha iad air fhaicinn.

### **Ìosa a' Leigheas Balaich aig an Robh Deamhan**

**37**Air an ath latha, nuair a thàinig iad a-nuas on bheinn, choinnich sluagh mòr ris.

**38**Agus, seall, dh'èigh duine dhen t-sluagh a-mach, “Fhir-Teagaisg, tha mi a' guidhe ort sealltainn air mo mhac, oir is e m' aon duine cloinne a th' ann.

**39**Agus, seall, bidh spiorad a' breith air agus anns a' bhad tha e ag èigheach, agus ga chrathadh na h-uimhir is gum bi cop a' tighinn ma bheul. Is gann gu bheil e ga fhàgail idir, agus tha e ga phronnadh.

**40**Agus ghuidh mi air do dheisciobail a thilgeil a-mach, ach cha robh e an comas dhaibh.”

**41**Fhreagair Ìosa, “O, a ghinealaich eas-creidmheich agus fhiair, dè cho fada 's a bhios mi còmhla ribh 's gur fulang? Thoir do mhac an seo.”

**42**Fhad 's a bha e a' tighinn air adhart, thilg an deamhan sìos e, agus chrath e e. Ach chronaich Ìosa an spiorad neòghlan, agus leighis e an leanabh agus thug e air ais dha athair e.

**43**Agus bha iad uile fo mhòr-iongnadh mu mhòrachd Dhè.

### **Ìosa ag Innse Ro-Làimh mu Bhàs Fhèin an Dara h-Uair**

Fhad 's a bha iad uile a' gabhail iongnadh mun a h-uile rud a bha Ìosa a' dèanamh, thuirt e ri a dheisciobail:

**44**“Taisgibh nur cluasan na faclan seo: tha Mac an Duine gu bhith air a thoirt thairis do làmhan dhaoine.”

**45**Ach cha do thuig iadsan an abairt seo agus bha i air a falach uapa, airson 's nach tuigeadh iad i. Agus bha eagal orra faighneachd dha mun abairt seo.

### **Cò a Bu Mhotha a Bhitheadh**

**46**Dh'èirich argamaid eatarra mu dheidhinn cò aca a bu mhotha a bhitheadh.

<sup>47</sup>Ach, eòlach air smuaintean an cridhe, ghabh Ìosa leanabh agus chuir e ri thaobh fhèin e.

<sup>48</sup>An uair sin thuir e riutha, “Ge b' e a ghabhas ris an leanabh seo nam ainm-sa, tha e a' gabhail riumsa; agus ge b' e a ghabhas riumsa, tha e a' gabhail ris an Aon a chuir a-mach mi. Oir an neach as lugha a bhios nur measg-se uile, bidh esan mòr.”

<sup>49</sup>Fhreagair Eòin, “A Mhaighstir, chunnaic sinne duine a' tilgeil a-mach dheamhan nad ainm-sa, agus dh'fheuch sinn ri bacadh a chur air, a chionn 's nach eil e gar leantainn-ne.”

<sup>50</sup>Ach thuir Ìosa ris, “Na cuiribh bacadh air, oir ge b' e nach eil nur n-aghaidh, tha e air ur son.”

### **Cur an aghaidh nan Samaritanach**

<sup>51</sup>Nuair a dhlùthaich na làithean dhàsan a bhith air a ghabhail suas, shuidhich e aghaidh gus a dhol gu Ierusalem.

<sup>52</sup>Agus chuir e teachdairean air thoiseach air, is dh'fhalbh iad agus chaidh iad a-steach do bhaile leis na Samaritanaich, airson ullachadh a dhèanamh dhàsan.

<sup>53</sup>Ach cha do ghabh iadsan ris, a chionn 's gun robh aghaidh suidhichte air a dhol gu Ierusalem.

<sup>54</sup>Nuair a chunnaic a dheisciobail Seumas is Eòin seo, thuir iad, “A Thighearna, am bu toigh leat gun gairmeamaid air teine a thighinn a-nuas o nèamh airson an sgrìos?”

<sup>55</sup>Ach thionndaidh esan agus chrònaich e iad: [“Chan eil fhios agaibh dè an gnè spioraid dhe bheil sibh,

<sup>56</sup>oir cha tàinig Mac an Duine a sgrìos bheathannan dhaoine ach airson an sàbhaladh.”] Agus chaidh iad gu baile eile.

### **A' Chosgais ann a Bhith a' Leantainn Ìosa**

<sup>57</sup>Fhad 's a bha iad a' coiseachd air adhart air an t-slighe, thuir cuideigin ris, “Leanaidh mise thu ge b' e càit an tèid thu.”

<sup>58</sup>Thuir Ìosa ris, “Tha tuill aig na sionnaich agus neadan aig eòin an adhair, ach chan eil àite aig Mac an Duine far an leag e a cheann.”

<sup>59</sup>Ri duine eile thuir e, “Lean mise,” ach thuir esan, “A Thighearna, an toiseach leig leam a dhol airson m' athair adhlacadh.”

<sup>60</sup>Ach thuir Ìosa ris, “Leig le na mairbh am mairbh fhèin adhlacadh, ach thalla thusa agus cuir an cèill rìoghachd Dhè.”

<sup>61</sup>Agus thuirt neach eile, “Leanaidh mise thu, a Thighearna, ach leig leam an toiseach soraidh slàn fhàgail acasan a th' aig mo dhachaigh.”

<sup>62</sup>Ach thuirt Iosa ris, “Chan eil neach sam bith a chuireas a làmh ris a' chrann-treabhaidh, agus a sheallas às a dhèidh, iomchaidh airson rìoghachd Dhè.”

## Lùcas 10

### Iosa a' Cur a-mach an t-Seachdad is Dithis

<sup>1</sup>Às dèidh seo shuidhich an Tighearna seachdad [is dithis] neach eile agus chuir e iad air toiseach air, dithis is dithis, dha gach baile is àite a bha e fhèin gus a dhol thuige.

<sup>2</sup>Thuirt e riutha, “Gu dearbh tha am fogharadh mòr, ach tha an luchd-obrach gann. Guidhibh, mar sin, gun cuir Tighearna an fhogharaidh luchd-obrach a-mach dhan fhogharadh aige fhèin.

<sup>3</sup>Thallaibh! Seall, tha mise gur cur a-mach mar uain am measg mhadaidhean-allaidh.

<sup>4</sup>Na giùlainibh sporan, no poca, no cuarain, agus na cuiribh fàilte air neach sam bith air an t-slighe.

<sup>5</sup>“Ge b' e taigh dhan tèid sibh a-steach, canaibh an toiseach, ‘Sìth dhan taigh seo!’

<sup>6</sup>Agus ma bhios mac sìthe an sin, nì ur sìth tàmh air. Ach mura bi, tillidh ur sìth air ais thugaibh.

<sup>7</sup>Fanaibh san taigh sin, ag ithe 's ag òl na rudan a thèid a thoirt dhuibh, oir is airidh am fear-obrach air a thuarastal. Na bithibh a' falbh o thaigh gu taigh.

<sup>8</sup>“Ge b' e baile dhan tèid sibh a-steach is gun gabh iad ribh, ithibh na th' air a chur mur coinneamh.

<sup>9</sup>Leighisibh an fheadhainn a tha tinn ann, agus canaibh riutha, ‘Tha rìoghachd Dhè air tighinn faisg oirbh.’

<sup>10</sup>Ach ge b' e baile dhan tèid sibh a-steach is nach gabh iad ribh, thallaibh a-mach air a shràidean ag ràdh,

<sup>11</sup>‘Fiù 's dust ur baile a leanas ri ar casan tha sinn a' suathadh dhinn nur n-aghaidh-se. A dh'aindeoin sin, biodh fios agaibh gu bheil rìoghachd Dhè air tighinn faisg oirbh.’

<sup>12</sup>Tha mise ag innse dhuibh gum bi e nas fhasa do Shodom fulang san latha ud na dhan bhaile sin.

13“Is mairg dhut, a Chorasin! Is mairg dhut, a Bhetsaida! Oir nan robh na h-obraichean cumhachdach a bh' air an dèanamh annaibhse air an dèanamh ann an Tìrus is ann an Sìdon, is fhada on a bhiodh iad air aithreachas a dhèanamh, nan suidhe ann an saic-aodach 's ann an luaithe.

14Ach bidh e nas fhasa do Thìrus is do Shidon fulang anns a' bhreitheanas na bhios e dhuibhse.

15Agus thusa, a Chapernàum, am bi thu air do thogail suas a nèamh? Bidh thu air do thoirt sìos a dh'fhrinn!

16“An neach a dh'èisteachas ribhse, èistidh e riumsa; an neach a dhiùltas sibhse, diùltaidh e mise; agus an neach a dhiùltas mise, tha e a' diùltadh an Aoin a chuir a-mach mi.”

17Thill an seachdad [is dithis] le aoibhneas, ag ràdh, “A Thighearna, tha fiù 's na deamhain fo smachd againne trod ainm-sa.”

18Thuirt e riutha, “Chunnaic mi Sàtan a' tuiteam mar dhealanach o nèamh.

19Tha mi a' toirt cumhachd dhuibh airson saltairt air nathraichean is sgorpionan is air cumhachd an nàmhaid gu lèir, agus cha dèan nì sam bith cron idir oirbh.

20A dh'aindeoin sin, na dèanaibh gàirdeachas a chionn 's gu bheil na spioradan fo ur smachd, ach dèanaibh gàirdeachas a chionn 's gu bheil ur n-ainmean sgrìobhte ann an nèamh.”

21Aig an àm sin fhèin rinn Iosa gàirdeachas anns an Spiorad Naomh, agus thuirt e, “Tha mi a' toirt taing dhut, O Athair, a Thighearna nèimh is na talmhainn, gun do dh'fhalaich thu na rudan sin o dhaoine glic is tuigseach, agus gun do dh'fhoillsich thu iad do leanabanan. Seadh, Athair, oir b' e a leithid sin do rùn gràs-mhor-sa.

22“Chaidh a h-uile rud a thoirt dhòmhsa lem Athair, agus chan aithne do neach sam bith cò e am Mac ach an t-Athair; cha mhotha as aithne do neach sam bith cò e an t-Athair ach am Mac agus neach sam bith dhan toigh leis a' Mhac fhoillseachadh.”

23An uair sin, a' tionndadh gu a dheisciobail gu h-uaigneach, thuirt e, “Is beannaichte na sùilean a chì na rudan a tha sibhse a' faicinn.

24Oir tha mi ag innse dhuibh gum b' iomadh fàidh is rìgh a mhiannaich na rudan fhaicinn a tha sibhse a' faicinn ach nach fhaca iad, agus na rudan a chluinntinn a tha sibhse a' cluinntinn ach nach cuala iad.”

### **Cosamhlachd an t-Samaritanaich Chòir**

<sup>25</sup>Agus seall, sheas fear-lagha suas airson a dhearbhadh, ag ràdh, “Fhir-Teagaisg, dè a nì mi airson 's gun sealbhaich mi a' bheatha shìorraidh?”

<sup>26</sup>Thuir e ris, “Dè a tha sgrìobhte san lagh? Ciamar a tha thu ga leughadh?”

<sup>27</sup>Agus fhreagair e, “‘Gràdhaichidh tu an Tighearna do Dhia led uile chridhe agus led uile anam agus led uile neart agus led uile inntinn,’ agus ‘do choimhearsnach mar thu fhèin.’”

<sup>28</sup>Agus thuir e ris, “Fhreagair thu gu ceart; dèan thusa seo agus bidh thu beò.”

<sup>29</sup>Ach bha esan ag iarraidh e fhèin fhìreanachadh, agus thuir e ri Ìosa, “Agus cò e mo choimhearsnach?”

<sup>30</sup>Fhreagair Ìosa, “Bha duine a' dol sìos o Ierusalem gu Iericho, agus thuit e am measg mhèirleach. Rùisg is lot iad e agus rinn iad às, ga fhàgail leth-mharbh.

<sup>31</sup>Thachair gun robh sagart a' dol sìos an rathad sin, agus nuair a chunnaic e e, ghabh e seachad air an taobh eile.

<sup>32</sup>Mar sin cuideachd Lèbhitheach: nuair a thàinig e chun an àite is a chunnaic e e, ghabh e seachad air an taobh eile.

<sup>33</sup>Ach fhad 's a bha Samaritanach air a thuras, thàinig e far an robh e, agus nuair a chunnaic e e, ghabh e truas ris.

<sup>34</sup>Chaidh e thuige agus cheangail e suas a lotan, a' dòrtadh ola agus fion annta. An uair sin chuir e air a bheathach fhèin e, agus thug e gu taigh-òsta e, agus ghabh e a chùram.

<sup>35</sup>Agus an làrna-mhàireach thug e a-mach dà bhonn airgid agus thug e dhan òstair iad, ag ràdh, ‘Gabh a chùram, agus ge b' e dè a bharrachd a chaitheas tu, dìolaidh mi dhut e nuair a thilleas mi air ais.’

<sup>36</sup>“Cò dhen triùir seo a shaoileas tu a bu choimhearsnach dhàsan a thuit am measg nam mèirleach?”

<sup>37</sup>Fhreagair esan, “An neach a rinn tròcair air.” Thuir Ìosa ris, “Thalla thusa, agus dèan san aon dòigh.”

### **Aig Dachaigh Marta is Màiri**

<sup>38</sup>Fhad 's a lean iad orra air an t-slighe aca, chaidh Ìosa a-steach do bhaile, far an do chuir boireannach dham b' ainm Marta fàilte air a-steach dha taigh fhèin.

<sup>39</sup>Agus bha piuthar aice air an robh an t-ainm Màiri, a shuidh aig casan Ìosa is a dh'èist ri fhacal.

<sup>40</sup>Ach bha aire Mharta air a tarraing air falbh le mòran frithealaidh. Thàinig i thuige agus thuir i, “A Thighearna, nach eil dragh idir agad gun do dh'fhàg mo phiuthar mise nam aonar a' frithealadh? Can rithe mo chuideachadh!”

<sup>41</sup>Ach fhreagair an Tighearna i, “A Mharta, a Mharta, tha thusa iomagaineach agus draghail mu mhòran rudan,

<sup>42</sup>ach tha aon rud feumail. Tha Màiri air a' chuid mhath a thaghadh, agus cha bhi i air a toirt air falbh uaipe.”

## Lùcas 11

### Ìosa a' Teagasg mu Ùrnaigh

<sup>1</sup>A-nis bha Ìosa ag ùrnaigh ann an àite sònraichte, agus nuair a sguir e, thuir aon dhe a dheisciobail ris, “A Thighearna, teagaisg dhuinne ùrnaigh a dhèanamh mar a theagaisg Eòin dha a dheisciobail fhèin.”

<sup>2</sup>Thuir e riutha, “Nuair a nì sibh ùrnaigh, canaibh: ‘Athair, Gun naomhaichear d' ainm, Thigeadh do rìoghachd.

<sup>3</sup>Thoir dhuinn gach latha ar n-aran làitheil,

<sup>4</sup>agus math dhuinn ar peacaidhean, oir tha sinne cuideachd a' mathadh dha gach neach a th' ann am fiachan rinne. Agus na leig ann am buaireadh sinn.”

<sup>5</sup>Agus thuir e riutha, “Cò agaibhse aig a bheil caraid, is a thèid thuige aig meadhan-oidhche, agus a chanas ris, ‘A charaid, thoir dhomh trì lofaichean air iasad,

<sup>6</sup>oir tha caraid dhomh air tighinn thugam air turas, agus chan eil sìon agam a chuireas mi ma choinneamh.’

<sup>7</sup>“Agus freagraidh esan on taobh a-staigh, ‘Na cuir dragh orm; tha an doras a-nis dùinte, agus tha mo leanabanan còmhla rium anns an leabaidh. Chan urrainn dhomh èirigh is rudeigin a thoirt dhut.’

<sup>8</sup>Tha mi ag innse dhuibh, ged nach èirich e agus nach toir e rudeigin dha, a dh'aindeoin sin a chionn 's gur e a charaid a th' ann, air sgàth a leantalachd-san èiridh e agus bheir e dha ge b' e dè a tha a dhìth air.

<sup>9</sup>“Agus tha mise ag ràdh ribh: iarraibh agus thèid a thoirt dhuibh; siribh agus gheibh sibh; buailibh an doras agus thèid fhosgladh dhuibh.

<sup>10</sup>Oir a h-uile neach a dh'iarras, thèid a thoirt dha; agus an neach a shireas, gheibh e; agus dhan neach a bhuaileas, bidh e air fhosgladh.

<sup>11</sup>“Cò an t-athair nur measg-se, ma dh'iarras a mhac iasg, an àite an èisg a bheir nathair dha?

<sup>12</sup>No, ma dh'iarras e ugh, a bheir sgorpion dha?

**13**Mar sin, mas aithne dhuibhse a tha olc ciamar a bheir sibh tiodhlacan matha dhur cloinn, nach mòr nas motha na sin a bheir an t-Athair nèamhaidh an Spiorad Naomh dhaibhsan a dh'iarras airsan!”

### **Ìosa agus Beelsebul**

**14**A-nis bha Ìosa a' tilgeil a-mach deamhan a bha balbh. Agus nuair a bha an deamhan air a dhol a-mach, bhruidhinn am balbhan, agus ghabh an sluagh iongnadh.

**15**Ach thuirt cuid dhiubh, “Is ann tro chumhachd Bheelsebul, ceannard nan deamhan, a tha e a' tilgeil a-mach dheamhan.”

**16**Agus, airson a dhearbhadh, bha feadhainn eile ag iarraidh comharra o nèamh air.

**17**Ach le fios a bhith aige air an smuaintean, thuirt e riutha, “Gach rìoghachd a th' air a roinn na h-aghaidh fhèin, thèid a fàgail na fàsach, agus gach taigh a th' air a roinn na aghaidh fhèin, tuitidh e.

**18**Ma tha Sàtan cuideachd air a roinn na aghaidh fhèin, ciamar a sheasas a rìoghachd? Oir tha sibhse ag ràdh gu bheil mise, tro Bheelsebul, a' tilgeil a-mach dheamhan.

**19**Agus mas ann tro Bheelsebul a tha mise a' tilgeil a-mach dheamhan, cò e tro bheil ur clann-se gan tilgeil a-mach? Mar sin bidh iadsan nam britheamhan oirbh.

**20**Ach mas ann le meur Dhè a tha mise a' tilgeil a-mach dheamhan, mar sin tha rìoghachd Dhè air tighinn oirbhse.

**21**“Nuair a gheàrdas duine làidir, a tha gu h-iomlan fo airm, a dhachaigh fhèin, tha a chuid sàbhailte.

**22**Ach nuair a thig neach nas treasa na e is a bheir e ionnsaigh air agus a gheibh e buaidh air, bheir e air falbh an armachd aige gu lèir anns an robh a dhòchas is roinnidh e a' chreach.

**23**“Ge b' e nach eil leamsa, tha e nam aghaidh, agus ge b' e nach cruinnich còmhla rium, tha e a' sgaioleadh.

**24**“Nuair a tha an spiorad neòghlan air a dhol a-mach à duine, thèid e tro àiteachan gun uisge a' sireadh fois, agus chan fhaigh e i. Canaidh e, ‘Tillidh mi dham thaigh às an tàinig mi.’

**25**Agus nuair a thig e, gheibh e air a sguabadh e, 's air a chur an òrdugh.

**26**An uair sin falbhaidh e agus bheir e leis seachd spioradan eile nas uilce na e fhèin, is thèid iad a-steach agus fanaidh iad an sin, agus bidh staid dheireannach an duine sin nas miosa na a chiad staid.”



**27**Fhad 's a bha e ag ràdh na rudan seo, thog boireannach am measg an t-sluaigh a guth agus thuir i ris, “Is beannaichte a' bhroinn a rinn do ghiùlain, agus na cìochan aig an do dheothail thu.”

**28**Ach fhreagair esan, “Air a chaochladh, is beannaichte iadsan a tha ag èisteachd ri facal Dhè agus a chumas e.”

### **Comharra lònah**

**29**Nuair a bha an sluagh a' dol am meud, thòisich e air a ràdh, “Is e droch ghinealach a tha an seo. Tha iad a' sireadh comharra, agus cha tèid comharra a thoirt dhaibh ach comharra lònah.

**30**Oir mar a thàinig lònah gu bhith na chomharra do mhuintir Ninebheh, is ann mar sin cuideachd a bhios Mac an Duine dhan ghinealach seo.

**31**Èiridh banrigh na h-àird a deas anns a' bhreitheanas còmhla ri muinntir a' ghinealaich seo, agus dìtidh i iad, oir thàinig i o chrìochan na talmhainn a chluinntinn gliocas Sholaimh, agus, seall, tha nas motha na Solamh an seo.

**32**Èiridh muinntir Ninebheh anns a' bhreitheanas còmhla ris a' ghinealach seo, agus dìtidh iadsan iad, oir rinn iadsan aithreachas aig searmon lònah, agus, seall, tha nas motha na lònah an seo.”

### **Lampa a' Chuirp**

**33**“Chan eil neach sam bith, às dèidh dha lampa a lasadh, ga cur ann an àite falaichte no fo chuinneig ach air an lampair, airson 's gum faic an fheadhainn a thig a-steach an solas.

**34**Is i do shùil solas do chuirp. Nuair a tha do shùil fallain, tha do chorp gu lèir làn solais. Ach nuair a tha i olc, tha do chorp cuideachd làn dorchadais.

**35**Thoir an aire, mar sin, nach bi an solas a th' annad na dhorchadas.

**36**Mar sin, ma tha do chorp gu lèir làn solais, gun phàirt sam bith dorcha, bidh e gu lèir soillseach, mar nuair a tha lampa a' toirt soillse dhut le a deàlradh.”

### **Sia 'Is Mairgean'**

**37**Nuair a bha Ìosa air bruidhinn, dh'iarr Pharasach airsan dìnnear a ghabhail còmhla ris; mar sin chaidh e a-steach agus shuidh e aig a' bhòrd.

**38**Ach ghabh am Pharasach iongnadh nuair a chunnaic e nach do nigh e e fhèin ron dìnnear.

**39**An uair sin thuir an Tighearna ris, “A-nis, sibhse, Pharasacha, glanaidh sibh taobh a-muigh a' chupa agus na mèise, ach air an taobh a-staigh tha sibh làn sannt is aingidheachd.

**40** Amadana! Nach do rinn esan a rinn an taobh a-muigh an taobh a-staigh cuideachd?

**41** Ach thugaibh mar dhèirce na rudan sin a tha air an taobh a-staigh agus seall, bidh a h-uile rud glan dhuibh.

**42** “Is mairg dhuibhse, Pharasacha, a chionn 's gu bheil sibh a' toirt an deicheamh de mhionnt agus de rù agus dhe gach luibh agus a' dèanamh dearmad air ceartas agus gràdh Dhè. Ach bu chòir dhuibh a bhith air iad seo a dhèanamh, gun iad siud fhàgail gun an dèanamh.

**43** “Is mairg dhuibhse, Pharasacha, a chionn 's gur gràdh leibh na prìomh shuidheachain sna sionagogan agus a bhith a' faighinn fàilte sna h-ionadan-margaidh.

**44** “Is mairg dhuibhse, oir tha sibh mar uaighean nach eil air an comharrachadh, agus tha daoine a' coiseachd thairis orra gun fhiosta.”

**45** Fhreagair aon dhen luchd-lagha e, “Fhir-Teagaisg, le bhith a' cantainn na rudan seo tha thu a' dèanamh tàir oirne cuideachd.”

**46** Agus thuirt e, “Is mairg dhuibhse cuideachd, a luchd-lagha, a chionn 's gu bheil sibh a' cur eallaichean troma a tha doirbh an giùlain air daoine, agus cha bhean sib' fhèin ri na h-eallaichean le aon dhe ur meuran.

**47** “Is mairg dhuibhse, oir tha sibh a' togail thuaman nam fàidhean agus is iad ur n-athraichean fhèin a mharbh iad.

**48** Mar sin tha sibh a' toirt fianais gu bheil sibh ag aontachadh le gnìomhan ur n-athraichean, oir mharbh iadsan iad, agus tha sibhse a' togail an tuaman.

**49** Air sgàth sin thuirt gliocas Dhè, ‘Cuiridh mise fàidhean agus abstoil thuca, agus cuid dhiubh marbhaidh is geur-leanaidh iad.’

**50** Mar sin dh'fhaodadh fuil nam fàidhean a chaidh a dhòrtadh o thoiseach an t-saoghail a bhith air a cur orra mar chasaid,

**51** o fhuil Abeil gu fuil Shechariah, a chaidh a sgrios eadar an altair agus an t-ionad-naomh. Seadh, tha mi ag ràdh ribh gum bi i air a h-iarraidh air a' ghinealach seo.

**52** “Is mairg dhuibhse, a luchd-lagha, oir tha sibh air iuchair an eòlais a thoirt air falbh. Cha deach sib' fhèin a-steach agus bhac sibh an fheadhainn a bha a' dol a-steach.”

**53** Fhad 's a bha e a' fàgail an àite sin, thòisich na sgrìobhaichean agus na Pharasaich air ionnsaigh fhiadhaich a thoirt air agus air a phiobrachadh le ceistean mu mhòran rudan,

<sup>54</sup>a' dèanamh innleachd airson a ghlacadh ann an rudeigin a dh'fhaodadh e a ràdh.

## Lùcas 12

### Rabhaidhean agus Misneachaidhean

<sup>1</sup>Aig a' cheart àm, nuair a bha sluagh de mhìltean air cruinneachadh ann an dòigh 's gun robh iad a' stampadh air a chèile, thòisich Iosa air a ràdh ri a dheisciobail fhèin, “Thoiribh an aire oirbh fhèin o thaois nam Pharasach, is e sin breug-chràbhachd.

<sup>2</sup>Chan eil rud sam bith air a chòmhdach nach bi air fhoillseachadh, no falaichte nach tèid a dhèanamh aithnichte.

<sup>3</sup>Mar sin, ge b' e dè a thuir sibh anns an dorchadas, thèid a chluinntinn anns an t-solas, agus an rud a chagair sibh sa chluais ann an seòmraichean uaigneach, thèid èigheach air mullach nan taighean.

<sup>4</sup>“Tha mi ag ràdh ribhse, mo chàirdean, na biodh eagal oirbh on fheadhainn sin a mharbhas an corp, agus às dèidh sin aig nach eil an còrr aca a nì iad.

<sup>5</sup>Ach seallaidh mi dhuibh cò e rom bu chòir eagal a bhith oirbh: biodh eagal an Aoin sin oirbh aig a bheil ùghdarras, às dèidh dha marbhadh, tilgeil do dh'Ifirinn. Seadh, biodh eagal an Aoin seo oirbh.

<sup>6</sup>Nach eil còig gealbhoinn air an reic air dà sgillinn? Ach chan eil aon aca air a dhiochuimhneachadh mu choinneamh Dhè.

<sup>7</sup>Dha-rìribh tha eadhon fuiltean ur cinn uile air an àireamh. Na biodh eagal oirbh: tha sibhse nas luachmhoire na mòran ghealbhoinn.

<sup>8</sup>“Agus tha mise ag innse dhuibh, a h-uile neach a dh'aidicheas mise mu choinneamh dhaoine, aidichidh Mac an Duine esan cuideachd an làthair ainglean Dhè.

<sup>9</sup>Ach ge b' e neach a dh'aidicheas mise mu choinneamh dhaoine, thèid esan àicheadh mu choinneamh ainglean Dhè.

<sup>10</sup>Agus a h-uile neach a chanas facal an aghaidh Mhic an Duine, thèid a mhathadh dha, ach dhan neach a chanas toibheum an aghaidh an Spioraid Naoimh cha tèid mathanas a thoirt dha.

<sup>11</sup>“Nuair a bheir iad sibh mu choinneamh nan sionagogan agus nan riaghladairean agus nan ùghdarrasan, na bithibh fo chùram a thaobh ciamar a dhionas sibh sib' fhèin, no dè a chanas sibh,

<sup>12</sup>oir teagaisgidh an Spiorad Naomh dhuibh anns an uair sin fhèin dè a bu chòir dhuibh a ràdh.”

### Cosamhlachd an Amadain Bheairtich

- 13**Thuirte cuideigin dhen t-sluagh ris, “Fhir-Teagaisg, can rim bhràthair an oighreachd a roinn leam.”
- 14**Ach thuirte e ris, “A dhuine, cò a chuir mise nam bhritheamh no nam fhear-roinn os ur cionn?”
- 15**An uair sin thuirte e ris, “Thoiribh an aire, agus gleidhibh sib' fhèin an aghaidh a h-uile seòrsa sannt, oir chan ann ann am pailteas a sheilbh a tha beatha neach sam bith.”
- 16**Agus dh'innis e cosamhlachd dhaibh: “Bhuilich talamh duine beairteach pailteas toraidh,
- 17**agus smaoinich e ris fhèin, ‘Dè a nì mi a chionn 's nach eil àite agam anns an cruinnich mi mo thoradh?’
- 18**“Agus thuirte e, ‘Is e seo a nì mi: leagaidh mi sìos mo shaibhlean is togaidh mi saibhlean nas motha, agus cruinnichidh mi annta sin mo ghràn gu lèir agus mo mhaoin.
- 19**Agus canaidh mi rim anam, “Anaim, tha mòran de rudan matha agad air an tasgadh airson mòran bhliadhnaichean. Gabh fois, ith, òl, agus bi aighearach.”
- 20**“Ach thuirte Dia ris, ‘Amadain! An oidhche seo fhèin thèid d' anam iarraidh uat. Agus na rudan sin a dh'ullaich thu, cò leis a bhitheas iad?’
- 21**“Is ann mar sin a bhitheas dhan neach a thaisgeas ionmhas dha fhèin, ach nach eil beairteach a thaobh Dhè.”

### Na Bithibh fo Chùram

- 22**Agus thuirte Iosa ri a dheisciobail, “Mar sin, tha mise ag ràdh ribh, na bithibh fo chùram mur beatha, dè a dh'itheas sibh, no mur cuirp, dè a chuireas sibh oirbh.
- 23**Oir is motha a' bheatha na am biadh, agus an corp na an t-aodach.
- 24**Smaoinichibh mu na fithich: chan eil iadsan a' cur no a' buain, chan eil taigh-stòir no sabhal aca; agus fhathast tha Dia gam beathachadh. Nach eil sibhse tòrr mòr nas luachmhoire na na h-eòin!
- 25**Agus cò agaibh tro bhith fo chùram as urrainn barrachd ùine a chur ri a bheatha?
- 26**Mura h-eil sibh an comas an rud as lugha seo a dhèanamh, carson a tha sibh fo chùram mun chòrr?
- 27**“Smaoinichibh mu na lilidhean, mar a tha iad a' fàs. Chan eil iad a' saothrachadh no a' snìomh. Ach tha mi ag ràdh ribh nach robh fiù 's Solamh fhèin na uile glhòir air a sgeadachadh mar aon dhiubh seo.

**28**Ma tha Dia mar sin a' sgeadachadh an fheòir, a tha beò anns an achadh an-diugh, agus a-màireach air th' air a thilgeil dhan àmhainn, nach mòr nas motha a sgeadaicheas e sibhse, O dhaoine air bheag creideimh?

**29**Agus na sibh dè a tha sibh a' dol a dh'ithe, agus dè a tha sibh a' dol a dh'òl, agus na bithibh fo chùram.

**30**Oir tha uile nàiseanan an t-saoghail a' sireadh na rudan seo, ach is aithne dha ur n-Athair gu bheil feum agaibh orra.

**31**An àite sin sibh-se a rìoghachd-san agus bidh na rudan seo air an cuir ribh.

**32**“Na biodh eagal oirbh, a threud bhig, oir is e deagh thoil ur n-Athar an rìoghachd a thoirt dhuibh.

**33**Reicibh ur seilbh agus thugaibh dèirc. Dèanaibh dhuib' fhèin sporain nach fàs sean, le ionmhas nach teirig anns na nèamhan, far nach tig mèirleach faisg agus nach sgrios an leòmann.

**34**Oir far a bheil ur n-ionmhas, an sin bidh ur cridhe cuideachd.

#### **A Bhith Faireil**

**35**“Bithibh air ur n-èideadh deiseil airson gnìomhachadh is cumaibh ur lampaichean laiste,

**36**agus bithibh-se mar dhaoine a tha a' feitheamh airson àm-tillidh am maighstir o fhèist na bainnse, airson 's gum faod iad an doras fhosgladh dha sa bhad nuair a thig e 's a ghnogas e.

**37**Is beannaichte na seirbheisich sin a lorgas am maighstir nan dùisg nuair a thig e. Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh gun cuir e èideadh air fhèin airson frithealadh, agus gun cuir e nan suidhe iad aig bòrd, agus gun dèan e frithealadh dhaibh.

**38**Ma thig e anns an dara faire, no anns an treas tè, agus gum faigh e mar sin iad, is beannaichte na seirbheisich sin!

**39**Ach tuigibh seo: nan robh fios aig maighstir an taighe mun uair anns an robh am mèirleach a' tighinn, cha bhiodh e air a thaigh fhàgail airson 's gun deigheadh briseadh a-steach ann.

**40**Feumaidh sibhse cuideachd a bhith deiseil, oir tha Mac an Duine a' tighinn aig uair nach sùilich sibh.

**41**Thuirt Peadar, “A Thighearna, a bheil thu ag innse na cosamhlachd seo dhuinne, no dha na h-uile?”

**42** Agus thuirt an Tighearna, “Cò e mar sin an stiùbhard dìleas is glic sin a chuireas a mhaighstir os cionn a theaghlach, airson an roinn bìdh a thoirt dhaibh aig an àm cheart?”

**43** Is beannaichte an seirbheiseach sin a lorgas a mhaighstir a' dèanamh mar seo nuair a thig e.

**44** Gu firinneach tha mi ag ràdh ribh gun cuir e os cionn a sheilbh gu lèir e.

**45** Ach ma chanas an seirbheiseach sin na chridhe, ‘Tha mo mhaighstir a' cur dàil na thilleadh,’ agus gun tòisich e air na seirbheisich is na bana-sheirbheisich a bhualadh agus a bhith ag ithe, ag òl is a bhith air mhisg,

**46** thig mhaighstir an t-seirbheisich sin air latha nach eil sùil aige ris, agus aig uair air nach eil fios aige, agus gearraidh e na phìosan e agus bheir e àite dha còmhla ri na mì-dhìleis.

**47** “Agus an seirbheiseach sin dham b' aithne toil a mhaighstir agus nach do rinn deiseil no nach do rinn a thoil, thèid a bhualadh le mòran bhuillean.

**48** Ach an neach dha nach b' aithne, agus a rinn rudan a bha airidh air buillean, thèid esan a bhualadh le beagan bhuillean. Oir gach neach dhan deach mòran a thoirt, thèid mòran iarraidh uaithe, agus ge b' e ris an deach mòran earbsa, thèid tuilleadh iarraidh air.

### **Chan e Sith ach Sgaradh**

**49** “Thàinig mise a thoirt teine chun na talmhainn, agus, Ò, mar a bu toigh leam gun robh e mu thràth laiste!

**50** Tha baisteadh agamsa leis am feum mi a bhith air mo bhaisteadh, agus nach mòr m' àmhghar gus an tèid a choileanadh!

**51** A bheil sibh a' saoil sinn gun tàinig mise airson sìth a thoirt air an talamh? Cha tàinig, tha mi ag ràdh ribh, ach a dhèanamh sgaradh.

**52** Oir o seo suas bìdh còignear ann an aon taigh air an sgaradh, triùir an aghaidh dithis agus dithis an aghaidh triùir.

**53** Bìdh iad air an sgaradh, athair an aghaidh mac agus mac an aghaidh athar, màthair an aghaidh nighinne agus nighean an aghaidh màthar, mhàthair-cèile an aghaidh bean a mic agus bean a mic an aghaidh màthar-cèile.”

### **Ag Eadar-Mhìneachadh nan Amannan**

**54** Agus thuirt Ìosa cuideachd ris an t-sluagh, “Nuair a chì sibh sgòth ag èirigh anns an àird an iar, anns a' bhad canaidh sibh, ‘Tha dòrtadh a' tighinn,’ agus 's ann mar sin a tha a' tachairt.

<sup>55</sup>Agus nuair a shèideas a' ghaoth a deas, canaidh sibh, 'Bidh teas ann,' agus tha e a' tachairt.

<sup>56</sup>A bhreug-chràbhaichean! Is aithne dhuibh ciamar a dh'eadar-mhìniches sibh dreach na talmhainn is nan speur; ach ciamar nach eil sibh ag eadar-mhìneachadh an ama seo fhèin?

<sup>57</sup>"Agus carson nach toir sibh breith air ur son fhèin a thaobh dè a tha ceart?"

<sup>58</sup>Fhad 's a bhios tu a' dol led neach-casaid chun an ùghdarras, dèan dìcheall rèite a dhèanamh leis air an t-slighe air eagal 's gun dragh e chun a' bhrithemh thu agus gun toir am briteamh thairis dhan oifigear thu agus gun tilg an t-oifigear dhan phrìosan thu.

<sup>59</sup>Tha mi ag ràdh riut nach fhaigh thu a-mach gus am pàigh thu an sgillinn mu dheireadh."

## Lùcas 13

### Dèanaibh Aithreachas no Thèid ur Sgrìos

<sup>1</sup>A-nis bha cuid an làthair aig an dearbh àm sin a dh'innis do dh'Ìosa mu na Galilèich leis a bu leotha an fhuil a mheasgaich Pilat len ìobairtean.

<sup>2</sup>Agus fhreagair e iad, "A bheil sibh a' smaoinichadh gun robh na Galilèich sin nam peacaich na bu mhotha na na Galilèich eile gu lèir, a chionn 's gun do dh'fhuiling iad anns an dòigh seo?"

<sup>3</sup>Cha robh, tha mi ag ràdh ribh! Ach mura dèan sibh aithreachas, thèid sibhse uile a sgrìos cuideachd.

<sup>4</sup>No na h-ochd duine deug air an do thuit an tùr ann an Silòam agus a mharbhadh iad – a bheil sibh a' saoilinn gun robh iadsan na bu chiontaiche na a h-uile neach a bha a' fuireach ann an Ierusalem?"

<sup>5</sup>Cha robh, tha mi ag ràdh ribh! Ach mura dèan sibh aithreachas thèid sibhse uile a sgrìos cuideachd."

<sup>6</sup>Agus dh'innis e a' chosamhlachd seo: "Bha craobh-fhìge aig duine air a cur na ghàrradh-fìona, agus thàinig e a' sireadh toraidh oirre, agus cha d' fhuair e sìon.

<sup>7</sup>Agus thuirt e ris a' ghàrradair, 'Seall, o chionn trì bliadhna a-nis tha mi air tighinn a shireadh toraidh air a' chraobh-fhìge seo, agus cha d' fhuair mi sìon. Geàrr sìos i! Carson a chaitheadh i mathas na talmhainn?"

<sup>8</sup>"Ach fhreagair esan e, 'A thighearna, leig leatha airson na bliadhna seo cuideachd, gus an cladhaich mi timcheall oirre agus gun cuir mi innear oirre.

<sup>9</sup>Ma bheir i a-mach toradh an ath-bhliadhna, glè mhath. Mura toir, gearraidh tu sìos i."

### Bana-Chrioplach air a Leigheas air an t-Sàbaid

- 10**A-nis bha Ìosa a' teagasg ann an aon dhe na sionagogan air an t-Sàbaid.
- 11**Agus bha boireannach an sin aig an robh spiorad laigse fad ochd bliadhna deug. Bha i crùbte sìos oirre fhèin agus cha b' urrainn dhi i fhèin a dhèanamh uile-gu-lèir dìreach.
- 12**Nuair a chunnaic Ìosa i, ghairm e oirre agus thuir e rithe, “A bhoireannaich, tha thu air do shaoradh od laigse.”
- 13**Agus chuir e a làmhan oirre, agus anns a' bhad chaidh a dèanamh dìreach agus thug i glòir do Dhia.
- 14**Ach, làn feirge a chionn 's gun do rinn Ìosa leigheas air an t-Sàbaid, thuir riaghladair an t-sionagoig ris an t-sluagh, “Tha sia latha ann anns am bu chòir obair a bhith air a dèanamh. Mar sin thigibh agus bithibh air ur leigheas air na làithean sin, ach chan ann air latha na Sàbaid.”
- 15**An uair sin fhreagair an Tighearna e, “A bhreug-chràbhaichean! Nach fuasgail gach aon agaibh an damh no an t-asal aige on phrasaich air latha na Sàbaid agus nach toir e a-mach airson deoch e?”
- 16**Agus nach bu chòir am boireannach seo, a tha na nighinn do dh'Abrahàm, a cheangail Sàtan airson ochd bliadhna deug a-nis, a bhith air a fuasgladh on cheangal seo air latha na Sàbaid?”
- 17**Nuair a thuir e sin, chaidh a nàimhdean uile a chur gu nàire, ach rinn an sluagh uile gàirdeachas air sgàth nan uile rudan glòrmhor a chaidh a dhèanamh leis.

### Cosamhlachdan an t-Sìl Mustaird is na Taois Ghoirt

- 18**An uair sin thuir e, “Cò ris a tha rìoghachd Dhè coltach, agus cò ris a shamhlaicheas mi i?”
- 19**Tha i coltach ri gràinne mustaird a ghabh duine agus a chuir e na ghàrradh. Dh'fhàs e gus a bhith na chraoibh, agus rinn eòin an adhair neadan na geugan.”
- 20**Agus a-rithist thuir e, “Cò ris a shamhlaicheas mi rìoghachd Dhè?”
- 21**Tha i coltach ri taois ghoirt a ghabh boireannach agus a dh'fhalaich i ann an trì tomhasan mine, gus an do dh'èirich a' mhin gu lèir.”

### An Doras Cumhang

- 22**An uair sin chaidh e tro na bailtean mòra is na bailtean beaga, a' teagasg agus a' dèanamh a shlighe gu Ierusalem.
- 23**Dh'fhaighnich cuideigin dha, “A Thighearna, an e beagan a bhios air an sàbhaladh?” Thuir e riutha,



**24**“Dèanaibh spàirn chruaidh airson a dhol a-steach tron doras chumhang. Oir tha mi ag innse dhuibh gum feuch mòran ri dhol a-steach agus cha bhi e an comas dhaibh.

**25**Aon uair 's gu bheil maighstir an taighe air èirigh agus air an doras a dhùnadh, agus a thòisicheas sibhse air seasamh a-muigh agus gnogadh air an doras, ag ràdh, ‘A thighearna, fosgail an doras dhuinn’, an uair sin freagraidh esan sibh, ‘Chan eil fios agam cò às a tha sibh.’

**26**“An uair sin tòisichidh sibh air a ràdh, ‘Dh’ith sinn agus dh’òl sinn mud choinneamh, agus theagaisg thu nar sràidean.’

**27**“Ach canaidh esan, ‘Tha mi ag ràdh ribh, chan eil fios agam cò às a tha sibh. Thallaibh uam, uile luchd-dèanamh na h-eucoir!’

**28**“Anns an àite sin bidh caoineadh agus giosgan fhiacail, nuair a chì sibh Abrahàm, Ìsaac agus Iàcob agus na fàidhean uile ann an rìoghachd Dhè, ach sib' fhèin air ur tilgeil a-mach.

**29**Agus thig iad on àird an ear agus an iar, agus on àird a tuath agus a deas, agus suidhidh iad ann an rìoghachd Dhè.

**30**Agus seall, tha cuid air dheireadh a bhios air thoiseach, agus tha cuid air thoiseach a bhios air dheireadh.”

### **Bròn Ìosa airson Ierusalem**

**31**Aig a' cheart àm thàinig cuid dhe na Pharasaich thuige agus thuit iad ris, “Thalla 's gabh a-mach à seo, oir tha Herod ag iarraidh do mharbhadh.”

**32**Fhreagair e, “Thallaibh agus innsibh dhan t-sionnach sin, ‘Seall, tha mi a' tilgeil a-mach dheamhan agus tha mi a' dèanamh leigheas an-diugh is a-màireach, agus air an treas latha crìochnaichidh mi m' obair.’

**33**A dh'aindeoin sin feumaidh mi leantainn orm an-diugh is a-màireach agus an ath latha, oir chan urrainn do dh'fhàidh bàs fhaighinn air taobh a-muigh Ierusalem.

**34**“A Ierusalem, a Ierusalem, a mharbhas na fàidhean, agus a chlachas an fheadhainn a chaidh a chur thugad! Dè cho tric 's a bu mhiann leam do chlann a chruinneachadh còmhla, mar a chruinnicheas cearc a h-iseanan fo a sgiathan, ach cha robh sibh deònach.

**35**Seall, chaidh ur taigh fhàgail agaibh trèigte. Ach tha mi ag innse dhuibh, chan fhaic sibh mise gus an tig an t-àm anns an can sibh, ‘Is beannaichte Esan a tha a' tighinn ann an ainm an Tighearna.’”

## **Lùcas 14**

### **Ìosa aig Taigh Pharasaich**

- <sup>1</sup>Agus thachair, nuair a bha Ìosa a' dol chun an taighe aig aon de riaghladairean nam Pharasach air an t-Sàbaid a dh'ithe arain, gun robh iad a' dèanamh geur-fhaire air.
- <sup>2</sup>Agus seall, bha duine a bha a' fulang leis a' mheud-bhronn mu choinneamh.
- <sup>3</sup>Agus fhreagair Ìosa an luchd-lagha agus na Pharasaich, ag ràdh, “A bheil e ceadaichte leigheas a dhèanamh air latha na Sàbaid no nach eil?”
- <sup>4</sup>Ach dh'fhan iadsan sàmhach. Mar sin, a' gabhail grèim air, leighis e e agus chuir e air falbh e.
- <sup>5</sup>An uair sin thuir e riuthasan, “Cò agaibhse, ma thuiteas a mhac no a dhamh ann an tobar, nach tarraing a-mach anns a' bhad e air latha na Sàbaid?”
- <sup>6</sup>Agus cha b' urrainn dhaibh a fhreagairt anns na rudan sin.
- <sup>7</sup>A-nis dh'innis e cosamhlachd dhaibhsan a fhuair cuireadh, nuair a thug e fa-near mar a thagh iad na h-àiteachan urramach aig a' bhòrd, ag ràdh riutha,
- <sup>8</sup>“Nuair a gheibh thu cuireadh o neach sam bith gu banais, na suidh anns an àite urramach, air eagal 's gun d' fhuair duine nas urramaiche na thusa cuireadh uaithe,
- <sup>9</sup>agus gun tig an neach a thug cuireadh dhutsa is dhàsan agus gun can e riut, ‘Thoir an t-àite agadsa dhan duine seo,’ agus an uair sin gun tòisich thusa, le nàire, air an t-àite as ìsle a ghabhail.
- <sup>10</sup>Ach nuair a gheibh thusa cuireadh, thalla agus suidh anns an àite as ìsle, airson 's, nuair a thig esan a thug cuireadh dhut, gun can e riut, ‘A charaid, gluais suas nas àirde’; an uair sin gheibh thu urram mu choinneamh na feadhna a tha nan suidhe aig bòrd còmhla riut.
- <sup>11</sup>Oir a h-uile neach a dh'àrdaicheas e fhèin, thèid ìsleachadh, agus a h-uile neach a dh'ìslicheas e fhèin, thèid àrdachadh.”
- <sup>12</sup>An uair sin thuir e ris an duine a thug cuireadh dha, “Nuair a nì thu biadh no dìnnear, na gairm do charaidean, no do bhràithrean, no do luchd-dàimh, no do choimhearsnaich bheairteach, gun fhios nach toir iadsan cuireadh air ais dhutsa agus mar sin gum bi thu air d' ath-dhìoladh.
- <sup>13</sup>Ach an uair a nì thu fèist, gairm na bochdan, na ciorramaich, na bacaich, na doill,
- <sup>14</sup>agus bidh thu beannaichte, a chionn 's nach urrainn dhaibh d' ath-dhìoladh. Oir gheibh thusa d' ath-dhìoladh ann an aiseirigh nam firean.”

### **Cosamhlachd na Fèiste Mhòire**

**15** Nuair a chuala fear dhiubhsan a shuidh còmhla ris na rudan sin, thuirt e ri Ìosa, “Is beannaichte an neach a dh'itheas aran ann an rìoghachd Dhè.”

**16** Ach thuirt esan ris, “Rinn duine àraidh fèist mhòr agus thug e cuireadh do mhòran.

**17** Agus chuir e a-mach a sheirbheiseach aig àm na fèiste airson a ràdh ris an fheadhainn a fhuair cuireadh, ‘Thigibh, oir tha a h-uile rud a-nis deiseil.’

**18** “Ach thòisich iad uile a dh'aon ghuth air an leisgeul a ghabhail. Thuirt a' chiad fhear ris, ‘Cheannaich mi achadh, agus feumaidh mi a dhol a-mach agus fhaicinn. Tha mi a' guidhe ort, gabh mo leisgeul.’

**19** “Agus thuirt fear eile, ‘Cheannaich mi còig cuing dhamh, agus tha mi a' dol gan dearbhadh. Tha mi a' guidhe ort, gabh mo leisgeul.’

**20** “Agus thuirt fear eile, ‘Phòs mi bean agus air sgàth sin chan eil e an comas dhomh tighinn.’

**21** “Agus nuair a thàinig an seirbheiseach dh'innis e na rudan seo dha mhaighstir. An uair sin dh'fhàs maighstir an taighe feargach agus thuirt e ri a sheirbheiseach, ‘Gabh a-mach gu luath gu sràidean is caol-sràidean a' bhaile agus thoir na bochdan is na ciorramaich is na bacaich is na doill a-steach an seo.’

**22** “Agus thuirt an seirbheiseach, ‘A Mhaighstir, chaidh dèanamh mar a dh'òrdaich thu, ach tha àite ann fhathast.’

**23** “Agus thuirt am maighstir ris an t-seirbheiseach, ‘Gabh a-mach gus na rathaidean mòra agus na frith-rathaidean agus co-èignich daoine gus tighinn a-steach, airson 's gum bi mo thaigh air a lìonadh.

**24** Oir tha mi ag ràdh ribh nach fhaigh aon fhear dhen fheadhainn a fhuair cuireadh blas dhen fhèist agamsa.”

### **A' Chosgais a Tha an Lùib a Bhith nad Dheisciobal**

**25** Bha sluagh mòr a' siubhal còmhla ri Ìosa, agus a' tionndadh thuca thuirt e,

**26** “Ma thig neach sam bith thugamsa, agus nach fuathaich e athair fhèin 's a mhàthair, agus a bhean-phòsta 's a chlann, agus a bhràithrean 's a pheathraichean – seadh agus fiù 's a bheatha fhèin – chan urrainn dha a bhith na dheisciobal dhòmhsa.

**27** Ge b' e nach giùlain a chrann-ceusaidh fhèin agus nach lean mise, chan urrainn dha a bhith na dheisciobal dhòmhsa.

**28** “Oir cò am fear agaibhse a tha a' miannachadh tùr a thogail nach suidh sìos an toiseach agus nach cunnt a' chosgais gus faicinn a bheil gu leòr aige airson a chrìochnachadh?”

<sup>29</sup>No, às dèidh dha a bhunait a chur sìos is nach eil e an comas a chrìochnachadh, tòisichidh a h-uile duine a chì e a' magadh air,

<sup>30</sup>ag ràdh, 'Thòisich an duine seo air togail agus cha b' urrainn dha crìochnachadh.'

<sup>31</sup>"No cò an rìgh, a' dol a-mach a chogadh an aghaidh rìgh eile, nach suidh sìos an toiseach agus nach gabh comhairle, a dh'fhaicinn a bheil e an comas le deich mìle duine coinneachadh ris-san a tha a' tighinn na aghaidh le fichead mìle duine?"

<sup>32</sup>Agus mura h-eil, fhad 's a tha am fear eile fhathast fada uaithe, cuiridh e tosgaire a dh'iarraidh chùmhnanntan sìthe.

<sup>33</sup>Anns an aon dòigh, gach neach agaibhse nach tràig a h-uile rud a th' aige, chan urrainn dha a bhith na dheisciobal dhòmhsa.

<sup>34</sup>"Tha salann math, ach ma chailleas an salann a bhlas, cò leis a gheibh e a shailleachd air ais?"

<sup>35</sup>Chan eil e gu feum sam bith dhan talamh no dhan dùn inneir; tha e air a thilgeil a-mach. "Esan aig a bheil cluasan airson cluinntinn, cluinneadh e!"

## Lùcas 15

### Cosamhlachd na Caorach Chailte

<sup>1</sup>A-nis bha na cìs-mhaoir agus na peacaich uile a' teannadh dlùth ri Ìosa airson èisteachd ris.

<sup>2</sup>Agus bha na Pharasaich is na sgrìobhaichean a' gearain, ag ràdh, "Tha am fear seo a' cur fàilte air peacaich agus ag ithe còmhla riutha."

<sup>3</sup>Dh'innis e a' chosamhlachd seo dhaibh, ag ràdh:

<sup>4</sup>"Cò am fear agaibhse aig a bheil ceud caora, ma chailleas e aon dhiubh, nach fhàg an naochad 's a naoi anns an fhàsach, agus nach tèid às dèidh na tè a bha air chall, gus am faigh e i?"

<sup>5</sup>Agus nuair a tha e air a lorg, cuiridh e air a ghualnean i, a' dèanamh gàirdeachas,

<sup>6</sup>is nuair a thig e dhachaigh, gairmidh e a charaidean is a choimhearsnaich còmhla, ag ràdh riutha, 'Dèanaibh gàirdeachas còmhla riumsa, a chionn 's gun do lorg mi mo chaora a bha cailte.'

<sup>7</sup>Tha mi ag ràdh ribh, san aon dòigh bidh aoibhneas air nèamh airson aon pheacach a nì aithreachas nas motha na airson naochad 's a naoi firean aig nach eil feum air aithreachas."

### Cosamhlachd a' Bhuinn Cailte

<sup>8</sup>“No cò am boireannach aig a bheil deich buinn airgid, ma chailleas i aon bhonn dhiubh, nach las lampa, agus nach sguab an taigh, is nach sir gu dìcheallach gus am faigh i e?”

<sup>9</sup>Agus nuair a tha i air a lorg, gairmidh i a banacharaidean 's a bana-choimhearsnaich, ag ràdh, ‘Dèanaibh gàirdeachas còmhla riumsa, oir lorg mi am bonn a chaill mi.’

<sup>10</sup>San aon dòigh, tha mi ag ràdh ribh gu bheil gàirdeachas an làthair ainglean Dhè airson aon pheacach a nì aithreachas.”

### **Cosamhlachd a' Mhic Cailte**

<sup>11</sup>Is thuirt Ìosa, “Bha duine àraidh ann aig an robh dithis mhac.

<sup>12</sup>Thuirt am mac a b' òige dhiubh ri athair, ‘Athair, thoir dhòmhsa an roinn dhed mhaoin a thig thugam.’ Agus roinn e eatarra a sheilbh.

<sup>13</sup>“Beagan làithean às dèidh sin, chruinnich am mac a b' òige a chuid gu lèir, agus chaidh e air turas do dhùthaich fhad' às agus an sin chaith e a mhaoin air beatha shtruidheil.

<sup>14</sup>Agus nuair a bha e air a h-uile rud a chaitheamh, dh'èirich gort ro mhòr anns an dùthaich sin, agus thòisich e air a bhith ann an dith.

<sup>15</sup>Agus chaidh e is cheangail e e fhèin ri aon de shaoranaich na dùthcha sin a chuir dha na h-achaidhean aige e, a bhiathadh mhuc.

<sup>16</sup>Agus bha e a' miannachadh a làn ithe dhe na rùsgan a bha na mucan ag ithe, ach cha tug duine sìon dha.

<sup>17</sup>“Nuair a thàinig e thuige fhèin, thuirt e, ‘Cia mheud de luchd-tuarastail m' athar-sa aig a bheil barrachd air gu leòr arain, ach seo mise a' bàsachadh leis an acras?’

<sup>18</sup>Èiridh mi agus thèid mi gum athair, agus canaidh mi ris: “Athair, pheacaich mi an aghaidh nèimh, agus mud choinneamh-sa.

<sup>19</sup>Chan eil mi airidh tuilleadh air gun deigheadh do mhac-sa a ghabhail orm; dèan mar aon dhed luchd-tuarastail mi.”

<sup>20</sup>Mar sin dh'èirich e agus chaidh e gu athair. “Ach fhad 's a bha e fhathast fad' air falbh, chunnaic athair e agus ghabh e truas ris, agus ruith e, agus a' cur a ghàirdeanan timcheall air amhaich, phòg e e.

<sup>21</sup>“Thuirt am mac ris, ‘Athair, pheacaich mi an aghaidh nèimh agus mud choinneamh-sa, agus chan eil mi airidh tuilleadh air gun deigheadh do mhac a ghabhail orm.’

**22**“Ach thuir an t-athair ri a sheirbheisich, ‘Dèanaibh cabhag! Thugaibh a-mach a' chulaidh as fheàrr, agus cuiribh air i. Cuiribh fàinne air a làimh agus cuarain air a chasan.

**23**Agus thugaibh an seo an laogh reamhraichte is marbhaibh e. Itheamaid agus bitheamaid subhach.

**24**Oir bha mo mhac seo marbh, agus tha e beò a-rithist; bha e cailte agus chaidh a lorg.’ Agus thòisich iad air a bhith subhach.

**25**“A-nis bha am mac a bu shine aige a-muigh anns an achadh, agus fhad 's a thàinig e 's a theann e faisg air an taigh, chuala e ceòl agus dannsa.

**26**Agus ghairm e thuige aon dhe na seirbheisich agus dh'fhaighnich e dè a bu chiall dha na rudan sin.

**27**Agus thuir esan ris, ‘Thill do bhràthair agus mharbh d' athair an laogh reamhraichte a chionn 's gun d' fhuair e air ais slàn sàbhailte e.’

**28**“Ach dh'fhàs esan feargach agus cha robh e deònach a dhol a-steach. Thàinig athair a-mach agus ghuidh e air.

**29**Ach fhreagair e athair, ‘Seall, na h-uiread seo de bhliadhnaichean tha mise air seirbheis a dhèanamh dhut, agus cha robh mi eas-umhail riamh dhad àithne, ach a dh'aindeoin sin cha tug thu riamh gobhar òg dhomh, airson 's gum bithinn subhach còmhla rim charaidean.

**30**Ach nuair a thàinig do mhac seo, am fear a chaith do sheilbh còmhla ri siùrsaichean, mharbh thu an laogh reamhraichte dha!’

**31**“Agus thuir e ris, ‘A mhic, tha thusa an-còmhnaidh còmhla rium, agus a h-uile sìon as leamsa, is leatsa e.

**32**Bha e iomchaidh a bhith subhach agus aoibhneach, oir bha do bhràthair seo marbh, agus tha e beò; bha e cailte, agus chaidh fhaighinn.”

## Lùcas 16

### Cosamhlachd an Stiùbhaird Ghleusta

**1**Thuir Iosa cuideachd ri a dheisciobail, “Bha duine beairteach ann aig an robh stiùbhard, agus chaidh casaidean a thoirt na aghaidh gun robh e a' dèanamh ana-caitheamh air a chuid.

**2**Agus ghairm e e is thuir e ris, ‘Dè tha seo a tha mi a' cluinntinn mud dheidhinn? Thoir cunntas air do stiùbhardachd, oir chan fhaod thu a bhith nad stiùbhard nas fhaide.’

**3**“Thuir an stiùbhard ris fhèin, ‘Dè a nì mi? Oir tha mo mhaighstir a' toirt na stiùbhardachd uam, chan eil mi làidir gu leòr airson cladhach agus tha nàire orm dèirc iarraidh.

<sup>4</sup>Tha fios agam dè a nì mi airson 's nuair a chuirear às an stiùbhardachd mi, gun cuir iad fàilte orm a-steach dhan taighean.'

<sup>5</sup>"Agus ghairm e thuige gach aon dhiubhsan a bha ann am fiachan ri a mhaighstir. Ris a' chiad fhear thuir e, 'Dè na h-uimhir 's a th' aig mo mhaighstir ortsa?'

<sup>6</sup>"Thuir e esan, 'Ceud tomhas ola.' "Thuir e ris, 'Gabh do bhileag-cunntais, agus suidh sìos gu luath is sgrìobh caogad.'

<sup>7</sup>"An uair sin thuir e ri fear eile, 'Agus dè na h-uimhir 's a th' aige ortsa?' "Agus thuir e esan, 'Ceud tomhas cruithneachd.' "Thuir e ris, 'Gabh do bhileag-cunntais agus sgrìobh ochdad.'

<sup>8</sup>"Mhol am maighstir an stiùbhard eucorach a chionn 's gun do rinn e gu glic. Oir tha clann an t-saoghail seo nas glìce a thaobh an ginealaich fhèin na clann an t-solais.

<sup>9</sup>Tha mise ag ràdh ribh, dèanaibh caraidean dhuib' fhèin le beairteas na h-eucoir, airson 's, nuair a theirigeas e, gun tèid fàilte a chur oirbh a dh'àiteachan-fuirich sìorraidh.

<sup>10</sup>"An neach a tha dìleas anns an rud as lugha, tha e cuideachd dìleas ann am mòran, agus an neach a tha eucorach anns an rud as lugha, tha e cuideachd eucorach ann am mòran.

<sup>11</sup>Mar sin, mura robh sibh dìleas anns an t-saidhbhreas eucorach, cò a dh'earbas ribh am fìor shaidhbhreas?

<sup>12</sup>Agus mura robh sibh dìleas le cuid neach eile, cò a bheir dhuibh an rud a tha leib' fhèin?

<sup>13</sup>"Chan urrainn do sheirbheiseach seirbheis a dhèanamh do dhà mhaighstir. Oir an dara cuid fuathaichidh e aon dhiubh agus bheir e gràdh dhan fhear eile, no bidh e dìleas do dh'aon dhiubh agus nì e tàir air an fhear eile. Chan eil sibh comasach air seirbheis a dhèanamh do Dhia agus do bheairteas."

<sup>14</sup>Chuala na Pharasaich, aig an robh gràdh air airgead, na rudan sin uile, agus rinn iad magadh air.

<sup>15</sup>Agus thuir e riutha, "Is sibhse an fheadhainn a tha gur fireanachadh fhèin mu choinneamh dhaoine; ach is aithne do Dhia ur cridheachan. Oir an rud a th' air àrdachadh gu mòr am measg dhaoine, tha e na ghràinealachd mu choinneamh Dhè.

### Teagasgan a Bharrachd

<sup>16</sup>"Bha an Lagh agus na Fàidhean ann gu àm Eòin. On àm sin tha Deagh Sgeul rìoghachd Dhè air a shearmonachadh agus tha gach neach a' dol a-steach innte le dian-strì.

17 Ach tha e nas fhasa do nèamh agus dhan talamh a dhol thairis na do dh'aon lide dhen lagh tuiteam a-mach às.

18 “Gach neach a chuireas uaithe a bhean agus a phòsas bean eile, tha e a' dèanamh adhaltranas, agus ge b' e neach a phòsas a' bhean a chaidh a chur air falbh o a fear, tha e a' dèanamh adhaltranas.

### **An Duine Bearteach agus Làsaras**

19 “Bha duine beairteach àraidh ann a bha air èideadh ann am purpaidh agus anart grinn a bha a' fèisteadh gu sòghail gach latha.

20 Agus bha duine bochd àraidh air an robh an t-ainm Làsaras na laighe aig a gheata-san, làn chreuchdan.

21 Is bu mhiann leis a bhith air a shàsachadh le na thuit o bhòrd an duine shaidhbhir, ach thàinig fiù 's na coin agus dh'imlich iad a chreuchdan.

22 “Bhàsaich an duine bochd agus chaidh a ghiùlain leis na h-ainglean gu taobh Abrahàim. Fhuair an duine beairteach cuideachd bàs agus chaidh adhlacadh,

23 agus ann an Ifrinn, far an robh e ann an àmhghar, sheall e suas agus chunnaic e Abrahàm fada uaithe, agus Làsaras aig a thaobh.

24 Agus dh'èigh e, ‘Athair Abrahàim, dèan tròcair orm, agus cuir Làsaras airson 's gum bog e bàrr a chorraig ann an uisge agus gum fuaraich e mo theanga, oir tha mi air mo phianadh gu mòr anns an lasair seo.’

25 “Ach thuir Abrahàm, ‘A mhic, cuimhnich gun d' fhuair thusa do rudan matha fhad 's a bha thu beò, agus Làsaras san aon dòigh droch rudan; ach a-nis tha esan a' faighinn cofhurtachd an seo agus tha thusa air do phianadh.

26 Agus a bharrachd air a seo uile, tha mòr-bheàrn air a suidheachadh eadar sinne agus thusa, airson 's nach biodh e an comas dhaibhsan lem bu toigh l' a dhol à seo thugaibhse, agus nach motha a bhiodh e comasach tighinn às a sin thugainne.’

27 “Agus thuir e, ‘Mar sin, tha mi a' guidhe ort, athair, cuir gu taigh m' athar-sa e,

28 oir tha còignear bhràithrean agam, airson 's gum faod e rabhadh a thoirt dhaibh, air eagal 's gun tig iadsan cuideachd dhan àite ro phiantail seo.’

29 “Ach thuir Abrahàm, ‘Tha Maois agus na fàidhean aca; èisteadh iad riuthasan.’

30 “Thuir esan, ‘Chan èist, athair Abrahàim, ach ma thèid neach thuca o na mairbh, nì iad aithreachas.’



**31**“Thuir e ris, ‘Mura h-èist iad ri Maois agus na fàidhean, cha mhotha a bhios iad dearbhte às nan èireadh neach o na mairbh.’”

## Lùcas 17

### Peacadh, Creideamh, Dleastanas

**1**Thuir Iòsa ri a dheisciobail, “Chan urrainn nach tig buairidhean gus a bhith a' peacachadh, ach is mairg dhàsan tron tig iad.

**2**B' fheàrr dha gum biodh clach-mhuilinn air a crochadh ma amhaich agus gum biodh e air a thilgeil dhan fhairge na gun adhbhraicheadh e gum peacaicheadh aon dhen fheadhainn bheaga seo.

**3**Thugaibh an aire dhuib' fhèin. “Ma pheacaicheas do bhràthair, cronaich e, agus ma nì e aithreachas, thoir mathanas dha.

**4**Agus ma pheacaicheas e nad aghaidh seachd uairean anns an latha, ma thilleas e thugad seachd uairean ag ràdh, ‘Tha aithreachas orm,’ thoir mathanas dha.”

**5**Thuir na h-abstoil ris an Tighearna, “Meudaich ar creideamh!”

**6**Fhreagair an Tighearna, “Nam biodh creideamh agaibh mar ghràinne de shìol mustaird, chanadh sibh ris a' chraoibh shiceamain seo, ‘Bi air do spionadh às do bhun, agus bi air do shuidheachadh san fhairge.’ Agus bhiodh i umhail dhuibh.

**7**“Ach cò nur measg aig a bheil seirbheiseach a bha dìreach air tilleadh o bhith a' treabhadh no a' buachailleachd a chanadh ris, ‘Thig anns a' bhad, agus suidh sìos gu biadh?’

**8**Nach dòcha an àite sin gun canadh e ris, ‘Ullaich suipear dhomh agus, a' cur aodach ceart ort, fritheil dhomh fhad 's a dh'itheas is a dh'òlas mi; agus às dèidh sin ithidh is òlaidh tusa?’

**9**An toir e taing dhan t-seirbheiseach sin a chionn 's gun do rinn e na chaidh òrdachadh dha?

**10**Mar sin sibhse cuideachd: nuair a tha sibh air a h-uile rud a chaidh àithne dhuibh a dhèanamh, canaibh, ‘Is seirbheisich neo-airidh sinn; oir cha do rinn sinn ach ar dleastanas.’”

### Deichnear air an Leigheas o Luibhre

**11**A-nis, air a shlighe gu Ierusalem, bha Iòsa a' dol eadar Samaria is Galile.

**12**Agus fhad 's a bha e a' dol a-steach do bhaile, thachair deichnear dhaoine ris a bha nan lobhair. Sheas iad fada uaithe,

**13** agus thog iad suas an guthan, ag ràdh, “Ìosa, a Mhaighstir, dèan tròcair oirnn.”

**14** Nuair a chunnaic e iad, thuir e riutha, “Thallaibh agus seallaibh sib' fhèin dha na sagartan.” Agus fhad 's a bha iad a' falbh, chaidh an dèanamh glan.

**15** An uair sin, nuair a chunnaic aon dhiubh gun deach a leigheas, thill e air ais, a' toirt glòir do Dhia le guth àrd,

**16** agus thuit e air aghaidh aig casan Ìosa, a' toirt taing dha – agus b' e Samaritanach a bh' ann.

**17** An uair sin fhreagair Ìosa, “Nach deach deichnear a ghlanadh? Càit a bheil an naoinear eile?”

**18** Nach deach neach sam bith a lorg a thill agus a thug moladh do Dhia ach an coigreach seo?”

**19** Agus thuir e ris, “Èirich is thalla, shlànaich do chreideamh thu.”

### Teachd Rìoghachd Dhè

**20** Às dèidh dha na Pharasaich faighneachd dha cuin a thigeadh rìoghachd Dhè, fhreagair e iad ag ràdh, “Chan eil rìoghachd Dhè a' tighinn le comharraidhean a tha follaiseach.

**21** Cha mhotha a chanas iad, ‘Seall, seo i!’ no ‘Seall, siud i!’ oir seallaibh, tha rìoghachd Dhè nur measg.”

**22** An uair sin thuir e ris na deisciobail, “Thig na làithean nuair a mhiannaicheas sibh aon dhe na làithean aig Mac an Duine fhaicinn, ach chan fhaic sibh e.

**23** Agus canaidh iad ribh, ‘Seall an siud!’ no ‘Seall an seo!’ Na rachaibh a-mach agus na leanaibh iad.

**24** Oir mar a tha an dealanach a' boillsgeadh 's a' lasadh an adhair o aon taobh chun an taoibh eile, mar sin bidh Mac an Duine na latha fhèin.

**25** Ach an toiseach feumaidh e mòran rudan fhulang, agus a bhith air a dhiùltadh leis a' ghinealach seo.

**26** “Dìreach mar a bha ann an làithean Nòah, mar sin cuideachd bithidh ann an làithean Mhic an Duine.

**27** Bha iad ag ithe agus ag òl, a' pòsadh agus air an toirt ann am pòsadh, gus an latha anns an deach Nòah a-steach dhan àirc, agus thàinig an dile is sgrios i iad uile.

**28** “Anns an aon dòigh, dìreach mar a thachair ann an làithean Lot, bha iad ag ithe agus ag òl, a' ceannach agus a' reic, a' cur agus a' togail.

**29** Ach air an latha nuair a chaidh Lot a-mach à Sodom, chaidh teine 's pronnasg a fhrasadh o nèamh, agus sgrios e iad uile.

**30** “Is ann dìreach mar sin a bhitheas air an latha anns an tèid Mac an Duine fhoillseachadh.

**31** Air an latha sin, an neach a bhios air mullach an taighe, agus a chuid anns an taigh, na tigeadh e a-nuas airson a thoirt leis; agus anns an aon dòigh an neach a th' anns an achadh, na tilleadh esan air ais.

**32** Cuimhnichibh air bean Lot.

**33** Ge b' e a dh'iarraas a bheatha fhèin a ghleidheadh, caillidh e i, agus ge b' e a chailleas a bheatha, sàbhailidh e i.

**34** Tha mi ag ràdh ribh, air an oidhche sin bidh dithis anns an aon leabaidh; bidh aon dhiubh air a ghabhail, agus am fear eile air fhàgail.

**35** Bidh dithis bhan a' bleith còmhla; bidh aon dhiubh air a gabhail agus an tèile air a fàgail.

**36** [Bidh dithis dhaoine anns an achadh; bidh aon dhiubh air a ghabhail agus am fear eile air fhàgail.]”

**37** Agus ga fhreagairt thuir iadsan, “Càit, a Thighearna?” Agus thuir esan riutha, “Ge b' e càite am bi an corp, an sin cruinnichidh na fangan.”

## Lùcas 18

### Cosamhlachd na Bantraich Leanailtich

**1** An uair sin dh'innis e cosamhlachd dhaibh a' sealltainn gum bu chòir ùrnaigh a dhèanamh an-còmhnaidh agus gun a bhith a' call misneachd.

**2** Thuir e, “Ann am baile sònraichte bha britheamh, air nach robh eagal Dhè 's nach robh a' toirt urraim do dhuine.

**3** Agus bha bantrach anns a' bhaile sin a chùim oirre a' tighinn thuige ag ràdh, ‘Thoir ceartas dhomh an aghaidh mo neach-casaid.’

**4** “Airson ùine dhiùlt e, ach mu dheireadh thall thuir e, ‘Ged nach eil eagal Dhè orm 's nach eil mi a' toirt urraim do dhuine,

**5** a chionn 's gu bheil a' bhantrach seo a' cumail oirre gam bhuaireadh, bheir mi ceartas dhi airson 's nach sàraich i mi le a' tighinn leanailtich.’”

**6** Agus thuir an Tighearna, “Èistibh ri na tha am britheamh eucorach ag ràdh.

**7** Agus nach toir Dia ceartas dha dhaoine taghte fhèin, a tha ag èigheach ris a latha 's a dh'oidhche? Am bi e slaodach gus am freagairt?

<sup>8</sup>Tha mi ag ràdh ribh gun dèan e cinnteach gum faigh iad ceartas gu luath. Ach nuair a thig Mac an Duine, am faigh e creideamh air an talamh?”

### **Cosamhlachd an Pharasaich 's a' Chis-Mhaoir**

<sup>9</sup>Dh'innis Ìosa an uair sin a' chosamhlachd seo do chuid a bha ag earbsa asta fhèin gun robh iad nam fireanan, agus a bha a' cur feadhainn eile ann an suarachas:

<sup>10</sup>“Chaidh dithis fhear suas dhan teampall a dh'ùrnaigh, fear dhiubh na Pharasach 's am fear eile na chis-mhaor.

<sup>11</sup>Sheas am Pharasach agus rinn e an ùrnaigh seo ris fhèin: ‘A Dhè, tha mi a' toirt taing dhut nach eil mi mar a tha daoine eile – sanntach, eucorach, adhaltranach – no fiù 's coltach ris a' chis-mhaor seo.

<sup>12</sup>Tha mi a' trasgadh dà uair san t-seachdain, agus tha mi a' toirt seachad an deicheadh pàirt dhen a h-uile rud a gheibh mi.’

<sup>13</sup>“Ach, a' seasamh fad' às, cha togadh an cìs-mhaor fiù 's a shùilean suas gu nèamh, ach bhuail e a chom, ag ràdh, ‘A Dhia, bi tròcaireach riumsa, am peacach!’

<sup>14</sup>“Tha mi ag ràdh ribh, chaidh am fear seo sìos dha thaigh fhèin air fhìreanachadh, an àite an fhir ud eile. Oir a h-uile neach a dh'àrdaicheas e fhèin, thèid ìsleachadh, agus an neach a dh'ìslicheas e fhèin, thèid àrdachadh.”

### **Clann Bheaga agus Ìosa**

<sup>15</sup>Bha daoine a' toirt fiù 's naoidheanan thuige airson 's gum beanadh e riutha, ach nuair a chunnaic na deisciobail seo, chronaich iad iad.

<sup>16</sup>Ach ghairm Ìosa iad thuige fhèin agus thuirt e, “Leigibh le na leanabanan tighinn thugamsa, agus na cuiribh bacadh orra, oir is ann dhen leithidean seo a tha rìoghachd Dhè.

<sup>17</sup>Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh, ge b' e nach gabh rìoghachd Dhè mar leanabh, gu cinnteach cha tèid e a-steach innte.”

### **An Riaghladair Beairteach**

<sup>18</sup>Dh'fhaighnich riaghladair sònraichte dha, “Fhir-Teagaisg mhaith, dè a dh'fheumas mi a dhèanamh airson 's gun sealbhaich mi a' bheatha shiorraidh?”

<sup>19</sup>Thuirt Ìosa ris, “Carson a tha thu a' gabhail math ormsa? Chan eil neach sam bith math ach Dia a-mhàin.

<sup>20</sup>Is aithne dhut na h-àitheantan: ‘Na dèan adhaltranas, na dèan murt, na goid, na toir fianais-bhrèige, thoir urram dhad athair agus dhad mhàthair.’”

- 21** Agus thuirt esan, “Tha mi air iad sin uile a chumail om òige.”
- 22** Nuair a chuala Ìosa seo, thuirt e ris, “Tha aon rud fhathast a dhìth ort. Reic a h-uile rud a th' agad agus dèan roinn air am measg nam bochdan agus bidh ionmhas agad ann an nèamh, agus trobhad 's lean mise.”
- 23** Ach nuair a chuala e seo, dh'fhàs e ro bhrònach, oir bha e fìor bheairteach.
- 24** Choimhead Ìosa air agus thuirt e, “Nach e a tha doirbh dhaibhsan aig a bheil beairteas a dhol a-steach do rìoghachd Dhè!
- 25** Oir tha e nas fhasa do chàmhail a dhol tro chrò snàthaid na do neach beairteach a dhol a-steach do rìoghachd Dhè.”
- 26** Thuirt iadsan a chuala seo, “Cò mar sin as urrainn a bhith air a shàbhaladh?”
- 27** Agus thuirt esan, “Na rudan a tha eu-comasach do dhaoine, tha iad comasach do Dhia.”
- 28** An uair sin thuirt Peadar, “Seall, tha sinne air na rudan againn fhèin fhàgail agus air do leantainn-sa.”
- 29** Thuirt e riutha, “Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh, chan eil aon neach a dh'fhàg taigh, no bean, no bràithrean, no pàrantan, no clann air sgàth rìoghachd Dhè
- 30** nach faigh tòrr mòr a bharrachd anns an àm seo agus, anns an linn ri thighinn, a' bheatha shìorraidh.”

### **Ìosa A-Rithist a' Dèanamh Ro-Innse ma Bhàs Fhèin**

- 31** Thug e an dà fhear dheug gu aon taobh, agus thuirt e riutha, “Seallaibh, tha sinn a' dol suas gu Ierusalem, agus bidh a h-uile rud a tha sgrìobhte leis na fàidhean mu Mhac an Duine air an coileanadh.
- 32** Oir bidh e air a thoirt thairis dha na Cinnich, agus thèid magadh a dhèanamh air agus thèid tàir a dhèanamh air agus thèid smugaidean a thilgeil air.
- 33** Agus às dèidh a sgiùrsadh, marbhaidh iad e, agus air an treas latha èiridh e.”
- 34** Ach cha do thuig iadsan aon dhe na rudan seo. Bha am facal seo falaichte uapa agus cha do thuig iad na rudan a chaidh a ràdh.

### **Dèirceach Dall a' Faighinn a Fhradhairc**

- 35** Nuair a thàinig Ìosa faisg air Iericho, bha duine dall na shuidhe ri taobh an rathaid ag iarraidh dèirce.

<sup>36</sup>Agus nuair a chuala e sluagh a' dol seachad, dh'fhaighnich e dè dh'fhaodadh a bhith ann.

<sup>37</sup>Dh'innis iad dha, “Tha Ìosa o Nàsaret a' dol seachad.”

<sup>38</sup>Agus dh'èigh e, “Ìosa, a Mhic Dhaibhidh, dèan tròcair orm!”

<sup>39</sup>Agus chronaich iadsan a bh' air thoiseach e, ag ràdh ris a bhith sàmhach, ach b' ann a bu mhotha buileach a dh'èigh esan, “A Mhic Dhaibhidh, dèan tròcair orm!”

<sup>40</sup>Stad Ìosa agus dh'àithn e gum biodh e air a threòrachadh thuige. Agus nuair a thàinig e faisg, dh'fhaighnich Ìosa dha,

<sup>41</sup>“Dè a bu toigh leat a dhèanainn-sa dhut?” Thuir esan, “A Thighearna, mo fhradharc fhaighinn air ais.”

<sup>42</sup>Thuir Ìosa ris, “Faigh do fhradharc: shlànaich do chreideamh thu.”

<sup>43</sup>Anns a' bhad fhuair e a fhradharc air ais, agus lean e e, a' toirt glòir do Dhia. Nuair a chunnaic an sluagh uile seo, thug iad cliù do Dhia.

## Lùcas 19

### Sachèus an Cìs-Mhaor

<sup>1</sup>Chaidh Ìosa a-steach do Iericho agus bha e a' dol troimhe.

<sup>2</sup>Agus seall, bha duine an sin air an robh an t-ainm Sachèus. B' e àrd-chìs-mhaor a bh' ann, agus bha e beairteach.

<sup>3</sup>Bha e ag iarraidh faicinn cò a bh' ann an Ìosa, ach air sgàth an t-sluaigh cha b' urrainn dha, a chionn 's gun robh e beag.

<sup>4</sup>Mar sin ruith e air thoiseach agus shreap e suas ann an craoibh shicamoir airson 's gum faiceadh e esan, oir bha Ìosa gus a dhol seachad an taobh sin.

<sup>5</sup>Nuair a thàinig Ìosa dhan àite, sheall e suas agus thuir e ris, “A Shachèuis, dèan cabhag 's thig a-nuas, oir an-diugh feumaidh mi fuireach aig do thaigh.”

<sup>6</sup>Mar sin, a' dèanamh cabhag, thàinig e a-nuas agus ghabh e ris gu h-aoibhneach.

<sup>7</sup>Nuair a chunnaic iad uile e, ghearain iad: “Tha e air a dhol a-steach gus a bhith na aoigh aig duine peacach.”

<sup>8</sup>Ach sheas Sachèus agus thuir e ris an Tighearna, “Seall, a Thighearna, tha mi a' toirt leth dhem chuid dha na bochdan. Agus ma thug mi sìon o neach sam bith tro chasaid-brèige, bheir mi dha a cheithir uiread.”

<sup>9</sup>Agus thuirt Ìosa ris, “Thàinig slàinte an-diugh chun an taighe seo, a chionn 's gur e mac do dh'Abrahàm a th' anns an duine seo cuideachd.

<sup>10</sup>Oir thàinig Mac an Duine a shireadh agus a theàrnadh an nì sin a bha cailte.”

### **Cosamhlachd nan Deich Mina**

<sup>11</sup>Fhad 's a bha iad ag èisteachd ris na rudan seo, lean e air is dh'innis e cosamhlachd, a chionn 's gun robh e faisg air Ierusalem agus a chionn 's gun do shaoil iadsan gun robh rìoghachd Dhè a' dol a nochdadh sa bhad.

<sup>12</sup>Mar sin thuirt e, “Chaidh duine uasal do dhùthaich fad' às, airson rìoghachd fhaighinn dha fhèin, agus tilleadh air ais.

<sup>13</sup>Ghairm e air deichnear dhe na seirbheisich aige, thug e mina an duine dhaibh, agus thuirt e riutha, ‘Dèanaibh malairt gus an till mi.’

<sup>14</sup>“Ach bha fuath aig a shaoranaich dha agus chuir iad teachdaireachd às a dhèidh ag ràdh, ‘Chan eil sinn ag iarraidh gum bi an duine seo na rìgh oirnn.’

<sup>15</sup>“Nuair a thill e, às dèidh dha an rìoghachd fhaighinn, dh'òrdaich e gum biodh na seirbheisich ud dhan tug e an t-airgead air an gairm thuige, airson 's gum biodh fios aige dè a bhuannaich iad tro mhalairt.

<sup>16</sup>“Thàinig a' chiad fhear air adhart, ag ràdh, ‘A thighearna, choisinn do mhina deich minathan.’

<sup>17</sup>“Thuirt e ris, ‘Is math a rinn thu, a sheirbheisich mhaith! A chionn 's gun robh thusa firinneach ann am fìor bheagan, biodh uachdaranachd agadsa air deich bailtean.’

<sup>18</sup>“Thàinig an dara fear, ag ràdh, ‘A thighearna, rinn do mhina còig minathan.’

<sup>19</sup>“Agus thuirt e ris-san, ‘Bidh thusa os cionn còig bailtean.’

<sup>20</sup>“An uair sin thàinig fear eile, ag ràdh, ‘A thighearna, seall do mhina, a bha taisgte agam ann an nèapraige.

<sup>21</sup>Oir bha eagal orm romhad, air sgàth 's gur e duine cruaidh a th' annad. Tha thu a' togail an rud nach do thaisg thu agus a' buain an rud nach do chuir thu.’

<sup>22</sup>“Thuirt a mhaighstir ris, ‘Led fhaclan fhèin bheir mi breith ort, a dhroch sheirbheisich! Bha fios agad gum b' e duine cruaidh a bh' annam, a' togail an rud nach do thaisg mi agus a' buain an rud nach do chuir mi.

<sup>23</sup>Carson mar sin nach do chuir thu m' airgead ann am banca? An uair sin, a' tilleadh, thogainn e le riadh.’

<sup>24</sup>“Agus thuirt e riuthasan a sheas faisg air làimh, ‘Thoiribh am mina uaithe, agus thoiribh dhàsan e aig a bheil na deich minathan.’

25“Agus thuirt iad ris, ‘A thighearna, tha deich minathan aige!’

26“Tha mi ag ràdh ribh, ‘A h-uile neach aig a bheil gun tèid barrachd a thoirt dha, ach on neach aig nach eil gun tèid fiù 's na th' aige a thoirt air falbh.

27Ach na nàimhdean seo agamsa, leis nach bu toigh l' gum bithinn-sa nam rìgh os an cionn, thugaibh an seo iad agus marbhaibh iad mum choinneamh.”

### **An Dol-a-Steach Buadmhor**

28Às dèidh do dh'ìosa na rudan sin a ràdh, lean e air adhart romhpa, a' dol suas gu Ierusalem.

29Fhad 's a thàinig e faisg air Betphage agus Betani aig a' bheinn ris an canar Beinn nan Crann-Ola, chuir e air falbh dithis dheisciobal,

30ag ràdh, “Thallaibh dhan bhaile mur coinneamh, agus nuair a thèid sibh a-steach gheibh sibh searrach ceangailte, air nach do shuidh aon duine riamh. Fuasglaibh e agus thoiribh an seo e.

31Ma dh'fhaighnicheas neach sam bith dhuibh, ‘Carson a tha sibh ga fhuasgladh?’ canaibh mar seo: ‘Tha feum aig an Tighearna air.’”

32Mar sin dh'fhàg iadsan a chaidh a chur air falbh, agus fhuair iad e dìreach mar a thuirt esan riutha.

33Agus fhad 's a bha iad a' fuasgladh an t-searraich, thuirt iadsan leis an robh e riutha, “Carson a tha sibh a' fuasgladh an t-searraich?”

34Fhreagair iadsan, “Tha feum aig an Tighearna air.”

35Mar sin thug iad gu Ìosa e agus thilg iad an cuid aodaich uachdair air an t-searrach, agus chuir iad Ìosa air.

36Fhad 's a chaidh e air adhart, sgaoil iad an t-aodach-uachdair aca air an rathad.

37Nuair a bha e mu thràth a' tighinn faisg air slighe sìos Beinn nan Crann-Ola, thòisich mòr-chuideachd nan deisciobal uile air gàirdeachas a dhèanamh, agus moladh a thoirt do Dhia le guthan àrda airson nan obraichean cumhachdach uile a bha iad air fhaicinn,

38ag ràdh: “Is beannaichte an Rìgh a tha a' tighinn ann an ainm an Tighearna! Sìth ann an nèamh agus glòir anns na h-àrdan!”

39Thuirt cuid dhe na Pharasaich on t-sluagh ris, “Fhir-Teagaisg, cronaich do dheisciobail!”

40Agus fhreagair esan, “Tha mi ag ràdh ribh, nam fanadh iad sin sàmhach, gun èigheadh na clachan a-mach.”



- <sup>41</sup>Agus a' tighinn faisg, chunnaic e am baile is chaoin e air a shon
- <sup>42</sup>agus thuirt e, “Nam b' aithne dhut, fiù 's dhutsa, air an latha seo na rudan a bhuineas dhad shìth – ach tha iad a-nis falaichte od shùilean.
- <sup>43</sup>Oir thig na làithean ort nuair a chuireas do nàimhdean balla-bacaidh mud thimcheall agus cuartaichidh iad thu agus bruthaidh iad a-steach air gach taobh dhìot.
- <sup>44</sup>Leagaidh iad chun an làir thu, agus do chlann annad. Agus chan fhàg iad clach air muin cloiche annad, a chionn 's nach b' aithne dhut àm-tadhail Dhè ort.”

### Ìosa anns an Teampall

- <sup>45</sup>An uair sin chaidh e a-steach dhan teampall agus thòisich e air an fheadhainn a bha a' reic a thilgeil a-mach,
- <sup>46</sup>ag ràdh riutha, “Tha e sgrìobhte, ‘Bidh mo thaigh-sa na thaigh-ùrnaigh;’ ach rinn sibhse uamh mhèirleach dheth.”
- <sup>47</sup>Agus bha e a' teagasg gach latha anns an teampall. Bha na h-àrd-shagartan, na sgrìobhaichean agus ceannardan an t-sluaigh ag iarraidh a chur gu bàs,
- <sup>48</sup>ach cha robh iad a faighinn a' chothruim, oir bha an sluagh uile ag èisteachd gu dùrachdach ris.

## Lùcas 20

### Ùghdarras Ìosa air a Cheasnachadh

- <sup>1</sup>Aon latha, fhad 's a bha Ìosa a' teagasg an t-sluaigh anns an teampall agus a' searmonachadh an t-soisgeil, thàinig na h-àrd-shagartan agus na sgrìobhaichean, còmhla ri na h-èildearan, suas thuige.
- <sup>2</sup>Thuirt iad ris, “Innis dhuinn dè an t-ùghdarras a th' agad airson na rudan seo a dhèanamh, no cò a thug dhut an t-ùghdarras seo?”
- <sup>3</sup>Fhreagair esan, “Faighnichidh mise ceist dhuibhse cuideachd. Innsibh dhomh:
- <sup>4</sup>an ann o nèamh no o dhaoine a bha baisteadh Eòin?”
- <sup>5</sup>Agus rinn iad deasbad nam measg fhèin, ag ràdh, “Ma chanas sinne, ‘O nèamh,’ canaidh esan, ‘Carson nach do chreid sibh e?’
- <sup>6</sup>Ma chanas sinn, ‘O dhaoine,’ clachaidh an sluagh uile sinn, oir tha iad deimhinnte gum b' e fàidh a bh' ann an Eòin.”
- <sup>7</sup>Mar sin fhreagair iadsan nach robh fhios aca cò às a bha e.

<sup>8</sup>Agus thuir Ìosa riutha, “Cha mhotha a dh'inneas mise dhuibhse dè an t-ùghdarras a th' agamsa airson na rudan seo a dhèanamh.”

### **Cosamhlachd nan Droch Thuathanach**

<sup>9</sup>Agus thòisich e air a' chosamhlachd seo innse dhan t-sluagh: “Chuir duine fion-lios, agus thug e air mhàl do thuathanaich e agus dh'fhàg e an dùthaich airson ùine mhòir.

<sup>10</sup>Aig an àm cheart chuir e seirbheiseach gu na tuathanaich airson 's gun toireadh iad dha cuid de thoradh an fhion-lios. Ach dhochainn na tuathanaich e agus chuir iad uapa falamh e.

<sup>11</sup>Chuir e seirbheiseach eile a-mach, ach dhochainn iad esan cuideachd agus làimhsich iad gu maslach e agus chuir iad uapa falamh e.

<sup>12</sup>Agus chuir e an treas fear a-mach, ach leòn iad am fear seo cuideachd is thilg iad a-mach e.

<sup>13</sup>“An uair sin thuir am fear leis an robh am fion-lios, ‘Dè a nì mi? Cuiridh mi mo mhac gràdhach thuca; 's dòcha gun toir iad urram dhàsan.’

<sup>14</sup>“Ach nuair a chunnaic na tuathanaich e, thuir iad nam measg fhèin, ‘Is e seo an t-oighre. Marbhamaid e airson 's gum bi an oighreachd againn fhèin.’

<sup>15</sup>Mar sin thilg iad a-mach às an fhion-lios e agus mharbh iad e. “Dè an uair sin a nì am fear leis an robh am fion-lios riutha?

<sup>16</sup>Thig e agus sgriosaidh e na tuathanaich seo agus bheir e am fion-lios do dhaoine eile.” Nuair a chuala iad seo, thuir iad, “Na tachradh e gu bràth!”

<sup>17</sup>Ach choimhead e gu dìreach orra, agus thuir e, “Mar sin, dè mu dheidhinn an rud seo a tha sgrìobhte: “‘A' chlach a dhiùlt na clachairean, chaidh ceann an oisein a dhèanamh dhith’?

<sup>18</sup>“A h-uile neach a thuiteas air a' chloich sin, thèid a bhriseadh na phìosan beaga; ach ge b' e air an tuit i, pronnaidh i e.”

<sup>19</sup>Dh'iarr na h-àrd-shagartan agus na sgrìobhaichean an làmhan a chur air aig an àm sin fhèin ach bha eagal an t-sluaigh orra, oir thuig iad gum b' ann nan aghaidh fhèin a dh'abair e a' chosamhlachd seo.

### **A' Pàigheadh Chìsean do Chèasar**

<sup>20</sup>Chùm iad sùil gheur air; chuir iad a-mach faireadairean, a' leigeil orra gun robh iad firinneach, airson 's gun glacadh iad na chainnt e, gus an toireadh iad thairis e do chumhachd agus ùghdarras an riaghladair.

<sup>21</sup>Agus dh'fhaighnich iad dha, “Fhir-Teagaisg, is aithne dhuinn gu bheil thu a' bruidhinn 's a' teagasg gu ceart, agus nach eil thu a' gabhail suim de choltas dhaoine ach a' teagasg slighe Dhè ann am firinn.

**22**A bheil e laghail dhuinne cìs a thoirt do Chèasar no nach eil?”

**23**Ach thug e fa-near an seòltachd, agus thuirt e riutha,

**24**“Seallaibh bonn airgid dhomh. Cò leis a tha an coltas agus an sgrìobhadh a th' air?” Fhreagair iadsan, “Le Cèasar.”

**25**Thuirt esan riutha, “Mar sin, thugaibh do Chèasar na rudan a tha le Cèasar, agus do Dhia na rudan a tha le Dia.”

**26**Cha b' urrainn dhaibh a ghlacadh tro na briathran aige mu choinneamh an t-sluaigh. Ach, a' gabhail iongnadh mun fhreagairt aige, dh'fhàs iad sàmhach.

### **Pòsadh anns an Aiseirigh**

**27**Agus thàinig cuid dhe na Sadusaich thuige, a tha ag ràdh nach eil aiseirigh ann,

**28**agus cheasnaich iad e, ag ràdh, “Fhir-Teagaisg, sgrìobh Maois dhuinne nam bàsaicheadh bràthair duine is gum fàgadh e bean, ach gum biodh e gun chlann, gun gabhadh a bhràthair a bhean thuige fhèin, agus gun togadh e sliochd dha bhràthair.

**29**A-nis bha seachdnar bhràithrean ann. Agus ghabh a' chiad fhear bean agus chaochail e gun chlann,

**30**agus an dara fear,

**31**agus ghabh an treas fear i, agus anns an aon dòigh dh'fhàg an t-seachdnar uile i gun chlann, agus chaochail iad.

**32**Mu dheireadh, chaochail am boireannach cuideachd.

**33**Mar sin, anns an aiseirigh, cò aca aig am bi i mar bhean? Oir bha i aig an t-seachdnar mar bhean.”

**34**Agus thuirt Ìosa riutha, “Tha clann na linn seo a' pòsadh agus air an toirt ann am pòsadh,

**35**ach iadsan a tha air am meas airidh air an linn ud fhaighinn agus an aiseirigh o na mairbh, chan eil iad a' pòsadh no air an toirt ann am pòsadh.

**36**Oir cha chaochail iad a-chaoidh, on a tha iad coltach ri ainglean, agus tha iad nan clann do Dhia agus tha iad nan clann dhan aiseirigh.

**37**Ach a thaobh togail nam marbh, sheall Maois fhèin seo dhuinn anns a' chunntas mun phreas, nuair a ghabh e air an Tighearna ‘Dia Abrahàim agus Dia Ìsaac agus Dia Iàcoib.’

**38**A-nis, chan e Dia nam marbh a th' ann ach nam beò, oir dhàsan tha na h-uile beò.”

<sup>39</sup>An uair sin fhreagair cuid dhe na sgrìobhaichean, “Fhir-Teagaisg, is math a bhruidhinn thu!”

<sup>40</sup>Oir cha robh de dhànadas aca ceist sam bith a chur air tuilleadh.

### **Cò dha a Tha Crìosd na Mhac?**

<sup>41</sup>An uair sin thuirt Ìosa riutha, “Ciamar as urrainn dhaibh a ràdh gur e Crìosd mac Dhaibhidh?

<sup>42</sup>Oir tha Daibhidh fhèin ag ràdh ann an leabhar nan Salm: “Thuirt an Tighearna rim Thighearna: Suidh aig mo dheas-làimh

<sup>43</sup>gus an cuir mi do nàimhdean nan stòl fod chasan.”

<sup>44</sup>“Tha Daibhidh mar sin a' gabhail ‘Tighearna’ air. Ciamar mar sin a tha e na mhac dha?”

### **Rabhadh an Aghaidh Luchd-Teagaisg an Lagha**

<sup>45</sup>An uair sin thuirt e ri a dheisciobail ann an èisteachd an t-sluaigh gu lèir,

<sup>46</sup>“Bithibh air ur faiceall o na sgrìobhaichean, leis an toigh l' a bhith a' coiseachd mun cuairt ann an culaidhean fada agus leis am miann fàilte fhaighinn anns na margaidhean, agus na prìomh chathraichean fhaighinn anns na sionagogan, agus na h-àiteachan urramach fhaighinn aig na cuirmean,

<sup>47</sup>a tha ag ithe suas taighean bhantrach, agus airson leigeil orra nì iad ùrnaighean fhada. Gheibh iad sin an dìteadh as motha.”

## **Lùcas 21**

### **Tabhartas na Bantraich**

<sup>1</sup>Nuair a sheall e suas, chunnaic Ìosa na daoine beairteach a' tilgeil an tiodhlacan dhan chiste-ionmhais.

<sup>2</sup>Is chunnaic e cuideachd bantrach bho chd a' tilgeil dà bhonn bheag innte.

<sup>3</sup>Agus thuirt e, “Gu firinneach tha mi ag ràdh ribh gun do thilg a' bhantrach bho chd seo barrachd innte na iad uile.

<sup>4</sup>Oir thilg iad seo uile às am mòr-phailteas, ach thilg ise às a gainne fhèin am bith-beò a bh' aice gu lèir.”

### **Sgrios an Teampaill agus Comharran Deireadh na Linn**

<sup>5</sup>Fhad 's a bha cuid a' bruidhinn air mar a bha an teampaill air a sgeadachadh le clachan brèagha agus le tiodhlacan coisrigte, thuirt Ìosa,

<sup>6</sup>“A thaobh nan rudan seo a chì sibh, thig na làithean anns nach tèid clach fhàgail air muin cloiche dhiubh nach tèid a thilgeil sìos.”

<sup>7</sup>An uair sin dh'fhaighnich iad dha, “Fhir-Teagaisg, cuin ma-thà a bhios na rudan seo ann? Agus dè an comharra a bhios ann nuair a bhios na rudan seo gus tachairt?”

<sup>8</sup>Agus thuirte esan, “Thoiribh an aire nach tèid ur mealladh, oir thig mòran nam ainm-sa, ag ràdh, ‘Is mise Esan!’ agus ‘Tha an t-àm faisg air làimh!’ Na leanaibh iad.

<sup>9</sup>Agus nuair a chluinneas sibh mu chogaidhean, agus mu cheannaircean, na biodh oillt oirbh, oir feumaidh na rudan seo tachairt an toiseach, ach cha bhi a' chrìoch ann sa bhad.”

<sup>10</sup>An uair sin thuirte e riutha, “Èiridh nàisean an aghaidh nàisein, agus rìoghachd an aghaidh rìoghachd.

<sup>11</sup>Bidh crithean-talmhainn mòra ann, agus goirtean agus plàighean ann an iomadh àite, agus seallaidhean oillteil agus comharraidhean mòra o nèamh.

<sup>12</sup>“Ach roimhe seo uile, cuiridh iad an làmhan oirbhse agus geur-leanaidh iad sibh, gur toirt thairis dha na sionagogan agus na prìosain, agus thèid ur toirt mu choinneamh rìghrean agus riaghladairean air sgàth m' ainme-sa.

<sup>13</sup>Bidh seo na chothrom fianaiseachaidh dhuibh.

<sup>14</sup>Mar sin suidhichibh nur n-inntinnean nach ullaich sibh ro-làimh ciamar a fhreagras sibh.

<sup>15</sup>Oir bheir mise dhuibh beul agus gliocas, nach bi gin dhiubhsan a tha nan nàimhdean dhuibh comasach air seasamh nan aghaidh no an àicheadh.

<sup>16</sup>Thèid ur brathadh fiù 's le ur pàrantan, ur bràithrean, ur càirdean agus ur caraidean, agus cuiridh iad cuid agaibh gu bàs.

<sup>17</sup>Fuathaichidh gach neach sibh air sgàth m' ainme-sa.

<sup>18</sup>Ach cha tèid aon ròineag de dh'fhalt ur cinn a sgrios.

<sup>19</sup>Tro ur leanaltas sealbhaichidh sibh ur n-anman.

<sup>20</sup>“Nuair a chì sibh Ierusalem air a cuartachadh le armailtean, an uair sin biodh fhios agaibh gu bheil a fàsachadh faisg air làimh.

<sup>21</sup>An uair sin teicheadh iadsan a th' ann an Iudèa gu na beanntan agus fàgadh iadsan a th' air taobh a-staigh a' bhaile e, agus na rachadh iadsan a tha anns an dùthaich a-steach ann,

<sup>22</sup>oir is iad sin làithean an dìoghaltais, airson a h-uile rud a tha sgrìobhte a choileanadh.

**23**Nach truagh dhaibhsan a tha trom agus dhan fheadhainn a tha ag altram leanaban anns na làithean sin! Oir bidh àmhghar mòr air an talamh agus corraich an aghaidh an t-sluaigh seo.

**24**Tuitidh iad le faobhar a' chlaidheimh, agus thèid an treòrachadh ann am braighdeanas a-steach dha na nàiseanan gu lèir. Bidh Ierusalem air a saltairt sìos fo na Cinnich gus an tèid amannan nan Cinneach a choileanadh.

**25**“Agus bidh comharraidhean anns a' ghrèin, anns a' ghealaich agus anns na rionnagan, agus air an talamh fìor dhragh nàiseanan agus imcheist air sgàth beucadh a' chuain agus nan tonn.

**26**Thèid daoine ann an laigse le eagal agus le droch-dhùil mu na tha a' tighinn air an t-saoghal, oir bidh cumhachdan nan nèamh air an crathadh.

**27**Agus an uair sin chì iad Mac an Duine a' tighinn ann an sgòth, le cumhachd agus mòr-ghlòir.

**28**Nuair a thòisicheas na rudan seo air tachairt, seasaibh suas agus togaibh ur cinn, oir tha ur saoradh a' tighinn faisg.”

**29**Agus dh'innis e cosamhlachd dhaibh: “Seallaibh air a' chraoibh-fhìge, 's na craobhan gu lèir.

**30**Nuair a bhios iad air an duilleach a chur a-mach, chì sibh air ur son fhèin agus tha fios agaibh gu bheil an samhradh mu thràth faisg air làimh.

**31**Mar sin leibhse cuideachd: nuair a chì sibh na rudan seo a' tachairt, biodh fios agaibh gu bheil rìoghachd Dhè faisg air làimh.

**32**“Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh nach tèid an ginealach seo seachad gus an tachair a h-uile rud.

**33**Thèid nèamh agus talamh seachad, ach cha tèid mo bhriathran-sa seachad idir.

**34**“Bithibh faiceallach, air eagal 's gum bi ur cridheachan air an draghadh sìos le geòcaireachd agus le misg, agus le cùraman na beatha seo, agus gun tig an latha sin oirbh gu luath mar ribe.

**35**Oir thig e air a h-uile neach a tha a' fuireach air aghaidh na talmhainn gu lèir.

**36**Dèanaibh faire aig gach àm, a' dèanamh ùrnaigh airson 's gum bi an neart agaibh airson teicheadh on a h-uile rud a tha a' dol a thachairt, agus airson seasamh mu choinneamh Mhic an Duine.”

**37**Gach latha bha e a' teagasg anns an teampall, ach air an oidhche dheigheadh e a-mach agus dh'fhanadh e air a' bheinn ris an canar Beinn nan Crann-Ola.

<sup>38</sup>Agus tràth gach madainn bhiodh an sluagh uile a' tighinn thuige anns an teampall airson èisteachd ris.

## Lùcas 22

### Iùdas ag Aontachadh Ìosa a Bhrathadh

<sup>1</sup>A-nis bha Fèill an Arain Neo-Ghortaichte, ris an canar a' Chàisg, a' tighinn faisg.

<sup>2</sup>Agus bha na h-àrd-shagartan agus na sgrìobhaichean a' sireadh ciamar a chuireadh iad às do dh'Ìosa, oir bha eagal an t-sluaigh orra.

<sup>3</sup>An uair sin chaidh Sàtan a-steach ann an Iùdas, ris an canar Iscariot, a bha air àireamh am measg an dà fhear dheug.

<sup>4</sup>Agus dh'fhalbh e is bhruidhinn e ris na h-àrd-shagartan agus ri maoir an teampaill a thaobh ciamar a bhrathadh e esan dhaibh.

<sup>5</sup>Bha iadsan aoibhneach agus dh'aontaich iad airgead a thoirt dha.

<sup>6</sup>Agus gheall esan, is shir e àm iomchaidh airson a bhrath dhaibh gun an sluagh a bhith an làthair.

### An t-Suipear Dheireannach

<sup>7</sup>An uair sin thàinig latha Fèill an Arain Neo-Ghortaichte, air am feumadh uan na Càisge a bhith air ìobradh.

<sup>8</sup>Chuir Ìosa a-mach Peadar agus Eòin, ag ràdh, “Thallaibh agus ullaichibh a' Chàisg dhuinn, airson 's gun ith sinn i.”

<sup>9</sup>Dh'fhaighnich iad dha, “Càit am bu toigh leat gun ullaicheadh i?”

<sup>10</sup>Thuir e riutha, “Seallaibh, nuair a tha sibh air a dhol a-steach dhan bhaile, coinnichidh duine ribh a' giùlain soitheach uisge. Leanaibh e a-steach dhan taigh dhan tèid e,

<sup>11</sup>agus canaibh ri fear an taighe, ‘Tha am Fear-Teagaisg ag ràdh ribh: “Càit a bheil an seòmar aoigheachd, far an ith mi a' Chàisg còmhla rim dheisciobail?”’

<sup>12</sup>Agus seallaidh esan dhuibh seòmar mòr uidheamaichte, shuas an staidhre: ullaichibh i an sin.”

<sup>13</sup>Nuair a chaidh iad a-mach fhuair iad e dìreach mar a thuir e riutha; is dh'ullaich iad a' Chàisg.

<sup>14</sup>Nuair a thàinig an uair shuidh e aig a' bhòrd agus na h-abstoil còmhla ris.

<sup>15</sup>Agus thuir e riutha, “Tha mi air miannachadh gu dùrachdach a' Chàisg seo ithe còmhla ribh mus fulaing mi.

**16**Oir tha mi ag ràdh ribh nach ith mi i gus an tèid a coileanadh ann an rìoghachd Dhè.”

**17**Nuair a ghabh e thuige cupa agus a thug e taing, thuir e, “Gabhaibh seo, agus roinnibh eadaraibh e.

**18**Oir tha mi ag ràdh ribh nach òl mi de thoradh an fhìonain on àm seo gus an tig rìoghachd Dhè.”

**19**Nuair a ghabh e thuige aran agus a thug e taing, bhris e e agus thug e dhaibhsan e, ag ràdh, “Is e seo mo chorp-sa, a tha air a thoirt air ur son-se; dèanaibh seo mar chuimhneachan ormsa.”

**20**Agus anns an aon dòigh an cupa, às dèidh dhaibh ithe, ag ràdh, “Is e seo cupa a' chùmhnaidh nuaidh nam fhuil-sa, a tha air a dòrtadh air ur son-se.

**21**Ach, seallaibh, tha làmh an fhir a bhrathas mi còmhla rium air a' bhòrd.

**22**Oir tha Mac an Duine dha-rìribh a' falbh, a rèir mar a chaidh òrdachadh, ach is mairg dhan duine sin leis an tèid a bhrath!”

**23**Agus thòisich iad air ceasnachadh nam measg fhèin cò dhiubh a bha a' dol a dhèanamh an rud seo.

**24**Agus bha còmhstri cuideachd eatarra a thaobh cò aca bu mhotha a bhiodh air a mheas nam measg.

**25**Thuir e riutha, “Tha tighearnas aig rìghrean nan Cinneach thairis orra, agus bidh tabhartaich air a thoirt orrasan aig a bheil ùghdarras thairis orra.

**26**Ach na bithibh-se mar sin. An àite sin biodh an neach as motha nur measg mar an neach as òige, agus an ceannard mar esan a tha a' frithealadh.

**27**Oir cò aca as motha, an neach a shuidheas aig bòrd no esan a fhritheileas? Nach e am fear a shuidheas aig bòrd? Ach tha mise nur measg mar neach a nì frithealadh.

**28**Is sibhse iadsan a dh'fhan còmhla riumsa nam dheuchainnean.

**29**Dìreach mar a bhuilich m' Athair rìoghachd ormsa, tha mise ga buileachadh oirbhse,

**30**airson gun ith agus gun òl sibh aig mo bhòrd-sa nam rìoghachd, agus gun suidh sibh air cathraichean rìoghail, a' toirt breith air dà threubh dheug Israeil.

**31**“A Shìmoin, a Shìmoin, seall, dh'iarr Sàtan sibhse airson gun criathradh e sibh mar chruithneachd.



**32**Ach tha mise air ùrnaigh a dhèanamh air do shon-sa nach fàg do chreideamh thu. Agus nuair a tha thu air tionndadh air ais, neartaich do bhràithrean.”

**33**Ach thuirt e ris, “A Thighearna, tha mise deiseil a dhol còmhla riutsa fiù 's dhan phrìosan agus gu bàs.”

**34**Thuirt Ìosa, “Tha mi ag ràdh riut, a Pheadair, nach goir an coileach an-diugh gus an àich thu trì tursan gur aithne dhut mi.”

**35**Agus thuirt e riutha, “Nuair a chuir mi a-mach sibh gun sporan, gun bhaga agus gun chuarain, an robh dìth rud sam bith oirbh?” Agus thuirt iad, “Cha robh dad.”

**36**Thuirt esan riutha, “Ach a-nis, ge b' e neach aig a bheil sporan, thoireadh e leis e, agus san aon dòigh бага. Agus an neach aig nach eil claidheamh, reiceadh e an t-aodach-uachdair aige agus ceannaicheadh e fear.

**37**Oir tha mi ag ràdh ribh gum feum na chaidh a sgrìobhadh a bhith air a choileanadh annamsa: ‘Bha e air àireamh am measg nan ciontach.’ Oir tha na tha seo mum dheidhinn-sa ga choileanadh.”

**38**Agus thuirt iadsan, “Seall, a Thighearna, tha dà chladheamh an seo.” Agus thuirt esan riutha, “Tha sin gu leòr!”

### **Ìosa ag Ùrnaigh air Beinn nan Crann-Ola**

**39**Nuair a bha e air a dhol a-mach, chaidh e a rèir a chleachdaidh gu Beinn nan Crann-Ola, agus lean a dheisciobail e.

**40**Agus nuair a thàinig e chun an àite, thuirt e riutha, “Dèanaibh ùrnaigh airson 's nach tuit sibh ann am buaireadh.”

**41**Agus chaidh e air falbh uapa mu fhad tilgeil cloiche agus chaidh e air a ghlùinean is rinn e ùrnaigh,

**42**ag ràdh, “Athair, ma tha thu deònach, thoir uam an cupa seo. A dh'aindeoin sin, chan e mo thoil-sa, ach do thoil-sa, gun robh dèante.”

[**43**Agus nochd aingeal o nèamh ris, ga neartachadh.

**44**Agus ann an àmhghar, rinn e ùrnaigh na bu dhùrachdaiche, agus bha am fallas aige mar bhoinnean mòra fala a' tuiteam sìos air an talamh.]

**45**Nuair a dh'èirich e o ùrnaigh, thàinig e gu a dheisciobail, agus fhuair e iad nan cadal air sgàth tùirse.

**46**Agus thuirt e riutha, “Carson a tha sibh nur cadal? Èiribh, agus dèanaibh ùrnaigh, airson 's nach tuit sibh ann am buaireadh.”

### **Ìosa air a Chur an Grèim**

**47**Fhad 's a bha e fhathast a' bruidhinn, seall, thàinig sluagh, agus bha am fear air an robh an t-ainm Iùdas, aon dhen dà fhear dheug, air an ceann. Thàinig e suas gu Ìosa airson a phògadh,

**48**ach thuirte Ìosa ris, “A Iùdais, a bheil thu, le pòg, a' brath Mhic an Duine?”

**49**Agus nuair a chunnaic iadsan a bha timcheall air an rud a bha a' dol a thachairt, thuirte iad ris, “A Thighearna, am buail sinn leis a' chloidheamh?”

**50**Agus bhuail aon dhiubh seirbheiseach an àrd-shagairt agus gheàrr e dheth a chluas dheas.

**51**Ach thuirte Ìosa, “Tha sin gu leòr!” Agus bhean e ri a chluais agus leighis e i.

**52**An uair sin thuirte Ìosa ris na h-àrd-shagartan, ri oifigearan an teampaill agus ris na h-èildearan, a bha air tighinn air a shon, “An tàinig sibh a-mach le claidheamhan agus le cuailleann mar gum b' e gadaiche a bh' annam?”

**53**Nuair a bha mi còmhla ribh gach latha anns an teampall, cha do chuir sibh ur làmhan orm. Ach is i seo ur n-uair-se, agus cumhachd an dorchadais.”

#### **Peadar ag Àicheadh Ìosa**

**54**An uair sin rug iad air agus thug iad leotha e a-steach do thaigh an àrd-shagairt. Agus bha Peadar a' leantainn pìos air falbh.

**55**Agus nuair a bha iad air teine a lasadh ann am meadhan na cùirt-lios agus air suidhe sìos còmhla, shuidh Peadar nam measg.

**56**Ach nuair a chunnaic bana-sheirbheiseach e na shuidhe ann an solas an teine, sheall i gu geur air agus thuirte i, “Bha am fear seo cuideachd còmhla ris.”

**57**Ach dh'àich esan e, ag ràdh, “A bhoireannaich, chan aithne dhomh e.”

**58**Agus beagan às dèidh sin chunnaic neach eile e, agus thuirte e, “Tha thusa cuideachd air aon dhiubh.” Agus thuirte Peadar, “A dhuine, chan eil mi!”

**59**Mu uair a thìde às dèidh sin, thuirte cuideigin eile gu làidir, “Gu firinneach bha am fear seo cuideachd còmhla ris; oir is e Galilèach a tha annsan cuideachd.”

**60**Ach thuirte Peadar, “A dhuine, chan eil fhios a'm dè a tha thu ag ràdh.” Agus anns a' bhad, fhad 's a bha e fhathast a' bruidhinn, ghairm coileach.

**61**Agus thionndaidh an Tighearna is choimhead e air Peadar; agus chuimhnich Peadar air facal an Tighearna, mar a thuirte e ris: “Mun gairm coileach an-diugh, àicheadh tu mi trì tursan.”

**62**Agus chaidh e a-mach agus chaoin e gu goirt.

### An Fheadhainn a Ghlac Ìosa a' Magadh Air

<sup>63</sup>Bha na daoine a bha a' cumail grèim air Ìosa a' magadh air, agus ga bhualadh.

<sup>64</sup>Chòmhdaich iad cuideachd a shùilean agus chùm iad orra ga cheasnachadh, “Dèan fàidheadaireachd: cò a bhuail thu?”

<sup>65</sup>Agus thuirt iad tòrr rudan eile gu toibheumach na aghaidh.

#### Ìosa mu choinneamh na Comhairle

<sup>66</sup>Nuair a thàinig an latha, chruinnich comhairle èildearan an t-sluaigh, an dà chuid àrd-shagartan agus sgrìobhaichean, còmhla. Agus thug iad esan chun na comhairle acasan.

<sup>67</sup>Thuirt iad, “Mas tusa an Crìosd, innis dhuinn.” Ach thuirt esan riutha, “Ma dh'innseas mi dhuibh, cha chreid sibh,

<sup>68</sup>agus ma dh'fhaighnicheas mi, cha fhreagair sibh.

<sup>69</sup>Ach on àm seo air adhart, bidh Mac an Duine na shuidhe air deas-làimh cumhachd Dhè.”

<sup>70</sup>Agus dh'fhaighnich iad uile, “An tusa mar sin Mac Dhè?” Agus thuirt e riutha, “Tha sibhse ag ràdh gur mi.”

<sup>71</sup>Ach thuirt iadsan, “Dè an còrr feum a tha againn air fianais? Oir chuala sinn fhèin e, às a bheul fhèin.”

## Lùcas 23

### Ìosa mu choinneamh Pìlat agus Herod

<sup>1</sup>An uair sin dh'èirich a' chuideachd gu lèir agus thug iad gu Pìlat e.

<sup>2</sup>Agus thòisich iad air casaidean a chur air, ag ràdh, “Fhuair sinn am fear seo a' cur ar nàisean air seachran agus gar bacadh o chis a thoirt do Chèasar, ag ràdh gur e fhèin Crìosd, a tha na rìgh.”

<sup>3</sup>Dh'fhaighnich Pìlat dha, “An tusa Rìgh nan Iùdhach?” Agus fhreagair esan e, “Tha thu ga ràdh.”

<sup>4</sup>An uair sin thuirt Pìlat ris na h-àrd-shagartan agus ris an t-sluaigh, “Chan eil mi a' faighinn coire sam bith anns an duine seo.”

<sup>5</sup>Ach chùm iadsan orra, ag ràdh, “Tha e a' brosnachadh an t-sluaigh, a' teagasg tro Iudèa uile, o Ghalile far an do thòisich e eadhon thuige seo.”

<sup>6</sup>Nuair a chuala Pìlat seo, dh'fhaighnich e am b' e Galilèach a bh' anns an duine.

- 7** Agus nuair a fhuair e a-mach gum b' ann fo uachdaranas Herod a bha e, chuir e gu Herod e, a bha e fhèin ann an Ierusalem aig an àm sin.
- 8** Nuair a chunnaic Herod Ìosa bha e fìor thoilichte, oir bha e a' miannachadh fhaicinn airson ùine mhòir air sgàth 's na chuala e ma dheidhinn agus bha e an dòchas fhaicinn-san a' dèanamh comharra air choreigin.
- 9** Mar sin cheasnaich e le mòran cheistean e, ach cha tug esan freagairt sam bith dha.
- 10** Sheas na h-àrd-shagartan agus na sgrìobhaichean a' cur chasaidean air gu cruaidh.
- 11** An uair sin chuir Herod agus a shaighdearan ann an suarachas e agus rinn iad magadh air. Agus às dèidh a sgeadachadh ann an aodach àlainn, chuir e air ais gu Pìlat e.
- 12** Thàinig Herod agus Pìlat gus a bhith nan caraidean air an latha sin, oir roimhe sin bha iad nàimhdeil ri chèile.
- 13** Ghairm Pìlat an uair sin còmhla na h-àrd-shagartan, na riaghladairean agus an sluagh,
- 14** agus thuir e riutha, “Thug sibh thugamsa an duine seo, mar neach a tha a' tionndadh an t-sluaigh a thaobh. Tha mi air a cheasnachadh nur làthair agus cha d' fhuair mi coire sam bith san duine seo a thaobh nan casaidean a tha sibh a' dèanamh na aghaidh.
- 15** Cha mhotha a fhuair Herod, oir chuir e air ais thugainn e. Mar sin cha deach rud sam bith a dhèanamh leis a tha airidh air bàs.
- 16** Mar sin peanasaichidh mise e agus leigidh mi mu sgaoil e.”
- 17** [A-nis dh'fheumadh e aon phrìosanach a leigeil mu sgaoil dhaibh aig an Fhèill.]
- 18** Agus dh'èigh iad uile a-mach, ag ràdh, “Air falbh leis an fhear seo! Leig Barabas mu sgaoil dhuinn!”
- 19** Fear a chaidh a thilgeil dhan phrìosan airson ceannairc àraidh a thòisich anns a' bhaile, agus airson murt.
- 20** Bhruidhinn Pìlat riutha a-rithist, ag iarraidh a leigeil ma sgaoil.
- 21** Ach chùm iad orra ag èigheach, “Ceus e! Ceus e!”
- 22** Ach an treas uair thuir e riutha, “Carson, dè an t-olc a rinn e? Cha d' fhuair mise ciont sam bith ann a tha airidh air bàs. Mar sin, peanasaichidh mi e agus leigidh mi mu sgaoil e.”

**23** Ach le èighean mhòra, ge-tà, dh'iarr iad gum biodh esan air a cheusadh, agus bhuadhaich an guthan-san.

**24** Mar sin roghnaich Pìlat gun deigheadh na dh'iarr iad a dhèanamh.

**25** Leig e mu sgaoil an duine a bha air a bhith air a thilgeil dhan phrìosan airson ceannairc agus murt, an neach a dh'iarr iad, ach thug e thairis Ìosa dhan toil-san.

### **Ìosa air a Cheusadh**

**26** Fhad 's a threòraich iad air falbh e, rug iad air fear Sìmon o Chìrene, a bha a' tighinn a-steach on dùthaich; agus chuir iad an crann-ceusaidh air, airson a ghiùlain às dèidh Ìosa.

**27** Agus lean buidheann mhòr e dhen t-sluagh agus de bhoireannaich a bha cuideachd ri bròn agus a' caoineadh air a shon.

**28** Ach a' tionndadh thuca, thuir Ìosa, “A nigheanan Ierusalem, na caoinibh air mo shon-sa, ach caoinibh air ur son fhèin agus airson ur cloinne.

**29** Oir seall, tha na làithean a' tighinn anns an can iad, ‘Is beannaichte na boireannaich neo-thorrach, agus na bronnan nach do ghiùlain clann, agus na cìochan nach tug bainne!’

**30** An uair sin, “tòisichidh iad air cantainn ris na beanntan, “Tuitibh oirnn!” Agus ri na cnuic, “Falaichibh sinn!”

**31** “Oir ma nì iad na rudan seo nuair a tha am fiodh uaine, dè a thachras nuair a bhios e tioram?”

**32** Chaidh dithis eile cuideachd, a bha nan eucoraich, a threòrachadh air falbh gus a bhith air an ceusadh còmhla ris.

**33** Nuair a thàinig iad chun an àite ris an canar An Claigeann, an sin cheus iad e, agus na h-eucoraich – fear dhiubh air a làimh dheis agus am fear eile air a làimh chlì.

**34** Agus thuir Ìosa, “Athair, thoir mathanas dhaibh, oir chan aithne dhaibh dè tha iad a' dèanamh.” Agus airson a chuid aodaich a roinn thilg iad croinn.

**35** Agus sheas an sluagh a' coimhead, agus rinn na riaghladairean magadh air, ag ràdh, “Shàbhail e daoine eile; sàbhaileadh e e fhèin, mas e seo Crìosd Dhè, am Fear Taghte.”

**36** Agus rinn na saighdearan cuideachd magadh air, a' tighinn suas thuige agus a' tairgsinn fìon-geur dha

**37** agus ag ràdh, “Mas tu Rìgh nan Iùdhach, sàbhail thu fhèin.”

**38** Agus bha sgrìobhadh cuideachd os a chionn: “IS E SEO RÌGH NAN IÙDHACH.”

<sup>39</sup>A-nis thug aon dhe na h-eucoraich a chaidh a chrochadh toibheum dha, ag ràdh, “Nach tusa an Crìosd? Saor thu fhèin agus sinne!”

<sup>40</sup>Ach chonaich am fear eile e, ag ràdh, “Nach eil eagal Dhè idir ort, on a tha thu fon aon dìteadh?”

<sup>41</sup>Oir tha sinne ga fhaighinn ann an ceartas, dìoladh iomchaidh airson ar gnìomhan. Ach cha do rinn an duine seo cron sam bith.”

<sup>42</sup>Agus thuirt e, “Ìosa, cuimhnich ormsa nuair a thig thu a-steach dhad rìoghachd.”

<sup>43</sup>Agus thuirt esan, “Gu deimhinn tha mi ag ràdh riut, an-diugh bidh thu còmhla riumsa ann am Pàrras.”

### Bàs Ìosa

<sup>44</sup>Bha e a-nis mu mheadhan-latha agus thàinig dorchadas thairis air an tìr gu lèir gu trì uairean feasgar,

<sup>45</sup>oir chaidh solas na grèine fhalach. Agus chaidh cùirtear an teampaill a shracadh na mheadhan.

<sup>46</sup>An uair sin dh'èigh Ìosa le guth àrd, “Athair, a-steach dhad làmhan-sa tha mi ag earbsa mo spioraid!” Agus nuair a thuirt e seo, thug e suas an deò.

<sup>47</sup>A-nis, nuair a chunnaic an ceannard-ceud an rud a chaidh a dhèanamh, thug e glòir do Dhia, ag ràdh, “Gu cinnteach bha an duine seo ionraic.”

<sup>48</sup>Nuair a chunnaic an sluagh uile a bh' air cruinneachadh airson an t-seallaidh sin na rudan a chaidh a dhèanamh, thill iad air ais dhachaigh a' bualadh an cuim.

<sup>49</sup>Agus sheas a luchd-eòlais uile, agus na boireannaich a lean e o Ghalile, fad às, a' coimhead air na rudan sin.

### Adhlacadh Ìosa

<sup>50</sup>A-nis bha duine ann air an robh an t-ainm Iòsaph, ball dhen chomhairle, a bha na dhuine math agus na fhìrean,

<sup>51</sup>nach robh air aontachadh len co-dhùnadh no len gnìomh. B' ann o Arimatèa, baile Iùdhach, a bha e agus bha e a' feitheamh air rìoghachd Dhè.

<sup>52</sup>Chaidh an duine seo gu Pìlat agus dh'iarr e corp Ìosa.

<sup>53</sup>An uair sin thug e a-nuas e, shuain e ann an anart e agus chuir e ann an tuam a chaidh a ghearradh à creig e, anns nach deach duine a chur riamh.

<sup>54</sup>B' e Latha an Ullachaidh a bh' ann, agus bha an t-Sàbaid a' tòiseachadh.

<sup>55</sup>Lean na boireannaich a bh' air tighinn còmhla ri Ìosa o Ghalile, agus chunnaic iad an tuam agus mar a chaidh a chorp a chur na shìneadh ann.

<sup>56</sup>An uair sin thill iad agus dh'ullaich iad spìosraidhean agus olaichean-cùbhraidh. Agus ghabh iad fois air latha na Sàbaid, a rèir na h-àithne.

## Lùcas 24

### An Aiseirigh aig Ìosa

<sup>1</sup>Ach air a' chiad latha dhen t-seachdain, ann an camhanaich an latha, chaidh iad chun an tuaim, a' toirt leotha nan spìosraidhean a dh'ullaich iad.

<sup>2</sup>Agus fhuair iad a' chlach air a roiligidh on tuam,

<sup>3</sup>ach nuair a chaidh iad a-steach, cha d' fhuair iad corp an Tighearna Ìosa.

<sup>4</sup>Fhad 's a bha iad ann an imcheist mun seo, seall, sheas dithis dhaoine ann an aodaichean deàlrach rin taobh.

<sup>5</sup>Agus a' gabhail an eagail, chrom iadsan an aghaidhean chun na talmhainn. Thuirt na daoine riutha, “Carson a tha sibh a' sireadh an fhir a tha beò am measg nam marbh?”

<sup>6</sup>Chan eil e an seo, ach tha e air èirigh! Cuimhnichibh mar a thuirt e ribh fhad 's a bha e fhathast ann an Galile:

<sup>7</sup>‘Feumaidh Mac an Duine a bhith air a thoirt thairis do làmhan dhaoine peacach, agus a bhith air a cheusadh, agus èirigh a-rithist air an treas latha.’”

<sup>8</sup>Agus chuimhnich iad air na faclan aige.

<sup>9</sup>An uair sin, a' tilleadh on tuam, dh'innis iad na rudan seo uile dhan aon fhear dheug, agus dhan fheadhainn eile gu lèir.

<sup>10</sup>A-nis b' iad Màiri Magdalen, Ioanna agus Màiri màthair Sheumais, agus na boireannaich eile a bha còmhla riutha, a dh'innis na rudan seo dha na h-abstoil.

<sup>11</sup>Ach bha na faclan seo mar fhaoin-sgeulan dhaibh, agus cha robh iad gan creidsinn.

<sup>12</sup>Ach dh'èirich Peadar agus ruith e chun an tuaim. Chrom e sìos agus chunnaic e na stiallan anairt leotha fhèin; agus dh'fhalbh e dhachaigh, a' gabhail iongnadh mu na bh' air tachairt.

### Air an Rathad gu Emàus

<sup>13</sup>Agus seall, air an latha sin fhèin bha dithis dhiubh a' dol gu baile air an robh an t-ainm Emàus, a bha mu sheachd mìle o Ierusalem.

<sup>14</sup>Bha iad a' còmhradh ri chèile mu na rudan seo uile a bh' air tachairt.

**15**Fhad 's a bha iad a' còmhradh agus a' deasbad, thàinig Ìosa faisg orra agus choisich e còmhla riutha.

**16**Ach bha an sùilean air an cumail o bhith ga aithneachadh.

**17**Thuir e riutha, “Dè na gnothaichean a tha sibh a' deasbad eadaraibh fhad 's a tha sibh a' coiseachd?” Sheas iad gun ghluasad, an aghaidhean dubhach.

**18**An uair sin fhreagair fear dhiubh air an robh an t-ainm Cleopas e, “An tusa an t-aon neach-tadhail ann an Ierusalem aig nach eil fios air na chaidh a dhèanamh an sin anns na làithean seo?”

**19**Agus thuir e riutha, “Dè na rudan?” “Na rudan a thachair do dh'Ìosa o Nàsaret, duine a bha na fhàidh cumhachdach ann an gnìomh agus ann am facal mu choinneamh Dhè, agus an t-sluaigh gu lèir.

**20**Agus mar a thug na h-àrd-shagartan agus ar riaghladairean thairis gu dìteadh bàis e, agus mar a cheus iad e.

**21**Ach bha dòchas againne gum b' esan am fear a bha a' dol a shaoradh Israeil – seadh, agus a thuilleadh air a seo uile, is e an-diugh an treas latha on a thachair na rudan seo.

**22**Agus rud eile: chuir cuid de bhoireannaich o ar measg iongnadh oirnn. Bha iad aig an tuam tràth anns a' mhadainn,

**23**agus nuair nach d' fhuair iad a chorp, thàinig iad air ais ag ràdh cuideachd gum faca iad sealladh de dh'ainglean a thuir gu bheil e beò.

**24**Chaidh cuid dhen fheadhainn a bha còmhla rinn fhèin chun an tuaim, agus fhuair iad e dìreach mar a thuir na boireannaich, ach esan chan fhaca iad.”

**25**Thuir e riutha, “A dhaoine amaideach agus mall-chridheach gus a bhith a' creidsinn a h-uile rud uile a thuir na fàidhean!

**26**Nach fheumadh Crìosd na rudan seo fhulang, agus a dhol a-steach dha ghlòir?”

**27**Agus a' tòiseachadh le Maois is o na fàidhean gu lèir, dh'eadar-mhìnich e dhaibh anns na Sgrìobtaran uile na rudan ma thimcheall fhèin.

**28**Theann iad dlùth ris a' bhaile dhan robh iad a' dol. Leig esan air gun robh e a' dol na b' fhaide air adhart.

**29**Ach chuir iadsan ìmpidh air, ag ràdh, “Fan còmhla rinn, oir tha e faisg air an fheasgar is cha mhòr nach eil an latha seachad.” Agus chaidh e a-steach airson fuireach còmhla riutha.

**30**Nuair a shuidh e aig a' bhòrd còmhla riutha, ghlac e an t-aran, bheannaich e, bhris e agus thug e dhaibh e.



**31** Agus chaidh an sùilean fhosgladh agus dh'aithnich iad e. Is chaidh e às an t-sealladh orra.

**32** Agus thuit iad ri chèile, “Nach robh ar cridheachan a' lasadh annainn fhad 's a bha e a' bruidhinn rinn air an t-slighe, fhad 's a dh'fhosgail e dhuinn na Sgrìobtaran?”

**33** Agus dh'èirich iad san uair sin fhèin, agus thill iad gu Ierusalem, far an d' fhuair iad an t-aon fhear deug agus an fheadhainn a bha cuide riutha cruinn còmhla,

**34** ag ràdh, “Dh'èirich an Tighearna dha-rìribh agus nochd e ri Sìmon!”

**35** An uair sin dh'innis iad na bh' air tachairt air an rathad, agus mar a chaidh esan aithneachadh leotha ann am briseadh an arain.

### **Ìosa a' Nochdadh ris na Deisciobail**

**36** Fhad 's a bha iad fhathast a' bruidhinn mu na rudan seo, sheas Ìosa fhèin nam measg, agus thuit e riutha, “Sìth dhuibh.”

**37** Ach bha iadsan air an clisgeadh agus fo eagal, is shaoil iad gum b' e spiorad a chunnaic iad.

**38** Agus thuit e riutha, “Carson a tha sibh fo uallach, 's carson a tha ceistean ag èirigh nur cridheachan?”

**39** Coimheadaibh air mo làmhan agus air mo chasan, oir 's mi fhèin a th' ann. Làimhsichibh mi agus coimheadaibh, oir chan eil feòil is cnàmhan aig spiorad, mar a chì sibh a th' agamsa.”

**40** Agus nuair a bha e air sin a ràdh, sheall e dhaibh a làmhan agus a chasan.

**41** Agus fhad 's a bha iad fhathast mì-chreidmheach air sgàth aoibhneis, agus fo iongnadh, thuit e riutha, “A bheil sìon ri ithe agaibh an seo?”

**42** Thug iad dha pìos èisg ròiste,

**43** agus ghlac e e, agus dh'ith e mun coinneamh e.

**44** An uair sin thuit e riutha, “Is iad seo m' fhaclan-sa a thuit mi ribh fhad 's a bha mi fhathast còmhla ribh, gum feumadh a h-uile sìon a tha sgrìobhte mum dheidhinn-sa ann an Lagh Mhaois is anns na Fàidhean is anns na Sàilm a bhith air a choileanadh.”

**45** An uair sin dh'fhosgail e an inntinnean airson 's gun tuigeadh iad na Sgrìobtaran.

**46** Agus thuit e riutha, “Mar seo tha e sgrìobhte, gum feumadh an Crìosd fulang agus èirigh o na mairbh air an treas latha,

<sup>47</sup> agus gum feumadh aithreachas is mathanas pheacaidhean a bhith air a shearmonachadh na ainm-san dhan a h-uile nàisean, a' tòiseachadh o Ierusalem.

<sup>48</sup> Tha sibh nur fianaisean air na rudan seo.

<sup>49</sup> Agus seallaibh, tha mise a' cur gealladh m' athar a-mach oirbh; ach fanaibh-se anns a' bhaile gus an tèid ur sgeadachadh le cumhachd on àirde.”

### **Iosa a' Dol suas gu Nèamh**

<sup>50</sup> An uair sin threòraich e a-mach iad cho fada ri Betani, agus a' togail suas a làmhan, bheannaich e iad.

<sup>51</sup> Fhad 's a bha e gam beannachadh, dhealaich e riutha agus chaidh a thoirt suas gu nèamh.

<sup>52</sup> Agus rinn iad adhradh dha is thill iad gu Ierusalem le mòr-aoibhneas.

<sup>53</sup> Agus bha iad an-còmhnaidh anns an teampall, a' moladh Dhè.

## Eòin

### Eòin 1

#### Chaidh am Facal a Dhèanamh na Fheòil

- 1** Anns an toiseach bha am Facal, agus bha am Facal còmhla ri Dia, agus b' e am Facal Dia.
- 2** Bha e còmhla ri Dia anns an toiseach.
- 3** Chaidh a h-uile rud a dhèanamh troimhesan; agus às aonais-san cha deach aon rud a dhèanamh a chaidh a dhèanamh.
- 4** Annsan bha beatha, agus b' i a' bheatha sin solas dhaoine.
- 5** Tha an solas a' soillseachadh anns an dorchadas, ach cha tug an dorchadas buaidh air.
- 6** Thàinig duine a chaidh a chur o Dhia; b' e ainm-san Eòin.
- 7** Thàinig e mar fhianais airson fianais a thoirt mun t-solas, gus an creideadh na h-uile troimhesan.
- 8** Cha b' esan idir an solas; ach thàinig e mar fhianais mun t-solas.
- 9** Bha an solas fìor, a tha a' soillseachadh a h-uile neach, a' tighinn dhan t-saoghal.
- 10** Bha e anns an t-saoghal, agus ged a chaidh an saoghal a dhèanamh troimhe, cha do dh'aithnich an saoghal e.
- 11** Thàinig e gu a chuid fhèin, ach cha do ghabh a chuid fhèin ris.
- 12** Ach dhan fheadhainn a ghabh ris, dhan fheadhainn a chreid na ainm, thug e dhaibh còir a bhith nan cloinn do Dhia –
- 13** a rugadh chan ann o fhuil, no o mhiann na feòla, no o thoil duine, ach o Dhia.
- 14** Chaidh am Facal a dhèanamh na fheòil agus ghabh e còmhnaidh nar measg. Chunnaic sinne a ghlòir-san, mar ghlòir an Aonghin on Athair, làn gràis agus fìrinn.
- 15** Tha Eòin a' toirt fianais ma dheidhinn. Tha e ag èigheach, ag ràdh, “Is e seo esan air an do bhruidhinn mi: ‘Tha am fear a tha a' tighinn às mo dhèidh air toiseach orm a chionn 's gun robh e romham.’”
- 16** Às a lànachd-san fhuair sinn uile gràs às dèidh gràis.
- 17** Oir chaidh an lagh a thoirt tro Mhaois; ach thàinig gràs agus fìrinn tro Ìosa Crìosd.

**18**Chan fhaca neach sam bith Dia riamh, ach rinn Dia an t-Aonghin Mic, a tha ann an com an Athar, follaiseach e.

### **Eòin Baistidh a' Dol às Àicheadh gur Esan an Crìosd**

**19**A-nis b' e seo fianais Eòin nuair a chuir Iùdhaich Ierusalem sagartan agus Lèbhithich a dh'fhaighneachd dha, “Cò thusa?”

**20**Dh'aidich e agus cha deach e às àicheadh, ach dh'aidich e gu saor-thoileach, “Cha mhise an Crìosd.”

**21**Dh'fhaighnich iad dha, “Dè ma-thà? An tusa Elisha?” Thuirt e, “Cha mhi.” “An tu am Fàidh?” Fhreagair e, “Cha mhi.”

**22**Mu dheireadh thuirt iad, “Cò thu? Thoir freagairt dhuinn a bheir sinn air ais chun na feadhna a chuir a-mach sinn. Dè a th' agad ri ràdh mud dheidhinn fhèin?”

**23**Thuirt Eòin ann am faclan Isaiah am fàidh, “Is mise guth neach ag èigheach anns an fhàsach, ‘Dèanaibh dìreach slighe an Tighearna.’”

**24**A-nis dh'fhaighnich feadhainn dhe na Pharasaich a chaidh a chur a-mach dha,

**25**“Carson ma-thà a tha thu a' baisteadh mura tu an Crìosd, no Elisha, no am Fàidh?”

**26**Fhreagair Eòin, “Tha mise a' baisteadh le uisge, ach tha fear na sheasamh nur measg nach aithne dhuibh.

**27**Is esan am fear a tha a' tighinn às mo dhèidh, agus nach airidh mise air barrail a chuarain fhuasgladh.”

**28**Thachair seo ann am Betani air taobh thall lòrdain, far an robh Eòin a' baisteadh.

### **Iosa Uan Dhè**

**29**Air an ath latha chunnaic Eòin Iosa a' tighinn thuige agus thuirt e, “Seallaibh, Uan Dhè, a tha a' toirt air falbh peacadh an t-saoghail!

**30**Is e seo esan a bha mi a' ciallachadh nuair a thuirt mi, ‘Tha fear a tha a' tighinn às mo dhèidh air thoiseach orm a chionn 's gun robh e romham.’

**31**Cha b' aithne dhomh fhèin idir e, ach airson 's gum biodh e air fhoillseachadh do dh'Israel, thàinig mi a' baisteadh le uisge.”

**32**An uair sin thug Eòin an fhianais seo: “Chunnaic mi an Spiorad a' tighinn a-nuas o nèamh mar chalman agus a' fuireach air.

**33**Cha bhithinn air a bhith eòlach air, mura biodh am fear a chuir mi a bhaisteadh le uisge air innse dhomh, ‘Am fear air am faic thu an Spiorad a’ tighinn a-nuas agus a’ fuireach, 's esan a bhaisteadh leis an Spiorad Naomh.’

**34**Chunnaic mi agus tha mi a’ toirt fianais gur e seo Mac Dhè.”

### **Deisciobail Eòin a' Leantainn Ìosa**

**35**Air an ath latha bha Eòin an siud a-rithist còmhla ri dithis dhe a dheisciobail.

**36**Nuair a chunnaic e Ìosa a’ dol seachad, thuir e, “Seallaibh, Uan Dhè!”

**37**Nuair a chuala an dithis dheisciobal e ag ràdh seo, lean iad Ìosa.

**38**A’ tionndadh mun cuairt, chunnaic Ìosa iad a’ leantainn agus dh’fhaighnich e, “Dè tha sibh ag iarraidh?” Thuir iad, “A Rabaidh” (a tha a’ ciallachadh ‘Fear-Teagaisg’), “càit a bheil thu a’ fuireach?”

**39**“Thigibh,” fhreagair e, “agus chì sibh.” Agus dh’fhalbh iad agus chunnaic iad far an robh e a’ fuireach, agus chuir iad seachad an latha sin còmhla ris. Bha e mu cheithir uairean feasgar.

**40**B’ e Anndra, bràthair Shìmoin Pheadair, fear dhen dithis a chuala na thuir Eòin agus a lean Ìosa.

**41**B’ e a’ chiad rud a rinn Anndra a bhràthair Sìmon a lorg agus innse dha, “Fhuair sinn am Mesiah” ('s e sin Crìosd).

**42**Thug e gu Ìosa e. Choimhead Ìosa air agus thuir e, “Is tusa Sìmon mac Eòin. Bidh Cèphas air a ghabhail ort” ('s e sin air eadar-theangachadh, Peadar).

### **Ìosa a' Gairm Philip agus Natànael**

**43**Air an ath latha chuir Ìosa roimhe a dhol a Ghalile. Fhuair e Philip agus thuir e ris, “Lean mise.”

**44**Bha Philip o Bhetsaida, baile Anndra agus Pheadair.

**45**Fhuair Philip Natànael agus dh’innis e dha, “Fhuair sinne am fear mun do sgrìobh Maois anns an Lagh, agus mun do sgrìobh na fàidhean cuideachd – Ìosa o Nàsaret, mac Iòsaiph.”

**46**“An tig rud math sam bith a-mach à Nàsaret?” dh’fhaighnich Natànael. Thuir Philip, “Thig agus faic.”

**47**Nuair a chunnaic Ìosa Natànael a’ tighinn thuige, thuir e ma dheidhinn, “S e seo fìor Israeleach, anns nach eil cealg.”

**48**“Ciamar as aithne dhut mi?” dh’fhaighnich Natànael. Fhreagair Ìosa, “Chunnaic mi thu nuair a bha thu fhathast fon chrann-fhìge mun do ghairm Philip ort.”

<sup>49</sup>An uair sin fhreagair Natànael e, “A Rabaidh, is tusa Mac Dhè; is tusa Rìgh Israeil.”

<sup>50</sup>Fhreagair Ìosa, “Tha thu a' creidsinn a chionn 's gun do dh'innis mi dhut gum faca mi thu fon chrann-fhìge. Chì thu rudan nas motha na sin.”

<sup>51</sup>An uair sin thuirt e ris, “Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh ribh, chì sibh nèamh air fhosgladh, agus ainglean Dhè a' dol suas agus a' tighinn a-nuas air Mac an Duine.”

## **Eòin 2**

### **Ìosa a' Tionndadh Uisge na Fhìon**

<sup>1</sup>Air an treas latha bha banais ann an Càna Ghalile. Bha màthair Ìosa an sin,

<sup>2</sup>agus fhuair Ìosa agus a dheisciobail cuideachd cuireadh chun na bainnse.

<sup>3</sup>Nuair a theirig am fion, thuirt màthair Ìosa ris, “Chan eil an còrr fion aca.”

<sup>4</sup>Thuirt Ìosa, “Dè an gnothach a th' aige sin rinne, a bhoireannaich? Cha tàinig m' uair-sa fhathast.”

<sup>5</sup>Thuirt a màthair ris na seirbheisich, “Dèanaibh ge b' e dè a dh'iarras e oirbh.”

<sup>6</sup>A-nis bha sia soithichean cloiche airson uisge an sin; an seòrsa a tha na h-lùdhaich a' cleachdadh airson gnàth-glanaidh. Ghabhadh gach fear dhiubh eadar ochdad agus ceud liotair 's a fichead.

<sup>7</sup>Thuirt Ìosa riutha, “Lìonaibh na soithichean le uisge!” Agus lìon iad suas gus am beòil iad.

<sup>8</sup>Thuirt e riutha, “Tàirngibh beagan dheth agus thoiribh gu fear-cinn na cuirme e.” Agus thug iad thuige e.

<sup>9</sup>An uair sin bhlaiss fear-cinn na cuirme an t-uisge a chaidh a thionndadh gu fion. Cha robh fios aige cò às a thàinig e, ach bha fios aig na seirbheisich a tharraing an t-uisge. Ghairm e air fear na bainnse,

<sup>10</sup>agus thuirt e ris, “Tha a h-uile duine a' tairgsinn an fhìon as fheàrr an toiseach agus às dèidh sin am fion as miosa nuair a tha iad air gu leòr òl. Ach ghlèidh thusa am fion as fheàrr thuige seo.”

<sup>11</sup>B' e seo a' chiad fhear de chomharraidhean mìorbhaileach Ìosa. Rinn e ann an Càna Ghalile e. Mar sin dh'fhoillsich e a ghlòir, agus chreid a dheisciobail ann.

### **Ìosa a' Falmhachadh an Teampall**

<sup>12</sup>Às dèidh seo, chaidh e sìos gu Capernàum còmhla ri a màthair agus a bhràithrean agus a dheisciobail. Dh'fhuirich iad beagan làithean an sin.

**13**Nuair a bha e faisg air àm Càisg nan lùdhach chaidh Ìosa suas gu Ierusalem.

**14**Ann an cùirtean an teampall fhuair e daoine a' reic cruaidh agus chaorach agus chalman, agus feadhainn eile nan suidhe ag iomlaid airgid.

**15**Agus às dèidh dha sgiùrsair de chùird a dhèanamh ruaig e a-mach às an teampall iad uile agus an dà chuid caoraich is crodh; dhòirt e a-mach buinn airgid an luchd-iomlaid agus thilg e na bùird aca bun-os-cionn.

**16**Thuir e riuthasan a bha a' reic chalman, “Thoiribh iad sin a-mach à seo; na dèanaibh taigh m' Athar-sa na thaigh-marsantachd.”

**17**Chuimhnich a dheisciobail gu bheil e sgrìobhte, “Ithidh eud do thaighe suas mi.”

**18**An uair sin fhreagair na h-lùdhaich e, “Dè an comharra mìorbhaileach a tha thu a' sealltainn dhuinn mar dhearbhadh air na rudan seo a tha thu a' dèanamh?”

**19**Fhreagair Ìosa iad, “Sgriosaibh an teampall seo, agus ann an trì latha togaidh mise suas a-rithist e.”

**20**An uair sin thuir na h-lùdhaich, “Chaidh an teampall seo a thogail ann an ceathrad bliadhna 's a sia; agus an tog thusa ann an trì latha e?”

**21**Ach bha esan a' bruidhinn mu theampall a chuirp.

**22**Nuair a chaidh a thogail o na mairbh, chuimhnich a dheisciobail air na thubhairt e, agus chreid iad an Sgrìobtar, agus na faclan a thuir Ìosa.

**23**A-nis, fhad 's a bha e ann an Ierusalem aig Fèill na Càisge, chreid mòran dhaoine na ainm nuair a chunnaic iad na comharraidhean mìorbhaileach a bha e a' dèanamh.

**24**Ach cha robh Ìosa ga chur fhèin an earbsa riutha, a chionn 's gum b' aithne dha na h-uile dhaoine,

**25**agus nach robh feum aige air fianais duine sam bith mu dhuine, oir bha fios aige dè a bh' anns an duine.

## **Eòin 3**

### **Ìosa a' Teagasg Nicodèmus**

**1**A-nis bha duine dhe na Pharasaich ann, air an robh an t-ainm Nicodèmus, a bha na riaghladair aig na h-lùdhaich.

**2**Thàinig e gu Ìosa tron oidhche agus thuir e, “A Rabaidh, is aithne dhuinn gur e neach-teagaisg a th' annad a thàinig o Dhia: oir cha b' urrainn do neach

sam bith na comharraidhean mìorbhaileach a dhèanamh a tha thusa a' dèanamh mura biodh Dia còmhla ris.”

<sup>3</sup>Fhreagair Ìosa e, “Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh riut, mura bi neach air a bhreith a-rithist, chan urrainn dha rìoghachd Dhè fhaicinn.”

<sup>4</sup>Thuir Nicodèmus ris, “Ciamar as urrainn do dhuine a bhith air a bhreith nuair a tha e aosta? An urrainn dha a dhol a-steach an dara h-uair do bhroinn a mhàthar agus a bhith air a bhreith?”

<sup>5</sup>Fhreagair Ìosa, “Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh riut, mura bi neach air a bhreith o uisge agus on Spiorad chan urrainn dha a dhol a-steach do rìoghachd Dhè.

<sup>6</sup>An rud a th' air a bhreith on fheòil, is e feòil a th' ann, agus an rud a th' air a bhreith on Spiorad, is e spiorad a th' ann.

<sup>7</sup>Na gabh iongnadh gu bheil mi ag ràdh riut, ‘Feumaidh sibh a bhith air ur breith a-rithist.’

<sup>8</sup>Tha a' ghaoth a' sèideadh far an toigh leatha. Tha thu a' cluinntinn a fuaim, ach chan eil fios agad cò às a tha i a' tighinn no càit a bheil i a' dol. Is ann mar sin a tha le gach neach a th' air a bhreith on Spiorad.”

<sup>9</sup>Fhreagair Nicodèmus, “Ciamar as urrainn seo a bhith?”

<sup>10</sup>Fhreagair Ìosa, “A bheil thusa nad fhear-teagaisg do dh'Israel, agus nach aithne dhut na rudan seo?”

<sup>11</sup>Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh riut, tha sinne a' bruidhinn mu na 's aithne dhuinn, agus tha sinn a' toirt fianais mu na chunnaic sinn, ach chan eil sibhse a' gabhail ri ar fianais.

<sup>12</sup>Ma tha mise air innse dhuibh mu chùisean talmhaidh agus nach eil sibh a' creidsinn, ciamar a chreideas sibh ma dh'innseas mi dhuibh mu chùisean nèamhaidh?

<sup>13</sup>Cha deach neach sam bith suas a nèamh ach an t-aon a thàinig a-nuas o nèamh – Mac an Duine.

<sup>14</sup>Agus dìreach mar a thog Maois an nathair suas anns an fhàsach, mar sin feumaidh Mac an Duine a bhith air a thogail suas,

<sup>15</sup>airson 's gum faod a' bheatha shìorraidh a bhith aig a h-uile neach a tha a' creidsinn ann.

<sup>16</sup>“Oir is ann mar seo a ghràdhaich Dia an saoghal: gun tug e aonghin Mhic fhèin, airson 's, ge b' e a chreideas ann, nach tèid a sgrios ach gum bi a' bheatha shìorraidh aige.



**17**Oir cha do chuir Dia a Mhac dhan t-saoghal airson 's gun dìteadh e an saoghal, ach gus am biodh an saoghal air a shaoradh troimhesan.

**18**Ge b' e a chreideas ann, chan eil e air a dhìteadh, ach ge b' e nach eil a' creidsinn, tha e air a dhìteadh mu thràth, a chionn 's nach do chreid e ann an ainm aonghin Mhic Dhè.

**19**Is e seo an dìteadh: tha an solas air tighinn a-steach dhan t-saoghal, agus ghràdhaich daoine an dorchadas nas motha na an solas a chionn 's gun robh an gnìomhan olc.

**20**Oir tha fuath aig a h-uile neach a nì olc dhan t-solas, agus cha tig e chun an t-solais air eagal 's gum bi a ghnìomhan air an dèanamh follaiseach.

**21**Ach thig ge b' e a bhios beò a rèir na fìrinn chun an t-solais, airson 's gum bi e air fhaicinn gu soilleir gun deach na rinn e a dhèanamh tro Dhia.”

### **Fianais Eòin Baistidh mu Ìosa**

**22**Às dèidh seo, chaidh Ìosa agus a dheisciobail a-mach do dhùthaich Iudèa, far an do dh'fhan e còmhla riutha, agus bha e a' baisteadh.

**23**Bha Eòin cuideachd a' baisteadh aig Ènon faisg air Salim, a chionn 's gun robh pailteas uisge an sin, agus bha daoine a' tighinn airson a bhith air am baisteadh.

**24**(Bha seo mus deach Eòin a chur dhan phrìosan.)

**25**An uair sin dh'èirich deasbad eadar cuid de dheisciobail Eòin agus Iùdhaich mu ghnàth-glanaidh.

**26**Thàinig iad gu Eòin agus thuir iad ris, “A Rabaidh, esan a bha còmhla riut air taobh thall Iòrdain – dhan tug thu fianais – seall, tha e a' baisteadh agus tha na h-uile a' dol thuige.”

**27**Fhreagair Eòin, “Chan urrainn do neach rud fhaighinn ach na tha air a thoirt dha o nèamh.

**28**Tha sibh fhèin a' toirt fianais dhòmhsa gun tuirt mi, ‘Cha mhise an Crìosd ach tha mi air mo chur a-mach roimhe.’

**29**Am fear aig a bheil bean na bannse is esan fear na bannse, ach tha caraid fhir na bannse a tha na sheasamh agus ag èisteachd ris làn aoibhneis nuair a chluinneas e guth fhir na bannse. Mar sin tha an t-aoibhneas seo agamsa air a choileanadh.

**30**Feumaidh esan fàs nas motha; feumaidh mise fàs nas lugha.

**31**“Tha esan a tha a' tighinn o gu h-àrd os cionn nan uile; esan a tha on talamh, buinidh e dhan talamh, agus tha e a' bruidhinn mar aon a tha on talamh. Tha esan a tha a' tighinn o nèamh os cionn nan uile.

<sup>32</sup>Tha e a' toirt fianais mu na chunnaic agus na chuala e, agus chan eil neach sam bith a' gabhail ris an fhianais aige.

<sup>33</sup>Tha esan a ghabh ri fhianais-san air dearbhadh gu bheil Dia fìor.

<sup>34</sup>Oir tha esan a chuir Dia a-mach ag ràdh faclan Dhè, oir chan ann a rèir tomhais a tha Dia a' toirt an Spioraid.

<sup>35</sup>Tha gràdh aig an Athair air a' Mhac agus thug e dha a h-uile rud na làimh.

<sup>36</sup>Ge b' e a chreideas anns a' Mhac, tha a' bheatha shìorraidh aige, ach ge b' e nach creid anns a' Mhac, chan fhaic e beatha, oir tha fearg Dhè a' fantainn air.”

## **Eòin 4**

### **Ìosa a' Bruidhinn ri Boireannach à Samaria**

<sup>1</sup>Nuair a thuig Ìosa gun cuala na Pharasaich gun robh e a' dèanamh agus a' baisteadh barrachd dheisciobal na Eòin

<sup>2</sup>(ged nach b' e Ìosa fhèin a bhaist, ach na deisciobail aige),

<sup>3</sup>dh'fhàg e Iudèa agus dh'fhalbh e air ais a Ghalile.

<sup>4</sup>Ach bha aige ri dhol tro Shamaria.

<sup>5</sup>Mar sin thàinig e gu baile ann an Samaria ris an canar Sichar, faisg air an fhearann a thug Iàcob dha mhac Iòsaph.

<sup>6</sup>Bha tobar làcoib an sin, agus shuidh Ìosa, sgìth mar a bha e on turas aige, ri taobh an tobair. Bha e mu mheadhan-latha.

<sup>7</sup>Thàinig boireannach o Shamaria airson uisge a tharraing. Thuirt Ìosa rithe, “Thoir dhomh deoch.”

<sup>8</sup>(Oir bha a dheisciobail air a dhol dhan bhaile airson biadh a cheannach.)

<sup>9</sup>Thuirt am boireannach o Shamaria ris, “Ciamar as urrainn dhutsa a tha nad Iùdhach deoch iarraidh ormsa a tha nam boireannach Samaritanach?” (Oir chan eil comann aig Iùdhaich ri Samaritanaich.)

<sup>10</sup>Fhreagair Ìosa i, “Nam b' aithne dhut tiodhlac Dhè agus cò e a tha ag ràdh riut, ‘Thoir dhomh deoch,’ bhiodh tu air iarraidh airsan agus bhiodh e air uisge beò a thoirt dhut.”

<sup>11</sup>“A Thighearna,” thuirt am boireannach, “chan eil soitheach-tarraing agad, agus tha an tobar domhainn. Cò às an tig an t-uisge beò sin agad?”

<sup>12</sup>Chan eil thusa nas motha na ar n-athair Iàcob, a bheil? Thug esan dhuinne an tobar seo, agus dh'òl e às e fhèin, mar a rinn a chlann agus a sprèidh cuideachd.”

<sup>13</sup>Fhreagair Ìosa i, “Neach sam bith a dh’òlas dhen uisge seo, bidh pathadh air a-rithist,

<sup>14</sup>ach ge b' e a dh’òlas dhen uisge a bheir mise dha, cha bhi pathadh gu bràth tuilleadh air. Ach an t-uisge a bheir mise dha, bidh e na fhuaran uisge ann, ag èirigh suas chun na beatha sìorraidh.”

<sup>15</sup>Thuir am boireannach ris, “A Thighearna, thoir dhomh an t-uisge seo gus nach bi pathadh orm agus nach fheum mi tighinn an seo a tharraing uisge.”

<sup>16</sup>Thuir Ìosa rithe, “Thalla 's gairm air d' fhear agus till an seo.”

<sup>17</sup>“Chan eil fear-pòsta agam,” fhreagair am boireannach. Thuir Ìosa rithe, “Tha thu ceart nuair a tha thu ag ràdh, ‘Chan eil fear-pòsta agam,’

<sup>18</sup>oir tha còignear fhear-pòsta air a bhith agad, agus am fear a tha agad an-dràsta, chan e d' fhear-pòsta fhèin a th' ann. Tha an rud a thubhairt thu fìor.”

<sup>19</sup>Thuir am boireannach ris, “A Thighearna, tha mi a' faicinn gur e fàidh a th' annad.

<sup>20</sup>Rinn ar n-athraichean adhradh air a' bheinn seo, ach tha sibhse ag ràdh gur e Ierusalem an t-àite far am bu chòir adhradh a bhith air a dhèanamh.”

<sup>21</sup>Thuir Ìosa rithe, “A bhoireannaich, creid mise, tha an uair a' tighinn nuair nach ann air a' bheinn seo no ann an Ierusalem a nì sibh adhradh dhan Athair.

<sup>22</sup>Tha sibhse a' dèanamh adhradh dhan rud nach aithne dhuibh, tha sinne a' dèanamh adhradh dhan rud as aithne dhuinn, oir is ann o na h-lùdhaich a tha saoradh.

<sup>23</sup>Ach tha an uair a' tighinn, agus tha e a-nis ann, nuair a nì am fìor luchd-adhraidh adhradh dhan Athair ann an spiorad agus ann am fìrinn, oir is iad a leithid seo de luchd-adhraidh a tha an t-Athair a' sireadh.

<sup>24</sup>Is e spiorad a th' ann an Dia, agus feumaidh an luchd-adhraidh aige adhradh a dhèanamh dha ann an spiorad agus ann am fìrinn.”

<sup>25</sup>Thuir am boireannach ris, “Tha fios agam gu bheil am Mesiah (ris an canar Crìosd) a' tighinn. Nuair a thig esan, innsidh e a h-uile rud dhuinn.”

<sup>26</sup>Thuir Ìosa rithe, “Is mise esan a tha a' bruidhinn riut.”

### **Na Deisciobail a' Tilleadh gu Ìosa**

<sup>27</sup>Dìreach an uair sin thill a dheisciobail agus chuir e iongnadh orra gun robh e a' còmhradh ri boireannach. Ach cha do dh'fhaighnich aon neach, “Dè a tha thu a' sireadh?” no “Carson a tha thu a' còmhradh rithe?”

**28**Mar sin, a' fàgail a soitheach-uisge, dh'fhalbh am boireannach dhan bhaile agus thuirt i ris na daoine,

**29**“Thigibh 's faicibh duine a dh'innis dhòmhsa a h-uile rud a rinn mi riamh. Nach e seo an Crìosd?”

**30**Chaidh iad a-mach às a' bhaile agus thàinig iad thuigesan.

**31**Aig a' cheart àm dh'iarr a dheisciobail air, “A Rabaidh, ith rudeigin.”

**32**Ach thuirt esan riutha, “Tha biadh agamsa ri ithe air nach eil fios agaibhse.”

**33**Mar sin thuirt na deisciobail ri chèile, “Cha tug neach sam bith rudeigin thuige ri ithe, an tug?”

**34**Thuirt Ìosa riutha, “Is e mo bhiadh-sa toil an aoin a chuir a-mach mi a dhèanamh, agus an obair aigesan a chrìochnachadh.

**35**Nach bi sibhse ag ràdh, ‘Tha ceithir mìosan ann fhathast gus an tig am foghar’? Seallaibh, tha mise ag ràdh ribh, togaibh suas ur sùilean agus faicibh na h-achaidhean, oir tha iad geal gu fogharadh.

**36**Mu thràth tha an t-aon a bhuaineas a' faighinn tuarastail, agus a' cruinneachadh toraidh airson na beatha sìorraidh, airson 's gun dèan an t-aon a chuireas agus an t-aon a bhuaineas aoibhneas le chèile.

**37**Oir an seo tha an abairt fìor, ‘Tha aon neach a' cur agus neach eile a' buain.’

**38**Chuir mise sibhse a bhuain rud nach do shaothraich sibh air a shon. Tha feadhainn eile air saothrachadh, agus tha sibhse air buannachd fhaighinn o an saothair-san.”

### **Mòran Shamaritanach a' Creidsinn ann an Ìosa**

**39**Chreid mòran Shamaritanach on bhaile sin annsan – air sgàth facal fianais a' bhoireannaich, “Dh'innis e dhomh a h-uile rud a rinn mi riamh.”

**40**Mar sin, nuair a thàinig na Samaritanaich thuige, dh'iarr iad air fantainn còmhla riutha, agus dh'fhuirich e an sin dà latha.

**41**Agus chreid mòran a bharrachd air sgàth an fhacail aige.

**42**Thuirt iad ris a' bhoireannach, “Chan ann air sgàth na thuirt thusa a tha sinn a' creidsinn tuilleadh; oir chuala sinn fhèin e, agus tha fios againn gur esan dha-rìribh Slànaighear an t-saoghail.”

### **Ìosa a' Leigheas Mac an Oifigich**

**43**Às dèidh an dà latha sin dh'fhalbh e, agus chaidh e às a sin a Ghalile.

**44**(Oir bha Ìosa fhèin air fianais a thoirt nach eil urram aig fàidh na thìr fhèin.)

<sup>45</sup>Nuair a thàinig e gu Galile, ghabh na Galilèaich ris. Bha iad air a h-uile rud a rinn e ann an Ierusalem aig an Fhèill fhaicinn, oir chaidh iadsan cuideachd chun na Fèille.

<sup>46</sup>Thàinig Ìosa a-rithist gu Càna Ghalile far an do rinn e uisge na fhìon. Agus bha oifigeach rìoghail àraidh ann aig an robh mac a bha tinn ann an Capernàum.

<sup>47</sup>Nuair a chuala an duine seo gun robh Ìosa air tighinn a-nuas à Iudèa gu Galile, chaidh e thuige agus dh'iarr e air tighinn a-nuas agus a mhac a shlànachadh, oir bha e gus bàsachadh.

<sup>48</sup>Mar sin thuirte Ìosa ris, “Mura faic sibh comharraidhean mìorbhaileach agus iongantasan cha chreid sibh.”

<sup>49</sup>Thuirte an t-oifigeach rìoghail, “A Thighearna, thig a-nuas mus bàsaich mo leanabh.”

<sup>50</sup>Fhreagair Ìosa, “Thalla, tha do mhac beò.” Chreid an duine am facal a thuirte Ìosa ris agus dh'fhalbh e.

<sup>51</sup>Fhad 's a bha e a' dol sìos, choinnich a sheirbheisich ris, leis an naidheachd gun robh a mhac beò.

<sup>52</sup>Mar sin dh'fhaighnich e dhaibh cuin a dh'fhàs e na b' fheàrr, agus thuirte iad ris, “Dh'fhàg am fiabhras e an-dè aig uair feasgar.”

<sup>53</sup>Mar sin thuig an t-athair gum b' e sin an dearbh uair nuair a thuirte Ìosa ris, “Tha do mhac beò.” Agus chreid e fhèin agus a theaghlach uile.

<sup>54</sup>B' e seo a-nis an dara comharra mìorbhaileach a rinn Ìosa, nuair a bha e air tighinn à Iudèa gu Galile.

## **Eòin 5**

### **An Leigheas aig an Linne**

<sup>1</sup>Às dèidh seo bha Fèill dhe na h-Iùdhaich ann agus chaidh Ìosa suas gu Ierusalem.

<sup>2</sup>A-nis tha ann an Ierusalem, aig Geata nan Caorach, linne ris an canar, anns a' chainnt Eabhraich, Betesda, aig a bheil còig sgàil-thaighean.

<sup>3</sup>Annta sin bha nan laighe mòran a bha tinn, dall, bacach agus seargte.

<sup>4</sup>[Oir o àm gu àm chaidh aingeal dhen Tighearna sìos dhan linne agus chuir e an t-uisge troimh-a-chèile. Mar sin, a' chiad neach a rachadh sìos às dèidh dhan uisge a bhith air a chur troimh-a-chèile, bha e air a dhèanamh slàn o ge b' e dè an tinneas a bh' air.]

<sup>5</sup>A-nis bha duine àraidh air a bhith an sin trithead bliadhna 's a h-ochd le a thinneas.

<sup>6</sup>Nuair a chunnaic Ìosa an duine seo na laighe, agus fios aige gun robh e air a bhith ùine mhòr mar sin mu thràth, thuirt e ris, “A bheil thu ag iarraidh a bhith slàn?”

<sup>7</sup>Fhreagair am fear a bha tinn e, “A Thighearna, chan eil duine agam, nuair a tha an t-uisge air a ghluasad, a chuireas dhan linne mi, ach nuair a tha mi a' dol innte thèid neach eile sìos romham.”

<sup>8</sup>Thuirt Ìosa ris, “Èirich! tog do leabaidh agus coisich.”

<sup>9</sup>Anns a' bhad dh'fhàs an duine slàn agus thog e a leabaidh agus bha e a' coiseachd mun cuairt. B' e an t-Sàbaid a bh' ann air an latha sin.

<sup>10</sup>Mar sin thuirt na h-lùdhaich ris an fhear a chaidh a shlànachadh, “S e an t-Sàbaid a th' ann is chan eil e laghail dhut do leabaidh a ghiùlain.”

<sup>11</sup>Ach fhreagair e iad, “Am fear a rinn slàn mi, thuirt esan rium, ‘Tog do leabaidh agus coisich.’”

<sup>12</sup>Dh'fhaighnich iad dha, “Cò e an duine a thuirt riut, ‘Tog i agus coisich.’”

<sup>13</sup>Ach cha robh fios aig an duine a chaidh a shlànachadh cò e, oir bha Ìosa air a dhol à sealladh a chionn 's gun robh sluagh san àite.

<sup>14</sup>Às dèidh sin lorg Ìosa e san teampall agus thuirt e ris, “Seall, chaidh do shlànachadh; na peacaich tuilleadh, mus tachair nas miosa dhut.”

<sup>15</sup>Dh'fhalbh an duine agus dh'innis e dha na h-lùdhaich gum b' e Ìosa a rinn slàn e.

### **Beatha tron Mhac**

<sup>16</sup>Air an adhbhar seo rinn na h-lùdhaich geur-leanmhainn air Ìosa, oir bha e a' dèanamh na rudan seo air an t-Sàbaid.

<sup>17</sup>Ach fhreagair Ìosa iad, “Tha m' Athair ag obair chun a seo, agus tha mise ag obair.”

<sup>18</sup>Air an adhbhar seo 's ann a bu mhotha a bha na h-lùdhaich ag iarraidh a mharbhadh, oir chan e a-mhàin gun robh e a' briseadh na Sàbaid, ach bha e cuideachd ag ràdh gum b' e Dia Athair-san, ga dhèanamh fhèin co-ionnan ri Dia.

<sup>19</sup>Mar sin fhreagair Ìosa iad, “Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh ribh nach eil e comasach dhan Mhac rud sam bith a dhèanamh uaithe fhèin, ach na chì e an t-Athair a' dèanamh, oir gach rud a bhios esan a' dèanamh tha am Mac a' dèanamh cuideachd.

**20**Oir tha an t-Athair a' gràdhachadh a' Mhic agus dhàsan sheall e a h-uile rud a tha e a' dèanamh, agus obraichean nas motha na seo seallaidh e dha, airson 's gun gabh sibh iongnadh.

**21**Oir mar a thogas an t-Athair na mairbh agus a bheothaicheas e iad, mar sin beothaichidh am Mac cuideachd na thogras e.

**22**Oir chan eil an t-Athair a' toirt breith air aon sam bith, ach thug e a h-uile ùghdarras-breitheanais dhan Mhac,

**23**airson 's gun toireadh na h-uile urram dhan Mhac mar a bheir iad urram dhan Athair. An neach nach toir urram dhan Mhac, chan eil e a' toirt urraim dhan Athair a chuir a-mach e.

**24**“Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh ribh, ge b' e a chluinneas m' fhaclan agus a chreideas esan a chuir a-mach mi, tha a' bheatha shìorraidh aige agus cha tig e a-steach do bhreitheanas, ach chaidh a thoirt a-mach à bàs gu beatha.

**25**Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh ribh gu bheil uair a' tighinn agus tha i a-nis ann, nuair a chluinneas na mairbh guth Mic Dhè, agus iadsan a chluinneas, bidh iad beò.

**26**Oir mar a tha beatha aig an Athair ann fhèin, mar sin cuideachd thug e dhan Mhac beatha a bhith aige ann fhèin.

**27**Agus thug e ùghdarras dha airson breith a thoirt, oir is esan Mac an Duine.

**28**“Na gabhaibh iongnadh às a seo, oir tha uair a' tighinn anns an cluinn na h-uile a th' anns na tuaman a ghuth-san.

**29**Iadsan a tha a' dèanamh rudan matha, èiridh iad gu aiseirigh na beatha, ach iadsan a tha a' dèanamh droch rudan, gu aiseirigh an dithidh.

**30**Chan urrainn dhomh rud sam bith a dhèanamh uam fhèin; mar a chluinneas mi, mar sin bheir mi breith, agus tha mo bhreitheanas ceart; oir chan eil mi ag iarraidh mo thoil fhèin ach toil an aoin a chuir a-mach mi.”

### **Fianaisean mu Ìosa**

**31**“Ma bheir mise fianais mum dheidhinn fhèin, chan eil m' fhianais fìor.

**32**'S e neach eile a tha a' toirt fianais mum dheidhinn, agus tha fios agam gu bheil an fhianais a tha esan a' dèanamh mum dheidhinn fìor.

**33**“Chuir sibh fios gu Eòin agus thug esan fianais mun fhìrinn.

**34**Chan eil mise a' gabhail fianais o dhuine, ach tha mi ag ràdh seo airson 's gum bi sibh air ur teàrnadh.

**35**B' e lampa lasrach agus dheàlrach a bh' ann, agus roghnaich sibh toileachas a dhèanamh na sholas airson greis,

<sup>36</sup>ach tha fianais nas motha na bh' aig Eòin agamsa, oir na h-obraichean a thug an t-Athair dhòmhsa airson an crìochnachadh, tha na h-obraichean seo fhèin a tha mi a' dèanamh a' toirt fianais mum dheidhinn, gur e an t-Athair a chuir a-mach mi.

<sup>37</sup>Tha an t-Athair fhèin a chuir a-mach mi a' toirt fianais mum dheidhinn. Cha chuala sibh a ghuth riamh agus chan fhaca sibh an cumadh aige nas motha.

<sup>38</sup>Agus chan eil fhacal-san a' fantainn annaibh, oir chan eil sibh a' creidsinn annsan a chuir e a-mach.

<sup>39</sup>Tha sibh a' rannsachadh nan Sgrìobtar, oir tha sibh a' smaoinichadh gu bheil a' bheatha shìorraidh agaibh annta sin, agus is iad sin a tha a' toirt fianais mum dheidhinn,

<sup>40</sup>ach chan e ur toil tighinn thugam, airson 's gum bi beatha agaibh.

<sup>41</sup>“Chan eil mise a' gabhail urraim o dhaoine,

<sup>42</sup>ach 's aithne dhomh sibh, nach eil gràdh Dhè agaibh annaibh fhèin.

<sup>43</sup>Thàinig mise ann an ainm m' Athar ach chan eil sibhse a' gabhail rium. Ma thig neach eile na ainm fhèin, gabhaidh sibh ris.

<sup>44</sup>Ciamar as urrainn dhuibhse creidsinn, a tha a' gabhail urraim o chèile, ach nach eil ag iarraidh an urraim a thig on aon Dia?

<sup>45</sup>“Na bithibh a' smaoinichadh gur mise a nì ur casaid ris an Athair: tha aon ann a tha gur casaid, Maois – anns an do chuir sibh ur dòchas.

<sup>46</sup>Nan robh sibh air Maois a chreidsinn, chreideadh sibh mise; oir sgrìobh esan mum dheidhinn.

<sup>47</sup>Ach mura creid sibh na sgrìobhaidhean aigesan, ciamar a chreideas sibh m' fhaclan-sa?”

## **Eòin 6**

### **Ìosa a' Biathadh nan Còig Mìle**

<sup>1</sup>Às dèidh seo dh'fhalbh Ìosa gu taobh thall Muir Ghalile (is e sin Muir Thiberiais),

<sup>2</sup>agus lean sluagh mòr e a chionn 's gum faca iad na comharraidhean mìorbhaileach a rinn e orrasan a bha tinn.

<sup>3</sup>An uair sin chaidh Ìosa suas air beinn agus shuidh e sìos an sin còmhla ri a dheisciobail.

<sup>4</sup>Bha a' Chàisg, Fèill nan Iùdhach, faisg.



<sup>5</sup>Mar sin nuair a sheall Ìosa suas agus a chunnaic e gun tàinig sluagh mòr thuige, thuir e ri Philip, “Càit an ceannaich sinn aran airson 's gun ith iad seo?”

<sup>6</sup>(Ach thuir e seo airson esan a dhearbhadh, oir bha fios aige fhèin dè a bha e a' dol a' dhèanamh.)

<sup>7</sup>Fhreagair Philip e, “Cha b' urrainn do thuarastal ochd mìosan gu leòr arain a cheannach airson 's gum biodh beagan aig gach aon dhiubh!”

<sup>8</sup>Thuir aon eile dhe a dheisciobail, Anndra, bràthair Shìmoin Pheadair, ris,

<sup>9</sup>“Tha balach an seo aig a bheil còig lofaichean eòrna agus dà iasg bheag, ach dè a th' anntasan am measg na h-uiread?”

<sup>10</sup>Thuir Ìosa, “Thoiribh air na daoine suidhe sìos.” A-nis bha tòrr feòir anns an àite, agus mar sin shuidh na daoine sìos, ann an àireamh mu chòig mìle.

<sup>11</sup>Ghabh Ìosa na lofaichean, agus nuair a rinn e altachadh, roinn e iad air a' mhuintir a bha nan suidhe. Rinn e an aon rud leis na h-èisg – na h-uimhir is a bu mhiann leotha.

<sup>12</sup>Nuair a bha iad air an riarachadh, thuir e ri a dheisciobail, “Cruinnichibh na criomagan a th' air am fàgail gus nach tèid rud sam bith a dholaidh.”

<sup>13</sup>Mar sin chruinnich iad còmhla iad agus lion iad dà chliabh dheug de chriomagan nan còig lofaichean eòrna, a dh'fhàg iadsan a bha air ithe.

<sup>14</sup>Às dèidh dha na daoine an comharra mìorbhaileach a rinn Ìosa fhaicinn, thuir iad, “Is e seo gu firinneach am Fàidh a tha ri thighinn a-steach dhan t-saoghal.”

<sup>15</sup>Mar sin nuair a thuig Ìosa gun robh iad am beachd thighinn agus breith air le làimh làidir airson 's gun dèanadh iad rìgh dheth, tharraing e air ais a-rithist dhan bheinn na aonar.

### **Ìosa a' Coiseachd air a' Mhuir**

<sup>16</sup>A-nis nuair a thàinig am feasgar, chaidh a dheisciobail sìos chun na mara,

<sup>17</sup>agus a' dol air bòrd eathair thòisich iad air a dhol thairis air a' mhuir gu Capernàum. Mun àm seo bha e a-nis dorcha, agus cha robh Ìosa fhathast air thighinn thuca.

<sup>18</sup>An uair sin dh'èirich a' mhuir a chionn 's gun robh gaoth mhòr a' sèideadh.

<sup>19</sup>Mar sin nuair a bha iad air iomradh mu chòig no sia cilemeatair, chunnaic iad Ìosa a' coiseachd air a' mhuir 's a' thighinn faisg air an eathar, agus bha an t-eagal orra.

<sup>20</sup>Ach thuir esan riutha, “Is mise a th' ann; na biodh eagal oirbh.”

**21**An uair sin bha iad toilichte a thoirt a-steach dhan eathar, agus anns a' bhad ràinig an t-eathar an tìr far an robh iad a' dol.

**22**Air an ath latha chunnaic an sluagh a dh'fhuirich air taobh thall na mara nach robh ach aon eathar air a bhith an sin, agus nach robh Ìosa air a dhol a-steach innte còmhla ri a dheisciobail, ach gun do dh'fhalbh a dheisciobail nan aonar.

**23**Thàinig eathraichean beaga eile o Thiberias faisg air an àite sin anns an do dh'ith iad an t-aran, às dèidh dhan Tighearna altachadh a dhèanamh.

**24**Mar sin nuair a chunnaic an sluagh nach robh Ìosa an sin, no a dheisciobail, chaidh iad fhèin cuideachd dha na h-eathraichean beaga agus chaidh iad a Chapernàum, a lorg Ìosa.

### **Ìosa Aran na Beatha**

**25**Nuair a lorg iad e air taobh thall na mara, thuirt iad ris, “A Rabaidh, cuin a thàinig thu an seo?”

**26**Fhreagair Ìosa iad, “Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh ribh, tha sibh gam shireadh, chan ann a chionn 's gum faca sibh na comharraidhean mìorbhaileach, ach a chionn 's gun do dh'ith sibh dhe na lofaichean agus gun robh sibh air ur sàsachadh.

**27**Na dèanaibh saothair airson a' bhìdh a thèid a dholaidh ach airson a' bhìdh a mhaireas chun na beatha sìorraidh, a bheir Mac an Duine dhuibh. Oir airsan chuir Dia an t-Athair a sheula.”

**28**An uair sin thuirt iad ris, “Dè a dh'fheumas sinn a dhèanamh airson 's gun dèan sinn obraichean Dhè?”

**29**Fhreagair Ìosa, “Is i seo obair Dhè, gun creid sibh anns an aon a chuir e a-mach.”

**30**Mar sin thuirt iad ris, “Dè an comharra mìorbhaileach a nì thusa, ma-thà, airson 's gum faic sinn agus gun creid sinn thu? Dè an obair a nì thu?”

**31**Dh'ith ar n-athraichean mana anns an fhàsach; a rèir mar a tha e sgrìobhte: ‘Thug e dhaibh aran o nèamh ri ithe.’”

**32**An uair sin thuirt Ìosa riutha, “Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh ribh, cha b' e Maois a thug dhuibh an t-aran o nèamh, ach 's e m' Athair-sa a tha a' toirt dhuibh an arain fhìor o nèamh.

**33**Oir is e aran Dhè a th' annsan a tha a' tighinn a-nuas o nèamh agus a tha a' toirt beatha dhan t-saoghal.”

**34**An uair sin thuirt iad ris, “A Thighearna, thoir dhuinne an t-aran seo an-còmhnaidh.”

**35**Thuirte Ìosa riutha, “Is mise aran na beatha. An neach a thig thugamsa, cha bhi acras air, agus an neach a chreideas annamsa, cha bhi pathadh air gu bràth.

**36**Ach thuirte mi ribh gu bheil sibh air m' fhaicinn, agus fhathast chan eil sibh a' creidsinn.

**37**Gach neach a bheir an t-Athair dhòmhsa, thig e thugam, agus an neach a thig thugam, cha tilg mi air adhbhar sam bith a-mach.

**38**Oir tha mi air tighinn a-nuas o nèamh, chan ann airson mo thoil fhèin a dhèanamh ach airson toil an aoin a chuir a-mach mi a dhèanamh.

**39**Agus is i seo toil an Athar a chuir a-mach mi, nach caillinn neach sam bith dhe na h-uile a thug e dhomh, ach gun togainn suas iad air an latha dheireannach.

**40**Oir is i seo toil m' Athar, gum biodh a' bheatha shìorraidh aig gach neach a choimheadas ris a' Mhac agus a chreideas ann, agus togaidh mise suas e air an latha dheireannach.”

**41**Mar sin thòisich na h-lùdhaich a' gearain ma dheidhinn a chionn 's gun tuirt e, “Is mise an t-aran a thàinig a-nuas o nèamh.”

**42**Thuirte iad, “Nach e seo Ìosa, mac Ìosaiph, aig a bheil athair is màthair as aithne dhuinn? Ciamar a-nis as urrainn dha a ràdh, ‘Thàinig mi a-nuas o nèamh?’”

**43**Fhreagair Ìosa iad, “Na dèanaibh gearan nur measg fhèin.

**44**Chan urrainn do neach sam bith tighinn thugamsa mura tarraing an t-Athair a chuir a-mach mise e, agus togaidh mise suas e air an latha dheireannach.

**45**Tha e sgrìobhte anns na fàidhean, ‘Agus bidh iad uile air an teagasg o Dhia.’ Tha a h-uile neach a dh'èisteach ris an Athair agus a dh'ionnsaicheas uaithe a' tighinn thugamsa.

**46**Chan e gum faca neach sam bith an t-Athair ach an t-aon a tha o Dhia; is esan a-mhàin a chunnaic an t-Athair.

**47**Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh ribh, an neach a tha a' creidsinn, tha a' bheatha shìorraidh aige.

**48**Is mise aran na beatha.

**49**Dh'ith ur n-athraichean am mana anns an fhàsach agus bhàsaich iad.

**50**Is e seo an t-aran a tha a' tighinn a-nuas o nèamh, airson 's gun ith neach dheth agus nach bàsaich e.

**51**Is mise an t-aran beò a thàinig a-nuas o nèamh. Ma dh'itheas neach sam bith dhen aran seo, bidh e beò gu sìorraidh; agus an t-aran a bheir mise uam, is e m' fheòil a th' ann, airson beatha an t-saoghail.”

**52**Mar sin bha na h-lùdhaich ag argamaid nam measg fhèin, “Ciamar as urrainn dhan duine seo an fheòil aige fhèin a thoirt dhuinne ri h-ithe?”

**53**Mar sin thuirt Ìosa riutha, “Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh ribh, mura h-ith sibh feòil Mhic an Duine, agus mura h-òl sibh fhuil, chan eil beatha agaibh annaibh.

**54**Ge b' e cò a dh'itheas m' fheòil-sa agus a dh'òlas m' fhuil-sa, tha a' bheatha shìorraidh aige, agus togaidh mise suas e air an latha dheireannach.

**55**Oir is e fìor bhiadh a tha nam fheòil agus is e fìor dheoch a tha nam fhuil.

**56**Ge b' e cò a dh'itheas m' fheòil-sa agus a dh'òlas m' fhuil-sa, tha e a' fantainn annamsa, agus mise annsan.

**57**Mar a chuir an t-Athair beò mise a-mach agus a tha mise beò air sgàth an Athar, mar sin tha esan a dh'itheas mise: bidh e cuideachd beò air mo sgàth-sa.

**58**Is e seo an t-aran sin a thàinig a-nuas o nèamh; chan ann mar a dh'ith na h-athraichean agus a bhàsaich iad. Ge b' e cò a dh'itheas an t-aran seo, bidh e beò gu bràth.”

**59**Thuirt e na rudan seo fhad 's a bha e a' teagasg anns an t-sionagog ann an Capernàum.

### **Mòran Dheisciobal a' Trèigsinn Ìosa**

**60**Mar sin, nuair a chuala iad seo, thuirt mòran dhe dheisciobail, “Is e teachdaireachd chruaidh a tha an seo. Cò a tha an comas èisteachd rithe?”

**61**Ach, ag aithneachadh ann fhèin gun robh a dheisciobail a' gearain mun seo, thuirt Ìosa riutha, “A bheil seo a' toirt oilbheim dhuibh?”

**62**Dè nam faiceadh sibh Mac an Duine a' dol suas dhan àite anns an robh e roimhe?

**63**Is e an Spiorad a bheothaicheas; chan eil buannachd sam bith anns an fheòil. Na faclan a tha mise air a ràdh ribh, is e spiorad agus is e beatha a th' anna.

**64**Ach tha cuid dhibhse nach eil a' creidsinn.” (Oir b' aithne do dh'Ìosa on toiseach cò iad nach robh a' creidsinn agus cò a dhèanadh brathadh air.)

**65**Agus thuirt e, “Is e seo an t-adhbhar gun tuirt mi ribh nach urrainn do neach sam bith tighinn thugamsa mura h-eil an t-Athair air an comas a thoirt dha.”

<sup>66</sup>On àm sin thionndaidh mòran dhe a dheisciobail air ais agus cha do choisich iad tuilleadh còmhla ris.

<sup>67</sup>Mar sin thuir Ìosa ris an dà fhear dheug, “Am bu toigh leibhse falbh cuideachd?”

<sup>68</sup>Fhreagair Sìmon Peadar e, “A Thighearna, cò thuige a thèid sinn? Is ann agadsa a tha faclan na beatha shiorraidh.

<sup>69</sup>Agus tha sinne air creidsinn, agus air tighinn gus a bhith a' tuigsinn, gur tusa Aon Naomh Dhè.”

<sup>70</sup>Fhreagair Ìosa iad, “Nach do thagh mise sibhse, an dà fhear dheug? Agus fhathast tha aon agaibh na dhiabhal?”

<sup>71</sup>Bhruidhinn e mu Iùdas, mac Shìmoin Iscariot, oir b' esan – aon dhen dà fhear dheug – an neach a bha a' dol ga bhrathadh.

## **Eòin 7**

### **Ìosa a' Dol gu Fèill nam Pàillean**

<sup>1</sup>Às dèidh seo, bha Ìosa a' dol mun cuairt ann an Galile. Oir cha robh e airson a dhol mun cuairt ann an Iudèa a chionn 's gun robh na h-lùdhaich ag iarraidh a mharbhadh.

<sup>2</sup>A-nis bha Fèill Iùdhach nam Pàillean faisg.

<sup>3</sup>Mar sin thuir a bhràithrean ris, “Fàg an t-àite seo agus fhalbh a dh'Iudèa airson 's gum faic na deisciobail agad cuideachd na h-obraichean a tha thu a' dèanamh.

<sup>4</sup>Oir cha dèan neach sam bith obair air falach ma tha e ag iarraidh a bhith air fhaicinn gu follaiseach. Ma tha thu a' dèanamh na rudan seo, seall thu fhèin dhan t-saoghal.”

<sup>5</sup>Oir cha robh fiù 's a bhràithrean a' creidsinn ann.

<sup>6</sup>Mar sin thuir Ìosa riutha, “Cha tàinig m' àm-sa fhathast; ach tha ur n-àm-se an-còmhnaidh ann.

<sup>7</sup>Chan urrainn dhan t-saoghal sibhse fhuathachadh; ach tha fuath aige dhòmhsa a chionn 's gu bheil mi a' toirt fianais ma dheidhinn gu bheil na h-obraichean aigeolc.

<sup>8</sup>Rachaibh-se suas chun na Fèille. Chan eil mise a' dol suas chun na Fèille seo, oir chan eil m' àm fhathast air a choileanadh.”

<sup>9</sup>Às dèidh dhàsan na rudan seo a ràdh, dh'fhan e ann an Galile.

**10** Ach, às dèidh dha a bhràithrean a dhol suas chun na Fèille, an uair sin chaidh esan cuideachd suas, cha b' ann gu poblach ach gu dìomhair.

**11** Bha na h-lùdhaich a' coimhead air a shon aig an Fhèill agus a' faighneachd, “Càit a bheil an duine sin?”

**12** Agus bha tòrr borbhain ma dheidhinn a' dol am measg an t-sluaigh. Thuirt cuid, “Is e duine math a th' ann.” Thuirt feadhainn eile, “Chan e, tha e a' mealladh an t-sluaigh.”

**13** A dh'aindeoin sin, cha do bhruidhinn duine sam bith gu fosgailte ma dheidhinn air eagal nan lùdhach.

### **Ìosa a' Teagasg aig an Fhèill**

**14** Mu mheadhan na Fèille chaidh Ìosa suas dhan teampall agus thòisich e a' teagasg.

**15** Ghabh na h-lùdhaich iongnadh mòr agus dh'fhaighnich iad, “Ciamar a tha an duine seo cho ionnsaichte, agus nach d' fhuair e foghlam?”

**16** Mar sin fhreagair Ìosa, “Chan ann leam fhèin a tha mo theagasg, ach leis-san a chuir a-mach mi.

**17** Ma tha neach sam bith ag iarraidh toil Dhè a dhèanamh, bidh fios aige mun teagasg, an ann o Dhia a tha e, no a bheil mise a' bruidhinn uam fhèin.

**18** An neach a bhruidhneas uaithe fhèin, tha e a' lorg glòir air a shon fhèin, ach ge b' e a shireas glòir an aoin a chuir a-mach e, tha esan fìrinneach; chan eil eucoir sam bith ann.

**19** Nach tug Maois an lagh dhuibh? Agus fhathast chan eil aon neach agaibh a' coileanadh an lagha. Carson a tha sibh a' feuchainn ri mise a mharbhadh?”

**20** Fhreagair an sluagh, “Tha deamhan annad. Cò a tha a' feuchainn ri mharbhadh?”

**21** Fhreagair Ìosa iad, “Rinn mise aon obair, agus tha iongnadh oirbh uile.

**22** Thug Maois dhuibh an timcheall-ghearradh (ged nach ann o Mhaois a tha e, ach o na h-athraichean), agus air sgàth sin timcheall-ghearraidh sibhse duine air an t-Sàbaid.

**23** Ma tha duine a' faighinn timcheall-ghearradh air an t-Sàbaid, airson 's nach bi lagh Mhaois air a bhriseadh, a bheil sibh feargach riumsa a chionn 's gun do rinn mi duine gu h-iomlan slàn air an t-Sàbaid?

**24** Na bithibh a' toirt breith a rèir coltais, ach thoiribh breith cheart.”

### **An e Ìosa an Crìosd?**

- 25**Mar sin thòisich cuid de mhuinntir Ierusalem air a ràdh, “Nach e seo esan a tha iad a' feuchainn ri a mharbhadh?”
- 26**Agus, seall, tha e a' bruidhinn gu follaiseach agus chan eil iad ag ràdh rud sam bith ris. An urrainn dha a bhith gu bheil fios cinnteach aig na riaghladairean gur e seo dha-rìribh Crìosd?
- 27**Ge-tà, is aithne dhuinn cò às a tha an duine seo; ach nuair a thig Crìosd, cha bhi fios aig neach sam bith cò às a tha e.”
- 28**Mar sin, fhad 's a bha e fhathast a' teagasg anns an teampall, dh'èigh Ìosa, “Is aithne dhuibh mise agus cò às a tha mi. Ach cha tàinig mi uam fhèin. Tha esan a chuir a-mach mi fìor, agus chan aithne dhuibhse e.
- 29**Tha eòlas agamsa air, a chionn 's gur ann uaithe a tha mi, agus gun do chuir esan a-mach mi.”
- 30**Dh'fheuch iad ri a ghlacadh, ach cha do chuir neach sam bith làmh air, a chionn 's nach robh an uair aige fhathast air tighinn.
- 31**Ach chreid mòran dhen t-sluagh ann. Thuirt iad, “Nuair a thig Crìosd, an dèan e barrachd chomharraidhean mìorbhaileach na rinn an duine seo?”
- 32**Chuala na Pharasaich an sluagh a' borbhanaich na rudan seo ma dheidhinn; agus chuir na h-àrd-shagartan agus na Pharasaich seirbheisich an teampaill airson a ghlacadh.
- 33**Thuirt Ìosa, “Bidh mi còmhla ribh airson ùine bheag fhathast, agus an uair sin tha mi a' dol chun an aoin a chuir a-mach mi.
- 34**Siridh sibh mi, ach cha lorg sibh mi; agus far am bi mise, chan urrainn dhuibhse tighinn.”
- 35**Mar sin thuirt na h-lùdhaich nam measg fhèin, “Càit a bheil am fear seo an dùil a dhol, airson 's nach lorg sinn e? An tèid e gu ar muinntir a th' air an sgapadh am measg nan Greugach, agus an teagaisg e na Greugaich?”
- 36**Dè a bha e a' ciallachadh nuair a thuirt e, ‘Siridh sibh mi, ach cha lorg sibh mi; agus far am bi mise, chan urrainn dhuibhse tighinn?’”
- 37**Air an latha mu dheireadh dhen Fhèill, an latha mòr, sheas Ìosa agus dh'èigh e, “Ma tha pathadh air neach sam bith, thigeadh e thugamsa agus òladh e.
- 38**Ge b' e cò a chreideas annamsa, mar a tha an Sgrìobtar air a ràdh, sruthaidh aibhnichean de dh'uisge beò às a bhroinn.”
- 39**Ach thuirt e seo mun Spiorad a bha iadsan a bha a' creidsinn ann a' dol a dh'fhaighinn, oir cha robh an Spiorad fhathast air a bhuileachadh, air sgàth 's nach robh Ìosa fhathast air a ghlòrachadh.

**40** Nuair a chuala iad na briathran seo, thuirt cuid dhen t-sluagh, “Is e seo gu fìrinneach am Fàidh.”

**41** Thuirt feadhainn eile, “Is e seo an Crìosd.” Ach thuirt buidheann eile, “Chan ann o Ghalile a thig an Crìosd, an ann?”

**42** Nach tuit an Sgrìobtar gun tig an Crìosd o shìol Dhaibhidh, agus à Betlehem, am baile anns an robh Daibhidh?”

**43** Mar sin dh'èirich sgaradh am measg an t-sluaigh air a sgàth-san.

**44** Bha cuid dhiubh ag iarraidh a ghlacadh, ach cha do chuir duine sam bith làmh air.

### **Eas-Creideamh nan Riaghladairean Iùdhach**

**45** Mar sin thàinig seirbheisich an teampaill gu na h-àrd-shagartan agus na Pharasaich, agus thuirt iad riutha, “Carson nach tug sibh leibh e?”

**46** Fhreagair na seirbheisich, “Cha do bhruidhinn neach sam bith riamh mar an duine seo.”

**47** Mar sin fhreagair na Pharasaich, “Cha deach sibhse cuideachd a thoirt air seachran, an deach?”

**48** Cha do chreid aon sam bith dhe na riaghladairean, no dhe na Pharasaich ann, an do chreid?

**49** Ach an sluagh seo aig nach eil eòlas air an lagh, tha iad mallaichte.”

**50** Dh'fhaighnich Nicodèmus, a bha air a dhol thuige roimhe, agus a bha na aon dhe na Pharasaich, dhaibh,

**51** “A bheil an lagh againne a' toirt breith air cuideigin gun a bhith fiù 's a' cluinntinn uaithe fhèin an toiseach, agus a' faighinn a-mach dè a tha e a' dèanamh?”

**52** Fhreagair iadsan, “Chan ann o Ghalile a tha thusa cuideachd, an ann? Ransaich, agus faic nach eil fàidh ag èirigh à Galile.”

**53** Agus chaidh gach aon dhan taigh aige fhèin.

## **Eòin 8**

### **Boireannach air a Glacadh ann an Adhaltranas**

**1** Ach chaidh Ìosa gu Beinn nan Crann-Ola.

**2** Tràth anns a' mhadainn thàinig e a-rithist a-steach dhan teampall, agus chruinnich an sluagh uile timcheall air, agus shuidh e sìos agus theagaisg e iad.



<sup>3</sup>Agus thug na sgrìobhaichean agus na Pharasaich boireannach thuige a chaidh a ghlacadh ann an adhaltranas. Thug iad oirre seasamh anns a' mheadhan

<sup>4</sup>agus thuir iad ris, “Fhir-Teagaisg, chaidh am boireannach seo a ghlacadh anns an dearbh ghnìomh, a' dèanamh adhaltranas.

<sup>5</sup>Ach dh'àithn lagh Mhaois dhuinn a leithid-se a chlachadh. Dè a-nis a tha thusa ag ràdh?”

<sup>6</sup>Thuir iad seo airson a dhearbhadh, airson 's gum biodh cùis-chasaid aca na aghaidh. Ach chrom Ìosa sìos agus sgrìobh e le a chorraig air an talamh.

<sup>7</sup>Nuair a chùm iad orra ga cheasnachadh sheas e suas agus thuir e riutha, “An neach a tha gun pheacadh nur measg-se, tilgeadh esan clach oirre an toiseach.”

<sup>8</sup>Agus chrom e sìos a-rithist agus sgrìobh e air an talamh.

<sup>9</sup>Ach nuair a chuala iadsan seo, chaidh iad a-mach aon às dèidh aoin, a' tòiseachadh leis an fheadhainn a bu shine, agus chaidh Ìosa fhàgail na aonar, agus am boireannach na seasamh anns a' mheadhan.

<sup>10</sup>Sheas Ìosa suas agus dh'fhaighnich e dhi, “A bhoireannaich, càit a bheil iad? Nach do dhìt neach sam bith thu?”

<sup>11</sup>Thuir i, “Cha do dhìt neach sam bith, a Thighearna.” Agus thuir Ìosa rithe, “Cha mhotha a tha mise gad dhìteadh; thalla, agus on àm seo na peacaich tuilleadh.”

### Fianais Ìosa air a Dearbhadh

<sup>12</sup>Bhruidhinn Ìosa riutha a-rithist, ag ràdh, “Is mise solas an t-saoghail. An neach a leanas mise, cha choisich e ann an dorchadas, ach bidh solas na beatha aige.”

<sup>13</sup>Thuir na Pharasaich ris, “Tha thu a' toirt fianais mud dheidhinn fhèin; chan eil d' fhianais fìor.”

<sup>14</sup>Fhreagair Ìosa, “Fiù 's ged a tha mi a' toirt fianais mum dheidhinn fhèin, a dh'aindeoin sin tha m' fhianais fìor, oir tha fios agam cò às a thàinig mi, agus càit a bheil mi a' dol. Ach chan eil fios agaibhse cò às a thàinig mi, no càit a bheil mi a' dol.

<sup>15</sup>Tha sibhse a' toirt breith a rèir na feòla; chan eil mise a' toirt breith air neach sam bith.

<sup>16</sup>Ach a dh'aindeoin sin, ma bheir mise breith, tha mo bhreith fìrinneach, oir cha mhise nam aonar a tha a' toirt breith, ach mise agus an t-Athair a chuir a-mach mi.

**17** Anns an lagh agaibh fhèin tha e sgrìobhte gu bheil fianais dithis dhaoine fìor.

**18** Is mise an t-aon a tha a' dèanamh fianais mum thimcheall fhèin, agus tha an t-Athair a chuir a-mach mi a' dèanamh fianais mum thimcheall."

**19** Thuirt iad ris, "Càit a bheil d' athair?" Fhreagair Ìosa, "Chan aithne dhuibhse aon chuid mise no m' Athair; nam biodh eòlas agaibh ormsa, bhiodh eòlas agaibh air m' Athair cuideachd."

**20** Dh'aithris Ìosa na briathran seo ann an ionad an ionmhais, fhad 's a bha e a' teagasg anns an teampall. Ach cha do ghlac neach sam bith e, oir cha robh an uair aige fhathast air tighinn.

### **Beachdan air cò a Bh' ann an Ìosa**

**21** Bhruidhinn Ìosa riutha a-rithist, "Tha mise a' falbh, agus bidh sibh gam shireadh, agus bàsaichidh sibh nur peacadh. Chan urrainn dhuibhse tighinn dhan àite far a bheil mise a' dol."

**22** Mar sin thuirt na h-lùdhaich, "Am marbh e e fhèin a chionn 's gun tuirt e, 'Far a bheil mise a' dol, chan urrainn dhuibhse tighinn'?"

**23** Agus lean e air, "Tha sibhse o shìos, tha mise o shuas. Is ann dhen t-saoghal seo a tha sibhse; chan eil mise dhen t-saoghal seo.

**24** Dh'innis mi dhuibh gum bàsaicheadh sibh nur peacaidhean; oir mura creid sibh gur 'mise E', gheibh sibh bàs nur peacaidhean."

**25** Thuirt iadsan, "Cò thusa?" Thuirt Ìosa riutha, "An neach sin fhèin a thuirt mi ribh on toiseach.

**26** Tha mòran agam ri ràdh agus ri bhreithneachadh mur deidhinn-se. Ach tha an t-aon a chuir a-mach mi fìrinneach, agus tha mise ag innse dhan t-saoghal na rudan a chuala mi uaitheasan."

**27** Cha do thuig iad gum b' ann mun Athair a bhruidhinn e riutha.

**28** Mar sin thuirt Ìosa riutha, "Nuair a tha sibh air Mac an Duine a thogail suas, an uair sin bidh fios agaibh gur mise e, agus nach eil mi a' dèanamh rud sam bith uam fhèin, ach gu bheil mi a' bruidhinn dìreach mar a theagaisg an t-Athair dhomh.

**29** Agus tha an t-aon a chuir a-mach mi còmhla rium; cha do dh'fhàg esan nam aonar mi, a chionn 's gu bheil mi an-còmhnaidh a' dèanamh na rudan sin a tha ga thoileachadh."

**30** Fhad 's a bha e ag ràdh na rudan seo, chreid mòran ann.

### **Nì an Fhìrinn Saor Sibh**

**31**Mar sin thuir Ìosa ris na h-lùdhaich a chreid ann, “Ma dh’fhanas sibh dìleas dham theagasg-sa, is sibh dha-rìribh mo dheisciobail

**32**agus bidh eòlas agaibh air an fhìrinn, agus nì an fhìrinn saor sibh.”

**33**Fhreagair iad e, “Is sinne sliochd Abrahàim, agus cha robh sinn riamh nar tràillean aig duine sam bith. Carson a tha thusa ag ràdh, ‘Bidh sibh air ur dèanamh saor?’”

**34**Fhreagair Ìosa, “Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh ribh, ge b’ e cò a nì peacadh, is e tràill dhan pheacadh a th’ ann.

**35**Chan eil an tràill a’ fantainn anns an taigh gu bràth, ach tha am mac a’ fantainn gu bràth.

**36**Mar sin, ma nì am Mac saor sibh, bidh sibh saor dha-rìribh.

**37**Tha fios agam gur e sliochd Abrahàim a th’ annaibh. Ach tha sibh a’ feuchainn ri mise a mharbhadh a chionn 's nach eil àite aig m’ fhacal annaibh.

**38**Tha mise ag ràdh an rud sin a chunnaic mi aig an Athair, agus tha sibhse a’ dèanamh an rud a chunnaic sibh aig ur n-athair fhèin.”

**39**Fhreagair iadsan, “Is e Abrahàm ar n-athair-ne.” Thuir Ìosa riutha, “Nam biodh sibh nur cloinn do dh’Abrahàm, dhèanadh sibh na h-obraichean aig Abrahàm.

**40**Ach a-nis tha sibh a’ feuchainn ri mise a mharbhadh, duine a dh’innis an fhìrinn dhuibh a chuala mi o Dhia. Cha do rinn Abrahàm seo.

**41**Tha sibhse a’ dèanamh obraichean ur n-athar fhèin.” Thuir iad ris, “Cha do rugadh sinne o strìopachas, tha aon Athair againn – eadhon Dia.”

#### **Clann an Diabhail**

**42**Thuir Ìosa riutha, “Nam b’ e Dia ur n-athair, ghràdhaicheadh sibh mise, oir chaidh mise a-mach agus thàinig mi o Dhia. Cha tàinig mi uam fhèin, ach chuir esan a-mach mi.

**43**Carson nach eil sibh a’ tuigsinn na tha mi ag ràdh? Is ann a chionn 's nach urrainn dhuibh èisteachd rim theagasg a tha e.

**44**Tha sibhse o ur n-athair an diabhal agus is iad miannan ur n-athar as toigh leibh a dhèanamh. Bha esan na mhurtair on toiseach, agus cha sheas e anns an fhìrinn, a chionn 's nach eil firinn ann. Nuair a dh’innseas e breug, is ann uaithe fhèin a tha e a’ bruidhinn, oir is e breugaire a th’ ann agus is esan athair na brèige.

**45**Ach a chionn 's gu bheil mise ag innse na firinn, chan eil sibh gam chreidsinn!

**46**Cò agaibhse a dhearbhas gu bheil mise ciontach dhen pheacadh? Ma tha mi ag innse na firinn, carson nach eil sibh gam chreidsinn?

**47**An neach a tha o Dhia, èistidh e ri briathran Dhè. Is e an t-adhbhar nach eil sibh gan cluinntinn nach ann o Dhia a tha sibh.”

### **Tagraidhean Ìosa ma dheidhinn Fhèin**

**48**Fhreagair na h-lùdhaich Ìosa, “Nach math a tha sinn ag ràdh gur e Samaritanach a th' annad agus gu bheil deamhan annad.”

**49**Fhreagair e, “Chan eil deamhan annam: tha urram agamsa dham Athair, ach tha eas-urram agaibhse dhòmhsa.

**50**Ach chan eil mi ag iarraidh mo ghloir fhèin: tha aon ann a tha ga sireadh, agus is esan am brithemh.

**51**Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh ribh, ma chumas neach m' fhacal-sa, chan fhaic e bàs gu bràth.”

**52**An uair sin thuirt na h-lùdhaich ris, “A-nis tha fios againn gu bheil deamhan annad. Fhuair Abrahàm bàs, fhuair agus na fàidhean, ach tha thusa ag ràdh, ‘Ma chumas neach m' fhacal-sa, cha bhlaic e bàs gu bràth.’

**53**Chan eil thusa nas motha na ar n-athair Abrahàm, a fhuair bàs, a bheil? Fhuair na fàidhean bàs cuideachd! Cò a tha thu a' dèanamh dhìot fhèin?”

**54**Fhreagair Ìosa, “Ma tha mi a' toirt glòir dhomh fhèin, chan eil nam ghloir ach neoni. Is e m' Athair, a tha sibhse ag ràdh gur e ur Dia, a tha a' toirt glòir dhomh.

**55**Ach chan eil sibh air eòlas a chur air. Tha eòlas agamsa air, agus nan canainn nach aithne dhomh e, bhithinn nam bhreugaire coltach ribhse, ach is aithne dhomh e agus tha mi a' cumail an fhacail aigesan.

**56**Rinn Abrahàm ur n-athair-se aoibhneas gum faiceadh e mo latha-sa; chunnaic e e, agus bha e aoibhneach.”

**57**Mar sin thuirt na h-lùdhaich ris, “Chan eil thu fhathast caogad bliadhna a dh'aois, agus a bheil thu air Abrahàm fhaicinn?”

**58**Thuirt Ìosa riutha, “Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh ribh, mun robh Abrahàm ann, ‘Is mi.’”

**59**Mar sin thog iadsan clachan airson an tilgeil air Ìosa, ach dh'fhalaich e e fhèin agus chaidh e a-mach às an teampall.

## **Eòin 9**

### **Ìosa a' Leigheas Duine a Rugadh Dall**

**1**Agus nuair a ghabh Ìosa seachad, chunnaic e duine a bha dall o rugadh e.

<sup>2</sup>Dh'fhaighnich a dheisciobail dha, “A Rabaidh, cò a pheacaich, an duine seo no a phàrantan, gun do rugadh dall e?”

<sup>3</sup>Fhreagair Ìosa, “Cha b' e gun do pheacaich an duine seo, no a phàrantan, ach airson 's gum biodh obraichean Dhè air am foillseachadh ann.

<sup>4</sup>Feumaidh sinn obraichean an aoin a chuir a-mach mi a dhèanamh, cho fada 's a tha an latha ann. Tha an oidhche a' tighinn, nuair nach urrainn do neach sam bith obair a dhèanamh.

<sup>5</sup>Cho fad 's a tha mise anns an t-saoghal, is mi solas an t-saoghail.”

<sup>6</sup>Nuair a bha e air na rudan seo a ràdh, thilg e smugaid air an talamh, agus rinn e crèadh dhen smugaid, agus sgaoil e a' chrèadh air sùilean an doill.

<sup>7</sup>Thuir e ris, “Fhalbh 's glan thu fhèin ann an linne Shilòaim” (a tha a' ciallachadh ‘Air a Chur’). Mar sin dh'fhalbh e, agus ghlan e e fhèin, agus thàinig e air ais is e a' faicinn.

<sup>8</sup>Thuir na coimhearsnaich agus iadsan a chunnaic roimhe sin na dhèirceach e, “Nach e seo esan a bha na shuidhe ag iarraidh dèirce?”

<sup>9</sup>Thuir cuid, “Is e seo e.” Thuir feadhainn eile, “Chan e, ach tha e coltach ris.” Chùm e fhèin air ag ràdh, “Is mi e.”

<sup>10</sup>Mar sin thuir iad ris, “Ciamar a chaidh do shùilean fhosgladh?”

<sup>11</sup>Fhreagair esan, “Rinn duine leis an ainm Ìosa crèadh agus sgaoil e air mo shùilean i, agus thuir e rium, ‘Fhalbh gu linne Shilòaim, agus glan thu fhèin.’ Mar sin dh'fhalbh mi agus ghlan mi mi fhèin, agus fhuair mi mo fhradharc.”

<sup>12</sup>Thuir iad ris, “Càit a bheil e?” “Chan eil fios agam,” thuir esan.

### **Na Pharasaich a' Rannsachadh an Leighis**

<sup>13</sup>Thug iad gu na Pharasaich esan a bha dall roimhe.

<sup>14</sup>Agus b' e latha Sàbaid a bh' ann nuair a rinn Ìosa a' chrèadh agus a dh'fhosgail e a shùilean.

<sup>15</sup>Mar sin dh'fhaighnich na Pharasaich dha a-rithist ciamar a fhuair e a fhradharc. Thuir esan riutha, “Chuir e crèadh air mo shùilean, agus ghlan mise mi fhèin, agus tha mi a' faicinn.”

<sup>16</sup>Thuir cuid dhe na Pharasaich, “Chan eil an duine seo o Dhia, a chionn 's nach eil e a' cumail na Sàbaid.” Ach thuir cuid eile, “Ciamar as urrainn do dhuine a tha na pheacach a leithid seo de chomharraidhean mìorbhaileach a dhèanamh?” Agus bha sgaradh nam measg.

<sup>17</sup>Mar sin thuir iad a-rithist ris an duine dhall, “Dè a tha thusa ag ràdh ma dheidhinn-san, on a dh'fhosgail e do shùilean?” Agus thuir esan, “Is e fàidh a th' ann.”

**18**Ach cha do chreid na h-lùdhaich gun robh e air a bhith dall agus gun robh e air a fhradharc fhaighinn, gus an do ghairm iad pàrantan an aois a bha air a fhradharc fhaighinn.

**19**Dh'fhaighnich iad dhaibh, “An e seo ur mac-se, a tha sibh ag ràdh a rugadh dall? Ciamar mar sin a tha e a-nis a' faicinn?”

**20**Fhreagair a phàrantan, “Tha fios againn gur e seo ar mac, agus gun do rugadh dall e.

**21**Ach ciamar a tha e a-nis a' faicinn chan eil fios againn, no cò a dh'fhosgail a shùilean chan aithne dhuinn. Faighnichibh dha fhèin. Tha e air tighinn gu aois; bruidhinnidh e air a shon fhèin.”

**22**Thuir a phàrantan na briathran seo a chionn 's gun robh eagal nan lùdhach orra, oir bha na h-lùdhaich air aontachadh mu thràth, nan aidicheadh duine sam bith gum b' esan Crìosd, gun deigheadh a chur às an t-sionagog.

**23**Air an adhbhar sin thuir a phàrantan, “Tha e air tighinn gu aois, faighnichibh dha fhèin.”

**24**Mar sin ghairm iad an dara h-uair air an duine a bha dall, agus thuir iad ris, “Thoir glòir do Dhia; tha fios againn gur e peacach a th' anns an duine seo.”

**25**Fhreagair esan, “Mas e peacach a th' ann, chan aithne dhomh. Air aon rud tha fios agam. Bha mi dall; a-nis tha mi a' faicinn.”

**26**An uair sin thuir iad ris, “Dè a rinn e riut? Ciamar a dh'fhosgail e do shùilean?”

**27**Fhreagair e iad, “Dh'innis mi dhuibh mu thràth agus cha do dh'èist sibh. Carson a bu toigh leibh a chluinntinn a-rithist? A bheil sibhse cuideachd a' miannachadh a bhith nur deisciobail aige?”

**28**Chàin iad e agus thuir iad, “Is tusa a dheisciobal-san, ach is sinne deisciobail Mhaois!

**29**Tha fios againn gun do bhruidhinn Dia ri Maois, ach an duine seo, chan eil fios againn cò às a tha e.”

**30**Fhreagair an duine, “Seo, a-nis, far a bheil an rud iongantach! Chan aithne dhuibh cò às a tha e, ach a dh'aindeoin sin dh'fhosgail e mo shùilean.

**31**Is aithne dhuinne nach èist Dia ri peacaich. Ach ma tha neach sam bith na fhear-adhraidh do Dhia agus a' dèanamh a thoil, ris-san èistidh e.

**32**O thoiseach an t-saoghail cha chualas gun do dh'fhosgail aon neach sùilean duine a rugadh dall.

<sup>33</sup>Mura biodh an duine seo o Dhia, cha b' urrainn dha rud sam bith a dhèanamh.”

<sup>34</sup>Fhreagair iadsan e, “Rugadh thusa uile-gu-lèir ann am peacaidhean, agus a bheil thu gar teagasg-ne?” Agus thilg iad a-mach e.

### Doille Spioradail

<sup>35</sup>Chuala Ìosa gun do thilg iad a-mach e, agus nuair a lorg e e thuir e ris, “A bheil thu a' creidsinn ann am Mac an Duine?”

<sup>36</sup>Fhreagair esan, “Cò e, a Thighearna, airson 's gun creid mi ann?”

<sup>37</sup>Thuir Ìosa ris, “Tha thu air fhaicinn agus is esan am fear a tha a' bruidhinn riut.”

<sup>38</sup>Thuir esan, “A Thighearna, tha mi a' creidsinn,” agus rinn e adhradh dha.

<sup>39</sup>Thuir Ìosa, “Is ann airson breitheanais a thàinig mise a-steach dhan t-saoghal seo, airson 's gum faiceadh iadsan nach eil a' faicinn, agus airson 's gum biodh iadsan a tha a' faicinn air an dèanamh dall.”

<sup>40</sup>Chuala cuid dhe na Pharasaich a bha còmhla ris na rudan seo agus thuir iad ris, “A bheil sinne cuideachd dall?”

<sup>41</sup>Thuir Ìosa riutha, “Nam biodh sibh dall, cha bhiodh sibh ciontach de pheacadh; ach a-nis on a tha sibh ag ràdh, ‘Tha sinn a' faicinn,’ tha ur peacadh a' fantainn.”

## Eòin 10

### Am Buachaille Math agus a Threud

<sup>1</sup>“Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh ribh, an neach nach tèid a-steach do chrò nan caorach tron doras, ach a shreapas suas air dhòigh eile, 's e mèirleach agus creachadair a th' ann.

<sup>2</sup>Ach an neach a thèid a-steach air an doras, is esan buachaille nan caorach.

<sup>3</sup>Dhàsan fosglaidh an dorsair an doras, agus cluinnidh na caoraich a ghuth, agus gairmidh e a chaoraich fhèin air an ainm, agus treòraichidh e a-mach iad.

<sup>4</sup>Nuair a tha e air a chuid fhèin gu lèir a thoirt a-mach, tha e a' dol romhpa, agus tha na caoraich ga leantainn a chionn 's gun aithne dhaibh a ghuth.

<sup>5</sup>Cha lean iad coigreach, ach teichidh iad uaithe, a chionn 's nach aithne dhaibh guth coigrich.”

<sup>6</sup>Chleachd Ìosa an samhla seo, ach cha do thuig iadsan dè a bha e ag ràdh riutha.

<sup>7</sup>Mar sin thuir Ìosa riutha a-rithist, “Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh ribh gur mise doras nan caorach.

<sup>8</sup>Iadsan uile a thàinig romhamsa, 's e mèirlich agus creachadairean a bh' annta, ach cha do dh'èist na caoraich riutha.

<sup>9</sup>Is mise an doras; ma thig neach sam bith a-steach tromhamsa, thèid a theàrnadh, agus thèid e a-steach agus a-mach, agus gheibh e ionaltradh.

<sup>10</sup>Cha tig am mèirleach ach a ghoid agus a mharbhadh agus a mhilleadh; thàinig mise airson 's gum biodh beatha aca, agus gum biodh i aca ann am pailteas.

<sup>11</sup>“Is mise am buachaille math. Leigidh am buachaille math a bheatha sìos airson nan caorach.

<sup>12</sup>Ach esan a tha na fhear-tuarastail, agus nach eil na bhuachaille, agus nach ann leis fhèin a tha na caoraich, chì e am madadh-allaidh a' tighinn agus fàgaidh e na caoraich is teichidh e, agus glacaidh am madadh-allaidh iad agus sgapaidh e iad.

<sup>13</sup>Teichidh e a chionn 's gur e fear-tuarastail a th' ann, agus nach eil cùram aige dha na caoraich.

<sup>14</sup>“Is mise am buachaille math; is aithne dhomh mo chaoraich fhèin agus is aithne dha mo chaoraich fhèin mise –

<sup>15</sup>dìreach mar as aithne dhan Athair mise agus mar as aithne dhòmhsa an t-Athair – agus tha mi a' leigeil mo bheatha sìos airson nan caorach.

<sup>16</sup>Tha caoraich eile agam nach eil dhen chrò seo. Feumaidh mi iad sin a threòrachadh cuideachd. Èistidh iadsan cuideachd rim ghuth, agus bidh aon treud ann agus aon bhuachaille.

<sup>17</sup>A chionn 's gu bheil mi a' leigeil sìos mo bheatha, airson a togail suas a-rithist, air an adhbhar seo tha an t-Athair ga mo ghràdhachadh.

<sup>18</sup>Chan eil neach sam bith ga toirt uam, ach tha mi ga leigeil sìos a rèir mo thoil fhèin. Tha ùghdarras agam a leigeil sìos agus ùghdarras a togail suas a-rithist. An àithne seo fhuair mi om Athair.”

<sup>19</sup>Dh'èirich sgaradh a-rithist am measg nan lùdhach air sgàth nam briathran seo.

<sup>20</sup>Thuir mòran dhiubh, “Tha deamhan ann agus tha e às a rian. Carson a tha sibh ag èisteachd ris?”

<sup>21</sup>Thuir cuid eile, “Chan iad seo briathran duine anns a bheil deamhan. A bheil deamhan comasach air sùilean nan dall fhosgladh?”

### **Eas-Creideamh nan lùdhach**



- <sup>22</sup>Aig an àm sin bha Fèill an Ath-Choisrigidh ann an Ierusalem. B' e an geamhradh a bh' ann,
- <sup>23</sup>agus bha Iòsa a' coiseachd anns an teampall ann an sgàil-thaigh Sholaimh.
- <sup>24</sup>Chruinnich na h-lùdhaich timcheall air, agus thuir iad ris, “Dè cho fada 's a chumas tu fo theagamh sinn? Mas tu Crìosd, innis dhuinn gu follaiseach.”
- <sup>25</sup>Fhreagair Iòsa iad, “Dh'innis mi dhuibh, ach cha do chreid sibh. Na h-obraichean a tha mi a' dèanamh ann an ainm m' Athar, tha iad sin a' toirt fianais mum dheidhinn,
- <sup>26</sup>ach chan eil sibhse a' creidsinn, a chionn 's nach ann dhèan chaoraich a tha sibh.
- <sup>27</sup>Tha mo chaoraich-sa ag èisteachd rim ghuth agus is aithne dhòmhsa iad, agus tha iad gam leantainn.
- <sup>28</sup>Tha mi a' toirt na beatha sìorraidh dhaibh agus cha tèid an sgrios gu bràth; cha mhotha a spìonas neach sam bith às mo làimh iad.
- <sup>29</sup>M' Athair, a th' air an toirt dhòmhsa, is motha esan na na h-uile; chan urrainn do neach sam bith an spìonadh à làimh m' Athar.
- <sup>30</sup>Mise agus an t-Athair, is aon sinn.”
- <sup>31</sup>Thog na h-lùdhaich clachan a-rithist airson a chlachadh.
- <sup>32</sup>Fhreagair Iòsa iad, “Sheall mi dhuibh mòran obraichean matha on Athair. Dè an tè dhe na h-obraichean sin as adhbhar dhuibh a bhith a' dol gam chlachadh?”
- <sup>33</sup>Fhreagair na h-lùdhaich e, “Chan ann airson obair mhath a tha sinn a' dol gad chlachadh, ach airson toibheim, a chionn 's gu bheil thusa, nach eil ach nad dhuine, a' dèanamh Dia dhìot fhèin.”
- <sup>34</sup>Fhreagair Iòsa iad, “Nach eil e sgrìobhte nur lagh-se, ‘Thuir mi, is diathan sibh’?
- <sup>35</sup>Ma ghabh e ‘diathan’ orrasan chun an tàinig facal Dhè – agus chan fhaodar an Sgrìobtar a bhriseadh –
- <sup>36</sup>an can sibh ris-san, a naomhaich an t-Athair agus a chuir e dhan t-saoghal, ‘Tha thu ag ràdh toibheim,’ a chionn 's gun tuirt mi, ‘Is mise Mac Dhè’?
- <sup>37</sup>Mura dèan mi obraichean m' Athar, na creidibh mi.
- <sup>38</sup>Ach ma nì mi iad, ged nach eil sibh gam chreidsinn-sa, creidibh na h-obraichean, airson gum bi fios agaibh agus gun tuig sibh gu bheil an t-Athair annamsa, agus mise anns an Athair.”

<sup>39</sup>Dh'fheuch iad ri a ghlacadh a-rithist, ach chaidh e às an làmhan.

<sup>40</sup>Agus chaidh e a-rithist thar lòrdain, dhan àite far an robh Eòin air a bhith a' baisteadh an toiseach, agus dh'fhuirich e an sin.

<sup>41</sup>Thàinig mòran thuige. Agus thuirt iad, “Cha do rinn Eòin aon chomharra mìorbhaileach, ach bha a h-uile rud a thuirt Eòin mun duine seo fìor.”

<sup>42</sup>Agus chreid mòran ann anns an àite sin.

## **Eòin 11**

### **Bàs Làsaris**

<sup>1</sup>A-nis bha duine àraidh tinn, Làsaras, o Bhetani, baile Màiri is Marta a piuthar.

<sup>2</sup>B' i a' Mhàiri sin aig an robh a bràthair Làsaras gu tinn a dh'ung an Tighearna le acfhainn, agus a thiormaich a chasan le a falt.

<sup>3</sup>Mar sin chuir na peathraichean fios thuige, ag ràdh, “A Thighearna, tha an neach as gràdhach leat tinn.”

<sup>4</sup>Ach nuair a chuala Ìosa seo, thuirt e, “Chan ann gu bàs a thig an tinneas seo, ach gu glòir Dhè, airson 's gum bi Mac Dhè air a ghlòrachadh troimhe.”

<sup>5</sup>A-nis bha gràdh aig Ìosa air Marta agus air a piuthair agus air Làsaras.

<sup>6</sup>Mar sin, nuair a chuala e gun robh esan tinn, dh'fhan e dà latha a bharrachd anns an àite far an robh e.

<sup>7</sup>Às dèidh sin, thuirt e ri a dheisciobail, “Rachamaid a-rithist a dh'ludèa.”

<sup>8</sup>Thuirt na deisciobail ris, “A Rabaidh, o chionn ghoirid bha na h-lùdhaich ag iarraidh do chlachadh, agus a bheil thu a' dol an sin a-rithist?”

<sup>9</sup>Fhreagair Ìosa, “Nach eil dà uair dheug anns an latha? Ma choisicheas duine sam bith san latha, cha tuislich e, a chionn 's gu bheil e a' faicinn solas an t-saoghail seo.

<sup>10</sup>Ach ma choisicheas duine sam bith air an oidhche, tuislichidh e, a chionn 's nach eil an solas ann.”

<sup>11</sup>Às dèidh dha na rudan seo a ràdh thuirt e riutha, “Tha ar caraid Làsaras air tuiteam na chadal, ach tha mise a' dol an sin ga dhùsgadh.”

<sup>12</sup>Thuirt na deisciobail, “A Thighearna, ma tha e air tuiteam na chadal, bidh e slàn.”

<sup>13</sup>A-nis bha Ìosa air bruidhinn mu a bhàs, ach shaoil iadsan gun robh e a' bruidhinn mu fhois cadail.

**14**Mar sin thuir Ìosa an uair sin riutha gu soilleir, “Tha Làsaras air bàsachadh,  
**15**agus tha mi toilichte air ur son-se nach robh mi ann, airson 's gun creid sibh. Ach rachamaid thuige.”

**16**An uair sin thuir Tòmas (ris an canar Didimus) ri a cho-dheisciobail, “Rachamaid-ne cuideachd, airson 's gum faod sinn bàsachadh còmhla ris.”

### **Ìosa a' Cofhurtachadh Peathraichean Làsaris**

**17**Nuair a ràinig Ìosa, fhuair e a-mach gun robh Làsaras air a bhith ceithir latha mu thràth anns an tuam.

**18**Bha Betani mu thrì cilemeatair o Ierusalem.

**19**Agus bha mòran dhe na h-lùdhaich air tighinn gu Marta is Màiri, airson cofhurtachd a thoirt dhaibh a thaobh am bràthar.

**20**Mar sin, nuair a chuala Marta gun robh Ìosa a' tighinn, chaidh i na choinneamh, ach dh'fhan Màiri na suidhe anns an taigh.

**21**Thuir Marta ri Ìosa, “A Thighearna, nan robh thusa air a bhith an seo, cha robh mo bhràthair air bàsachadh.

**22**Ach fiù 's an-dràsta tha fios agam, ge b' e dè na rudan a dh'iarras tu air Dia, gun toir Dia dhut iad.”

**23**Thuir Ìosa rithe, “Èiridh do bhràthair a-rithist.”

**24**Thuir Marta ris, “Tha fios agam gun èirich e a-rithist anns an aiseirigh air an latha dheireannach.”

**25**Thuir Ìosa rithe, “Is mise an aiseirigh agus a' bheatha. Ge b' e cò a chreideas annamsa, ged a gheibheadh e bàs, bidh e beò;

**26**agus ge b' e neach a tha beò agus a' creidsinn annamsa, chan fhaigh e bàs gu bràth. A bheil thu a' creidsinn seo?”

**27**Thuir i ris, “Tha, a Thighearna, tha mi a' creidsinn gur tusa an Crìosd, Mac Dhè, a bha a' dol a thighinn a-steach dhan t-saoghal.”

**28**Às dèidh dhi seo a ràdh, dh'fhalbh i agus ghairm i air a piuthar Màiri, ag ràdh gu dìomhair, “Tha an Neach-Teagaisg an seo, agus tha e gad ghairm.”

**29**Agus nuair a chuala ise seo, dh'èirich i gu luath agus chaidh i thuige.

**30**A-nis cha robh Ìosa fhathast air tighinn a-steach dhan bhaile, ach bha e fhathast anns an àite far an do choinnich Marta ris.

**31**Bha lùdhaich còmhla rithe anns an taigh a' toirt cofhurtachd dhi. Nuair a chunnaic iad Màiri ag èirigh gu luath agus a' dol a-mach, lean iad i, a' smaoineachadh gun robh i a' dol chun an tuaim a chaoineadh an sin.

**32**Mar sin, nuair a thàinig Màiri dhan àite far an robh Ìosa agus a chunnaic i e, thuit i aig a chasan, ag ràdh ris, “A Thighearna, nan robh thusa air a bhith an seo, cha robh mo bhràthair air bàsachadh.”

**33**Nuair a chunnaic Ìosa i a' caoineadh, agus na h-lùdhaich a thàinig còmhla rithe cuideachd a' caoineadh, bha e air a ghluasad gu domhainn na spiorad, agus fo chùram mòr.

**34**Agus thuirt e, “Càit an do chuir sibh e?” Thuirt iad ris, “A Thighearna, thig agus faic.”

**35**Chaoin Ìosa.

**36**Mar sin thuirt na h-lùdhaich, “Seall mar a ghràdhaich e e!”

**37**Ach thuirt cuid dhiubh, “Nach b' urrainn dhan duine seo, a dh'fhosgail sùilean an fhir a bha dall, cuideachd a bhith air am fear seo a chumail on bhàs?”

### **Ìosa a' Togail Làsarais o na Mairbh**

**38**An uair sin thàinig Ìosa, air a ghluasad gu domhainn a-rithist, chun an tuaim. B' e uamh a bh' ann, agus bha clach air a cur ri a h-aghaidh.

**39**Thuirt Ìosa, “Thoiribh air falbh a' chlach.” Thuirt Marta, piuthar an duine mhairbh, ris, “A Thighearna, mun àm seo bidh droch fhàileadh dheth, oir is e seo an ceathramh latha on a bhàsaich e.”

**40**Thuirt Ìosa rithe, “Nach tuirt mi riut, nan creideadh tu, gum faiceadh tu glòir Dhè?”

**41**Mar sin thug iad air falbh a' chlach. Agus sheall Ìosa suas, is thuirt e, “Athair, tha mi a' toirt taing dhut gu bheil thu air mo chluinntinn.”

**42**Tha fios agam gu bheil thu gam chluinntinn an-còmhnaidh, ach thuirt mi seo air sgàth an t-sluaigh a tha nan seasamh mun cuairt, airson 's gun creid iad gun do chuir thusa a-mach mi.”

**43**Nuair a bha e air na rudan seo a ràdh, dh'èigh e le guth mòr, “A Làsarais, thig a-mach!”

**44**Thàinig esan a bha air bàsachadh a-mach, a chasan agus a làmhan ceangailte leis an aodach-mhairbh, agus bha aghaidh air a suaineadh le clò-aodainn. Thuirt Ìosa riutha, “Fuasglaibh e, agus leigibh leis falbh.”

### **Innleachd airson Ìosa a Mharbhadh**

**45**Chreid mòran dhe na h-lùdhaich, a bh' air tighinn gu Màiri agus a chunnaic na rinn e, ann an Ìosa.

**46**Ach dh'fhalbh cuid dhiubh gu na Pharasaich agus dh'innis iad dhaibh na rudan a rinn Ìosa.

**47**Mar sin chruinnich na h-àrd-shagartan agus na Pharasaich an Comhairle, agus dh'fhaighnich iad, “Dè a nì sinn? Oir tha an duine seo a' dèanamh mòran chomharraidhean mìorbhaileach.

**48**Ma leigeas sinn leis cumail air mar seo, creididh na h-uile ann, agus thig na Ròmanaich agus bheir iad air falbh an dà chuid ar n-àite agus ar nàisean.”

**49**Ach thuirt fear dhiubh, Caiaphas, a bha na àrd-shagart air a' bhliadhna sin, riutha, “Chan aithne dhuibh rud sam bith!

**50**Cha mhotha a tha sibh a' tuigsinn gum biodh e na b' fheàrr dhuibh nam bàsaicheadh aon duine airson an t-sluaigh, agus nach biodh an nàisean gu lèir air a sgrios.”

**51**Cha b' ann uaithe fhèin a thuirt e seo, ach a chionn 's gun robh e na àrd-shagart air a' bhliadhna sin, rinn e fàidheadaireachd gum faigheadh Ìosa bàs airson an nàisein,

**52**agus chan ann airson an nàisein a-mhàin, ach cuideachd airson 's gun cruinnicheadh e còmhla, nan aon, clann Dhè a bh' air an sgapadh mu sgaoil.

**53**Mar sin, on latha sin a-mach, rinn iad innleachd airson esan a chur gu bàs.

**54**Mar sin cha do choisich Ìosa tuilleadh gu follaiseach am measg nan lùdhach, ach chaidh e às a sin dhan sgìre a bha faisg air an fhàsach, gu baile ris an canar Ephraim, agus an sin dh'fhuirich e còmhla ri a dheisciobail.

**55**Bha Càisg nan lùdhach faisg, agus chaidh mòran suas às an dùthaich a dh'Ierusalem ron Chàisg, airson iad fhèin a ghlanadh gu deas-ghnàthach.

**56**Mar sin bha iad a' lorg Ìosa, agus ag ràdh ri chèile, fhad 's a bha iad nan seasamh anns an teampall, “Dè ur barail-se? Cha tig e chun na Fèille, an tig?”

**57**A-nis bha na h-àrd-shagartan agus na Pharasaich air àithntean a thoirt seachad, nam biodh fios aig neach sam bith càit an robh e, gun innseadh e dhaibh e, airson 's gun glacadh iad e.

## **Eòin 12**

### **Ìosa air Ungadh aig Betani**

**1**Sia latha ron Chàisg, thàinig Ìosa gu Betani, far an robh Làsaras, a bha e air a thogail o na mairbh.

**2**An uair sin rinn iad suipear dha an sin. Bha Marta a' frithealadh agus bha Làsaras na aon dhiubhsan a shuidh aig a' bhòrd còmhla ris.

<sup>3</sup>An uair sin ghabh Màiri mu leth liotair de dh'fhìor nàrd, acfhainn fìor chosgail, agus dh'ung i casan Ìosa agus thiormaich i a chasan le a falt. Chaidh an taigh a lìonadh le fàileadh cùbhraidh na h-acfhainne.

<sup>4</sup>Ach thuirte aon dhe na deisciobail aige, Iùdas Iscariot, a bha a' dol ga bhrathadh,

<sup>5</sup>“Carson nach deach an acfhainn seo a reic airson tuarastal aon bhliadhna agus nach deach a thoirt dha na bochdan?”

<sup>6</sup>Cha b' ann a chionn 's gun robh e fo chùram mu na bochdan a thuirte e seo, ach a chionn 's gum b' e mèirleach a bh' ann; bha an sporan aige agus bhiodh e a' togail leis na chaidh a chur ann.

<sup>7</sup>Agus thuirte Ìosa, “Leig leatha, ach an glèidh i e airson latha m' adhlacaidh.

<sup>8</sup>Oir tha na bochdan agaibh còmhla ribh an-còmhnaidh, ach chan eil mise agaibh an-còmhnaidh.”

<sup>9</sup>Nuair a fhuair sluagh mòr dhe na h-lùdhaich a-mach gun robh e an sin, thàinig iad, cha b' ann air sgàth Ìosa a-mhàin, ach cuideachd airson Làsaras fhaicinn, a thog esan o na mairbh.

<sup>10</sup>Ach rinn na h-àrd-shagartan innleachd airson Làsaras a mharbhadh cuideachd,

<sup>11</sup>a chionn 's air a sgàth-san gun robh mòran dhe na h-lùdhaich a' falbh agus a' creidsinn ann an Ìosa.

### **An Dol-a-Steach Buadmhor**

<sup>12</sup>An ath latha, chuala am mòr-shluagh a bh' air tighinn chun na Fèille gun robh Ìosa a' tighinn gu Ierusalem.

<sup>13</sup>Ghlac iad geugan pailme, agus chaidh iad a-mach ga choinneachadh, ag èigheach, “Hosanna!” “Is beannaichte esan a tha a' tighinn ann an ainm an Tighearna!” “Rìgh Israeil!”

<sup>14</sup>Lorg Ìosa asal òg, agus shuidh e oirre, a rèir mar a tha e sgrìobhte,

<sup>15</sup>“Na biodh eagal ort, a nighean Shioin; seall, tha do Rìgh a' tighinn, na shuidhe air searrach asail.”

<sup>16</sup>Cha do thuig a dheisciobail na rudan seo aig an àm, ach nuair a chaidh Ìosa a ghlòrachadh, an uair sin chuimhnich iad gun robh na rudan seo sgrìobhte ma dheidhinn, agus gun deach na rudan seo a dhèanamh air a shon.

<sup>17</sup>Mar sin lean an sluagh orra a' toirt fianais; iadsan a bha còmhla ris nuair a ghairm e Làsaras às an tuam agus a thog e o na mairbh e.

**18**B' ann air an adhbhar seo a chaidh an sluagh a-mach ga choinneachadh, a chionn 's gun cuala iad gun do rinn e an comharra mìorbhaileach seo.

**19**Mar sin thuirt na Pharasaich ri càch-a-chèile, “Tha sibh a' faicinn nach eil sibh a' buannachadh rud sam bith. Seallaibh, tha an saoghal air a dhol às a dhèidh!”

### **Ìosa a' Fàidheadaireachd mu a Bhàs**

**20**A-nis bha Greugaich àraidh am measg na muinntir a chaidh suas airson adhradh a dhèanamh aig an Fhèill.

**21**Mar sin thàinig iadsan gu Philip, a bha o Bhetsaida ann an Galile, agus dh'fhaighnich iad dha, “A thighearna, bu toigh leinn Ìosa fhaicinn.”

**22**Dh'fhalbh Philip agus dh'innis e do dh'Anndra; agus dh'innis Anndra agus Philip do dh'Ìosa.

**23**Agus fhreagair Ìosa iad, “Tha an uair air tighinn airson Mac an Duine a bhith air a ghlòrachadh.

**24**Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh ribh, mura tuit gràinne cruithneachd dhan talamh agus gum bàsaich i, fanaidh i na h-aonar, ach ma bhàsaicheas i, bheir i a-mach toradh mòr.

**25**Ge b' e cò a ghràdhaicheas a bheatha, caillidh e i, agus esan a dh'fhuathaicheas a bheatha anns an t-saoghal seo, gleidhidh e i airson na beatha sìorraidh.

**26**Ma nì neach sam bith seirbheis dhòmhsa, feumaidh e mo leantainn; agus ge b' e àite anns am bi mise, an sin bidh mo sheirbheiseach cuideachd. Ma nì neach sam bith seirbheis dhòmhsa, bheir m' Athair urram dha.

**27**“A-nis tha m' anam fo àmhghar, agus dè a chanas mi? ‘Athair, sàbhail mi on uair seo?’ Ach is ann air an adhbhar seo a thàinig mi chun na h-uarach seo.

**28**Athair, glòraich d' ainm!” An uair sin thàinig guth o nèamh, ag ràdh, “Tha mi air a ghlòrachadh, agus glòraichidh mi a-rithist e.”

**29**Thuirt an sluagh, a sheas an làthair agus a chuala e, gun robh tàirneanach air a bhith ann. Thuirt feadhainn eile, “Bhruidhinn aingeal ris.”

**30**Fhreagair Ìosa, “Cha b' ann air mo shon-sa a thàinig an guth seo, ach air ur son-se.

**31**A-nis tha breitheanas an t-saoghail seo ann; a-nis bidh riaghladair an t-saoghail seo air a thilgeil a-mach.

**32**Agus mise, nuair a bhios mi air mo thogail suas on talamh, tàirngidh mi na h-uile thugam.”

**33** Ach thuir e seo airson comharrachadh dè an seòrsa bàis leis an robh e a' dol a bhàsachadh.

**34** Fhreagair an sluagh e, “Chuala sinne on lagh gum fan an Crìosd gu sìorraidh. Ciamar as urrainn dhutsa a ràdh gum feum Mac an Duine a bhith air a thogail suas? Cò e Mac an Duine seo?”

**35** Thuir Ìosa riutha, “Tha an solas nur measg airson ùine bhig fhathast. Coisichibh cho fada 's a tha an solas agaibh, airson 's nach beir an dorchadas oirbh. Oir an neach a tha a' coiseachd anns an dorchadas, chan aithne dha càit a bheil e a' dol.

**36** Cho fada 's a tha an solas agaibh, creidibh anns an t-solas airson 's gun tig sibh gus a bhith nur cloinn de sholas.” Nuair a bha Ìosa air na rudan seo a ràdh dh'fhalbh e, agus dh'fhalaich e e fhèin uapa.

### **Na h-lùdhaich a' Cumail orra nan Eas-Creideamh**

**37** Ged a bha e air na h-uimhir de chomharraidhean mìorbhaileach a dhèanamh man coinneamh, cha robh iad fhathast a' creidsinn ann.

**38** Bha seo airson 's gum biodh am facal a thuir am fàidh Isaiah air a choileanadh: “A Thighearna, cò a chreid ar teachdaireachd agus cò dha a bha gàirdean an Tighearna air fhoillseachadh?”

**39** Cha robh e an comas dhaibh creidsinn, a chionn 's gun tuir Isaiah cuideachd,

**40** “Tha e air an sùilean a dhalladh agus air an cridhe a dhèanamh cruaidh, airson 's nach faic iad len sùilean agus nach tuig iad len cridhe, agus nach tionndaidheadh iad 's gun slànaichinn-sa iad.”

**41** Thuir Isaiah na rudan seo a chionn 's gum faca e glòir Ìosa, agus bhruidhinn e ma dheidhinn-san.

**42** A dh'aindeoin sin, chreid mòran fiù 's dhen luchd-riaghlaidh ann. Ach air sgàth nam Pharasach cha do dh'aidich iad e, airson 's nach deigheadh an cur a-mach às an t-sionagog;

**43** oir bu ghràdhach leotha glòir dhaoine os cionn glòir Dhè.

**44** Agus dh'èigh Ìosa, “An neach a chreideas annamsa, chan ann annamsa a tha e a' creidsinn, ach anns an aon a chuir a-mach mi.

**45** Agus an neach a tha gam fhaicinn-sa, tha e a' faicinn an aoin a chuir a-mach mi.

**46** Tha mi air tighinn a-steach dhan t-saoghal nam sholas, airson 's, ge b' e cò a chreideas annamsa, nach fan e anns an dorchadas.



<sup>47</sup>“Ma chluinneas neach sam bith mo bhriathran-sa, agus nach cùm e iad, chan eil mise a' toirt breith air. Oir cha tàinig mi airson breith a thoirt air an t-saoghal, ach airson an saoghal a shaoradh.

<sup>48</sup>An neach a tha gam dhiùltadh-sa, agus nach eil a' gabhail rim bhriathran, tha aon ann a bheir breith air; am facal a thubhairt mi, bheir e breith air, air an latha dheireannach.

<sup>49</sup>Oir cha do bhruidhinn mi uam fhèin, ach thug an t-Athair fhèin a chuir a-mach mi àithne dhomh mu na chanainn agus dè a chanainn.

<sup>50</sup>Agus tha fios agam gur e beatha shìorraidh a tha na àithne-san. Mar sin, na rudan a tha mi ag ràdh, tha mi ag ràdh mar a dh'innis an t-Athair dhomh.”

## **Eòin 13**

### **Ìosa a' Nighe Casan a Dheisciobal**

<sup>1</sup>A-nis ro Fhèill na Càisge, nuair a b' aithne do dh'Ìosa gun robh an uair aige air tighinn airson a dhol às an t-saoghal seo chun an Athar, às dèidh dha a mhuinntir fhèin a bh' anns an t-saoghal a ghràdhachadh, ghràdhaich e chun an deiridh iad.

<sup>2</sup>Agus fhad 's a bha iad aig suipear, bha an diabhal mu thràth air a chur ann an cridhe Iùdais Iscariot, mac Shìmoin, esan a bhrath.

<sup>3</sup>Bha fios aig Ìosa gun tug an t-Athair a h-uile rud dha na làmhan, agus gur ann o Dhia a thàinig e, agus gur ann gu Dia a bha e a' dol.

<sup>4</sup>Dh'èirich Ìosa on t-suipeir, agus chuir e dheth an t-aodach-uachdair aige, agus a' gabhail grèim air searbhadair, shuain e mun cuairt air fhèin e.

<sup>5</sup>An uair sin, dhòirt e uisge ann an soitheach-nighe, agus thòisich e air casan nan deisciobal a nighe agus an tiormachadh leis an t-searbhadair a bha suainte mun cuairt air fhèin.

<sup>6</sup>Thàinig e gu Sìmon Peadar, a thuir ris, “A Thighearna, a bheil thusa a' dol a nighe mo chasan-sa?”

<sup>7</sup>Fhreagair Ìosa, “An rud seo a tha mi a' dèanamh cha tuig thusa an-dràsta, ach tuigidh tu às dèidh seo.”

<sup>8</sup>Thuir Peadar ris, “Cha nigh thu mo chasan-sa gu bràth.” Fhreagair Ìosa e, “Mura nigh mi thu, chan eil pàirt agad còmhla rium.”

<sup>9</sup>Thuir Sìmon Peadar ris, “A Thighearna, chan iad mo chasan a-mhàin, ach cuideachd mo làmhan agus mo cheann!”

<sup>10</sup>Fhreagair Ìosa, “An neach a th' air a nighe, chan eil feum aige ach air a chasan a ghlanadh agus tha e gu h-iomlan glan. Agus tha sibhse glan, ach chan eil a h-uile h-aon agaibh glan.”

**11**Oir bha fios aige cò a bha a' dol ga bhrathadh; b' ann air an adhbhar sin a thuir e, “Chan eil a h-uile h-aon agaibh glan.”

**12**Mar sin, às dèidh dha an casan a nighe, agus a chuid aodaich uachdair a chur air, shuidh e air ais na àite fhèin, agus thuir e riutha, “A bheil sibh a' tuigsinn dè a rinn mi dhuibh?”

**13**Tha sibh a' gabhail Fear-Teagaisg agus Tighearna ormsa, agus tha sibh ceart, oir is e sin a th' annam.

**14**Mar sin, ma nigh mise – ur Tighearna agus ur Fear-Teagaisg – ur casan-se, bu chòir dhuibhse cuideachd casan a chèile a nighe.

**15**Oir thug mi eisimpleir dhuibh, airson 's gun dèanadh sibhse cuideachd mar a rinn mise dhuibhse.

**16**Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh ribh, chan eil seirbheiseach nas motha na a mhaighstir, agus chan eil teachdaire nas motha na an neach a chuir a-mach e.

**17**Mas aithne dhuibh na rudan seo, is beannaichte a tha sibh ma nì sibh iad.”

#### **Ìosa a' Fàidheadaireachd mu a Bhrathadh**

**18**“Chan eil mi a' bruidhinn mur deidhinn uile; is aithne dhomh cò iad a thagh mi. Ach feumaidh an Sgrìobtar a bhith air a choileanadh: ‘An neach a tha ag ithe m' aran-sa, thog e a shàil nam aghaidh.’”

**19**“Tha mi ag innse seo dhuibh a-nis mus tachair e, airson 's nuair a thachras e, gun creid sibh gur mise esan.

**20**Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh ribh, ge b' e cò a ghabhas ri neach sam bith a chuireas mise a-mach, tha e a' gabhail riumsa, agus ge b' e cò a ghabhas riumsa, tha e a' gabhail ris an aon a chuir a-mach mi.”

**21**Às dèidh do dh'Ìosa na rudan seo a ràdh, bha e fo dhragh mòr na spiorad, agus thug e fianais, “Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh ribh gum brath aon agaibh mise.”

**22**Sheall na deisciobail ri chèile agus iad mì-chinnteach a thaobh cò ma dheidhinn a bha e a' bruidhinn.

**23**Bha aon dhe na deisciobail aige, am fear a bu ghràdhach le Ìosa, na shìneadh air com Ìosa.

**24**Mar sin smèid Sìmon Peadar ris-san, airson 's gum faighnicheadh e do dh'Ìosa cò mu dheidhinn a bhruidhinn e.

**25**A' sìneadh air ais mar sin air com Ìosa, thuir e ris, “A Thighearna, cò e?”

**26**Fhreagair Ìosa, “Is esan an neach sin dhan toir mise an grèim arain seo, às dèidh dhomh a bhogadh.” Agus nuair a bhog e an grèim, thug e do dh'Ìudas, mac Shìmoin Iscariot, e.

**27**An uair sin, às dèidh dha an grèim a ghabhail, chaidh an Sàtan a-steach ann. Mar sin thuirte Ìosa ris, “An rud a tha thu a' dol a dhèanamh, dèan gu luath e.”

**28**Ach cha do thuig aon dhiubhsan a bha aig a' bhòrd carson a thuirte e seo ris.

**29**Shaoil cuid dhiubh, a chionn 's gun robh an sporan aig Ìudas, gun robh Ìosa ag ràdh ris, “Ceannaich na rudan a tha a dhìth oirnn airson na Fèille,” no gum bu chòir dha rudeigin a thoirt dha na bochdan.

**30**Mar sin, às dèidh dhàsan an grèim a ghabhail, chaidh e a-mach anns a' bhad; agus bha an oidhche ann.

### **Ìosa a' Fàidheadaireachd mu Àicheadh Pheadair**

**31**Nuair a bha esan air a dhol a-mach, thuirte Ìosa, “A-nis tha Mac an Duine air a ghlòrachadh, agus tha Dia air a ghlòrachadh annsan.

**32**Ma tha Dia air a ghlòrachadh annsan, glòraichidh Dia esan cuideachd ann fhèin, agus glòraichidh e anns a' bhad e.

**33**“A chlann bheag, bidh mise còmhla ribh dìreach ùine bheag fhathast. Siridh sibh mi, agus dìreach mar a thuirte mi ri na h-Ìudhaich, tha mi a-nis ag ràdh ribhse, ‘Far a bheil mise a' dol, chan urrainn dhuibhse tighinn’.

**34**“Àithne ùr tha mi a' toirt dhuibh, gun gràdhaich sibh a chèile. Dìreach mar a ghràdhaich mise sibhse, feumaidh sibh fhèin a chèile a ghràdhachadh cuideachd.

**35**Le seo aithnichidh na h-uile gur sibh mo dheisciobail-sa, ma bhios gràdh agaibh dha chèile.”

**36**Thuirte Sìmon Peadar ris, “A Thighearna, càit a bheil thu a' dol?” Fhreagair Ìosa e, “Far a bheil mise a' dol, chan urrainn dhutsa mo leantainn an-dràsta, ach leanaidh tu mi às dèidh seo.”

**37**Thuirte Peadar ris, “A Thighearna, carson nach urrainn dhomh do leantainn an-dràsta? Leigidh mise sìos mo bheatha air do shon.”

**38**Fhreagair Ìosa, “An leig thusa do bheatha sìos air mo shon-sa? Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh riut nach gairm an coileach gus an àich thu mi trì tursan.”

## **Eòin 14**

### **Ìosa a' Cofhurtachadh a Dheisciobal**

<sup>1</sup>“Na biodh ur cridhe fo thrioblaid. Creidibh ann an Dia; creidibh annamsa cuideachd.

<sup>2</sup>Ann an taigh m' Athar-sa tha iomadh seòmar; mura biodh e mar sin, bhithinn-sa air innse dhuibh. Tha mi a' dol a dh'ullachadh àite dhuibh.

<sup>3</sup>Agus ma thèid mi agus gun ullaich mi àite dhuibh, thig mi a-rithist, agus gabhaidh mi sibh thugam fhèin, airson 's far a bheil mise, gum bi sibhse cuideachd.

<sup>4</sup>Agus is aithne dhuibh an t-slighe air a bheil mi a' dol.”

### **Ìosa an t-Slighe chun an Athar**

<sup>5</sup>Thuir Tòmas ris, “A Thighearna, chan eil fios againn càit a bheil thu a' dol; ciamar as urrainn eòlas a bhith againn air an t-slighe?”

<sup>6</sup>Thuir Ìosa ris, “Is mise an t-slighe, agus an fhìrinn, agus a' bheatha. Cha tig neach sam bith chun an Athar ach tromhamsa.

<sup>7</sup>Nam biodh aithne air a bhith agaibh ormsa, bhiodh aithne air a bhith agaibh air m' Athair cuideachd. A-nis is aithne dhuibh e, agus chunnaic sibh e.”

<sup>8</sup>Thuir Philip ris, “A Thighearna, foillsich an t-Athair dhuinne, agus bidh sin gu leòr dhuinn.”

<sup>9</sup>Thuir Ìosa ris, “A bheil mise air a bhith ùine cho fada còmhla ribh, agus nach aithne dhut fhathast mi, Philip? An neach a chunnaic mise, chunnaic e an t-Athair. Ciamar as urrainn dhut a ràdh, ‘Foillsich an t-Athair dhuinne?’

<sup>10</sup>Nach eil thusa a' creidsinn gu bheil mise anns an Athair, agus an t-Athair annamsa? Na briathran a tha mi ag ràdh ribh, chan ann uam fhèin a tha mi gan ràdh. Ach an t-Athair, a tha a' fantainn annamsa, tha esan a' dèanamh a chuid obraichean fhèin.

<sup>11</sup>Creidibh mise gu bheil mi anns an Athair, agus an t-Athair annamsa; no creidibh mi air sgàth nan obraichean fhèin.

<sup>12</sup>Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh ribh, ge b' e cò a chreideas annamsa, nì esan cuideachd na h-obraichean a tha mise a' dèanamh. Agus nì e obraichean nas motha na iad seo, a chionn 's gu bheil mise a' dol chun an Athar.

<sup>13</sup>Agus ge b' e rud a dh'iarras sibh nam ainm-sa, nì mise sin, airson 's gum bi an t-Athair air a ghlòrachadh anns a' Mhac.

<sup>14</sup>Ma dh'iarras sibh rud sam bith nam ainm-sa, nì mise e.”

### **Ìosa a' Gealltainn an Spioraid Naoimh**

<sup>15</sup>“Ma tha gràdh agaibh ormsa, cumaidh sibh m' àithntean.

**16** Agus iarraidh mise air an Athair, agus bheir e dhuibh Neach-Cuideachaidh eile, airson fantainn còmhla ribh gu bràth –

**17** Spiorad na Fìrinn – nach urrainn dhan t-saoghal a ghabhail, a chionn 's nach eil e ga fhaicinn no eòlach air. Is aithne dhuibhse e, oir tha e a' fantainn còmhla ribh, agus bidh e annaibh.

**18** Chan fhàg mi sibh nur dilleachdain; thig mi thugaibh.

**19** Ùine bheag fhathast agus chan fhaic an saoghal tuilleadh mi, ach chì sibhse mi. A chionn 's gu bheil mise beò, bidh sibhse beò cuideachd.

**20** Air an latha sin bidh fios agaibh gu bheil mise anns an Athair, agus sibhse annamsa, agus mise annaibhse.

**21** Ge b' e cò aig a bheil m' àithntean-sa agus a tha gan cumail, is ann aigesan a tha gràdh dhòmhsa. Agus an neach aig a bheil gràdh dhòmhsa, bidh e air a ghràdhachadh lem Athair, agus gràdhaichidh mise e agus foillsichidh mise mi fhèin dha.”

**22** Thuirt Iùdas (chan e Iscariot) ris, “A Thighearna, carson a dh'fhoillsicheas tu thu fhèin dhuinne, agus nach dèan thu sin dhan t-saoghal?”

**23** Fhreagair Ìosa, “Ma ghràdhaicheas neach sam bith mise, cumaidh e m' fhacal, agus gràdhaichidh m' Athair esan, agus thig sinn thuige, agus nì sinn ar n-àite-fuirich còmhla ris.

**24** Ge b' e cò nach gràdhaich mise, cha chùm e mo bhriathran. Agus am facal a tha sibh a' cluinntinn, chan ann leamsa a tha e, ach leis an Athair a chuir a-mach mi.

**25** “Na rudan seo tha mi air a ràdh ribh fhad 's a tha mi fhathast còmhla ribh.

**26** Ach an Neach-Cuideachaidh, an Spiorad Naomh, a chuireas an t-Athair a-mach nam ainm-sa, teagaisgidh esan dhuibh a h-uile rud, agus cuiridh e an cuimhne dhuibh gach rud a thuirt mise ribh.

**27** Sìth tha mi a' fàgail agaibh, mo shìth-sa tha mi a' toirt dhuibh. Chan ann mar a bheir an saoghal a tha mise a' toirt dhuibh. Na biodh ur cridhe fo thrioblaid, agus na biodh eagal oirbh.

**28** “Chuala sibh mi ag ràdh ribh, ‘Tha mi a' falbh, agus thig mi air ais thugaibh. Nan robh gràdh agaibh dhòmhsa, bha sibh air a bhith aoibhneach, a chionn 's gu bheil mi a' dol chun an Athar, oir is motha an t-Athair na mise.

**29** Agus a-nis tha mi air seo innse dhuibh mus tig e gu bith, airson, nuair a thachras e, gun creideadh sibh.

**30** Cha dèan mi mòran bruidhne còmhla ribh tuilleadh, oir tha riaghladair an t-saoghail seo a' tighinn, agus chan eil grèim sam bith aigesan orm,

**31** ach tha mi a' dèanamh mar a dh'àithn an t-Athair dhomh, airson gum bi fios aig an t-saoghal gu bheil gràdh agamsa air an Athair. “Èiribh, rachamaid às a seo.”

## Eòin 15

### Am Fìonan agus na Geugan

**1** “Is mise am fìonan fìor, agus is e m' Athair an gàirnealair.

**2** Bheir e air falbh a h-uile geug annamsa nach eil a' giùlain toraidh, agus gach uile gheug a tha a' giùlain toraidh, gearraidh e air ais i, airson 's gun giùlain i barrachd toraidh.

**3** Tha sibhse glan mu thràth tron fhacal a tha mi air a ràdh ribh.

**4** Fanaibh annamsa, agus mise annaibhse. Mar nach urrainn dhan ghèig toradh a ghiùlain uaiphe fhèin mura fan i anns an fhìonan, cha mhotha as urrainn dhuibhse mura fan sibh annamsa.

**5** “Is mise am fìonan; is sibhse na geugan. An neach a dh'fhanas annamsa agus mise annsan, is esan a ghiùlaineas mòran toraidh; oir às m' aonais-sa chan urrainn dhuibh aon rud a dhèanamh.

**6** Mura fan neach annamsa, tha e air a thilgeil a-mach mar ghèig agus a' crìonadh; agus tha iad gan cruinneachadh, gan tilgeil dhan teine agus gan losgadh.

**7** Ma dh'fhanas sibhse annamsa, agus ma dh'fhanas m' fhaclan-sa annaibhse, iarraibh ge b' e dè a thogras sibh, agus bidh e air a dhèanamh dhuibh.

**8** Le seo a tha m' Athair air a ghlòrachadh, gun giùlain sibhse mòr-thoradh, agus mar sin gun dearbh sibh gur sibh mo dheisciobail-sa.

**9** “Mar a tha an t-Athair air mise a ghràdhachadh, mar sin ghràdhaich mise sibhse. Fanaibh nam ghràdh-sa.

**10** Ma chumas sibh m' àithntean, fanaidh sibh nam ghràdh; dìreach mar a chùm mise àithntean m' Athar, agus a tha mi a' fantainn na ghràdh-san.

**11** Na rudan seo tha mi air a ràdh ribh airson 's gum faodadh m' aoibhneas a bhith annaibhse, agus airson 's gum faodadh ur n-aoibhneas-se a bhith làn.

**12** Is i seo m' àithne-sa, gun gràdhaich sibhse a chèile, mar a ghràdhaich mise sibhse.

**13** Gràdh nas motha na seo chan eil aig neach sam bith, gun leig duine a bheatha sìos airson a charaidean.

**14** Is sibhse mo charaidean-sa, ma nì sibh na dh'àithneas mi dhuibh.

**15**Chan eil mi a' gabhail seirbheisich oirbh tuilleadh; oir chan aithne dhan t-seirbheiseach dè a tha a thighearna a' dèanamh. Ach tha mi air caraidean a ghabhail oirbh; oir a h-uile rud a chuala mi om Athair, rinn mi aithnichte dhuibhse.

**16**Chan e sibhse a thagh mise, ach is mise a thagh sibhse agus dh'òrdaich mi sibh airson 's gun deigheadh sibh agus gun toireadh sibh a-mach toradh, agus gum maireadh ur toradh, airson 's ge b' e rud a dh'iarras sibh on Athair nam ainm-sa, gun toir e dhuibh e.

**17**Na rudan seo tha mi ag àithne dhuibh, airson 's gun gràdhaich sibh a chèile."

### **Tha Fuath aig an t-Saoghal dha na Deisciobail**

**18**"Ma tha fuath aig an t-saoghal dhuibhse, biodh fios agaibh gun robh fuath aige dhòmhsa an toiseach mus robh fuath aige dhuibhse.

**19**Nam b' ann dhen t-saoghal a bha sibh, ghràdhaicheadh an saoghal sibh mar a chuid fhèin. Ach a chionn 's nach eil sibh dhen t-saoghal, ach gun do thagh mise sibh a-mach às an t-saoghal, air sgàth sin tha fuath aig an t-saoghal dhuibh.

**20**Cuimhnichibh am facal a thuir mi ribh: 'Chan eil seirbheiseach nas motha na a mhaighstir.' Ma rinn iad geur-leanmhainn ormsa, nì iad geur-leanmhainn oirbhse cuideachd. Ma chùm iad m' fhacal-sa, cumaidh iad ur facal-se cuideachd.

**21**Ach na rudan seo gu lèir nì iad ribh air sgàth m' ainm-sa, oir chan aithne dhaibh esan a chuir a-mach mi.

**22**Mura bithinn-sa air tighinn agus air bruidhinn riutha, cha bhiodh iad ciontach de pheacadh. A-nis, ge-tà, chan eil leisgeul aca airson an cuid peacaidh.

**23**An neach aig a bheil fuath dhòmhsa, tha fuath aige dham Athair cuideachd.

**24**Mura bithinn-sa air na h-obraichean a dhèanamh nam measg nach do rinn aon neach eile, cha bhiodh iad ciontach de pheacadh; ach a-nis chunnaic iad, agus dh'fhuathaich iad an dà chuid mise agus m' Athair.

**25**Ach rinn iad seo airson 's gun deigheadh am facal a choileanadh a tha sgrìobhte nan lagh fhèin, 'Dh'fhuathaich iad mi gun adhbhar.'

### **Obair an Spioraid Naomh**

**26**"Ach nuair a thig an Neach-Cuideachaidh a chuireas mise thugaibh on Athair, Spiorad na Fìrinn, a tha a' tighinn a-mach on Athair, bheir esan fianais mum dheidhinn-sa.

<sup>27</sup>Agus bheir sibhse fianais cuideachd, a chionn 's gu bheil sibh air a bhith còmhla rium on toiseach.

## Eòin 16

<sup>1</sup>“Na rudan seo tha mi air a ràdh ribh airson 's nach tuislich sibh.

<sup>2</sup>Cuiridh iad às an t-sionagog sibh; dha-rìribh tha an uair a' tighinn nuair a shaoileas ge b' e cò a mharbhas sibh gu bheil e a' tairgse seirbheis do Dhia.

<sup>3</sup>Agus nì iad na rudan seo air sgàth 's nach b' aithne dhaibh an t-Athair, no mise.

<sup>4</sup>Ach tha mi air na rudan seo a ràdh ribh airson 's, nuair a thig an uair, gun cuimhnich sibh gun do dh'innis mi dhuibh iad. Cha tuirt mi na rudan seo ribh on toiseach, a chionn 's gun robh mi còmhla ribh.”

<sup>5</sup>“Ach a-nis tha mi a' dol thuigesan a chuir a-mach mi, agus chan eil aon agaibhse a' faighneachd dhomh, ‘Càit a bheil thu a' dol?’

<sup>6</sup>Ach a chionn 's gun tuirt mi na rudan seo ribh, tha bròn air ur cridhe a lìonadh.

<sup>7</sup>Ach tha mi ag innse na firinn dhuibh: is ann gu ur buannachd a tha e gu bheil mise a' falbh. Oir mura falbh mi, cha tig an Neach-Cuideachaidh thugaibhse; ach ma dh'fhalbhas mi, cuiridh mi esan thugaibh.

<sup>8</sup>Agus nuair a thig esan, dìtidh e an saoghal a thaobh peacaidh agus fireantachd agus breitheanais:

<sup>9</sup>a thaobh peacaidh, a chionn 's nach eil iad a' creidsinn annamsa;

<sup>10</sup>a thaobh fireantachd, a chionn 's gu bheil mi a' dol gum Athair, agus nach faic sibh nas motha mi;

<sup>11</sup>a thaobh bhreitheanais, a chionn 's gu bheil riaghladair an t-saoghail seo air a dhiteadh.

<sup>12</sup>“Tha tòrr rudan agam fhathast ri ràdh ribh, ach chan urrainn dhuibh an giùlain an-dràsta.

<sup>13</sup>Ach nuair a thig esan, Spiorad na Firinn, treòraichidh e sibh a-steach dha gach firinn. Oir cha bhruidhinn e uaithe fhèin; ach ge b' e dè a chluinneas e, canaidh e, agus cuiridh e an cèill dhuibhse na tha ri thighinn.

<sup>14</sup>Glòraichidh esan mise, oir gabhaidh e dhem chuid-sa agus cuiridh e an cèill dhuibhse e.



15 A h-uile rud a th' aig an Athair, is ann leamsa a tha e; b' ann air an adhbhar sin a thuir mi gun gabh e dhem chuid-sa, agus gun cuir e an cèill dhuibhse e.

16 “Ùine bheag, agus chan fhaic sibh tuilleadh mi; agus a-rithist ùine bheag, agus chì sibh mi.”

### Tionndaidhidh Bròn nan Deisciobal gu Aoibhneas

17 Mar sin thuir cuid dhe a dheisciobail ri chèile, “Dè a tha seo a tha e ag ràdh rinn, ‘Ùine bheag, agus chan fhaic sibh tuilleadh mi; agus a-rithist ùine bheag, agus chì sibh mi,’ agus ‘A chionn 's gu bheil mi a' dol gum Athair’?”

18 Mar sin bha iad ag ràdh, “Dè a tha e a' ciallachadh le ‘ùine bheag’? Chan aithne dhuinne dè a tha e ag ràdh.”

19 B' aithne do dh'Ìosa gun robh iad ag iarraidh a cheasnachadh; mar sin thuir e riutha, “An e seo a bha sibh a' faighneachd nur measg fhèin, dè a bha mi a' ciallachadh nuair a thuir mi, ‘Ùine bheag, agus chan fhaic sibh tuilleadh mi; agus a-rithist ùine bheag, agus chì sibh mi’?”

20 Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh ribh gun dèan sibhse caoineadh is caoidh, ach nì an saoghal aoibhneas. Bidh sibhse brònach, ach tionndaidhidh ur bròn gu aoibhneas.

21 Nuair a tha leanabh aig boireannach, bidh i fo bhròn a chionn 's gu bheil a h-uair air tighinn, ach nuair a tha i air an leanabh a' thoirt a-steach dhan t-saoghal, cha chuimhnich i air a h-àmhghar tuilleadh, air sgàth an aoibhneis gun do rugadh leanabh a-steach dhan t-saoghal.

22 Mar sin, cuideachd, tha sibh brònach a-nis, ach chì mise a-rithist sibh agus nì ur cridhe aoibhneas, agus cha toir neach sam bith ur n-aoibhneas uaibh.

23 Air an latha sin chan iarr sibh rud sam bith ormsa. Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh ribh, ge b' e dè a dh'iarras sibh air an Athair nam ainm-sa, gun toir e dhuibh e.

24 Gus a seo cha do dh'iarr sibh rud sam bith nam ainm-sa. Iarraibh, agus gheibh sibh, airson 's gum bi ur n-aoibhneas làn.

25 “Na rudan seo tha mi air a ràdh ribh ann an samhloidhean. Thig an uair anns nach bruidhinn mi tuilleadh ribh ann an samhloidhean, ach innsidh mi gu soilleir dhuibh mun Athair.

26 Air an latha sin iarraidh sibh nam ainm-sa, agus chan eil mi ag ràdh ribh gun iarr mise air an Athair air ur son,

27 oir tha gràdh aig an Athair fhèin oirbh, a chionn 's gun tug sibh gràdh dhòmhsa agus gun do chreid sibh gur ann o Dhia a thàinig mi.

**28**Thàinig mi on Athair agus tha mi air tighinn a-steach dhan t-saoghal; agus a-nis tha mi a' fàgail an t-saoghail agus a' dol chun an Athar.”

**29**Thuirt a dheisciobail ris, “A-nis tha thu a' bruidhinn gu soilleir agus chan eil thu a' cleachdadh samhla.

**30**A-nis tha fios againn gur aithne dhut a h-uile rud agus nach feum thu duine sam bith a bhith gad cheasnachadh; is ann air sgàth seo a tha sinn a' creidsinn gur ann o Dhia a thàinig thu.”

**31**Fhreagair Ìosa iad, “A bheil sibh a-nis a' creidsinn?

**32**Seallaibh, tha uair a' tighinn, dha-rìribh tha e air tighinn mu thràth, anns am bi sibh air ur sgapadh, gach aon gu a chuid fhèin. Fàgaidh sibh mise nam aonar. Ach chan eil mi nam aonar, oir tha an t-Athair còmhla rium.

**33**“Na rudan seo tha mi air a ràdh ribh airson 's gum biodh sìth agaibh annamsa. Anns an t-saoghal bidh àmhghar agaibh. Ach biodh deagh mhisneachd agaibh! Thug mise buaidh air an t-saoghal.”

## **Eòin 17**

### **Ìosa ag Ùrnaigh gum Bi e air a Ghlòrachadh**

**1**Nuair a bha Ìosa air na rudan seo a ràdh, sheall e suas gu nèamh agus thuirt e, “Athair, thàinig an uair. Glòraich do Mhac, airson 's gun glòraich do Mhac thusa.

**2**Oir thug thu ùghdarras dha thairis air gach feòil, airson 's gun toireadh e a' bheatha shìorraidh dha na h-uile a thug thu dha.

**3**Agus is i seo a' bheatha shìorraidh, gum biodh eòlas aca ortsa an t-aon Dia fìor, agus airsan a chuir thu a-mach, Ìosa Crìosd.

**4**Ghlòraich mise thusa air thalamh, às dèidh dhomh an obair a choileanadh a thug thu dhomh ri dèanamh.

**5**Agus a-nis, Athair, glòraich thusa mise cuide riut fhèin leis a' ghlòir a bha agam còmhla riut mun robh an saoghal ann.”

### **Ìosa ag Ùrnaigh airson a Dheisciobal**

**6**“Dh'fhoillsich mise d' ainm dha na daoine a thug thu dhomh a-mach às an t-saoghal. B' ann leatsa a bha iad agus thug thu dhòmhsa iad agus chùm iad d' fhacal.

**7**A-nis tha fios aca gur ann uatsa a tha a h-uile rud a thug thu dhòmhsa.

**8**Oir tha mi air na briathran a thug thusa dhomh a thoirt dhaibh, agus tha iad air an sealbhachadh agus air tighinn gus a bhith a' tuigsinn, ann am fìrinn, gun tàinig mi uatsa, agus tha iad air creidsinn gur tusa a chuir a-mach mi.

<sup>9</sup>Tha mi ag ùrnaigh air an son-san. Chan eil mi ag ùrnaigh airson an t-saoghail, ach air an son-san a thug thu dhomh; oir is ann leatsa a tha iad.

<sup>10</sup>Is ann leatsa a tha a h-uile rud as leamsa, agus is ann leamsa a tha na rudan as leatsa, agus tha mi air mo ghlòrachadh annta.

<sup>11</sup>Chan eil mise tuilleadh anns an t-saoghal, ach tha iadsan anns an t-saoghal, agus tha mise a' tighinn thugadsa. Athair naoimh, cùm iadsan nad ainm, a tha thu air a thoirt dhòmhsa, airson 's gum faod iad a bhith nan aon mar a tha sinne.

<sup>12</sup>Fhad 's a bha mise còmhla riutha, chùm mi iad nad ainm-sa, a tha thu air a thoirt dhomh. Tha mi air an gleidheadh, agus cha deach aon dhiubh a chall ach mac an sgrios, airson 's gum biodh an Sgrìobtar air a choileanadh.

<sup>13</sup>“Ach a-nis tha mi a' tighinn thugadsa, agus tha mi ag ràdh na rudan seo anns an t-saoghal, airson 's gum faod m' aoibhneas a bhith air a choileanadh annta fhèin.

<sup>14</sup>Tha mi air d' fhacal a thoirt dhaibh, agus bha fuath aig an t-saoghal dhaibh a chionn 's nach ann dhen t-saoghal a tha iad, dìreach mar nach eil mise dhen t-saoghal.

<sup>15</sup>Chan eil mi ag iarraidh gun toir thu às an t-saoghal iad, ach gun cùm thu iad on aon a tha olc.

<sup>16</sup>Chan eil iadsan dhen t-saoghal, dìreach mar nach eil mise dhen t-saoghal.

<sup>17</sup>Naomhaich iad anns an fhìrinn; is e d' fhacal-sa an fhìrinn.

<sup>18</sup>Mar a chuir thusa mise a-steach dhan t-saoghal, mar sin chuir mise iadsan a-steach dhan t-saoghal.

<sup>19</sup>Agus air an son-san tha mise gam naomhachadh fhèin, airson 's gum bi iadsan cuideachd air an naomhachadh ann am firinn.”

### **Ìosa ag Ùrnaigh airson a h-Uile Creidmheach**

<sup>20</sup>“Chan eil mi ag ùrnaigh air an son-san a-mhàin, ach cuideachd airson na feadhna sin a chreideas annamsa tro am facal-san,

<sup>21</sup>airson 's gum bi iad uile nan aon; dìreach mar a tha thusa, Athair, annamsa, agus mise annadsa, gum bi iadsan cuideachd annainne, airson 's gum creideadh an saoghal gun do chuir thusa a-mach mi.

<sup>22</sup>Thug mise dhaibhsan a' ghlòir a thug thusa dhòmhsa, airson 's gum faod iad a bhith nan aon mar a tha sinne nar n-aon.

<sup>23</sup>Mise anntasan, agus thusa annamsa, airson 's gum tigeadh iad gus a bhith nan aon gu coileanta, airson 's gum urrainn fios a bhith aig an t-saoghal gun

do chuir thusa a-mach mi agus gun do ghràdhaich thu iadsan mar a ghràdhaich thu mise.

<sup>24</sup>“Athair, is miann leam cuideachd gum biodh iadsan a thug thu dhomh còmhla rium far a bheil mise, airson 's gum faiceadh iad mo ghloir a tha thusa air a thoirt dhomh a chionn 's gun do ghràdhaich thusa mi mus deach bunaitean an t-saoghail a stèidheachadh.

<sup>25</sup>“O Athair ionraic, fiù 's ged nach aithne dhan t-saoghal thusa, is aithne dhòmhsa thu, agus is aithne dhan fheadhainn seo gun do chuir thusa a-mach mi.

<sup>26</sup>Dh'fhoillsich mise d' ainm dhaibh, agus cumaidh mi orm ga fhoillseachadh, airson 's gum bi an gràdh leis an do ghràdhaich thu mise anntasan, agus mise annta.”

## Eòin 18

### Ìosa air a Chur an Grèim

<sup>1</sup>Nuair a bha Ìosa air na rudan seo a ràdh chaidh e a-mach còmhla ri a dheisciobail thairis air Gleann Chedroin, far an robh gàrradh, dhan deach e fhèin agus a dheisciobail a-steach.

<sup>2</sup>A-nis b' aithne do dh'Ìudas, a bhrath esan, an t-àite, oir bu tric a choinnich Ìosa an sin còmhla ri a dheisciobail.

<sup>3</sup>Mar sin, às dèidh do dh'Ìudas buidheann de shaighdearan agus de sheirbheisich fhaighinn o na h-àrd-shagartan agus na Pharasaich, thàinig iad an sin le lanntairean, agus leusan, agus armachd.

<sup>4</sup>Mar sin, agus fios aige air a h-uile rud a thachradh dha, chaidh Ìosa air adhart, agus thuirt e riutha, “Cò a tha sibh a' lorg?”

<sup>5</sup>Fhreagair iadsan e, “Ìosa o Nàsaret.” Thuirt Ìosa riutha, “Is mise e.” Agus sheas Ìudas, a bhrath esan, còmhla riutha.

<sup>6</sup>Nuair a thuirt e riutha, “Is mise e,” tharraing iad air ais, agus thuit iad chun na talmhainn.

<sup>7</sup>Mar sin dh'fhaighnich e dhaibh a-rithist, “Cò a tha sibh a' lorg?” Agus thuirt iadsan, “Ìosa o Nàsaret.”

<sup>8</sup>Fhreagair Ìosa, “Dh'innis mi dhuibh gur mise e. Mar sin, mas e mise a tha sibh a' lorg, leigibh leotha seo falbh.”

<sup>9</sup>Bha seo airson 's gun deigheadh am facal a choileanadh a bha e air a ràdh, “Dhen fheadhainn a thug thu dhomh cha do chaill mi aon.”

**10**An uair sin, a chionn 's gun robh claidheamh aig Sìmon Peadar, tharraing e e agus bhual e seirbheiseach an àrd-shagairt, agus gheàrr e a' chluas dheas dheth. (B' e ainm an t-seirbheisich Malchus.)

**11**Mar sin thuirte Ìosa ri Peadar, “Cuir do chclaidheamh dhan truaille! An cupa a thug m' Athair dhòmhsa, nach òl mi e?”

### **Ìosa air a Thoirte gu Annas**

**12**Mar sin rug a' bhuidheann de shaighdearan, agus an caiptean aca agus seirbheisich nan lùdhach, air Ìosa agus cheangail iad e.

**13**An toiseach thug iad leotha e gu Annas, oir b' esan athair-cèile Chaiaphais, a bha na àrd-shagart air a' bhliadhna sin.

**14**B' e Caiaphas a thug comhairle dha na h-lùdhaich gun robh e na b' fheàrr nam faigheadh aon duine bàs airson an t-sluaigh.

### **Ciad Àicheadh Pheadair**

**15**Lean Sìmon Peadar agus deisciobal eile Ìosa. B' aithne dhan àrd-shagart an deisciobal sin agus chaidh e a-steach do chuirte an àrd-shagairt còmhla ri Ìosa,

**16**ach sheas Peadar a-muigh, aig an doras. Mar sin, chaidh an deisciobal eile sin a b' aithne dhan àrd-shagart a-mach agus bhruidhinn e ris a' bhan-dorsair agus thug e Peadar a-steach.

**17**Thuirte a' bhana-sheirbheiseach aig an doras ri Peadar, “S e aon de dheisciobail an duine seo a th' annadsa cuideachd, nach e?” Thuirte esan, “Chan e.”

**18**A-nis bha na tràilleann agus na seirbheisich air teine guail-fiodha a dhèanamh, a chionn 's gun robh i fuar, agus bha iad nan seasamh 's gam blàthachadh fhèin. Bha Peadar cuideachd na sheasamh còmhla riutha, agus ga bhlàthachadh fhèin.

### **An t-Àrd-Shagart a' Ceasnachadh Ìosa**

**19**An uair sin cheasnaich an t-àrd-shagart Ìosa mu a dheisciobail agus mu a theagasg.

**20**Fhreagair Ìosa e, “Tha mise air bruidhinn gu follaiseach ris an t-saoghal. Tha mi an-còmhnaidh air teagasg anns an t-sionagog, agus anns an teampall, far am bi na h-lùdhaich gu lèir a' tighinn còmhla. Agus cha tuirte mi rud sam bith gu dìomhair.

**21**Carson a tha thu gam cheasnachadh? Ceasnaich iadsan a chuala na thuirte mi riutha; tha fios acasan dè a thubhairte mi.”

**22**Nuair a bha e air na rudan seo a ràdh, bhuail aon dhe na seirbheisich, a bha na sheasamh faisg air làimh, Ìosa anns an aghaidh, ag ràdh, “An ann mar seo a fhreagras tu an t-àrd-shagart?”

**23**Fhreagair Ìosa esan, “Ma tha mi air bruidhinn gu ceàrr, thoir fianais mun rud a bha ceàrr. Ach ma tha na thubhairt mi ceart, carson a tha thu gam bhualadh?”

**24**Chuir Annas an uair sin ceangailte e gu Caiaphas an t-àrd-shagart.

### **Dara agus Treas Àicheadh Pheadair**

**25**A-nis bha Sìmon Peadar na sheasamh ga bhlàthachadh fhèin. Mar sin thuirt iad ris, “‘S e aon dhe a dheisciobail a th' annadsa cuideachd, nach e?” Dh'àich esan e agus thuirt e, “Chan e.”

**26**Thuirt aon de sheirbheisich an àrd-shagairt, a bha càirdeach dhan fhear dhen do gheàrr Peadar a chluas, “Chunnaic mise thu anns a' ghàrradh còmhla ris, nach fhaca?”

**27**Dh'àich Peadar a-rithist e, agus anns a' bhad ghairm an coileach.

### **Ìosa mu choinneamh Phìlat**

**28**An uair sin thug iad Ìosa o Chaiaphas gu prìomh-àros an riaghladair. Bha e tràth sa mhadainn. Cha deach iad fhèin a-steach dhan phrìomh-àros, airson 's nach biodh iad air an truailleadh, ach gun deigheadh aca air a' Chàisg ithe.

**29**Mar sin chaidh Pìlat a-mach thucasan agus thuirt e, “Gu dè a' chasaid a tha sibh a' toirt an aghaidh an duine seo?”

**30**Fhreagair iadsan, “Mura b' e fear a bha a' dèanamh ghnìomhan olca a bh' ann, cha bhiodh sinne air a thoirt thairis dhutsa.”

**31**Thuirt Pìlat riutha, “Gabhadh sibhse e agus thugaibh breith air a rèir ur lagha fhèin.” Thuirt na h-lùdhaich ris, “Chan eil e ceadaichte dhuinne neach sam bith a chur gu bàs.”

**32**Thachair seo airson 's gum biodh facal Ìosa air a choileanadh – a thuirt e a' comharrachadh dè an seòrsa bàis leis an robh e a' dol a bhàsachadh.

**33**Mar sin chaidh Pìlat a-steach dhan phrìomh-àros aige a-rithist agus ghairm e air Ìosa, agus thuirt e ris, “An tusa Rìgh nan lùdhach?”

**34**Fhreagair Ìosa, “A bheil thu ag ràdh seo uat fhèin, no an tuir daoine eile riut e mum dheidhinn?”

**35**Fhreagair Pìlat, “An e lùdhach a th' annamsa? Thug do nàisean fhèin, agus na h-àrd-shagartan, thairis dhòmhsa thu. Dè a rinn thu?”

**36**Fhreagair Ìosa, “Chan ann on t-saoghal seo a tha mo rìoghachd-sa. Nam b' ann on t-saoghal seo a bha mo rìoghachd, bha mo sheirbheisich air a bhith a' cogadh, airson 's nach deigheadh mo thoirt thairis dha na h-lùdhaich. Ach mar a tha, chan ann à seo a tha mo rìoghachd.”

**37**An uair sin thuirt Pilat ris, “Mar sin, 's e rìgh a th' annad?” Fhreagair Ìosa, “Tha thusa ag ràdh gur e rìgh a th' annam. Is ann air an adhbhar seo a rugadh mi agus air an adhbhar seo a tha mi air tighinn a-steach dhan t-saoghal, airson 's gun toirinn fianais air an fhìrinn. Èistidh gach neach a tha dhen fhìrinn rim ghuth-sa.”

**38**Thuirt Pilat ris, “Gu dè a th' anns an fhìrinn?” Agus às dèidh dha seo a ràdh, chaidh e a-mach a-rithist gu na h-lùdhaich, agus thuirt e riutha, “Chan eil mise a' faighinn ciont sam bith ann.

**39**Ach tha cleachdadh agaibhse gun leiginn mu sgaoil duine dhuibh aig a' Chàisg. A bheil sibh mar sin ag iarraidh gun leiginn mu sgaoil Rìgh nan lùdhach dhuibh?”

**40**Mar sin dh'èigh iadsan uile a-mach a-rithist, “Chan e an duine seo, ach Barabas!” A-nis b' e fear ar-a-mach a bh' ann am Barabas.

## **Eòin 19**

### **Ìosa fo Bhinn a Bhith air a Cheusadh**

**1**An uair sin ghlac Pilat Ìosa, agus sgiùrs e e.

**2**Agus shnìomh na saighdearan crùn droighinn, agus chuir iad air a cheann e. Chuir iad aodach-uachdair purpaidh air,

**3**agus thòisich iad air tighinn suas thuige ag ràdh, “Fàilte ort, a Rìgh nan lùdhach!” agus air a bhualadh.

**4**Chaidh Pilat a-mach a-rithist, agus thuirt e riutha, “Seallaibh, tha mi ga thoirt a-mach thugaibh airson 's gum bi fios agaibh nach eil mise a' faighinn ciont sam bith ann.”

**5**Thàinig Ìosa an uair sin a-mach agus an crùn droighinn air, agus an t-aodach-uachdair purpaidh air. Agus thuirt Pilat riutha, “Seallaibh an duine!”

**6**Mar sin, nuair a chunnaic na h-àrd-shagartan agus na seirbheisich e, dh'èigh iad, “Ceus e, ceus e!” Thuirt Pilat riutha, “Gabhaibh fhèin e agus ceusaibh e, oir chan eil mise a' faighinn ciont sam bith ann.”

**7**Fhreagair na h-lùdhaich e, “Tha lagh againne, agus a rèir ar lagha-ne bu chòir dha bàsachadh, a chionn 's gun do rinn e Mac Dhè dheth fhèin.”

**8**Mar sin, nuair a chuala Pilat na briathran sin, bu mhotha buileach a bha an t-eagal air,

<sup>9</sup>agus chaidh e a-steach a-rithist dhan phrìomh-àros, agus thuirt e ri Ìosa, “Cò às a tha thu?” Ach cha tug Ìosa freagairt dha.

<sup>10</sup>Mar sin thuirt Pilat ris, “Nach eil thu a' bruidhinn rium? Nach eil fios agad gu bheil ùghdarras agamsa do shaoradh, agus ùghdarras do cheusadh?”

<sup>11</sup>Fhreagair Ìosa, “Cha bhiodh ùghdarras sam bith idir agad thairis ormsa mura deigheadh a thoirt dhut on àirde. Mar sin, an neach a thug thairis mise dhut, tha am peacadh as motha aigesan.”

<sup>12</sup>On àm sin suas shir Pìlat cothrom airson a chur mu sgaoil, ach dh'èigh na h-lùdhaich, “Ma leigeas tu am fear seo mu sgaoil, chan e caraid do Chèasar a th' annad: ge b' e neach a tha ga dhèanamh fhèin na rìgh, tha e a' dol an aghaidh Chèasair.”

<sup>13</sup>Mar sin, nuair a chuala Pilat na faclan seo, thug e a-mach Ìosa, agus shuidh e air a' chathair-bhreitheanais, aig àite ris an canar An Cabhsair Cloiche (ach ann an Eabhra, Gabata).

<sup>14</sup>A-nis b' e Latha Ullachaidh na Càisge a bh' ann, mu mheadhan-latha. Agus thuirt e ris na h-lùdhaich, “Seallaibh ur Rìgh.”

<sup>15</sup>Ach dh'èigh iadsan a-mach, “Air falbh leis, air falbh leis, ceus e!” Thuirt Pìlat riutha, “An ceus mi ur Rìgh-se?” Fhreagair na h-àrd-shagartan, “Chan eil rìgh againne ach Cèasar.”

<sup>16</sup>Mar sin an uair sin thug e thairis dhaibh e airson a bhith air a cheusadh.

### **Ìosa air a Cheusadh**

Mar sin thug iad leotha Ìosa,

<sup>17</sup>agus chaidh e a-mach a' giùlain a' chroinn-cheusaidh leis fhèin, dhan àite ris an canar Àite a' Chlaiginn (a th' air ainmeachadh anns an Eabhra Golgota).

<sup>18</sup>An sin cheus iad e, agus dithis eile còmhla ris, fear air gach taobh, agus Ìosa anns a' mheadhan.

<sup>19</sup>Sgrìobh Pìlat tiotal cuideachd agus chuir e air a' chrann-cheusaidh e. Agus b' e an sgrìobhadh ÌOSA O NÀSARET, RÌGH NAN IÙDHACH.

<sup>20</sup>Mar sin leugh mòran dhe na h-lùdhaich an tiotal seo, oir bha an t-àite anns an deach Ìosa a cheusadh faisg air a' bhaile, agus bha e air a sgrìobhadh ann an Eabhra, ann an Laidinn agus ann an Greugais.

<sup>21</sup>Mar sin thuirt àrd-shagartan nan lùdhach ri Pìlat, “Na sgrìobh ‘Rìgh nan lùdhach’ ach gun tuir e fhèin, ‘Is mi Rìgh nan lùdhach’.”

<sup>22</sup>Fhreagair Pìlat, “An rud a sgrìobh mi, sgrìobh mi e.”



**23**An uair sin, nuair a bha na saighdearan air Ìosa a cheusadh, ghabh iad an t-aodach-uachdair aige, agus rinn iad ceithir pàirtean dheth, pàirt dha gach saighdear, agus an lèine-fhada aige anns an aon dòigh, agus bha an lèine-fhada gun a fuaigheal, air a fighe on mhullach sìos gu h-iomlan.

**24**Mar sin thuirte iad ri càch-a-chèile, “Na sracamaid i, ach tilgeamaid croinn air a son, airson faicinn cò leis a bhitheas i.” Bha seo airson 's gum biodh an Sgrìobtar air a choileanadh, a tha ag ràdh: “Roinn iad m' aodach-uachdair eatarra, agus thilg iad croinn airson m' aodaich.” Mar sin rinn na saighdearan na rudan seo.

**25**Ach faisg air crann-ceusaidh Ìosa sheas a mhàthair, agus piuthar a mhàthar, Màiri bean Chleòphais, agus Màiri Magdalen.

**26**Nuair a chunnaic Ìosa a mhàthair agus an deisciobal a bu ghràdhach leis na sheasamh an làthair, thuirte e ri a mhàthair, “A bhoireannaich, seall do mhac!”

**27**An uair sin thuirte e ris an deisciobal, “Seall do mhàthair.” Agus on uair sin a-mach thug an deisciobal sin leis i còmhla ris fhèin.

### Bàs Ìosa

**28**Às dèidh seo, agus fios aig Ìosa gun robh a h-uile rud a-nis air a chrìochnachadh, airson 's gun deigheadh an Sgrìobtar a choileanadh, thuirte e, “Tha am pathadh orm.”

**29**Bha soitheach na sheasamh an sin làn de dh'fhion-geur, agus mar sin chuir iad spong làn dhen fhion-geur air hiosop, agus shìn iad suas gu a bheul e.

**30**Mar sin nuair a bha Ìosa air am fion-geur a ghabhail, thuirte e, “Tha e crìochnaichte.” Agus chrom e a cheann is thug e suas a spiorad.

**31**A chionn 's gum b' e Latha an Ullachaidh a bh' ann, agus airson 's nach fanadh na cuirp air a' chrann-cheusaidh air an t-Sàbaid (oir b' e latha mòr a bh' anns an latha Sàbaid sin), dh'iarr na h-lùdhaich air Pìlat gun deigheadh an luirgnean a bhriseadh, agus gun deigheadh an toirt air falbh.

**32**Mar sin thàinig na saighdearan agus bhris iad luirgnean a' chiad fhir, agus luirgnean an fhir eile, a chaidh a cheusadh còmhla ris.

**33**Ach nuair a thàinig iad gu Ìosa, agus a chunnaic iad gun robh e marbh mu thràth, cha do bhris iad na luirgnean aigesan.

**34**Ach lot aon dhe na saighdearan a chliathaich le sleagh, agus anns a' bhad thàinig fuil agus uisge a-mach.

<sup>35</sup>Agus thug an neach a chunnaic sin fianais, agus tha an fhianais fìrinneach. Agus tha fios aige gu bheil e ag innse na fìrinn, airson 's gun creideadh sibhse cuideachd.

<sup>36</sup>Oir thachair na rudan seo airson 's gun deigheadh an Sgrìobtar a choileanadh: “Cha bhi aon dhe a chnàmhan air a bhriseadh,”

<sup>37</sup>agus a-rithist tha Sgrìobtar eile ag ràdh, “Coimheadaidh iad airson a lot iad.”

### Adhlacadh Ìosa

<sup>38</sup>Às dèidh nan rudan seo, dh'fhaighnich Ìosaph o Arimatèa (a bha na dheisciobal aig Ìosa, ach gu dìomhair a chionn 's gun robh eagal air o na h-lùdhaich) do Phìlat am faodadh e corp Ìosa a thoirt leis, agus cheadaich Pìlat sin dha. Mar sin thàinig e agus thug e leis corp Ìosa.

<sup>39</sup>Anns an aon dòigh thàinig Nicodèmus (a bh' air tighinn gu Ìosa na bu tràithe, air an oidhche), agus thug e leis mu thrìthead 's a trì cileagram de mhìr agus de dh'alo air am measgachadh.

<sup>40</sup>Mar sin ghabh iad corp Ìosa agus shuain iad e ann an stiallan anairt, còmhla ri na spìosraidhean, mar a tha na chleachdadh aig na h-lùdhaich adhlacadh a dhèanamh.

<sup>41</sup>A-nis anns an àite far an deach a cheusadh bha gàrradh, agus anns a' ghàrradh bha tuam ùr, anns nach deach duine sam bith a chur fhathast.

<sup>42</sup>Mar sin, air sgàth Latha Ullachaidh Càisg nan lùdhach, on a bha an tuam faisg air làimh, chuir iad Ìosa an sin.

## Eòin 20

### An Tuam Falamh

<sup>1</sup>A-nis air a' chiad latha dhen t-seachdain thàinig Màiri Magdalen chun an tuaim, tràth sa mhadainn, fhad 's a bha i fhathast dorcha, agus chunnaic i gun robh a' chlach air a toirt air falbh on tuam.

<sup>2</sup>Mar sin ruith i agus thàinig i gu Sìmon Peadar, agus an deisciobal eile a bu ghràdhach le Ìosa, agus thuirt i riutha, “Tha iad air an Tighearna a thoirt leotha às an tuam, agus chan eil fios againn càit an do chuir iad e.”

<sup>3</sup>Mar sin chaidh Peadar a-mach agus an deisciobal eile, agus bha iad a' dol chun an tuaim.

<sup>4</sup>Agus bha an dithis aca a' ruith còmhla, ach ruith an deisciobal eile na bu luaithe na Peadar, agus thàinig e chun an tuaim an toiseach.

<sup>5</sup>Agus a' cromadh sìos is a' coimhead a-steach, chunnaic e na stiallan anairt nan laighe an sin, ach cha deach e a-steach.

<sup>6</sup>An uair sin thàinig Sìmon Peadar ga leantainn agus chaidh e a-steach dhan tuam. Chunnaic e na stiallan anairt nan laighe an sin,

<sup>7</sup>agus an clò-aodainn a bh' air a cheann, chan ann na laighe còmhla ris na stiallan anairt, ach air leth air fhilleadh ann an aon àite.

<sup>8</sup>An uair sin chaidh an deisciobal eile, a bh' air tighinn an toiseach chun an tuaim, cuideachd a-steach agus chunnaic is chreid e.

<sup>9</sup>Oir cha do thuig iad fhathast an Sgrìobtar, gum feumadh esan èiridh o na mairbh.

### **Ìosa a' Nochdadh ri Màiri Magdalen**

<sup>10</sup>An uair sin chaidh na deisciobail air ais gu an dachaighean fhèin,

<sup>11</sup>ach sheas Màiri a' caoineadh, air taobh a-muigh an tuaim, agus fhad 's a bha i a' caoineadh chrom i sìos airson coimhead a-steach dhan tuam.

<sup>12</sup>Agus chunnaic i dà aingeal ann an geal nan suidhe far an robh corp Ìosa air laighe, aon aig a' cheann, agus aon aig na casan.

<sup>13</sup>Agus thuir iadsan rithe, “A bhoireannaich, carson a tha thu a' caoineadh?” Thuir i, “A chionn 's gun tug iad air falbh mo Thighearna, agus nach eil fios agam càit an do chuir iad e.”

<sup>14</sup>Nuair a thuir i seo, thionndaidh i mun cuairt agus chunnaic i Ìosa na sheasamh, ach cha do dh'aithnich i gum b' e Ìosa a bh' ann.

<sup>15</sup>Thuir Ìosa rithe, “A bhoireannaich, carson a tha thu a' caoineadh? Cò a tha thu a' lorg?” A' smaoinichadh gum b' e an gàirnealair a bh' ann, thuir i ris, “A thighearna, ma thug thusa leat e, innis dhòmhsa càit an do chuir thu e, agus bheir mise air falbh e.”

<sup>16</sup>Thuir Ìosa rithe, “A Mhàiri.” Thionndaidh ise agus thuir i ris ann an Eabhra, “A Rabòni!” (a tha a' ciallachadh ‘Fhir-Teagaisg’).

<sup>17</sup>Thuir Ìosa rithe, “Na cùm grèim orm, oir cha deach mi fhathast suas gum Athair. Ach thalla gu mo bhràithrean agus can riutha, ‘Tha mise a' dol suas gum Athair-sa agus gu ur n-Athair-se, agus gu mo Dhia-sa agus ur Dia-se.’”

<sup>18</sup>Dh'fhalbh Màiri Magdalen agus dh'innis i dha na deisciobail, “Chunnaic mi an Tighearna,” agus gun tuirt e na rudan seo rithe.

### **Ìosa a' Nochdadh ri na Deisciobail**

<sup>19</sup>Mar sin, air feasgar an latha sin fhèin, air a' chiad latha dhen t-seachdain, agus na dorsan dùinte far an robh na deisciobail air eagal nan lùdhach, thàinig Ìosa agus sheas e nam measg, agus thuir e riutha, “Sìth dhuibh!”

**20** Agus nuair a bha e air sin a ràdh, sheall e dhaibh a làmhan agus a chliathaich. An uair sin bha aoibhneas air na deisciobail nuair a chunnaic iad an Tighearna.

**21** Mar sin thuirte Ìosa riutha a-rithist, “Sìth dhuibh! Mar a chuir an t-Athair a-mach mise, mar sin tha mise cuideachd gur cur-se a-mach.”

**22** Agus nuair a thuirte e seo, shèid e orra, agus thuirte e riutha, “Gabhaibh-se an Spiorad Naomh.

**23** Ma bheir sibh mathanas pheacaidhean do neach sam bith, tha iad air am mathadh; ma chumas sibh air ais e, tha e air a chumail air ais.”

### **Ìosa a' Nochdadh ri Tòmas**

**24** Ach cha robh Tòmas (ris an canar Didimus), aon dhen dà fhear dheug, còmhla riutha nuair a thàinig Ìosa.

**25** Mar sin thuirte na deisciobail eile ris, “Chunnaic sinne an Tighearna.” Ach thuirte esan riutha, “Mura faic mise làrach nan tàirnean na làmhan, agus mura cuir mi mo chorrage ann an làrach nan tàirnean, agus mura cuir mi mo làmh na chliathaich, cha chreid mi.”

**26** Ochd latha às dèidh sin, bha na deisciobail a-rithist a-staigh, agus bha Tòmas còmhla riutha. Ged a bha na dorsan glaiste, thàinig Ìosa agus sheas e nam measg, agus thuirte e, “Sìth dhuibh.”

**27** An uair sin thuirte e ri Tòmas, “Cuir do chorrage an seo, agus seall air mo làmhan. Sìn do làmh a-mach an seo agus cuir nam chliathaich i. Na bi mì-chreidmheach ach creidmheach.”

**28** Fhreagair Tòmas e, “Mo Thighearna agus mo Dhia.”

**29** Thuirte Ìosa ris, “A bheil thu air creidsinn a chionn 's gum faca tu mi? Is beannaichte an fheadhainn nach fhaca, ach a chreid.”

### **An t-Adhbhar airson Soisgeul Eòin**

**30** Oir tha mòran de chomharraidhean mìorbhaileach eile ann a rinn Ìosa am fianais a dheisciobal nach eil sgrìobhte anns an leabhar seo.

**31** Ach tha iad seo sgrìobhte airson 's gun creideadh sibh gur e Ìosa an Crìosd, Mac Dhè, agus tro bhith a' creidsinn, gum biodh beatha agaibh na ainm-san.

## **Eòin 21**

### **Ìosa agus an Glacadh-Èisg Mìorbhaileach**

**1** Às dèidh seo nochd Ìosa e fhèin a-rithist dha na deisciobail aig Muir Thiberiais. Is ann san dòigh seo a nochd e e fhèin:

<sup>2</sup>bha Sìmon Peadar, agus Tòmas (ris an canar Didimus) agus Natànael o Chàna Ghalile, agus mic Shebede, agus dithis eile dhe a dheisciobail, còmhla ri chèile.

<sup>3</sup>Thuir Sìmon Peadar riutha, “Tha mise a' dol a dh'iasgach.” Thuir iadsan ris, “Thig sinne còmhla riut.” Chaidh iad a-mach, agus chaidh iad dhan eathar, ach cha do ghlac iad rud sam bith an oidhche sin.

<sup>4</sup>Nuair a bha an latha a' briseadh, sheas Ìosa air a' chladach, ach cha robh fios aig na deisciobail gum b' e Ìosa a bh' ann.

<sup>5</sup>Mar sin thuir Ìosa riutha, “A chlann, a bheil iasg sam bith agaibh?” Fhreagair iadsan e, “Chan eil.”

<sup>6</sup>Agus thuir esan riutha, “Tilgibh an lìon air an taobh deas dhen eathar, agus lorgaidh sibh feadhainn.” Mar sin thilg iad e, agus a-nis cha b' urrainn dhaibh a tharraing a-steach air sgàth lìonmhorachd an èisg.

<sup>7</sup>Mar sin thuir an deisciobal sin a bu ghràdhach le Ìosa ri Peadar, “Is e an Tighearna a th' ann!” Mar sin nuair a chuala Sìmon Peadar gur e an Tighearna a bh' ann, chuir e air a bhall aodaich uachdair (oir bha e rùisgte), agus thilg e e fhèin dhan mhuir.

<sup>8</sup>Thàinig na deisciobail eile anns an eathar, a' tarraing an lìn a bha làn de dh'èisg, oir cha robh iad fada o thìr, ach mu thimcheall naochad meatair air falbh.

<sup>9</sup>Mar sin, nuair a thàinig iad air tìr, chunnaic iad teine guail-fiodha an sin, agus iasg air a chur air, agus aran.

<sup>10</sup>Thuir Ìosa riutha, “Thugaibh an seo cuid dhen iasg a tha sibh dìreach air a ghlacadh.”

<sup>11</sup>Mar sin chaidh Sìmon Peadar suas agus tharraing e an lìon gu tìr, làn de dh'èisg mhòra; ceud, caogad 's a trì, agus ged a bha na h-uiread sin ann, cha deach an lìon a shracadh.

<sup>12</sup>Thuir Ìosa riutha, “Thigibh, agus gabhaibh bracaist.” Agus cha robh de dhànadas aig aon dhe na deisciobail faighneachd dha, “Cò thusa?” Oir b' aithne dhaibh gur e an Tighearna a bh' ann.

<sup>13</sup>Thàinig Ìosa agus ghabh e an t-aran agus thug e dhaibh e, agus an t-iasg cuideachd.

<sup>14</sup>B' i seo a-nis an treas uair a chaidh Ìosa a nochdadh dha na deisciobail, às dèidh dha a bhith air a thogail o na mairbh.

### **Ìosa ag Ath-Shuidheachadh Pheadair**

<sup>15</sup>Mar sin nuair a bha iad air am bracaist a chrìochnachadh, thuir Ìosa ri Sìmon Peadar, “A Shìmoin mhic Iònais, a bheil barrachd gaoil agad ormsa

na iad sin?” Thuirt e ris, “Tha, a Thighearna, tha fios agad gu bheil gràdh agam ort.” Fhreagair e, “Beathaich m' uain.”

**16**Thuirt e ris a-rithist an dara h-uair, “A Shìmoin mhic Iònais, a bheil gaol agad ormsa?” Thuirt esan ris, “Tha, a Thighearna, tha fios agad gu bheil gràdh agam ort.” Fhreagair e, “Àraich mo chaoiraich.”

**17**Thuirt e ris an treas uair, “A Shìmoin mhic Iònais, a bheil gràdh agad ormsa?” Bha Peadar brònach a chionn 's gun tuirt e ris an treas uair, “A bheil gràdh agad ormsa?” Agus thuirt e ris, “A Thighearna, is aithne dhut a h-uile rud, tha fios agad gu bheil gràdh agam ort.” Fhreagair Iòsa, “Beathaich mo chaoiraich.”

**18**Gu deimhinn, deimhinn tha mi ag ràdh riut, nuair a bha thu na b' òige, chuir thu d' aodach ort fhèin agus choisich thu far am bu mhiann leat; ach nuair a bhios tu aosta, sìnidh tu a-mach do làmhan, agus cuiridh neach eile d' aodach ort, agus bheir e thu an taobh nach eil thu a' miannachadh.”

**19**Thuirt e seo a' ciallachadh dè an gnè bàis leis an toireadh e glòir do Dhia. Agus às dèidh dha seo a ràdh, thuirt e ris, “Lean mise!”

**20**Thionndaidh Peadar agus chunnaic e an deisciobal a bu ghràdhach le Iòsa a' leantainn (am fear a bha air sìneadh air ais air com Iòsa aig an t-suipeir, agus a thuirt ris, “A Thighearna, cò a nì brathadh ort?”).

**21**Mar sin, nuair a chunnaic Peadar esan, thuirt e ri Iòsa, “A Thighearna, dè ma dheidhinn-san?”

**22**Thuirt Iòsa ris, “Mas miann leamsa gum fan esan gus an tig mi, dè tha sin dhutsa? Lean thusa mise.”

**23**Mar sin chaidh am facal seo a-mach am measg nam bràithrean, nach faigheadh an deisciobal sin bàs. Ach cha tuirt Iòsa ris nach faigheadh e bàs; b' e a thubhairt e ach, “Mas i mo thoil-sa gum fan e gus an tig mi, dè tha sin dhutsa?”

**24**Is e seo an deisciobal a tha a' toirt fianais mu na rudan seo, agus a sgrìobh na rudan seo. Agus tha fios againne gu bheil an fhianais aige fìor.

**25**A-nis tha mòran de rudan eile ann a rinn Iòsa cuideachd, agus nam b' e is gum biodh iad uile air an sgrìobhadh, is i mo bharrail-sa nach biodh àite anns an t-saoghal gu lèir airson na bhiodh sgrìobhte de leabhraichean.

## Gnìomhan

### Gnìomhan 1

#### Iosa air a Thoir suas do Nèamh

- 1** Anns a' chiad leabhar, a Theophiluis, sgrìobh mi mun a h-uile rud a thòisich Iosa air a dhèanamh 's air a theagasg,
- 2** agus an latha nuair a chaidh a thoirt suas, às dèidh dha àithntean a thoirt, tron Spiorad Naomh, dha na h-abstoil a bha e air a thaghadh.
- 3** Dhaibhsan, thaisbein e e fhèin beò às dèidh an fhulangais aige le mòran chomharraidhean dearbhachail, a' nochdadh riutha fad dà fhichead latha is a' bruidhinn mu rìoghachd Dhè.
- 4** Agus fhad 's a bha e a' fuireach còmhla riutha dh'àithn e dhaibh gun Ierusalem fhàgail, ach feitheamh airson gealladh an Athar, “A chuala sibh uamsa,” ars esan,
- 5** “oir bhaist Eòin le uisge, ach bidh sibhse air ur baisteadh leis an Spiorad Naomh, beagan làithean às dèidh seo.”
- 6** Mar sin nuair a bha iad air tighinn còmhla, dh'fhaighnich iad dha, “A Thighearna, an ann aig an àm seo a dh'aisigeas tu an rìoghachd do dh'Israel?”
- 7** Thuirt esan riutha, “Cha bhuin e dhuibhse fios a bhith agaibh air na h-amannan no air na h-aimsirean a shuidhich an t-Athair le ùghdarras fhèin.
- 8** Ach gheibh sibh cumhachd nuair a thig an Spiorad Naomh oirbh, agus bidh sibh nur fianaisean dhòmhsa ann an Ierusalem agus ann an Iudèa gu lèir agus ann an Samaria, agus gu crìoch na talmhainn.”
- 9** Agus nuair a bha e air na rudan seo a ràdh, fhad 's a bha iad a' coimhead air, chaidh a thogail suas agus thug sgòth às an sealladh e.
- 10** Agus fhad 's a bha iadsan a' geur-amharc do nèamh fhad 's a dh'fhalbh esan, seallaibh, sheas dithis fhear faisg orra ann an aodach geal,
- 11** agus thuirt iad, “Fheara Ghalile, carson a tha sibh a' seasamh a' coimhead a nèamh? An t-Iosa seo a chaidh a thogail suas uaibh do nèamh, thig e san aon dòigh sam faca sibh e a' dol do nèamh.”

#### Matias air a Thaghadh airson Àite Iùdais a Ghabhail

- 12** An uair sin thill iad gu Ierusalem, on bheinn ris an canar Beinn nan Crann-Ola, a tha faisg air Ierusalem, astar latha Sàbaid air falbh.
- 13** Agus nuair a bha iad air a dhol a-steach, chaidh iad suas dhan t-seòmar a b' àirde, far an robh iad a' fuireach: Peadar is Eòin agus Seumas is Anndra, Philip is Tòmas, Bartolomèus is Mata, Seumas mac Alphèuis is Simon Selotes agus Iudas mac Sheumais.

**14**Bha iad seo uile a dh'aon inntinn gan coisrigeadh fhèin do dh'ùrnaigh, còmhla ri na boireannaich agus Moire màthair Ìosa, agus còmhla ri a bhràithrean.

**15**Anns na làithean sin sheas Peadar am measg nam bràithrean (b' e àireamh na feadhna a bha an làthair mu cheud is fichead) agus thuirt e,

**16**“A bhràithrean, dh'fheumadh an Sgrìobtar a bhith air a choileanadh, a bhruidhinn an Spiorad Naomh ro-làimh le beul Dhaibhidh mu Iùdas, a bha na fhear-treòrachaidh dhaibhsan a ghlac Ìosa.

**17**Oir bha e air àireamh nur measg-ne agus fhuair e roinn dhen mhinistrealachd seo.”

**18**(A-nis cheannaich an duine seo achadh le duais na h-eucoir aige, agus a' tuiteam an comhair a chinn, sgàin e sa mheadhan agus bhrùchd a mhionach uile a-mach.

**19**Agus chaidh seo a dhèanamh aithnichte do luchd-àiteachaidh Ierusalem gu lèir; mar sin chaidh an t-achadh sin ainmeachadh anns a' chànan aca fhèin Aceldamà, is e sin Fearann Fala.)

**20**Oir tha e sgrìobhte ann an leabhar nan Salm, “Gum biodh a dhachaigh na fàsach, agus nach biodh neach sam bith a' fuireach innte,” agus, ‘Gun gabhadh neach eile a dhreuchd.’

**21**“Mar sin bu chòir do dh'aon dhe na fir a chaidh còmhla rinn fad na h-ùine sin uile a bha an Tighearna Ìosa a' dol a-steach 's a-mach nar measg,

**22**a' tòiseachadh o bhaisteadh Eòin gus an latha san deach a thogail suas uainn, a bhith air a dhèanamh na fhianais dhe aiseirigh-san còmhla rinne.”

**23**Agus chuir iad air adhart dithis: Iòsaph ris an canar Barsabas (dham b' ainm cuideachd Iustus) agus Matias.

**24**Agus rinn iad ùrnaigh is thuirt iad, “Thusa, a Thighearna, dhan aithne cridheachan nan uile, seall gu soilleir cò am fear dhen dithis seo a thagh thu

**25**airson an t-àite a ghabhail anns a' mhinistrealachd seo agus san abstolachd on do thionndaidh Iùdas a thaobh airson a dhol dha àite fhèin.”

**26**Agus thilg iad crannchur, is thuit an crannchur air Matias, agus bha e air àireamh còmhla ris an aon abstol deug.

## Gnìomhan 2

### An Spiorad Naomh a' Tighinn aig a' Chaingis

**1**Nuair a thàinig latha na Caingis, bha iad uile còmhla san aon àite.



<sup>2</sup>Agus gu grad thàinig o nèamh fuaim mar dhian-ruith gaoithe chumhachdaich, agus lion i an taigh gu lèir anns an robh iad nan suidhe.

<sup>3</sup>Agus nochd teangannan sgoilte mar theine riutha agus shìn e air gach aon dhiubh.

<sup>4</sup>Agus bha iad uile air an lìonadh leis an Spiorad Naomh agus thòisich iad air bruidhinn ann an teangannan eile, mar a thug an Spiorad comas còmhraidh dhaibh.

<sup>5</sup>A-nis bha lùdhaich a' fuireach ann an Ierusalem, daoine cràbhach bhon a h-uile nàisean fo nèamh.

<sup>6</sup>Agus nuair a chaidh am fuaim seo a dhèanamh, thàinig an sluagh còmhla, agus chuir seo troimh-a-chèile iad a chionn 's gun robh gach aon dhiubh gan cluinntinn a' bruidhinn na chànan fhèin.

<sup>7</sup>Agus bha iad uile fo iongnadh 's fo mhòr-iongantas, ag ràdh, “Èist, nach e Galilèaich a th' annta sin uile a tha a' bruidhinn?”

<sup>8</sup>Agus ciamar a tha sinne gan cluinntinn, gach aon againn nar cànan fhèin, anns an deach ar breith?

<sup>9</sup>Partaich is Medich is Elamaich is luchd-còmhnaidh Mhesopotamia, Iudèa is Chapadòcia, Phontuis is Àisia,

<sup>10</sup>Phrìgia is Phamphilia, na h-Èipheit is na pàirtean de Libia timcheall Chirène, agus luchd-tadhail on Ròimh,

<sup>11</sup>an dà chuid lùdhaich is proseilitich, Cretich is Arabaich – tha sinn gan cluinntinn a' bruidhinn nar teangannan fhèin mu ghnìomhan cumhachdach Dhè.”

<sup>12</sup>Agus bha iad uile fo iongnadh agus fo dhragh mòr, ag ràdh ri càch-a-chèile, “Dè a tha seo a' ciallachadh?”

<sup>13</sup>Ach rinn feadhainn eile magadh ag ràdh, “Tha iad làn de dh'fhìon ùr.”

### **Peadar a' Bruidhinn ris an t-Sluagh**

<sup>14</sup>Ach, a' seasamh còmhla ris an aon fhear deug, thog Peadar a ghuth agus thuir e riutha, “Fheara Iudèa, agus a luchd-còmhnaidh Ierusalem uile, biodh fios agaibh air a seo, agus èistibh rim bhriathran-sa.

<sup>15</sup>Oir chan eil iad seo air mhisg, mar a tha sibhse a' saoil sinn, o nach eil e ach naoi uairean sa mhadainn!

<sup>16</sup>Ach is e seo an rud a chaidh a ràdh leis an fhàidh Ioa:

<sup>17</sup>“Agus tachraidh anns na làithean deireannach, tha Dia ag ràdh, gun dòirt mise a-mach dhem Spiorad air a h-uile feòil; agus nì ur mic is ur nigheanan

fàidheadaireachd, agus chì ur fir òga seallaidhean is bidh ur seann daoine ag aisling aislingean.

**18**Is fiù 's air mo sheirbheisich agus air mo bhana-sheirbheisich anns na làithean sin dòirtidh mise a-mach mo Spiorad, agus nì iad fàidheadaireachd.

**19**Agus seallaidh mise iongantasan anns na nèamhan shuas agus comharraidhean air an talamh shìos: fuil, agus teine, agus smùid de cheò.

**20**Bidh a' ghrian air a tionndadh gu dorchadas agus a' ghealach gu fuil, mun tig latha mòr agus glòrmhor an Tighearna.

**21**Agus tachraidh gun tèid a h-uile neach a ghairmeas air ainm an Tighearna a shàbhaladh.'

**22**"Fheara Israeil, èistibh ris na briathran seo: Ìosa o Nàsaret, duine a chaidh a dhearbhadh le Dia dhuibhse, le obraichean cumhachdach is iongantasan is comharraidhean, a rinn Dia troimhesan nur measg-se, mar tha fios agaib' fhèin,

**23**an t-Ìosa seo, a chaidh a thoirt thairis le comhairle chinntich agus ro-eòlas Dhè, ga cheusadh le làmhan dhaoine mì-riaghailteach, mharbh sibh e.

**24**Ach thog Dia suas e, ga shaoradh o phiantan a' bhàis, a chionn 's nach robh e an comas dha a bhith air a chumail leis a' bhàs.

**25**Oir thuirt Daibhidh ma dheidhinn: "Chunnaic mi an Tighearna an-còmhnaidh mum choinneamh, oir tha e aig mo dheas-làimh, airson 's nach tèid mo chrathadh.

**26**Mar sin bha mo chridhe toilichte agus rinn mo theanga gàirdeachas; agus bidh m' fheòil cuideachd beò ann an dòchas.

**27**Oir chan fhàg thu m' anam ann an Ifrinn, cha mhotha a leigeas tu led Aon Naomh gum faic e truailidheachd.

**28**Tha thu air slighean na beatha a dhèanamh aithnichte dhòmhsa; lìonaidh tu le aoibhneas mi led làthaireachd.'

**29**"A bhràithrean, faodaidh mi a ràdh ribh le dànadas mun phrìomh-athair Daibhidh, gun do bhàsaich e is gun deach adhlacadh, agus gu bheil an tuam aige againn gus an latha an-diugh.

**30**Agus, mar sin, a chionn 's gum b' e fàidh a bh' ann agus e fiosrach gun robh Dia air bòideachadh le mionnan dha gun suidhicheadh e aon dhe a shliochd air a rìgh-chathair-san,

**31**chunnaic e ro-làimh is bhruidhinn e mu dheidhinn aiseirigh Chrìosd, nach robh e air a thrèigsinn do dh'Ifrinn; cha mhotha a chunnaic fheòil-san truailidheachd.

- 32**An t-Ìosa seo thog Dia suas, agus dhe sin tha sinne uile nar fianaisean.
- 33**Mar sin, air àrdachadh gu deas-làimh Dhè agus air gealladh an Spioraid Naoimh fhaighinn on Athair, tha e air an rud seo a dhòrtadh a-mach a tha sibhse a' faicinn agus a' cluinntinn.
- 34**Oir cha deach Daibhidh suas dha na nèamhan, ach tha esan e fhèin ag ràdh: “Thuir an Thighearna rim Thighearna: “Suidh aig mo dheas-làimh
- 35**agus an cuir mi do nàimhdean nan stòl fod chasan.”
- 36**“Mar sin biodh fios cinnteach aig taigh Israeil gu lèir gun do rinn Dia an dà chuid, na Thighearna agus na Chrìosd, an t-Ìosa seo a cheus sibhse.”
- 37**A-nis nuair a chuala iad seo, bha iad air an lot chun a' chridhe, agus thuir iad ri Peadar 's ris a' chòrr dhe na h-abstoil, “A bhràithrean, dè a nì sinn?”
- 38**Agus thuir Peadar riutha, “Dèanaibh aithreachas agus bithibh air ur baisteadh, gach aon agaibh ann an ainm Ìosa Crìosd airson mathanas ur peacaidhean, agus gheibh sibh tiodhlac an Spioraid Naoimh.
- 39**Oir tha an gealladh dhuibhse agus dhur cloinn agus dha na h-uile a tha fad' às, na h-uiread 's a ghairmeas an Tighearna ar Dia thuige fhèin.”
- 40**Agus le mòran bhriathran eile thug e fianais agus chùm e air gan earalachadh, ag ràdh, “Sàbhailibh sib' fhèin on ghinealach choirbte seo.”
- 41**Mar sin bha iadsan a ghabh ri fhacal-san air am baisteadh, agus chaidh mu thrì mìle anam a chur riutha an latha sin.

### **Co-Chomann nan Creidmheach**

- 42**Agus choisrig iad iad fhèin do theagasg nan abstol agus do cho-chomann, agus do bhriseadh arain agus do dh'ùrnaighean.
- 43**Agus thàinig eagal air a h-uile h-anam agus bha mòran mhìorbhailean is chomharraidhean gan dèanamh leis na h-abstoil.
- 44**Agus bha iadsan uile a chreid anns an aon àite agus bha a h-uile rud aca gu coitcheann.
- 45**Agus bha iad a' reic an saidhbhreis is am maoin agus a' roinn seo am measg nan uile, a rèir 's mar a bha feum aig gach neach.
- 46**Agus latha às dèidh latha, a' leantainn orra a dh'aon inntinn san teampall, agus a' briseadh arain o thaigh gu taigh, ghabh iad am biadh le cridheachan aoibhneach is iriosal,
- 47**a' moladh Dhè agus iad le fàbhar aca on t-sluagh gu lèir. Agus chuir an Tighearna iadsan a bha gan teàrnadh ris an àireamh aca latha às dèidh latha.

## Gnìomhan 3

### Peadar a' Leigheas an Dèirceach a Bha na Chrioplach

- <sup>1</sup>A-nis bha Peadar is Eòin a' dol suas dhan teampall aig àm na h-ùrnaigh – trì uairean feasgar.
- <sup>2</sup>Agus bha duine àraidh ga ghiùlain a bha na chrioplach o bhroinn a mhàthar, a bhiodh iad a' cur sìos gach latha aig geata an teampaill ris an canar Brèagha a dh'iarraidh dèirce orrasan a bha a' dol a-steach dhan teampall.
- <sup>3</sup>A' faicinn Pheadair is Eòin gus a dhol a-steach dhan teampall, dh'iarr e dèirc.
- <sup>4</sup>Ach sheall Peadar, cuide ri Eòin, gu geur air agus thuir e, “Coimhead oirne!”
- <sup>5</sup>Agus thug e aire dhaibh, a' sùileachadh gum faigheadh e rudeigin uapa.
- <sup>6</sup>Ach thuir Peadar, “Airgead no òr chan eil agam, ach an rud a tha agam bheir mi dhut. Ann an ainm Ìosa Crìosd o Nàsaret, èirich 's coisich.”
- <sup>7</sup>Agus a' breith air a làimh dheis, thog e suas e, agus sa bhad chaidh a chasan agus adhbrannan a neartachadh.
- <sup>8</sup>Agus a' leum suas sheas e agus thòisich e air coiseachd, agus chaidh e a-steach dhan teampall còmhla riutha, a' coiseachd 's a' leum 's a' moladh Dhè.
- <sup>9</sup>Agus chunnaic an sluagh gu lèir e a' coiseachd 's a' moladh Dhè,
- <sup>10</sup>agus dh'aithnich iad gum b' esan am fear a bhiodh na shuidhe aig Geata Brèagha an teampaill, ag iarraidh dèirce. Agus chaidh an lìonadh le iongnadh agus le uabhas a thaobh an rud sin a thachair dha.

### Peadar a' Bruidhinn ris an Luchd-Coimheid

- <sup>11</sup>Fhad 's a bha grèim aige air Peadar is Eòin, ruith an sluagh gu lèir thuca ann an sgàil-thaigh Sholaimh, fo mhòr-iongnadh.
- <sup>12</sup>Ach nuair a chunnaic Peadar seo fhreagair e an sluagh: “Fheara Israeil, carson a tha sibh a' gabhail iongnadh mun seo, no carson a tha sibh a' coimhead gu geur oirne, mar gum b' ann le ar cumhachd no ar cràbhachd fhèin a thug sinn air an duine seo coiseachd?”
- <sup>13</sup>Ghlòraich Dia Abrahàim, is Ìsaic, is Iàcoib, Dia ar n-athraichean, a sheirbheiseach Ìosa, a thug sibhse thairis agus a dh'àich sibh ann an làthair Phìlait, nuair a chuir e roimhe a leigeil ma sgaoil.
- <sup>14</sup>Ach dh'àich sibhse an t-Aon Naomh agus Fìreanta, agus dh'iarr sibh gum biodh murtair air a shaoradh dhuibh,

<sup>15</sup> agus mharbh sibh Ùghdar na Beatha, a thog Dia o na mairbh; air a bheil sinne nar fianaisean.

<sup>16</sup> Agus tro chreideamh na ainm – ann an ainm Ìosa – neartaich e an duine seo a tha sibhse a' faicinn agus as aithne dhuibh, agus tha an creideamh a tha tro Ìosa air an t-slàinte choileanta seo a thoirt dha nur làthair-se uile.

<sup>17</sup> “Agus a-nis, a bhràithrean, tha fios agam gur ann tro aineolas a rinn sibh seo, mar a rinn ur riaghladairean cuideachd.

<sup>18</sup> Ach na rudan a dh'innis Dia ro-làimh le beul nam fàidhean uile, gum fulaingeadh an Crìosd aige, choilean e san dòigh sin.

<sup>19</sup> Mar sin, dèanaibh-se aithreachas agus tionndaidhibh a-rithist, airson 's gum bi ur peacaidhean air an glanadh às,

<sup>20</sup> airson 's gun tig amannan ùrachaidh o làthaireachd an Tighearna, agus gum faod e Ìosa a chur thugaibh, an Crìosd a ro-òrdaich e dhuibh.

<sup>21</sup> Neach a dh'fheumas nèamh a ghabhail a-steach gus an t-àm nuair a thèid a h-uile rud aiseag, air an do bhruidhinn Dia le beul nam fàidhean naomha aige o chionn fhada.

<sup>22</sup> Oir thuirt Maois, ‘Togaidh an Tighearna Dia suas dhuibh fàidh coltach riurmsa o ur bràithrean. Èistidh sibh ris-san sa h-uile rud a chanas e ribh.

<sup>23</sup> Agus tachraidh e gun tèid a h-uile h-anam nach èist ris an fhàidh sin a sgrios o mheasg an t-sluaigh.’

<sup>24</sup> “Agus san aon dòigh, na fàidhean gu lèir a th' air bruidhinn, o Shamuel is iadsan a thàinig às a dhèidh, dh'aithris iad gu follaiseach mu na làithean seo.

<sup>25</sup> Is sibhse clann nam fàidhean agus a' chùmhaint a rinn Dia ri ur n-athraichean, ag ràdh ri Abrahàm, ‘Agus nad shliochd-sa bidh uile theaghlaichean na talmhainn air am beannachadh.’

<sup>26</sup> Às dèidh do Dhia a sheirbheiseach a thogail suas, chuir e a-mach dhuibhse an toiseach e airson 's gum beannaicheadh e sibh, leis gach aon agaibh a thionndadh o ur slighean olca.”

## **Gnìomhan 4**

### **Peadar agus Eòin mu choinneamh na Comhairle**

<sup>1</sup> Agus fhad 's a bha iad a' bruidhinn ris an t-sluaigh, thàinig na sagartan is caiptean an teampaill is na Sadusaich thuca,

<sup>2</sup> fo dhragh mòr a chionn 's gun robh iad a' teagasg an t-sluaigh agus a' searmonachadh aiseirigh o na mairbh tre Ìosa.

- <sup>3</sup>Agus chuir iad an grèim iad is chuir iad ann am prìosan iad gus an ath latha, oir bha am feasgar ann mu thràth.
- <sup>4</sup>Ach chreid mòran dhiubhsan a bh' air am facal a' chluinntinn; agus thàinig àireamh nan daoine gus a bhith mu thimcheall air còig mìle.
- <sup>5</sup>Air an ath latha chruinnich na riaghladairean is na seanairean is na sgrìobhaichean aca ann an Ierusalem,
- <sup>6</sup>agus Annas an t-àrd-shagart is Caiaphas is Eòin is Alecsander is iadsan uile a bha de theaghlach an àrd-shagairt.
- <sup>7</sup>Agus nuair a bha iad air an suidheachadh sa mheadhan dh'fhaighnich iad, “Dè an cumhachd, no dè an t-ainm leis an do rinn sibh seo?”
- <sup>8</sup>An uair sin, làn dhen Spiorad Naomh, thuirt Peadar riutha, “A riaghladairean is èildearan an t-sluaigh,
- <sup>9</sup>ma tha sinne an-diugh air ar ceasnachadh mu dheagh ghnìomh a chaidh a dhèanamh do chrioplach, a thaobh ciamar a chaidh a shlànachadh,
- <sup>10</sup>biodh e aithnichte dhuibhse uile is do shluagh Israeil gu lèir gur ann le ainm Ìosa Crìosd o Nàsaret, a cheus sibhse, a thog Dia o na mairbh – le ainm-san tha an duine seo na sheasamh slàn an seo nur làthair-se.
- <sup>11</sup>Is esan “‘a' chlach a chaidh a dhiùltadh leibhse, an luchd-togail, a thàinig gus a bhith na clach-cinn an oisein.’
- <sup>12</sup>“Agus chan eil slàinte ann an neach sam bith eile; oir chan eil ainm sam bith eile fo nèamh air a thoirt am measg dhaoine leis am feum sinn a bhith air ar sàbhaladh.”
- <sup>13</sup>A-nis nuair a chunnaic iad dànadas Pheadair is Eòin, agus a thuig iad gum b' e daoine gun fhoghlam agus cumanta a bh' annta, ghabh iad iongnadh. Agus dh'aithnich iad gun robh iadsan air a bhith còmhla ri Ìosa.
- <sup>14</sup>Ach a' faicinn an duine a chaidh a leigheas na sheasamh còmhla riutha, cha robh sìon aca ri ràdh mar fhreagairt.
- <sup>15</sup>Ach nuair a bha iad air òrdachadh dhaibh a' Chomhairle fhàgail, rinn iad còmhradh ri chèile,
- <sup>16</sup>ag ràdh, “Dè a nì sinn leis na daoine seo? Oir tha e aithnichte gun deach comharra mìorbhaileach a dhèanamh tromhpa – follaiseach do luchd-àiteachaidh Ierusalem gu lèir – agus chan urrainn dhuinne sin àicheadh.
- <sup>17</sup>Ach airson 's nach tèid seo a sgaoileadh nas fhaide buileach am measg an t-sluaigh, thugamaid rabhadh dhaibh gun a bhith a' bruidhinn tuilleadh ri neach sam bith anns an ainm seo.”

**18** Agus ghairm iad orra agus dh'àithn iad dhaibh gun a bhith a' bruidhinn no a' teagasg idir ann an ainm Ìosa.

**19** Ach fhreagair Peadar is Eòin iad, “A bheil e ceart ann am fianais Dhè èisteachd ribhse seach ri Dia? Breithnichibh,

**20** oir chan urrainn dhuinne ach na rudan a chunnaic is a chuala sinn innse.”

**21** Agus nuair a bha iad air barrachd maoidhidh a dhèanamh orra, leig iad às iad, gun dòigh fhaighinn air am peanasachadh, air sgàth an t-sluaigh, oir bha iad uile a' moladh Dhè airson an rud a thachair.

**22** Oir bha an duine air an deach an comharra leigheis a dhèanamh còrr is ceathrad bliadhna a dh'aois.

### **Ùrnaigh nan Creidmheach**

**23** Nuair a chaidh an leigeil às, thàinig iad gu 'n cuideachd fhèin, agus thug iad cunntas air a h-uile rud a bha na h-àrd-shagartan is na h-èildearan air a ràdh riutha.

**24** Agus nuair a chuala iad seo, a dh'aon inntinn thog iad suas an guth ri Dia agus thuirt iad, “A Thighearna, is tusa a rinn nèamh is talamh is a' mhuir is a h-uile sìon a th' annta,

**25** a thuirt leis an Spiorad Naomh, tro bheul ar n-athar Daibhidh, do sheirbheiseach: “Carson a ghabh na Cinnich an caoch, agus a rinn an sluagh innleachd dhìomhain?”

**26** Sheas rìghrean na talmhainn suas, agus chaidh na riaghladairean a chruinneachadh còmhla an aghaidh an Tighearna, agus an aghaidh an Aoin Ungte aige.'

**27** “Oir gu fìrinneach sa bhaile seo bha, air an cruinneachadh còmhla an aghaidh do sheirbheisich naoimh Ìosa, a dh'ung thu, an dà chuid Herod is Pontius Pilat, còmhla ris na Cinnich is slòigh Israeil,

**28** a dhèanamh ge b' e dè a ro-òrdaich do làmh 's do rùn a thachradh.

**29** A-nis, a Thighearna, thoir aire dha na maoidhidhean aca agus ceadaich dhad sheirbheisich gum bruidhinn iad d' fhacal leis a h-uile dànachd,

**30** fhad 's a shìneas tu a-mach do làmh airson leigheas, agus a tha comharraidhean is iongantasan air an dèanamh trod sheirbheiseach naomh Ìosa.”

**31** Agus nuair a bha iad air ùrnaigh a dhèanamh, bha an t-àite san robh iad cruinn air a chrathadh, agus chaidh iad uile a lìonadh leis an Spiorad Naomh agus dh'aithris iad facal Dhè le dànachd.

### **Na Creidmheach a' Roinn an Cuid**

<sup>32</sup>Agus bha a' chuideachd dhiubhsan a chreid de dh'aon chridhe is anam, agus cha tuit neach sam bith gum bu leis fhèin a bha gin dhe na rudan a bu sheilbh dha, ach bha a h-uile rud aca gu coitcheann.

<sup>33</sup>Agus le sàr-chumhachd bha na h-abstoil a' toirt fianais do dh'aiseirigh an Tighearna Ìosa, agus bha mòr-ghràs orra uile.

<sup>34</sup>Cha robh aon neach ann an dìth nam measg, oir na h-uimhir 's aig an robh fearainn no taighean, reic iad iad agus, a' toirt leotha luach nan rudan a chaidh a reic,

<sup>35</sup>shìn iad e aig casan nan abstol agus bha e air a roinn do gach neach mar a bha feum aige air.

<sup>36</sup>Mar sin reic lèsaph, dhan tug na h-abstoil an t-ainm Barnabas (a tha a' ciallachadh 'Mac na Cofhurtachd') Lèbhitheach dham bu dùthaich Cìopras,

<sup>37</sup>achadh a bh' aige agus thug e an t-airgead leis agus chuir e aig casan nan abstol e.

## Gnìomhan 5

### Ananias agus Saphira

<sup>1</sup>Ach reic duine àraidh dham b' ainm Ananias, cuide ri a bhean Saphira, pìos seilbh

<sup>2</sup>agus, le fios a bhith aig a bhean cuideachd air, chùm e air ais cuid dhen airgead agus thug e dìreach pàirt dheth is shìn e aig casan nan abstol e.

<sup>3</sup>Ach thuit Peadar, "Ananias, carson a lìon Sàtan do chridhe gus breug innse dhan Spiorad Naomh agus gus pàirt de phrìs na talmhainn a chumail air ais?"

<sup>4</sup>Fhad 's a bha e agad, nach b' ann leat a bha e? Agus às dèidh a reic, nach robh còir agad air? Carson a shuidhich thu nad chridhe an gnìomh seo a dhèanamh? Cha b' ann do dhaoine a dh'innis thu breug ach do Dhia."

<sup>5</sup>Nuair a chuala Ananias na briathran seo, thuit e sìos is chaidh an deò às. Agus thàinig eagal mòr orrasan uile a chuala ma dheidhinn.

<sup>6</sup>Dh'èirich na daoine òga agus shuain iad e agus ghiùlain iad a-mach e is dh'adhlaic iad e.

<sup>7</sup>Thachair, mu thrì uairean às dèidh sin, gun tàinig a bhean a-steach is gun fhios aice air na bh' air tachairt.

<sup>8</sup>Agus thuit Peadar rithe, "Innis dhòmhsa an do reic sibh an talamh seo airson na h-uiread seo?" Agus thuit ise, "Seadh, airson na h-uiread sin."



<sup>9</sup>Ach thuir Peadar rithe, “Carson a dh'aontaich sibh còmhla Spiorad an Tighearna a bhuaireadh? Seall, tha casan na feadhna a dh'adhlaic d' fhear aig an doras, agus giùlainidh iad thusa a-mach cuideachd.”

<sup>10</sup>Sa bhad thuit i sìos aig a chasan agus chaidh an deò aiste. Agus nuair a thàinig na fir òga a-steach fhuair iad marbh i, agus ghiùlain iad a-mach i agus dh'adhlaic iad i ri taobh an duine aice.

<sup>11</sup>Agus thàinig eagal mòr air an eaglais gu lèir, agus orrasan uile a chuala mu na rudan seo.

### **Na h-Abstoil a' Slànachadh Mhòran**

<sup>12</sup>A-nis chaidh mòran chomharraidhean agus mhìorbhailean a dhèanamh am measg an t-sluaigh le làmhan nan abstol. Agus bha iad uile a dh'aon inntinn ann an sgàil-thaigh Sholaimh.

<sup>13</sup>Cha dùraigeadh gin dhen chòrr aonadh riutha, ach bha mòr-mheas aig an t-sluagh orra.

<sup>14</sup>Agus chaidh tòrr a bharrachd chreidmheach a chur ris an Tighearna, sluagh mòr, an dà chuid de dh'fhir agus de bhoireannaich,

<sup>15</sup>air chor 's gun tug iad fiù 's a-mach na h-euslaintich dha na sràidean agus gun do shìn iad air leapannan is air sìneadairean iad, airson 's nuair a ghabhadh Peadar seachad gun tuiteadh fiù 's fhaileas orra.

<sup>16</sup>Chruinnich an sluagh cuideachd o na bailtean mu thimcheall air Ierusalem, a' toirt leotha euslainteach is feadhainn a bha a' fulang le spioradan neòghlan, agus bha iad uile air an leigheas.

### **Na h-Abstoil a' Fulang Geur-Leanmhainn**

<sup>17</sup>Ach dh'èirich an t-àrd-shagart, agus iadsan uile a bha còmhla ris ('s e sin buidheann nan Sadusach), 's iad air an lìonadh le eud,

<sup>18</sup>agus ghlac iad na h-abstoil agus chuir iad dhan phrìosan phoblach iad.

<sup>19</sup>Ach san oidhche dh'fhosgail aingeal dhen Tighearna dorsan a' phrìosain agus threòraich e a-mach iadsan, agus thuir e,

<sup>20</sup>“Thallaibh 's seasaibh is innsibh briathran na beatha seo gu lèir dhan t-sluagh san teampall.”

<sup>21</sup>Agus nuair a chuala iad seo, chaidh iad a-steach dhan teampall aig briseadh an latha agus bha iad a' teagasg. A-nis nuair a thàinig an t-àrd-shagart, agus iadsan a bha còmhla ris, ghairm iad cruinn a' Chomhairle agus Seanadh chloinn Israeil gu lèir agus chuir iad fios dhan phrìosan airson 's gun deigheadh iadsan a thoirt thuca.

**22**Ach nuair a thàinig na h-oifigearan, cha d' fhuair iad sa phrìosan iad; mar sin thill iad agus thug iad aithris air a seo,

**23**ag ràdh, “Fhuair sinne am prìosan glaiste gu ro thèarainte, agus na maoir nan seasamh aig na dorsan, ach nuair a dh'fhosgail sinn iad, cha d' fhuair sinn duine sam bith a-staigh.”

**24**A-nis nuair a chuala an caiptean agus na h-àrd-shagartan na briathran seo, bha iad fo imcheist mhòr mun deidhinn, a thaobh dè a thigeadh às a seo.

**25**Ach thàinig cuideigin agus thug e an cunntas seo dhaibh: “Seallaibh! Tha na daoine a chuir sibh dhan phrìosan nan seasamh san teampall agus a' teagasg an t-sluaigh.”

**26**An uair sin chaidh an caiptean le oifigearan agus thug iad leotha iad: cha b' ann tro cho-èigneachadh, oir bha an t-eagal orra on t-sluaigh – gun fhios nach biodh iad air an clachadh leotha.

**27**Agus nuair a bha iad air an toirt leotha, chuir iad mu choinneamh na Comhairle iad. Agus cheasnaich an t-àrd-shagart iad,

**28**ag ràdh, “Thug sinne òrdugh teann gun teagasg a dhèanamh san ainm seo, agus fhathast lìon sibhse Ierusalem le ur teagasg, agus tha sibh a' cur romhaibh fuil an duine sin a thoirt oirne.”

**29**Ach fhreagair Peadar agus na h-abstoil, ag ràdh, “Tha e nas cudromaiche ùmhlachd a thoirt do Dhia na do dhaoine!

**30**Thog Dia ar n-athraichean Ìosa, a mharbh sibhse tro a chrochadh air crann.

**31**Dh'àrdaich Dia esan aig a dheas-làimh na Phrionnsa 's na Shlànaighear, airson aithreachas a thoirt do dh'Israel, agus mathanas pheacaidhean.

**32**Agus tha sinne nar fianaisean dha air na rudan seo, agus an Spiorad Naomh cuideachd, a thug Dia dhaibhsan a tha umhail dha.”

**33**Nuair a chuala iad seo ghabh iad an caoch agus bha iad ag iarraidh am marbhadh.

**34**Ach dh'èirich Pharasach àraidh dham b' ainm Gamaliel sa Chomhairle, fear-teagaisg an lagha, aig an robh urram an t-sluaigh gu lèir, agus thug e òrduighean na daoine a chur a-mach airson ùine bhig.

**35**Agus thuirt e riutha, “Fheara Israeil, thoiribh an aire dè a tha sibh a' cur romhaibh a dhèanamh le na daoine seo.

**36**Oir ro na làithean seo dh'èirich Tadeus, ag agairt gum b' e cuideigin a bh' ann fhèin, agus cheangail àireamh dhaoine, mu thimcheall air ceithir cheud,

iad fhèin ris. Chaidh esan a mharbhadh agus chaidh iadsan a dh'aontaich ris a sgapadh is thàinig iad gu neoni.

<sup>37</sup>Às a dhèidh, dh'èirich Iùdas an Galilèach, ann an làithean a' chunntais-sluaigh, agus tharraing e air falbh mòran dhaoine. Chaidh cur às dhàsan cuideachd agus chaidh iadsan uile a dh'aontaich leis a sgapadh.

<sup>38</sup>Mar sin san t-suidheachadh againne, tha mi ag ràdh ribh, fanaibh air falbh o na daoine seo agus leigibh leatha, oir mas ann o dhaoine a tha am plana no an obair seo, thèid cur às dha.

<sup>39</sup>Ach mas ann o Dhia a tha e, chan urrainn dhuibhse an tilgeil sìos, gun fhios nach biodh sibh air ur faighinn a' cogadh an aghaidh Dhè!" Mar sin dh'aontaich iad ris,

<sup>40</sup>agus nuair a bha iad air na h-abstoil a ghairm a-steach, dhochainn iad iad agus dh'òrdaich iad dhaibh gun bruidhinn ann an ainm Ìosa, agus leig iad às iad.

<sup>41</sup>Mar sin dh'fhàg iadsan làthaireachd na Comhairle, a' dèanamh gàirdeachas a chionn 's gun deach an cunntadh airidh air eas-urram fhulang airson an ainm.

<sup>42</sup>Agus gach latha, san teampall 's o thaigh gu taigh, cha do sguir iad a theagas is a' shearmonachadh an deagh sgeòil – Ìosa, an Crìosd.

## Gnìomhan 6

### A' Taghadh an t-Seachdnar

<sup>1</sup>A-nis anns na làithean sin nuair a bha na deisciobail a' fàs ann an àireamh, dh'èirich gearan am measg nan Greugach an aghaidh nan Eabhrach a chionn 's gun robh am bantraichean air an cur an dearmad san fhrithealadh-bìdh làitheil.

<sup>2</sup>An uair sin ghairm an dà fhear dheug an làn-àireamh dhe na deisciobail agus thuir iad, "Chan eil e iomchaidh gun dèanadh sinne dearmad air facal Dhè airson bùird a fhrithealadh.

<sup>3</sup>Mar sin, a bhràithrean, taghaibh a-mach o ur measg seachdnar fhear le deagh chliù, làn dhen Spiorad agus de ghliocas, a chuireas sinne os cionn an dleistanais seo.

<sup>4</sup>Ach coisrigidh sinne sinn fhèin do dh'ùrnaigh agus do mhinistrealachd an fhacail."

<sup>5</sup>Agus bha an cruinneachadh gu lèir gu math toilichte ris na thuir iad, agus thagh iad Steaphan, duine làn de chreideamh agus dhen Spiorad Naomh, agus Philip, is Prochoras, is Nicanor, is Timon, is Parmenas, is Nicolas, proseiliteach o Antioch.

<sup>6</sup>Chuir iadsan mu choinneamh nan abstol iad, agus rinn iad ùrnaigh is chuir iad an làmhan orra.

<sup>7</sup>Agus chùm facal Dhè air a' fàs agus bha àireamh nan deisciobal a' meudachadh gu ro mhòr ann an Ierusalem, agus bha cuideachd mhòr dhe na sagartan umhail dhan chreideamh.

### **Steaphan air a Ghlacadh**

<sup>8</sup>Agus bha Steaphan, làn de ghràs is de chumhachd, a' dèanamh iongantasan mòra is chomharraidhean am measg an t-sluaigh.

<sup>9</sup>An uair sin dh'èirich cuid dhiubhsan a bhuineadh do Shionagog nan Daoine Saorte (mar a ghabhadh oirre), agus de na Cirèianaich agus de na h-Alecsandrianaich agus iadsan o Chìlicia agus o Àisia, agus rinn iad deasbad an aghaidh Steaphain.

<sup>10</sup>Ach cha b' urrainn dhaibh cur an aghaidh a' ghliocais agus an spioraid leis an robh e a' bruidhinn.

<sup>11</sup>An uair sin phiobraich iad daoine gu diomhair gus cantainn, “Chuala sinne e ag ràdh bhriathran toibheumach an aghaidh Mhaois agus an aghaidh Dhè.”

<sup>12</sup>Agus bhrosnaich iad an slugh is na h-èildearan is na sgrìobhaichean, agus a' tighinn air, ghlac iad e agus thug iad mu choinneamh na Comhairle e.

<sup>13</sup>Agus chuir iad suas fianaisean-brèige a thuirt, “Chan eil an duine seo a' sgar a ràdh bhriathran an aghaidh an àite naoimh seo agus an lagha;

<sup>14</sup>oir chuala sinn e ag ràdh gun sgrìos an t-Ìosa seo o Nàsaret an t-àite seo agus gun atharraich e na cleachdaidhean a thug Maois dhuinne.”

<sup>15</sup>Agus a' geur-amharc air, chunnaic iad gun robh aodann mar aodann aingil.

## **Gnìomhan 7**

### **Òraid Steaphain dhan Chomhairle**

<sup>1</sup>Thuirt an t-àrd-shagart, “A bheil na rudan sin mar seo?”

<sup>2</sup>Agus thuirt esan, “A bhràithrean is athraichean, èistibh rium. Nochd Dia na glòire ri Abrahàm nuair a bha e ann am Mesopotàmia mun do rinn e còmhnaidh ann a Haran

<sup>3</sup>agus thuirt e ris, ‘Thalla a-mach às do thìr agus od chàirdean, agus rach a-steach dhan tìr a sheallas mise dhut.’

<sup>4</sup>“An uair sin chaidh esan a-mach o thìr nan Caldèanach is rinn e còmhnaidh ann a Haran. Agus o sin, às dèidh bàs athar, thug Dia a-mach e às a sin dhan tìr seo sa bheil sibhse a-nis a' fuireach.

<sup>5</sup>Ach cha tug e dha oighreachd sam bith ann, cha tug fiù 's troigh talmhainn, ach gheall e gun toireadh e mar sheilbh dha fhèin 's dha shliochd i, às a dhèidh, ged nach robh duine cloinne aige.

<sup>6</sup>Agus bhruidhinn Dia ris mar seo: ‘Bidh do shliochd nan coigrich ann an tìr a bhuineas do dh'fheadhainn eile, agus nì iad tràillean dhiubh, agus làimhsichidh iad gu dona iad fad cheithir cheud bliadhna.

<sup>7</sup>Ach bheir mise breith air an nàisean sin dhan dèan iad seirbheis mar thràillean,’ arsa Dia, ‘agus às dèidh sin thig iad a-mach agus nì iad adhradh dhòmhsa san àite seo.’

<sup>8</sup>Agus thug e dha cùmhnant an timcheall-ghearraidh. Agus mar sin ghin Abrahàm Ìsaac, agus thimcheall-gheàrr e air an ochdamh latha e, agus ghin Ìsaac Iàcob, agus Iàcob an dà phrìomh-athair dheug.

<sup>9</sup>“Agus farmadach a thaobh Iòsaiph, reic na prìomh-athraichean e dhan Èipheit. Ach bha Dia còmhlà ris,

<sup>10</sup>agus shaor e às a thrioblaidean uile e is thug e fàbhar is gliocas dha mu choinneamh Phàraoh, rìgh na h-Èipheit, a chuir e na riaghladair thairis air an Èipheit, agus thar a theaghlach fhèin gu Ièir.

<sup>11</sup>“A-nis thàinig gorta air an Èipheit gu Ièir agus air Canaan, agus àmhghar mòr, agus cha b' urrainn dhar n-athraichean biadh sam bith fhaighinn.

<sup>12</sup>Ach nuair a chuala Iàcob gu robh arbhar san Èipheit, chuir e ar n-athraichean a-mach air a' chiad turas aca.

<sup>13</sup>Agus air an dara turas rinn Iòsaph e fhèin aithnichte dha bhràithrean, agus chaidh teaghlach Iòsaiph a dhèanamh aithnichte do Phàraoh.

<sup>14</sup>An uair sin chuir Iòsaph fios agus ghairm e thuige Iàcob, athair, agus a chàirdean gu Ièir, seachdad 's a còignear air fad.

<sup>15</sup>Agus chaidh Iàcob sìos dhan Èipheit is chaochail e, esan agus ar n-athraichean.

<sup>16</sup>Agus chaidh an giùlain air ais gu Sicheam agus chaidh an sìneadh san tuam a bha Abrahàm air a cheannach air suim airgid o mhic Eموir, ann an Sicheam.

<sup>17</sup>“Ach mar a theann àm a' gheallaidh a thug Dia do dh'Abrahàm dlùth, dh'fhàs an sluagh is chaidh an dèanamh lìonmhor san Èipheit

<sup>18</sup>agus an do dh'èirich rìgh eile thar na h-Èipheit nach robh eòlach air Iòsaph.

**19**Rinn esan gu carach ri ar cinneach, agus rinn e olc air ar sinnsirean agus thug e air ar n-athraichean an naoidheanan a thilgeil a-mach airson 's nach biodh iad air an gleidheadh beò.

**20**“Aig an àm sin rugadh Maois, agus bha e brèagha ann an sealladh Dhè, is chaidh altram airson trì mìosan ann an taigh athar,

**21**agus nuair a chaidh a thilgeil a-mach, thug nighean Phàraoh leatha e agus thog i mar a mac fhèin e.

**22**Agus chaidh Maois oideachadh ann an uile ghliocas nan Èipheiteach, agus bha e cumhachdach na bhriathran 's na ghnìomhan.

**23**“Agus nuair a bha e ceathrad bliadhna a dh'aois, thàinig e na chridhe a dhol a thadhal air a bhràithrean, clann Israeil.

**24**Agus a' faicinn aon dhiubh a' fulang eu-ceirt, rinn e dìon air, is rinn e dìoghaltas air a shon le bhith a' leagail sìos an Èipheitich.

**25**Oir shaoil e gun tuigeadh a bhràithrean gun robh Dia a' toirt slàinte dhaibh le a làimh-san, ach cha do thuig iad.

**26**Agus an ath latha nochd e e fhèin dhaibh fhad 's a bha iad a' còmhstri agus dh'fheuch e ri rèite a dhèanamh eatarra, ag ràdh, ‘A dhaoine, 's e bràithrean a th' annaibh. Carson a tha sibh a' dèanamh eucoir air a chèile?’

**27**“Ach phut an duine a bha a' dèanamh eucoir air a nàbaidh Maois gu aon taobh, ag ràdh, ‘Cò a rinn thusa nad riaghladair is nad bhritheamh thairis oirne?’

**28**A bheil thu ag iarraidh mise a mharbhadh mar a mharbh thu an t-Èipheiteach an-dè?’

**29**Nuair a chuala Maois seo, theich e agus thàinig e gus a bhith na choigreach ann an dùthaich Mhidiain, far an do ghin e dithis mhac.

**30**“A-nis nuair a bha ceathrad bliadhna air a dhol seachad nochd aingeal ris ann am fàsach Beinn Shinài, ann an lasair teine ann am preas.

**31**Nuair a chunnaic Maois seo, ghabh e iongnadh mun t-sealladh, agus fhad 's a theann e dlùth airson coimhead, thàinig guth an Tighearna thuige:

**32**‘Is mise Dia d' athraichean, Dia Abrahàim agus Ìsaic agus làcoib.’ An uair sin chrìochnaich Maois agus cha bu dùraig dha coimhead.

**33**“An uair sin thuirt an Tighearna ris, ‘Thoir do chuarain far do chasan, oir an t-àite far a bheil thu nad sheasamh, tha e na thalamh naomh.

**34**Chunnaic mi gu cinnteach àmhghar mo shluaigh a th' anns an Èipheit, agus chuala mi an osna-san, agus tha mi air tighinn a-nuas airson an saoradh. Agus a-nis thig, cuiridh mi dhan Èipheit thu.’

**35**“Is e seo am Maois sin, a dhiùlt iadsan, ag ràdh, ‘Cò a rinn thusa nad riaghladair is nad bhritheamh?’ – an duine seo chuir Dia a-mach gus an dà chuid a bhith na riaghladair agus na fhear-saoraidh le làimh an aingil a nochd ris sa phreas.

**36**Threòraich an duine seo a-mach iad, a' dèanamh iongantasan is chomharraidhean san Èipheit agus aig a' Mhuir Ruaidh agus san fhàsach thar ceathrad bliadhna.

**37**“Is e seo am Maois a thuir ri cloinn Israeil, ‘Togaidh an Tighearna ur Dia suas dhuibh fàidh coltach riumsa o ur bràithrean.’

**38**Is e seo am fear a bha sa choitheanal san fhàsach còmhla ris an aingeal a bhruidhinn aig Beinn Shinài ris agus ri ar n-athraichean; agus fhuair e briathran beò airson an toirt dhuinne.

**39**“Cha robh ar n-athraichean deònach a bhith umhail dha, ach phut iad gu aon taobh e, agus nan cridheachan thionndaidh iad air ais dhan Èipheit,

**40**ag ràdh ri Aaron, ‘Dèan diathan dhuinne a thèid romhainn. A thaobh a' Mhaois seo a threòraich a-mach à tìr na h-Èipheit sinn, chan eil fios againn dè a dh'èirich dha!’

**41**Agus rinn iad laogh sna làithean sin, is thairg iad ìobairt dhan iodhal agus bha iad a' dèanamh aoibhneas ann an obraichean an làmhan fhèin.

**42**Ach thionndaidh Dia air falbh, agus thug e thairis iad gus adhradh a dhèanamh do dh'armailt nèimh, a rèir mar a tha e sgrìobhte ann an leabhar nam fàidhean: “An tug sibh thugam beathaichean marbhte agus ìobairtean, fad ceathrad bliadhna san fhàsach, a thaigh Israeil?

**43**Thog sibh suas pàillea Mholoich agus an rionnag aig ur dia Rephan, na h-ìomhaighean a rinn sibh gus adhradh dhaibh. Mar sin cuiridh mise nar n-eilthirich sibh' air taobh thall Bhàbiloin.’

**44**“Bha pàillea an fianais aig ar n-athraichean san fhàsach, dìreach mar a dh'àithn esan a bhruidhinn ri Maois a dhèanamh, a rèir a' phàtrain a bha e air fhaicinn.

**45**Nan àm-san – às dèidh dhar n-athraichean, còmhla ri Iosua, sealbh fhaighinn air – thug iad a-steach e leotha nuair a fhuair iad na bhuineadh dha na nàiseanan a ruaig Dia a-mach mu choinneamh ar n-athraichean. Bha e mar seo gu làithean Dhaibhidh,

**46**a fhuair fàbhar ann an sealladh Dhè, agus a dh'iarr àite-fuirich fhaighinn do Dhia làcoib.

**47**Ach b' e Solamh a thog an taigh dha.

**48**Ge-tà, chan eil an t-Aon as Àirde a' fuireach ann an taighean a chaidh an dèanamh le làmhnan, mar a tha am fàidh ag ràdh:

**49**“Is e nèamh mo rìgh-chathair, agus is e an talamh mo stòl-coise. Dè an seòrsa taighe a thogas sibh dhòmhsa? ars an Tighearna. No gu dè àite mo thàimh?

**50**Nach do rinn mo làmh na rudan seo gu lèir?’

**51**“A dhaoine rag-amhaicheil, neo-thimcheall-gheàrrte ann an cridhe 's ann an cluasan, tha sibh an-còmhnaidh a' cur an aghaidh an Spioraid Naoimh. Tha sibhse a' dèanamh dìreach mar a rinn ur n-athraichean.

**52**Cò dhe na fàidhean air nach do rinn ur n-athraichean geur-leanmhainn? Agus mharbh iad iadsan a chuir an cèill ro-làimh teachd an Aoin Fhìreanta, a tha sibhse a-nis air a bhrath agus air a mhurt,

**53**sibhse a fhuair an lagh a chaidh òrdachadh tro ainglean, agus nach do chùm e.”

### Clachadh Steaphain

**54**A-nis nuair a chuala iad na rudan seo, bha iad air an cur air bhoil nan cridhe, agus bha iad a' giosgail am fiaclan ris.

**55**Ach, làn dhen Spiorad Naomh, choimhead esan gu geur a-steach do nèamh agus chunnaic e glòir Dhè, agus Ìosa na sheasamh air deas-làimh Dhè.

**56**Agus thuir e, “Seallaibh, tha mi a' faicinn nan nèamhan fosgailte agus Mac an Duine na sheasamh aig deas-làimh Dhè.”

**57**Ach ghlaodh iadsan a-mach le guth àrd agus dhùin iad an cluasan is leum iad a dh'aon inntinn air.

**58**Agus thilg iad a-mach às a' bhaile e agus chlach iad e. Agus shìn na fianaisean na badan aodaich aca sìos aig casan fir òig, dham b' ainm Saul.

**59**Agus nuair a chlach iad Steaphan dh'èigh e a-mach, “A Thighearna Ìosa, gabh mo spiorad.”

**60**Agus a' tuiteam air a ghlùinean, dh'èigh e le guth àrd, “A Thighearna, na cùm am peacadh seo nan aghaidh.” Agus às dèidh dha seo a ràdh, thuit e na chadal.

## Gnìomhan 8

**1**Agus bha Saul ag aontachadh le a mhurt.

### An Eaglais air a Geur-Learnmhainn is air a Sgapadh



Agus air an latha sin dh'èirich geur-leanmhainn mòr an aghaidh na h-eaglaise ann an Ierusalem, agus bha iad uile air an sgapadh air feadh cheàrnaidhean Iudèa is Shamaria, ach na h-abstoil a-mhàin.

<sup>2</sup>Agus dh'adhlaic daoine cràbhach Steaphan is rinn iad caoidh mhòr air a shon.

<sup>3</sup>Ach thòisich Saul a' creachadh na h-eaglaise, a' dol a-steach o thaigh gu taigh, a' draghadh air falbh fhear is bhoireannach is gan cur dhan phrìosan.

### **Philip ann an Samaria**

<sup>4</sup>A-nis, iadsan a bh' air an sgapadh, chaidh iad mun cuairt a' searmonachadh an fhacail.

<sup>5</sup>Chaidh Philip sìos do bhaile Shamaria 's bha e a' searmonachadh Chrìosd dhaibh.

<sup>6</sup>Agus a dh'aon inntinn thug an sluagh an aire dha na bha Philip ag ràdh, nuair a chuala iad e 's a chunnaic iad na comharraidhean a rinn e.

<sup>7</sup>Oir thàinig spioradan neòghlan a-mach à mòran anns an robh iad, ag èigheach le guth àrd, agus chaidh tòrr air an robh a' phairilis no a bha nan crioplaich a shlànachadh.

<sup>8</sup>Mar sin bha aoibhneas mòr sa bhaile sin.

### **Sìmon an Draoidh**

<sup>9</sup>Ach bha duine ann dham b' ainm Sìmon, a rinn draoidheachd sa bhaile agus a chuir iongnadh air muinntir Shamaria, ag ràdh gum b' e cuideigin mòr a bh' ann fhèin.

<sup>10</sup>Thug iad uile aire dha, on fheadhainn a bu lugha chun na feadhna a bu mhotha, ag ràdh, “Is e an duine seo Cumhachd Dhè ris an canar Mòr.”

<sup>11</sup>Agus thug iad uile an aire dha a chionn 's gun robh e air iongnadh a chur orra airson ùine mhòir leis an draoidheachd aige.

<sup>12</sup>Ach nuair a chreid iad Philip fhad 's a shearmonaich e an deagh sgeul mu rìoghachd Dhè agus ainm Ìosa Chrìosd, bha iad air am baisteadh, an dà chuid fir agus boireannaich.

<sup>13</sup>Chreid fiù 's Sìmon fhèin, agus às dèidh dha a bhith air a bhaisteadh, lean e air còmhla ri Philip, agus a' faicinn chomharraidhean is mhìorbhailean mòra air an dèanamh, bha e fo mhòr-iongnadh.

<sup>14</sup>A-nis nuair a chuala na h-abstoil a bh' ann an Ierusalem gun do ghabh Samaria ri facal Dhè, chuir iad thuca Peadar is Eòin

<sup>15</sup>a thàinig a-nuas agus a rinn ùrnaigh air an son – gum faigheadh iad an Spiorad Naomh,

**16**oir cha robh e fhathast air tuiteam air gin dhiubh, ach bha iad a-mhàin air a bhith air am baisteadh ann an ainm an Tighearna Ìosa.

**17**An uair sin shìn iad an làmhan orra agus fhuair iad an Spiorad Naomh.

**18**A-nis nuair a chunnaic Sìmon gun robh an Spiorad Naomh air a thoirt tro shìneadh làmhan nan abstol orra, thairg e airgead dhaibh,

**19**ag ràdh, “Thoiribh dhòmhsa an cumhachd seo cuideachd, airson 's gum faod ge b' e cò air an sìn mise mo làmhan an Spiorad Naomh fhaighinn cuideachd.”

**20**Ach thuirt Peadar ris, “Gun rachadh d' airgead a dhìth leat, a chionn 's gun do smaoinich thu gum b' urrainn dhut tiodhlac Dhè fhaighinn le airgead!

**21**Chan eil pàirt no roinn agad sa ghnòthach seo, oir chan eil do chridhe ceart mu choinneamh Dhè.

**22**Gabh aithreachas, mar sin, od olc, agus dèan ùrnaigh ris an Tighearna, gun deigheadh – ma tha e an comas – rùn do chridhe a mhathadh dhut.

**23**Oir tha mi a' faicinn gu bheil thu ann an domblas na seirbhe 's ann an daorsa na h-eucoir.”

**24**Agus fhreagair Sìmon, “Dèanaibh ùrnaigh air mo shon dhan Tighearna nach tig dad dhe na tha sibh air a ràdh orm.”

**25**Mar sin nuair a bha iad air fianais a thogail agus air facal an Tighearna aithris, thill iad gu Ierusalem, a' searmonachadh an t-soisgeil ann am mòran de bhailtean nan Samaritanach.

### **Philip agus an t-Etiòpach**

**26**Agus thuirt aingeal dhen Tighearna ri Philip, “Èirich agus thalla chun na h-àird a deas chun an rathaid a tha a' dol sìos o Ierusalem gu Gàsa.” 'S e fàsach a tha an seo.

**27**Agus dh'èirich e is dh'fhalbh e. Agus seall, Etiòpach, cailteanach, oifigear cùirt Chandace, banrighinn nan Etiòpach, a bha os cionn a h-ionmhais uile. Bha e air tighinn gu Ierusalem airson adhradh a dhèanamh,

**28**agus bha e a' tilleadh, na shuidhe na charbad, agus bha e a' leughadh an fhàidh Isaiah.

**29**Agus thuirt an Spiorad ri Philip, “Thalla a-null agus cùm dlùth ris a' charbad seo.”

**30**Mar sin ruith Philip thuige agus chuala e e a' leughadh an fhàidh Isaiah is dh'fhaighnich e, “A bheil thu a' tuigsinn na tha thu a' leughadh?”

**31**Agus thuirt e, “Ciamar as urrainn dhomh, mura treòraich cuideigin mi?” Agus thug e cuireadh do Philip tighinn a-nìos is suidhe còmhla ris.

<sup>32</sup>A-nis b' e seo an cuibhreann dhen Sgrìobtar a bha e a' leughadh: “Chaidh a threòrachadh mar chaora gu a spadadh, agus mar a tha uan mu choinneamh an neach-lomaidh sàmhach, mar sin chan eil e a' fosgladh a bheòil.

<sup>33</sup>Na ìsleachadh chaidh ceartas a dhiùltadh dha. Cò a nì aithris air a ghinealach? Oir chaidh a bheatha a thoirt air falbh on talamh.”

<sup>34</sup>Agus thuirt an cailteanach ri Philip, “Tha mi a' faighneachd dhut, cò mu dheidhinn a tha am fàidh ag ràdh seo, ma dheidhinn fhèin no mu neach air choireigin eile?”

<sup>35</sup>An uair sin dh'fhosgail Philip a bheul, agus a' tòiseachadh leis an Sgrìobtar seo, dh'innis e an deagh sgeul mu Ìosa dha.

<sup>36</sup>Agus fhad 's a bha iad a' dol air adhart air an rathad thàinig iad gu uisge àraidh agus thuirt an cailteanach, “Seall, seo uisge! Dè a tha gam bhacadh bho a bhith air mo bhaisteadh?”

<sup>37</sup>Agus thuirt Philip, “Ma tha thu a' creidsinn led uile chridhe, faodaidh tu.” Agus fhreagair e is thuirt e, “Tha mi a' creidsinn gur e Ìosa Crìosd Mac Dhè.”

<sup>38</sup>Agus thug e àithne gun stadadh an carbad, agus chaidh an dithis aca sìos dhan uisge, Philip agus an cailteanach, agus bhaist e e.

<sup>39</sup>Agus nuair a thàinig iad a-nìos às an uisge, thug Spiorad an Tighearna Philip air falbh, agus chan fhaca an cailteanach tuilleadh e, agus chaidh e air a shlighe a' dèanamh gàirdeachas.

<sup>40</sup>Ach fhuair Philip e fhèin aig Asotos, agus fhad 's a chaidh e troimhe shearmonaich e an soisgeul dha na bailtean gu lèir gus an tàinig e gu Cesarèa.

## Gnìomhan 9

### Iompachadh Shauil

<sup>1</sup>Ach chaidh Saul – fhathast a' sèideadh a-mach mhaoidhidhean is mhurt an aghaidh deisciobail an Tighearna – chun an àrd-shagairt

<sup>2</sup>agus dh'iarr e litrichean gu na sionagogan ann an Damascas air, airson 's, nam faigheadh e neach sam bith a bhuineadh dhan t-Slighe, fireannaich no boireannaich, gun toireadh e ceangailte gu Ierusalem iad.

<sup>3</sup>A-nis fhad 's a chaidh e air a shlighe, theann e dlùth ri Damascas agus gu grad dheàraich solas o nèamh mun cuairt air.

<sup>4</sup>Agus a' tuiteam chun na talmhainn chuala e guth ag ràdh ris, “A Shauil, a Shauil, carson a tha thu gam gheur-leanmhainn-sa?”

<sup>5</sup>Agus thuir esan, “Cò thu, a Thighearna?” Agus thuir an Tighearna, “Is mise Ìosa a tha thu a' geur-leanmhainn.

<sup>6</sup>Ach èirich agus thalla a-steach dhan bhaile, agus thèid innse dhut dè a dh'fheumas tu a dhèanamh.”

<sup>7</sup>Sheas na daoine a bha a' siubhal còmhla ris is gun smid aca, a' cluinntinn a' ghutha ach gun neach sam bith fhaicinn.

<sup>8</sup>Dh'èirich Saul on talamh, agus ged a bha a shùilean fosgailte, chan fhaca e sìon. Mar sin threòraich iad air làimh e is thug iad gu Damascas e.

<sup>9</sup>Agus airson trì latha bha e gun fhradharc, agus cha do dh'ith 's cha do dh'òl e.

<sup>10</sup>A-nis bha deisciobal ann an Damascas dham b' ainm Ananias. Thuir an Tighearna ris ann an sealladh, “Ananiais!” Agus thuir esan, “Seo mi, a Thighearna.”

<sup>11</sup>Agus thuir an Tighearna ris, “Èirich is thalla dhan t-sràid ris an canar Dìreach, agus aig taigh Iùdais faighnich airson duine o Tharsas ris an canar Saul, oir seall, tha e ag ùrnaigh,

<sup>12</sup>agus tha e air duine dhan ainm Ananias fhaicinn ann an sealladh a' tighinn a-steach agus a' sìneadh a làmhan air airson 's gum faigh e a fhradharc air ais.”

<sup>13</sup>Ach fhreagair Ananias, “A Thighearna, chuala mi o mhòran mun duine seo, na rinn e de dh'olc rid naoimh ann an Ierusalem.

<sup>14</sup>Agus an seo tha ùghdarras aige o na h-àrd-shagartan iadsan uile a cheangal a tha a' gairm air d' ainm-sa.”

<sup>15</sup>Ach thuir an Tighearna ris, “Thalla, oir is e soitheach taghte dhòmhsa a th' anns an duine seo airson m' ainm a ghiùlain mu choinneamh nan Cinneach is rìghrean is chloinn Israeil.

<sup>16</sup>Oir seallaidh mise dha uimhir 's a dh'fheumas e fhulang air sgàth m' ainm-sa.”

<sup>17</sup>Mar sin dh'fhalbh Ananias is chaidh e a-steach dhan taigh. Agus a' sìneadh a làmhan air thuir e, “A bhràthair Saul, tha an Tighearna Ìosa, a nochd riut air an rathad air an tàinig thu, air mise a chur airson 's gum faigheadh tu do fhradharc air ais agus gum biodh tu air do lìonadh leis an Spiorad Naomh.”

<sup>18</sup>Agus sa bhad thuit rudeigin mar lannan o a shùilean agus chaidh a fhradharc aiseag dha. An uair sin dh'èirich e agus chaidh a bhaisteadh,

<sup>19</sup>agus a' gabhail bìdh, chaidh a neartachadh.

### **Saul ann an Damascas agus ann an Ierusalem**

A-nis airson corra latha bha e còmhla ri na deisciobail ann an Damascas.

<sup>20</sup>Agus sa bhad shearmonaich e Iosa anns na sionagogan, ag ràdh, “Is esan Mac Dhè.”

<sup>21</sup>Agus bha iadsan uile a chuala e fo iongnadh agus thuir iad, “Nach e seo esan a rinn sgrìos ann an Ierusalem air an fheadhainn a ghairm air an ainm seo? Agus nach tàinig e an seo airson 's gun toireadh e ceangailte iad gu na h-àrd-shagartan?”

<sup>22</sup>Ach dh'fhàs Saul na bu mhotha ann an neart, agus chuir e troimh-a-chèile na h-lùdhaich a bha a' fuireach ann an Damascas le bhith a' dearbhadh gum b' e Iosa an Crìosd.

<sup>23</sup>Nuair a bha mòran làithean air a dhol seachad, rinn na h-lùdhaich innleachd le chèile airson 's gum marbhadh iad e,

<sup>24</sup>ach chaidh fios air an innleachd aca a thoirt do Shaul. Bha iad a' dèanamh faire air na geataichean a latha 's a dh'oidhche airson a mharbhadh.

<sup>25</sup>Ach thug a dheisciobail leotha san oidhche e agus leig iad sìos e ann am basgaid mhòr tro fhosgladh anns a' bhalla.

<sup>26</sup>Agus nuair a bha e air tighinn gu Ierusalem, dh'fheuch e ri e fhèin aonadh ris na deisciobail. Ach bha eagal orra uile roimhe, oir cha do chreid iad gum b' e deisciobal a bha ann.

<sup>27</sup>Ach ghabh Barnabas grèim air agus thug e gu na h-abstoil e agus dh'innis e dhaibh mar a bha e air an Tighearna fhaicinn air an rathad is gun do bhruidhinn e ris agus mar a shearmonaich e gu dàn ann an Damascas ann an ainm Iosa.

<sup>28</sup>Mar sin chaidh e a-steach agus a-mach nam measg ann an Ierusalem, a' searmonachadh gu dàn ann an ainm an Tighearna.

<sup>29</sup>Agus bhruidhinn e is rinn e deasbaireachd an aghaidh nan lùdhach Greugach. Ach bha iad ag iarraidh a mharbhadh.

<sup>30</sup>Ach nuair a fhuair na bràithrean seo a-mach, thug iad sìos gu Cesarèa e agus chuir iad air falbh gu Tarsas e.

<sup>31</sup>Mar sin bha sìth aig an eaglais air feadh Iudèa gu lèir is Ghalile is Shamaria, agus bha i air a daingneachadh. Agus a' coiseachd ann an eagal an Tighearna 's ann an cofhurtachd an Spioraid Naoimh, dh'fhàs i ann an àireamh.

### **Eneas agus Dorcas**

<sup>32</sup>A-nis fhad 's a chaidh Peadar an siud 's an seo nam measg gu lèir, thàinig e cuideachd a-nuas gu na naoimh a bha a' fuireach ann an Lida.

**33** An sin fhuair e duine àraidh dham b' ainm Eneas, a bha rè ochd bliadhna air an leabaidh, oir bha a' phairilis air.

**34** Agus thuir Peadar ris, “Eneais, tha Ìosa Crìosd gad leigheas. Èirich is càirich do leabaidh.” Agus sa bhad dh'èirich e.

**35** Agus chunnaic iadsan uile a bha a' fuireach ann an Lida is ann an Sàron e, agus thionndaidh iad chun an Tighearna.

**36** A-nis ann an Iopa bha bana-dheisciobal dham b' ainm Tabita, a tha, air eadar-theangachadh, a' ciallachadh Dorcas. Bha ise làn de dheagh obraichean is de ghnìomhan carthannais a bha i a' dèanamh gun sgur.

**37** Anns na làithean sin dh'fhàs i tinn is chaochail i, agus nuair a bha iad air a glanadh, shìn iad ann an seòmair uachdarach i.

**38** Bhon a bha Lida faisg air Iopa, chuir na deisciobail – a' cluinntinn gun robh Peadar an sin – dìthis fhear thuige, a' guidhe air, “Thig thugainn gun dàil!”

**39** Mar sin dh'èirich Peadar is chaidh e còmhla riutha. Agus nuair a ràinig e, thug iad dhan t-seòmair uachdarach e. Sheas na bantraichean uile ri thaobh, a' caoineadh agus a' sealltainn nan lèintean-fada is nam badan aodaich eile a rinn Dorcas fhad 's a bha i còmhla riutha.

**40** Ach chuir Peadar iad uile a-mach, agus chaidh e air a ghlùinean is rinn e ùrnaigh; agus a' tionndadh chun a' chuirp, thuir e, “A Thabita, èirich.” Agus dh'fhosgail i a sùilean is nuair a chunnaic i Peadar shuidh i suas.

**41** Agus thug e a làmh dhi, agus thog e suas i. An uair sin a' gairm nan naomh agus nam bantraichean, sheall e dhaibh beò i.

**42** Agus fhuair iad fios air a seo air feadh Iopa uile, agus chreid mòran anns an Tighearna.

**43** Agus dh'fhan e ann an Iopa airson mòran làithean còmhla ri fear dham b' ainm Sìmon, fear-deasachaidh leathair.

## Gnìomhan 10

### Cornelius a' Gairm Pheadair

**1** Aig Cesarèa bha duine àraidh dham b' ainm Cornelius, ceannard-ceud dhen bhuidheann ris an canar an Rèisimeid Eadailteach,

**2** duine cràbhach air an robh eagal Dhè còmhla ri a theaghlach uile, a thug dèirce gu fialaidh dhan t-sluagh, agus a rinn ùrnaigh an-còmhnaidh ri Dia.

**3** Mu thrì uairean feasgar chunnaic e gu soilleir, ann an sealladh, aingeal de Dhia a' tighinn a-steach agus ag ràdh ris, “A Chorneliuis!”

<sup>4</sup>Agus gheur-amhairc e air, fo oillt, is thuir e, “Dè a th' ann, a thighearna?” Agus thuir e ris, “Tha d' ùrnaighean is do dhèircean air a dhol suas mar chuimhneachan mu choinneamh Dhè.

<sup>5</sup>A-nis cuir daoine gu lopa agus cuir a dh'iarraidh Shìmoin, ris an canar Peadar.

<sup>6</sup>Tha esan a' faighinn aoigheachd còmhla ri Sìmon, fear-deasachaidh leathair, aig a bheil a thaigh ri taobh na mara.”

<sup>7</sup>Nuair a dh'fhalbh an t-aingeal a bha a' bruidhinn ris, ghairm e air dithis dhe sheirbheisich agus saighdear cràbhach o mheasg na feadhna a bha ga fhrithealadh,

<sup>8</sup>agus às dèidh dha a h-uile sìon a mhìneachadh dhaibh, chuir e gu lopa iad.

### Foillseachadh Pheadair

<sup>9</sup>An ath latha, fhad 's a bha iad air an t-slighe 's a' dlùthachadh ris a' bhaile, chaidh Peadar suas gu mullach an taighe, mu mheadhan-latha, a dh'ùrnaigh.

<sup>10</sup>Ach dh'fhàs e acrach agus bha e ag iarraidh rudeigin ri ithe, ach fhad 's a bha iadsan ga ullachadh, thàinig neul air

<sup>11</sup>is chunnaic e na nèamhan air am fosgladh agus rudeigin coltach ri siota mòr a' tighinn a-nuas thuige, air a leigeil sìos le a cheithir oiseanan air an talamh.

<sup>12</sup>Na bhroinn bha a h-uile gnè bheathaichean ceithir-chasach is shnàgairean is eòin an adhair.

<sup>13</sup>Agus thàinig guth thuige: “Èirich, a Pheadair, marbh agus ith.”

<sup>14</sup>Ach thuir Peadar, “Cha dèan, a Thighearna; oir cha do dh'ith mi riamh sìon a bha truailte no neòghlan.”

<sup>15</sup>Agus thàinig an guth thuige a-rithist an dara uair, “An rud a rinn Dia glan, na gabh thusa truailte air.”

<sup>16</sup>Thachair seo trì tursan, agus sa bhad chaidh an rud a thoirt suas gu nèamh.

<sup>17</sup>A-nis fhad 's a bha Peadar ann an imcheist ann fhèin a thaobh dè a' chiall a b' urrainn a bhith aig an t-sealladh a chunnaic e, seall, bha na daoine a chaidh a chur o Chornelius, às dèidh taigh Shìmoin a shireadh, nan seasamh aig a' gheata,

<sup>18</sup>agus dh'èigh iad a dh'fhaighneachd an robh Sìmon ris an canar Peadar a' fuireach an sin.

<sup>19</sup>Agus fhad 's a bha Peadar a' meòrachadh air an t-sealladh, thuirt an Spiorad ris, “Seall, tha triùir fhear a' coimhead air do shon.

<sup>20</sup>Èirich is thalla sìos is theirig còmhla riutha gun bhreith a thoirt, oir is mise a chuir uam iad.”

<sup>21</sup>Agus chaidh Peadar sìos gu na fir is thuirt e, “Seallaibh, is mise am fear a tha sibh a' sireadh. Dè an t-adhbhar a th' agaibh a bhith an seo?”

<sup>22</sup>Agus thuirt iad, “Chaidh Cornelius – ceannard-ceud, duine fireanta agus air a bheil eagal Dhè, aig a bheil deagh ainm am measg nàisean nan lùdhach uile – a stiùireadh le aingeal naomh airson cur gad iarraidh chun an taighe aige, agus cluinntinn na th' agad ri ràdh.”

<sup>23</sup>An uair sin thug e cuireadh dhaibh tighinn a-steach, agus thug e aoigheachd dhaibh.

### **Peadar aig Taigh Chorneliuis**

An ath latha dh'èirich e is chaidh e còmhla riutha, agus chaidh feadhainn àraidh dhe na bràithrean o lopa còmhla ris.

<sup>24</sup>Agus air an ath latha chaidh iad a-steach do Chesarèa. Bha dùil aig Cornelius riutha agus bha e air a chàirdean 's a dhlùth-charaidean a ghairm còmhla.

<sup>25</sup>Nuair a chaidh Peadar a-steach, choinnich Cornelius ris agus thuit e sìos aig a chasan is rinn e adhradh dha.

<sup>26</sup>Ach thog Peadar suas e, ag ràdh, “Seas suas, 's e duine a th' annamsa cuideachd.”

<sup>27</sup>Agus fhad 's a bhruidhinn e ris, chaidh e a-steach agus fhuair e mòran a bha air cruinneachadh.

<sup>28</sup>Agus thuirt e riutha, “Is aithne dhuib' fhèin cho mì-riaghailteach 's a tha e do dh'lùdhach, comann a bhith aige le coigreach, no tadhal air; ach tha Dia air sealltainn dhomh nach bu chòir dhòmhsa truailte no neòghlan a ghabhail air duine.

<sup>29</sup>Mar sin nuair a chaidh fios a chur air mo shon, thàinig mi gun bhreith a thoirt. Tha mi a' faighneachd mar sin carson a chuir sibh gam iarraidh?”

<sup>30</sup>Agus thuirt Cornelius, “Ceithir latha air ais, mun uair seo, bha mi ag ùrnaigh nam thaigh aig trì uairean feasgar, agus seall, sheas duine mum choinneamh ann an aodach deàlrach,

<sup>31</sup>agus thuirt e, ‘A Chorneliuis, tha d' ùrnaighean agus do dhèircean air a dhol suas mar chuimhneachan mu choinneamh Dhè.



**32**Mar sin cuir gu lopa a dh'iarraidh Shìmoin ris an canar Peadar, a tha a' faighinn aoigheachd ann an taigh Shìmoin, fear-deasachaidh leathair, ri taobh na mara.'

**33**Mar sin chuir mi fios air do shon sa bhad, agus is math a rinn thu tighinn. A-nis, ma-thà, tha sinn uile an seo ann an làthair Dhè airson a h-uile sìon a chluinntinn a chaidh àithne dhut leis an Tighearna."

**34**An uair sin, a' fosgladh a bheòil, thuirt Peadar, "Gu firinneach tha mi a' tuigsinn nach e aon a th' ann an Dia a tha leth-bhreitheach,

**35**ach sa h-uile nàisean gu bheil an neach aig a bheil eagal dha 's a nì na tha ceart taitneach dha.

**36**Chuir e am facal gu clann Israeil, a' searmonachadh deagh sgeul na sìthe tro Ìosa Crìosd, as e Tighearna nan uile.

**37**Agus is aithne dhuib' fhèin dè a thachair tro Iudèa gu lèir, a' tòiseachadh o Ghalile às dèidh a' bhaistidh a chuir Eòin an cèill –

**38**mar a dh'ung Dia Ìosa o Nàsaret leis an Spiorad Naomh is le cumhachd, agus mar a chaidh e mun cuairt a' dèanamh math agus gan slànachadh-san uile a bh' air an claoidh leis an diabhal, oir bha Dia còmhla ris.

**39**"Tha sinne nar fianaisean air a h-uile rud a rinn e, an dà chuid ann an tìr nan Iùdhach agus ann an Ierusalem. Chuir iad gu bàs e le bhith ga chrochadh air craoibh,

**40**ach thog Dia e air an treas latha agus dh'adhbhraich e gun robh e air fhaicinn,

**41**chan ann leis an t-sluagh uile ach le fianaisean a bh' air an taghadh le Dia ro-làimh – leinne a dh'ith 's a dh'òl còmhla ris às dèidh dha èirigh o na mairbh.

**42**Agus dh'àithn e dhuinne searmonachadh dhan t-sluagh agus fianais a dhèanamh gur esan a chaidh òrdachadh le Dia gus a bhith na bhritheamh thar nam beò is nam marbh.

**43**Dhàsan tha na fàidhean uile a' toirt fianais gum faigh a h-uile neach a chreideas ann mathanas pheacaidhean tro ainm-san."

**44**Fhad 's a bha Peadar fhathast ag ràdh na rudan seo, thuit an Spiorad Naomh orrasan uile a chuala am facal.

**45**Agus ghabh na creidmhich a bha dhen timcheall-ghearradh a bh' air tighinn còmhla ri Peadar iongnadh, a chionn 's gun robh tiodhlac an Spioraid Naoimh air a dhòrtadh a-mach air na Cinnich cuideachd.

**46**Oir bha iad gan cluinntinn a' bruidhinn ann an teangannan agus ag àrd-mholadh Dhè. An uair sin fhreagair Peadar,

<sup>47</sup>“S cinnteach nach urrainn do neach sam bith uisge a dhiùltadh airson na daoine seo a bhaisteadh, a th' air an Spiorad Naomh fhaighinn dìreach mar a fhuair sinne?”

<sup>48</sup>Agus thug e òrdugh gum biodh iad air am baisteadh ann an ainm Ìosa Crìosd. An uair sin dh'iarr iad air fuireach airson beagan làithean.

## Gnìomhan 11

### Peadar a' Mìneachadh a Ghnìomhan

<sup>1</sup>A-nis chuala na h-abstoil agus na bràithrean a bh' air feadh Iudèa gun robh na Cinnich cuideachd air gabhail ri facal Dhè.

<sup>2</sup>Mar sin nuair a chaidh Peadar suas gu Ierusalem rinn iadsan a bha dhen timcheall-ghearradh connspaid ris, ag ràdh,

<sup>3</sup>“Chaidh thu gu daoine nach robh air an timcheall-ghearradh agus dh'ith thu còmhla riutha.”

<sup>4</sup>Ach thòisich Peadar agus mhinich e dhaibh gu h-òrdail e.

<sup>5</sup>“Bha mi ann am baile Iopa ag ùrnaigh, agus ann an neul chunnaic mi sealladh, rudeigin mar shiota mòr a' tighinn a-nuas, air a leigeil sìos o nèamh le a cheithir oiseanan, agus thàinig e a-nuas thugam.

<sup>6</sup>A' geur-amharc air, thug mi an aire do bheathaichean ceithir-chasach na talmhainn is dha na h-ainmhidhean fiadhaich is do shnàgairean is do dh'eòin an adhair.

<sup>7</sup>Agus chuala mi guth ag ràdh rium, ‘Èirich, a Pheadair. Marbh is ith.’

<sup>8</sup>“Ach thuirt mise, ‘Cha dèan, a Thighearna; oir cha deach sion a bha truailte no neòghlan riamh a-steach nam bheul-sa.’

<sup>9</sup>Ach fhreagair an guth an dara h-uair, ‘An rud a rinn Dia glan, na gabh thusa truailte air.’

<sup>10</sup>Thachair seo trì tursan, agus an uair sin chaidh a h-uile rud a tharraing suas a-rithist do nèamh.

<sup>11</sup>“Agus seallaibh, aig a' mhòmaid sin fhèin sheas triùir fhear aig an taigh san robh sinn, a chaidh a chur thugam o Chesarèa.

<sup>12</sup>Agus thuirt an Spiorad rium a dhol còmhla riutha, gun bhreith a thoirt. Thàinig an sianar bhràithrean seo cuideachd còmhla rium, agus chaidh sinn a-steach do thaigh an duine.

<sup>13</sup>Agus dh'innis e dhuinn mar a bha e air an t-aingeal fhaicinn na sheasamh na thaigh agus ag ràdh, ‘Cuir daoine gu Iopa, agus cuir a dh'iarraidh Shìmoin, ris an canar Peadar;

<sup>14</sup>cuiridh esan an cèill teachdaireachd dhut leis am bi thu air do shàbhaladh, thusa agus do theaghlach gu lèir.'

<sup>15</sup>"Nuair a thòisich mi air bruidhinn, thuit an Spiorad Naomh orrasan, dìreach mar a thuit e oirnne aig an toiseach.

<sup>16</sup>Agus chuimhnich mise facal an Tighearna, mar a thuirt e, 'Bhaist Eòin le uisge, ach bidh sibhse air ur baisteadh leis an Spiorad Naomh.'

<sup>17</sup>Mar sin, ma thug Dia an t-aon thiodhlac dhaibhsan 's a thug e dhuinne nuair a chreid sinne san Tighearna Ìosa Crìosd, cò mise gum b' urrainn dhomh bacadh a chur air Dia?"

<sup>18</sup>Nuair a chuala iad na rudan seo bha iad sàmhach. Agus ghlòraich iad Dia, ag ràdh, "Mar sin, thug Dia dha na Cinnich cuideachd an t-aithreachas a tha gu beatha."

### **An Eaglais ann an Antioch**

<sup>19</sup>A-nis shiubhail iadsan a chaidh a sgapadh, air sgàth a' gheur-leanmhainn a dh'èirich co-cheangailte ri Steaphan, cho fada ri Phenice is Cìopras is Antioch, gun am facal a bhruidhinn ri neach sam bith ach na h-lùdhaich.

<sup>20</sup>Ach bha cuid dhiubh, fir o Chìopras is o Chirène, nuair a thàinig iad gu Antioch a bhruidhinn ri na Greugaich cuideachd, a' searmonachadh an Tighearna Ìosa.

<sup>21</sup>Agus bha làmh an Tighearna còmhla riutha, agus thionndaidh àireamh mhòr dhe na chreid chun an Tighearna.

<sup>22</sup>Agus thàinig iomradh air a seo gu cluasan na h-eaglaise ann an Ierusalem, agus chuir iad Barnabas gu Antioch.

<sup>23</sup>Nuair a thàinig e 's a chunnaic e gràs Dhè, bha e toilichte agus dh'earalaich e orra uile fantainn dìleas nan cridhe dhan Tighearna,

<sup>24</sup>oir b' e duine math a bh' ann, làn dhen Spiorad Naomh is de chreideamh. Agus chaidh sluagh fìor mhòr a chur ris an Tighearna.

<sup>25</sup>An uair sin chaidh Barnabas gu Tarsas a' choimhead airson Shaul,

<sup>26</sup>agus nuair a bha e air fhaighinn thug e gu Antioch e. Airson fad bliadhna choinnich iad ris an eaglais is theagaisg iad sluagh mòr dhaoine. Agus chaidh Crìosdaidhean a ghabhail air na deisciobail an toiseach ann an Antioch.

<sup>27</sup>A-nis anns na làithean sin thàinig fàidhean a-nuas o Ierusalem gu Antioch.

<sup>28</sup>Agus sheas aon dhiubh, dham b' ainm Agabus, suas agus rinn e aithnichte tron Spiorad gum biodh gort mhòr air feadh an t-saoghail. (Ghabh seo àite ann an làithean Chlaudiuis.)

<sup>29</sup>Mar sin chuir na deisciobail romhpa, gach aon a rèir a chomais, gun cuireadh iad cuideachadh gu na bràithrean a bha a' fuireach ann an Iudèa.

<sup>30</sup>Agus rinn iad sin, ga chur gu na h-èildearan le làimh Bharnabais is Shaul.

## Gnìomhan 12

### Teicheadh Miorbhaileach Pheadair on Phrìosan

<sup>1</sup>Mun àm sin shìn Herod an rìgh làmhan air cuid a bhuineadh dhan eaglais airson cron a dhèanamh orra.

<sup>2</sup>Agus mharbh e Seumas bràthair Eòin leis a' chlaidheamh.

<sup>3</sup>Nuair a chunnaic e gun do thoilich seo na h-lùdhaich, chaidh e air adhart agus ghlac e Peadar cuideachd. B' iad làithean an Arain Neo-Ghortaichte a bh' ann.

<sup>4</sup>Agus nuair a bha e air a ghlacadh, chuir e dhan phrìosan e, ga thoirt thairis do cheithir buidhnean shaighdearan airson a ghleidheadh, a' cur roimhe a thoirt a-mach dhan t-sluagh às dèidh na Càisge.

<sup>5</sup>Mar sin chaidh Peadar a chumail sa phrìosan, ach bha ùrnaigh dhùrachdach ga dèanamh ri Dia air a shon leis an eaglais.

<sup>6</sup>A-nis nuair a bha Herod gus a thoirt a-mach, air an dearbh oidhche sin, bha Peadar na chadal eadar dithis shaighdearan, air a cheangal le dà shlabhraidh, agus bha luchd-faire mu choinneamh an dorais a' geàrd a' phrìosain.

<sup>7</sup>Agus seall, nochd aingeal dhen Tighearna gu grad ri thaobh, agus dheàlraich solas sa chealla. Bhuail e Peadar air a chliathaich agus dhùisg e e, ag ràdh, “Èirich gu grad!” Agus thuit na slabhraidhean far a làmhan.

<sup>8</sup>Agus thuit aingeal an Tighearna ris, “Dùin do chrìos is cuir ort do chuarain.” Agus rinn e mar sin. Agus thuit e ris, “Cuir ort d' aodach-uachdair is lean mise.”

<sup>9</sup>Agus chaidh e a-mach is lean e e. Cha robh fios aige gun robh an rud a bha ga dhèanamh leis an aingeal fìor, ach shaoil e gun robh e a' faicinn sealladh.

<sup>10</sup>Nuair a bha iad air a dhol seachad air a' chiad agus air an dara geàrd, thàinig iad chun a' gheata iarainn a tha a' dol chun a' bhaile. Dh'fhosgail e dhaibh leis fhèin, agus chaidh iadsan a-mach is chaidh iad sìos aon t-shràid, agus sa bhad dh'fhàg an t-aingeal e.

<sup>11</sup>Nuair a thàinig Peadar thuige fhèin, thuit e, “A-nis tha mi cinnteach gun do chuir an Tighearna an t-aingeal aige a-mach agus gun do shàbhail e mi o làimh Heroid agus on a h-uile sìon a bha an slugh lùdhach a' sùileachadh.”

**12**Nuair a thuig e sin, chaidh e gu taigh Màiri, màthair Eòin aig an robh Marcas mar ainm eile, far an robh mòran air cruinneachadh 's iad ag ùrnaigh.

**13**Agus nuair a ghnog e air doras a' gheata, thàinig bana-sheirbheiseach dham b' ainm Ròda a fhreagairt.

**14**Nuair a dh'aithnich i guth Pheadair, na h-aoibhneis cha do dh'fhosgail i an geata ach ruith i a-steach agus dh'innis i gun robh Peadar na sheasamh aig a' gheata.

**15**Thuir iad rithe, “Tha thu às do rian.” Ach lean ise oirre a' cumail a-mach gum b' ann mar seo a bha, ach bha iadsan ag ràdh, “S e an t-aingeal aige a th' ann.”

**16**Ach lean Peadar air a' gnogadh, agus nuair a dh'fhosgail iad an doras, chunnaic iad e agus bha iad fo iongnadh.

**17**Ach a' smèideadh riutha le a làimh gum biodh iad sàmhach, chuir e an cèill dhaibh mar a bha an Tighearna air a thoirt às a' phrìosan. Agus thuir e, “Innsibh na rudan seo do Sheumas agus dha na bràithrean.” An uair sin dh'fhàg e agus chaidh e a dh'àite eile.

**18**A-nis nuair a thàinig an latha, cha bu bheag am buaireadh am measg nan saighdearan a thaobh dè a thachair do Pheadar.

**19**Agus às dèidh do Herod a shireadh agus nach d' fhuair e e, cheasnaich e an luchd-faire agus thug e òrdugh gum bu chòir an cur gu bàs.

### **Bàs Heroid**

An uair sin chaidh Herod sìos o Iudèa gu Cesarèa, agus dh'fhuirich e an sin.

**20**A-nis bha e fìor fheargach le sluagh Thìruis agus Shìdoin, agus thàinig iad thuige a dh'aon inntinn, agus às dèidh dhaibh Blastus, seòmradair an rìgh, a thoirt a thaobh, dh'iarr iad sìth, a chionn 's gun robh an tìr acasan an eisimeil tìr an rìgh airson biadh.

**21**Air an latha a chaidh a shuidheachadh chuir Herod na trusgain rìoghail aige air, ghabh e an t-àite-suidhe aige air cathair a' bhreitheanais, agus libhrig e òraid dhaibh.

**22**Agus bha an sluagh ag èigheach, “Guth dè, agus chan e guth duine!”

**23**Sa bhad bhuaill aingeal dhen Tighearna sìos e, a chionn 's nach tug e a' ghlòir do Dhia, agus chaidh ithe le cnuimhean is chaidh an deò às.

**24**Ach chùm facal Dhè air a' fàs is a' dol am meud.

**25**Agus thill Barnabas is Saul o Ierusalem, nuair a bha iad air a' mhisean aca a choileanadh, a' toirt leotha Eòin, dham b' ainm eile Marcas.

## Gnìomhan 13

### Barnabas agus Saul a' Togail Orra

<sup>1</sup>A-nis san eaglais a bh' ann an Antioch bha fàidhean agus luchd-teagaisg: Barnabas, Simeon ris an canar Niger, Lucius o Chirène, Manaen (a chaidh a thogail còmhla ri Heroid an tetrarc) agus Saul.

<sup>2</sup>Agus fhad 's a bha iad ag adhradh do Dhia agus a' trasgadh, thuirte an Spiorad Naomh, “Coisrigibh dhòmhsa Saul is Barnabas chun na h-obrach gus an do ghairm mi iad.”

<sup>3</sup>An uair sin às dèidh dhaibh trasgadh agus ùrnaigh a dhèanamh 's an làmh an shìneadh orra, chuir iad air falbh iad.

### Ann an Cìopras

<sup>4</sup>Mar sin, air an cur a-mach leis an Spiorad Naomh, chaidh iad sìos gu Seleucia agus às a sin sheòl iad gu Cìopras.

<sup>5</sup>Agus nuair a ràinig iad Salamis, shearmonaich iad facal Dhè ann an sionagogan nan lùdhach. Agus bha Eòin cuideachd aca mar neach-frithealaidh.

<sup>6</sup>Nuair a bha iad air a dhol tron eilean gu lèir cho fada ri Paphos, fhuair iad draoidh sònraichte, fàidh-brèige lùdhach dham b' ainm Bar-Ìosa.

<sup>7</sup>Bha e còmhla ris an uachdaran, Sergius Paulus, duine air leth glic, a ghairm Barnabas is Saul thuige agus a dh'iarr facal Dhè a chluinntinn.

<sup>8</sup>Ach chuir Elimas an draoidh (oir 's e seo ainm air eadar-theangachadh) nan aghaidh, ag iarraidh an t-uachdaran a thionndadh air falbh on chreideamh.

<sup>9</sup>Ach rinn Saul, dham b' ainm cuideachd Pòl, air a lìonadh leis an Spiorad Naomh, geur-amharc air,

<sup>10</sup>agus thuirte e, “Ò thusa a tha làn dhen a h-uile seòrsa ceilg is foill, a mhic an diabhair, a nàmhaid gach uile fhìreantachd, nach sguir thu a chlaonadh slighean dìreach an Tighearna?”

<sup>11</sup>Agus a-nis, seall, tha làmh an Tighearna ort, agus bidh thu dall 's gun comas a' ghrian fhaicinn.” Sa bhad thuit ceò is dorchadas air, agus chaidh e mun cuairt a' sireadh dhaoine a threòraicheadh air làimh e.

<sup>12</sup>An uair sin chreid an t-uachdaran, nuair a chunnaic e an rud a bh' air tachairt, oir bha e fo iongnadh mu theagasg an Tighearna.

### Ann an Antioch na Pisidia

<sup>13</sup>A-nis sheòl Pòl agus a chompanaich o Paphos is thàinig iad gu Perga ann am Pamphilia; agus dh'fhàg Eòin iad is thill e gu Ierusalem.

**14** Ach chaidh iadsan air adhart o Pherga agus thàinig iad gu Antioch na Pisidia; agus air an t-Sàbaid chaidh iad a-steach dhan t-sionagog is shuidh iad sìos.

**15** Às dèidh leughadh on Lagh agus o na Fàidhean, chuir riaghladairean an t-sionagoig fios thuca, ag ràdh, “A bhràithrean, ma tha facal earalachaidh agaibh dhan t-sluagh, canaibh e.”

**16** Mar sin sheas Pòl suas, agus a' smèideadh le a làimh, thuir e, “Fheara Israeil agus sibhse air a bheil eagal Dhè, èistibh!

**17** Thagh Dia an t-sluaigh seo Israel, ar n-athraichean, agus dh'àrdaich e na daoine aca san àm a dh'fhuirich iad ann an tìr na h-Èipheit, agus le gairdean togte thug e a-mach aiste iad.

**18** Agus airson mu cheathrad bliadhna chuir e suas leotha san fhàsach.

**19** Agus às dèidh seachd nàiseanan a sgrios ann an tìr Chanàain, thug e an talamh acasan dhaibh mar dhìleab.

**20** Agus thug seo uile mu

**450** bliadhna. “Agus às dèidh seo thug e brithreamhan dhaibh, gu Samuel am fàidh.

**21** An uair sin dh'iarr iad rìgh, agus thug Dia dhaibh Saul mac Chis, duine de threubh Bheniàmin, airson ceathrad bliadhna.

**22** Agus às dèidh dha esan a thoirt às, thog e suas Daibhidh gus a bhith na rìgh dhaibh, air an tug e an fhianais seo: ‘Fhuair mi Daibhidh mac Iese, duine a rèir mo chridhe fhèin, a nì m' uile thoil.’

**23** “O shliochd an duine seo tha Dia, a rèir a gheallaidh, air Slànaighear a thoirt gu Israel, Ìosa.

**24** Ro a thighinn-san, bha Eòin air baisteadh an aithreachais a chur an cèill do shluagh Israeil uile.

**25** Agus fhad 's a bha Eòin a' crìochnachadh a chùrsa, thuir e, ‘Dè a tha sibh a' smaoinichadh a th' annamsa? Cha mhise esan. Cha mhi, ach seallaibh, às mo dhèidh tha fear a' thighinn, nach airidh mi air cuarain a chasan fhuasgladh.’

**26** “A bhràithrean, a chlann cinneach Abrahàim, agus iadsan nur measg air a bheil eagal Dhè, thugainne chaidh teachdaireachd na slàinte seo a chur.

**27** Oir iadsan a tha a' fuireach ann an Ierusalem, agus na riaghladairean aca, a chionn 's nach do dh'aithnich iad esan no guthan nam fàidhean a th' air an leughadh gach Sàbaid, choilean iadsan iad le bhith ga dhiteadh-san.

**28** Agus ged nach d' fhuair iad adhbhar sam bith ann a bha airidh air bàs, dh'iarr iad air Pìlat gum biodh e air a chur gu bàs.

**29** Agus nuair a bha iad air a h-uile rud a bha sgrìobhte ma dheidhinn a choileanadh, thug iad a-nuas on chraoibh e agus chuir iad na shìneadh e ann an tuam.

**30** Ach thog Dia suas o na mairbh e,

**31** agus thairis air mòran làithean nochd e riuthasan a bh' air tighinn suas còmhla ris o Ghalile gu Ierusalem, a tha a-nis nam fianaisean dhàsan dhan t-sluagh.

**32** “Agus tha sinne a' toirt thugaibh an deagh sgeòil dhen ghealladh a thug Dia dha na h-athraichean,

**33** oir tha e air seo a choileanadh dhuinne, an cuid cloinne-san, le bhith a' togail Ìosa, mar a tha cuideachd sgrìobhte san dara Salm: “Is tusa mo Mhac; An-diugh ghin mi thu.’

**34** “Agus a thaobh na fìrinn gun do thog e suas o na mairbh e, gun a bhith a' tilleadh tuilleadh gu truailidheachd, tha e air bruidhinn san dòigh seo: “Bheir mise dhuibh beannachdan naomha is cinnteach Dhaibhidh.’

**35** “Mar sin tha e cuideachd ag ràdh ann an àite eile: “Cha leig thu led Aon Naomh gum faic e truailidheachd.’

**36** “Oir thuit Daibhidh – às dèidh dha adhbhar Dhè a choileanadh na ghinealach fhèin – na chadal agus chaidh adhlacadh còmhla ri athraichean agus chunnaic e truailidheachd.

**37** Ach esan a thog Dia suas, chan fhaca e truailidheachd.

**38-39** “Mar sin biodh fios agaibh, a bhràithrean, gu bheil, tron duine seo, mathanas pheacaidhean air a shearmonachadh dhuibh, agus troimhesan tha a h-uile neach a chreideas air a shaoradh on a h-uile rud o nach b' urrainn dhuibh a bhith ar ur saoradh tro Lagh Mhaois.

**40** Thugaibh an aire, mar sin, airson 's nach tig an rud a th' air a ràdh anns na fàidhean gu buil:

**41** “Seallaibh, a luchd-magaidh, gabhaibh iongnadh agus rachaibh a dhìth, oir tha mise a' dèanamh obair nur làithean-se nach creideadh sibh, fiù 's nan innseadh cuideigin dhuibh.”

**42** Fhad 's a bha Pòl is Barnabas a' dol a-mach, bha na daoine a' guidhe orra gum bruidhneadh iad riutha mu dheidhinn nan rudan seo air an ath Shàbaid.



<sup>43</sup>Agus às dèidh dhan choitheanal sgaoileadh, lean mòran lùdhach agus phroseiliteach cràbhach Pòl is Barnabas, a bha a' bruidhinn riutha 's gan cur fo ìmpidh leantainn orra ann an gràs Dhè.

<sup>44</sup>An ath Shàbaid cha mhòr nach do chruinnich am baile gu lèir a dh'èisteachd ri facal an Tighearna.

<sup>45</sup>Ach nuair a chunnaic na h-lùdhaich na slòigh, chaidh an lìonadh le eud agus thòisich iad air cur an aghaidh na bha Pòl ag ràdh, 's a' toirt toibheum.

<sup>46</sup>An uair sin bhruidhinn Pòl is Barnabas a-mach gu dàn, ag ràdh, “Dh'fheumadh facal Dhè a bhith air a bhruidhinn ribhse an toiseach. Ach air sgàth 's gu bheil sibh ga dhiùltadh agus a' toirt breith nach eil sib' fhèin airidh air a' bheatha shìorraidh, seallaibh, tha sinne a' tionndadh gu na Cinnich.

<sup>47</sup>Oir mar seo dh'àithn an Tighearna dhuinn: “Rinn mi thu nad sholas dha na Cinnich, airson 's gum faod thu slàinte a thoirt gu crìochan na talmhainn.”

<sup>48</sup>Agus nuair a chuala na Cinnich seo, thòisich iad air gàirdeachas a dhèanamh is facal an Tighearna a ghlòrachadh, agus chreid na h-uimhir is a bha òrdaichte chun na beatha shìorraidh.

<sup>49</sup>Agus bha facal an Tighearna a' sgaoileadh air feadh na ceàrnaidh gu lèir.

<sup>50</sup>Ach bhrosnaich na h-lùdhaich na mnathan cràbhach àrd-inbheil is prìomh dhaoine a' bhaile agus dhùisg iad suas geur-leanmhainn an aghaidh Phòil is Bharnabais, is thilg iad a-mach iad às a' cheàrnaidh aca.

<sup>51</sup>Ach chrath iad dhiubh an dust on casan nan aghaidh agus chaidh iad gu Iconium.

<sup>52</sup>Agus bha na deisciobail air an lìonadh le aoibhneas is leis an Spiorad Naomh.

## Gnìomhan 14

### Ann an Iconium

<sup>1</sup>A-nis ann an Iconium chaidh iad còmhla a-steach dhan t-sionagog lùdhach agus bhruidhinn iad ann an leithid de dhòigh is gun do chreid àireamh mhòr de dh'lùdhaich agus de Ghreugaich.

<sup>2</sup>Ach dhùisg na h-lùdhaich eas-creidmheach suas na Cinnich is phuinnseanaich iad an inntinnean an aghaidh nam bràithrean.

<sup>3</sup>Mar sin dh'fhan iad an sin airson ùine fhada, a' bruidhinn gu dàn airson an Tighearna, a thog fianais mu fhacal a ghràis, a' ceadachadh gun robh comharraidhean is iongantasan air an dèanamh len làmhan.

<sup>4</sup>Ach bha sluagh a' bhaile air an roinn; bha cuid dhiubh le na h-lùdhaich agus cuid eile le na h-abstoil.

<sup>5</sup>Nuair a chuir an dà chuid Cinnich is Iùdhaich – cuide ri na riaghladairean aca – romhpa droch làimhseachadh a dhèanamh orra 's an clachadh,

<sup>6</sup>fhuair iad fios air agus theich iad gu bailtean de Licaonia, Listra is Derbe, agus an dùthaich mun cuairt,

<sup>7</sup>agus an sin chùm iad orra a' searmonachadh an t-soisgeil.

### **Ann an Listra agus ann an Derbe**

<sup>8</sup>A-nis aig Listra bha duine na shuidhe aig nach robh Iùths na chasan, na chrioplach o bhroinn a mhàthar, fear nach do choisich riamh.

<sup>9</sup>Dh'èist e ri Pòl a' bruidhinn. Agus thuirt Pòl – a' geur-amharc air agus a' faicinn gun robh creideamh aige gus a bhith air a dhèanamh slàn –

<sup>10</sup>ann an guth àrd, “Seas suas gu dìreach air do chasan!” Agus leum e suas is thòisich e air coiseachd.

<sup>11</sup>Agus nuair a chunnaic an sluagh an rud a bha Pòl air a dhèanamh, thog iad suas an guth, ag ràdh ann an cànan Licaonia, “Tha na diathan air tighinn a-nuas thugainn ann an coltas dhaoine!”

<sup>12</sup>Ghabh iad Seus air Barnabas agus Hermes air Pòl, a chionn 's gum b' esan am prìomh neach-labhairt.

<sup>13</sup>Agus thug sagart teampaill Sheuis, a bha taobh a-muigh a' bhaile, daimh is cearcaill-fhlùraichean gu na geatachan agus bha e aig iarraidh ìobairt a dhèanamh cuide ri na slòigh.

<sup>14</sup>Ach nuair a chuala na h-abstoil Barnabas is Pòl seo, shrac iad am badan aodaich agus ruith iad a-mach dhan t-sluagh, ag èigheach,

<sup>15</sup>“A dhaoine, carson a tha sibh a' dèanamh na rudan seo? 'S e daoine a th' annainne cuideachd, leis an aon seòrsa nàdar ribhse, agus tha sinn a' toirt deagh sgeul thugaibhse, gum bu chòir dhuibh tionndadh o na rudan faoine seo chun an Dè bheò, a rinn nèamh is talamh is an cuan agus a h-uile rud a th' annta.

<sup>16</sup>Anns na ginealaich a dh'fhalbh leig e le na nàiseanan uile siubhal nan slighean fhèin.

<sup>17</sup>A dh'aindeoin sin, cha do dh'fhàg e e fhèin gun fhianais, oir rinn e math le bhith a' toirt uisge dhuibh o nèamh agus ràithean torrach, a' sàsachadh ur cridheachan le biadh is aoibhneas.”

<sup>18</sup>Fiù 's le na briathran seo bu ghann a chùm iad an sluagh o ìobairt a thairgsinn dhaibh.

<sup>19</sup>Ach thàinig Iùdhaich o Antioch is o Iconium, agus às dèidh dhaibh na slòigh a thoirt a thaobh, chlach iad Pòl is tharraing iad a-mach às a' bhaile e, a' saoilinn gun robh e marbh.

<sup>20</sup>Ach nuair a chruinnich na deisciobail timcheall air, dh'èirich e agus chaidh e a-steach dhan bhaile, agus air an ath latha chaidh e còmhla ri Barnabas gu Derbe.

### **An Tilleadh gu Antioch agus Siria**

<sup>21</sup>Nuair a bha iad air an soisgeul a shearmonachadh dhan bhaile sin agus air mòran dheisciobal a dhèanamh, thill iad gu Listra is gu Iconium is gu Antioch,

<sup>22</sup>a' neartachadh anman nan deisciobal, agus gam misneachadh gus a bhith a' leantainn orra sa chreideamh, agus ag ràdh gur ann tro iomadh àmhghar a dh'fheumas sinn a dhol a-steach do rìoghachd Dhè.

<sup>23</sup>Agus nuair a bha iad air èildearan a shuidheachadh dhaibh anns gach eaglais, às dèidh ùrnaigh a dhèanamh le trasgadh, dh'earb iad iadsan dhan Tighearna san robh iad air creidsinn.

<sup>24</sup>An uair sin chaidh iad tro Phisidia agus thàinig iad gu Pamphilia.

<sup>25</sup>Agus nuair a bha iad air facal Dhè a bhruidhinn ann am Perga, chaidh iad sìos gu Atàlia.

<sup>26</sup>Às a sin sheòl iad gu Antioch, far an robh iad air a bhith air an earbsadh do ghràs Dhè 's airson na h-obrach a choilean iad.

<sup>27</sup>Agus nuair a ràinig iad is a chruinnich iad an eaglais còmhla, dh'aithris iad a h-uile sìon a bha Dia air a dhèanamh leotha, agus mar a bha e air doras creideimh fhosgladh dha na Cinnich.

<sup>28</sup>Agus cha do dh'fhan iad ùine fhada còmhla ris na deisciobail.

## **Gnìomhan 15**

### **A' Chomhairle aig Ierusalem**

<sup>1</sup>Thàinig daoine àraidh a-nuas o Iudèa agus bha iad a' teagasg nam bràithrean, “Mura bi sibh air ur timcheall-ghearradh a rèir gnàth Mhaois, chan urrainn dhuibh a bhith air ur sàbhaladh.”

<sup>2</sup>Agus às dèidh do Phòl is Barnabas eas-aonachd is deasbaireachd nach bu bheag a bhith aca riutha, chaidh Pòl is Barnabas a shuidheachadh airson a dhol suas gu Ierusalem gu na h-abstoil is gu na h-èildearan mun cheist seo.

<sup>3</sup>Mar sin air an cur air an t-slighe leis an eaglais, bha iad a' dol tro Phoenice is Shamaria, a' cur an cèill iompachadh nan Cinneach, agus thug iad aoibhneas mòr dha na bràithrean gu lèir.

<sup>4</sup>Nuair a thàinig iad gu Ierusalem, fhuair iad fàilte bhon eaglais is na h-abstoil is na h-èildearan, agus dh'aithris iad a h-uile sìon a bha Dia air a dhèanamh leotha.

<sup>5</sup>Ach dh'èirich feadhainn àraidh de chreidmhich a bhuineadh do bhuidheann nam Pharasach agus thuirt iad, “Tha e riatanach iadsan a thimcheall-ghearradh is àithne a thoirt dhaibh Lagh Mhaois a chumail.”

<sup>6</sup>Thàinig na h-abstoil agus na h-èildearan còmhla airson beachdachadh mun ghnothach seo.

<sup>7</sup>Às dèidh do mhòran deasbaireachd a bhith ann, dh'èirich Peadar is thuirt e riutha, “A bhràithrean, tha fios agaibh anns na làithean a bu tràithe gun do roghnaich Dia nur measg-se gun cluinneadh na Cinnich le mo bheul-sa facal an t-soisgeil agus gun creideadh iad.

<sup>8</sup>Agus thug Dia, dhan aithne an cridhe, fianais dhaibh, le bhith a' toirt an Spioraid Naoimh dhaibh dìreach mar a thug e dhuinne,

<sup>9</sup>agus cha do rinn e eadar-dhealachadh sam bith eadar sinne is iadsan, agus e air an cridheachan a ghlanadh le creideamh.

<sup>10</sup>A-nis, mar sin, carson a tha sibh a' dearbhadh Dhè le bhith a' cur cuing, nach robh ar n-athraichean no sinne an comas a ghiùlain, air amhaich nan deisciobal?

<sup>11</sup>Ach tha sinne a' creidsinn gum bi sinn air ar sàbhaladh tro ghràs an Tighearna Ìosa, dìreach mar a bhios iadsan.”

<sup>12</sup>Agus dh'fhàs a' chuideachd uile sàmhach, agus dh'èist iad ri Barnabas is Pòl, fhad 's a rinn iad aithris air na comharraidhean agus na h-iongantasan a bha Dia air a dhèanamh tromhpa am measg nan Cinneach.

<sup>13</sup>Às dèidh dhaibh sgar a bhruidhinn, fhreagair Seumas, “A bhràithrean, èistibh riumsa:

<sup>14</sup>dh'innis Simeon mar a thàinig Dia an toiseach chun nan Cinneach, gus sluagh a thoirt uapa airson ainm fhèin.

<sup>15</sup>Agus le seo tha briathran nam fàidhean ag aontachadh, dìreach mar a tha e sgrìobhte:

<sup>16</sup>“Às dèidh seo tillidh mi agus ath-thogaidh mi pàilleann Dhaibhidh, a tha air tuiteam. Agus togaidh mi a-rithist na tha leagte dheth,

<sup>17</sup>airson 's gum faod fuidheall a' chinne-daonna an Tighearna a shireadh, agus na Cinnich gu lèir a tha air an gairm air m' ainm-sa, tha an Tighearna, a tha a' dèanamh na rudan seo, ag ràdh

<sup>18</sup>agus tha seo aithnichte o shean.’

<sup>19</sup>“Mar sin is e mo bheachd-sa nach bu chòir dhuinn dragh a chur orrasan dhe na Cinnich a tha a' tionndadh gu Dia,

<sup>20</sup>ach gum bu chòir dhuinn sgrìobhadh thuca gu seachnadh iad: truailleidheachd iodhalan, is strìopachas, is na th' air a thachdadh, agus fuil.

<sup>21</sup>Oir o iomadh linn tha muinntir air a bhith aig Maois anns gach baile a tha ag aithris anns na sionagogan, far a bheil esan air a leughadh gach Sàbaid.”

#### **Litir na Comhairle gu Creidmhich nan Cinneach**

<sup>22</sup>An uair sin chaidh a shaoilsinn math le na h-abstoil is le na h-èildearan agus leis an eaglais gu lèir daoine a thaghadh om measg fhèin agus an cur gu Antioch còmhla ri Pòl is Barnabas – Iùdas dham b' ainm Barsabas is Silas, ceannardan am measg nam bràithrean –

<sup>23</sup>leis an litir a leanas: Na bràithrean, an dà chuid abstoil is èildearan, Gu na bràithrean a tha dhe na Cinnich ann an Antioch is Siria is Cilicia, Fàilte,

<sup>24</sup>On a tha sinn air cluinntinn gun deach cuid a-mach o ur measg agus gun do bhuair iad sibhse lem briathran, a' cur dragh air ur n-inntinnean, ged nach tug sinne òrduighean dhaibh,

<sup>25</sup>tha e air coimhead iomchaidh dhuinne, às dèidh dhuinn tighinn gu aonta, daoine a thaghadh agus an cur thugaibh le ar bràithrean gràdhach Barnabas is Pòl –

<sup>26</sup>daoine a th' air am beathannan fhèin a chur ann an cunnart air sgàth ainm ar Tighearna Ìosa Crìosd.

<sup>27</sup>Mar sin tha sinn air Iùdas is Silas a chur, a dh'innse nan aon rudan dhuibh lem briathran fhèin.

<sup>28</sup>Oir bha e a' coimhead iomchaidh dhan Spiorad Naomh agus dhuinne gun eallach na bu mhotha a chur oirbh na na h-iarntasan seo:

<sup>29</sup>gun seachain sibh na chaidh ìobradh do dh'iodhalan, agus fuil, agus na chaidh a thachdadh, agus strìopachas. Ma chumas sibh sib' fhèin o na rudan sin, nì sibh gu math. Slàn leibh.

<sup>30</sup>Mar sin nuair a chaidh an cur air falbh, chaidh iad sìos gu Antioch, agus às dèidh dhaibh an sluagh a chruinneachadh thug iad seachad an litir.

<sup>31</sup>Agus nuair a bha iad air a leughadh rinn iad aoibhneas air sgàth a cofhurtachd.

<sup>32</sup>Agus mhisnich is neartaich Iùdas is Silas, a bha nam fàidhean iad fhèin, na bràithrean le mòran bhriathran.

<sup>33</sup>Agus às dèidh dhaibh beagan ùine a chur seachad, chaidh an cur air falbh le sìth o na bràithrean chun na feadhna a bh' air an cur a-mach.

<sup>34</sup>Ach bha e a' coimhead math do Shilas fuireach an sin.

<sup>35</sup>Ach dh'fhan Pòl is Barnabas ann an Antioch, a' teagasg agus a' searmonachadh facal an Tighearna, còmhla ri mòran eile.

#### **Eas-Aonta eadar Pòl is Barnabas**

<sup>36</sup>Agus às dèidh beagan làithean thuirt Pòl ri Barnabas, “Tilleamaid is coimheadamaid air na bràithrean anns a h-uile baile far an do rinn sinn aithris fhollaiseach air facal an Tighearna, agus chì sinn ciamar a tha iad.”

<sup>37</sup>A-nis bha Barnabas ag iarraidh Eòin, dham b' ainm Marcas, a thoirt còmhla riutha.

<sup>38</sup>Ach shaoil Pòl gum biodh e na b' fheàrr gun fear a thoirt leotha a bh' air tarraing uapa ann am Pamphilia agus nach robh air a dhol còmhla riutha chun na h-obrach.

<sup>39</sup>Agus dh'èirich a leithid de dh'eas-aonta gheur is gun do dhealaich iad o chèile. Thug Barnabas leis Marcas, agus sheòl iad air falbh gu Cìopras,

<sup>40</sup>ach thagh Pòl Silas agus dh'fhàg e, às dèidh dhàsan a bhith air earbsa ri gràs Dhè le na bràithrean.

<sup>41</sup>Agus chaidh e tro Shiria is Chìlicia, a' neartachadh nan eaglaisean.

## **Gnìomhan 16**

### **Timòteus a' Dol còmhla ri Pòl is Silas**

<sup>1</sup>Thàinig Pòl cuideachd gu Derbe is gu Lистра. Agus bha deisciobal an sin dham b' ainm Timòteus, mac ban-lùdhaich a bha na creidmheach, ach b' e Greugach a bha na athair.

<sup>2</sup>Bha deagh chliù aige am measg nam bràithrean a bh' ann an Lистра is Iconium.

<sup>3</sup>Bha Pòl ag iarraidh gun rachadh am fear seo còmhla ris, agus ghabh e e agus thimcheall-gheàrr e e air sgàth nan lùdhach a bh' anns na h-àiteachan sin, oir b' aithne dhaibh uile gum b' e Greugach a bha na athair.

<sup>4</sup>Fhad 's a bha iad a' dol tro na bailtean, thug iad dhaibh rin cumail na h-òrduighean a chaidh a roghnachadh leis na h-abstoil 's leis na h-èildearan ann an Ierusalem.

<sup>5</sup>Mar sin bha na h-eaglaisean air an neartachadh sa chreideamh, agus dh'fhàs iad ann an àireamh gach latha.

### **Foillseachadh do Phòl de dh'Fhear Mhacedònia**

<sup>6</sup>Chaidh iad tro cheàrnaidh Phrigia is Ghalàtia, às dèidh dhaibh a bhith air am bacadh leis an Spiorad Naomh on fhacal a bhruidhinn ann an Àisia.

<sup>7</sup>Agus nuair a bha iad air tighinn gu Misia, dh'fheuch iad ri dhol a-steach do Bhitinia, ach cha do leig Spiorad Chrìosd leotha.

<sup>8</sup>Mar sin, a' dol seachad air Misia, thàinig iad gu Tròas.

<sup>9</sup>Agus nochd sealladh do Phòl san oidhche: bha duine àraidh à Macedònia na sheasamh an sin, a' cur ìmpidh air agus ag ràdh, “Thig a-nall gu Macedònia is cuidich leinn.”

<sup>10</sup>Agus nuair a bha Pòl air an sealladh fhaicinn, dh'iarr sinn sa bhad a dhol do Mhacedònia, a' co-dhùnadh gun robh Dia air ar gairm gus an soisgeul a shearmonachadh dhaibh.

### **Iompachadh Lidia ann am Philipi**

<sup>11</sup>Mar sin, a' seòladh o Thròas, rinn sinn dìreach air Samotràcia, agus air an ath latha gu Neapolis,

<sup>12</sup>agus o sin gu Philipi, a tha na phrìomh bhaile de cheàrnaidh Mhacedònia, agus na choloinidh Ròmanach. Agus dh'fhuirich sinn sa bhaile seo beagan làithean.

<sup>13</sup>Agus air latha na Sàbaid chaidh sinn a-mach air a' gheata gu taobh na h-aibhne, far an robh dùil againn gum biodh àite-ùrnaigh, agus shuidh sinn sìos agus bhruidhinn sinn ris na boireannaich a bh' air cruinneachadh còmhla.

<sup>14</sup>Bha boireannach àraidh ag èisteachd dham b' ainm Lidia, o bhaile Thiatira, reiceadair aodaich purpaidh, a bha na neach-adhraidh do Dhia. Dh'fhosgail an Tighearna a cridhe airson aire a thoirt dha na thuirt Pòl.

<sup>15</sup>Agus às dèidh dhi a bhith air a baisteadh, agus a teaghlach cuideachd, chuir i ìmpidh oirnn, ag ràdh, “Ma tha sibh air mo mheas dileas dhan Tighearna, thigibh a-steach dham thaigh is fuirichibh.” Agus thug i oirnn.

### **Pòl is Silas sa Phrìosan**

<sup>16</sup>Fhad 's a bha sinne a' dol gu àite na h-ùrnaigh, choinnich bana-thràill àraidh rinn anns an robh spiorad fiosachd, a thug mòr-bhuannachd dha na maighstirean aice tro fiosachd a dhèanamh.

<sup>17</sup>Lean i seo Pòl agus sinne, ag èigheach a-mach, “Tha na daoine seo nan seirbheisich dhan Dia as àirde, a tha a' cur an cèill dhuibh slighe na slàinte.”

<sup>18</sup>Chùm i seo a' dol airson mòran làithean. Ach bha Pòl fìor mhì-thoilichte, agus thionndaidh e is thuirt e ris an spiorad, “Tha mi ag àithne dhut ann an ainm Ìosa Crìosd tighinn aiste.” Agus thàinig e a-mach aig an àm sin fhèin.

<sup>19</sup>Ach nuair a chunnaic a maighstirean gun robh an dòchas prothaid aca air falbh, rug iad air Pòl is Silas agus dhragh iad a-steach dhan ionad mhargaidh iad, mu choinneamh nan riaghladairean.

**20** Agus nuair a bha iad air an toirt gu na prìomh mhaighstirean-lagha, thuir iad, “Is e lùdhaich a th' anns na daoine seo, agus tha iad a' cur ar baile troimh-a-chèile

**21** agus tha iad a' moladh chleachdaidhean nach eil laghail dhuinne mar Ròmanaich a bhith a' gabhail riutha no gan cur an gnìomh.”

**22** Dh'èirich an sluagh còmhla nan aghaidh, agus shrac na maighstirean-lagha am badan aodaich dhiubh agus dh'òrdaich iad gum faigheadh iad buillean shlatan.

**23** Nuair a bha iad air tòrr bhuillean a leagail orra, thilg iad a-steach dhan phrìosan iad, a' toirt àithne do dh'fhear-gleidhidh a' phrìosain an cumail fo gheàrd gu sàbhailte.

**24** Nuair a bha e air an t-òrdugh aige fhaighinn, chuir e iad dhan phrìosan a b' fhaide a-staigh, agus cheangail e an casan san stoc.

**25** Mu mheadhan-oidhche bha Pòl is Silas ag ùrnaigh agus a' seinn laoidhean do Dhia, agus bha na prìosanaich ag èisteachd riutha,

**26** agus gu grad bha crith-thalmhainn mhòr ann, is chaidh bunaitean a' phrìosain a chrathadh; agus sa bhad chaidh na dorsan uile fhosgladh, agus bha cuibhrichean gach neach air am fuasgladh.

**27** Nuair a dhùisg fear-gleidhidh a' phrìosain agus a chunnaic e dorsan a' phrìosain fosgailte, tharraing e a chladheamh agus bha e gus cur às dha fhèin, a' saoilinn gun robh na prìosanaich air teicheadh.

**28** Ach dh'èigh Pòl le guth àrd, “Na dèan cron ort fhèin, oir tha sinn uile an seo!”

**29** Agus dh'èigh fear-gleidhidh a' phrìosain airson solais is ruith e a-steach agus, air chrith leis an eagal, thuit e sìos mu choinneamh Phòil is Shilais.

**30** An uair sin thug e a-mach iad agus thuir e, “A mhaighstirean, dè a dh'fheumas mi a dhèanamh airson 's gum bi mi air mo shàbhaladh?”

**31** Thuir iadsan, “Creid san Tighearna Ìosa Crìosd, agus thèid do shàbhaladh, thu fhèin agus do theaghlach.”

**32** Agus dh'aithris iad facal an Tighearna dha, agus dhaibhsan uile a bha na thaigh.

**33** Agus aig an uair sin fhèin dhen oidhche, thug e iad is nigh e an lotan; agus chaidh e fhèin agus a theaghlach gu lèir a bhaisteadh sa bhad.

**34** An uair sin thug e a-steach dhan taigh aige iad, agus chuir e biadh mun coinneamh. Agus a' creidsinn ann an Dia, rinn e gàirdeachas còmhla ri theaghlach gu lèir.



**35** Ach nuair a thàinig an latha, chuir na maighstirean-lagha a-mach na poilis aca, ag ràdh, “Saoraibh na daoine sin.”

**36** Agus rinn fear-gleidhidh a' phrìosain aithris air na briathran seo do Phòl, ag ràdh, “Tha na maighstirean-lagha air cur airson ur saoradh. Mar sin thigibh a-mach an-dràsta agus thallaibh ann an sìth.”

**37** Ach thuirt Pòl riutha, “Tha iad air sinne a tha nar fir Ròmanach a dhochann gu poblach gun ar dìteadh agus tha iad air ar tilgeil dhan phrìosan; agus a bheil iad a-nis gar cur air falbh gu dìomhair? Chan eil gu dearbh! Ach thigeadh iad fhèin agus thugadh iadsan a-mach sinn.”

**38** Rinn na poilis aithris air na briathran seo dha na maighstirean-lagha, agus bha an t-eagal orra nuair a chuala iad gum b' e Ròmanaich a bh' annta.

**39** Mar sin thàinig iad agus ghuidh iad orra is thug iad a-mach iad agus dh'iarr iad orra falbh a-mach às a' bhaile.

**40** Mar sin chaidh iad a-mach às a' phrìosan agus chaidh iad a-steach do thaigh Lidia. Agus nuair a bha iad air na bràithrean fhaicinn, mhisnich iad iadsan agus dh'fhalbh iad.

## Gnìomhan 17

### Ann an Tesalonìca

**1** A-nis nuair a bha iad air a dhol tro Amphipolis agus Apolònia, thàinig iad gu Tesalonìca, far an robh sionagog dhe na h-lùdhaich.

**2** Agus mar a b' fhasan dha, chaidh Pòl a-steach; agus air trì latha Sàbaid reusanaich e leotha o na Sgrìobtaran,

**3** a' mìneachadh agus a' dearbhadh gun robh e riatanach dhan Chrìosd fulang is èirigh o na mairbh, agus ag ràdh, “Is e seo an Crìosd, Ìosa a tha mise a' searmonachadh dhuibh.”

**4** Agus chreid cuid dhiubh agus dh'aonaich iad le Pòl is Silas, mar a rinn buidheann mhòr dhe na Greugaich chràbhach agus àireamh nach bu bheag dhe na prìomh bhoireannaich.

**5** Ach bha na h-lùdhaich farmadach, agus a' gabhail cuid de dh'fhir olca bhon ionad-mhargaidh, rinn iad gràisg dhiubh fhèin, chuir iad am baile ann an ùpraid, agus thug iad ionnsaigh air taigh làsain, a' sireadh an toirt a-mach chun an t-sluaigh.

**6** Agus nuair nach b' urrainn dhaibh an lorg, tharraing iad làson agus bràithrean àraidh mu choinneamh ùghdarrasan a' bhaile, ag èigheach, “Tha na daoine seo a th' air an saoghal a thionndadh bun-os-cionn air tighinn an seo cuideachd,

<sup>7</sup>agus tha làson air fàilte a chur orra, agus tha iad uile a' gnìomhachadh an aghaidh òrduighean Chèasair, ag ràdh gu bheil rìgh eile ann, Ìosa.”

<sup>8</sup>Bha an sluagh agus ùghdarrasan a' bhaile air am buaireadh nuair a chuala iad na rudan seo.

<sup>9</sup>Agus nuair a bha iad air airgead-urrais a ghabhail bho làson agus o chàch, leig iad às iad.

### **Ann am Berèa**

<sup>10</sup>Sa bhad chuir na bràithrean Pòl is Silas air falbh san oidhche gu Berèa, agus nuair a ràinig iad, chaidh iad a-steach do shionagog nan lùdhach.

<sup>11</sup>A-nis bha iad seo na b' uaisle na iadsan ann an Tesalonìca; oir ghabh iad am facal thuca fhèin leis a h-uile h-eud, a' rannsachadh nan Sgrìobtar gach latha airson faicinn an robh na rudan seo mar sin.

<sup>12</sup>Air an adhbhar sin, chreid mòran dhiubhsan, agus àireamh nach bu bheag dhe na prìomh bhoireannaich Ghreugach is de dh'fhir.

<sup>13</sup>Ach nuair a thuig na h-lùdhaich o Thesalonìca gun robh facal Dhè cuideachd air a shearmonachadh le Pòl ann am Berèa, thàinig iadsan an sin cuideachd, a' piobrachadh 's a' brosnachadh an t-sluaigh.

<sup>14</sup>An uair sin sa bhad chuir na bràithrean Pòl a-mach air a shlighe chun na mara, ach dh'fhan Silas is Timòteus an sin.

<sup>15</sup>A-nis thug iadsan a threòraich Pòl gu Baile na h-Àithne e; agus às dèidh òrdugh fhaighinn airson Silas is Timòteus tighinn thuige cho luath 's a bha nan comas dhaibh, dh'fhàg iad.

### **Ann am Baile na h-Àithne**

<sup>16</sup>A-nis fhad 's a bha Pòl a' feitheamh orra aig Baile na h-Àithne, bha a spiorad air a bhrosnachadh na bhroinn nuair a chunnaic e gun robh am baile làn de dh'iodhalan.

<sup>17</sup>Mar sin reusanaich e san t-sionagog le na h-lùdhaich agus le na daoine cràbhach, agus san ionad-mhargaidh gach latha leothasan a thachair a bhith ann.

<sup>18</sup>Rinn cuid dhe na feallsanaich Epicurach agus Stòiceach cuideachd còmhradh ris. Bha cuid ag ràdh, “Dè a tha an cabadair seo ag iarraidh a chantainn?” Bha cuid eile ag ràdh, “Is coltach gur e searmonaiche dhiathan coimheach a th' ann” – a chionn 's gun robh e a' searmonachadh Ìosa agus na h-aiseirigh.

<sup>19</sup>Agus rug iad air agus thug iad chun an Areopagais e, ag ràdh, “Am faod sinn eòlas fhaighinn air dè a th' anns an teagasg ùr seo air a bheil thu a' bruidhinn?”

**20**Oir tha thu a' toirt rudan neònach gu ar cluasan; mar sin tha sinn ag iarraidh eòlas a bhith againn air dè a tha na rudan seo a' ciallachadh.”

**21**A-nis cha chuireadh muinntir Bhaile na h-Àithne gu lèir 's na coigrich a dh'fhuirich an sin an ùine seachad ann an rud sam bith ach ann a bhith ag innse no a' cluinntinn rudeigin ùr.

**22**Mar sin sheas Pòl ann am meadhan an Areopagais agus thuirt e, “A muinntir Bhaile na h-Àithne, tha mi a' toirt fa-near gu bheil sibh fìor chràbhach anns a h-uile dòigh.

**23**Oir fhad 's a bha mi a' gabhail troimhe is a rinn mi sgrùdadh geur air cuspairean ur n-adhraidh, fhuair mi cuideachd altair leis an sgrìobhadh seo: DON DIA NEO-AITHNICHTE. Mar sin, esan dha bheil sibhse ag adhradh mar neo-aithnichte, tha mise ga chur an cèill dhuibh.

**24**“An Dia a rinn an saoghal 's a h-uile rud a th' ann, air sgàth 's gur esan Tighearna nèimh agus na talmhainn, chan eil e a' fuireach ann an teampaill dèante le làmhan.

**25**Cha mhotha a tha seirbheis air a dèanamh dha le làmhan dhaoine, mar gum biodh dìth sam bith air, on a tha e fhèin a' toirt beatha agus anail agus a h-uile rud dha na h-uile.

**26**Agus rinn e o aon duine a h-uile nàisean dhen chinne-daonna airson fuireach air aghaidh na talmhainn gu lèir, às dèidh dha amannan ro-òrdaichte a shuidheachadh, agus crìochan an àite-còmhnaidh-san,

**27**airson 's gun sireadh iad Dia, san dòchas gun coimheadadh iad air a shon agus gum faigheadh iad e, ged nach eil e fada o gach aon againn.

**28**‘Oir annsan tha sinn beò 's a' gluasad 's tha ar bith againn’, mar a tha fiù 's cuid dhe ur bàird fhèin air a ràdh: ‘Oir is sinne cuideachd a shliochd-san.’

**29**“Air sgàth 's gur sinne sliochd Dhè, cha bu chòir dhuinn smaoinichadh gu bheil am bith diadhaidh coltach ri òr no airgead no cloich, rudan a fhuair cumadh le ealain is mac-meanmhainn dhaoine.

**30**Mar sin às dèidh do Dhia amannan an aineolais a leigeil seachad, tha e a-nis ag àithne dhan a h-uile duine anns gach àite aithreachas a dhèanamh,

**31**a chionn 's gu bheil e air latha a shuidheachadh nuair a tha e a' dol a thoirt breith air an t-saoghal ann am fireantachd, tro dhuine a tha e air òrdachadh; agus dhen seo thug e dearbhadh dha na h-uile duine tro bhith ga thogail o na marbh.”

**32**A-nis nuair a chuala iad mu aiseirigh nam marbh, rinn cuid magadh, ach thuirt feadhainn eile, “Cluinnidh sinn a-rithist thu mu dheidhinn seo.”

**33**Mar sin chaidh Pòl a-mach às am measg.

<sup>34</sup>Ach cuid de dhaoine ag aonadh ris, chreid iad; nam measg cuideachd bha Dionisius an t-Areopagach is boireannach dham b' ainm Damaris is feadhainn eile còmhla riutha.

## Gnìomhan 18

### Ann an Corint

<sup>1</sup>Às dèidh seo dh'fhàg Pòl Baile na h-Àithne agus chaidh e gu Corint.

<sup>2</sup>Agus fhuair e lùdhach dham b' ainm Acuila, a bhuineadh do Phontus, air ùr-thighinn às an Eadailt còmhla ri a bhean Priscila, a chionn 's gun robh Claudius air àithne a thoirt dha na h-lùdhaich gu lèir an Ròimh fhàgail. Agus chaidh e thuca,

<sup>3</sup>agus a chionn 's gu robh e dhen aon chiùird riutha, dh'fhan e còmhla riutha, agus rinn e obair, oir bu cheàird dhaibh a bhith a' dèanamh phàilleanan.

<sup>4</sup>Agus reusanaich e san t-sionagog a h-uile Sàbaid, agus dh'fheuch e ri ìmpidh a chur air lùdhaich 's air Greugaich.

<sup>5</sup>Nuair a ràinig Silas agus Timòteus o Mhacedònia, bha Pòl air a bheò-ghlacadh leis an fhacal, a' toirt fianais dha na h-lùdhaich gum b' e Ìosa an Crìosd.

<sup>6</sup>Ach nuair a chuir iad na aghaidh agus a chàin iad e, chrath e a bhadan aodaich agus thuirt e riutha, “Biodh ur fuil air ur cinn fhèin! Tha mise neoichiontach. O seo a-mach thèid mi gu na Cinnich.”

<sup>7</sup>Agus a' falbh às a sin, chaidh e gu taigh duine dham b' ainm Titus Iustus, fear-adhraidh do Dhia. Bha an taigh aige an ath dhoras dhan t-sionagog.

<sup>8</sup>Chreid Crispus, riaghladair an t-sionagoig, anns an Tighearna, còmhla ri theaghlach gu lèir. Agus ga chluinntinn chreid mòran dhe na Corintianaich, agus bha iad air am baisteadh.

<sup>9</sup>Agus thuirt an Tighearna ri Pòl san oidhche ann an sealladh, “Na bi fo eagal, ach cùm ort a' bruidhinn agus na bi sàmhach,

<sup>10</sup>oir tha mise còmhla riut, agus cha toir neach sam bith ionnsaigh ort airson cron a dhèanamh ort, oir tha mòran sluaigh agamsa sa bhaile seo.”

<sup>11</sup>Agus dh'fhan e bliadhna is sia mìosan, a' teagasg facal Dhè nam measg.

<sup>12</sup>Ach nuair a bha Galiò na uachdaran air Achaia, thug na h-lùdhaich ionnsaigh aonaichte air Pòl agus thug iad gu cathair a' bhreitheanais e,

<sup>13</sup>ag ràdh, “Tha an duine seo a' cur ìmpidh air daoine adhradh a dhèanamh do Dhia an aghaidh an lagha.”

<sup>14</sup>Ach nuair a bha Pòl gus a bheul fhosgladh, thuirte Galiò ris na h-lùdhaich, “Nam b' e gnothach de dh'eu-ceart no de dh'eucoir olc a bh' ann, Ò lùdhacha, bhiodh e reusanta dhomh èisteachd ribh.

<sup>15</sup>Ach on as e gnothach a th' ann mu cheistean co-cheangailte ri faclan is ainmean agus ur lagh fhèin, coimheadaib' fhèin às a dhèidh. Tha mise ain-deònach a bhith nam bhritheamh air na rudan sin.”

<sup>16</sup>Agus ruaig e o chathair a' bhreitheanais iad.

<sup>17</sup>Agus rug iad uile air Sostenes, riaghladair an t-sionagoig, agus ghabh iad dha mu choinneamh cathair a' bhreitheanais. Ach cha robh cùram air Galiò mu ghin dhe na rudan sin.

### **Priscila, Acuila agus Apollos**

<sup>18</sup>A-nis dh'fhan Pòl tòrr làithean na b' fhaide, agus an uair sin dh'fhàg e soraidh le na bràithrean is chuir e a-mach gu muir gu Siria, agus còmhla ris Priscila is Acuila: às dèidh fhalt fhaighinn air a ghearradh ann an Cenchrèa, oir bha e fo bhòid.

<sup>19</sup>Agus thàinig iad gu Ephesus, agus dh'fhàg e an sin iad. Ach chaidh e fhèin a-steach dhan t-sionagog, agus reusanaich e ris na h-lùdhaich.

<sup>20</sup>Nuair a dh'iarr iad air fantainn airson ùine na b' fhaide, dhiùlt e.

<sup>21</sup>Ach a' fàgail soraidh leotha thuirte e, “Tillidh mi thugaibh mas e toil Dhè e,” agus sheòl e o Ephesus.

<sup>22</sup>Nuair a bha e air tighinn air tìr aig Cesarèa, chaidh e suas is chuir e fàilte air an eaglais agus an uair sin chaidh e sìos gu Antioch.

<sup>23</sup>Às dèidh beagan ùine a chur seachad an sin, dh'fhàg e agus chaidh e o àite gu àite tro cheàrnaidh Ghalàtia is Phrìgia, a' neartachadh nan deisciobal gu lèir.

<sup>24</sup>A-nis thàinig lùdhach àraidh dham b' ainm Apollos, a rugadh ann an Alecsandria, gu Ephesus. B' e duine deas-bhriathrach a bh' ann; cumhachdach sna Sgrìobtaran.

<sup>25</sup>Bha e air a bhith air a theagasg ann an slighe an Tighearna. Agus dian ann an spiorad, bhruidhinn is theagaisg e gu ceart mu na rudan a bhuineadh do dh'Ìosa, ged nach b' aithne dha ach baisteadh Eòin.

<sup>26</sup>Thòisich e air bruidhinn gu dàn san t-sionagog. Ach nuair a chuala Priscila is Acuila e, thug iad gu aon taobh e agus mhìnich iad dha slighe Dhè dha na bu mhionaidiche.

<sup>27</sup>Agus nuair a mhiannaich e a dhol thairis gu Achaia, mhisnich na bràithrean e agus sgrìobh iad gu na deisciobail airson fàilte a chur air. Nuair a ràinig e, chuidich e gu mòr iadsan a bha air creidsinn tro ghràs,

<sup>28</sup>oir gu cumhachdach dhearbh e gu poblach gun robh na h-lùdhaich ceàrr, agus sheall e leis na Sgrìobtaran gur e Ìosa an Crìosd.

## Gnìomhan 19

### Pòl ann an Ephesus

<sup>1</sup>Agus thachair, fhad 's a bha Apollos aig Corint, gun deach Pòl tro sgìrean àrd na tìre agus thàinig e gu Ephesus. An sin fhuair e cuid de dheisciobail.

<sup>2</sup>Agus thuirt e riutha, “An d' fhuair sibh an Spiorad Naomh nuair a chreid sibh?” Agus thuirt iadsan ris, “Cha d' fhuair, cha chuala sinne fiù 's gu bheil Spiorad Naomh ann.”

<sup>3</sup>Agus thuirt e, “Dè ma-thà am baisteadh dhan deach ur baisteadh?” Thuirt iad, “Do bhaisteadh Eòin.”

<sup>4</sup>Agus thuirt Pòl, “Bhaist Eòin le baisteadh an aithreachais, a' cantainn ris an t-sluagh creidsinn san fhear a bha a' tighinn às a dhèidh, is e sin Ìosa.”

<sup>5</sup>Nuair a chuala iad seo, chaidh am baisteadh ann an ainm an Tighearna Ìosa.

<sup>6</sup>Agus nuair a bha Pòl air a làmhan a shìneadh orra, thàinig an Spiorad Naomh orra, agus thòisich iad air bruidhinn ann an teangannan agus air fàidheadaireachd.

<sup>7</sup>Bha mu dhà fhear dheug ann gu lèir.

<sup>8</sup>Agus chaidh esan a-steach dhan t-sionagog agus bhruidhinn e gu dàn fad thrì mìosan, a' reusanachadh agus a' cur ìmpidh orra mu rìoghachd Dhè.

<sup>9</sup>Ach nuair a dh'fhàs cuid rag agus nach do chreid iad, a' bruidhinn gu h-olc mun t-Slighe mu choinneamh an t-sluaigh, tharraing e air ais uapa agus thug e na deisciobail leis, a' reusanachadh gach latha ann an talla-òraid Thirannuis.

<sup>10</sup>Lean seo airson dà bhliadhna, air chor is gun cuala luchd-còmhnaidh na h-Àisia gu lèir facal an Tighearna, an dà chuid lùdhaich agus Greugaich.

<sup>11</sup>Bha Dia a' dèanamh mhìorbhailean iongantach le làmhan Phòil,

<sup>12</sup>air chor is gun robh fiù 's nèapraigean no aparain a bh' air beantainn dha chraiceann air an giùlain air falbh thucasan a bha tinn, is dh'fhàg an tinneasan iad agus thàinig na spioradan neòghlan a-mach asta.

<sup>13</sup>Ach ghabh cuid dhen mhuinntir lùdhach, luchd tilgeil a-mach dheamhan, a bha a' dol o àite gu àite, os làimh ainm an Tighearna Ìosa ainmeachadh thairis orrasan san robh na spioradan olca, ag ràdh, “Tha mi gar cur fo mhionnan tro Ìosa, a tha Pòl a' searmonachadh.”

- 14**Bha seachdnar mhac Scebha, àrd-shagart lùdhach, a' dèanamh seo.
- 15**Ach fhreagair an spiorad olc iad, “Ìosa is aithne dhomh, agus tha eòlas agam air Pòl, ach cò a th' annaibhse?”
- 16**Agus leum an duine anns an robh an spiorad olc orra, fhuair e làmh-an-uachdair orra agus thug e buaidh orra, air chor is gun do theich iad a-mach às an taigh sin rùisgte agus air an leòn.
- 17**Fhuair uile luchd-còmhnaidh Ephesus eòlas air a seo, an dà chuid lùdhaich is Greugaich. Agus thuit eagal orra uile, agus bha ainm an Tighearna Ìosa air àrd-mholadh.
- 18**Thàinig mòran cuideachd dhiubhsan a chreid, ag aideachadh 's ag innse an gnìomhan.
- 19**Agus thug grunn dhiubhsan a bh' air draoidheachd a chur an gnìomh an leabhraichean cruinn còmhla agus loisg iad ann am fianais nan uile iad. Agus chunntais iad an luach aca is fhuair iad a-mach gun tàinig e gu caogad mìle bonn airgid.
- 20**Mar sin chùm facal an Tighearna air a' fàs agus a' buadhachadh gu cumhachdach.
- 21**A-nis às dèidh dha na rudan seo a bhith air an crìochnachadh, chuir Pòl roimhe san Spiorad gabhail seachad tro Mhacedònia is Achaiah agus a dhol gu Ierusalem, ag ràdh, “Às dèidh dhomh a bhith an sin, feumaidh mi cuideachd an Ròimh fhaicinn.”
- 22**Agus às dèidh dha dithis dhen luchd-cuideachaidh aige a chur do Mhacedònia – Timòteus is Erastus – dh'fhan esan e fhèin ann an Àisia airson greis.

### **An Aimhreit ann an Ephesus**

- 23**Mun àm sin dh'èirich buaireadh nach bu bheag mun t-Slighe.
- 24**Oir thug duine dham b' ainm Demetrius, ceàrd-airgid, a rinn ionadan-coisrigte airgid do dh'Artemis, malairt nach bu bheag dhan luchd-ciùird.
- 25**Chruinnich e còmhla iad sin, leis an luchd-obrach a bh' ann an ciùird ionann riutha, agus thuir e, “Fheara, tha fios agaibh gur ann on chiùrd seo a tha ar beairteas againne.
- 26**Agus tha sibh a' faicinn is a' cluinntinn gu bheil – chan ann a-mhàin ann an Ephesus ach cha mhòr ann an Àisia gu lèir – am Pòl seo air ìmpidh a chur air sluagh mòr dhaoine 's air an tionndadh air falbh, ag ràdh nach diathan iad idir a tha dèante le làmhan.

**27** Agus tha cunnart ann, chan e a-mhàin gun tuiteadh a chiùird seo againne ann am mì-chliù, ach cuideachd gum biodh teampall na ban-dè mòire air a mheas mar neoni, agus fiù 's gun tèid a cur o chathair a mòrachd-se, ise dha bheil Àisia uile agus an saoghal a' dèanamh adhradh.”

**28** Nuair a chuala iadsan seo chaidh an lìonadh le feirg is thòisich iad ag èigheach, “Is mòr Artemis nan Ephèsianach!”

**29** Bha am baile air a lìonadh leis an aimhreit, agus ruith iad le aon toil dhan taigh-chluiche, a' tarraing Ghaiuis is Aristarchuis leotha, companaich-siubhail Phòil o Mhacedònia.

**30** Ach nuair a mhiannaich Pòl a dhol a-steach am measg a' cho-chruinneachaidh, cha leigeadh na deisciobail leis.

**31** Agus chuir fiù 's cuid de riaghladairean na h-Àisia, a bha nan caraidean dha, fios thuige agus bha iad ga earalachadh gun a dhol a-steach dhan taigh-chluiche.

**32** A-nis dh'èigh cuid aon rud, agus cuid rud eile, oir bha an co-chruinneachadh troimh-a-chèile agus cha b' aithne dhan mhòr-chuid dhiubh carson a bha iad air tighinn còmhla.

**33** Phiobraich cuid dhen t-sluagh Alecsander, a bha na h-lùdhaich air a chur air adhart. Agus a' smèideadh le a làimh, bha Alecsander ag iarraidh dìon a dhèanamh air fhèin dhan t-sluagh.

**34** Ach nuair a dh'aithnich iad gum b' e lùdhach a bh' ann, dh'èigh iad a-mach le aon ghuth, airson mu dhà uair a thìde, “Is mòr Artemis nan Ephèsianach!”

**35** Às dèidh do chlàireach a' bhaile an sluagh a shocrachadh, thuirt e, “Fheara Ephesus, cò a th' ann dha nach aithne gur e Ephesus a tha na gleidheadair-teampaill do dh'Artemis mhòr, agus dhen ìomhaigh naomh a thuit a-nuas o nèamh?”

**36** Mar sin seach nach urrainn na rudan seo a bhith air an àicheadh, bu chòir dhuibh a bhith sàmhach agus gun rud sam bith bras a dhèanamh.

**37** Oir tha sibh air na daoine seo a thoirt an seo nach eil nam mèirlich teampaill no nach eil a' toirt toibheim dhar ban-dia.

**38** Mar sin, ma tha gearan aig Demetrius agus aig an luchd-ciùird an aghaidh neach sam bith, tha na cùirtean fosgailte agus tha uachdaran ann. Thoireadh iad casaidean an aghaidh càch-a-chèile.

**39** Ach ma tha sibh a' sireadh dad a bharrachd, bidh e air a rèiteachadh sa cho-chruinneachadh laghail.



<sup>40</sup>Oir tha sinn ann an cunnart a bhith air ar cur fo chasaid aimhreit an-diugh, oir chan urrainn dhuinn adhbhar a thoirt seachad airson a' chruinneachaidh mhì-rianail seo.”

<sup>41</sup>Agus nuair a thuir e na rudan seo, chuir e air falbh an co-chruinneachadh.

## Gnìomhan 20

### Tro Mhacedònia agus tron Ghrèig

<sup>1</sup>Às dèidh dhan ùpraid sgur, chuir Pòl fios air na deisciobail, agus às dèidh am misneachadh, dh'fhàg e soraidh leotha agus chaidh e air falbh a Mhacedònia.

<sup>2</sup>Nuair a bha e air a dhol tro na sgìrean sin agus air am misneachadh le mòran bhriathran, thàinig e dhan Ghrèig.

<sup>3</sup>Chuir e seachad trì mìosan an sin. A chionn 's gun robh na h-lùdhaich air innleachd a dhèanamh na aghaidh agus gun robh e gus seòladh gu Siria, chuir e roimhe tilleadh tro Mhacedònia.

<sup>4</sup>Chaidh Sopater o Bherèa, mac Phirois, còmhla ris; agus dhe na Tesalònianaich, Aristarchus is Secundus; agus Gaius o Dherbe, agus Timòteus; agus de mhuintir na h-Àisia, Tichicus is Trophimus.

<sup>5</sup>Chaidh iad seo air adhart air thoiseach agus bha iad a' feitheamh oirnn ann an Tròas.

<sup>6</sup>Ach sheòl sinne air falbh o Philipi às dèidh làithean an Arain Neo-Ghortaichte, agus ann an còig làithean thàinig sinn thucasan aig Tròas, far an do dh'fhan sinn airson seachd làithean.

### Eutichus air a Thogail o na Mairbh aig Tròas

<sup>7</sup>Air a' chiad latha dhen t-seachdain, nuair a bha sinn cruinn còmhla airson aran a bhriseadh, bhruidhinn Pòl riutha, a' cur roimhe fàgail air an ath latha, agus lean e air a' bruidhinn gu meadhan-oidhche.

<sup>8</sup>Agus bha tòrr lampaichean san t-seòmair uachdarach far an robh sinn cruinn.

<sup>9</sup>Agus thuit duine òg dham b' ainm Eutichus, a bha na shuidhe aig an uinneig, na throm-chadal fhad 's a chum Pòl air a bruidhinn. Agus fo bhuidh a' chadail, thuit e sìos on treas làr agus chaidh a thogail marbh.

<sup>10</sup>Ach chaidh Pòl sìos, agus shìn e e fhèin air, agus ga ghabhail na ghàirdeanan, thuir e, “Na bithibh fo dhragh, oir tha a bheatha ann!”

<sup>11</sup>Agus nuair a bha Pòl air a dhol suas agus air aran a bhriseadh agus air ithe, rinn e còmhradh leotha airson ùine fhada, gu briseadh an latha, agus mar sin dh'fhalbh e.

**12** Agus thug iad leotha beò an duine òg, agus cha b' ann gu beag a bha iad air an cofhurtachadh.

### Soraidh Phòil dha na h-Èildearan Ephèsianach

**13** Ach a' dol air adhart chun an t-soithich, sheòl sinn airson Asos, a' cur romhainn Pòl a ghabhail air bòrd às a sin, oir bha esan air a chur an òrdugh mar sin, a' cur roimhe a dhol air a chois fhèin.

**14** Agus nuair a choinnich e rinn aig Asos, thug sinn air bòrd e agus chaidh sinn gu Mitilène.

**15** Agus a' seòladh às a sin ràinig sinn air an latha a lean mu choinneamh Chiois; an ath latha chaidh sinn thairis gu Samos, agus an ath latha thàinig sinn gu Miletus.

**16** Oir bha Pòl air cur roimhe seòladh seachad air Ephesus, airson 's nach fheumadh e ùine a chosg ann an Àisia, oir bha e a' dèanamh cabhag gus a bhith ann an Ierusalem, ma bha e an comas, air latha na Caingis.

**17** O Mhiletus chuir e fios gu Ephesus is ghairm e èildearan na h-eaglaise thuige.

**18** Agus nuair a thàinig iad thuige, thuir e riutha, “Is aithne dhuibhse sib' fhèin mar a bha mi beò nur measg fad na h-ùine on a' chiad latha a chuir mi cas air Àisia,

**19** a' dèanamh seirbheis dhan Tighearna le gach uile irioslachd is le deòir is le deuchainnean a thachair dhomh tro innleachdan nan lùdhach;

**20** mar nach do tharraing mi air ais o bhith a' cur an cèill dhuibh rud sam bith a bha feumail, agus gur teagasg gu poblach o thaigh gu taigh,

**21** a' toirt fianais an dà chuid do dh'lùdhaich is do Ghreugaich mu aithreachas a thaobh Dhè agus mu chreideamh nar Tighearna Ìosa Crìosd.

**22** “Agus a-nis, seallaibh, tha mi a' dol gu Ierusalem, air mo cho-èigneachadh leis an Spiorad, gun fhios agam dè a thachras dhomh an sin,

**23** ach gu bheil an Spiorad Naomh a' toirt fianais dhomh anns gach baile gu bheil cuibhrichean is fulangasan a' feitheamh orm.

**24** Ach chan eil mi a' cunntadh mo bheatha mar luachmhor no prìseil dhomh fhèin, ma thèid agam a-mhàin air mo thuras agus a' mhinistrealachd a fhuair mi on Tighearna Ìosa a chrìochnachadh, a' toirt fianais shòlaimte mu shoisgeul gràs Dhè.

**25** “Agus a-nis, seallaibh, is aithne dhomh nach fhaic duine agaibhse m' aghaidh-sa a-rithist, ged a chaidh mi mun cuairt a' searmonachadh na rìoghachd nar measg.

**26**Mar sin, tha mi a' toirt fianais dhuibh air an latha seo gu bheil mi neoichiontach on fhuil agaibh uile.

**27**Oir cha do tharraing mi air ais o chomhairle Dhè gu lèir a chur an cèill dhuibh.

**28**Cumaibh deagh aire oirb' fhèin 's air an treud gu lèir, anns an do rinn an Spiorad Naomh nur fir-coimhead sibh gus eaglais Dhè a bhuachailleachd, a cheannaich e le fhuil fhèin.

**29**Is aithne dhomh, às dèidh dhomh fàgail, gun tig madaidhean-allaidh garga nur measg, nach caomhain an treud;

**30**agus o ur measg fhèin gun èirich daoine ag ràdh rudan fiara, airson na deisciobail a tharraing air falbh às an dèidh.

**31**Mar sin fanaibh faireil, a' cuimhneachadh nach do sguir mise a latha 's a dh'oidhche fad thrì bliadhna air gach aon agaibh earalachadh le deòir.

**32**“Agus a-nis tha mi gur n-earbsadh do Dhia agus do dh'fhacal a ghràis-san, a tha comasach air ur daingneachadh is oighreachd a thoirt dhuibh am measg na feadhna sin uile a th' air an naomhachadh.

**33**Cha do shanntaich mi airgead no òr no aodach neach sam bith.

**34**Tha fios agaib' fhèin gun do fhritheil na làmhan seo dha na feuman a bh' agamsa is acasan a bha còmhla rium.

**35**Anns a h-uile sìon sheall mi dhuibh gur ann tro bhith ag obair cruaidh san dòigh seo a dh'fheumas sinn iadsan a tha lag a chuideachadh agus cuimhneachadh air briathran an Tighearna Ìosa, mar a thuir e fhèin, ‘Tha e nas beannaichte rud a thoirt seachad na a ghabhail.’”

**36**Agus nuair a bha e air na rudan sin a ràdh, chaidh e air a ghlùinean, agus rinn e ùrnaigh còmhla riutha uile.

**37**Agus bha mòran caoinidh nam measg gu lèir; chuir iad an gairdeanan mu amhaich Phòil agus bha iad ga phògadh –

**38**fo àmhghar gu sònraichte air sgàth an fhacail a bha e air a ràdh, nach fhaiceadh iad aghaidh-san a-rithist. Agus chaidh iad còmhla ris chun an t-soithich.

## **Gnìomhan 21**

### **Air Adhart gu Ierusalem**

**1**Agus nuair a bha sinn air dealachadh uapa, sheòl sinn agus ghabh sinn seòlaid dhìreach gu Còs agus an ath latha gu Rodos agus o sin gu Patara.

- <sup>2</sup>Agus às dèidh soitheach a lorg a' dol thairis gu Phoenice chaidh sinn air bòrd agus sheòl sinn.
- <sup>3</sup>Nuair a bha sinn air tighinn an sealladh Chìoprais, ga fhàgail air an làimh chli, sheòl sinn gu Siria agus chaidh sinn air tìr aig Tìrus, oir an sin bha aig an t-soitheach ri a bathar a chur dhith.
- <sup>4</sup>Às dèidh coimhead airson nan deisciobal, dh'fhan sinn an sin airson seachd latha agus tron Spiorad bha iad ag innse do Phòl gun a dhol air adhart gu Ierusalem.
- <sup>5</sup>Nuair a bha ar làithean an sin seachad, dh'fhàg sinn is chaidh sinn air ar turas, agus thàinig iad uile, cuide ri mnathan is clann, còmhla rinn cho fada ri taobh a-muigh a' bhaile. Agus a' dol air ar glùinean air an tràigh, rinn sinn ùrnaigh.
- <sup>6</sup>Às dèidh soraidh fhàgail aig càch-a-chèile chaidh sinn air bòrd an t-soithich agus thill iadsan dhachaigh.
- <sup>7</sup>Nuair a bha sinn air ar turas o Thìrus a chrìochnachadh, ràinig sinn Ptolemais, agus chuir sinn fàilte air na bràithrean is dh'fhan sinn còmhla riutha airson aon latha.
- <sup>8</sup>Air an ath latha dh'fhàg sinn agus thàinig sinn gu Cesarèa agus chaidh sinn a-steach do thaigh Philip an soisgeulaiche, a bha na aon dhen t-seachdnar, agus dh'fhuirich sinn còmhla ris.
- <sup>9</sup>Bha ceathrar nighean aigesan, òighean, a bha ri fàidheadaireachd.
- <sup>10</sup>Fhad 's a bha sinn a' fuireach an sin airson mòran làithean, thàinig fear àraidh a-nuas o Iudèa, fàidh dham b' ainm Agabus.
- <sup>11</sup>Agus a' tighinn thugainn, ghabh e crios Phòil agus cheangail e a làmhan is a chasan fhèin, agus thuit e, “Mar seo tha an Spiorad Naomh ag ràdh, ‘Is ann mar seo a cheanglas na h-Iùdhaich ann an Ierusalem an duine dham buin an crios seo, agus bheir iad thairis do làmhan nan Cinneach e.’”
- <sup>12</sup>Nuair a chuala sinne seo, chuir sinn fhèin agus na daoine an sin ìmpidh air gun a dhol suas gu Ierusalem.
- <sup>13</sup>An uair sin fhreagair Pòl, “Dè a tha sibh a' dèanamh, a' caoineadh agus a' briseadh mo chridhe? Oir tha mise deiseil chan ann a-mhàin airson a bhith air mo chur an grèim ach fiù 's gus bàsachadh airson ainm an Tighearna Iosa.”
- <sup>14</sup>Agus a chionn 's nach biodh e air a thoirt às a bheachd, chaidh sinn sàmhach is thuit sinn, “Gum biodh rùn an Tighearna air a dhèanamh.”
- <sup>15</sup>Às dèidh nan làithean seo rinn sinn deiseil agus chaidh sinn suas gu Ierusalem.

**16** Agus chaidh cuid dhe na deisciobail o Chesarèa còmhla rinn, gar toirt gu taigh Mhnasoin o Chìopras, seann deisciobal, aig am faigheadh sinn aoi gheachd.

### **Pòl a' Ruighinn Ierusalem**

**17** Nuair a bha sinn air tighinn gu Ierusalem, ghabh na bràithrean rinn gu toileach.

**18** An ath latha chaidh Pòl a-steach còmhla rinn gu Seumas, agus thàinig na h-èildearan gu lèir còmhla.

**19** Às dèidh fàilte a chur orra, dh'aithris e dhaibh aon às dèidh aoine na rudan a bha Dia air a dhèanamh am measg nan Cinneach tro a mhinistrealachd-san.

**20** Agus nuair a chuala iad e, thug iad glòir do Dhia. Agus thuirt iad ris, “Tha thu a' faicinn, a bhràthair, cia mheud mìle a th' ann am measg nan lùdhach dhiubhsan a th' air creidsinn, agus tha iad uile eudmhor airson an lagha,

**21** agus chaidh innse dhaibh mud dheidhinn-sa, gu bheil thu a' teagasg dha na h-lùdhaich gu lèir a tha am measg nan Cinneach Maois a thrèigsinn, ag innse dhaibh gun an cuid chloinne a thimcheall-ghearradh, no coiseachd a rèir nan gnàthasan.

**22** Dè a bu chòir a bhith air a dhèanamh? Cluinnidh iad gu cinnteach gu bheil thu air tighinn.

**23** Dèan, mar sin, an rud a dh'inneas sinne dhut. Tha ceathrar fhear againn a tha fo bhòid;

**24** thoir na fir seo leat agus glan thu fhèin cuide riutha agus pàigh na cosgaisean aca, airson 's gum beàrr iad an cinn. Mar sin bidh fios aig a h-uile duine nach eil dad anns na chaidh innse dhaibh mud dheidhinn, ach gu bheil thusa cuideachd gad ghiùlain fhèin le bhith a' cumail an lagha.

**25** Ach a thaobh nan Cinneach a th' air creidsinn, tha sinne air litir a chur le ar breithneachadh gum bu chòir dhaibh iad fhèin a chumail o bhiadh a chaidh ìobradh do dh'iodhalan, agus o fhuil, agus o na chaidh a thachdadh, agus o strìopachas.”

**26** An uair sin thug Pòl na fir leis, is an ath latha ghlan e e fhèin còmhla riutha is chaidh e a-steach dhan teampall, a' toirt fios nuair a bhiodh làithean a ghlanaidh air an coileanadh, agus nuair a bhiodh an tabhartas air a thoirt airson gach fear aca.

### **Pòl air a Chur an Grèim**

<sup>27</sup>Nuair a bha na seachd latha faisg air a bhith air an crìochnachadh, ga fhaicinn san teampall, bhrosnaich Iùdhaich o Àisia an slugh gu lèir, agus chuir iad làmhan air,

<sup>28</sup>ag èigheach a-mach, “Fheara Israeil, cuidichibh! Is e seo an duine a tha a' teagasg – dhan a h-uile neach sa h-uile àite – an aghaidh an t-sluaigh 's an lagha agus an àite seo; agus a bharrachd, thug e fiù 's Greugaich a-steach dhan Teampall agus tha e air an t-àite naomh seo a thruailleadh.”

<sup>29</sup>Oir roimhe seo bha iad air Trophimus an t-Ephèsianach fhaicinn còmhla ris sa bhaile, agus shaoil iad gu robh Pòl air esan a thoirt a-steach dhan teampall.

<sup>30</sup>An uair sin chaidh am baile gu lèir a bhrosnachadh, agus ruith an slugh còmhla. Ghabh iad grèim air Pòl is tharraing iad a-mach às an teampall e, agus sa bhad chaidh na geatachan a dhùnadh.

<sup>31</sup>Agus fhad 's a bha iad ag iarraidh a mharbhadh thàinig fios gu caiptean na rèiseamaid gun robh Ierusalem gu lèir ann am breisleach.

<sup>32</sup>Sa bhad thug e saighdearan is ceannardan-ceud leis agus ruith e sìos thuca. Agus nuair a chunnaic iad an caiptean is na saighdearan, sguir iad a thoirt bhuillean do Phòl.

<sup>33</sup>An uair sin thàinig an caiptean suas agus chuir e an grèim e agus dh'àithn e gum biodh e air a cheangal le dà shlabhraidh. Dh'fhaighnich e cò a bh' ann agus dè a bha e air a bhith a' dèanamh.

<sup>34</sup>Bha cuid san t-sluagh ag èigheach aon rud agus cuid rud eile, agus a chionn 's nach b' urrainn dha an fhìrinn fhaighinn a-mach air sgàth na h-ùpraid, dh'òrdaich e esan a thoirt dhan taigh-feachd.

<sup>35</sup>Agus nuair a thàinig e gu na steapaichean, chaidh a ghiùlain le na saighdearan air sgàth fòirneart an t-sluaigh,

<sup>36</sup>oir lean mòr-shluagh dhaoine, ag èigheach a-mach, “Air falbh leis!”

### **Pòl a' Bruidhinn ris an t-Sluagh**

<sup>37</sup>Fhad 's a bha Pòl gus a bhith air a thoirt a-steach dhan taigh-feachd, thuirt e ris a' chaiptean, “Am faod mi rud a ràdh riut?” Agus thuirt esan, “An aithne dhut Greugais?”

<sup>38</sup>Nach tusa an t-Èipheiteach, mar sin, a bhrosnaich ar-a-mach o chionn ghoirid agus a threòraich an ceithir mìle fear dhen luchd-murtaidh a-mach dhan fhàsach?”

<sup>39</sup>Fhregair Pòl, “Is Iùdhach mise o Tharsas ann an Cilicia, saoranach de bhaile nach eil suarach. Tha mi a' guidhe ort, ceadaich dhomh bruidhinn ris an t-sluagh.”

<sup>40</sup>Agus nuair a bha e air cead a thoirt dha, a' seasamh air na steapaichean, smèid Pòl le a làmhan ris an t-sluagh. Agus nuair a bha sàmhchair mhòr ann, bhruidhinn e riutha anns a' chànan Eabhrach, ag ràdh:

## Gnìomhan 22

- <sup>1</sup>“A bhràithrean is athraichean, cluinnibh a-nis an dìon a th' agam dhuibh.”
- <sup>2</sup>Agus nuair a chuala iad gun robh e a' bruidhinn riutha san dualchainnt Eabhrach, dh'fhàs iad na bu shàmhhaiche. Agus thuirt e,
- <sup>3</sup>“Is lùdhach mise, a rugadh ann an Tarsas ann an Cilicia, ach a bha air mo thogail sa bhaile seo, air m' oideachadh aig casan Ghamalieil a rèir modh teann lagh ar n-athraichean, eudmhor airson Dhè mar a tha sibhse uile an-diugh.
- <sup>4</sup>Rinn mi geur-leanmhainn gu bàs air an t-Slighe seo, a' ceangal is a' toirt thairis dhan phrìosan an dà chuid fireannaich is boireannaich,
- <sup>5</sup>mar as urrainn dhan àrd-shagart agus dhan chomhairle de dh'èildearan gu lèir fianais a thoirt. Uapasan fhuair mi litrichean gu na bràithrean, agus chaidh mi gu Damascas airson iadsan cuideachd a bha an sin a ghabhail agus an toirt ceangailte gu Ierusalem gus a bhith air am peanasachadh.
- <sup>6</sup>“Fhad 's a bha mi air mo shlighe 's a theann mi dlùth ri Damascas, mu mheadhan-latha gu grad dheàraich solas mòr o nèamh mun cuairt orm.
- <sup>7</sup>Agus thuit mi chun na talmhainn agus chuala mi guth ag ràdh rium, ‘A Shauil, a Shauil, carson a tha thu gam gheur-leanmhainn-sa?’
- <sup>8</sup>“Agus fhreagair mise, ‘Cò thu, a Thighearna?’ “Agus thuirt e rium, ‘Is mise Iosa o Nàsaret, air a bheil thusa a' dèanamh geur-leanmhainn.’
- <sup>9</sup>Ach chunnaic iadsan a bha còmhla rium an solas ach cha do thuig iad guth an aoin a bha a' bruidhinn riumsa.
- <sup>10</sup>“Agus thuirt mi, ‘Dè a nì mi, a Thighearna?’ “Agus thuirt an Tighearna rium, ‘Èirich, agus thalla a-steach a Dhamascas, agus an sin thèid innse dhut a h-uile sìon a th' air òrdachadh dhut a dhèanamh.’
- <sup>11</sup>Agus a chionn 's nach b' urrainn dhomh faicinn air sgàth soilleireachd an t-solais sin, chaidh mo threòrachadh air làimh leothasan a bha còmhla rium agus thàinig mi a-steach a Dhamascas.
- <sup>12</sup>“Agus thàinig fear àraidh thugam, Ananias, duine a bha cràbhach a rèir an lagha, 's aig an robh deagh ainm am measg nan lùdhach gu lèir a bha a' fuireach an sin,

**13** agus a' seasamh rim thaobh, thuirt e rium, 'A Shauil, faigh do fhradharc!' Agus an uair sin fhèin sheall mi suas is chunnaic mi e.

**14** "Agus thuirt esan, 'Shuidhich Dia ar n-athraichean thusa airson fios a bhith agad air a rùn-san agus airson an t-Aon Fìreanta fhaicinn is guth a chluinntinn às a bheul.

**15** Oir bidh thu nad fhianais aige dhan a h-uile neach air na tha thu air fhaicinn 's air a chluinntinn.

**16** Agus a-nis carson a tha thu a' feitheamh? Èirich agus bi air do bhaisteadh agus nigh air falbh do pheacaidhean, a' gairm air ainm-san.'

**17** "Agus thachair, nuair a thill mi gu Ierusalem 's a bha mi ag ùrnaigh san teampall, gun do thuit mi ann an neul

**18** agus chunnaic mi Esan ag ràdh rium, 'Dèan cabhag, agus thalla gu grad a-mach à Ierusalem, a chionn 's nach gabh iad rid fhianais mum dheidhinn-sa.'

**19** "Agus thuirt mise, 'A Thighearna, is aithne dhaib' fhèin gun do thilg mi ann am prìosan 's gun do dhochainn mi ann an sionagog às dèidh sionagoig iadsan a chreid annadsa.

**20** Agus nuair a bha fuil Steaphain, d' fhianais-sa, ga dòrtadh, bha mise mi fhèin nam sheasamh faisg air làimh agus ag aontachadh 's a' cumail sùil air aodach na feadhna a bha ga mharbhadh.'

**21** "Agus thuirt e rium, 'Thalla, oir cuiridh mise fad' air falbh thu gu na Cinnich.'"

### **Pòl an Saoranach Ròmanach**

**22** Dh'èist iad ris suas chun an fhacail seo. An uair sin thog iad an guthan ag ràdh, "Air falbh le a leithid de dhuine on talamh! Oir cha bu chòir gun deigheadh leigeil leis a bhith beò!"

**23** Agus fhad 's a bha iad ag èigheach 's a' tilgeil an cleòcan dhiubh 's a' sadail dust dhan adhar,

**24** dh'àithn an t-àrd-cheannard esan a thoirt dhan taigh-feachd, ag ràdh gum bu chòir dha a bhith air a cheasnachadh agus air a sgiùrsadh, gus faighinn a-mach carson a bha iad ag èigheach na aghaidh mar seo.

**25** Ach nuair a bha iad air a shìneadh a-mach airson nan iallan, thuirt Pòl ris a' cheannard-ceud a bha na sheasamh ri làimh, "A bheil e laghail dhuibhse duine a sgiùrsadh a tha na shaoranach Ròmanach agus gun e a bhith air a dhiteadh?"



<sup>26</sup>Nuair a chuala an ceannard-ceud seo, chaidh e chun an àrd-cheannard agus thuir e ris, “Dè a tha thu a' dol a dhèanamh? Oir is e saoranach Ròmanach a tha an seo.”

<sup>27</sup>Mar sin thàinig an t-àrd-cheannard agus thuir e ris, “Innis dhòmhsa: an e saoranach Ròmanach a th' annad?” Agus thuir esan, “S e.”

<sup>28</sup>Fhreagair an t-àrd-cheannard, “Cheannaich mise an t-saoranachd seo air suim mhòir.” Thuir Pòl, “Ach rugadh mise nam shaoranach.”

<sup>29</sup>Mar sin tharraing iadsan a bha gus a cheasnachadh air ais uaithe sa bhad, agus bha an t-eagal cuideachd air an àrd-cheannard, a chionn 's gun do thuig e gum b' e saoranach Ròmanach a bh' ann agus gun robh esan air a cheangal.

### Mu Choinneamh na Comhairle

<sup>30</sup>Ach air an ath latha, a' miannachadh am fìor adhbhar fhaighinn a-mach dìreach carson a bha e a' tighinn fo chasaid nan lùdhach, dh'fhuasgail e e agus dh'àithn e dha na h-àrd-shagartan 's dhan Chomhairle gu lèir cruinneachadh, agus thug e Pòl sìos is chuir e mun coinneamh e.

## Gnìomhan 23

<sup>1</sup>Agus a' geur-amharc air a' Chomhairle, thuir Pòl, “A bhràithrean, tha mi air mo bheatha mu choinneamh Dhè a chur seachad gus an latha an-diugh leis a h-uile deagh chogais.”

<sup>2</sup>Agus thug Ananias an t-àrd-shagart àithne dhaibhsan a sheas faisg air Pòl a bhualadh air a bheul.

<sup>3</sup>An uair sin thuir Pòl ris, “Tha Dia a' dol gad bhualadh-sa, a bhalla ghealaichte! A bheil thu a' suidhe airson breith a thoirt orm a rèir an lagha, ach fhathast, an aghaidh an lagha, ag òrdachadh gum bithinn-sa air mo bhualadh?”

<sup>4</sup>Thuir iadsan a sheas faisg air, “A bheil thusa a' càineadh àrd-shagart Dhè?”

<sup>5</sup>Agus thuir Pòl, “Cha robh fios agam, a bhràithrean, gun robh esan na àrd-shagart, oir tha e sgrìobhte, ‘Cha bhruidhinn thu gu h-olc mu riaghladair do shluaigh.’”

<sup>6</sup>A-nis nuair a thuig Pòl gun robh aon chuid dhiubh nan Sadusaich agus a' chuid eile nam Pharasaich, dh'èigh e a-mach dhan Chomhairle, “A bhràithrean, tha mise nam Pharasach, nam mhac Pharasaich. Is ann air sgàth dòchais agus aiseirigh o na mairbh a tha mi fo dheuchainn.”

<sup>7</sup>Agus nuair a bha e air seo a ràdh, dh'èirich eas-aonta eadar na Pharasaich is na Sadusaich, agus bha an co-chruinneachadh air a roinn.

<sup>8</sup>Oir tha na Sadusaich ag ràdh nach eil aiseirigh ann, no aingeal, no spiorad, ach tha na Pharasaich gan aideachadh gu lèir.

<sup>9</sup>An uair sin dh'èirich gleadhraich mhòr, agus sheas cuid de phàrtaidh nam Pharasach suas agus chùm iad a-mach, “Chan eil sinne a' faighinn coire sam bith san duine seo. Dè ma bhruidhinn spiorad no aingeal ris?”

<sup>10</sup>Agus nuair a dh'fhàs an eas-aonta fòirneartach, fo eagal gum biodh Pòl air a tharraing às a chèile leotha, dh'àithn an t-àrd-cheannard dha na saighdearan a dhol sìos 's a thoirt air falbh om measg le làimh làidir, agus a thoirt a-steach dhan taigh-feachd.

<sup>11</sup>Ach an ath oidhche sheas an Tighearna faisg air, agus thuirt e, “Biodh deagh mhisneachd agad, oir mar a thug thu fianais air an fhìrinn mum dheidhinn-sa ann an Ierusalem; mar sin feumaidh tu fianais a thoirt san Ròimh cuideachd.”

### **An Innleachd gus Pòl a Mharbhadh**

<sup>12</sup>Nuair a thàinig an latha, rinn na h-lùdhaich innleachd agus cheangail iadsan iad fhèin fo bhòid: nach itheadh no nach òladh iadsan gus am marbhadh iad Pòl.

<sup>13</sup>Agus bha barrachd air ceathrad ann a rinn an innleachd seo.

<sup>14</sup>Chaidh iad gu na h-àrd-shagartan agus na h-èildearan is thuirt iad, “Tha sinne air sinn fhèin a cheangal gu teann le bòid nach blais sinn biadh sam bith gus am marbh sinn Pòl.

<sup>15</sup>A-nis, mar sin, thoiribh-se, cuide ris a' Chomhairle, fios dhan àrd-cheannard esan a thoirt a-nuas thugaibh, mar gum biodh sibh a' dol a dh'fhaighinn a-mach a chùise-san nas mionaidiche. Agus tha sinne deiseil airson a mharbhadh mus ruig e.”

<sup>16</sup>A-nis chuala mac piuthar Phòil mun fheall-fheitheamh aca, agus dh'fhalbh e is thàinig e a-steach dhan taigh-feachd is dh'innis e do Phòl.

<sup>17</sup>Ghairm Pòl air aon dhe na ceannardan-ceud agus thuirt e, “Thoir an duine òg seo chun an àrd-cheannaird, oir tha rudeigin aige ri innse dha.”

<sup>18</sup>Mar sin thug e leis e agus thug e chun an àrd-cheannaird e. Agus thuirt e, “Ghairm Pòl, am prìosanach, orm agus dh'fhaighnich e dhomh an toirinn an duine òg seo thugad, oir tha rudeigin aige ri ràdh riut.”

<sup>19</sup>Rug an t-àrd-cheannard air a làimh, agus a' dol gu aon taobh dh'fhaighnich e dha, “Dè a th' agad ri innse dhomh?”

<sup>20</sup>Agus thuirt e, “Tha na h-lùdhaich air aontachadh iarraidh ort gun tèid Pòl a thoirt sìos chun na Comhairle a-màireach, mar gum biodh iad a' dol a dh'fhaighneachd na bu mhionaidiche ma dheidhinn.

**21**Ach na bi air do chur fo ìmpidh leotha, oir tha barrachd air ceathrad dhe na fir aca a' dèanamh feall-fheitheamh air a tha air iad fhèin a cheangal tro bhòid nach ith is nach òl iad gus am marbh iad e. Agus a-nis tha iad deiseil, a' feitheamh air do chead-sa.”

**22**Mar sin chuir an t-àrd-cheannard air falbh am fear òg, ag àithne dha, “Na can ri neach sam bith gun do dh'innis thu na rudan seo dhòmhsa.”

### **Pòl air a Ghluasad gu Cesarèa**

**23**An uair sin ghairm e air dithis dhe na ceannardan-ceud agus thuirt e, “Ullaichibh dà cheud saighdear, le seachdad marcaiche agus dà cheud fear-sleagha airson a dhol gu Cesarèa aig naoi san oidhche.

**24**Agus ullaichibh eich airson 's gum marcaich Pòl orra, agus gun toir iad gu sàbhailte e chun an uachdarain Felics.”

**25**Agus sgrìobh e litir coltach ris a seo:

**26**A Chlaudius Lisiais, Chun an Riaghladair as uaisle Felics: Fàilte.

**27**Chaidh an duine seo a ghlacadh leis na h-lùdhaich agus bha e gus a bhith air a mharbhadh leotha nuair a thàinig mise orra le saighdearan agus a shàbhail mi e, às dèidh dhomh faighinn a-mach gum b' e Ròmanach a bh' ann.

**28**Agus ag iarraidh a' chasaid sin fhaighinn a-mach, a b' adhbhar gun robh iad ga dhìtheadh, thug mi sìos e chun na Comhairle acasan.

**29**Fhuair mi a-mach gun robh casaid ga cur air mu cheistean co-cheangailte ris an lagh aca, ach gun dad air a chur às a leth a bha airidh air bàs no prìosan.

**30**Nuair a chaidh innse dhomh gum biodh innleachd ann an aghaidh an duine, chuir mi thugadsa e sa bhad, ag àithne cuideachd na th' aca na aghaidh a chur an cèill mud choinneamh-sa.

**31**Mar sin thug na saighdearan Pòl leotha a rèir mar a chaidh àithne dhaibh, agus thug iad air an oidhche gu Antipatris e.

**32**Agus air an ath latha thill iad chun an taigh-feachd, a' leigeil le na marcaichean a dhol air adhart leis.

**33**Nuair a bha iad air tighinn gu Cesarèa agus air an litir a thoirt dhan riaghladair, nochd iad Pòl cuideachd ma choinneamh.

**34**Nuair a leugh an riaghladair an litir, dh'fhaighnich e cò an roinn às an robh e. Agus nuair a fhuair e a-mach gum b' ann a Cilicia a bha e,

**35**thuirt e, “Bheir mi èisteachd dhut nuair a ruigeas do luchd-casaid.” Agus dh'àithn e gum biodh esan air a chur fo fhaire ann an prìomh-àros Heroid.

## Gnìomhan 24

### A' Chùirt mu choinneamh Fhelics

- <sup>1</sup>Agus às dèidh còig latha thàinig Ananias an t-àrd-shagart sìos còmhla ri cuid de dh'èildearan agus ri fear-lagha àraidh dham b' ainm Tertullus, agus thug iad casaidean chun an riaghladair an aghaidh Phòil.
- <sup>2</sup>Agus nuair a chaidh a ghairm, thòisich Tertullus air casaidean a chur air, ag ràdh, “On a tha sinn tromhadsa a' mealtainn tòrr sìth, Fhelics uasail, agus air sgàth do ro-sheallaidh gu bheil ath-leasachaidhean air an dèanamh airson an nàisein seo,
- <sup>3</sup>anns a h-uile dòigh 's anns a h-uile h-àite, tha sinn a' gabhail ri seo leis gach taingealachd.
- <sup>4</sup>Ach airson 's nach cùm mi air ais nas fhaide thu, tha mi a' guidhe ort nad choibhneas èisteachd ghoirid a thoirt dhuinn.
- <sup>5</sup>“Oir fhuair sinn am fear seo na phlàigh, fear a tha a' brosnachadh ùpraidhean am measg nan lùdhach uile air feadh an t-saoghal 's a tha na cheann-feadhna de bhuidheann nan Nàsarènach.
- <sup>6</sup>Agus dh'fheuch e fiù 's ris an teampall a mhì-naomhachadh, ach ghlac sinne e. Bha sinn ag iarraidh breith a thoirt air a rèir ar lagha fhèin.
- <sup>7</sup>Ach thàinig Liasias an t-àrd-cheannard an taobh againne, agus le fòirneart mhòr thug e às ar làmhan e,
- <sup>8</sup>ag àithne dhan luchd-casaid aige tighinn thugadsa. Le bhith ga cheasnachadh thu fhèin bidh thu an comas faighinn a-mach mu na rudan seo uile a tha sinn a' cur às a leth.”
- <sup>9</sup>Ghabh na h-lùdhaich cuideachd pàirt anns a' chasaid, ag ràdh gun robh na rudan seo uile mar sin.
- <sup>10</sup>Agus nuair a bha an riaghladair air smèideadh thuige airson 's gum bruidhneadh e, fhreagair Pòl, “A chionn 's gu bheil fios agam gu bheil thusa air a bhith nad bhritheamh thairis air a' chinneadh seo airson mòran bhliadhnaichean, tha mi gam dhìon fhèin gu sunndach.
- <sup>11</sup>'S urrainn dhuibh dearbhadh nach eil barrachd air dà latha dheug on a chaidh mi suas gu Ierusalem a dhèanamh adhradh,
- <sup>12</sup>agus cha d' fhuair iad mi a' dèanamh connspaid le neach sam bith no a' brosnachadh an t-sluaigh, an aon chuid anns an teampall no anns na sionagogan no anns a' bhaile.
- <sup>13</sup>Cha mhotha as urrainn dhaibh dearbhadh dhut na tha iad a-nis a' togail nam aghaidh.

**14** Ach seo tha mi ag aideachadh riut, gur ann a rèir na Slighe sin, ris an can iadsan buidheann saobh-chreidmheach, a tha mi ag adhradh do Dhia ar n-athraichean, a' creidsinn a h-uile rud a tha a rèir an Lagha is nam Fàidhean,

**15** le dòchas ann an Dia, a tha na daoine seo iad fhèin a' gabhail ris, gum bi aiseirigh ann, an dà chuid dhe na fireanan is dhe na neo-fhìreanan.

**16** Mar sin tha mi an-còmhnaidh a' dèanamh mo dhìchill cogais neoichiontach a bhith agam a thaobh Dhè agus dhaoine.

**17** “A-nis às dèidh iomadh bliadhna thàinig mi airson dèirce is tabhartasan a thoirt dham nàisean.

**18** Fhad 's a bha mi a' dèanamh seo, fhuair iad mi air mo ghlanadh san teampall, às aonais sluaigh sam bith no ùpraid.

**19** Ach bha lùdhaich àraidh à Àisia ann – a bu chòir a bhith mud choinneamh-sa airson casaid a dhèanamh, nam b' e 's gun robh dad sam bith aca nam aghaidh.

**20** No canadh na daoine seo fhèin dè an t-eu-ceart a fhuair iad nuair a sheas mi mu choinneamh na Comhairle,

**21** a bharrachd air an aon rud seo a dh'èigh mi a-mach fhad 's a sheas mi nam measg: ‘Is ann air sgàth na h-aiseirigh o na mairbh a tha mi fo dheuchainn mur coinneamh an-diugh.’”

**22** Ach chuir Felics dàil air cùisean, a chionn 's gun robh fios na bu mhionaidiche aige air an t-Slighe, ag ràdh, “Nuair a thig Lisias an t-àrd-cheannard a-nuas, nì mi co-dhùnadh mur cùis.”

**23** An uair sin thug e àithntean dhan cheannard-ceud gum bu chòir a chumail an grèim ach gum biodh beagan saorsa aige, agus nach robh a charaidean ri bhith air am bacadh o fhrithealadh a dhèanamh dha fheuman.

**24** Às dèidh cuid de làithean thàinig Felics le a bhean Drusilla, a bha na ban-lùdhach, agus chuir e a dh'iarraidh Phòil is chuala e esan a' bruidhinn mu chreideamh ann an Crìosd Ìosa.

**25** Agus fhad 's a reusanaich esan mu fhìreantachd is mu fhèin-smachdachadh is mun bhreitheanas a tha ri thighinn, ghabh Felics eagal mòr, agus thuirt e, “Thalla an-dràsda. Nuair a gheibh mi cothrom cuiridh mi fios ort.”

**26** Aig an aon àm bha e an dòchas gun deigheadh airgead a thoirt dha le Pòl. Mar sin chuir e fios air gu tric agus bhruidhinn e ris.

<sup>27</sup>Nuair a bha dà bhliadhna air a dhol seachad, ghabh Porcius Festus àite Fhelics. Agus a' miannachadh fàbhar a dhèanamh dha na h-lùdhaich, dh'fhàg Felics Pòl sa phrìosan.

## Gnìomhan 25

### A' Chùirt mu choinneamh Fhestuis

<sup>1</sup>A-nis trì latha às dèidh do dh'Fhestus an roinn a ruigsinn, chaidh e suas gu Ierusalem o Chesarèa.

<sup>2</sup>Agus shìn an t-àrd-shagart agus prìomh fhir nan lùdhach a-mach a' chùis aca an aghaidh Phòil, agus dh'earalaich iad e,

<sup>3</sup>ag iarraidh, mar fhàbhar an aghaidh Phòil, gun cuireadh e air a shon gu Ierusalem – a chionn 's gun robh iad ag ullachadh feall-fheitheamh airson a mharbhadh air an t-slighe.

<sup>4</sup>Fhreagair Festus gun robh Pòl air a chumail ann an Cesarèa agus gun robh esan e fhèin gus a dhol an sin a dh'aithghearr.

<sup>5</sup>“Mar sin,” ars esan, “rachadh na ceannardan nur measg sìos còmhla riumsa, agus ma tha dad ceàrr mun duine, thugadh iad casaidean na aghaidh.”

<sup>6</sup>Às dèidh dha ùine nach b' fhaide na ochd no deich latha a chur seachad còmhla riutha, chaidh e sìos gu Cesarèa. Agus an ath latha ghabh e cathair a' bhreitheanais agus dh'àithn e gum biodh Pòl air a thoirt ma choinneamh.

<sup>7</sup>Nuair a bha e air ruigsinn, sheas na h-lùdhaich a thàinig a-nuas o Ierusalem mu thimcheall-san, a' toirt chasaidean lìonmhor agus trom-chùiseach na aghaidh, nach b' urrainn dhaibh a dhearbhadh.

<sup>8</sup>Rinn Pòl argamaid ga dhìon fhèin: “Cha do rinn mi eucoir an aghaidh lagh nan lùdhach, no an aghaidh an teampaill, no an aghaidh Chèasair.”

<sup>9</sup>Ach, a' miannachadh fàbhar a dhèanamh dha na h-lùdhaich, thuirt Festus ri Pòl, “Am miann leat a dhol suas gu Ierusalem agus an sin a bhith air d'fheuchainn mu na casaidean seo mum choinneamh-sa?”

<sup>10</sup>Ach thuirt Pòl, “Tha mi a' seasamh mu choinneamh cathair breitheanais Chèasair, far am bu chòir dhomh a bhith air m'fheuchainn. Air na h-lùdhaich cha do rinn mi eucoir sam bith, mar as aithne dhutsa glè mhath.

<sup>11</sup>Mar sin, mas e eucorach a tha annamsa agus gu bheil mi air rud sam bith a dhèanamh a tha gam fhàgail airidh air bàs, chan eil mi a' sireadh bàs a sheachnadh. Ach mura h-eil sìon anns na casaidean aca nam aghaidh, chan urrainn neach sam bith mo thoirt thairis dhaibh. Tha mi ag ath-agairt gu Cèasar!”

**12**An uair sin, nuair a bha Festus air bruidhinn ris a' chomhairle aige, fhreagair e, “Gu Cèasar tha thu air ath-agairt a dhèanamh. Gu Cèasar thèid thu!”

### **Festus a' Gabhail Comhairle an Rìgh Agripa**

**13**A-nis nuair a bha beagan làithean air a dhol seachad ràinig an rìgh Agripa is Bernice Cesarèa agus chuir iad fàilte air Festus.

**14**Agus on a dh'fhan iad mòran làithean an sin mhìnich Festus cùis Phòil dhan rìgh, ag ràdh, “Tha duine àraidh ann a chaidh fhàgail na phrìosanach le Felics;

**15**agus nuair a bha mi ann an Ierusalem, thug an t-àrd-shagart is na h-èildearan casaidean na aghaidh, ag iarraidh binn-dìtidh na aghaidh.

**16**“Fhreagair mi iad nach e cleachdadh nan Ròmanach cuideigin a thoirt thairis mus coinnich an neach a tha fo chasaid an luchd-casaid aghaidh ri aghaidh, agus gum bi cothrom aige e fhèin a dhìon a thaobh na casaid a th' air a cur na aghaidh.

**17**Mar sin nuair a thàinig iad còmhla an seo, cha do rinn mi dàil sam bith, ach air an ath latha shuidh mi air a' chathair-breitheanais agus dh'àithn mi gum biodh an duine air a thoirt an làthair.

**18**Nuair a sheas an luchd-casaid suas, cha tug iad casaid sam bith na aghaidh dhe na h-uilc a shùilich mise.

**19**An àite sin, bha puingean connspaid sònraichte aca leis mun chreideamh aca fhèin agus mu Ìosa àraidh, a bha marbh, ach a chum Pòl a-mach a tha beò.

**20**A chionn 's gun robh mi fo imcheist a thaobh ciamar a rannsaichinn na ceistean seo, dh'fhaighnich mi dha an robh e deònach a dhol gu Ierusalem agus a dhol fo bhreitheanas mu na gnothaichean seo.

**21**Ach nuair a rinn Pòl ath-agairt airson a bhith air a chumail an grèim gus an tigeadh roghainn na h-Ìmpire, dh'àithn mi gum biodh a e air a chumail fo ghrèim gus an cuirinn gu Cèasar e.”

**22**An uair sin thuir Agripa ri Festus, “Bu toigh leamsa an duine a chluinntinn mi fhèin.” “A-màireach,” thuir esan, “cluinnidh tu e.”

### **Pòl mu choinneamh Agripa**

**23**Mar sin an ath latha thàinig Agripa agus Bernice le mòr-ghreadhnachas, agus chaidh iad a-steach do thalla an luchd-èisteachd còmhla ri àrd-cheannardan an airm agus prìomh fhir a' bhaile. An uair sin, air àithne Fhestuis, chaidh Pòl a thoirt a-steach.

<sup>24</sup>Thuir Festus, “A rìgh Agripa agus sibhse uile a tha an làthair còmhla rinn, tha sibh a' faicinn an duine seo mun do chuir an sluagh lùdhach gu lèir ìmpidh ormsa, an dà chuid ann an Ierusalem agus an seo, ag èigheach nach bu chòir dha a bhith beò nas fhaide.

<sup>25</sup>Ach fhuair mise a-mach nach do rinn e rud sam bith a bha airidh air bàs. Agus a chionn 's gun do dh'ath-agair esan e fhèin chun an Ìmpire, chuir mi romham a chur thuige.

<sup>26</sup>Ach chan eil sìon cinnteach agam ri sgrìobhadh gum thighearna ma dheidhinn-san. Mar sin tha mi air a thoirt mur coinneamh uile, agus gu sònraichte mud choinneamh-sa, a rìgh Agripa, airson 's, às dèidh dhuinn a cheasnachadh, gum bi rudeigin agam ri sgrìobhadh.

<sup>27</sup>Oir tha e a' coimhead mì-reusanta dhòmhsa a bhith a' cur prìosanach thuige, gun a bhith a' comharrachadh nan casaidean a tha na aghaidh.”

## Gnìomhan 26

<sup>1</sup>Mar sin thuir Agripa ro Pòl, “Tha cead agad bruidhinn air do shon fhèin.” An uair sin shìn Pòl a-mach a làmh agus bhruidhinn e ga dhìon fhèin:

<sup>2</sup>“Tha mi gam mheas fhèin fortanach gur ann mud choinneamh-sa, a rìgh Agripa, a tha mi a' dol gam dhìon fhèin an-diugh an aghaidh uile chasaidean nan lùdhach,

<sup>3</sup>gu h-àraid a chionn 's gu bheil thusa eòlach air uile chleachdaidhean is chonnsaidean nan lùdhach. Mar sin tha mi a' guidhe ort, èist rium gu foighidneach.

<sup>4</sup>“Tha eòlas aig na h-lùdhaich uile air mo chaitheamh-beatha-sa om òige, air a chur seachad bhon toiseach am measg mo nàisein fhèin ann an Ierusalem.

<sup>5</sup>Tha fios air a bhith aca airson ùine mhòir, ma tha iad deònach fianais a thoirt, gu bheil mi air a bhith beò, a rèir a' bhuidheinn as teinne dhe ar creideamh, nam Pharasach.

<sup>6</sup>Agus a-nis tha mi nam sheasamh an seo fo dheuchainn air sgàth mo dhòchais sa ghealladh a chaidh a dhèanamh le Dia dhar n-athraichean;

<sup>7</sup>'s e seo a tha an dà threubh dheug againne ag iarraidh fhaighinn, a' dèanamh seirbheis dhùrachdaich a latha 's a dh'oidhche. Agus airson an dòchais seo, a rìgh, tha mise fo chasaid leis na h-lùdhaich.

<sup>8</sup>Carson a tha e air a shaoilsinn do-chreidsinneach nur measg gu bheil Dia a' togail nam marbh?

<sup>9</sup>“Mar sin bha mise mi fhèin cinnteach gum bu chòir dhomh mòran rudan a dhèanamh an aghaidh ainm Ìosa o Nàsaret.



**10** Agus is e sin a rinn mi ann an Ierusalem. Cha b' e a-mhàin gun do ghlais mi mòran dhe na naoimh ann am prìosain às dèidh ùghdarras fhaighinn o na h-àrd-shagartan, ach nuair a chaidh an cur gu bàs bhòt mi nan aghaidh.

**11** Agus pheanasaich mi tric iad anns na sionagogan uile agus dh'fheuch mi ri toirt orra toibheum a dhèanamh, agus ann am boire caoich nan aghaidh rinn mi geur-leanmhainn orra fiù 's gu bailtean coimheach.

**12** “Agus an sàs ann an seo rinn mi mo shlighe gu Damascas le ùghdarras is barantas nan àrd-shagart.

**13** Mu mheadhan-latha, a rìgh, chunnaic mi air an t-slighe solas o nèamh, na bu shoilleire na a' ghrian, a' deàradh timcheall ormsa agus orrasan a bha a' siubhal còmhla rium.

**14** Agus nuair a bha sinn uile air tuiteam chun na talmhainn, chuala mi guth ag ràdh rium anns a' chànan Eabhrais, ‘A Shauil, a Shauil, carson a tha thu gam gheur-leanmhainn-sa? Tha e cruaidh dhutsa a bhith a' breabadh an aghaidh nan dealg.’

**15** “Agus thuirt mise, ‘Cò thu, a Thighearna?’ “Agus thuirt an Tighearna, ‘Is mise Iosa a tha thusa a' geur-leanmhainn.

**16** Ach èirich agus seas air do chasan, oir tha mise air nochdadh dhut air an adhbhar seo, airson do shuidheachadh mar sheirbheiseach is mar fhianais dha na rudan anns am faca tu mi agus dha na rudan anns am foillsich mi mi fhèin dhut,

**17** gad shaoradh od shluagh fhèin agus o na Cinnich. Tha mi gad chur thucasan

**18** agus an sùilean fhosgladh, airson 's gum faod iad tionndadh o dhorchadas gu solas, o chumhachd Shàtain gu Dia, airson 's gum faod iad mathanas pheacaidhean fhaighinn agus àite am measg na feadhna a th' air an naomhachadh tro chreideamh annamsa.’

**19** Mar sin, a rìgh Agripa, cha robh mi eas-umhail dhan t-sealladh nèamhaidh,

**20** ach chuir mi an cèill an toiseach dhaibhsan ann an Damascas, an uair sin ann an Ierusalem agus tro roinn Iudèa gu Ièir, agus cuideachd dha na Cinnich, gum bu chòir dhaibh aithreachas a dhèanamh is tionndadh gu Dia, a' dèanamh ghnìomhan a fhreagras air an aithreachas aca.

**21** Air an adhbhar seo ghlac na h-Iùdhaich mi san teampall agus dh'fheuch iad rim mharbhadh.

**22** Chun an latha an-diugh tha an cuideachadh air a bhith agam a tha a' tighinn o Dhia, agus mar sin tha mi nam sheasamh an seo a' toirt fianais do

bheag is do mhòr, gun sìon a ràdh ach na thuirt na fàidhean is Maois a thachradh,

<sup>23</sup>gum feumadh an Crìosd fulang agus, mar a' chiad neach ag èirigh o na mairbh, gun cuireadh e an cèill solas an dà chuid dhar sluagh-ne agus dha na Cinnich.”

<sup>24</sup>Agus fhad 's a bha e ag ràdh na rudan seo ga dhìon fhèin, thuirt Festus ann an guth àrd, “A Phòil, tha thu às do rian. Tha do mhòr-fhoghlam gad chur às do rian!”

<sup>25</sup>Ach thuirt esan, “Chan eil mi às mo rian, Fhestuis as uaisle, ach tha mi ag ràdh briathran fìor is ciallach.

<sup>26</sup>Oir is aithne dhan rìgh mu na rudan seo, agus ris-san tha mi a' bruidhinn gu dàn. Oir tha mi cinnteach nach eil gin dhe na rudan seo falaichte bhon mhothachadh aige, oir cha deach seo a dhèanamh ann an oisean.

<sup>27</sup>A rìgh Agripa, a bheil thu a' creidsinn nam fàidhean? Tha fios agam gu bheil.”

<sup>28</sup>Agus thuirt Agripa ri Pòl, “Ann an ùine ghoirid an iompaicheadh tu mi gus a bhith nam Chrìosdaidh?”

<sup>29</sup>Agus thuirt Pòl, “Ge b' ann fada no goirid, lùiginn do Dhia gun tigeadh chan e a-mhàin thusa ach cuideachd iadsan uile a tha ag èisteachd rium air an latha seo gus a bhith mar a tha mise – ach às aonais nan slabhraidh seo.”

<sup>30</sup>An uair sin dh'èirich an rìgh 's an riaghladair 's Bernice agus iadsan a bha nan suidhe còmhla riutha.

<sup>31</sup>Agus nuair a bha iad air falbh, thuirt iad ri càch-a-chèile, “Chan eil an duine seo a' dèanamh dad sam bith a tha airidh air bàs no air prìosan.”

<sup>32</sup>Agus thuirt Agripa ri Festus, “Dh'fhaodadh gun robh an duine seo air a bhith air a shaoradh mura b' e gun do dh'ath-agair e gu Cèasar.”

## Gnìomhan 27

### Pòl a' Seòladh dhan Ròimh

<sup>1</sup>Agus nuair a chaidh a roghnachadh gum bu chòir dhuinne seòladh airson na h-Eadailte, thug iad Pòl agus cuid de phrìosanaich eile thairis do cheannard-ceud dham b' ainm Iulius de Rèisimeid Augustuis.

<sup>2</sup>Agus a' dol air soitheach à Adramitium, a bha gus seòladh gu puirt ri oirthir na h-Àisia, chuir sinn gu muir agus còmhla rinn bha Aristarchus, Macedònach o Thesalonìca.

<sup>3</sup>An ath latha chuir sinn a-steach aig Sìdon; agus dhèilig Iulius ri Pòl gu coibhneil agus thug e cead dha a dhol gu a charaidean agus cùram fhaighinn.

<sup>4</sup>Agus a' seòladh à sin sheòl sinn fo fhasgadh Chìoprais a chionn 's gun robh na gaothan nar n-aghaidh.

<sup>5</sup>Agus nuair a bha sinn air seòladh thairis air an fhairge fhosgailte ri oirthir Chìlicia is Phamphilia, thàinig sinn gu Mira ann an Licia.

<sup>6</sup>An sin lorg an ceannard-ceud soitheach à Alecsandria a' seòladh dhan Eadailt agus chuir e sinne air bòrd.

<sup>7</sup>Sheòl sinn gu slaodach airson mòran làithean agus ràinig sinn le duilgheadas mu choinneamh Chnidais, agus a chionn 's nach do leig a' ghaoth leinn a dhol na b' fhaide, sheòl sinn fo fhasgadh Chrete mu choinneamh Shalmone.

<sup>8</sup>A' seòladh ri fad na h-oirthir aige le duilgheadas, thàinig sinn gu àite ris an canar Na Calaidhean Maiseach, faisg air far an robh baile Lasea.

<sup>9</sup>On a bha mòran ùine air a dhol seachad, agus an t-seòladaireachd a-nis cunnartach, a chionn 's gun robh fiù 's an Trasg seachad mu thràth, thug Pòl comhairle dhaibh,

<sup>10</sup>ag ràdh, “Fheara, tha mi a' toirt fa-near gum bi milleadh is call mòr san turas seo, chan ann a-mhàin dhen bhathar is dhen t-soitheach, ach cuideachd dher beathannan fhèin.”

<sup>11</sup>Ach thug an ceannard-ceud barrachd aire dhan stiùireadair is do dh'fhear-seilbh na soithich na dha na bha Pòl ag ràdh.

<sup>12</sup>Agus a chionn 's nach robh an cala freagarrach airson geamhrachadh ann, chuir a' mhòr-chuid romhpa seòladh à sin, nam b' urrainn dhaibh air dhòigh air choreigin Phenice a ruigsinn, cala le Crete a bha a' coimhead an dà chuid an iar-dheas agus an iar-thuath, agus geamhrachadh an sin.

### **An Stoirm**

<sup>13</sup>A-nis nuair a shèid a' ghaoth a deas gu socair, 's iad a' saòilsinn gun d' fhuair iad an rùn, thog iad acaire is sheòl iad ri fad Chrete, faisg air an oirthir.

<sup>14</sup>Ach an ceann beagan ùine dhian-shèid gaoth fhòirneartach, dham b' ainm “an ear-thuathach,” sìos on tìr.

<sup>15</sup>Agus nuair a chaidh an soitheach a ghlacadh is nach b' urrainn dhith a dhol an aghaidh na gaoithe, ghèill sinn dhi 's chaidh ar sèideadh air adhart.

<sup>16</sup>A' ruith fo fhasgadh eilein bhig dham b' ainm Cauda, is ann air èiginn a rinn sinn geòla na soithich tèarainte.

**17**Às dèidh a togail suas, chleachd iad a h-uile seòrsa taic airson an soitheach a shàbhaladh. An uair sin air eagal 's gun deigheadh iad air a' ghainmhich air tìr Shirtis, leag iad an uidheam agus mar sin chaidh an sèideadh air adhart.

**18**On a bha sinn air ar caith gu fòirneartach leis an stoirm, an ath latha thòisich iad air am bathar a thilgeil a-mach.

**19**Agus air an treas latha thilg iad acainn na soithich a-mach air a cliathaich len làmhan fhèin.

**20**Nuair nach do nochd grian no rionnagan airson mòran làithean, agus gun robh stoirm nach bu bheag a' laighe oirnn, chaidh a h-uile dòchas gun deigheadh ar sàbhaladh mu dheireadh thall a thrèigsinn.

**21**Nuair a bha iad air a bhith gun bhiadh airson ùine mhòir, sheas Pòl suas nam measg is thuirt e, “Fheara, bu chòir dhuibh a bhith air èisteachd riumsa agus gun seòladh à Crete 's air am milleadh 's an call mòr seo a sheachnadh.

**22**Tha mi a' guidhe oirbh misneachd a bhith agaibh, oir cha bhi call beatha sam bith nur measg, ach a-mhàin dhen t-soitheach.

**23**Oir air an oidhche seo fhèin sheas rim thaobh aingeal dhen Dia dham buin mi agus dha bheil mi ag adhradh,

**24**ag ràdh, ‘Na biodh eagal ort, a Phòil; feumaidh tu seasamh mu choinneamh Chèasair; agus seall, tha Dia air iadsan uile a thoirt dhut a tha a' seòladh còmhla riut.’

**25**Mar sin biodh misneachd agaibh, fheara, oir tha creideamh agamsa ann an Dia gum bi e dìreach mar a chaidh innse dhomh.

**26**Ach feumaidh sinn a dhol air tìr air eilean air choreigin.”

### **An Long-Bhriseadh**

**27**Nuair a bha an ceathramh oidhche deug air tighinn, fhad 's a bha sinne gar sèideadh thairis air a' Mhuir Adriataich, mu mheadhan-oidhche bha amharas air na seòladairean gun robh iad a' tighinn faisg air tìr.

**28**Mar sin leig iad sìos an luaidh agus fhuair iad fichead aitheamh. Beagan na b' fhaide air adhart leig iad sìos an luaidh a-rithist, agus fhuair iad còig aitheamhan deug.

**29**Fo eagal gun deigheadh sinn air na creagan, leig iad sìos ceithir acraichean o dheireadh na soithich, agus rinn iad ùrnaigh airson briseadh an latha.

**30**Agus fhad 's a bha na seòladairean a' feuchainn ri teicheadh on t-soitheach, 's a bha iad air geòla an t-soithich a leigeil sìos dhan mhuir, a' leigeil orra gun robh iad a' tilgeil a-mach acraichean à toiseach na soithich,

**31**thuirt Pòl ris a' cheannard-ceud agus ris na saighdearan, “Mura fan an fheadhainn sin air an t-soitheach, chan urrainn dhuibh a bhith air ur sàbhaladh.”

**32**An uair sin gheàrr na saighdearan ròpaichean na geòla, agus leig iad leatha tuiteam air falbh.

**33**Fhad 's a bha an latha gus briseadh chuir Pòl ìmpidh orra biadh a ghabhail, ag ràdh, “Is e an-diugh an ceathramh latha deug a tha sibh air leantainn oirbh fo theagamh agus às aonais bìdh, gun sìon a ghabhail.

**34**Mar sin tha mi a' cur ìmpidh oirbh uile biadh a ghabhail air sgàth ur slàinte, oir chan eil fuiltean o cheann aoine agaibh gu bhith air a chall.”

**35**Agus nuair a bha e air na rudan seo a ràdh, ghlac e aran, agus a' toirt taing do Dhia mun coinneamh gu lèir bhris e e agus thòisich e air ithe.

**36**An uair sin bha iad uile air am misneachadh agus dh'ith iad biadh iad fhèin.

**37**Bha sinn san t-soitheach nar

**276** anman gu lèir.

**38**Agus nuair a bha iad air gu leòr ithe, dh'aotromaich iad an soitheach, a' tilgeil a' chruithneachd a-mach dhan mhuir.

**39**A-nis nuair a bha an latha ann, cha do dh'aithnich iad an tìr, ach mhothaich iad do bhàgh le tràigh, agus chuir iad romhpa an soitheach a ruith air a' chladach nam b' urrainn dhaibh.

**40**Mar sin gheàrr iad saor na h-acraichean, agus dh'fhàg iad sa mhuir iad; aig an aon àm dh'fhuasgail iad na ròpaichean a cheangail na stiùirean. An uair sin, a' togail an seòl-toiseach ris a' ghaoith rinn iad air an tràigh.

**41**Ach a' bualadh sgeir, ruith iad an soitheach air grunn. Bhuail an toiseach agus dh'fhan e gun ghluasad, agus bha an deireadh ga bhriseadh le cumhachd nan tonn.

**42**Bha na saighdearan am beachd na prìosanaich a mharbhadh, mus snàmhadh gin dhiubh air falbh 's gun teicheadh iad.

**43**Ach, ag iarraidh Pòl a shàbhaladh, chùm an ceannard-ceud iad bhom beachd a chur an gnìomh. Dh'àithn e dhaibhsan dham b' aithne snàmh iad fhèin a thilgeil thar na cliathaich an toiseach is dèanamh air tìr,

**44**agus an còrr air bùird no air pìosan dhen t-soithich. Agus mar sin thachair gun deach iad uile a thoirt sàbhailte gu tìr.

## Gnìomhan 28

### Air Tìr aig Malta

- <sup>1</sup>Nuair a bha sinn air ar sàbhaladh, fhuair sinn a-mach an uair sin gum b' e ainm an eilein Malta.
- <sup>2</sup>Sheall na tùsanaich coibhneas neo-àbhaisteach dhuinn, oir las iad teine is chuir iad fàilte oirnn uile, a chionn 's gun robh an t-uisge air tòiseachadh agus gun robh i fuar.
- <sup>3</sup>Nuair a bha Pòl air dòrlach bhioran a chruinneachadh 's air an cur air an teine, thàinig nathair-nimhe a-mach air sgàth an teas is ghabh i grèim air a làimh.
- <sup>4</sup>Nuair a chunnaic na tùsanaich an creutair a' crochadh o a làimh, thuirt iad ri càch-a-chèile, “Gun teagamh is e murtair a th' anns an duine seo. Ged a theich e on mhuir, chan eil Ceartas air leigeil leis a bhith beò.”
- <sup>5</sup>Chrath esan, ge-tà, an creutair dhan teine agus cha do dh'fhuiling e cron sam bith.
- <sup>6</sup>Bha iad a' sùileachadh gun robh e a' dol a dh'at no a thuiteam sìos marbh gu grad. Ach nuair a bha iad air feitheamh airson ùine fhada agus nach fhaca iad dad neo-àbhaisteach a' tachairt dha, dh'atharraich iad am beachd agus thuirt iad gum b' e dia a bh' ann.
- <sup>7</sup>A-nis ann an nàbaidheachd an àite sin bha fearainn a bhuineadh do phrìomh-dhuine an eilein, dham b' ainm Publius, agus a ghabh rinn 's a thug aoigheachd dhuinn gu coibhneil airson trì latha.
- <sup>8</sup>Thachair gun robh athair Phubliuis na laighe tinn le fiabhras agus leis a' bhuinnich mhòir. Agus chaidh Pòl ga fhaicinn is rinn e ùrnaigh, 's a' cur a làmhan air, leighis e e.
- <sup>9</sup>Agus nuair a bha sin air tachairt, thàinig an fheadhainn eile san eilean air an robh tinneasan cuideachd agus bha iad air an leigheas.
- <sup>10</sup>Thug iad cuideachd mòr-urram dhuinn, agus nuair a bha sinn gus seòladh, chuir iad air bòrd ge b' e dè a bha a dhìth oirnn.

### **A' Ruigsinn na Ròimhe**

- <sup>11</sup>Às dèidh thrì mìosan sheòl sinn ann an soitheach a bh' air geamhrachadh san eilean, soitheach de dh'Alecsandria, le na “càraidean nèamhaidh” mar shuaicheantas.
- <sup>12</sup>A' cur a-steach aig Siracuse, dh'fhan sinn an sin airson trì latha.
- <sup>13</sup>Agus às a sin chaidh sinn mun cuairt is ràinig sinn Regium. Agus às dèidh aon latha dh'èirich gaoth o dheas, agus air an dara latha thàinig sinn gu Puteoli.

<sup>14</sup>An sin fhuair sinn bràithrean agus dh'iarr iad oirnn fantainn còmhla riutha airson seachd latha. Agus mar sin thàinig sinn chun na Ròimhe.

<sup>15</sup>Agus an sin, nuair a chuala iad mur deidhinn, thàinig na bràithrean cho fada ri Fòrum Apiuis agus na Trì Taighean-Òsta airson coinneachadh rinn. Nuair a chunnaic Pòl iad thug e taing do Dhia agus ghabh e misneachd.

<sup>16</sup>Agus nuair a thàinig sinn a-steach dhan Ròimh, chaidh leigeil le Pòl fuireach leis fhèin, còmhla ris an t-saighdear a bha ga gheàrd.

### **Pòl a' Searmonachadh san Ròimh fo Gheàrd**

<sup>17</sup>Agus thachair, às dèidh trì latha, gun do ghairm e còmhla ceannardan nan lùdhach, agus nuair a bha iad air cruinneachadh, thuirt e riutha, “A bhràithrean, ged nach robh mise air dad a dhèanamh an aghaidh ar sluaigh no ghnàthasan ar n-athraichean, a dh'aindeoin sin chaidh mo thoirt thairis mar phrìosanach o Ierusalem a-steach do làmhan nan Ròmanach.

<sup>18</sup>Nuair a bha iad air mo cheasnachadh, mhiannaich iad mo shaoradh a chionn 's nach robh adhbhar sam bith airson binn-bàis nam chùis-sa.

<sup>19</sup>Ach air sgàth 's gun do chuir na h-lùdhaich na aghaidh, bha mi air mo cho-èigneachadh agairt a dhèanamh gu Cèasar – ged nach robh casaid sam bith agamsan ri thoirt an aghaidh mo nàisein fhèin.

<sup>20</sup>Air an adhbhar seo, dh'iarr mi sibhse fhaicinn is bruidhinn ribh, on as ann airson dòchas Israeil a tha an t-slabhraidh seo mum thimcheall.”

<sup>21</sup>Agus thuirt iad ris, “Cha d' fhuair sinne litrichean sam bith à Iudèa mud dheidhinn, agus chan eil gin dhe na bràithrean a thàinig an seo air cunntas a thoirt, no air olc sam bith a ràdh mud dheidhinn.

<sup>22</sup>Ach tha sinne a' miannachadh do bheachdan a chluinntinn uat; oir a thaobh na buidhne seo, is aithne dhuinn gu bheil iad a' bruidhinn na h-aghaidh sa h-uile h-àite.”

<sup>23</sup>Nuair a bha iad air latha a shuidheachadh air a shon, thàinig iad thuige dhan taigh-loidsidh aige ann an àireamhan na bu mhotha. O mhadainn gu feasgar rinn e mìneachadh dhaibh, a' toirt fianais a thaobh rìoghachd Dhè agus a' feuchainn ri dhearbhadh dhaibh mu Ìosa, an dà chuid o Lagh Mhaois agus o na Fàidhean.

<sup>24</sup>Agus bha cuid ag aontachadh le na thubhairt e, ach cha chreideadh cuid eile.

<sup>25</sup>Agus ag eas-aontachadh nam measg fhèin, dh'fhàg iad às dèidh do Phòl aon rud a ràdh: “Bha an Spiorad Naomh ceart nuair a thuirt e ri ur n-athraichean tron fhàidh Isaiah:

26“Thalla chun an t-sluaigh seo agus can, cluinnidh sibh dha-rìribh ach cha tuig sibh uair sam bith; agus chì sibh dha-rìribh ach cha toir sibh fa-near uair sam bith.

27Oir tha cridhe an t-sluaigh seo air fàs mì-mhothachail; len cluasan is gann gun cluinn iad agus dhùin iad an sùilean, air eagal 's gum faiceadh iad len sùilean, agus gun cluinneadh iad len cluasan, agus gun tuigeadh iad len cridhe, agus gun tionndaidheadh iad, agus gun slànaichinn iad.’

28“Mar sin biodh fios agaibh gu bheil an t-slàinte seo aig Dia air a cur gu na Cinnich, agus èistidh iadsan!”

29Nuair a bha e air na briathran seo a ràdh, dh'fhàg na h-lùdhaich, a' dèanamh mòran deasbaid nam measg fhèin.

30Dh'fhan Pòl dà bhliadhna gu lèir na thaigh-màil fhèin, agus chuir e fàilte orrasan uile a thàinig thuige,

31a' searmonachadh rìoghachd Dhè agus a' teagasg mun Tighearna Ìosa Crìosd le làn-dhànachd is gun bhacadh.



## Ròmanaich

### Ròmanaich 1

- <sup>1</sup>Pòl, seirbheiseach Chrìosd Ìosa, air a ghairm gus a bhith na abstol, air a chur air leth airson soisgeul Dhè,
- <sup>2</sup>a gheall e ro-làimh tro na fàidhean aige fhèin anns na Sgrìobtaran naomha;
- <sup>3</sup>mu dheidhinn a Mhic, a bha de shìol Dhaibhidh a rèir na feòla
- <sup>4</sup>agus a bh' air a dhearbhadh gu follaiseach a bhith na Mhac Dhè le cumhachd a rèir Spiorad na naomhachd, tron aiseirigh o na mairbh: Ìosa Crìosd ar Tighearna.
- <sup>5</sup>Troimhesan fhuair sinne gràs is abstolachd gus ùmhlachd a' chreideimh a thoirt gu bith am measg nan nàiseanan gu lèir air sgàth ainm-san.
- <sup>6</sup>Nam measg-san tha sibhse cuideachd a th' air ur gairm gus a bhith le Ìosa Crìosd.
- <sup>7</sup>Gu na h-uile a th' anns an Ròimh a th' air an gràdhachadh le Dia agus a th' air an gairm gus a bhith nan naoimh: Gràs dhuibhse agus sìth o Dhia ar n-Athair agus on Tighearna Ìosa Crìosd.

### Fadachd Phòil airson Tadhal san Ròimh

- <sup>8</sup>An toiseach, tha mi a' toirt taing dham Dhia tro Ìosa Crìosd air ur son-se uile, a chionn 's gu bheil ur creideamh air aithris gu follaiseach air feadh an t-saoghail.
- <sup>9</sup>Oir is e Dia m' fhianais, dham bheil mi a' dèanamh seirbheis lem spiorad ann an soisgeul a Mhic, gu bheil mi gun sgar a' toirt iomradh oirbh
- <sup>10</sup>an-còmhnaidh nam ùrnaighean, a' faighneachd ann an dòigh air choireigin, le toil Dhè, gum faodainn a-nis, mu dheireadh thall, soirbheachadh ann a bhith a' tighinn thugaibhse.
- <sup>11</sup>Oir tha fadachd orm ur faicinn, airson 's gum faod mi tiodhlac spioradail air choireigin a chompàirteachadh leibh airson ur neartachadh –
- <sup>12</sup>'s e sin, airson 's gum faod sinn a bhith air ur misneachadh còmhla le creideamh a chèile, an dà chuid agaibhse agus agamsa.
- <sup>13</sup>Chan eil mi ag iarraidh nach bi aithne agaibh, a bhràithrean, gu bheil mi tric air cur romham tighinn thugaibh (ach gu ruige seo chaidh bacadh a chur orm), airson 's gum biodh toradh agam nur measg-se, cuide ri am measg a' chòrr dhe na Cinnich.
- <sup>14</sup>Tha mi fo dhleastanas an dà chuid do Chinnich is do Bhorbairich, an dà chuid dhaibhsan a tha glic is dhaibhsan a tha amaideach.

**15**Mar sin tha mi deiseil gus a bhith a' searmonachadh an soisgeul dhuibhse cuideachd a th' anns an Ròimh.

**16**Oir chan eil nàire ormsa mun t-soisgeul, oir is e cumhachd Dhè a th' ann airson slàinte dhan a h-uile neach a chreideas, an toiseach dhan lùdhach agus cuideachd dhan Ghreugach.

**17**Oir ann, tha fireantachd Dhè air fhoillseachadh o chreideamh gu creideamh, mar a tha e sgrìobhte, “Bidh am firean beò tro chreideamh.”

### **Corraich Dhè an aghaidh a' Chinne-Daonna**

**18**Oir tha corraich Dhè air a foillseachadh o nèamh an aghaidh gach uile mì-dhiadhaidheachd is eucoir dhaoine, a tha a' mùchadh na firinn ann an neo-fhireantachd,

**19**a chionn 's gu bheil na tha an comas a bhith air fhiosrachadh mu Dhia follaiseach dhaibh, on a tha Dia air fhoillseachadh dhaibh.

**20**Oir riamh o chruthachadh an t-saoghail tha na feartan neo-fhaicsinneach aige – 's e sin, a chumhachd sìorraidh 's a nàdar diadhaidh – air a bhith air an toirt fa-near gu soilleir, anns na rudan a chaidh a dhèanamh. Tha sin a' fàgail gu bheil iad gun leisgeil.

**21**Oir ged a b' aithne dhaibh Dia, cha tug iad urram dha mar Dhia, cha mhotha a thug iad taing dha, ach dh'fhàs iad dìomhain nan smaoineachadh, agus bha an cridheachan gòrach air an dorchnachadh.

**22**A' cumail a-mach a bhith glic, dh'fhàs iad amaideach,

**23**agus dh'atharraich iad glòir an Dè neo-bhàsmhoir airson ìomhaighean coltach ris an duine bhàsmhor agus eòin is beathaichean is snàgairean.

**24**Mar sin thug Dia thairis iad ann an ana-miannan an cridheachan do neòghlaine, do dh'eas-urramachadh am bodhaigean nam measg fhèin.

**25**Oir dh'atharraich iad an fhìrinn mu Dhia airson breug agus rinn iad adhradh is rinn iad seirbheis dhan chreutair an àite dhan Chruthaidhear, a tha beannaichte gu sìorraidh. Amen.

**26**Air an adhbhar seo thug Dia thairis iad do thograidhean eas-urramach. Oir dh'atharraich na mnathan gnìomhan-feise nàdarra airson feadhainn a tha mì-nàdarra,

**27**agus anns an aon dòigh thug na fir suas gnìomhan-feise nàdarra le boireannaich agus bha iad air an losgadh le miann airson a chèile, fireannaich a' cur an gnìomh rudan mhì-bheusach le fireannaich agus a' faighinn annta fhèin am peanas dligheach airson an t-seachrain aca.

<sup>28</sup>Agus dìreach o nach fhaca iad freagarrach Dia aideachadh tuilleadh, thug Dia thairis do inntinn choirbte iad, gus rudan nach bu chòir a bhith air an dèanamh a dhèanamh.

<sup>29</sup>Chaidh an lìonadh leis a h-uile seòrsa eucoir, olc, sannt, mì-rùn. Tha iad làn de dh'fharmad, de mhurt, de chòmhstri, de chealgaireachd, de dhroch-rùn. Tha iad nan cabadairean,

<sup>30</sup>nan luchd cùl-chàinidh, nan luchd fuathachaidh Dhè, stràiceil, àrdanach, bòstail, innleadairean an uilc, eas-umhail rim pàrantan,

<sup>31</sup>gun tuigse, gun chreideamh, gun ghràdh, gun tròcair.

<sup>32</sup>Ged as aithne dhaibh òrdugh Dhè – gu bheil iadsan a chuireas a' leithid an gnìomh airidh air bàs – chan e a-mhàin gu bheil iad gan dèanamh ach gu bheil iad cuideachd ag aontachadh leothasan a tha gan cur an gnìomh.

## Ròmanaich 2

### Breitheanas Fìreanta Dhè

<sup>1</sup>Mar sin tha thu gun leisgeul, a dhuine, a h-uile h-aon agaibh a tha a' toirt breith. Oir ann a bhith a' toirt breith air neach eile tha thu gad dhìtheadh fhèin, a chionn 's gu bheil thusa, a tha a' toirt breith, a' dèanamh na h-aon rudan.

<sup>2</sup>Ach is aithne dhuinne gu bheil breitheanas Dhè a rèir na firinne a' tighinn orrasan a tha a' dèanamh a leithid de rudan.

<sup>3</sup>A bheil thu a' saoil sinn, a dhuine – thusa a tha a' toirt breith orrasan a tha a' dèanamh a leithid de rudan, 's a dh'aindeoin sin a tha gan dèanamh thu fhèin – gun teich thu o bhreitheanas Dhè?

<sup>4</sup>No a bheil thu a' gabhail ort fhèin saidhbhreas a' choibhneis 's an fhad-fhulangais 's an fhoighidinn aige a chur an dìmeas, gun fhios agad gu bheil coibhneas Dhè gad threòrachadh-sa gu aithreachas?

<sup>5</sup>Ach air sgàth do chridhe cruaidh is neo-aithreachail tha thu a' stòradh corraich suas dhut fhèin, air latha corraich is taisbeanadh breitheanais fhìreanta Dhè,

<sup>6</sup>“a bheir do gach aon a rèir a ghnìomhan”;

<sup>7</sup>dhaibhsan a tha le leanaltas ann an obair mhath a' sireadh glòir is urram is neo-bhàsmhorachd, bheir e a bheatha shìorraidh;

<sup>8</sup>ach dhaibhsan a tha a' fèin-shireadh is eas-umhail dhan fhìrinn, ach a tha umhail do dh'eucoir, bidh corraich is fearg.

<sup>9</sup>Bidh trioblaid is àmhghar ann airson a h-uile h-anam duine a nì olc, dhan lùdhach an toiseach agus cuideachd dhan Ghreugach,

**10** Ach glòir is urram is sìth dhan a h-uile neach a nì math, dhan lùdhach an toiseach agus cuideachd dhan Ghreugach,

**11** Oir chan eil leth-bhreith ann le Dia.

**12** Oir iadsan uile a pheacaich às aonais an lagh thèid an sgrìobhadh às aonais an lagh, agus iadsan uile a pheacaich fon lagh, thèid breith a thoirt orra leis an lagh.

**13** Oir chan iad luchd-èisteachd an lagha a tha nam fireanan mu choinneamh Dhè, ach bidh luchd-dèanamh an lagha air am fireanachadh.

**14** Oir nuair a tha Cinnich, aig nach eil an lagh, a thaobh nàdair a' dèanamh na rudan a tha an lagh ag iarraidh, tha iad nan lagh dhaib' fhèin, ged nach eil an lagh aca.

**15** Tha iad a' sealltainn gu bheil obair an lagha sgrìobhte air an cridheachan, an cogais cuideachd a' toirt fianais, 's an smuaintean an dara cuid gan casaid no a' gabhail an leisgeil,

**16** air an latha sin, a rèir mo shoisgeul-sa, nuair a bheir Dia breith air dìomhaireachdan dhaoine tro Chrìosd Ìosa.

#### **Na h-lùdhaich agus an Lagh**

**17** Ach ma tha thu a' gabhail lùdhach ort fhèin 's a' cur earbsa san lagh 's a' bòstadh ann an Dia,

**18** agus gun aithne dhut a rùn is gun toir thu aonta dha na rudan as fheàrr, a chionn 's gu bheil thu air do theagasg leis an lagh;

**19** agus ma tha thu cinnteach gur e neach-treòrachaidh a th' annad dha na doill, solas dhaibhsan a th' ann an dorchadas,

**20** neach-oilean dha na h-amaidich, neach-teagaisg do leanabanan, aig a bheil fìor choltas an eòlais is na fìrinn san lagh –

**21** thusa, mar sin, a tha a' teagasg fheadhainn eile, nach eil thu gad theagasg fhèin? Thusa a shearmonaicheas an aghaidh goid, a bheil thusa a' goid?

**22** Thusa a tha ag ràdh nach bu chòir do neach adhaltranas a dhèanamh, a bheil thusa ri adhaltranas? Thusa aig a bheil gràin do dh'iodhalan, a bheil thu a' goid à teampaill?

**23** Thusa a tha a' bòstadh san lagh, tro bhith a' briseadh an lagha, a bheil thu a' toirt eas-urram do Dhia?

**24** Oir, “Tha ainm Dhè a' faighinn toibheim am measg nan Cinneach air ur sgàth-se,” dìreach mar a tha e sgrìobhte.

<sup>25</sup>Oir tha timcheall-ghearradh dha-rìribh na bhuannachd ma chumas tu an lagh, ach ma bhriseas tu an lagh, tha do thimcheall-ghearradh a' tighinn gus a bhith na neo-thimcheall-ghearradh.

<sup>26</sup>Mar sin, ma chumas duine a tha neo-thimcheall-gheàrrte iarrtasan an lagha, nach bi an neo-thimcheall-ghearradh aigesan air a mheas mar thimcheall-ghearradh?

<sup>27</sup>Agus dìtidh esan a tha neo-thimcheall-gheàrrte gu nàdarra – ach a tha a' cumail an lagha – thusa, a tha, tro litir an lagha 's an timcheall-ghearradh, a' briseadh an lagha.

<sup>28</sup>Oir chan e lùdhach a th' annsan a tha mar sin air an taobh a-muigh a-mhàin, cha mhotha a tha timcheall-ghearradh air an taobh a-muigh agus corporra.

<sup>29</sup>Ach is e lùdhach a th' annsan a tha mar sin air an taobh a-staigh, agus tha an timcheall-ghearradh sa chridhe – leis an Spiorad, chan ann leis an litir. Tha a mholadh-san, chan ann o dhaoine, ach o Dhia.

## Ròmanaich 3

### Dìlseachd Dhè

<sup>1</sup>Dè, mar sin, an t-sochair a th' aig an lùdhach? No dè a' bhuannachd a th' anns an timcheall-ghearradh?

<sup>2</sup>Mòran sa h-uile dòigh! An toiseach, chaidh briathran Dhè earbsadh dha na h-lùdhaich.

<sup>3</sup>Dè ma bha cuid dhiubh mì-dhìleas? An dèan am mì-dhìlseachd-san dìlseachd Dhè gun èifeachd?

<sup>4</sup>Na tachradh e gu bràth! Ach gum biodh Dia fìor, is gach duine na bhreugaire, mar a tha e sgrìobhte: “Airson 's gum faod thu a bhith air d' fhìreanachadh nad bhriathran, agus gum buadhaich thu nuair a thèid breith a thoirt ort.”

<sup>5</sup>Ach ma tha ar n-eucoir-ne a' moladh fireantachd Dhè, dè a chanas sinn? Gu bheil Dia eucorach ann a bhith a' leagail corraich oirnn? (Tha mi a' bruidhinn ann an dòigh daonna.)

<sup>6</sup>Na tachradh e gu bràth! Oir an uair sin ciamar a bheir Dia breith air an t-saoghal?

<sup>7</sup>Ach ma tha fìrinn Dhè, tro mo bhreug-sa, a' cur thairis gu a ghloir-san, carson a tha mi fhathast cuideachd air mo dhìteadh mar pheacach?

<sup>8</sup>Agus chan ann mar a tha iomradh chùl-chàineach air a dhèanamh mur deidhinn 's mar a tha cuid ag agairt gu bheil sinn ag ràdh – “Dèanamaid olc airson 's gun tig math às?” Tha an dìteadh-san ceart.

### **Chan Eil Aon Neach Fìreanta**

<sup>9</sup>Dè, mar sin? A bheil sinne nas fheàrr dheth? Chan eil, chan eil idir. Oir tha sinn air casaid a chur mu thràth gu bheil a h-uile neach, an dà chuid lùdhaich is Greugaich, fo pheacadh,

<sup>10</sup>mar a tha e sgrìobhte: “Chan eil iad fìreanta, chan eil fiù 's a h-aon;

<sup>11</sup>Chan eil neach sam bith a' tuigsinn, chan eil neach sam bith a' sireadh Dhè.

<sup>12</sup>Tha a h-uile neach air tionndadh gu aon taobh; còmhla tha iad air fàs gun luach; chan eil neach sam bith ann a tha a' dèanamh math, chan eil fiù 's a h-aon.”

<sup>13</sup>“Is e uaigh fhosgailte a tha nan sgòrnan; tha iad a' cleachdadh an teangannan airson meallaidh.” “Tha nimh nan nathraichean-nimhe fom bilean.”

<sup>14</sup>“Tha am beul làn de mhallachadh agus de sheirbhe.”

<sup>15</sup>“Tha an casan luath gus fuil a dhòrtadh;

<sup>16</sup>tha sgrios agus truaighe nan slighean,

<sup>17</sup>agus slighe na sìthe cha b' aithne dhaibh.”

<sup>18</sup>“Chan eil eagal Dhè mu choinneamh an sùilean.”

<sup>19</sup>A-nis tha fios againn gu bheil ge b' e dè a tha an lagh ag ràdh, gu bheil e ga ràdh riuthasan a tha fon lagh, airson 's gum bi a h-uile beul air a dhèanamh sàmhach, agus gum bi an saoghal gu lèir cunntachail do Dhia.

<sup>20</sup>Oir le obraichean an lagha cha bhi feòil sam bith air a fireanachadh na shealladh-san, oir is ann tron lagh a tha eòlas a' pheacaidh a' tighinn.

### **Fìreantachd tro Chreideamh**

<sup>21</sup>Ach a-nis tha fireantachd Dhè air a bhith air a foillseachadh air leth bhon lagh, ged a tha an lagh is na fàidhean a' toirt fianais dhith,

<sup>22</sup>fireantachd Dhè tro chreideamh ann an Ìosa Crìosd dhaibhsan uile a chreideas. Oir chan eil eadar-dhealachadh ann,

<sup>23</sup>oir pheacaich a h-uile neach agus tha iad air tighinn goirid air glòir Dhè,

<sup>24</sup>agus tha iad air am fireanachadh an asgaidh le a ghràs, tron ath-cheannach a th' ann an Crìosd Ìosa,

**25-26** a rùnaich Dia mar ìobairt-rèitich leis an fhuil aige, air a shealbhachadh tro chreideamh. Bha seo airson fireantachd Dhè fhoillseachadh, a chionn 's na fhad-fhulangas gun robh e air gabhail seachad air peacaidhean a chaidh an dèanamh roimhe. Bha e airson an fhìreantachd aigesan fhoillseachadh sa cheart àm seo, airson 's gum biodh e cothromach is na fhear-fhìreanachaidh dhan neach aig a bheil creideamh ann an Ìosa.

**27** Càite mar sin a bheil bòstadh? Tha e air a dhùnadh a-mach. Le dè an seòrsa lagha? Le lagh obraichean? Chan ann, ach le lagh a' chreideimh.

**28** Oir tha sinne a' cumail a-mach gu bheil duine air fhìreanachadh le creideamh air leth bho obraichean an lagha.

**29** Oir an e Dia Dia nan lùdhach a-mhàin? Nach eil e na Dhia dha na Cinnich cuideachd? Tha, dha na Cinnich cuideachd,

**30** on as e aon a th' ann an Dia, a dh'fhìreanaicheas an timcheall-ghearradh le creideamh agus an neo-timcheall-ghearradh tro chreideamh.

**31** A bheil sinn mar sin a' toirt an lagh gu neoni leis a chreideamh seo? Na tachradh e gu bràth! Ach, tha sinn a' cumail suas an lagha.

## **Ròmanaich 4**

### **Abrahàm air Fhìreanachadh le Creideamh**

**1** Dè, mar sin, a chanas sinn a fhuair Abrahàm, ar sinnsear a rèir na feòla?

**2** Oir nam b' ann le obraichean a bha Abrahàm air fhìreanachadh, bhiodh bòst aige, ach chan ann a thaobh Dhè.

**3** Oir dè a tha na Sgrìobtaran ag ràdh? “Chreid Abrahàm Dia, agus bha sin air a mheas dha mar fhìreantachd.”

**4** A-nis dhan fhear a nì obair, chan eile a thuarastal air a chunntadh mar thiodhlaic, ach mar dhlighe.

**5** Ach dhan fhear nach dèan obair ach a tha ag earbsa san aon a dh'fhìreanaicheas nam mì-dhiadhaidh, tha a' chreideamh air a chunntadh mar fhìreantachd,

**6** dìreach mar a tha Daibhidh cuideachd a' bruidhinn mu bheannachadh an fhir dham bheil Dia a' cunntadh fireantachd às aonais obraichean:

**7** “Is beannaichte iadsan a fhuair mathanas airson an obraichean mhì-riaghailteach, agus aig a bheil am peacaidhean air an còmhdachadh.

**8** Is beannaichte am fear nach cunntais an Tighearna a pheacadh na aghaidh.”

<sup>9</sup>A bheil am beannachadh seo, ma-thà, dhan timcheall-ghearradh, no cuideachd dhan neo-thimcheall-ghearradh? Tha sinne ag ràdh, “Bha creideamh air a chunntadh do dh'Abrahàm mar fhìreantachd.”

<sup>10</sup>Ciamar mar sin a bha e air a chunntadh dha? Air a thimcheall-ghearradh no neo-thimcheall-gheàrrte? Chan ann ann an timcheall-ghearradh ach ann an neo-thimcheall-ghearradh.

<sup>11</sup>Agus fhuair e comharra an timcheall-ghearraidh mar sheula fireantachd a chreideimh, fhad 's a bha e san neo-thimcheall-ghearradh, airson 's gum biodh e na athair dhaibhsan uile a chreid nuair a bha iad san neo-thimcheall-ghearradh, airson 's gum biodh fireantachd air a chunntadh dhaibhsan cuideachd,

<sup>12</sup>agus airson esan a dhèanamh na athair dhaibhsan a tha dhen timcheall-ghearradh, nach eil a-mhàin air an timcheall-ghearradh, ach a tha cuideachd a' coiseachd ann an ceuman a' chreideimh a bh' aig ar n-athair Abrahàm mus robh e anns an timcheall-ghearradh.

<sup>13</sup>Oir cha b' ann tron lagh a thàinig an gealladh gu Abrahàm agus a shliochd – gum biodh e na oighre dhen t-saoghal – ach tro fhìreantachd a' chreideimh.

<sup>14</sup>Oir ma 's iadsan a chumas ris an lagh a tha gu bhith nan oighreachan, tha creideamh na neoni agus an gealladh gun èifeachd.

<sup>15</sup>Oir tha an lagh a' toirt corraich gu buil, ach far nach eil lagh chan eil briseadh lagha.

<sup>16</sup>Mar sin tha e o chreideamh, airson 's gum faod an gealladh a bhith air a dhèanamh cinnteach dhan t-sìol aige gu lèir, a rèir gràis, chan ann a-mhàin dhaibhsan a tha dhen lagh ach cuideachd dhaibhsan a tha de chreideamh Abrahàm, a tha na athair dhuinn uile,

<sup>17</sup>mar a tha e sgrìobhte: “Tha mi air do dhèanamh nad athair do mhòran nàiseanan” – ann an làthaireachd an Dè san do chreid e, a tha a' toirt beatha dha na mairbh agus a' gairm gu bith, na rudan nach eil ann.

<sup>18</sup>Ann an dòchas chreid e an aghaidh dòchais, gun tigeadh e gus a bhith na athair do mhòran nàiseanan, mar a chaidh innse dha, “Mar seo bidh do shìol.”

<sup>19</sup>Gun a bhith a' fàs lag ann an creideamh nuair a smaoinich e air a chorp fhèin, a bha cho math ri marbh – on a bha e mu cheud bliadhna a dh'aois – no nuair a smaoinich e mu cho marbh 's a bha broinn Shàra.

<sup>20</sup>Is cha tug eas-creideamh sam bith air a bhith fo imcheist a thaobh gealladh Dhè, ach dh'fhàs e làidir na chreideamh, a' toirt glòir do Dhia,



<sup>21</sup>Is làn-chinnteach gun robh Dia comasach air an rud a gheall e a dhèanamh.

<sup>22</sup>Is ann airson seo a bha a chreideamh “air a chunntadh dha mar fhìreantachd.”

<sup>23</sup>Ach cha robh na briathran “air a chunntadh dha” air an sgrìobhadh dhàsan a-mhàin,

<sup>24</sup>ach air ar son-ne cuideachd. Bidh e air a chunntadh dhuinne cuideachd – a tha a' creidsinn annsan a thog Iosa ar Tighearna suas o na mairbh,

<sup>25</sup>a bh' air a thoirt thairis airson ar peacaidhean agus a bh' air a thogail airson ar fireanachaidh.

## Ròmanaich 5

### Sìth agus Aoibhneas

<sup>1</sup>Mar sin, on a tha sinn air a bhith air ur fireanachadh tro chreideamh, tha sìth againn le Dia tro ar Tighearna Iosa Crìosd,

<sup>2</sup>trò bheil sinne cuideachd, tro chreideamh, air slighe fhaighinn a-steach dhan ghràs seo sa bheil sinn a' seasamh, agus tha sinn a' bòstadh ann an dòchas glòir Dhè.

<sup>3</sup>Agus chan e seo a-mhàin, ach tha sinn cuideachd a' bòstadh nar fulangais, a' tuigsinn gu bheil fulangas a' toirt leanaltas gu buil,

<sup>4</sup>agus leanaltas, dearbhadh; agus dearbhadh, dòchas;

<sup>5</sup>agus chan eil an dòchas gar nàrachadh, a chionn 's gu bheil gràdh Dhè air a bhith air a dhòrtadh a-steach nar cridheachan tron Spiorad Naomh a chaidh a thoirt dhuinn.

<sup>6</sup>Oir fhad 's a bha sinn fhathast lag, aig an àm cheart bhàsaich Crìosd airson nam mì-dhiadhaidh.

<sup>7</sup>Oir is gann gum bàsaicheadh cuideigin airson neach fireanta, ged is dòcha airson cuideigin math gum faodadh neach a bhith cho dàn is gum bàsaicheadh e fiù 's air a shon.

<sup>8</sup>Ach tha Dia a' moladh a ghràidh fhèin dhuinne ann an seo: fhad 's a bha sinn fhathast nar peacaich, bhàsaich Crìosd air ar son.

<sup>9</sup>Is motha gu mòr, air sgàth sin – on a tha sinn air a bhith air ar fireanachadh tron fhuil aige – a bhios sinn air ar sàbhaladh o chorraich Dhè troimhesan.

<sup>10</sup>Oir ma bha sinn, fhad 's a bha sinn nar nàimhdean, air ar dèanamh rèidh ri Dia tro bhàs a Mhic, is motha gu mòr, às dèidh dhuinn a bhith air ar dèanamh rèidh, a bhios sinn air ar sàbhaladh tro bheatha-san.

**11** Ach chan e sin a-mhàin, ach tha sinn a' bòstadh ann an Dia tro ar Tighearna Ìosa Crìosd, trom bheil sinn a-nis air rèite fhaighinn.

### **Bàs tro Àdhamh, Beatha tro Chrìosd**

**12** Mar sin, dìreach mar a thàinig peacadh a-steach dhan t-saoghal tro aon duine, agus bàs tron pheacadh, agus mar sin a sgaoil bàs chun a h-uile duine, a chionn 's gun do pheacaich na h-uile –

**13** Oir ron lagh bha peacadh san t-saoghal, ach chan eil peacadh air a chunntadh far nach eil lagh.

**14** A dh'aindeoin sin riaghail am bàs o Àdhamh gu Maois, fiù 's thairis orrasan nach do pheacaich ann an coltas eas-ùmhachd Àdhaimh, a bha na shamhla dhen fhear a bha ri thighinn.

**15** Ach chan eil an saor-thiodhlac coltach ris a' pheacadh. Oir ma bhàsaich mòran tro pheacadh aon duine, is motha gu mòr a tha gràs Dhè agus an tiodhlac gràis on aon duine sin, Ìosa Crìosd, air a bhith lionmhor do mhòran.

**16** Agus chan eil an tiodhlac coltach ri toradh pheacaidh an aoin duine sin. Oir thug am breitheanas a lean aon pheacadh breitheanas leis, ach thug an saor-thiodhlac a lean mhòran pheacaidhean fireanachadh leis.

**17** Oir mas e 's – air sgàth pheacaidh aon duine – gun do riaghail am bàs, is motha gu mòr na sin a riaghlas iadsan sa bheatha a gheibh lionmhorachd a' ghràis agus tiodhlac an fhìreantachd tro Ìosa Crìosd.

**18** Mar sin, mar a thug aon pheacadh a h-uile duine gu dìteadh, mar sin cuideachd tha aon ghnìomh fhìreanta a' toirt a h-uile duine gu fireanachaidh beatha.

**19** Oir mar a chaidh mòran a dhèanamh nam peacaich tro eas-ùmhachd aon duine, mar sin bidh mòran air an dèanamh fìreanta tro ùmhachd aon duine.

**20** A-nis thàinig an lagh a-steach airson an cionta a mheudachadh, ach far an do mheudaich am peacadh, mheudaich gràs na bu mhotha buileach,

**21** airson 's, mar a riaghail am peacadh ann am bàs, gum faodadh gràs riaghladh cuideachd tro fhìreantachd chun na beatha shìorraidh tro Ìosa Crìosd ar Tighearna.

## **Ròmanaich 6**

### **Marbh dhan Pheacadh, Beò ann an Crìosd**

**1** Dè, mar sin, a chanas sinn? An lean sinn oirnn a' peacachadh airson 's gum meudaich gràs?

**2** Na tachradh e gu bràth! Ciamar as urrainn dhuinne a bhàsaich dhan pheacadh fhathast fuireach ann?

<sup>3</sup>Nach aithne dhuibh gun deach sinne uile a bh' air ar baisteadh a-steach do Chrìosd Ìosa, a bhaisteadh dhan bhàs aige?

<sup>4</sup>Bha sinn air ar n-adhlacadh mar sin còmhla ris nar baisteadh a-steach dhan bhàs, airson 's, dìreach mar a chaidh Crìosd a thogail o na mairbh le glòir an Athar, gun coisicheadh sinne cuideachd ann an ùrachd beatha.

<sup>5</sup>Oir ma chaidh ar n-aonadh leis ann am bàs coltach ris-san, bidh sinn gu cinnteach air ar n-aonadh leis ann an aiseirigh coltach ris-san.

<sup>6</sup>Is aithne dhuinn gun deach ar seann fèin a cheusadh còmhla ris-san airson 's gum biodh corp a' pheacaidh air a thoirt gu neoni, gus nach biodh sinn tuilleadh nar tràillean dhan pheacadh.

<sup>7</sup>Oir tha an neach a th' air bàsachadh air a bhith air a shaoradh on pheacadh.

<sup>8</sup>A-nis ma tha sinn air bàsachadh còmhla ri Crìosd, tha sinn a' creidsinn gum bi sinn cuideachd beò còmhla ris.

<sup>9</sup>Is aithne dhuinn, a chionn 's gun deach Crìosd a thogail o na mairbh, nach bàsaich e tuilleadh; chan eil tighearnas aig a' bhàs thairis air tuilleadh.

<sup>10</sup>Oir am bàs a bhàsaich e, bhàsaich e dhan pheacadh, aon uair a-mhàin, ach on a tha e beò, tha e beò do Dhia.

<sup>11</sup>Mar sin feumaidh sibhse cuideachd sib' fhèin a mheas marbh dhan pheacadh ach beò do Dhia ann an Crìosd Ìosa.

<sup>12</sup>Air an adhbhar sin na leigibh leis a' pheacadh riaghladh nur corp bàsmhor, airson toirt oirbh a bhith umhail dha na h-ana-miannan aige.

<sup>13</sup>Na toiribh ur buill dhan pheacadh mar ionnsramaidean na h-eucoir; ach thoiribh sib' fhèin do Dhia mar iadsan a th' air a bhith air an toirt o bhàs gu beatha, agus ur buill do Dhia mar ionnsramaidean fireantachd.

<sup>14</sup>Oir cha bhi tighearnas sam bith aig a' pheacadh thairis oirbh, a chionn 's nach eil sibh fon lagh ach fo ghràs.

### **Tràillean do dh'Fhìreantachd**

<sup>15</sup>Dè ma-thà? Am peacaich sinn a chionn 's nach eil sinn fo lagh ach fo ghràs? Na tachradh e gu bràth!

<sup>16</sup>Nach aithne dhuibh ma nochdas sibh sib' fhèin do neach sam bith mar thràillean umhail, gu bheil sibh nur tràillean dhan neach ris a bheil sibh umhail, air aon làimh dhan pheacadh, a tha gu bàs, no air an làimh eile do dh'ùmhlachd, a tha gu fireantachd?

<sup>17</sup>Ach taing do Dhia gu bheil sibhse a bha aon uair nar tràillean dhan pheacadh a-nis umhail on chridhe, dhan deach an riochd-teagaisg seo a thoirt,

**18** agus air ur saoradh on pheacadh, tha sibh air tighinn gus a bhith nur tràillean do dh'fhìreantachd.

**19** Tha mi a' bruidhinn ann am faclan daonna, air sgàth ur laigse feòla. Oir dìreach mar a nochd sibh aig aon àm ur buill mar thràillean do neòghlaine agus do chion-lagha gu barrachd cion-lagha, mar sin a-nis nochdaibh ur buill mar thràillean do dh'fhìreantachd, gu naomhachd.

**20** Nuair a bha sibh nur tràillean dhan pheacadh, bha sibh saor a thaobh fìreantachd.

**21** Ach dè an toradh a bha sibh a' faighinn aig an àm sin bho na rudan a tha a-nis gur fàgail air ur nàrachadh? Oir is e crìoch nan rudan sin am bàs.

**22** Ach a-nis on a chaidh ur saoradh on pheacadh 's a tha sibh air tighinn gus a bhith nur tràillean do Dhia, tha an toradh a tha agaibh gu naomhachd, agus a cheann-uidhe – a' bheatha shìorraidh.

**23** Oir is e tuarastal a' pheacaidh am bàs, ach is e saor-thiodhlac Dhè a' bheatha shìorraidh, ann an Crìosd Ìosa ar Tighearna.

## **Ròmanaich 7**

### **Samhla o Phòsadh**

**1** No nach eil fios agaibh, a bhràithrean – oir tha mi a' bruidhinn riuthasan dhan aithne an lagh – gu bheil tighearnas aig an lagh thairis air duine cho fada 's a tha e beò?

**2** Mar sin tha boireannach a tha pòsta, ceangailte leis an lagh ri a fear-pòsta, fhad 's a tha e beò, ach ma bhàsaicheas a fear-pòsta tha i air a fuasgladh on lagh a thaobh a fir.

**3** Mar sin, thèid ban-adhaltranach a ghabhail oirre ma dh'fhuiricheas i còmhla ri duine eile fhad 's a tha a fear-pòsta beò. Ach ma bhàsaicheas a fear-pòsta, tha i saor on lagh, agus ma phòsas i fear eile chan e ban-adhaltranach a th' innte.

**4** San aon dòigh, mo bhràithrean, tha sibhse cuideachd air bàsachadh dhan lagh tro chorp Chrìosd, airson 's gum buineadh sibh do dh'aon eile, dhàsan a chaidh a thogail o na mairbh, airson 's gum faod sinne toradh a ghiùlain do Dhia.

**5** Oir fhad 's a bha sinn san fheòil, bha ar miannan peacach ag obrachadh nar buill tron lagh gus toradh a ghiùlain dhan bhàs.

**6** Ach a-nis tha sinn air ar saoradh on lagh, às dèidh dhuinn bàsachadh dhan rud sin a chùim ann an grèim sinn, airson 's gun dèan sinn seirbheis ann am beatha ùr an Spioraid 's chan ann ann an aostachd litir an lagha.

### **A' Strì ris a Pheacadh**

<sup>7</sup>Dè, mar sin, a chanas sinn? Gu bheil an lagh na pheacadh? Na tachradh e gu bràth! Ach cha b' aithne dhomh peacadh ach tron lagh. Cha bhiodh eòlas air a bhith agam air sannt mura biodh an lagh air cantainn, “Na sanntaich.”

<sup>8</sup>Ach, a' glacadh cothrom tron àithne, thug am peacadh gu buil annam a h-uile seòrsa sannt. Às aonais an lagha tha am peacadh marbh.

<sup>9</sup>Bha mi aig aon àm beò às aonais an lagha, ach nuair a thàinig an àithne, thàinig am peacaidh beò

<sup>10</sup>agus bhàsaich mise. Agus fhuair mi an àithne a bha ri bhith gu beatha dhomh, na bàs dhomh.

<sup>11</sup>Oir a' glacadh cothrom tron àithne, mheall am peacadh mi agus troimhe mharbh e mi.

<sup>12</sup>Mar sin tha an lagh naomh, agus tha an àithne naomh agus fireanta agus math.

<sup>13</sup>An tug an rud a bha math, mar sin, bàs thugam? Na tachradh e gu bràth! B' e am bàs a bh' ann, a' toirt bàs gu buil annamsa tro na tha math, airson 's gum biodh am peacadh air a shealltainn mar pheacadh, agus tron àithne gum fàsadh am peacadh peacach thar tomhas.

<sup>14</sup>Oir tha fios againn gu bheil an lagh spioradail, ach tha mise dhen fheòil, air mo reic fon pheacadh.

<sup>15</sup>Chan eil mi a' tuigsinn mo ghnìomhan fhèin. Oir chan eil mi a' dèanamh an rud a tha mi ag iarraidh, ach tha mi a' dèanamh an dearbh rud as fuathach leam.

<sup>16</sup>A-nis ma tha mi a' dèanamh an rud nach eil mi ag iarraidh, tha mi ag aontachadh leis an lagh, gu bheil e math.

<sup>17</sup>A-nis ma-thà, cha mhise tuilleadh a tha ga dhèanamh, ach am peacadh a tha a' còmhnaidh annam.

<sup>18</sup>Oir tha fios agam nach eil sìon math a' còmhnaidh annamsa, 's e sin, nam fheòil. Oir tha mi airson an rud a tha ceart a dhèanamh, ach chan eil e annam an rud math sin a chur an gnìomh.

<sup>19</sup>Oir chan eil mi a' dèanamh a' mhath a tha mi a' miannachadh, ach is e an t-olc nach eil mi ag iarraidh a tha mi a' dèanamh.

<sup>20</sup>A-nis ma nì mi an rud nach eil mi ag iarraidh, cha mhise tuilleadh a tha ga dhèanamh, ach am peacadh a tha a' còmhnaidh annam.

<sup>21</sup>Mar sin tha mi ga fhaighinn na lagh, nuair a tha mi ag iarraidh an rud a tha ceart a dhèanamh, gu bheil an t-olc còmhla rium.

**22**Oir tha aoibhneas agam ann an lagh Dhè a rèir an duine a th' air an taobh a-staigh,

**23**ach tha mi a' faicinn lagh eile nam bhuill a' cogadh an aghaidh lagh m' inntinn, agus gam dhèanamh nam phrìosanach do lagh a' pheacaidh a tha nam bhuill.

**24**'S e duine truagh a th' annamsa! Cò a shaoras mi o chorp a' bhàis seo?

**25**Taing do Dhia, tro Ìosa Crìosd ar Tighearna! Mar sin, tha mise mi fhèin le m' inntinn a' dèanamh seirbheis do lagh Dhè, ach lem fheòil do lagh a' pheacaidh.

## Ròmanaich 8

### Beatha tron Spiorad

**1**Mar sin, chan eil dìteadh sam bith a-nis ann dhaibhsan a th' ann an Crìosd Ìosa.

**2**Oir tha lagh Spiorad na beatha, ann an Crìosd Ìosa, air do shaoradh o lagh a' pheacaidh agus a' bhàis.

**3**Oir rinn Dia an rud nach b' urrainn dhan lagh – air a lagachadh leis an fheòil – a dhèanamh, a' cur a Mhic fhèin ann an coltas feòla peacaich agus airson peacaidh, dhìt e am peacadh san fheòil,

**4**airson 's gum biodh iarrtas fireanta an lagha air a choileanadh annainne, a tha a' coiseachd chan ann a rèir na feòla, ach a rèir an Spioraid.

**5**Oir tha iadsan a tha beò a rèir na feòla a' suidheachadh an inntinnean air rudan na feòla, ach iadsan a tha beò a rèir an Spioraid air rudan an Spioraid.

**6**Tha dòigh smaoinichaidh na feòla na bàs, ach tha dòigh smaoinichaidh an Spioraid na beatha 's na sìth;

**7**oir tha dòigh smaoinichaidh na feòla nàimhdeil do Dhia, oir chan eil i umhail do lagh Dhè, cha mhotha as urrainn dhi a bhith,

**8**agus iadsan a tha anns an fheòil, chan urrainn dhaibh Dia a thoileachadh.

**9**Chan eil sibhse, ge-tà, anns an fheòil ach anns an Spiorad, ma tha Spiorad Dhè dha-rìribh a' còmhnaidh annaibh. Ach mura h-eil Spiorad Chrìosd aig neach sam bith, cha bhui e dha.

**10**Ach ma tha Crìosd annaibh, ged a tha a' bhodhaig marbh air sgàth peacaidh, tha an Spiorad beò air sgàth fireantachd.

**11**Ma tha an Spiorad aigesan a thog Ìosa o na mairbh a' còmhnaidh annaibh, bheir esan a thog Crìosd o na mairbh cuideachd beatha dhar bodhaigean bàsmhor, tro chòmhnaidh an Spioraid annaibh.

**12**Mar sin, a bhràithrean, tha sinn fo fhiachan, chan ann dhan fheòil, airson a bhith beò a rèir na feòla.

**13**Oir ma bhios sibh beò a rèir na feòla, feumaidh sibh bàsachadh, ach ma chuireas sibh, tron Spiorad, gu bàs gnìomhan na bodhaige, bidh sibh beò.

**14**Oir iadsan uile a th' air an treòrachadh le Spiorad Dhè is iad sin mic Dhè.

**15**Oir cha d' fhuair sibh spiorad na tràilleachd a-rithist airson tilleadh gu eagal, ach fhuair sibh spiorad na h-uchd-mhacachd, tron a bheil sibh ag èigheach, “Abba! Athair!”

**16**Tha an Spiorad fhèin a' dèanamh fianais còmhla ri ar spiorad-ne gur sinne clann Dhè,

**17**agus mas clann, mar sin oighreachan – oighreachan do Dhia agus co-oighreachan cuide ri Crìosd, mas e 's gum fulaing sinn dha-rìribh còmhla ris, airson 's gun tèid ar glòrachadh còmhla ris.

### **Fulangas an Ama seo agus a' Ghlòir ri Thighinn**

**18**Oir tha mi a' meas nach eil fulangais a cheart ama seo airidh air a bhith air an coimeas ris a' ghlòir a tha gu bhith air a thaisbeanadh dhuinn.

**19**Oir tha an cruthachadh a' feitheamh le miann dealasach airson taisbeanadh clann Dhè.

**20**Oir bha an cruthachadh air a chur fo dhìomhanas, cha b' ann gu deònach, ach air sgàth esan a chuir fo cheannsa e, ann an dòchas

**21**gum bi fiù 's an cruthachadh fhèin air a shaoradh o dhaorsa na truailidheachd gu saorsa glòir clann Dhè.

**22**Oir is aithne dhuinn gu bheil an cruthachadh gu lèir air a bhith ag osnaich còmhla ann am piantan aiseid gus an àm seo.

**23**Agus chan e seo a-mhàin, ach tha sinne cuideachd, aig a bheil ciad-thoradh an Spioraid, ag osnaich annainn fhèin, a' feitheamh gu dealasach ri uchd-mhacachd mar mhic – ath-cheannach ar cuirp.

**24**Oir anns an dòchas seo chaidh ar sàbhaladh. Ach dòchas a chithear, chan e dòchas a th' ann. Oir a bheil dòchas aig an duine airson na chì e?

**25**Ach ma tha sinn an dòchas airson an rud nach eil sinn a' faicinn, tha sinn a' feitheamh gu foighidneach air a shon.

**26**Agus san aon dòigh cuideachd, tha an Spiorad gar cuideachadh nar laigse. Oir chan aithne dhuinn ciamar a nì sinn ùrnaigh mar bu chòir dhuinn, ach tha an Spiorad fhèin a' dèanamh eadar-ghuidhe air ar son le osnaich thar bhriathran.

**27** Agus is aithne dhàsan a tha a' rannsachadh nan cridheachan dè a th' ann an inntinn an Spioraid, a chionn 's gu bheil an Spiorad a' dèanamh eadar-ghuidhe airson nan naomh a rèir rùn Dhè.

### **Barrachd air Luchd-Buaidh**

**28** Agus is aithne dhuinn gun co-obrach a h-uile rud airson maith na feadhna aig a bheil gràdh do Dhia, dhaibhsan a th' air an gairm a rèir a rùn-san.

**29** Oir iadsan a ro-aithnich e, ro-òrdaich e cuideachd gus a bhith air an co-chumadh ri ìomhaigh a Mhic, airson 's gum biodh esan na chiad-ghin am measg mhòran bhràithrean.

**30** Agus an fheadhainn a ro-òrdaich e, iadsan ghairm e cuideachd, agus an fheadhainn a ghairm e, iadsan dh'fhìreanaich e cuideachd, agus an fheadhainn a dh'fhìreanaich e, iadsan ghlòraich e cuideachd.

**31** Dè mar sin a chanas sinn ri na rudan sin? Ma tha Dia air ar son, cò as urrainn a bhith nar n-aghaidh?

**32** Esan nach do chaomhain a Mhac fhèin, ach a thug thairis e air ar son-ne uile, ciamar còmhla ris-san nach toir e cuideachd dhuinn gu gràsmhor a h-uile rud?

**33** Cò a bheir casaid sam bith an aghaidh luchd taghte Dhè? Is e Dia a dh'fhìreanaicheas.

**34** Cò a dhìteas? Is e Crìosd Ìosa a fhuair bàs – seadh barrachd air a sin, a bh' air a thogail, a tha aig deas-làimh Dhè, a tha cuideachd a' dèanamh eadar-ghuidhe air ar son.

**35** Cò a sgaras sinn o ghaol Chrìosd? An dèan trioblaid, no àmhghar, no geur-leanmhainn, no gorta, no lomnochd, no cunnart, no claidheamh?

**36** Mar a tha e sgrìobhte: “Air do shon-sa tha sinn air ar marbhadh fad an latha; tha sinn air ar meas mar chaoraich airson marbhaidh.”

**37** Ach anns na rudan seo uile tha sinn a' toirt barrachd air buaidh troimhesan a thug gaol dhuinn.

**38** Oir tha mi dearbhte nach bi: bàs no beatha, no ainglean no riaghladairean, no rudan a tha an làthair no rudan a tha ri thighinn, no cumhachdan,

**39** no àirde, no doimhne, no dad cruthaichte sam bith eile, an comas air ar sgaradh o ghaol Dhè an th' ann an Crìosd Ìosa ar Tighearna.

## **Ròmanaich 9**

### **Mulad Mòr Phòil mu Israel**



<sup>1</sup>Tha mi a' bruidhinn na firinn ann an Crìosd – chan eil mi ag innse breug; tha mo chogais a' dèanamh fianais dhomh san Spiorad Naomh –

<sup>2</sup>gu bheil mulad mòr orm agus àmhghar gun sgar nam chridhe.

<sup>3</sup>Oir dh'fhaodainn miannachadh gum bithinn fhèin mallaichte 's air mo ghearradh às o Chrìosd air sgàth mo bhràithrean, mo luchd-dàimh a rèir na feòla,

<sup>4</sup>a tha nan Israelich. Dhaibhsan buinidh an uchd-mhacachd, is a' ghloir, is na cùmhnantan, is tabhairt an lagha, is seirbheis Dhè, agus na geallaidhean.

<sup>5</sup>Dhaibhsan buinidh na prìomh-athraichean, agus uapasan, a rèir na feòla, tha an Crìosd a tha os cionn gach nì, beannaichte le Dia gu sìorraidh. Amen.

### Taghadh Uachdarail Dhè

<sup>6</sup>Ach chan eil e mar gum biodh facal Dhè air fàilligeadh. Oir chan eil iadsan uile a tha o Israel a' buntainn do dh'Israel,

<sup>7</sup>cha mhotha a tha iad uile nan sliochd do dh'Abrahàm a chionn 's gu bheil iad nan sìol dha, ach, “Tro Ìsaac bidh do shliochd air an ainmeachadh.”

<sup>8</sup>Tha seo a' ciallachadh nach eil clann na feòla nan cloinn do Dhia, ach tha clann a' gheallaidh air am meas mar shìol.

<sup>9</sup>Oir is e seo facal a' gheallaidh: “Mun àm seo an ath-bhliadhna tillidh mi, agus bidh mac aig Sàra.”

<sup>10</sup>Agus chan e sin a-mhàin, ach cuideachd nuair a bha Rebeca air fàs torrach o aon duine, ar n-athair Ìsaac,

<sup>11</sup>ged nach robh iad air am breith fhathast agus nach robh iad air sìon a dhèanamh, math no olc – airson 's gun seasadh rùn taghaidh Dhè,

<sup>12</sup>chan ann air sgàth deagh obraichean ach air sgàth a ghairm-san – chaidh cantainn rithe, “Nì am fear as sine seirbheis dhan neach as òige.”

<sup>13</sup>Dìreach mar a tha e sgrìobhte, “Ghràdhaich mi Iàcob, ach dh'fhuathaich mi Esau.”

<sup>14</sup>Dè a chanas sinn ma-thà? A bheil eucoir ann le Dia? Na tachradh e gu bràth!

<sup>15</sup>Oir tha e ag ràdh ri Maois: “Bidh tròcair agam air an neach air am bi tròcair agam, agus gabhaidh mi truas dhan neach dhan gabh mi truas.”

<sup>16</sup>Mar sin, ma-thà, chan eil e a' crochadh air rùn daonna no air oidhirpeachadh, ach air Dia, a tha tròcaireach.

**17**Oir tha an Sgrìobtar ag ràdh ri Phàraoh: “Airson an dearbh adhbhar seo tha mi air do thogail suas, airson 's gum foillsichinn mo chumhachd annad, agus airson 's gum biodh m' ainm air a chur an cèill san talamh gu lèir.”

**18**Mar sin, ma-thà, bidh tròcair aige air ge b' e cò a roghnaicheas e, agus tha e a' cruadhachadh ge b' e cò a roghnaicheas e.

**19**Canaidh tu rium an uair sin, “Carson a tha e fhathast a' faighinn coire? Oir cò as urrainn cur an aghaidh a rùin-san?”

**20**Ach, cò thusa, a dhuine, a tha a' freagairt air ais ri Dia? “An can an rud a th' air a chumadh ris an fhear a chùm e, ‘Carson a rinn thu mar seo mi?’”

**21**Nach eil còir idir aig a chrèadhadair thairis air a' chrèadh, a dhèanamh – às an aon chnap – aon t-soitheach airson cleachdadh urramach is soitheach eile airson cleachdadh eas-urramach?

**22**Ach dè ma tha Dia – a' miannachadh a chorraich fhoillseachadh 's a chumhachd a dhèanamh aithnichte – le mòr fhoighidinn, air soitheachan na corraich ullachadh airson sgrios?

**23**Agus rinn e seo airson 's gun dèanadh e aithnichte saidhbheas a ghloire air soitheachan na tròcaire, a dh'ullaich e ro-làimh airson gloire –

**24**fiù 's sinne a tha e air a ghairm, chan ann o na h-lùdhaich a-mhàin ach o na Cinnich cuideachd?

**25**Mar a tha e cuideachd ag ràdh ann an Hosèa: “Orrasan nach robh nan sluagh dhomh, gabhaidh mi mo ‘mo shluagh-sa’; agus oirrese nach robh air a gràdhachadh, gabhaidh mi ‘gràdhaichte.’”

**26**agus, “Anns an dearbh àite far an robh e air a ràdh riutha, ‘Cha sibhse mo shluagh-sa,’ an sin thèid ‘cloinn an Dè bheò’ a ghabhail orra.”

**27**Agus tha Isaiah ag èigheach mu Israel: “Ged a bhiodh àireamh mhic Israeil mar ghainmheach na mara, cha bhi ach fuidheall dhiubh air an sàbhaladh.

**28**Oir cuiridh an Tighearna a bhinn an gnìomh air an talamh gu coileanta agus gun dàil.”

**29**Agus mar a dh'innis Isaiah ro-làimh: “Mura robh Tighearna nan slògh air sliochd fhàgail againn, bha sinn air a bhith mar Shodom agus air fàs coltach ri Gomorah.”

### **Eas-Creideamh Israeil**

**30**Dè mar sin a chanas sinn? Gun do ràinig na Cinnich, nach deach air tòir fireantachd, oirre, 's e sin, fireantachd a tha o chreideamh;

**31**ach nach do ràinig Israel, a chaidh air tòir lagh na fireantachd, an lagh sin.

<sup>32</sup>Carson? A chionn 's nach b' ann o chreideamh, ach mar gum b' ann o obraichean. Thuislich iad thairis air a' 'chloich-thuislidh.'

<sup>33</sup>Mar a tha e sgrìobhte: “Seall, tha mi a' cur ann an Sion ceap-tuislidh, agus creag oilbheim; agus ge b' e cò a chreideas ann, cha bhi e air a nàrachadh.”

## Ròmanaich 10

<sup>1</sup>A bhràithrean, 's e miann mo chridhe is m' ùrnaigh do Dhia dhaibhsan, gum biodh iad air an sàbhaladh.

<sup>2</sup>Oir tha mi a' toirt fianais mun deidhinn gu bheil eud aca airson Dhè, ach chan ann a rèir eòlais.

<sup>3</sup>Oir, aineolach mun fhìreantachd a tha a' tighinn o Dhia agus a' sireadh am fhìreantachd fhèin a shuidheachadh, cha do ghèill iad do dh'fhìreantachd Dhè.

<sup>4</sup>Oir is e Crìosd crìoch an lagha airson fireantachd dhaibhsan uile a chreideas.

<sup>5</sup>Oir tha Maois a' sgrìobhadh mun fhìreantachd a tha on lagh: “Bidh an neach a nì na rudan seo beò leotha.”

<sup>6</sup>Ach tha an fhìreantachd a tha o chreideamh ag ràdh, “Na can nad chridhe, ‘Cò a thèid suas gu nèamh?’” (Is e sin, a bhith a' toirt Chrìosd sìos)

<sup>7</sup>“no ‘Cò a thèid sìos dhan doimhneachd?’” (Is e sin a bhith a' togail Chrìosd suas o na mairbh).

<sup>8</sup>Ach dè a tha i ag ràdh? “Tha am facal faisg ort, nad bheul agus nad chridhe.” (Is e sin facal a' chreideimh a tha sinne a' cur an cèill).

<sup>9</sup>Oir, ma dh'aidicheas tu led bheul gur e Ìosa Crìosd an Tighearna agus ma chreideas tu nad chridhe gun do thog Dia on na mairbh e, bidh thu air do shàbhaladh.

<sup>10</sup>Oir is ann leis a' chridhe a tha neach a' creidsinn agus air fhìreanachadh, agus leis a' bheul a tha neach ag aideachadh 's air a shàbhaladh.

<sup>11</sup>Oir tha an Sgrìobtar ag ràdh: “A h-uile neach a chreideas annsan cha bhi e air a nàrachadh.”

<sup>12</sup>Oir chan eil eadar-dhealachadh sam bith eadar lùdhach is Greugach; 's e an aon Tighearna Tighearna nan uile, a' buileachadh a bheairteis orrasan uile a tha a' gairm air.

<sup>13</sup>Oir, “Ge b' e cò a ghairmeas air ainm an Tighearna thèid a shàbhaladh.”

**14** Ach ciamar a ghairmeas iad airsan anns nach do chreid iad? Agus ciamar a chreideas iad annsan mu nach cuala iad? Agus ciamar a chluinneas iad gun shearmonaiche?

**15** Agus ciamar a shearmonaicheas iad mura h-eil iad air an cur? Mar a tha e sgrìobhte, “Nach brèagha casan na feadhna sin a tha a' searmonachadh an deagh sgeòil!”

**16** Ach cha robh iad uile umhail dhan t-soisgeul. Oir tha Isaiah ag ràdh, “A Thighearna, cò a chreid ar teachdaireachd?”

**17** Mar sin tha creideamh a' tighinn o èisteachd, agus èisteachd tro fhacal Chrìosd.

**18** Ach, tha mi ag ràdh, nach cuala iad? Dha-rìribh chuala: “Tha an guth-san air a dhol a-mach dhan t-saoghal uile, agus am briathran gu iomallan an t-saoghail.”

**19** Ach tha mi ag ràdh, nach do thuig Israel? An toiseach tha Maois ag ràdh: “Nì mi farmadach sibh tromhpasan nach eil nan nàisean; le nàisean neo-thuigseach nì mi feargach sibh.”

**20** Agus tha Isaiah cho dàn 's gu bheil e ag ràdh: “Chaidh mo lorg leothasan nach robh gam shireadh; dh'fhoillsich mise mi fhèin dhaibhsan nach do dh'fhaighnich air mo shon.”

**21** Ach mu Israel tha e ag ràdh: “Fad an latha tha mi air mo làmhan a shìneadh a-mach ri sluagh eas-umhail 's a tha nam aghaidh.”

## **Ròmanaich 11**

### **Fuidheall Israeil**

**1** Tha mi a' faighneachd, mar sin: A bheil Dia air a shluagh a dhiùltadh? Na tachradh e gu bràth! Tha mise nam Israeleach mi fhèin, de shliochd Abrahàim, de threubh Bheniàmin.

**2** Cha do dhiùlt Dia a shluagh-san a ro-aithnich e. Nach aithne dhuibh dè a tha an Sgrìobtar ag ràdh mu Elisha, mar a tha e a' tagradh air Dia an aghaidh Israeil?

**3** “A Thighearna, tha iad air na fàidhean agad a mharbhadh, tha iad air na h-altairean agad a leagail sìos; is mise a-mhàin a tha air m' fhàgail, agus tha iad a' sireadh mo bheatha.”

**4** Ach dè a fhreagair Dia ris? “Tha mi air seachd mìle fear a chumail dhomh fhèin nach do lùb an glùin do Bhàal.”

**5** Mar sin cuideachd, aig a' cheart àm seo, tha fuidheall ann, a chaidh a thaghadh le gràs.

<sup>6</sup>Ach mas ann le gràs a tha e, chan eil e tuilleadh air bun-stèidh obraichean; no cha bhiodh gràs tuilleadh na ghràs.

<sup>7</sup>Dè mar sin? An rud a bha Israel a' sireadh, cha d' fhuair i. Fhuair an fheadhainn thaghte e, ach chaidh an còrr a chruadhachadh,

<sup>8</sup>mar a tha e sgrìobhte: “Thug Dia spiorad suaine dhaibh, sùilean airson 's nach fhaiceadh iad agus cluasan airson 's nach cluinneadh iad, sìos chun an latha seo fhèin.”

<sup>9</sup>Agus tha Daibhidh ag ràdh: “Biodh am bòrd aca a' tighinn gus a bhith na ribe 's na inneal-glacaidh, na cheap-tuislidh agus na ath-dhioladh dhaibh.

<sup>10</sup>Biodh an sùilean air an dorchnachadh airson 's nach fhaic iad, is biodh an dromannan air an cromadh gu bràth.”

### **Geugan air an Nòdachadh A-Steach**

<sup>11</sup>Mar sin tha mi ag ràdh, an do thuislich iad airson 's gun tuiteadh iad? Na tachradh e gu bràth! An àite sin, trom peacadh-san tha slàinte air tighinn gu na Cinnich, gus Israel a dhèanamh farmadach.

<sup>12</sup>A-nis ma tha am peacadh acasan a' ciallachadh saidhbhreis dhan t-saoghal, agus ma tha am fàilligeadh acasan a' ciallachadh saidhbhreis airson nan Cinneach, nach mòr mar sin a bhios an lànachd-san?

<sup>13</sup>A-nis tha mi a' bruidhinn ribhse a Chinneacha. Mar sin, chun na h-ìre 's gu bheil mi nam abstol gu na Cinnich, tha mi ag àrdachadh mo mhinistrealachd

<sup>14</sup>airson 's, ann an dòigh air choireigin, gun dèanainn farmadach sluagh mo cho-fheòla, is mar sin gun sàbhailinn cuid dhiubh.

<sup>15</sup>Oir ma tha an diùltadh-san a' ciallachadh rèiteachadh an t-saoghail, dè a bhios an ‘gabhail ris’ aca a' ciallachadh, ach beatha o na mairbh?

<sup>16</sup>Ma tha a' chiad chuid dhen taois a th' air a tairgsinn, naomh, tha 's an cnap gu lèir, agus ma tha am freumh naomh, tha 's na geugan cuideachd.

<sup>17</sup>Ach ma chaidh cuid dhe na geugan am briseadh dheth, is gun deach thusa, ged a tha thu nad chrann-ola fiadhaich, do nòdachadh a-steach nam measg agus a-nis gu bheil thu a' faighinn co-roinn ann am freumh bheathachail a' chroinn-ola,

<sup>18</sup>na bi àrdanach ri na geugan. Ma bhitheas, cuimhnich nach tusa a tha a' giùlain an fhreumha, ach gur e am freumh a tha gad giùlain-sa.

<sup>19</sup>Canaidh tu an uair sin, “Bha geugan air am briseadh dheth airson 's gum bithinn-sa air mo nòdachadh a-steach.”

**20**Tha sin fìor. Chaidh am briseadh dheth air sgàth an eas-creideimh-san, ach tha thusa a' seasamh gu daingeann tro chreideamh. Mar sin na bidh pròiseil, ach fo eagal.

**21**Oir mur an do chaomhain Dia na geugan nàdarra, cha mhotha a chaomhaineas e thusa.

**22**Faic ma-thà, coibhneas is geur-smachd Dhè, geur-smachd dhaibhsan a th' air tuiteam, ach coibhneas Dhè dhutsa, ma chumas tu ort na choibhneas. No bidh thusa cuideachd air do ghearradh às.

**23**Agus bidh fiù 's iadsan, mura lean iad orra nan eas-creideamh, air an nòdachadh a-steach, oir tha an cumhachd aig Dia gus an nòdachadh a-steach a-rithist.

**24**Oir ma bha thusa air do ghearradh às on chrann-ola a bha fiadhaich a thaobh nàdair, 's air do nòdachadh, an aghaidh nàdair, a-steach do chrann-ola àitichte, nach mòr nas motha a bhios iad seo, na geugan nàdarra, air an nòdachadh air ais a-steach dhan chrann-ola aca fhèin?

### **Bidh Israel gu Lèir air a Sàbhaladh**

**25**Oir chan eil mi ag iarraidh gum bi sibhse aineolach mun dìomhaireachd seo, a bhràithrean, airson 's nach bidh sibh glic nur barail fhèin – gu bheil cruadhachadh ann am pàirt air tighinn air Israel gus am bi làn-àireamh nan Cinneach air tighinn a-steach.

**26**Agus mar sin bidh Israel gu lèir air a sàbhaladh, mar a tha e sgrìobhte: “Thig am Fear-Saoraidh o Shion; agus tionndaidhidh e mì-dhiadhaidheachd o Iàcob.

**27**Agus is e seo mo chùmhnannt leotha, nuair a bheir mi air falbh am peacaidhean.”

**28**A thaobh an t-soisgeil, tha iad nan nàimhdean air ur sgàth-se. Ach a thaobh an taghaidh, tha iad gràdhaichte air sgàth nan athraichean;

**29**oir tha tiodhlacan is gairm Dhè gun atharrachadh.

**30**Dìreach mar a bha sibhse aig aon àm eas-umhail do Dhia, ach a-nis tha sibh air tròcair fhaighinn air sgàth an eas-ùmhlachd-san,

**31**mar sin tha iadsan a-nis cuideachd air a bhith eas-umhail air sgàth 's, leis an tròcair a chaidh a shealltainn dhuibhse, gum faigh iadsan a-nis tròcair cuideachd.

**32**Oir tha Dia air a h-uile sìon a dhùnadh suas ann a eas-ùmhlachd, airson 's gun sealladh e tròcair dhaibh uile.

### **Docseòlas**

**33**Ò, doimhne saidhbhreis is gliocais is eòlais Dhè! Nach do-rannsaichte a bhreitheanais, agus nach do-thuigsinneach a shlighean!

**34**“Oir cò aig an robh fios air inntinn an Tighearna? No cò a bha na chomhairleach dha?”

**35**“No cò a thug dhàsan an toiseach, airson 's gum biodh e air a phàigheadh air ais?”

**36**Oir is ann uaithean is troimhesan is dhàsan a tha a h-uile sìon. Dhàsan gu robh glòir gu sìorraidh. Amen.

## **Ròmanaich 12**

### **Ìobairtean Bheò**

**1**Tha mi a' guidhe oirbh mar sin, a bhràithrean, tro thròcairean Dhè, ur bodhaigean a nochdadh nam beò-ìobairt, naomh is iomchaidh do Dhia, 's e sin ur n-adhradh spioradail.

**2**Na bithibh air ur cumadh ris an t-saoghal seo, ach bithibh air ur cruth-atharrachadh tro ath-nuadhachadh ur n-inntinn, airson 's gun dearbh sibh dè toil Dhè – dè a tha math is iomchaidh is coileanta.

**3**Oir leis a' ghràs a chaidh a thoirt dhomh, tha mi ag ràdh ris a h-uile neach nur measg gun a bhith a' smaoinichadh ma dheidhinn fhèin nas àirde na bu chòir dha, ach a bhith a' smaoinichadh le breithneachadh sòbarra, gach neach a rèir an tomhas creideimh a tha Dia air a shònrachadh.

**4**Oir mar ann an aon bhodhaig a tha mòran bhall againn, agus nach eil an aon obair aig a h-uile ball

**5**mar sin sinne, a tha nar mòran, tha sinn nar n-aon bhodhaig ann an Crìosd, agus fa leth nar buill de chàch-a-chèile.

**6**Tha tiodhlacan againn a tha eadar-dhealaichte a rèir a' ghràis a chaidh a thoirt dhuinn: mas e fàidheadaireachd, a rèir tomhas ar creideimh;

**7**mas e seirbheis, nar seirbheis; an neach a theagaisgeas, na theagasg;

**8**an neach a nì earail, na earalachadh; an neach a bhuilicheas, ann am fialaidheachd; an neach a threòraicheas, gu dìcheallach; an neach a nì gnìomhan tròcaireach, gu sunndach.

### **Gràdh**

**9**Biodh gràdh gun cheilg. Biodh gràin agaibh dha na tha olc; cumaibh grèim daingeann air na tha math.

**10**Ann an gràdh bràithreil gràdhaichibh a chèile. Ann an urram thoiribh àite dha chèile.

<sup>11</sup>Ann an eud na bithibh leisg, ann an spiorad bithibh dùrachdach, dhan Tighearna a' dèanamh seirbheis.

<sup>12</sup>Ann an dòchas, dèanaibh gàirdeachas, ann an trioblaid, buanaichibh, ann an ùrnaigh, bithibh seasmhach.

<sup>13</sup>Cuidichibh le feumalachdan nan naomh agus thoiribh aoigheachd.

<sup>14</sup>Beannaichibh iadsan a nì geur-leanmhainn oirbh; beannaichibh is na mallaichibh iad.

<sup>15</sup>Dèanaibh gàirdeachas leothasan a tha ri gàirdeachas, agus caoidh leothasan a tha ri caoidh.

<sup>16</sup>Bithibh ann an co-chòrdadh ri càch-a-chèile. Na bithibh àrdanach, ach biodh comann agaibh leothasan a tha ìosal. Na bithibh glic nur barail fhèin.

<sup>17</sup>Na pàighibh air ais olc airson uilc, ach smaoinichibh mu na tha ceart mu choinneamh dhaoin' uile.

<sup>18</sup>Ma tha e an comas, cho fada 's a tha e an crochadh oirbhse, bithibh beò ann an sìth leis a h-uile duine.

<sup>19</sup>A chàirdean ghràdhach, na dèanaibh dìoghaltas air ur son fhèin, ach fàgaibh aig corraich Dhè e, oir tha e sgrìobhte, “Is ann leamsa a tha dìoghaltas, pàighidh mise air ais, tha an Tighearna ag ràdh.”

<sup>20</sup>Air a chaochladh: “Ma tha do nàmhaid acrach, thoir biadh dha; ma bhios am pathadh air, thoir deoch dha; oir le bhith a' dèanamh seo càrnaidh tu èibhlean teine air a cheann.”

<sup>21</sup>Na bi air do chur fo bhuaidh leis an olc, ach thoir buaidh air an olc leis a' mhath.

## Ròmanaich 13

### Ùmhlachd dha na h-Ùghdarrasan

<sup>1</sup>Biodh gach neach umhail dha na h-ùghdarrasan a tha a' riaghladh. Oir chan eil ùghdarras ann ach o Dhia, agus chaidh an fheadhainn a tha ann an stèidheachadh le Dia.

<sup>2</sup>Mar sin tha esan a chuireas an aghaidh ùghdarras a' cur an aghaidh an rud a shuidhich Dia, agus iadsan a chuireas na aghaidh, gheibh iad breitheanas.

<sup>3</sup>Oir chan eil na riaghladairean nan adhbhar oillt do dheagh obraichean, ach do dhroch obraichean. Am miann leat a bhith gun eagal bhon ùghdarras? Dèan am math is gheibh thu a mholadh;

<sup>4</sup>oir is esan seirbheiseach Dhè dhutsa airson maith. Ach ma nì thu na tha ceàrr, biodh eagal ort, oir chan eil e a' giùlain a' chlàidheimh gu dìomhain.



Oir is esan seirbheiseach Dhè, dìoghaltair a tha a' toirt corraich Dhè air an neach a nì olc.

<sup>5</sup>Mar sin, feumaidh neach a bhith umhail, chan ann a-mhàin air sgàth corraich, ach cuideachd air sgàth a' chogais.

<sup>6</sup>Air an aon adhbhar tha sibh cuideachd a' pàigheadh chìsean, oir tha iad nan seirbheisich Dhè, a' frithealadh an nì seo fhèin.

<sup>7</sup>Thoir dhan a h-uile duine a chòir: dhaibhsan dham bheil còir air cìsean, cìsean; dhaibhsan dham bheil còir air teachd a-steach, teachd a-steach; dhaibhsan dham bheil còir air eagal, eagal; dhaibhsan dham bheil còir air urram, urram.

### **Tha Gràdh a' Coileanadh an Lagha**

<sup>8</sup>Na biodh fiachan aig neach sam bith oirbh, oir tha an neach a tha a' gràdhachadh neach eile air an lagh a choileanadh.

<sup>9</sup>Tha na h-àitheantan, “Na dèan adhaltranas, na dèan murt, na dèan goid, na sanntaich,” agus àithne sam bith eile, air an cur ann an geàrr-chunntas mar seo, “Gràdhaichidh tu do choimhearsnach mar thu fhèin.”

<sup>10</sup>Cha dèan gràdh olc sam bith air coimhearsnach; mar sin 's e gràdh coileanadh an lagha.

### **Tha an Latha Faisg**

<sup>11</sup>A bharrachd air a seo, tha sibh eòlach air an àm, gur e seo an uair againne dùsgadh o chadal, oir tha ar slàinte nas fhaisge oirnn a-nis na nuair a chreid sinn.

<sup>12</sup>Tha an oidhche air a dhol air adhart; tha an latha faisg air làimh. Mar sin cuireamaid a thaobh obraichean an dorchadais agus cuireamaid oirnn armachd an t-solais.

<sup>13</sup>Coisicheamaid gu ceart, mar san latha; chan ann ann an ruidhtearachdan no ann am misg, chan ann ann am feise mì-mhoralta is feòlmhorachd, chan ann ann an còmhstri 's ann am farmad.

<sup>14</sup>Ach, cuiribh oirbh an Tighearna Ìosa Crìosd, agus na dèanaibh ullachadh airson na feòla, airson a miannan a riarachadh.

## **Ròmanaich 14**

### **Iadsan a Tha Lag agus Iadsan a Tha Làidir**

<sup>1</sup>Gabhaibh ris an neach a tha lag sa chreideamh, ach chan ann airson a bhith ag argamaid mu bheachdan.

<sup>2</sup>Tha aon neach a' creidsinn gum faod e rud sam bith ithe, ach tha an duine lag ag ithe glasraich a-mhàin.

<sup>3</sup>Na cuireadh esan a dh'itheas ann an suarachas esan a tha a' seachnadh, agus na toireadh esan nach eil ag ithe breith air an neach a dh'itheas, oir tha Dia air gabhail ris.

<sup>4</sup>Cò th' annadsa a tha a' toirt breith air seirbheiseach neach eile? Is ann mu choinneamh a mhaighstir fhèin a sheasas no a thuiteas e. Agus seasaidh e, oir tha an Tighearna an comas toirt air seasamh.

<sup>5</sup>Tha aon neach a' meas aon latha thar latha eile, 's tha neach eile a' meas a h-uile latha coltach ri chèile. Bu chòir do gach neach a bhith làn-dhearbhte na inntinn fhèin.

<sup>6</sup>Tha an neach a chumas an latha ga chumail dhan Tighearna. Tha an neach a dh'itheas ag ithe dhan Tighearna, on a tha e a' toirt taing do Dhia, agus an neach nach ith, chan eil e ag ithe dhan Tighearna, agus tha e a' toirt taing do Dhia.

<sup>7</sup>Oir chan eil neach againn beò dha fhèin, agus chan eil neach a' bàsachadh dha fhèin.

<sup>8</sup>Oir ma tha sinn beò, tha sinn beò dhan Tighearna, agus ma bhàsaicheas sinn, bàsaichidh sinn dhan Tighearna. Mar sin, ged a bhiodh sinn beò, no a bhàsaicheadh sinn, 's ann leis an Tighearna a tha sinn.

<sup>9</sup>Oir airson an adhbhair sin fhuair Crìosd bàs, agus bha e beò a-rithist, airson 's gum biodh Tighearnas aige an dà chuid thar nam mairbh is nam beò.

<sup>10</sup>Carson a tha thusa a' toirt breith air do bhràthair? No thusa, carson a tha thu a' dèanamh tàir air do bhràthair? Oir seasaidh sinn uile mu choinneamh cathair-breitheanais Dhè.

<sup>11</sup>Oir tha e sgrìobhte: “Mar a tha mise beò,’ tha an Tighearna ag ràdh, ‘lùbaidh gach glùin dhòmhsa, agus nì gach teanga aideachadh do Dhia.”

<sup>12</sup>Mar sin bheir gach aon againn cunntas ma dheidhinn fhèin do Dhia.

<sup>13</sup>Air an adhbhar sin na toireamaid breith air càch-a-chèile, ach an àite sin roghnaicheadh nach cuir sinn clach-tuislidh no ceap-tuislidh ann an slighe bràthar.

<sup>14</sup>Is aithne dhomh agus tha mi dearbhte san Tighearna Ìosa nach eil sìon neòghlan ann fhèin, ach gu bheil e neòghlan dhàsan a tha a' smaoinichadh gu bheil e neòghlan.

<sup>15</sup>Oir ma tha do bhràthair air a leòn le na tha thu ag ithe, chan eil thu tuilleadh a' coiseachd a rèir gràidh. Na sgrios, le na tha thu ag ithe, an neach dhan do bhàsaich Crìosd.

<sup>16</sup>Mar sin na leigibh gun deigheadh bruidhinn gu h-olc mun rud a tha math.

<sup>17</sup>Oir chan eil rìoghachd Dhè mu ithe 's mu òl ach mu fhìreantachd is mu shìth is mu aoibhneas san Spiorad Naomh.

<sup>18</sup>Oir an neach a nì an t-seirbheis seo do Chrìosd tha e taitneach do Dhia agus air a dheagh mheasadh le daoine.

<sup>19</sup>Mar sin, leanamaid na rudan a tha a' dèanamh sìth agus na rudan a bhios a' togail suas càch-a-chèile.

<sup>20</sup>Na sgrios obair Dhè air sgàth bìdh. Tha a h-uile sìon dha-rìribh glan, ach tha e ceàrr do neach sam bith toirt air neach eile tuisleadh le bhith ag ithe.

<sup>21</sup>Tha e math gun feòil ithe no fìon òl, no rud sam bith a dhèanamh a bheir air do bhràthair tuisleadh.

<sup>22</sup>An creideamh a th' agad, biodh e agad fhèin mu choinneamh Dhè. Is beannaichte an neach nach toir breith air fhèin le na bhios e a' moladh.

<sup>23</sup>Ach esan a tha teagmhach, tha e air a dhìteadh ma dh'itheas e, a chionn 's nach eil sin o chreideamh; oir a h-uile sìon nach eil o chreideamh, 's e peacadh a th' ann.

## Ròmanaich 15

<sup>1</sup>Bu chòir dhuinne a tha làidir laigsean na feadhna nach eil làidir a ghiùlain, agus chan e a bhith gar toileachadh fhèin.

<sup>2</sup>Toilicheadh gach aon againn a choimhearsnach airson a mhaith, gus a thogail suas.

<sup>3</sup>Oir cha do thoilich fiù 's Crìosd e fhèin, ach mar a tha e sgrìobhte, “Na dìmeasan acasan a thug dìmeas dhutsa, thuit iad ormsa.”

<sup>4</sup>Oir, ge b' e dè a bha sgrìobhte roimhe, bha e air a sgrìobhadh airson ar teagasg-ne, airson 's tro fhoighidinn is tro mhisneachd nan Sgrìobtar gum biodh dòchas againn.

<sup>5</sup>Gun toireadh Dia na foighidinn 's a' mhisneachaidh dhuibh a bhith a' smaoinichadh san aon dòigh nur measg fhèin, a rèir Ìosa Crìosd,

<sup>6</sup>airson 's, a dh'aon inntinn, le aon ghuth, gun toireadh sibh glòir do Dhia is Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd.

<sup>7</sup>Mar sin gabhaibh ri chèile mar a ghabh Crìosd ribhse, gu glòir Dhè.

<sup>8</sup>Oir tha mi ag innse dhuibh gun tàinig Crìosd gus a bhith na sheirbheiseach dhan timcheall-ghearradh air sgàth firinn Dhè airson 's gun dearbhadh e na geallaidhean a chaidh a thoirt dha na h-athraichean,

<sup>9</sup>agus airson 's gun glòraicheadh na Cinnich Dia airson a thròcair. Mar a tha e sgrìobhte: “Mar sin molaidh mi thu am measg nan Cinneach, agus seinnidh mi dhad ainm.”

<sup>10</sup>Agus a-rithist tha e ag ràdh: “Dèanaibh aoibhneas, a Chinneacha, le a shluagh-san.”

<sup>11</sup>Agus a-rithist: “Molaibh an Tighearna, a Chinneacha uile, agus thoireadh na slòigh gu lèir moladh dha.”

<sup>12</sup>Agus a-rithist tha Isaiah ag ràdh: “Bidh freumh lese ann, agus an neach a dh'èireas airson na Cinnich a riaghladh; annsan cuiridh na Cinnich an dòchas.”

<sup>13</sup>Gum biodh Dia an dòchais gur lìonadh leis a h-uile h-aoibhneas is sìth ann a bhith a' creidsinn, airson 's gum biodh sibh a' cur thairis le dòchas, tro chumhachd an Spioraid Naoimh.

### **Pòl, Ministear gu na Cinnich**

<sup>14</sup>Tha mise mi fhèin dearbhte mur deidhinn, mo bhràithrean, gu bheil sibhse sib' fhèin làn maith, air ur lìonadh leis a h-uile h-eòlas agus an comas càch-a-chèile earalachadh.

<sup>15</sup>Ach ann am pàirt tha mi air sgrìobhadh thugaibh nas dàine gus an chuimhneachadh dhuibh, air sgàth a' ghràis a chaidh a thoirt dhòmhsa le Dia,

<sup>16</sup>gus a bhith nam mhinisteir de Chrìosd Ìosa dha na Cinnich ann an seirbheis shagartail soisgeul Dhè, airson 's gum bi tabhartas nan Cinneach fìor-ìomchaidh, air a naomhachadh leis an Spiorad Naomh.

<sup>17</sup>Mar sin, tha bòst agam ann an Crìosd Ìosa mu ghnòthaichean Dhè.

<sup>18</sup>Oir cha dùraiginn bruidhinn air rud sam bith ach na tha Crìosd air a thoirt gu buil tromham airson na Cinnich a thoirt gu ùmhlachd – tro fhacal is gnìomh,

<sup>19</sup>le cumhachd chomharraidhean is mhìorbhailean, le cumhachd Spiorad Dhè – airson 's, o Ierusalem is fad na slighe timcheall gu Iliricum, gu bheil mi air ministrealachd soisgeul Chrìosd a choileanadh;

<sup>20</sup>agus mar sin le àrd-amas an soisgeul a shearmonachadh, chan ann far a bheil Crìosd air ainmeachadh, airson 's nach togainn air bunait chuideigin eile,

<sup>21</sup>ach mar a tha e sgrìobhte: “Dhaibhsan dha nach deach innse ma dheidhinn, chì iad, agus iadsan nach cuala, tuigidh iad.”

<sup>22</sup>Agus mar sin chaidh bacadh a chur orm gu tric on a bhith a' tighinn thugaibh.

## Plana Phòil a Bhith a' Tadhal san Ròimh

<sup>23</sup>Ach a-nis, 's gun tuilleadh àite agam sna ceàrnaidhean seo, agus gu bheil miann air a bhith agam tighinn thugaibh airson mòran bhliadhnaichean,

<sup>24</sup>tha mi an dòchas ur faicinn ge b' e cuin a shiùbhlas mi dhan Spàinn, agus a bhith air mo chuideachadh air mo shlighe an sin leibh, ma mhealas mi ur cuideachd airson greis an toiseach.

<sup>25</sup>A-nis, ge-tà, tha mi a' dol a dh'Ierusalem a' frithealadh dha na naoimh.

<sup>26</sup>Oir tha Macedònia is Achaia air a bhith toilichte tabhartas àraidh a thoirt airson nam bochd am measg nan naomh ann an Ierusalem.

<sup>27</sup>Oir bha iad toilichte, agus tha iad fo fhiachan dhaibh. Oir ma thàinig na Cinnich gus a bhith a' faighinn roinn sna gnothaichean spioradail acasan, bu chòir dhaibh cuideachd a bhith a' frithealadh dhaibhsan ann an gnothaichean an t-saoghail seo.

<sup>28</sup>Mar sin, a' crìochnachadh seo agus a' seulachadh dhaibh an toradh seo, thèid mi dhan Spàinn, an taobh agaibhse.

<sup>29</sup>Tha fios agam, nuair a thig mi thugaibh, gun tig mi ann an lànachd bheannachd Chrìosd.

<sup>30</sup>Tha mi a' guidhe oirbh, a bhràithrean, tro ar Tighearna Ìosa Crìosd is tro ghràdh an Spioraid, strì a dhèanamh còmhla riumsa nur n-ùrnaighean ri Dia air mo shon-sa,

<sup>31</sup>airson 's gum bithinn air mo shaoradh o na h-ana-creidmich ann an Iudèa, is gum biodh mo fhrithealadh do dh'Ierusalem fìor-iomchaidh dha na naoimh,

<sup>32</sup>airson 's nuair a tha mi air tighinn thugaibh le aoibhneas tro thoil Dhè, gum bi mi air m' ùrachadh còmhla ribh.

<sup>33</sup>Gum biodh Dia na sìthe còmhla ribh uile. Amen.

## Ròmanaich 16

### Fàiltean Phearsanta

<sup>1</sup>Tha mi a' moladh dhuibh ar piuthar Phoibe, searbhanta dhan eaglais ann an Cenchrèa,

<sup>2</sup>airson 's gun gabh sibh rithe san Tighearna ann an dòigh a tha airidh air na naoimh, agus gun seas sibh leatha ann an ge b' e dè a tha a dhìth oirre uaibh, oir tha i air a bhith na neach-taice do mhòran, agus dhòmhsa fhèin.

<sup>3</sup>Cuiribh fàilte air Prisca is Acuila, mo cho-luchd-obrach ann an Ìosa Crìosd,

- <sup>4</sup>a chuir an amhaichean fhèin ann an cunnart airson mo bheatha-sa, dham bheil, chan e a-mhàin mise, ach eaglaisean nan Cinneach gu lèir a' toirt taing cuideachd.
- <sup>5</sup>Cuiribh fàilte cuideachd air an eaglais san taigh aca. Cuiribh fàilte air Epenetas as gràdh leamsa, a bha na chiad-thoradh do Chrìosd ann an Àisia.
- <sup>6</sup>Cuiribh fàilte air Màiri, a th' air obrachadh gu cruaidh air ur son.
- <sup>7</sup>Cuiribh fàilte air Andronichus agus air Iunias, mo luchd-dàimh agus mo cho-phrìosanaich. Tha iad cliùiteach am measg nan abstol, agus bha iad ann an Crìosd romhamsa.
- <sup>8</sup>Cuiribh fàilte air Ampliatus, as gràdh leam san Tighearna.
- <sup>9</sup>Cuiribh fàilte air Urbanus, ar co-obraiche ann an Crìosd, agus air Stachis as gràdh leam.
- <sup>10</sup>Cuiribh fàilte air Apelles, a th' air a dheagh mheasadh ann an Crìosd. Cuiribh fàilte orrasan a bhuineas do theaghlach Aristobulus.
- <sup>11</sup>Cuiribh fàilte air Herodion, mo neach-dàimh. Cuiribh fàilte orrasan san Tighearna a bhuineas do theaghlach Narcisuis.
- <sup>12</sup>Cuiribh fàilte air Triphena is Triphòsa iadsan a tha nan luchd-obrach san Tighearna. Cuiribh fàilte air Persis as gràdh leam, a th' air obair chruaidh a dhèanamh san Tighearna.
- <sup>13</sup>Cuiribh fàilte air Rùfus, taghte san Tighearna; agus a mhàthair, a tha na màthair dhòmhsa.
- <sup>14</sup>Cuiribh fàilte air Asincritus, Phlegon, Hermes, Patrobas, Hermas, is na bràithrean a tha còmhla riutha.
- <sup>15</sup>Cuiribh fàilte air Philologus, Iulia, Nereus agus a phiuthar, is Olimpas, agus còmhla riuthasan na naoimh gu lèir.
- <sup>16</sup>Cuiribh fàilte air a chèile le pòig naoimh. Tha eaglaisean Chrìosd a' cur fàilte oirbh.
- <sup>17</sup>Tha mi a' cur ìmpidh oirbh, a bhràithrean, an aire a thoirt orrasan a tha a' dèanamh sgaraidhean is ceapan-tuislidh a tha an aghaidh an teagaisg a dh'ionnsaich sibh; seachnaibh iad.
- <sup>18</sup>Oir chan eil an leithidean sin a' dèanamh seirbheis dhar Tighearna Crìosd, ach dham miannan fhèin, agus le còmhradh mìn is miodal tha iad a' mealladh cridheachan nan neoichiontach.
- <sup>19</sup>Oir tha aithris ur n-ùmhlachd-se air tighinn chun na h-uile, mar sin tha mi a' dèanamh gàirdeachas mur deidhinn, ach tha mi airson 's gum bi sibh glic a thaobh dè a tha math, agus ionraic a thaobh dè a tha olc.

**20**Brùthaidh Dia na sìthe a dh'aithghearr an Sàtan for casan. Gun robh gràs ar Tighearna Ìosa còmhla ribh.

**21**Tha Timòteus, mo cho-obraiche, a' cur fàilte oirbh; tha agus Lucius is làson is Sosipater, mo luchd-dàimh.

**22**Tha mise Tertius, a sgrìobh an litir seo, a' cur fàilte oirbh san Tighearna.

**23**Tha Gaius, a tha a' toirt aoigheachd dhòmhsa 's dhan eaglais gu lèir, a' cur fàilte oirbh. Tha Erastus, stiùbhard a' bhaile, agus Quartus, am bràthair, a' cur fàilte oirbh.

**24**Gu robh gràs ar Tighearna Ìosa Crìosd còmhla ribh uile. Amen.

**25**A-nis dhàsan a tha comasach air sibhse a stèidheachadh a rèir mo shoisgeul-sa agus searmonachadh Ìosa Crìosd, a rèir taisbeanadh an dìomhaireachd a bh' air a chumail falaichte airson linntean fada,

**26**ach a chaidh fhoillseachadh a-nis agus tro Sgrìobtaran nam fàidhean, a chaidh a dhèanamh aithnichte dhan a h-uile nàisean, a rèir àithne an Dè shìorraidh airson ùmhlachd a' chreideimh –

**27**do Dhia a tha a-mhàin glic, gu robh glòir tro Ìosa Crìosd gu sìorraidh. Amen.

## 1 Corintianaich

### 1 Corintianaich 1

<sup>1</sup>Pòl, air a ghairm gus a bhith na abstol do dh'Ìosa Crìosd tro thoil Dhè, agus Sostenes ar bràthair,

<sup>2</sup>Gu eaglais Dhè a th' ann an Corintus, thucasan a th' air an naomhachadh ann an Crìosd Ìosa, air an gairm gus a bhith nan naoimh, cuide riuthasan uile a tha, sa h-uile h-àite, a' gairm air ainm ar Tighearna Ìosa Crìosd, an Tighearna acasan agus againne:

<sup>3</sup>Gràs dhuibh agus sìth o Dhia ar n-Athair agus an Tighearna Ìosa Crìosd.

#### Taingeachd

<sup>4</sup>Tha mi a' toirt taing dham Dhia an-còmhnaidh air ur son air sgàth gràs Dhè a bh' air a thoirt dhuibh ann an Crìosd Ìosa,

<sup>5</sup>gun robh sibh sa h-uile dòigh air ur dèanamh saidhbhir annsan sa h-uile facal 's a h-uile h-eòlas –

<sup>6</sup>dìreach mar a bha an teisteanas mu Chrìosd air a dhearbhadh annaibh –

<sup>7</sup>airson 's nach eil sibh a dhìth tiodhlac spioradail sam bith, fhad 's a tha sibh a' feitheamh air taisbeanadh ar Tighearna Ìosa Crìosd,

<sup>8</sup>a neartaicheas cuideachd sibh chun an deiridh, gun chionta air latha ar Tighearna Ìosa Crìosd.

<sup>9</sup>Tha Dia dìleas, tron deach ur gairm a-steach do chomann a Mhic, Ìosa Crìosd ar Tighearna.

#### Sgaraidhean mu Cheannardan san Eaglais

<sup>10</sup>A-nis tha mi a' guidhe oirbh, a bhràithrean, tro ainm ar Tighearna Ìosa Crìosd, gun aontaich sibh uile agus nach biodh sgaraidhean nur measg, ach gum bi sibh air ur n-aonadh san aon inntinn agus san aon rùn.

<sup>11</sup>Oir chaidh innse dhòmhsa, mo bhràithrean, leothasan a bhuineas do Chloe, gu bheil còmhstri nur measg.

<sup>12</sup>Is e seo a tha mi a' ciallachadh, gu bheil gach aon agaibh ag ràdh, “Is ann le Pòl a tha mise,” no “Is ann le Apollos a tha mise,” no “Is ann le Cèphas a tha mise,” no “Is ann le Crìosd a tha mise.”

<sup>13</sup>A bheil Crìosd air a roinn? An deach Pòl a cheusadh air ur son? No an robh sibh air ur baisteadh ann an ainm Phòil?

<sup>14</sup>Tha mi a' toirt taing do Dhia nach do bhaist mi duin' agaibh ach Crispus is Gaius,



<sup>15</sup>airson 's nach fhaodadh neach sam bith a ràdh gun deach ur baisteadh nam ainm-sa.

<sup>16</sup>A-nis, bhaist mi cuideachd teaghlach Stephanuis. A bharrachd air a sin, chan aithne dhomh gun do bhaist mi neach sam bith eile.

<sup>17</sup>Oir cha do chuir Crìosd a-mach mi a bhaisteadh, ach a shearmonachadh an soisgeul, agus chan ann le gliocas facail, air eagal 's gum biodh crann-ceusaidh Chrìosd air fhalmhachadh.

### **Crìosd air a Cheusadh: Gliocas agus Cumhachd Dhè**

<sup>18</sup>Oir tha facal a' chroinn-ceusaidh na amaideachd dhaibhsan a tha a' dol às an rathad, ach dhuinne a tha gar sàbhaladh, 's e cumhachd Dhè a th' ann.

<sup>19</sup>Oir tha e sgrìobhte: “Sgrìosaidh mi gliocas nan glìce, agus diùltaidh mi tuigse nan tuigseach.”

<sup>20</sup>Càit a bheil an neach a tha glìc? Càit a bheil an sgrìobhaiche? Càit a bheil neach-deasbaid na linne seo? Nach do rinn Dia gliocas an t-saoghail seo amaideach?

<sup>21</sup>Oir a-nis ann an gliocas Dhè cha b' aithne dhan t-saoghal Dia tro ghliocas, thoilich e Dia, tro amaideas na tha sinn a' searmonachadh, iadsan a chreideas a shàbhaladh.

<sup>22</sup>Oir tha na h-lùdhaich ag iarraidh chomharraidhean agus tha na Greugaich a' sireadh gliocais,

<sup>23</sup>ach tha sinne a' searmonachadh Chrìosd air a cheusadh, dha na h-lùdhaich na cheap-tuislidh, agus dha na Cinnich na amaideachd,

<sup>24</sup>ach dhaibhsan a th' air an gairm, an dà chuid lùdhaich is Greugaich, is e Crìosd cumhachd Dhè agus gliocas Dhè.

<sup>25</sup>Oir tha amaideachd Dhè nas glìce na daoine, agus tha laigse Dhè nas làidire na daoine.

<sup>26</sup>Oir smaoinichibh mur gairm, a bhràithrean, cha robh mòran agaibh glìc a rèir na feòla, cha robh mòran cumhachdach, cha robh mòran o bhreith uasail.

<sup>27</sup>Ach thagh Dia na tha amaideach san t-saoghal airson an fheadhainn ghlice a nàrachadh; thagh Dia na tha lag san t-saoghal airson an fheadhainn làidir a nàrachadh;

<sup>28</sup>thagh Dia na tha ìosal 's air a chur ann an suarachas san t-saoghal agus na rudan nach eil ann, airson na rudan a tha ann, a thoirt gu neoni,

<sup>29</sup>airson 's nach bòstadh neach sam bith ann am fianais Dhè.

<sup>30</sup>Is esan prìomh bhunait ur beatha ann an Ìosa Crìosd, a rinn Dia dhuinne: na gliocas, na fhìreantachd, na naomhachd, agus na shaorsa.

<sup>31</sup>Mar sin, mar a tha e sgrìobhte: “Am fear a bhòstadh, bòstadh e san Tighearna.”

## **1 Corintianaich 2**

<sup>1</sup>Nuair a thàinig mise thugaibh, a bhràithrean, cha tàinig mi thugaibh a' cur an cèill dìomhaireachd Dhè le cainnt uachdarach no gliocas.

<sup>2</sup>Oir chuir mi romham gun eòlas a chur air rud sam bith nur measg ach Ìosa Crìosd agus esan air a cheusadh.

<sup>3</sup>Agus bha mi còmhla ribh ann an laigse is ann an eagal is ann am mòran ball-chrith

<sup>4</sup>agus cha robh mo bhruidhinn is mo shearmonachadh ann am briathran gliocais a tharraingeachas neach a thaobh, ach ann an taisbeanadh an Spioraid 's a' chumhachd,

<sup>5</sup>airson 's nach biodh ur creideamh-se ann an gliocas dhaoine ach ann an cumhachd Dhè.

### **Gliocas Dhè air Fhoillseachadh tron Spiorad**

<sup>6</sup>A dh'aindeoin sin am measg nan inbheach tha sinn a' bruidhinn gliocas, ged nach e gliocas na linne seo a th' ann no gliocas riaghladairean na linne seo, a tha a' tighinn gu neoni.

<sup>7</sup>Ach tha sinn a' bruidhinn dìomhaireachd fhalaichte Dhè, a dh'òrdaich Dia ron t-saoghal airson ar glòir-ne.

<sup>8</sup>Cha do thuig gin de riaghladairean an t-saoghail seo, oir nan robh iad air tuigsinn, cha bhiodh iad air Tighearna na glòire a cheusadh.

<sup>9</sup>Ach, mar a tha e sgrìobhte: “Chan fhaca sùil, cha chuala cluas, agus cha tàinig a-steach do chridhe duine na rudan a dh'ullaich Dia dhaibhsan aig a bheil gràdh dha” –

<sup>10</sup>na rudan sin, tha Dia air fhoillseachadh dhuinne tron Spiorad. Oir tha an Spiorad a' rannsachadh a h-uile sìon, fiù 's rudan domhain Dhè.

<sup>11</sup>Oir cò dhan aithne smuaintean neach ach spiorad an neach sin fhèin, a tha na bhroinn? Mar sin cuideachd chan eil neach sam bith a' tuigsinn smuaintean Dhè ach Spiorad Dhè.

<sup>12</sup>A-nis tha sinn air sealbhachadh, chan e spiorad an t-saoghail, ach an Spiorad a tha o Dhia, airson 's gun tuigeamaid na rudan a chaidh a thoirt dhuinn gu saor le Dia.

<sup>13</sup>Agus tha sinn a' bruidhinn na rudan sin ann am briathran nach deach an teagasg le gliocas dhaoine, ach a chaidh an teagasg leis an Spiorad, ag eadar-mhìneachadh rudan spioradail dhaibhsan a tha spioradail.

<sup>14</sup>Chan eil an neach nàdarra a' gabhail ri rudan Spiorad Dhè, oir tha iad nan amaideachd dha, agus chan eil e an comas dha an tuigsinn a chionn 's gu bheil iad air an tuigsinn gu spioradail.

<sup>15</sup>Tha an neach spioradail a' tuigsinn a h-uile sìon, ach chan eil e fhèin ri bhith air a chur fo bhreith le neach sam bith:

<sup>16</sup>“Oir cò dham b' aithne inntinn an Tighearna airson 's gun teagaisgeadh e e?” Ach tha inntinn Chrìosd againne.

## **1 Corintianaich 3**

### **A thaobh Sgaraidhean san Eaglais**

<sup>1</sup>Agus cha b' urrainn dhòmhsa, a bhràithrean, bruidhinn ribhse mar ri daoine spioradail, ach mar ri daoine feòlmhor, mar leanabanan ann an Crìosd.

<sup>2</sup>Thug mi bainne dhuibh ri òl, is cha b'e biadh, oir cha robh sibh deiseil air a shon. Agus fiù 's an dràsta chan eil sibh deiseil air a shon,

<sup>3</sup>oir tha sibh fhathast feòlmhor. Oir fhad 's a tha farmad agus strì nur measg, nach ann feòlmhor a tha sibh, agus a' coiseachd mar dhaoine?

<sup>4</sup>Oir nuair a chanas cuideigin, “Is ann le Pòl a tha mise,” agus neach eile, “Is ann le Apollos a tha mise,” nach eil sibh feòlmhor?

<sup>5</sup>Dè mar sin a th' ann an Apollos? Dè a th' ann am Pòl? Seirbheisich tron do chreid sibh – mar a thug an Tighearna do gach aon.

<sup>6</sup>Chuir mise, dh'uisgich Apollos, ach is e Dia a dh'adhbhraich am fàs.

<sup>7</sup>Mar sin chan eil rud sam bith san neach a chuireas no san neach a dh'uisgicheas, ach a-mhàin ann an Dia a tha ag adhbhrachadh an fhàis.

<sup>8</sup>Tha esan a chuireas agus esan a dh'uisgicheas nan aon, agus gheibh gach aon a thuarastal a rèir a shaothrach fhèin.

<sup>9</sup>Oir is sinne co-luchd-obrach Dhè. Is sibhse achadh Dhè, togalach Dhè.

<sup>10</sup>A rèir gràs Dhè a chaidh a thoirt dhòmhsa, mar shàr-fhear-togail glic, shuidhich mi bunait, agus tha neach eile a' togail oirre. Thoireadh gach neach an aire ciamar a thogas e oirre.

<sup>11</sup>Oir chan urrainn do neach sam bith bunait a shuidheachadh a bharrachd air an tè sin a chaidh a suidheachadh, as e Ìosa Crìosd.

**12**A-nis ma thogas neach sam bith air a' bhunait le òr, airgead, clachan prìseil, fiodh, feur, connlach –

**13**bidh obair gach neach air fhoillseachadh, oir nochdaidh an Latha i, a chionn 's gun tèid a foillseachadh le teine, agus dearbhaidh an teine dè an seòrsa obair a tha gach aon air a dhèanamh.

**14**Ma dh'fhanas obair neach sam bith a thog air a' bhunait, gheibh e duais.

**15**Ma bhios obair neach sam bith air a losgadh, fulaingidh e call, ged a bhios e fhèin air a shàbhaladh, ach mar tro theine.

**16**Nach aithne dhuibh gur sibhse teampall Dhè agus gu bheil Spiorad Dhè a' còmhnaidh annaibh?

**17**Ma thruailleas neach sam bith teampall Dhè, sgriosaidh Dia an neach sin. Oir tha teampall Dhè naomh, agus is sibhse e.

**18**Na mealladh neach sam bith e fhèin. Ma tha neach sam bith nur measg a' smaoineachadh gu bheil e glic san linn seo, biodh e na amadan airson 's gum fàsadh e glic.

**19**Oir tha gliocas an t-saoghail seo na amaideachd do Dhia. Oir tha e sgrìobhte, “Tha e a' glacadh nan daoine glìce nan seòltachd,”

**20**agus a-rithist, “Is aithne dhan Tighearna smuaintean nan daoine glìce, gu bheil iad dìomhain.”

**21**Mar sin na bòstadh neach sam bith ann an daoine. Oir is ann leibhse a tha a h-uile sìon,

**22**ge b' e Pòl no Apollos no Cèphas no an saoghal no beatha no bàs no rudan a th' ann no a tha ri thighinn – is ann leibhse a tha iad uile,

**23**agus is ann le Crìosd a tha sibhse, agus is ann le Dia a tha Crìosd.

## **1 Corintianaich 4**

### **Nàdar Fìor Abstolachd**

**1**Is ann mar seo a bu chòir do neach ar meas, mar sheirbheisich do Chrìosd agus stiùbhardan de dhìomhaireachdan Dhè.

**2**A thuilleadh air a seo, tha e air iarraidh air stiùbhardan gum bi iad air am faighinn airidh air earbsa.

**3**Ach leamsa 's e rud fìor bheag a th' ann gum bithinn air mo chur fo bhreith leibhse, no le cùirt dhaonna sam bith. Gu dearbh, chan eil mi fiù 's a' toirt breith orm fhèin.

<sup>4</sup>Chan eil mi mothachail air rud sam bith nam aghaidh fhèin, ach chan eil mi air m' fhuasgladh le sin. Is e an Tighearna a tha a' toirt breith orm.

<sup>5</sup>Mar sin na toiribh breith ron àm, mus tig an Tighearna, a bheir gu solas an dà chuid na rudan a tha a-nis falaichte ann an dorchadas agus a dh'fhoillsicheas rùintean a' chridhe. An uair sin gheibh gach aon cliù o Dhia.

<sup>6</sup>A-nis, a bhràithrean, tha mi air na rudan seo fhàgail orm fhèin agus air Apollos airson ur buannachd-se airson 's gun ionnsaich sibh tromhainne gun a bhith a' dol seachad air na tha sgrìobhte, airson 's nach bi gin agaibh air ur sèideadh suas airson aon duine an aghaidh duine eile.

<sup>7</sup>Oir cò a chì rud sam bith diofraichte annadsa? Dè a th' agad nach d' fhuair thu? Ma fhuair thu e, mar sin, carson a tha thu a' bòstadh mar nach d' fhuair thu e?

<sup>8</sup>Mu thràth tha a h-uile sìon agaibh a tha sibh ag iarraidh. Mu thràth tha sibh air fàs beairteach! Às ar n-aonais tha sibh air tighinn gus a bhith a' riaghladh! Agus mhiannaichinn gun robh sibh a' riaghladh, airson 's gun robh sinne a' riaghladh còmhla ribh!

<sup>9</sup>Oir tha mi a' smaoinachadh gu bheil Dia air sinne, na h-abstoil, a thaisbeanadh mar nas lugha na na h-uile, mar dhaoine fo bhinn bàis, a chionn 's gu bheil sinn air tighinn gus a bhith nar sealladh dhan t-saoghal, do dh'ainlean, agus do dhaoine.

<sup>10</sup>Tha sinne nar n-amadain air sgàth Chrìosd, ach tha sibhse glic ann an Crìosd. Tha sinne lag, ach tha sibhse làidir. Tha sibhse air ur faicinn ann an urram, ach sinne ann an eas-urram.

<sup>11</sup>Gus an uair seo fhèin, tha sinn acrach is pàiteach, tha sinn air ar n-èideadh gu truagh is air ar bualadh le dùirn is gun dachaigh,

<sup>12</sup>agus tha sinn a' saothrachadh le ar làmhan fhèin. Nuair a tha sinn fo ana-cainnt, tha sinn a' beannachadh; nuair a tha sinn fo gheur-leanmhainn, tha sinn ga fhulang;

<sup>13</sup>nuair a tha sinn fo chùl-chàineadh, tha sinn a' guidhe. Tha sinn air tighinn gus a bhith mar shalchar an t-saoghail, mar threallaich gach nì, eadhon thuige seo.

### **Tagradh agus Rabhadh Phòil**

<sup>14</sup>Chan eil mi a' sgrìobhadh na rudan seo airson nàire a chur oirbh, ach airson ur comhairleachadh mar mo chloinn ghràdhaich.

<sup>15</sup>Oir ged a bhitheadh deich mìle luchd-teagaisg agaibh ann an Crìosd, chan eil mòran athraichean agaibh. Oir ann an Crìosd Ìosa thàinig mise gus a bhith nam athair dhuibh san t-soisgeul.

<sup>16</sup>Tha mi a' guidhe oirbh, mar sin, bithibh nur luchd-leanmhainn ormsa.

<sup>17</sup>Is ann air an adhbhar seo a chuir mi Timòteus thugaibh, mo mhac gràdhaichte is dileas san Tighearna, airson cuimhneachadh dhuibh mun dhòighean-sa ann an Crìosd Ìosa, mar a tha mi gan teagasg sa h-uile h-àite, sa h-uile h-eaglais.

<sup>18</sup>Tha cuid air an sèideadh suas, mar nach robh mi idir a' tighinn thugaibh.

<sup>19</sup>Ach thig mi thugaibh a dh'aithghearr, ma rùnaicheas an Tighearna, agus gheibh mi a-mach, chan ann mu chainnt na muinntir seo a th' air an sèideadh suas, ach mun cumhachd-san.

<sup>20</sup>Oir chan eil rioghachd Dhè air a dèanamh de dh'fhaclan ach de chumhachd.

<sup>21</sup>Dè as fheàrr leibh? An tig mi thugaibh le slait, no ann an gaol agus le spiorad na ciùine?

## **1 Corintianaich 5**

### **Tilgibh a-mach am Bràthair Mì-Mhoralta**

<sup>1</sup>Tha e dha-rìribh air aithris dhomh gu bheil mì-mhoraltachd feise nur measg, agus de sheòrsa nach eil a' tachairt fiù 's am measg nam pàganach, oir tha bean athar aig fear.

<sup>2</sup>Agus tha sibh air ur sèideadh suas! An àite sin nach bu chòir dhuibh a bhith ri bròn? Bitheadh esan a rinn seo air a thoirt air falbh o ur measg.

<sup>3</sup>Oir ged nach eil mi còmhla ribh sa chorp, tha mi an làthair ann an spiorad; agus mar gun robh mi an làthair, tha mi mu thràth air breith a thoirt air an neach a rinn a leithid de rud.

<sup>4</sup>Nuair a tha sibh air ur cruinneachadh an ceann a chèile ann an ainm ar Tighearna Ìosa agus mo spiorad-sa an làthair, le cumhachd ar Tighearna Ìosa,

<sup>5</sup>tha agaibh ris an duine seo a thoirt thairis do Shàtan airson sgrios na feòla, airson 's gum bi a spiorad air a shàbhaladh air latha ar Tighearna.

<sup>6</sup>Chan eil ur bòstadh math. Nach aithne dhuibh gun goirtich beagan de thaois ghoirt an cnap gu lèir?

<sup>7</sup>Glanaibh a-mach an t-seann taois ghoirt, airson 's gum bi sibh nur cnap ùr mar a tha sibh dha-rìribh neo-ghortaichte. Oir tha Crìosd, ar n-uan-Càisge, air a bhith air ìobradh.

<sup>8</sup>Cumamaid mar sin an Fhèill, chan ann le seann taois ghoirt, taois ghoirt a' mhìoruin 's an uilc, ach le aran neo-ghortaichte an dùrachdais 's na firinn.

<sup>9</sup>Sgrìobh mi thugaibh nam litir gun sibh a bhith ann an comann le feadhainn a tha mì-mhoralta a thaobh feise –

<sup>10</sup>chan ann idir a' ciallachadh iadsan a tha mì-mhoralta a thaobh feise san t-saoghal, no luchd-sannta, no luchd-foille, no luchd-iodhal-adhraidh, on a dh'fheumadh sibh an uair sin a dhol a-mach às an t-saoghal.

<sup>11</sup>Ach a-nis tha mi a' sgrìobhadh thugaibh gun sibh a bhith ann an comann le neach sam bith aig a bheil an t-ainm bràthair ma tha e ciontach de mhì-mhoraltachd feise no de shannt, no a tha na neach-iodhal-adhraidh, na neach-càinidh, na mhisgeir, no na neach-foille – na ithibh fiù 's còmhla ri a leithid seo.

<sup>12</sup>Oir dè mo ghnothach-sa breith a thoirt orrasan a tha a-muigh? Nach iadsan a th' air an taobh a-staigh air an toir sibh breith?

<sup>13</sup>Tha Dia a' toirt breith orrasan a th' air an taobh a-muigh, “Cuiribh air falbh an duine olc o ur measg.”

## **1 Corintianaich 6**

### **Cùisean-Lagha am measg Chreidmheach**

<sup>1</sup>Nuair a bhios cùis aig aon agaibh an aghaidh aoin eile, a bheil de dhànadas aige a dhol gu lagh mu choinneamh nan eucoireach an àite mu choinneamh nan naomh?

<sup>2</sup>No nach aithne dhuibh gun toir na naoimh breith air an t-saoghal? Agus ma tha an saoghal gu bhith air a chur fo bhreitheanas leibhse nach eil sibh an comas air a bhith nur britheamhan air cùisean suarach.

<sup>3</sup>Nach aithne dhuibh gun toir sinne breith air ainglean? Nach mòr nas motha na sin, ma-thà, cùisean na beatha seo?

<sup>4</sup>Mar sin ma tha a leithid sin de chùisean agaibh, carson a tha sibh gan sìneadh sìos mun coinneamh-san aig nach eil seasamh sam bith san eaglais?

<sup>5</sup>Tha mi ag ràdh seo gur nàire. An urrainn dha a bhith nach eil neach sam bith nur measg a tha glic gu leòr airson breith a thoirt eadar a bhràithrean,

<sup>6</sup>ach tha bràthair a' dol gu lagh an aghaidh bràthar, agus seo mu choinneamh nan eas-creidmheach?

<sup>7</sup>Ann am fìrinn, tha e na chall dhuibh gu bheil cùisean-lagha agaibh mu thràth. Carson nach b' fheàrr leibh ceàrr fhulang? Carson nach b' fheàrr leibh foill fhulang?

<sup>8</sup>Ach tha sibhse sib' fhèin a' dèanamh ceàrr is foill – fiù 's air ur bràithrean fhèin.

<sup>9</sup>Nach aithne dhuibh nach sealbhaich na h-eucoirich rìoghachd Dhè? Na bithibh air ur mealladh, cha shealbhaich luchd-striopachais, no luchd-iodhal-adhraidh, no luchd-adhaltranais, no daoine boireannta no fir a tha ri fearas-feise,

<sup>10</sup>no mèirlich, no luchd-sannta, no misgeirean, no luchd-cùl-chàinidh, no luchd-foille, rìoghachd Dhè.

<sup>11</sup>Agus bha cuid agaibhse mar sin. Ach chaidh ur nighe, chaidh ur naomhachadh, chaidh ur fireanachadh ann an ainm an Tighearna Ìosa Crìosd agus le Spiorad ar Dè-ne.

### **Feise Mhì-Mhoralta**

<sup>12</sup>“Tha a h-uile sìon laghail dhòmhsa,” ach chan eil a h-uile sìon buannachdail. “Tha a h-uile sìon laghail dhòmhsa,” ach cha bhi mi air mo chur fo smachd le nì sam bith.

<sup>13</sup>“Tha am biadh airson na stamaig is an stamag airson a' bhìdh” – agus sgriosaidh Dia an dà chuid – aon fhear 's am fear eile. Chan ann airson feise mhì-mhoralta a tha an corp, ach airson an Tighearna, agus an Tighearna airson a' chuirp.

<sup>14</sup>A-nis thog Dia suas an Tighearna agus togaidh e sinne cuideachd le a chumhachd.

<sup>15</sup>Nach aithne dhuibh gu bheil ur cuirp nam buill do dh'Ìosa? An gabh mi mar sin buill Chrìosd agus an dèan mi nam buill strìopaich iad? Na tachradh e gu bràth!

<sup>16</sup>No nach aithne dhuibh gu bheil esan a th' air aonadh ri strìopaich na aon chorp leatha? Oir tha e air a ràdh, “Thig an dithis gus a bhith nan aon fheòil.”

<sup>17</sup>Ach tha esan a th' air aonadh ris an Tighearna a' tighinn gus a bhith na aon spiorad leis-san.

<sup>18</sup>Teichibh o fheise mhì-mhoralta. Tha a h-uile peacadh a nì neach air taobh a-muigh a' chuirp, ach tha an neach a tha ri feise mhì-mhoralta a' peacachadh an aghaidh a chuirp fhèin.

<sup>19</sup>No nach aithne dhuibh gu bheil ur corp na theampall dhan Spiorad Naomh a tha nur broinn, a th' agaibh o Dhia, agus nach ann leib' fhèin a tha sibh?

<sup>20</sup>Oir chaidh ur ceannach le prìs. Mar sin glòirichibh Dia le ur cuirp.

## **1 Corintianaich 7**

### **Mu Bheatha Phòsta**

<sup>1</sup>A-nis a thaobh nan rudan mun do sgrìobh sibh: “Tha e math do dh'fhear gun beantainn ri boireannach.”



<sup>2</sup>Ach air sgàth cùisean feise mì-mhoralta, bu chòir do gach duine a bhean fhèin a bhith aige agus gach boireannach a fear fhèin a bhith aice.

<sup>3</sup>Bu chòir dhan duine a dhleastanas a choileanadh dha bhean, agus san aon dòigh a' bhean dhan fhear-pòsta aice.

<sup>4</sup>Oir chan eil ùghdarras aig a' bhean thairis air a corp fhèin, ach aig an fhear-pòsta. Mar sin cuideachd chan eil ùghdarras aig an fhear-pòsta thairis air a chorp fhèin, ach aig a' bhean-phòsta.

<sup>5</sup>Na cumaibh o chèile, ach 's dòcha le cead a chèile airson ùine ghoirid, airson 's gun coisrig sibh sib' fhèin do dh'ùrnaigh, ach an uair sin thigibh còmhla a-rithist, airson 's nach buair an Sàtan sibh air sgàth cion ur fèin-smachdachaidh.

<sup>6</sup>A-nis 's ann mar nì ceadaichte, chan ann mar àithne, a tha mi ag ràdh seo.

<sup>7</sup>Bu mhiann leam gun robh na h-uile mar a tha mi fhèin. Ach tha a thiodhlac fhèin aig a h-uile neach o Dhia, aon de dh'aon seòrsa agus aon de sheòrsa eile.

<sup>8</sup>Riuthasan nach eil pòsta agus ri na bantraichean tha mi ag ràdh gu bheil e math dhaibh fuireach gun a bhith pòsta mar a tha mise.

<sup>9</sup>Ach mura h-eil fèin-smachdachadh aca, bu chòir dhaibh pòsadh. Oir tha e nas fheàrr pòsadh na bhith a' losgadh le miann.

<sup>10</sup>Dhaibhsan a tha pòsta tha mi a' toirt na h-àithne seo (cha mhise, ach an Tighearna): cha bu chòir dhan bhean dealachadh o a fear-pòsta

<sup>11</sup>ach ma dhealaicheas, fanadh i gun phòsadh, no bitheadh i rèidh ri a fear-pòsta agus cha bu chòir dhan fhear-pòsta dealachadh-pòsaidh a dhèanamh ri bhean.

<sup>12</sup>Ris a' chòrr tha mise ag ràdh (mise, 's chan e an Tighearna) ma tha bean a tha na h-ana-creidmheach aig bràthair sam bith, agus a tha deònach fuireach còmhla ris, cha bu chòir dha dealachadh-pòsaidh a dhèanamh rithe.

<sup>13</sup>Ma tha fear-pòsta a tha na eas-creidmheach aig boireannach sam bith, agus a tha deònach fuireach còmhla rithe, cha bu chòir dhi dealachadh-pòsaidh a dhèanamh ris.

### **Mu Atharrachadh Staid-Phòsta**

<sup>14</sup>Oir tha am fear-pòsta eas-creidmheach air a dhèanamh naomh leis a' bhean-phòsta, agus tha a' bhean-phòsta eas-creidmheach air a dhèanamh naomh le a fear-pòsta. Oir air a chaochladh, bhiodh ur clann neòghlan, ach mar a tha e, tha iad naomh.

**15** Ach ma dhealaicheas an t-ana-creidmheach, leigibh leis dealachadh. Ann an leithid seo de shuidheachaidhean chan eil bràthair no piuthar fo dhaorsa. 'S ann gu sìth a tha Dia air ur gairm.

**16** Oir ciamar a tha fios agad, a bhean-phòsta, nach sàbhail thu d' fhear-pòsta? No ciamar a tha fios agadsa, fhir-pòsta, nach sàbhail thusa do bhean-phòsta?

**17** Ach, gun robh gach neach beò san dòigh-beatha a chuir an Tighearna air leth dha, agus dham bheil Dia air a ghairm. Is i seo mo riaghailt sna h-eaglaisean gu lèir.

**18** An robh fear sam bith aig àm a ghairm-san air a thimcheall-ghearradh mu thràth? Na tigeadh e gus a bhith neo-thimcheall-gheàrrte. An robh fear sam bith aig àm a ghairm-san neo-thimcheall-gheàrrte? Na sireadh e timcheall-ghearradh.

**19** Chan eil sìon ann an timcheall-ghearradh agus chan eil sìon ann an neo-thimcheall-ghearradh, ach 's e a tha cunntais: a bhith a' cumail àithntean Dhè.

**20** Bu chòir do gach neach fantainn san staid san deach a ghairm.

**21** An robh thu nad thràill nuair a chaidh do ghairm? Na bi fo chùram mu dheidhinn. Ach mas urrainn dhut do shaorsa fhaotainn, gabh an cothrom.

**22** Oir tha esan a chaidh a ghairm san Tighearna is e na thràill, na dhuine saor leis an Tighearna. Anns an aon dòigh tha esan a bha saor nuair a chaidh a ghairm na thràill le Crìosd.

**23** Chaidh ur ceannach air prìs; na tionndaidhibh nur tràilleann do dhaoine.

**24** A bhràithrean, feumaidh gach neach fantainn le Dia san staid san deach a ghairm.

### **Mu Dhaoine Nach Eil Pòsta**

**25** A-nis a thaobh òighean, chan eil àithne agam on Tighearna, ach tha mi a' toirt mo bheachd, mar aon a tha, tro thròcair an Tighearna, airidh air earbsa.

**26** Tha mi a' smaoineachadh, air sgàth na h-àmhghar a th' ann an-dràsta, gu bheil e math do neach fantainn mar a tha e.

**27** A bheil thu ceangailte ri bean? Na sir a bhith saor. A bheil thu saor o bhean? Na sir bean.

**28** Ach ma phòsas tu, chan eil thu air peacachadh, agus ma phòsas òigh, chan eil i air peacachadh. A dh'aindeoin sin bidh buairidhean feòlmhor acasan a phòsas, agus chaomhainn sibh.

<sup>29</sup>Is e seo a tha mi ag ràdh a bhràithrean: tha an ùine air fàs goirid. O seo suas biodh iadsan aig a bheil mnathan beò mar nach robh gin aca;

<sup>30</sup>agus iadsan a tha ri caoidh, mar iadsan nach robh a' caoidh; agus iadsan a tha a' dèanamh gàirdeachas, mar iadsan nach robh a' dèanamh gàirdeachas; agus iadsan a tha a' ceannach, mar nach robh seilbh aca;

<sup>31</sup>agus iadsan a tha a' cleachdadh an t-saoghail, mar nach robh gnothach aca ris. Oir tha an cruth a th' air an t-saoghal an-dràsta a' dol seachad.

<sup>32</sup>Tha mi ag iarraidh gum bi sibh saor o chùraman. Tha an duine nach eil pòsta fo chùram mu rudan an Tighearna – mar a thoilicheas e an Tighearna.

<sup>33</sup>Ach tha an duine pòsta fo chùram mu rudan an t-saoghail – mar a thoilicheas e a bhean –

<sup>34</sup>agus tha na h-ùidhean aige air an roinn. Tha am boireannach nach eil pòsta no a tha na h-òigh fo chùram mu rudan an Tighearna, airson 's gum bi i naomh ann an corp agus ann an spiorad. Ach tha am boireannach a tha pòsta fo chùram mu rudan saoghalta – mar a thoilicheas i a fear-pòsta.

<sup>35</sup>Tha mi ag ràdh seo airson ur buannachd fhèin, chan ann airson bacadh a chur oirbh, ach airson deagh òrdugh a mholadh agus airson ur cràbhadh neo-roinnte dhan Tighearna a dhèanamh cinnteach.

<sup>36</sup>Ma tha neach sam bith a' smaoinachadh nach eil e ga ghiùlain fhèin gu ceart a thaobh a leannain, ma tha i seachad air a h-òige, agus ma dh'fheumas e a bhith mar sin, dèanadh e mar a tha e ag iarraidh, chan eil e a' peacachadh; pòsadh iad.

<sup>37</sup>Ach an duine a th' air an gnothach a shuidheachadh na chridhe fhèin, gun a bhith fo èiginn, agus aig a bheil smachd air a thoil fhèin agus a th' air seo a chur roimhe na chridhe, gun a mhaighdean a phòsadh – nì e gu math.

<sup>38</sup>Mar sin tha esan a phòsas a mhaighdean a' dèanamh gu math, agus tha esan a tha a' seachnadh a phòsaidh a' dèanamh nas fheàrr.

<sup>39</sup>Tha boireannach ceangailte ri a fear-pòsta cho fada 's a tha e beò. Ach ma bhàsaicheas a fear-pòsta, tha i saor a bhith pòsta ri ge b' e cò a dh'iarras i, ach a-mhàin san Tighearna.

<sup>40</sup>Nam bheachd-sa tha i nas toilichte ma dh'fhanas i mar a tha i – agus tha mi a' smaoinachadh gu bheil Spiorad Dhè agamsa cuideachd.

## **1 Corintianaich 8**

### **Biadh air ìobradh do dh'iodhalan**

<sup>1</sup>A-nis a thaobh bìdh air ìobradh do dh'iodhalan, tha fios againn “gu bheil eòlas againn uile.” Tha eòlas a' sèideadh suas; tha gaol a' togail suas.

<sup>2</sup>Ma tha neach sam bith a' saoil sinn gur aithne dha rud sam bith, chan aithne dha fhathast mar bu chòir dha aithneachadh.

<sup>3</sup>Ach ma tha gaol aig neach sam bith air Dia, tha esan air aithneachadh leis-san.

<sup>4</sup>Mar sin, a thaobh a bhith ag ithe biadh air ìobradh do dh'iodhalan, is aithne dhuinn “nach eil fìor bhith aig iodhal san t-saoghal,” agus “nach eil Dia ann ach an t-aon.”

<sup>5</sup>Oir ged a dh'fhaodadh diathan, mar a chanar, a bhith ann an nèamh no air thalamh (mar dha-rìribh a tha mòran “dhiathan” agus mòran “thighearnan” ann)

<sup>6</sup>chan eil ann dhuinne ach aon Dia, an t-Athair, bhon a bheil a h-uile sìon agus dham bheil sinn beò, agus aon Tighearna, Ìosa Crìosd, trom bheil a h-uile sìon agus trom bheil sinn beò.

<sup>7</sup>Ge-tà, chan eil an t-eòlas seo aig na h-uile. Ach tha cuid a tha cleachdte ris an iodhal thuige seo, ag ithe biadh mar gun robh e dha-rìribh air ìobradh do dh'iodhal, agus tha an cogais, a chionn 's gu bheil i lag, air a truailleadh.

<sup>8</sup>Cha mhol biadh sinn do Dhia. Chan eil sinn nas miosa dheth idir mura h-ith sinn, agus chan eil sinn nas fheàrr dheth ma dh'itheas sinn.

<sup>9</sup>Ach gabhaibh an aire nach bi ur còir, air dhòigh air choireigin, a' tighinn gus a bhith na ceap-tuislidh dhaibhsan a tha lag.

<sup>10</sup>Oir ma chì neach sam bith thusa, aig a bheil eòlas, ag ithe ann an teampall iodhail, nach bi e air a mhisneachadh, ma tha a chogais lag, gus a bhith ag ithe biadh air ìobradh do dh'iodhalan?

<sup>11</sup>Mar sin, tron eòlas agadsa, tha an neach lag seo air a sgrios, am bràthair dhan do bhàsaich Crìosd.

<sup>12</sup>Ach mar sin, a' peacachadh an aghaidh do bhràithrean, agus a' lotadh na cogais lag aca, tha thu a' peacachadh an aghaidh Chrìosd.

<sup>13</sup>Mar sin, ma tha biadh a' toirt air mo bhràthair tuisleadh, chan ith mi feòil a-chaidh, airson 's nach toir mi air mo bhràthair tuisleadh.

## **1 Corintianaich 9**

### **Còraichean Phòil mar Abstol**

<sup>1</sup>Nach eil mise saor? Nach e abstol a th' annam? Nach fhaca mi Ìosa Crìosd ar Tighearna? Nach sibhse m' obair san Tighearna?

<sup>2</sup>Mur a h-eil mi nam abstol do dh'fheadhainn eile, co-dhiù tha mi dhuibhse, oir is sibhse seula m' abstolachd san Tighearna.

- <sup>3</sup>Is e seo mo dhìon dhaibhsan a chuireadh ceist orm.
- <sup>4</sup>Nach eil còir againne ithe agus òl?
- <sup>5</sup>Nach eil còir againn bean-phòsta a thoirt leinn, mar a th' aig na h-abstoil eile agus aig bràithrean an Tighearna agus Cèphas?
- <sup>6</sup>No an e mise 's Barnabas a-mhàin an aon fheadhainn aig nach eil còir obair a sheachnadh?
- <sup>7</sup>Cò a bhios a' dèanamh seirbheis mar shaighdear air a chosgais fhèin? Cò a bhios a' cur fion-lios gun a bhith ag ithe sìon dhen toradh aige? No cò a bhios a' frithealadh treud gun a bhith a' faighinn sìon dhen bhainne aige?
- <sup>8</sup>A bheil mi ag ràdh na rudan seo air ùghdarras dhaoine? Nach eil an Lagh ag ràdh an aon rud?
- <sup>9</sup>Oir tha e sgrìobhte ann an lagh Mhaois, “Cha chuir thu glas-ghuib air an damh nuair a bhios e a' saltairt an arbhair.” An ann do dhaimh a tha Dia a' gabhail cùram?
- <sup>10</sup>Nach eil e a' bruidhinn uile-gu-lèir air ar sgàth-ne? Bha e sgrìobhte air ar sgàth-ne, a chionn 's gum bu chòir dhan treabhaiche treabhadh ann an dòchas, agus dhan neach-buailidh bualadh ann an dòchas, is roinn fhaighinn dhen toradh.
- <sup>11</sup>Ma tha sinne air rudan spioradail a chur nur measg, a bheil e cus ma bhuaineas sinn rudan stuthail uaibh?
- <sup>12</sup>Ma tha còir aig feadhainn eile air taic uaibh, nach eil barrachd, buileach againne? A dh'aindeoin sin cha do chleachd sinn a' chòir seo, ach tha sinn a' fulang rud sam bith an àite cnap-starra a chur ro shoisgeul Chrìosd.
- <sup>13</sup>Nach aithne dhuibh gu bheil iadsan a tha a' saothrachadh ann an seirbheis an teampaill a' faighinn am biadh on teampall, agus gu bheil iadsan a tha a' dèanamh seirbheis aig an altair a' faighinn pàirt dhe na th' air ìobradh air an altair?
- <sup>14</sup>San aon dòigh, dh'àithn an Tighearna gum bu chòir dhaibhsan a tha a' cur an cèill an soisgeul am bith-beò fhaighinn on t-soisgeul.
- <sup>15</sup>Ach chan eil mi air na còraichean seo a chleachdadh, cha mhotha a tha mi a' sgrìobhadh na rudan seo airson 's gun dèan sibh a leithid seo dhòmhsa. Oir b' fheàrr leam bàsachadh na gum falmhaicheadh neach sam bith mo bhòstadh.
- <sup>16</sup>Oir ma tha mise a' searmonachadh an soisgeul, chan eil adhbhar bòstaidh agam. Oir tha èiginn orm. Is mairg dhomh mura searmonaich mi an soisgeul!

**17**Oir ma nì mi seo om rùn fhèin, tha duais agam, ach mura h-ann om rùn fhèin, tha stiùbhardachd air a h-earbsa dhomh.

**18**Dè mar sin an duais a th' agam? Gum faodainn, nam shearmonachadh, an soisgeul a thairgsinn saor o chosgais, airson 's nach dèanainn làn-fheum dhen chòir a th' agam san t-soisgeul.

### **Pòl a' Cleachdadh a Shaorsa**

**19**Oir ged a tha mi saor o na h-uile, tha mi air mi fhèin a dhèanamh nam sheirbheiseach dha na h-uile, airson 's gum buannaichinn barrachd dhiubh.

**20**Dha na h-lùdhaich thàinig mi gus a bhith mar lùdhach, airson 's gum buannaichinn lùdhaich. Dhaibhsan a tha fon lagh thàinig mi gus a bhith fon lagh (ged nach eil mi fhèin fon lagh) airson 's gum buannaichinn iadsan a tha fon lagh.

**21**Dhaibhsan air taobh a-muigh an lagha thàinig mi gus a bhith mar aon air taobh a-muigh an lagha (chan ann air taobh a-muigh lagh Dhè, ach fo lagh Chrìosd) airson 's gum buannaichinn iadsan a tha air taobh a-muigh an lagha.

**22**Dhaibhsan a bha lag thàinig mi gus a bhith lag, airson 's gum buannaichinn iadsan a bha lag. Tha mi air tighinn gus a bhith nam uile nì dhan a h-uile neach, airson 's – sa h-uile dòigh – gun sàbhailinn cuid.

**23**Tha mi ga dhèanamh uile air sgàth an t-soisgeil, airson 's gum faodainn compàirt a ghabhail na bheannachdan.

### **Feum air Fèin-Smachd**

**24**Nach aithne dhuibh gu bheil, ann an rèis, an luchd-ruith uile a' ruith, ach chan fhaigh ach aon dhiubh an duais? Mar sin ruithibh airson 's gum buannaich sibh i.

**25**Tha a h-uile lùth-chleasaiche a' cur fèin-smachd an sàs sa h-uile sìon. Tha iad ga dhèanamh airson crùin a thèid a dhìth fhaighinn, ach sinne, tè nach tèid a dhìth.

**26**Mar sin chan ann gun amas a tha mise a' ruith; chan eil mi a' bogsadh mar aon a bhuaileas an t-adhar.

**27**Ach tha mise a' smachdachadh mo chorp is ga chumail fo smachd gun fhios – às dèidh dhomh searmonachadh do dh'fheadhainn eile – nach bithinn fhèin air mo chur air chùl.

## **1 Corintianaich 10**

### **Rabhadhean o Eachdraidh Israeil**

- <sup>1</sup>Oir chan eil mi ag iarraidh gum biodh sibh aineolach, a bhràithrean, gun robh ar n-athraichean uile fon sgòth, agus gun deach iad uile tron mhuir,
- <sup>2</sup>agus gun robh iad uile air am baisteadh a-steach do Mhaois san sgòth is sa mhuir,
- <sup>3</sup>agus gun do dh'ith iad uile an aon bhiadh spioradail,
- <sup>4</sup>agus gun do dh'òl iad uile an aon deoch spioradail. Oir dh'òl iad on chreig spioradail a lean iad, agus b' e a' chreag sin Crìosd.
- <sup>5</sup>Ach cha robh Dia toilichte leis a' mhòr-chuid dhiubh: bha an cuirp air an sgaoileadh air feadh an fhàsaich.
- <sup>6</sup>A-nis thachair na rudan seo mar eisimpleirean dhuinne, airson 's nach miannaicheamaid droch rudan mar a mhiannaich iadsan.
- <sup>7</sup>Na bithibh nur luchd-iodhal-adhraidh mar a bh' ann an cuid dhiubhsan; mar a tha e sgrìobhte, “Shuidh an sluagh sìos a dh'ithe 's a dh'òl agus dh'èirich iad a chluiche.”
- <sup>8</sup>Chan fhaod sinn pàirt a ghabhail ann am feise mhì-mhoralta mar a rinn cuid dhiubhsan, agus thuit trì air fhichead mìle dhiubh marbh air an aon latha.
- <sup>9</sup>Chan fhaod sinn Crìosd a bhuaireadh, mar a rinn cuid dhiubhsan agus a chaidh an sgrios le nathraichean.
- <sup>10</sup>Agus na dèanaibh-se gearan, mar a rinn cuid dhiubhsan 's a chaidh an sgrios leis an sgriosadair.
- <sup>11</sup>A-nis thachair na rudan seo dhaibh mar eisimpleirean, ach bha iad air an sgrìobhadh sìos airson ar teagasg-ne, air a bheil deireadh nan linntean air tighinn.
- <sup>12</sup>Mar sin gabhadh neach sam bith a shaoileas gu bheil e a' seasamh an aire nach tuit e.
- <sup>13</sup>Chan eil buaireadh sam bith air breith oirbh nach eil cumanta dhan duine. Tha Dia dìleas, agus cha leig e leibh a bhith air ur buaireadh thar ur comais, ach leis a' bhuaireadh bheir e cuideachd slighe airson teicheadh, airson 's gum faod sibh a bhith an comas fhulang.

### **Fèistean Iodhalan agus Suipeir an Tighearna**

- <sup>14</sup>Mar sin, a mhuinntir mo ghràidh, teichibh o iodhal-adhradh.
- <sup>15</sup>Tha mi a' bruidhinn mar gum biodh ri daoine ciallach; thoirib' fhèin breith air na tha mi ag ràdh.

16 An cupa beannachaidh a tha sinne a' beannachadh, nach e compàirteachadh ann am fuil Chrìosd a th' ann? An t-aran a tha sinne a' briseadh, nach e compàirteachadh ann an corp Chrìosd a th' ann?

17 A chionn 's gu bheil aon aran ann, tha sinne a tha nar mòran nar n-aon chorp, oir tha sinn uile a' gabhail pàirt dhen aon aran.

18 Smaoinichibh mu shluagh Israeil; nach eil iadsan a tha ag ithe nan ìobairtean nan luchd-compàirt dhen altair?

19 Dè a tha mi a' ciallachadh ma-thà? Gu bheil biadh a th' air a thairgsinn do dh'iodhal na nì sam bith, no gur e nì sam bith a th' ann an iodhal?

20 Chan eil, ach gu bheil na rudan a tha iad ag ìobradh air an ìobradh do dheamhain is chan ann do Dhia agus chan eil mi ag iarraidh gum bi sibh nur luchd-compàirt de dheamhain.

21 Chan urrainn dhuibh cupa an Tighearna òl agus cupa dheamhnan. Chan urrainn dhuibh compàirt a ghabhail de bhòrd an Tighearna agus de bhòrd dheamhnan.

22 Am brosnach sinn an Tighearna gu eud? A bheil sinn nas làidire na esan?

### Saorsa a' Chreidmich

23 “Tha a h-uile sìon laghail,” ach chan eil a h-uile sìon buannachdail. “Tha a h-uile sìon laghail,” ach chan eil a h-uile sìon a' togail suas.

24 Na sireadh neach sam bith a mhaith fhèin ach maith a choimhearsnaich.

25 Ithibh ge b' e dè a th' air a reic sa mhargadh-feòla gun cheist sam bith a thogail air sgàth cogais.

26 Oir “Is ann leis an Tighearna a tha an talamh, agus a lànachd.”

27 Ma bheir aon dhe na h-ana-creidmich cuireadh gu dinneir dhuibh agus gu bheil sibh ag iarraidh a dhol ann, ithibh ge b' e dè a th' air a chur mur coinneamh gun a bhith a' togail ceist air sgàth cogais.

28 Ach ma chanas cuideigin ribh, “Chaidh seo a thairgsinn ann an ìobairt,” mar sin na ithibh e, air sgàth an neach a dh'innis dhuibh, agus air sgàth cogais –

29 chan eil mi a' ciallachadh ur cogais-se, ach a chogais-san. Oir carson a bu chòir dham shaorsa-sa a bhith air a cur fo bhreith le cogais neach eile?

30 Ma tha mise a' compàirteachadh le taingealachd, carson a tha mi air mo chàineadh air sgàth an rud sin a thug mi taing air a shon?

31 Mar sin, co-dhiù a dh'itheas no a dh'òlas sibh, no ge b' e dè a nì sibh, dèanaibh a h-uile sìon gu glòir Dhè.



<sup>32</sup>Na toiribh oilbheum do dh'lùdhaich no do Ghreugaich no do dh'eaglais Dhè,

<sup>33</sup>dìreach mar a bhios mise a' feuchainn ris a h-uile neach a thoileachadh sa h-uile rud a nì mi – chan ann a' sireadh mo bhuannachd fhèin ach buannachd nam mòran, airson 's gum bi iad air an sàbhaladh.

## **1 Corintianaich 11**

<sup>1</sup>Bithibh nur luchd-leanmhainn ormsa mar a tha mise air Crìosd.

### **Freagarrachd ann an Adhradh**

<sup>2</sup>A-nis tha mi gur moladh air sgàth 's gu bheil cuimhne agaibh ormsa sa h-uile sìon agus gu bheil sibh a' cumail nan teagasgan dìreach mar a thug mise dhuibh iad.

<sup>3</sup>Ach tha mi ag iarraidh gun tuig sibh gur e ceann a h-uile fir Crìosd, agus gur e ceann na mnà an duine, agus gur e ceann Chrìosd Dia.

<sup>4</sup>Gach fear a tha ag ùrnaigh no a' fàidheadaireachd le a cheann còmhdaichte, tha e a' toirt eas-urram dha cheann.

<sup>5</sup>Ach a h-uile boireannach a tha ag ùrnaigh no a' fàidheadaireachd gun chòmhdach air a ceann, tha i a' toirt eas-urram dha ceann – oir tha sin co-ionnan ri gum biodh i air a bearradh.

<sup>6</sup>Oir mura còmhdaich boireannach a ceann, biodh i cuideachd air a lomadh; ach ma tha e nàrach do bhoireannach a bhith air a lomadh no air a bearradh, cuireadh i còmhdach oirre.

<sup>7</sup>Oir cha bu chòir do dh'fhear a cheann a chòmhdachadh bhon as esan ìomhaigh is glòir Dhè, ach 's i am boireannach glòir an fhir.

<sup>8</sup>Oir chan eil am fear on bhoireannach, ach am boireannach on fhear,

<sup>9</sup>agus cha deach am fear a chruthachadh airson a' bhoireannaich, ach am boireannach airson an fhir.

<sup>10</sup>Air an adhbhar sin bu chòir dhan bhoireannach samhla ùghdarras a bhith aice air a ceann, air sgàth nan aingeal.

<sup>11</sup>A dh'aindeoin sin, san Tighearna, chan eil am boireannach neo-eisimeileach on fhear no am fear on bhoireannach,

<sup>12</sup>oir mar a tha am boireannach on fhear, mar sin cuideachd tha am fear air a bhreith tron bhoireannach. Ach is ann o Dhia a tha a h-uile sìon.

<sup>13</sup>Breithnichibh dhuib' fhèin: a bheil e ceart do bhoireannach ùrnaigh a dhèanamh ri Dia gun chòmhdach air a ceann?

**14**Nach eil fiù 's nàdar fhèin a' teagasg dhuibh, ma bhios falt fada air fear, gu bheil e na nàire dha,

**15**ach ma bhios falt fada air boireannach, gu bheil e na ghlòir dhi. Oir chaidh a falt a thoirt dhi mar chòmhdach.

**16**Ach ma tha neach sam bith air aomadh gus a bhith connspaideach, chan eil a leithid sin de chleachdadh againne, no aig eaglaisean Dhè.

### Suipeir an Tighearna

**17**Ach sna teagasgan a leanas, chan eil mi gur moladh, a chionn 's gu bheil sibh a' tighinn còmhla, chan ann airson an nì as fheàrr, ach airson an nì as miosa.

**18**Oir, sa chiad àite, nuair a chruinnicheas sibh mar eaglais, tha mi a' cluinntinn gu bheil sgaraidhean nur measg, agus tha mi ga chreidsinn gu ìre.

**19**Oir feumaidh roinnean a bhith nur measg airson 's gun tèid am buidheann a tha fìor nur measg a dhèanamh follaiseach.

**20**Mar sin nuair a chruinnicheas sibh a dh'aon àite, chan e suipear an Tighearna a tha sibh ag ithe.

**21**Oir nur n-ithe tha gach neach a' dol air adhart gus a shuipeir fhèin ithe an toiseach, agus tha aon neach acrach agus neach eile air mhisg.

**22**Dè? An e nach eil taighean agaibh airson ithe is òl annta? No a bheil sibh a' dèanamh tàir air eaglais Dhè, agus a' nàrachadh na feadhna aig nach eil sìon? Dè a chanas mi ribh? Am mol mi sibh sa chùis seo? Sa chùis seo, cha mhol.

**23**Oir fhuair mise on Tighearna an nì a thug mi cuideachd dhuibhse, gun do ghlac an Tighearna Ìosa – air an oidhche san deach a bhrath – aran,

**24**agus nuair a bha e air taing a thoirt, bhris e e, agus thuirt e, “Is e seo mo chorp-sa, a th' air ur son-se; dèanaibh seo mar chuimhneachan ormsa.”

**25**Agus anns an aon dòigh cuideachd ghabh e an cupa, às dèidh na suipeire, ag ràdh, “Is e an cupa seo an coicheangal ùr nam fhuil-sa; dèanaibh-se seo, cho tric is a dh'òlas sibh e, mar chuimhneachan ormsa.”

**26**Oir cho tric is a dh'itheas sibh an t-aran seo is a dh'òlas sibh an cupa, tha sibh ag aithris bàs an Tighearna gus an tig e.

**27**Mar sin, ge b' e cò a dh'itheas an t-aran no a dh'òlas cupa an Tighearna gu neo-iomchaidh, bidh e ciontach de chorp agus de dh'fhuil an Tighearna.

**28**Ach sgrùdadh duine e fhèin, agus mar sin itheadh e dhen aran agus òladh e dhen chupa.

<sup>29</sup>Oir neach sam bith a dh'itheas agus a dh'òlas, gun aithne a dhèanamh air corp an Tighearna, tha e ag ithe agus ag òl breitheanas dha fhèin.

<sup>30</sup>Air an adhbhar seo tha mòran nur measg lag is tinn, agus tha grunnan nan cadal.

<sup>31</sup>Ach nan toireamaid breith oirnn fhèin, cha deigheadh breith a thoirt oirnn.

<sup>32</sup>Ach nuair a thèid breith a thoirt oirnn leis an Tighearna, tha sinn air ar smachdachadh airson 's nach bi sinn air ar dìteadh cuide ris an t-saoghal.

<sup>33</sup>Mar sin, mo bhràithrean, nuair a thig sibh còmhla airson ithe, fanaibh airson a chèile.

<sup>34</sup>Ma bhios cuideigin acrach, itheadh e aig an taigh, airson 's nach tig sibh còmhla gu breitheanas. A thaobh nan rudan eile cuiridh mi an òrdugh iad nuair a thig mi.

## 1 Corintianaich 12

### Tiodhlacan Spioradail

<sup>1</sup>A-nis a thaobh thiodhlacan spioradail, a bhràithrean, chan eil mi ag iarraidh gum biodh sibh aineolach.

<sup>2</sup>Tha fios agaibh gu robh sibh air ur toirt air seachran gu iodhalan balbha nuair a bha sibh nur pàganaich, ge b' e ciamar a bha sibh air ur treòrachadh.

<sup>3</sup>Mar sin tha mi ag iarraidh gun tuig sibh nach can duine sam bith a tha a' bruidhinn tro Spiorad Dhè, "Tha ìosa mallaichte," agus nach urrainn duine sam bith, "Is ìosa an Tighearna," a ràdh, ach, tron Spiorad Naomh.

<sup>4</sup>A-nis, tha diofar thiodhlacan ann, ach chan eil ann ach aon Spiorad,

<sup>5</sup>agus tha diofar sheòrsaichean sheirbheisean ann, ach an aon Tighearna,

<sup>6</sup>agus tha diofar sheòrsaichean obrachaidh ann, ach is e an t-aon Dhia a tha ag obrachadh a h-uile sìon sa h-uile neach.

<sup>7</sup>Ach do gach aon tha foillseachadh an Spioraid air a thoirt, airson maith nan uile.

<sup>8</sup>Oir do dh'aon neach tha facal a' ghliocais air a thoirt tron Spiorad agus do neach eile facal an eòlais a rèir an dearbh Spioraid,

<sup>9</sup>do neach eile creideamh tron aon Spiorad, do neach eile tiodhlacan leighis tron aon Spiorad,

<sup>10</sup>do neach eile obrachadh mhìorbhailean, do neach eile fàidheadaireachd, do neach eile eadar-dhealachadh eadar spioradan, do neach eile diofar

sheòrsaichean theangannan, agus do neach eile eadar-mhìneachadh theangannan.

**11** Ach 's e an t-aon 's an dearbh Spiorad a tha ag obrachadh na rudan sin uile, a' roinn do gach aon fa leth mar as miann leis-san.

### **Aon Chorp, Mòran Phàirtean**

**12** Oir dìreach mar a tha an corp na aon agus mòran bhall ann; agus buill a' chuirp uile – ged a tha mòran dhiubh ann – nan aon chorp, mar seo cuideachd tha Crìosd.

**13** Oir ann an aon Spiorad chaidh ar baisteadh uile dhan aon chorp – lùdhaich no Greugaich, daor no saor, agus chaidh toirt oirnn uile òl dhen aon Spiorad.

**14** Oir chan e aon bhall a th' anns a' chorp, ach mòran.

**15** Nan canadh a' chas, “A chionn 's nach e làmh a th' annam, chan ann dhen chorp a tha mi,” chan fhàgadh sin na pàirt nas lugha dhen chorp i.

**16** Agus nan canadh a' chluas, “A chionn 's nach e sùil a th' annam, chan ann dhen chorp a tha mi,” chan fhàgadh sin na phàirt nas lugha sam bith dhen chorp i.

**17** Nam biodh an corp uile na shùil, càit am biodh a' chlaistneachd? Nam biodh e uile na chlaistneachd, càit am biodh faireachadh an fhàilidh?

**18** Ach a-nis shuidhich Dia na buill, gach aon dhiubh, anns a' chorp, mar bu mhiann leis.

**19** Nam biodh iad uile nan aon bhall, càit am biodh an corp?

**20** Ach a-nis tha iad nam mòran bhall, ach nan aon chorp.

**21** Agus chan urrainn dhan t-sùil a ràdh ris an làimh, “Chan eil feum agam ort,” no a-rithist an ceann ris na casan, “Chan eil feum agam oirbh.”

**22** Air a chaochladh, tha e nas fhìre gu bheil na pàirtean dhen chorp a tha a rèir choltais nas laige, deatamach,

**23** agus na buill a tha sinn a' meas as mì-urramaiche dher corp, tha sinn a' cuartachadh le barrachd urraim, agus iadsan as mì-eireachdaile dhuinn, is iadsan a tha a' faighinn am barrachd eireachdais,

**24** fhad 's nach eil dìth air na buill againn a tha nas eireachdaile. Ach rinn Dia co-chumadh air a' chorp ann an leithid de dhòigh, is gu bheil e a' toirt an urraim as motha dhan bhall a bh' ann an dìth,

**25** airson 's nach bi sgaradh sam bith sa chorp, ach gum biodh an t-aon chùram aig na buill dha chèile.

<sup>26</sup>Agus ma dh'fhuilingeas aon bhall, fulaingidh na buill uile còmhla; no ma gheibh aon bhall urram, nì na buill eile gàirdeachas còmhla ris.

<sup>27</sup>A-nis is sibhse corp Chrìosd agus buill fa leth dheth.

<sup>28</sup>Agus shuidhich Dia san eaglais an toiseach abstoil, san dara h-àite fàidhean, san treas àite luchd-teagaisg, an uair sin mìorbhailean, an uair sin tiodhlacan leighis, luchd-cuideachaidh, uachdaranachdan, iomadh seòrsa teanga.

<sup>29</sup>A bheil iad uile nan abstoil? A bheil iad uile nam fàidhean? A bheil iad uile nan luchd-teagaisg? A bheil iad uile nan luchd-dèanamh mhìorbhailean?

<sup>30</sup>A bheil tiodhlacan leighis aca uile? Am bruidhinn iad uile le teangannan? An dèan iad uile eadar-mhìneachadh?

<sup>31</sup>Ach, miannaichibh gu dùrachdach na tiodhlacan as fheàrr.

### **Tha Gaol Riatanach**

Agus seallaidh mise dhuibh slighe nas fheàrr buileach.

## **1 Corintianaich 13**

<sup>1</sup>Ged a bhruidhninn le teangannan dhaoine is aingeal, ach nach eil gaol agam, tha mi nam chlag-umha fuaimneach no nam chiombal gliongach.

<sup>2</sup>Agus ged a bhiodh fàidheadaireachd agam, agus ged a thuiginn na rùintean dìomhair gu lèir agus gach uile eòlas, agus ged a bhiodh a h-uile creideamh agam, airson 's gun gluaisinn beanntan, ach nach eil gaol agam, chan eil annam ach neoni.

<sup>3</sup>Agus ged a bheirinn mo mhaoin uile airson na bochdan a bheathachadh, agus ged a bheirinn mo chorp gus a bhith air a losgadh, ach nach eil gaol agam, chan eil buaidh sam bith ann dhomh.

<sup>4</sup>Tha an gaol foighidneach agus coibhneil, chan eil an gaol farmadach, cha bhòst an gaol, chan eil e air a shèideadh suas,

<sup>5</sup>no mì-mhodhail, cha shir e a chuid fhèin, chan eil e air a phiobrachadh gu luath, chan eil e a' gabhail suim de dh'uilc.

<sup>6</sup>Cha dèan e gàirdeachas san eucoir, ach nì e gàirdeachas san fhìrinn.

<sup>7</sup>Fuilingidh e a h-uile sìon, creididh e a h-uile sìon, bidh e a' sùileachadh a h-uile sìon, giùlainidh e a h-uile sìon.

<sup>8</sup>Chan fhàilnich an gaol. Ach a thaobh fhàidheadaireachdan, thig iad gu neoni; a thaobh theangannan, sguiridh iad; a thaobh eòlais, thig e gu neoni.

<sup>9</sup>Oir tha eòlas againn ann am pàirt, agus tha sinn ri fàidheadaireachd ann am pàirt,

<sup>10</sup>ach nuair a thig an nì a tha coileanta, thig an nì sin nach eil ach ann am pàirt gu neoni.

<sup>11</sup>Nuair a bha mi nam leanaban, bhruidhinn mi mar leanaban, thuig mi mar leanaban, reusonaich mi mar leanaban. Nuair a thàinig mi gus a bhith nam dhuine, chuir mi às dha na rudan leanabail.

<sup>12</sup>Oir a-nis tha sinn a' faicinn gu dorcha tro ghlainne ach an uair sin chì sinn aghaidh ri aghaidh, a-nis is aithne dhomh ann an cuid ach an uair sin aithnichidh mi dìreach mar a tha mise cuideachd air m' aithneachadh.

<sup>13</sup>Ach a-nis fanaidh creideamh, dòchas, gaol, na trì rudan seo; ach is e an gaol as motha dhiubh seo.

## **1 Corintianaich 14**

### **Adhradh a Tha Soilleir a Thuigsinn**

<sup>1</sup>Leanaibh gaol, agus miannaichibh tiodhlacan spioradail gu dùrachdach, ach gu sònraichte gun dèanadh sibh fàidheadaireachd.

<sup>2</sup>Oir an neach a bhruidhneas ann an teangaidh, chan ann ri daoine a bhruidhneas e, ach ri Dia, oir chan eil neach sam bith ga thuigsinn, ged a tha e a' bruidhinn rùintean dìomhair san Spiorad.

<sup>3</sup>Ach an neach a tha a' dèanamh fàidheadaireachd, tha e a' bruidhinn ri daoine airson an togail suas, am misneachadh 's an cofhurtachadh.

<sup>4</sup>Tha an neach a tha a' bruidhinn ann an teangaidh ga thogail fhèin suas, ach an neach a nì fàidheadaireachd, tha e a' togail suas na h-eaglaise.

<sup>5</sup>A-nis bu toigh leam gum bruidhneadh sibh uile le teangannan, ach b' fheàrr leam gun dèanadh sibh fàidheadaireachd. Tha an neach a nì fàidheadaireachd nas motha na an neach a bhruidhneas ann an teangannan, mura h-eadar-theangaich cuideigin, airson 's gum biodh an eaglais air a togail suas.

<sup>6</sup>A-nis, a bhràithrean, ma thig mi thugaibh a' bruidhinn le teangannan, dè a' bhuannachd a nì mu dhuibh mura bruidhinn mi ribh ann an taisbeanadh, no ann an eòlas, no ann am fàidheadaireachd, no ann an teagasg?

<sup>7</sup>Fiù 's ionnsramaidean gun bheatha a nì fuaim, mas duiseal no clàrsach, mura nochd iad eadar-dhealachadh nam fuaimean, ciamar a thèid an nì a thèid a chluiche air an duiseal no air a' clàrsaich aithneachadh?

<sup>8</sup>Oir ma bheir an trombaid fuaim neo-chinnteach aiste, cò a dh'ullaicheas e fhèin airson cogaidh?

- <sup>9</sup>Agus mar sin leibhse, mura bruidhinn sibh briathran soilleir leis an teangaidh, ciamar a thèid an nì a chaidh a ràdh a thuigsinn? Oir bidh sibh a' bruidhinn dhan adhar.
- <sup>10</sup>Chan eil teagamh nach eil mòran chànan san t-saoghal, agus chan eil a h-aon dhiubh gun seagh.
- <sup>11</sup>Air an adhbhar sin, mura tuig mi brìgh a' chànan, bidh mi nam choigreach dhan neach a bhruidhneas, agus bidh an neach a bhruidhneas na choigreach dhòmhsa.
- <sup>12</sup>Mar sin leibhse, bhon a tha sibh dealasach airson tiodhlacan spioradail, siribh gum biodh sibh barraichte ann a bhith a' togail suas na h-eaglaise.
- <sup>13</sup>Air an adhbhar sin, dèanadh an neach a bhruidhneas ann an teangaidh ùrnaigh gun eadar-theangaicheadh e.
- <sup>14</sup>Oir ma nì mise ùrnaigh ann an teangaidh, tha mo spiorad a' dèanamh ùrnaigh, ach tha m' inntinn neo-thorrach.
- <sup>15</sup>Dè mar sin a nì mi? Nì mi ùrnaigh leis an spiorad agus nì mi ùrnaigh leis an inntinn cuideachd; seinnidh mi leis an spiorad, agus seinnidh mi leis an inntinn cuideachd.
- <sup>16</sup>No ma bheannaicheas tu leis an spiorad a-mhàin, ciamar a chanas an neach a tha ann an suidheachadh neo-fhoghlaimte “Amen” rid thaingealachd, nuair nach aithne dha dè a tha thu ag ràdh?
- <sup>17</sup>Oir dh'fhaodadh tusa a bhith a' toirt taing gu math, ach chan eil an neach eile air a thogail suas.
- <sup>18</sup>Tha mi a' toirt taing do Dhia gu bheil mi a' bruidhinn le teangannan barrachd air na tha sibhse uile;
- <sup>19</sup>ach a dh'aindeoin sin, san eaglais b' fheàrr leam còig faclan a bhruidhinn lem inntinn airson 's gun teagaisginn daoine eile cuideachd, na deich mìle facal ann an teangaidh.
- <sup>20</sup>A bhràithrean, na bithibh nur leanabanan nur smaoineachadh; a dh'aindeoin sin bithibh nur leanabanan ann am mì-rùn, ach ann an tuigse bithibh nur n-inbhich.
- <sup>21</sup>San lagh tha e sgrìobhte: “Tro dhaoine le teangannan coimheach agus le bilean choigreach bruidhnidh mi ris an t-sluagh seo, ach a dh'aindeoin sin uile chan èist iad rium,” tha an Tighearna ag ràdh.
- <sup>22</sup>Mar sin, ma-thà, tha teangannan nan comharra, chan ann dhaibhsan a tha a' creidsinn ach dhaibhsan nach eil a' creidsinn, ach tha fàidheadaireachd na comharra, chan ann dhaibhsan nach eil a' creidsinn, ach dhaibhsan a tha a' creidsinn.

**23**Mar sin ma chruinnicheas an eaglais gu lèir còmhla agus gum bruidhinn iad uile le teangannan, agus gun tig daoine cumanta no eas-creidmheach a-steach, nach can iad gu bheil an cuthach oirbh?

**24**Ach ma nì iad uile fàidheadaireachd agus gun tig neach gun chreideamh a-steach, no neach cumanta, tha e air a dhìtheadh leotha uile agus bheir iad uile breith air,

**25**tha dìomhaireachdan a chridhe air am foillseachadh, agus mar sin – a' tuiteam air aghaidh – nì e adhradh do Dhia a' cur an cèill gu bheil Dia dha-rìribh nur measg.

### Adhradh Òrdail

**26**Dè mar sin, a bhràithrean? Nuair a tha sibh a' tighinn còmhla tha salm, tha teagasg, tha teanga, tha taisbeanadh, tha eadar-mhìneachadh, aig gach aon agaibh. Gum biodh a h-uile sìon air a dhèanamh airson togail suas.

**27**Ma bhruidhneas neach sam bith ann an teangaidh, bruidhneadh dithis no triùir aig a' char as motha, agus gach neach às dèidh a chèile, agus dèanadh aon neach eile eadar-theangachadh.

**28**Ach mura bi eadar-theangair ann, fanadh e sàmhach san eaglais, agus bruidhneadh e ris fhèin 's ri Dia.

**29**Bruidhneadh dithis no triùir fhàidhean, agus thoireadh càch breith.

**30**Ma thèid taisbeanadh a thoirt do neach eile a tha na shuidhe, biodh a' chiad duine sàmhach.

**31**Oir is urrainn dhuibh uile fàidheadaireachd a dhèanamh, gach neach às dèidh a chèile, airson 's gun ionnsaich a h-uile neach agus gum bi a h-uile neach air a mhisneachadh,

**32**agus tha spioradan nam fàidhean umhail dha na fàidhean,

**33**oir chan e Dia Dia na mì-riaghailt, ach na sìthe. Mar ann an eaglaisean nan naomh gu lèir,

**34**bu chòir dhur mnathan fantainn sàmhach sna h-eaglaisean. Oir chan eil e ceadaichte dhaibh bruidhinn, ach bu chòir dhaibh a bhith umhail, mar a tha an lagh cuideachd ag ràdh.

**35**Agus mas miann leotha nì sam bith fhoghlam, faighnicheadh iad dham fir fhèin aig an taigh e, oir tha e nàrach do mhnathan bruidhinn san eaglais.

**36**No am b' ann uaibhse a thàinig facal Dhè a-mach? No an ann thugaibhse a-mhàin a thàinig e?



<sup>37</sup>Ma shaoileas neach sam bith gur e fàidh no duine spioradail a th' ann, bu chòir dha na rudan a tha mise a' sgrìobhadh thugaibh aithneachadh, gur iad àithne an Tighearna.

<sup>38</sup>Ach ma tha neach sam bith aineolach, biodh e aineolach.

<sup>39</sup>Mar sin, a bhràithrean, miannaichibh gu dùrachdach fàidheadaireachd a dhèanamh, ach na bacaibh bruidhinn le teangannan.

<sup>40</sup>Ach bu chòir a h-uile sìon a bhith air a dhèanamh gu ceart 's ann am modh òrdail.

## 1 Corintianaich 15

### Aiseirigh Chrìosd

<sup>1</sup>A-nis dhèanainn aithnichte dhuibh, a bhràithrean, an soisgeul a shearmonaich mi dhuibh, a fhuair sibhse cuideachd, agus anns a bheil sibh nur seasamh,

<sup>2</sup>trom bheil sibh cuideachd air ur sàbhaladh – ma chumas sibh gu daingeann am facal a shearmonaich mi dhuibh – mur do chreid sibh gu dìomhain.

<sup>3</sup>Oir thug mi dhuibh mar phrìomh rud an nì a fhuair mise cuideachd: gun d' fhuair Crìosd bàs airson ar peacaidhean a rèir nan Sgrìobtar,

<sup>4</sup>agus gun deach adhlacadh, is gun do dh'èirich e a-rithist air an treas latha a rèir nan Sgrìobtar

<sup>5</sup>agus gun do nochd e do Chèphas is an uair sin dhan dà-fhear-dheug.

<sup>6</sup>Às dèidh sin, nochd e e fhèin do bharrachd air còig cheud bràthair aig an aon àm, a' mhòr chuid dhiubh a tha beò gus a-nis, ach tha cuid dhiubh air tuiteam nan cadal.

<sup>7</sup>Às dèidh sin nochd e e fhèin do Sheumas, an uair sin dha na h-abstoil gu lèir,

<sup>8</sup>agus mu dheireadh thall, nochd e e fhèin dhòmhsa cuideachd, mar neach a rugadh ann an an-àm.

<sup>9</sup>Oir is mise as lugha dhe na h-abstoil, nach eil airidh air abstol a ghabhail orm, a chionn 's gun robh mi a' geur-leanmhainn eaglais Dhè.

<sup>10</sup>Ach tro ghràs Dhè is mi an nì a th' annam, agus cha robh a ghràs dham thaobh-sa gun buaidh; ach shaothraich mi barrachd na iad uile, a dh'aindeoin sin cha bu mhise, ach gràs Dhè a tha còmhla rium.

<sup>11</sup>Mar sin, ge b' e mise a bh' ann no iadsan, mar seo tha sinne a' searmonachadh agus mar seo chreid sibhse.

### Aiseirigh nam Marbh

- 12**A-nis ma tha Crìosd air a shearmonachadh, gun deach a thogail o na mairbh, ciamar a tha cuid nur measg-se ag ràdh nach eil aiseirigh nam marbh ann?
- 13**Ach mura h-eil aiseirigh nam marbh ann, cha deach fiù 's Crìosd a thogail suas.
- 14**Agus mura deach Crìosd a thogail suas, mar sin tha ar searmonachadh dìomhain, agus tha ur creideamh-se dìomhain cuideachd.
- 15**Agus tha sinne air ar faighinn nar fianaisean brèige air Dia, a chionn 's gun tug sinn fianais a thaobh Dhè, gun do thog e suas Crìosd – am fear nach do thog e suas, mura h-eil na mairbh air an togail suas.
- 16**Oir mura h-eil na mairbh air an togail suas, cha mhotha a chaidh Crìosd a thogail suas.
- 17**Agus mura deach Crìosd a thogail suas, tha ur creideamh-se dìomhain; tha sibh fhathast nur peacaidhean.
- 18**Mar sin cuideachd tha iadsan a chaidil ann an Crìosd air an sgrios.
- 19**Mas ann sa bheatha seo a-mhàin a tha dòchas againn ann an Crìosd, tha sinn nas airidh air truas na daoine sam bith.
- 20**Ach a-nis chaidh Crìosd a thogail suas o na mairbh, ciad-thoradh na feadhna a chaidil.
- 21**Oir mar a thàinig am bàs tro dhuine, thig aiseirigh nam marbh cuideachd tro dhuine.
- 22**Oir mar a tha a h-uile neach a' bàsachadh ann an Àdhamh, mar sin cuideachd, thèid a h-uile neach a dhèanamh beò ann an Crìosd.
- 23**Ach gach neach na òrdugh fhèin: Crìosd a' chiad-thoradh, às dèidh sin iadsan a tha le Crìosd aig a thighinn.
- 24**An uair sin thig an deireadh, nuair a bheir e suas an rìoghachd do Dhia an t-Athair, nuair a chuireas e às dhan a h-uile riaghaltas agus dhan a h-uile h-ùghdarras is cumhachd.
- 25**Oir feumaidh esan riaghladh gus an cuir e a nàimhdean gu lèir fo a chasan.
- 26**Is e an nàmhaid mu dheireadh a thèid a sgrios, am bàs.
- 27**Oir “chuir e a h-uile sìon fo smachd – fo a chasan.” Ach nuair a tha e ag ràdh gun do chuir e “a h-uile sìon” fo smachd, tha e follaiseach gu bheil esan a chuir a h-uile sìon fo smachd air leth on a seo.

**28** Nuair a thèid a h-uile sìon a chur fo a smachd, an uair sin bidh am Mac fhèin fo smachd an Aoin a chuir a h-uile sìon fo a smachd-san, airson 's gum bi Dia nan uile anns na h-uile.

**29** No, dè a nì iadsan a chaidh a bhaisteadh airson nam marbh? Mura h-eil na mairbh air an togail suas idir, carson mar sin a tha iad air am baisteadh air an son?

**30** Agus carson a tha sinne ann an cunnart gach uair?

**31** Tha mi a' dearbhadh, a bhràithrean, tron bhòstadh agam mur deidhinn ann an Crìosd Ìosa ar Tighearna; gu bheil mi a' bàsachadh a h-uile latha.

**32** Mas ann a rèir dòchais dhaonna a rinn mi sabaid ri beathaichean fiadhaich ann an Ephesus, dè a' bhuanachd a th' agam? Mura h-eil na mairbh air an togail an-àirde, "Itheamaid agus òlamaid, oir a-màireach gheibh sinn bàs."

**33** Na bithibh air ur mealladh, "Truailidh droch chuideachd deagh bheusan."

**34** Thigibh gur ciall mar a bu chòir dhuibh, agus na peacaichibh; oir tha aineolas air Dia aig cuid, tha mi ag ràdh seo gu ur nàire.

### **Corp na h-Aiseirigh**

**35** Ach canaidh cuideigin, "Ciamar a dh'èireas na mairbh? Agus dè an seòrsa cuirp leis an tig iad?"

**36** Amadain! An nì sin a chuireas tu, cha tig e beò, mura bàsaich e an toiseach.

**37** Agus an nì a chuireas tu, chan e an corp a bhios ann a chuireas tu, ach gràinne lom, faodaidh e a bhith de chruithneachd, no de sheòrs air choreigin eile.

**38** Ach tha Dia a' toirt corp dha mar as toigh leis, agus do gach seòrsa sìl, a chorp fhèin.

**39** Chan e an aon fheòil a th' anns a h-uile feòil, ach tha aon fheòil aig daoine, agus feòil eile aig ainmhidhean, feòil eile aig eòin, agus feòil eile aig èisg.

**40** Agus tha cuirp nèamhaidh ann, is cuirp thalmhaidh, ach tha aon glòir aig an fheadhainn nèamhaidh agus glòir eile aig an fheadhainn thalmhaidh.

**41** Tha aon glòir aig a' ghrèin, agus glòir eile aig a' ghealaich, agus glòir eile aig na rionnagan; oir tha rionnag eadar-dhealaichte o rionnaig eile a thaobh glòire.

**42** Agus 's ann mar seo a bhios aiseirigh nam marbh: tha e air a chur ann an truailidheachd, tha e air a thogail suas ann an neo-thruailidheachd.

**43** Thèid a chur ann an eas-urram, tha e air a thogail suas ann an glòir. Tha e air a chur ann an laigse, èiridh e ann an cumhachd.

<sup>44</sup>Tha e air a chur na chorp nàdarra, tha e air a thogail suas na chorp spioradail. Ma tha corp nàdarra ann, tha corp spioradail ann cuideachd.

<sup>45</sup>Mar sin cuideachd tha e sgrìobhte, “Thàinig a' chiad duine, Àdhamh, gus a bhith na anam beò”; an t-Àdhamh mu dheireadh, na Spiorad a bheothaicheas.

<sup>46</sup>Ach chan e an rud spioradail a bh' ann an toiseach, ach an rud nàdarra; agus an uair sin an rud spioradail.

<sup>47</sup>Bha a' chiad duine on talamh, dèante on ùir; an dara duine, an Tighearna, o nèamh.

<sup>48</sup>Mar a bha esan dèante on ùir, mar sin cuideachd tha iadsan dèante on ùir, agus mar a tha an duine nèamhaidh, mar sin cuideachd tha iadsan a tha nèamhaidh.

<sup>49</sup>Agus dìreach mar a ghiùlain sinn ìomhaigh an duine dèante on ùir, giùlainidh sinn cuideachd ìomhaigh an duine nèamhaidh.

<sup>50</sup>A-nis tha mi ag ràdh seo, a bhràithrean, nach urrainn do dh'fheòil is do dh'fhuil rìoghachd Dhè a shealbhadh, cha mhotha a shealbhaicheas truailleachd neo-thruailleachd.

<sup>51</sup>Seallaibh! Tha mi ag innse dìomhaireachd dhuibh. Cha chaidil sinn uile, ach thèid sinn uile atharrachadh,

<sup>52</sup>ann an tiota, ann am priobadh na sùla, aig an trompaid dheireannach. Oir sèididh an trompaid, agus thèid na mairbh a thogail neo-thruailleidh, is thèid sinne ar n-atharrachadh.

<sup>53</sup>Oir feumaidh an corp truailleidh seo neo-thruailleachd a chur air, agus an corp bàsmhor seo neo-bhàsmhorachd a chur air.

<sup>54</sup>Ach nuair a chuireas an corp truailleidh seo neo-thruailleachd air, agus a chuireas an corp bàsmhor seo neo-bhàsmhorachd air, an uair sin thèid am facal a tha sgrìobhte a choileanadh, “Chaidh am bàs a shlugadh suas ann am buaidh.”

<sup>55</sup>“A bhàis, càit a bheil do bhuidh? A bhàis, càit a bheil do gath?”

<sup>56</sup>Is e gath a' bhàis, am peacadh, agus is e cumhachd a' pheacaidh, an lagh.

<sup>57</sup>Ach taing do Dhia, a tha a' toirt na buadha dhuinn, tro ar Tighearna Ìosa Crìosd.

<sup>58</sup>Mar sin, mo bhràithrean gràdhaichte, bithibh daingeann, neo-ghluasadach, an-còmhnaidh a' meudachadh ann an obair an Tighearna, is fios agaibh nach eil ur saothair dìomhain san Tighearna.

## 1 Corintianaich 16

### An Tional airson Sluagh Dhè

<sup>1</sup>A-nis a thaobh an tionail airson nan naomh: mar a thug mi stiùireadh do dh'eaglaisean Ghalàtia, mar sin dèanaibh-se cuideachd.

<sup>2</sup>Air a' chiad latha gach seachdain, cuireadh gach neach agaibh rud air leth mar a shoirbhicheas leis agus gleidheadh e e, airson 's nach bi tional ri dhèanamh nuair a thig mise.

<sup>3</sup>Agus nuair a thig mi, ge b' e cò a mholas sibh, cuiridh mise iadsan, le litrichean, a ghiùlain ur tiodhlaic gu Ierusalem;

<sup>4</sup>agus mas iomchaidh dhòmhsa a dhol ann cuideachd, thèid iadsan còmhla rium.

### Iartasan Pearsanta

<sup>5</sup>Ach thig mi thugaibh-se nuair a thèid mi tro Mhacedònia – oir tha mi a' dol tro Mhacedònia;

<sup>6</sup>agus 's dòcha gum fan mi còmhla ribh, no fiù 's gun cuir mi seachad an geamhradh còmhla ribh, airson 's gun cuir sibh air mo thuras mi, ge b' e dè an t-àite dhan tèid mi.

<sup>7</sup>Oir chan eil mi ag iarraidh ur faicinn an-dràsta san dol seachad; oir tha dùil agam fuireach còmhla ribh airson ùine bheag, ma cheadaicheas an Tighearna.

<sup>8</sup>Ach fuirichidh mi ann an Ephesus chun na Caingis,

<sup>9</sup>oir chaidh doras mòr agus èifeachdach fhosgladh dhomh, agus tha tòrr nàimhdean ann.

<sup>10</sup>A-nis ma thig Timòteus, feuchaibh gum bi e gun eagal còmhla ribh, oir tha e a' dèanamh obair an Tighearna, mar a tha mise.

<sup>11</sup>Mar sin na dèanadh neach sam bith tàir air. Ach cuiribh air a shlighe ann an sìth e, airson 's gun till e thugamsa, oir tha mi ga fheitheamh còmhla ri na bràithrean.

<sup>12</sup>Ach a thaobh ar bràthair Apollos, dh'earalaich mi air a dhol thugaibh le na bràithrean, ach cha b' e a mhiann-san idir tighinn an-dràsta, ach thig e nuair a gheibh e cothrom.

<sup>13</sup>Dèanaibh faire, seasaibh gu daingeann sa chreideamh, bithibh fearail, bithibh làidir.

<sup>14</sup>Biodh a h-uile sìon a nì sibh air a dhèanamh ann an gràdh.

**15** Is aithne dhuibh teaghlach Stephanuis, gum b' iad ciad-thoradh Achaia, agus gu bheil iad air iad fhèin a choisrigheadh do fhrithealadh dha na naoimh. A-nis tha mi gur n-earalachadh, a bhràithrean,

**16** gum biodh sibh umhail dhan leithidean sin, agus dhan a h-uile neach a chuidicheas san obair agus a nì saothair.

**17** Tha mi a' dèanaibh gàirdeachas mu thighinn Stephanuis is Fhortunatus is Achaicuis, oir rinn iad suas na bha a dhìth oirbhse.

**18** Oir dh'ath-ùraich iad mo spiorad-sa agus ur spiorad-se. Mar sin aithnichibh an leithidean sin.

### **Fàiltean Dheireannach**

**19** Tha eaglaisean na h-Àisia a' cur fàilte oirbh. Tha Acuila is Prisca, cuide ris an eaglais a tha nan taigh, a' cur fàilte chridheil oirbh san Tighearna.

**20** Tha na bràithrean gu lèir a' cur fàilte oirbh. Cuiribh-se fàilte air a chèile le pòig naoimh.

**21** Tha mise, Pòl, a' sgrìobhadh na fàilte seo lem làimh fhèin.

**22** Ma tha neach ann aig nach eil gràdh dhan Tighearna, biodh e mallaichte. Thig, a Thighearna.

**23** Gràs an Tighearna Ìosa gu robh leibh.

**24** Mo ghràdh-sa gu robh leibh uile ann an Crìosd Ìosa. Amen.

## 2 Corintianaich

### 2 Corintianaich 1

<sup>1</sup>Pòl, abstol Chrìosd Ìosa tro thoil Dhè, agus Timòteus ar bràthair, Gu eaglais Dhè a th' ann an Corint, cuide ris na naoimh uile a th' ann an Achaia gu lèir:

<sup>2</sup>Gràs dhuibh agus sìth o Dhia ar n-athair agus on Tighearn Ìosa Crìosd.

#### Moladh do Dhia nan Uile Chofhurtachd

<sup>3</sup>Beannaichte gun robh an Dia agus athair ar Tighearn Ìosa Crìosd, Athair nan tròcair agus Dia nan uile chofhurtachd,

<sup>4</sup>a tha a' toirt cofhurtachd dhuinne nar n-àmhghar gu lèir, airson 's gun tèid againn air cofhurtachd a thoirt dhaibhsan a th' ann an àmhghar sam bith, leis a' chofhurtachd leis a bheil sinn fhèin air ar cofhurtachadh le Dia.

<sup>5</sup>Oir dìreach mar a tha fulangasan Chrìosd pailt annainn, mar sin cuideachd, tro Chrìosd, tha ar cofhurtachd pailt.

<sup>6</sup>Agus ma tha sinn fo àmhghar, 's ann airson ur cofhurtachd 's ur sàbhaladh-se; ma tha sinn air ar cofhurtachadh 's ann airson ur cofhurtachd-se a tha e, a tha èifeachdach annaibh ann a bhith a' giùlain na h-aon fhulangasan 's a tha sinne a' fulang.

<sup>7</sup>Agus tha ar dòchas air ur son-se daingeann, le fios againn, mar a tha sibh nur luchd-compàirt nar fulangasan-ne, gum bi sibh cuideachd nur luchd-compàirt nar cofhurtachd.

<sup>8</sup>Oir chan eil sinn ag iarraidh gum bi sibh aineolach, a bhràithrean, mun àmhghair a thachair dhuinn ann an Àisia; oir bha sinn fo eallach ro-mhòr, thar ar neirt, eadhon gus dòchas a chall mu ar beatha.

<sup>9</sup>Ach, bha binn ar bàis againn annainn fhèin airson 's nach cuireamaid ar dòchas annainn fhèin, ach ann an Dia a thogas suas na mairbh,

<sup>10</sup>a shaor sinn o chunnart-bàis cho mòr – agus a shaoras sinn – annsan chuir sinn ar dòchas, gun saor e fhathast sinn;

<sup>11</sup>tha sibhse cuideachd a' gabhail pàirt ann a bhith gar cuideachadh tro ur n-ùrnaighean airson 's gun toir mòran dhaoine taing as ar leth airson an tiodhlaic a chaidh a thoirt dhuinn, tro ùrnaighean mhòran.

#### Dh'Atharraich Pòl na Chuir e Roimhe

<sup>12</sup>Oir is e seo ar bòst: fianais ar cogais, gun do giùlain sinne sinn fhèin san t-saoghal, ann an sìmplidheachd is dùrachd dhiadhaidh agus chan ann ann an gliocas feòlmhor, ach ann an gràs Dhè, agus gu h-àraidh dhur taobh-se.

**13**Oir chan eil sinn a' sgrìobhadh nì sam bith eile thugaibh ach na rudan a tha sibh a' leughadh 's ag aideachadh; agus tha mi an dòchas a dh'aidicheas sibh chun an deiridh –

**14**dìreach cuideachd mar a dh'aidich sibh sinne ann am pàirt, gur sinn ur n-adhbhar moit-se mar a tha sibhse cuideachd dhuinne – air latha ar Tighearna Ìosa.

**15**Agus leis a' chinnt seo bha mi ag iarraidh tighinn thugaibh an toiseach, airson 's gum faigheadh sibh beannachd dà uair.

**16**B' e sin a dhol ur taobh-se a-steach do Mhacedònia, is tighinn thugaibh o Mhacedònia a-rithist agus a bhith air mo chuideachadh leibhse air mo thuras gu Iudèa.

**17**Mar sin cha robh mi eadar dà bharail nuair a bha mi am beachd sin a dhèanamh, an robh? No, na chuireas mi romham, an ann a rèir na feòla tha mi ga chur romham, airson 's gum bi “Tha, tha” agus “Chan eil, chan eil” agam aig an aon àm?

**18**Ach mar a tha Dia dìleas, cha b' e ar facal-ne dhuibhse “Tha” agus “Chan eil”.

**19**Oir Mac Dhè, Ìosa Crìosd, a chaidh a shearmonachadh nur measg-se leinne – leamsa 's le Siluanus is le Timòteus – cha robh esan na “Tha” 's na “Chan eil”, ach annsan 's e “Tha” a th' air a bhith ann an-còmhnaidh.

**20**Oir na th' ann de gheallaidhean Dhè, annsan tha iad nan “Tha”; agus annsan tha an “t-Amen” gu glòir Dhè, tromhainne.

**21**A-nis is Esan a tha gar stèidheachadh còmhla ribhse ann an Crìosd, agus a th' air ar n-ungadh, Dia,

**22**a chuir a sheula oirnn cuideachd is a thug dhuinn an Spiorad nar cridheachan mar gheall.

**23**Ach tha mi a' gairm Dhè mar fhianais air m' anam – gur ann airson ur caomhnadh nach tàinig mi a-rithist gu Corint.

**24**Chan e gu bheil tighearnas againne thar ur creideimh, ach 's e co-luchd-obrach a th' annainn airson ur n-aoibhneis, oir, nur creideamh, tha sibh a' seasamh.

## **2 Corintianaich 2**

**1**Ach chuir mi seo romham annam fhèin, nach tiginn a-rithist fo bhròn thugaibh.



<sup>2</sup>Oir ma chuireas mise bròn oirbhse, cò a nì toilichte mise, mura h-e an neach a th' air a chur fo bhròn leamsa?

<sup>3</sup>Agus sgrìobh mi an dearbh rud seo, airson 's nuair a thiginn, nach deigheadh mo chur fo bhròn leis an fheadhainn sin a bu chòir a bhith gam dhèanamh toilichte, le earbsa annaibh uile, gum bi mo thoileachas-sa na thoileachas dhuibh-se gu lèir.

<sup>4</sup>Oir à mòr-àmhghar is cràdh cridhe sgrìobh mi thugaibh tro iomadh deur; chan ann airson 's gum biodh sibh fo bhròn ach airson 's gum biodh fios agaibh air a' ghràdh ro-phailt a th' agam air ur son-se.

### **Mathanas dhan Pheacach**

<sup>5</sup>Ach ma tha neach sam bith air bròn adhbhrachadh, cha b' ann ormsa a chuir e bròn, ach gu ìre – gun a chur ro làidir – oirbhse.

<sup>6</sup>Is leòr dhan a leithid sin de neach am peanas seo a chaidh a chur air le mòran,

<sup>7</sup>airson 's, air an làimh eile, gum bu chòir dhuibh a mhathadh is cofhurtachd a thoirt dha, air eagal 's gum faodadh gum biodh a leithid seo de dhuine air a shlugadh suas le tuilleadh 's a chòir bròin.

<sup>8</sup>Mar sin tha mi gar n-earalachadh gun dearbh sibh ur gràdh dha.

<sup>9</sup>Oir air an adhbhar seo sgrìobh mi, airson 's gun dearbhainn sibh, a dh'fhaicinn a bheil sibh umhail sa h-uile sìon.

<sup>10</sup>Ach neach dhan toir sibhse mathanas ann an nì sam bith, mathaidh mise cuideachd; oir dha-rìribh na mhath mise – ma mhath mi nì sam bith – rinn mi e air ur son-se ann an làthair Chrìosd,

<sup>11</sup>gus nach gabhadh Sàtan brath oirnn, oir chan eil sinn aineolach air na h-innleachdan aigesan.

### **Ministearan dhen Cho-Cheangal Ùr**

<sup>12</sup>A-nis nuair a thàinig mi gu Tròas airson soisgeul Chrìosd 's a chaidh doras fhosgladh dhomh san Tighearna,

<sup>13</sup>cha robh fois agam nam spiorad, air sgàth 's nach do lorg mi Tìtus mo bhràthair; ach a' gabhail mo chead dhibh, dh'fhalbh mi gu Macedònia.

<sup>14</sup>Ach taing do Dhia, a tha an-còmhnaidh gar treòrachadh gu buadhach ann an Ìosa Crìosd agus tromhainne a' foillseachadh fàileadh eòlais fhèin anns gach àite:

<sup>15</sup>oir tha sinne nar deagh-fhàileadh Chrìosd do Dhia am measg na feadhna a tha gan sàbhaladh, agus am measg na feadhna a tha gan sgrios,

<sup>16</sup>do dh'fheadhainn nar fàileadh o bhàs gu bàs, dhan fheadhainn eile nar fàileadh o bheatha gu beatha. Agus cò a tha freagarrach airson na rudan seo?

<sup>17</sup>Oir chan eil sinne mar a tha mòran, a nì malairt le facal Dhè, ach mar o dhùrachdas, mar o Dhia, tha sinn a' bruidhinn ann an Crìosd am fianais Dhè.

## **2 Corintianaich 3**

<sup>1</sup>A bheil sinn a' tòiseachadh air ar moladh fhèin a-rithist? No a bheil feum againne, mar a th' aig cuid, air litrichean-molaidh thugaibh no uaibh?

<sup>2</sup>Is sibhse ar litir-ne, sgrìobhte nar cridheachan, air a h-aithneachadh 's air a leughadh leis a h-uile duine;

<sup>3</sup>a' foillseachadh gur sibh litir Chrìosd, a chaidh a fhrithealadh leinne, sgrìobhte chan ann le dubh ach le Spiorad an Dè bheò; chan ann air clàran cloiche, ach air clàran cridhe feòla.

<sup>4</sup>Is e a leithid seo de chinnt a th' againn tro Chrìosd a thaobh Dhè.

<sup>5</sup>Chan e gu bheil sinn comasach anainn fhèin air smaoineachadh gu bheil nì sam bith a' tighinn uainn fhèin, ach tha ar comas o Dhia,

<sup>6</sup>a tha air ar dèanamh comasach air a bhith nar ministearan de thiomnadh nuadh; chan ann den litir, ach den Spiorad; oir tha an litir a' marbhadh, ach tha an Spiorad a' beothachadh.

### **Glòir nas Motha a' Cho-Cheangail Ùir**

<sup>7</sup>Ach ma thàinig ministrealachd a' bhàis – snaidhte air clachan – le glòir, is nach b' urrainn do chloinn Israeil coimhead gu geur air aghaidh Mhaois air sgàth glòir na h-aghaidhe aige a bha a' sìoladh às,

<sup>8</sup>ciamar nach bi barrachd glòire aig ministrealachd an Spioraid?

<sup>9</sup>Oir ma tha glòir aig ministrealachd an dìtidh, tha fada a bharrachd air a sin aig ministrealachd na fireantachd a tha a' cur thairis le glòir.

<sup>10</sup>Oir dha-rìribh an rud aig an robh glòir, chan eil glòir aige san t-seagh seo, air sgàth na glòire aig a bheil barrachd air.

<sup>11</sup>Oir ma thàinig an rud a tha a' dol à bith le glòir, fada nas motha na sin tha a' ghlòir aig an rud a mhaireas.

<sup>12</sup>Mar sin air sgàth 's gu bheil a leithid sin de dhòchas againn, tha sinn a' cleachdadh mòr-dhànachd

<sup>13</sup>is chan ann mar Mhaois, a bha a' cur còmhdach air aghaidh airson 's nach sealladh clann Israeil gu geur air crìoch na bha a' sìoladh às.

<sup>14</sup>Ach bha an inntinnean air an cruadhachadh; oir, gus an latha an-diugh ann an leughadh an t-seann tiomnaidh tha an aon chòmhdach a' fantainn gun togail, oir is ann an Crìosd a tha e air a thoirt air falbh.

<sup>15</sup>Ach chun an latha an-diugh ge b' e cuin a thèid Maois a leughadh, tha còmhdach na laighe air an cridhe.

<sup>16</sup>Ach ge b' e cuin a thionndaidheas neach chun an Tighearna, tha an còmhdach air a thoirt dheth.

<sup>17</sup>A-nis is e an Tighearna an Spiorad, agus far a bheil Spiorad an Tighearna, tha saorsa.

<sup>18</sup>Ach tha sinne uile – le aghaidhean gun chòmhdach, a' coimhead mar ann an sgàthan air glòir an Tighearna – gar n-atharrachadh chun na h-aon ìomhaigh o ghlòir gu glòir, dìreach mar on Tighearna, an Spiorad.

## **2 Corintianaich 4**

### **Ionmhas ann am Poitean Crèadha**

<sup>1</sup>Mar sin, bhon a tha a' mhinistrealachd seo againn tro thròcair Dhè, chan eil sinn a' call misneachd.

<sup>2</sup>Ach chuir sinn cùl ri rudan falaichte na nàire, chan ann a' coiseachd ann an ceilg, no a' fiaradh facal Dhè, ach le foillseachadh na firinn, gar moladh fhèin do chogais gach neach ann an sealladh Dhè.

<sup>3</sup>Agus fiù 's ma tha ar soisgeul-ne falaichte, tha e falaichte dhaibhsan a tha gan sgrios.

<sup>4</sup>Nan suidheachadh-san tha dia an t-saoghail seo air inntinnean nan eas-creidmheach a dhalladh, airson 's nach bi solas soisgeul glòir Chrìosd, as e ìomhaigh Dhè, air fhoillseachadh dhaibh.

<sup>5</sup>Oir chan eil sinne gar searmonachadh fhèin, ach Ìosa Crìosd an Tighearna, agus sinn fhèin nar seirbheisich dhuibhse air sgàth Ìosa.

<sup>6</sup>Oir is e Dia, a thuirt, “À dorchadas soillsicheadh solas,” an t-Aon a th' air deàlradh nar cridheachan airson solas eòlas glòir Dhè a thoirt dhuinn ann an aghaidh Ìosa Crìosd.

<sup>7</sup>Ach tha an t-ionmhas seo againn ann an soithichean crèadha, airson 's gum bi barrachdas a' chumhachd o Dhia 's chan ann uainne.

<sup>8</sup>Tha sinn air ar claidh sa h-uile dòigh, ach gun a bhith air ar brùthadh sìos; fo imcheist, ach gun a bhith eu-dòchasach;

<sup>9</sup>air ar geur-leanmhainn, ach gun a bhith air ar trèigsinn; air ar leagail sìos, ach gun a bhith air ar sgrios;

<sup>10</sup>an-còmhnaidh a' giùlain bàs Ìosa sa bhodhaig, airson 's gum bi beatha Ìosa cuideachd air a foillseachadh nar bodhaig.

<sup>11</sup>Oir tha sinne a tha beò an-còmhnaidh air ar toirt thairis gu bàs airson Ìosa, airson 's gum biodh beatha Ìosa cuideachd air a foillseachadh nar feòil bhàsmhoir.

<sup>12</sup>Mar sin tha bàs ag obrachadh annainne, ach beatha annaibhse.

<sup>13</sup>Ach bhon a tha an aon spiorad creideimh againn, a rèir mar a tha e sgrìobhte, “Chreid mi, mar sin bhruidhinn mi,” chreid sinne cuideachd is mar sin tha sinn a' bruidhinn,

<sup>14</sup>is fios againn, gun tog an t-Aon a thog suas an Tighearna Ìosa, sinne suas cuideachd, le Ìosa, agus gun nochd e sinn na làthair-san leibhse.

<sup>15</sup>Oir tha a h-uile sìon air ur son-se, airson 's gum meudaich an gràs tro bharrachd dhaoine is gum fàs taingealachd nas lìonmhoire, gu glòir Dhè.

<sup>16</sup>Mar sin chan eil sinn a' call misneachd, ach ged a tha ar duine a th' air an taobh a-muigh a' crìonadh, tha ar nàdar a th' air an taobh a-staigh ga ath-nuadhachadh latha 'n dèidh latha.

<sup>17</sup>Oir tha ar n-àmhghar aotrom, mòmaideach ag obrachadh dhuinne cuideam glòire sìorraidh a tha thar tomhais sam bith,

<sup>18</sup>mar sin chan eil sinne a' coimhead air na rudan a tha rim faicinn, ach air na rudan nach eil rim faicinn; oir tha na rudan a chithear aimsireil, ach tha na rudan nach fhaicear sìorraidh.

## **2 Corintianaich 5**

### **A' Feitheamh air ar Bodhaig Nèamhaidh**

<sup>1</sup>Oir tha fios againn, ma thèid taigh talmhaidh ar pàillein a thilgeil sìos, gu bheil taigh againn o Dhia, nach deach a thogail le làmhan; sìorraidh sna nèamhan.

<sup>2</sup>Oir dha-rìribh tha sinn ag osnaich ann, a' miannachadh gu mòr a bhith air ar n-èideadh le ar n-àite-còmhnaidh o nèamh

<sup>3</sup>ma thachras, dha-rìribh – às dèidh dhuinn a chur oirnn – nach bi sinn air ar faighinn rùisgte.

<sup>4</sup>Oir dha-rìribh fhad 's a tha sinn sa phàillean seo, tha sinn ag osnaich 's fo eallach, oir chan eil sinne ag iarraidh a bhith gun aodach ach air ar n-èideadh, airson 's gum bi na tha bàsmhor air a shlugadh suas le beatha.

<sup>5</sup>A-nis is e Dia a dh'ullaich sinn airson an dearbh nì seo, a th' air geall an Spioraid a thoirt dhuinn.

<sup>6</sup>Mar sin tha sinn an-còmhnaidh deagh-mhisneachail, le fios a bhith againn, fhad 's a tha sinn aig an taigh sa bhodhaig, gu bheil sinn air falbh on Tighearna –

<sup>7</sup>oir tha sinn a' coiseachd le creideamh, chan ann le sealladh.

<sup>8</sup>Tha deagh-mhisneachd againn agus b' fheàrr leinn a bhith air falbh bhon bhodhaig is aig an dachaigh leis an Tighearna.

<sup>9</sup>Mar sin tha e mar amas againn cuideachd, ge b' ann aig an dachaigh no air falbh uaithe, a bhith ga thoileachadh.

<sup>10</sup>Oir feumaidh sinn uile nochdadh mu choinneamh cathair-breitheanais Chrìosd, airson 's gum faod a h-uile neach na tha e airidh air fhaighinn, airson na rinn e sa bhodhaig, ge b' e math no olc.

### **Ministrealachd na Rèite**

<sup>11</sup>Mar sin, le fios a bhith againn air eagal an Tighearna, tha sinn a' cur ìmpidh air daoine, ach tha sinn fhèin air ar dèanamh follaiseach do Dhia, agus tha dòchas agam cuideachd gu bheil sinn air ar dèanamh follaiseach nur cogaisean-se.

<sup>12</sup>Chan eil sinn gar moladh fhèin a-rithist dhuibh ach a' toirt cothrom dhuibh a bhith moiteil asainn, airson 's gum bi freagairt agaibh dhaibhsan a tha a' bòstadh ann an coltas agus nach ann, ann an cridhe.

<sup>13</sup>Oir ma tha sinn às ar ciall, 's ann airson Dhè; ma tha ar ciall againn, 's ann dhuibhse.

<sup>14</sup>Oir tha gràdh Chrìosd gar co-èigheachadh, às dèidh dhuinn tighinn chun a' cho-dhùnaidh seo: gun do bhàsaich aon airson nan uile, mar sin bhàsaich na h-uile;

<sup>15</sup>agus bhàsaich e airson nan uile, airson 's nach biodh iadsan a tha beò tuilleadh beò air an son fhèin, ach air a shon-san a bhàsaich 's a chaidh a thogail suas air an son.

<sup>16</sup>Mar sin, à seo suas chan aithne dhuinn duine sam bith a rèir na feòla; fiù 's ged a b' aithne dhuinn Crìosd a rèir na feòla, ach a-nis chan aithne dhuinn e mar seo tuilleadh.

<sup>17</sup>Mar sin, ma tha neach sam bith ann an Crìosd, 's e creutair ùr a th' ann, chaidh na seann rudan seachad, seallaibh, tha rudan ùra air tighinn.

<sup>18</sup>A-nis tha na rudan sin uile o Dhia a rinn sinne rèidh ris fhèin tro Chrìosd agus a thug dhuinn ministrealachd na rèite;

<sup>19</sup>mar a bha Dia, ann an Crìosd, a' dèanamh an t-saoghal rèidh ris fhèin, gun a bhith a' cunntadh am peacaidhean nan aghaidh, agus dh'earb e rinne facal na rèite.

<sup>20</sup>Mar sin tha sinne nar tosgairean airson Chrìosd, mar gun robh Dia a' dèanamh a thagradh tromhainne; tha sinn a' guidhe oirbh às leth Chrìosd, bithibh rèidh ri Dia.

<sup>21</sup>Oir rinn e esan, dha nach b' aithne peacadh, na pheacadh air ar son-ne; airson 's gum biodh sinne air ar dèanamh nar fireantachd Dhè annsan.

## 2 Corintianaich 6

<sup>1</sup>Agus ag obrachadh còmhla ris, tha sinne cuideachd a' dèanamh tagradh ribh gun gràs Dhè a ghabhail gu dìomhain.

<sup>2</sup>Oir tha e ag ràdh: “Ann an àm fàbharach dh'èist mi riut agus ann an latha an t-sàbhalaidh chuidich mi thu.” Seallaibh, is e seo, a-nis, an t-àm fàbharach, is e seo, a-nis, latha an t-sàbhalaidh.

### Cruadalan Phòil

<sup>3</sup>Gun a bhith a' toirt adhbhar oilbheim ann an rud sam bith, airson 's nach fhaigh a' mhinistrealachd mì-chliù,

<sup>4</sup>ach sa h-uile sìon gar dearbhadh fhèin mar sheirbheisich Dhè, ann am mòr-leanaltas, ann an àmhgharan, ann an cruadalan, ann an èiginnean,

<sup>5</sup>ann an dochainnean, ann am prìosan, ann am buairidhean, ann an saothairean, ann an dìth cadail, ann an trasgaidhean;

<sup>6</sup>ann am fìorghlaine, ann an eòlas, ann am foighidinn, ann an coibhneas, ann an Spiorad Naomh, ann an gràdh gun cheilg,

<sup>7</sup>ann am facal na fìrinne, ann an cumhachd Dhè, le airm na fireantachd air an làimh dheis is chli;

<sup>8</sup>tro urram agus eas-urram, tro mhì-chliù agus dheagh-chliù; air ar faicinn mar mhealltairean, ach fìrinneach;

<sup>9</sup>neo-aithnichte, ach air a bheil deagh aithne; mar gun robh sinn a' faighinn bàs ach seallaibh, tha sinn beò; mar air ar peanasachadh agus gun a bhith air ar cur gu bàs;

<sup>10</sup>brònach, ach an-còmhnaidh a' dèanamh gairdeachas; mar dhaoine bochda, ach a' dèanamh mòran beairteach, mar dhaoine aig nach eil sìon, ach a' sealbhachadh a h-uile sìon.

<sup>11</sup>Tha sinn air bruidhinn gu h-onarach ribhse, a Chorintianacha, tha ar cridhe air a bhith air fhosgladh gu mòr.

<sup>12</sup>Chan eil sibh air ur bacadh leinne, ach tha sibhse air ur bacadh nur miannan fhèin.

<sup>13</sup>A-nis mar fhreagairt – tha mi a' bruidhinn mar ri cloinn – fosglaidh ur cridheachan rinne cuideachd.

### **Rabhadh an aghaidh Iodhal-Adhraidh**

<sup>14</sup>Na bithibh air ur faighinn fo chuing nan eas-creidmheach. Oir dè an compàirteachas a th' aig fireantachd le cion-lagha? Agus dè an co-chomann a th' aig solas le dorchadas?

<sup>15</sup>Dè an còrdadh a th' aig Crìosd ri Belial? No dè an co-roinn a th' aig creidmheach le eas-creidmheach?

<sup>16</sup>No dè an t-aonta a th' aig teampall Dhè ri iodhalan? Oir is sinne teampall an Dè bheò; dìreach mar a thuir Dia, “Gabhaidh mi còmhnaidh annta is coisichidh mi nam measg, agus bidh mise nam Dhia dhaibh is bidh iadsan nan sluagh dhòmhsa.”

<sup>17</sup>“Mar sin, thigibh a-mach om measg agus bithibh dealaichte, tha an Tighearna ag ràdh. Is na buinibh dhan rud neòghlan, agus cuiridh mise fàilte oirbh.”

<sup>18</sup>Agus “Bidh mise nam Athair dhuibh, agus bidh sibhse nur mic is nur nigheanan dhòmhsa, tha an Tighearna uile-chumhachdach ag ràdh.”

## **2 Corintianaich 7**

<sup>1</sup>Mar sin, le na geallaidhean seo againn, a mhuinntir mo ghràidh, glanamaid sinn fhèin o gach uile thruailleadh feòla is spioraid, a' coileanadh naomhachd ann an eagal Dhè.

### **Aoibhneas Phòil air Sgàth Aithreachais na h-Eaglaise**

<sup>2</sup>Dèanaibh àite dhuinn nur cridheachan; cha do rinn sinn dad ceàrr air duine sam bith, cha do thruaill sinn duine sam bith, cha do ghabh sinn brath air duine sam bith.

<sup>3</sup>Chan ann airson dìtidh a tha mi ag ràdh seo, oir thuir mi roimhe gu bheil sibh nar cridheachan – airson bàsachadh còmhla ribh 's a bhith beò còmhla ribh.

<sup>4</sup>Is mòr mo dhànachd dhuir taobh, is mòr mo bhòstadh às ur leth. Tha mi air mo lìonadh le cofhurtachd; tha mi a' cur thairis le toileachas nar n-uile àmhghar.

<sup>5</sup>Oir fiù 's nuair a thàinig sinn a Mhacedònia cha d' fhuair ar feòil fois sam bith, ach bha sinn fo àmhghar air gach taobh – air an taobh a-muigh, sabaidean, air an taobh a-staigh, eagalan.

<sup>6</sup>Ach esan a bheir cofhurtachd dhaibhsan a tha dubhach – Dia – thug e cofhurtachd dhuinne le teachd Thìuis,

<sup>7</sup>agus cha b' ann a-mhàin le a theachd, ach cuideachd leis a' chofhurtachd leis an robh e air a chofhurtachadh dhur taobh-se, nuair a chuir e an cèill dhuinn ur fadachd, ur caoidh, ur n-eud dhòmhsa; air chor 's gun do rinn mise barrachd gàirdeachais.

<sup>8</sup>Oir ma dh'adhbhraich mi bròn dhuibh leis an litir, chan eil aithreachas orm; eadhon ma bha aithreachas orm – oir tha mi a' faicinn gun do dh'adhbhraich an litir bròn dhuibh, ged nach robh seo ach airson greis.

<sup>9</sup>A-nis tha mi toilichte, chan ann airson 's gun robh sibh brònach, ach airson 's gun robh sibh brònach gu aithreachas. Oir chaidh ur dèanamh brònach ann am modh diadhaidh, airson 's nach tigeadh call oirbh ann an nì sam bith tromhainne.

<sup>10</sup>Oir tha am bròn a tha diadhaidh a' buileachadh aithreachas a tha gun chaidh 's a tha a' treòrachadh gu sàbhaladh, ach tha bròn an t-saoghail a' buileachadh bàs.

<sup>11</sup>Oir seallaibh an dearbh rud seo – am bròn diadhaidh – an dùrachd a bhuilich e annaibh; dè an dùrachd gus a bhith gur dìon fhèin, dè an diomb, dè an t-eagal, dè am miann, dè an t-eud, dè an dìoghaltas airson na bha ceàrr? Sa h-uile sìon dhearbh sibh sib' fhèin a bhith neoichiontach sa chùis.

<sup>12</sup>Mar sin, ma sgrìobh mi thugaibh, cha b' ann air a shon-san a rinn an t-eucoir, no air a shon-san air an deach an t-eucoir a dhèanamh, ach airson 's gum biodh ur dùrachd air ar son-ne air a dèanamh aithnichte dhuibh ann an sealladh Dhè.

<sup>13</sup>Air an adhbhar seo, tha sinn air ar cofhurtachadh. Agus a thuilleadh air ar cofhurtachd fhèin, rinn sinn barrachd gàirdeachais airson aoibhneas Thìtuis, air sgàth 's gun d' fhuair a spiorad ath-ùrachadh uaibhse uile.

<sup>14</sup>Oir ma rinn mi bòst sam bith ris-san mur deidhinn-se, cha deach mo nàrachadh; ach dìreach mar a thuirt sinn a h-uile sìon ribh ann am firinn, mar sin cuideachd chaidh ar bòstadh mu choinneamh Thìtuis fhaighinn fìor.

<sup>15</sup>Agus tha a thròcair chaomh-san a' meudachadh buileach dhur taobh-se, fhad 's a tha e a' cuimhneachadh air ur n-uile ùmhlachd, mar a ghabh sibh ris le eagal is ball-chrith.

<sup>16</sup>Tha mi a' dèanamh gàirdeachas gu bheil cinnt agam annaibh sa h-uile sìon.

## **2 Corintianaich 8**

### **Tiodhlac air a Thional airson Sluagh Dhè**

<sup>1</sup>A-nis, a bhràithrean, tha sinn a' toirt fios dhuibh air gràs Dhè a chaidh a thoirt do dh'eaglaisean Mhacedònia,



<sup>2</sup>gun robh – ann am mòr-dhearbhadh cruadail – pailteas an toileachais-san agus doimhne am bochdainn-san gan dòrtadh thairis ann an saidhbhreas am fialaidheachd.

<sup>3</sup>Oir tha mi a' toirt fianais gun robh iad, a rèir an comais 's thar an comais, a' tairgsinn len toil fhèin,

<sup>4</sup>a' guidhe oirne gu dùrachdach, gun gabhamaid an tiodhlac agus co-roinn an fhrithealaidh dha na naoimh,

<sup>5</sup>agus seo, cha b' ann mar a bha dùil againne, ach thug iadsan iad fhèin an toiseach dhan Tighearna 's às dèidh sin dhuinne, a rèir toil Dhè.

<sup>6</sup>Mar sin, chuir sinn ìmpidh air Tìtus, dìreach mar a bha e air tòiseachadh roimhe, gum bu chòir dha cuideachd an obair ghràs-mhor seo a choileanadh annaibhse san aon dòigh.

<sup>7</sup>Ach dìreach mar a tha sibh pailt sa h-uile sìon – ann an creideamh, ann am bruidhinn, ann an eòlas, sa h-uile dìcheall, agus sa ghràdh a th'againne dhuibh – bithibh barraichte sa ghràs seo cuideachd.

<sup>8</sup>Chan ann mar àithne a tha mi ag ràdh seo, ach airson dearbhaidh, tro dhùrachd dhaoine eile is treibhdhreas ur gràidh-se cuideachd.

<sup>9</sup>Oir is aithne dhuibh gràs ar Tighearna Ìosa Crìosd, ged a bha e saidhbhir, a dh'aindeoin sin gun deach a dhèanamh bochd air ur son-se, airson 's gum fàsadh sibhse saidhbhir tro a bhochdainn-san.

<sup>10</sup>Agus san nì seo tha mi a' toirt mo bheachd, oir tha seo gu buaidh dhuibhse, a thòisich an toiseach bliadhna air ais, chan ann a-mhàin air seo a dhèanamh, ach cuideachd a bhith a' miannachadh a dhèanamh.

<sup>11</sup>Mar sin a-nis coileanaibh cuideachd a bhith ga dhèanamh, airson 's dìreach mar a bha sibh deiseil a bhith ga mhiannachadh, mar sin cuideachd gum biodh a choileanadh ann.

<sup>12</sup>Oir ma tha an deisealachd ann, tha e airidh air gabhail ris a rèir na th' aig neach, cha ann a rèir na tha a dhìth air.

<sup>13</sup>Oir chan eil seo airson cofhurtachd dhaoine eile 's sibhse a chur fo àmhghar, ach airson co-ionannachd –

<sup>14</sup>aig an àm seo fhèin tha ur pailteas-se na cho-leasachadh air an dìth acasan, airson 's gum bi am pailteas-san na choileanadh air ur dìth-se, gus am bi co-ionannachd ann.

<sup>15</sup>Mar a tha e sgrìobhte, “Ge b' e cò a chruinnich mòran, cha robh cus aige, agus ge b' e cò a chruinnich beagan, cha robh dìth air.”

### **Titus air a Chur gu Corint airson an Tiodhlac Fhaighinn**

<sup>16</sup>Ach taing do Dhia, a chuir an aon dùrachd air ur son-se ann an cridhe Thìtuis.

<sup>17</sup>Oir cha b' e a-mhàin gun do ghabh e ri ar tagradh, ach cuideachd le bhith fìor dhùrachdach e fhèin, chaidh e dhe thoil fhèin thugaibh.

<sup>18</sup>Chuir sinne còmhla ris, am bràthair a tha cliùiteach san t-soisgeul air feadh nan eaglaisean gu lèir.

<sup>19</sup>Agus chan e seo a-mhàin, ach chaidh a shuidheachadh leis na h-eaglaisean cuideachd airson siubhal còmhla rinne san obair ghràs-mhoir seo, a tha ga cur an gnìomh leinn airson glòir an Tighearna fhèin, agus airson sealltainn cho deiseil 's a tha sinn,

<sup>20</sup>faiceallach nach toir neach sam bith mì-chliù dhuinn airson an tiodhlac fialaidh seo a fhrithealadh;

<sup>21</sup>oir tha sùil againn ri na tha onarach, chan ann a-mhàin ann an sealladh Dhè, ach cuideachd ann an sealladh dhaoine.

<sup>22</sup>Agus leothasan chuir sinn ar bràthair, a dhearbhadh sinn gu tric agus a fhuair sinn dùrachdach ann an tòrr rudan, ach a-nis nas dùrachdaiche buileach air sgàth a mhòr chinnt annaibhse.

<sup>23</sup>A thaobh Thìtuis, is esan mo chompanach 's mo cho-obraiche nur measg-se; a thaobh ar bràithrean, is iadsan teachdairean nan eaglaisean, glòir Chrìosd.

<sup>24</sup>Mar sin, seallaibh dhaibhsan dearbhadh ur gràidh-se agus ar n-uail-ne annaibh, mu choinneamh nan eaglaisean.

## **2 Corintianaich 9**

<sup>1</sup>Oir a thaobh frithealaidh dha na naoimh tha e tuilleadh 's a chòir dhòmhsa sgrìobhadh thugaibh,

<sup>2</sup>oir is aithne dhomh ur deisealachd, mum bheil mi a' bòstadh mur deidhinn ris na Macedònaich, ag ràdh gu robh Achaia deiseil bhon uiridh. Agus bhrosnaich ur n-eud-se barrachd dhiubh.

<sup>3</sup>Ach chuir mi na bràithrean thugaibh, gus nach bi ar bòstadh-ne mur deidhinn air a dhèanamh falamh san t-suidheachadh seo, airson 's, mar a bha mi ag ràdh, gum biodh sibh deiseil,

<sup>4</sup>no, ma thig gin dhe na Macedònaich còmhla rium, is gun lorg iad sibhse neo-dheiseil, gum biodh sinne – gun ghuth oirbh-se – air ar nàrachadh leis a' chinnt seo.

<sup>5</sup>Mar sin shaoil mi gun robh e riatanach ìmpidh a chur air na bràithrean a dhol air thoiseach oirbh airson ar tabhartais – a gheall sibh roimhe – a chur an òrdugh, airson 's gum biodh sin deiseil, mar shaor-thiodhlac 's chan ann an aghaidh ur toil.

### Fialaidheachd air a Moladh

<sup>6</sup>Ach seo tha mi ag ràdh, an neach a chuireas gu gann, buainidh e cuideachd gu gann, agus esan a chuireas gu pailt, buainidh e cuideachd gu pailt.

<sup>7</sup>Dèanadh gach neach mar a shuidhich e na chridhe fhèin, chan ann a dh'aindeoin no fo èiginn, oir tha gràdh aig Dia dhan neach a bheir seachad gu sunndach.

<sup>8</sup>Agus tha Dia an comas air a h-uile gràs a dhèanamh pailt dhuibh, airson 's – an-còmhnaidh le gu leòr sa h-uile sìon – gum bi pailteas agaibh airson gach deagh obrach.

<sup>9</sup>Mar a tha e sgrìobhte: “Sgaoil e mun cuairt, thug e dha na bochdan; tha fhìreantachd a' maireachdainn gu sìorraidh.”

<sup>10</sup>A-nis, esan a bheir sìol dhan fhear-cuir agus aran airson ithe, solaraichidh is nì e lìonmhor ur sìol agus meudaichidh e toradh ur fireantachd.

<sup>11</sup>Bidh sibh air ur dèanamh beairteach sa h-uile sìon airson a h-uile fialaidheachd, a tha tromhainne a' toirt taingealachd do Dhia gu buil.

<sup>12</sup>Oir tha ministrealachd na seirbheis seo, chan ann a-mhàin a' solarachadh feumalachdan nan naomh, ach tha e cuideachd a' cur thairis tro thòrr thaingealachdan do Dhia.

<sup>13</sup>Tro dhearbhadh an fhrithealaidh seo, bheir iad glòir do Dhia air sgàth ur n-ùmhachd do shoisgeul Chrìosd a rèir ur n-aidmheil, agus airson fialaidheachd ur tabhartais dhaibh agus dhan a h-uile duine,

<sup>14</sup>fhad 's a tha iadsan cuideachd, tro ùrnaigh air ur son, a' gabhail fadachd air ur son air sgàth gràs ro-phailt Dhè annaibh.

<sup>15</sup>Taing do Dhia airson a thiodhlaic-san a tha thar bhriathran.

## 2 Corintianaich 10

### Pòl a' Dìon a Mhinistrealachd

<sup>1</sup>A-nis, tha mi fhèin, Pòl, a' guidhe oirbh tro chiùineas is shèimheachd Chrìosd – mise a tha iriosal nuair a tha mi aghaidh ri aghaidh còmhla ribh, ach a tha dàna nuair a tha mi air falbh!

<sup>2</sup>Tha mi ag iarraidh oirbh, nuair a tha mi an làthair, nach leig mi leas a bhith cho dàna leis an dànachd leis a bheil mi a' cur romham a bhith dàna an

aghaidh cuid, a tha a' coimhead oirne mar gun robh sinne a' coiseachd a rèir na feòla.

<sup>3</sup>Oir ged a tha sinn a' coiseachd san fheòil, chan eil sinn a' cathachadh a rèir na feòla.

<sup>4</sup>Oir ar n-airm-cogaidh, chan ann dhen fheòil a tha iad, ach tha cumhachd diadhaidh aca airson dùin a sgrios.

<sup>5</sup>Tha sinn a' sgrios argamaidean 's a h-uile rud àrd a th' air a thogail suas an aghaidh eòlas Dhè, agus a' toirt am braighdeanas a h-uile smuain gu ùmhlachd Chrìosd,

<sup>6</sup>agus tha sinn deiseil gus a h-uile eas-ùmhlachd a pheanasachadh, ge b' e cuin a bhios ur n-ùmhlachd-se air a coileanadh.

<sup>7</sup>Tha sibh a' coimhead air rudan mar a tha iad air an taobh a-muigh. Ma tha neach sam bith cinnteach às fhèin, gur ann le Crìosd a tha e, cuimhnicheadh e air a seo a-rithist ann fhèin: dìreach mar as ann le Crìosd a tha esan, gur ann a tha sinne cuideachd.

<sup>8</sup>Oir fiù 's ma nì mise beagan a bharrachd bòstaidh mun ùghdarras againne, a bhuilich an Tighearna airson ur togail-se suas – 's chan ann airson ur sgrios – cha tèid nàire a chur orm,

<sup>9</sup>oir chan eil mi airson coimhead mar gum bithinn a' cur eagail oirbh lem litrichean.

<sup>10</sup>Oir tha iad ag ràdh, “Tha a litrichean trom agus làidir, ach tha a làthaireachd phearsanta lag agus a chainnt suarach.”

<sup>11</sup>Smaoinicheadh an leithid sin a neach air a seo, gur ann mar a tha sinn tro litrichean, nuair nach eil sinn an làthair, a tha sinn cuideachd ann an gnìomh, nuair a tha sinn an làthair.

<sup>12</sup>Oir chan eil de dhànadas againn a bhith gar seòrsachadh no gar coimeas fhèin ri cuid dhiubhsan a tha gam moladh fhèin. Ach nuair a tha iadsan gan tomhas fhèin riutha fhèin agus gan coimeas fhèin ri càch-a-chèile, tha iad gun tuigse.

<sup>13</sup>Ach cha dèan sinne bòstadh thar tomhais, ach a rèir tomhas na roinne a shònraich Dia dhuinn mar thomhas – roinn a ruigeas eadhon cho fada ribhse.

<sup>14</sup>Oir chan ann mar nach do ràinig sinn oirbh a tha sinn gar sìneadh fhèin a-mach thar tomhais, oir b' e sinne a' chiad fheadhainn a thàinig eadhon cho fada ribhse le soisgeul Chrìosd;

<sup>15</sup>gun bhòstadh thar tomhais ann an saothraichean dhaoine eile, ach leis an dòchas, fhad 's a dh'fhàsas ur creideamh-se, gum bi sinne, nar roinn-ne, air ar meudachadh barrachd buileach leibh,

<sup>16</sup>airson 's gum faod sinn an soisgeul a shearmonachadh sna tìrean seachad oirbh, gun a bhith a' bòstadh mu na chaidh a dhèanamh ann an roinn neach eile.

<sup>17</sup>Ach “Esan a bhòstas, bòstadh e san Tighearna.”

<sup>18</sup>Oir chan e an neach a tha ga mholadh fhèin a th' air a dheagh mheasadh, ach an neach a tha an Tighearna a' moladh.

## **2 Corintianaich 11**

### **Pòl agus na h-Abstoil-Brèige**

<sup>1</sup>B' fheàrr leam gum fulaingeadh sibh beagan amaideachd uam, ach dha-rìribh tha sibh a' fulang leam.

<sup>2</sup>Oir tha mi eudmhor mur deidhinn le eud diadhaidh; oir rinn mi ceangal-pòsaidh eadar sibhse is aon fhear, airson 's gum faodainn ur nochdadh mar òigh fhìorghlan do Chrìosd.

<sup>3</sup>Ach tha eagal orm, mar a mheall an nathair Eubha le a chuilbheartan, gum bi ur n-inntinnean-se air an treòrachadh air seachran o shìmplidheachd is fìorghlaine do Chrìosd.

<sup>4</sup>Oir ma thig neach eile is gun searmonaich e Ìosa eile nach do shearmonaich sinne, no ma gheibh sibh spiorad eile nach d' fhuair sibh, no soisgeul eile ris nach do ghabh sibh, tha sibh ga fhulang gu math.

<sup>5</sup>Oir tha mi a' meas nach eil mi dad air dheireadh air na h-abstoil as iomraitiche.

<sup>6</sup>Ach fiù 's ma tha mi mì-sgileil ann an cainnt, a dh'aindeoin sin chan eil mi mar sin ann an eòlas; ach, sa h-uile dòigh tha sinn air a h-uile sìon a dhèanamh follaiseach dhuibhse.

<sup>7</sup>No an do pheacaich mi le bhith gam irioslachadh fhèin airson 's gum biodh sibhse air ur n-àrdachadh, a chionn 's gum do shearmonaich mi soisgeul Dhè dhuibh an-asgaidh?

<sup>8</sup>Chreach mi eaglaisean eile le bhith a' gabhail tuarastal uapa, airson seirbheis a dhèanamh dhuibhse.

<sup>9</sup>Is nuair a bha mi an làthair còmhla ribh 's ann an dìth, cha robh mi nam eallach do neach sam bith; oir sholair na bràithrean a thàinig o Mhacedònia mo dhìth, agus sa h-uile sìon chùm mise mi fhèin on a bhith nam eallach dhuibh, agus leanaidh mi orm.

**10**Mar a tha firinn Chrìosd annam, cha tèid am bòstadh seo agam a stad ann an ceàrnaidhean Achaia.

**11**Carson? A chionn 's nach eil gràdh agam dhuibh? Tha fios aig Dia gu bheil!

**12**Ach na tha mi a' dèanamh, nì mi e, airson 's gun geàrr mi an cothrom uapasan a tha a' miannachadh cothrom a bhith aca a bhith dìreach mar a tha sinne, san rud mum bheil iadsan a' bòstadh.

**13**Oir tha an leithid seo de dhaoine nan abstoil-bhrèige – luchd-obrach cealgach, gan cur fhèin ann an riochd abstoil Chrìosd.

**14**Agus chan iongnadh sin, oir tha fiù 's Sàtan ga chur fhèin ann an riochd aingeal solais.

**15**Mar sin chan eil e na rud mòr sam bith ma tha a sheirbheisich cuideachd gan cur fhèin ann an riochd sheirbheisich na fireantachd – aig am bi an crìoch a rèir an obrach.

### **Pòl a' Bòstadh mu na Fulangasan Aige**

**16**A-rithist tha mi ag ràdh, na saoilleadh neach sam bith gu bheil mi amaideach; ach ma shaoileas, gabhaibh rium mar amadan, airson 's gun dèan mise cuideachd beagan bòstaidh.

**17**Na tha mi ag ràdh, chan eil mi ag ràdh mar an Tighearna, ach mar ann an amaideachd sa chinnt bòstaidh seo.

**18**On a tha mòran a' bòstadh a rèir na feòla, bòstaidh mise cuideachd.

**19**Oir fulaingidh sibh gu toileach le amadain a chionn 's gu bheil sib' fhèin cho glic.

**20**Oir fulaingidh sibh e ma nì cuideigin tràillean dhuibh, no ma dh'itheas cuideigin sibh, no ma ghabhas cuideigin brath oirbh, ma dh'àrdaicheas cuideigin e fhèin, ma bhuaileas cuideigin air an aghaidh sibh.

**21**Mo nàire, feumaidh mi a ràdh gu bheil sinne cuideachd air a bhith lag. Ach, ge b' e dè an seagh sa bheil neach sam bith eile dàna – tha mi a' bruidhinn gu h-amaideach – tha mise a cheart cho dàna cuideachd.

**22**An e Eabhraich a th' annta? 'S e 's annamsa. An e Israelich a th' annta? 'S e 's annamsa. An e sliochd Abrahàim a th' annta? 'S e 's annamsa.

**23**An e seirbheisich Chrìosd a th' annta? (Tha mi a' bruidhinn mar dhuine air chuthach.) Is motha na sin mise: ann am barrachd shaothairean, ann am prìosan an tòrr nas trice, air mo dhochann tursan gun àireamh, agus gu tric faisg air a' bhàs.

**24**Còig tursan fhuair mi o na h-lùdhaich ceathrad buille ach a h-aon.

**25**Trì tursan chaidh mo bhualadh le slatan. Aon uair chaidh mo chlachadh. Trì tursan dh'fhulaing mi long-bhriseadh; latha is oidhche bha mi san doimhneachd.

**26**Is tric a bha mi air turais, ann an cunnartan o aibhnichean, ann an cunnartan o ghadaichean, ann an cunnartan o mo chinneadh fhèin, ann an cunnartan o na Cinnich, ann an cunnartan sa bhaile, ann an cunnartan san fhàsach, ann an cunnartan aig muir, ann an cunnartan am measg bhràithrean breugach;

**27**ann an saothair is sgìos, tro mhòran oidhcheannan gun chadal, ann an acras is tart, ann an trasgan gu tric, ann am fuachd is lomnochd.

**28**Agus a bharrachd air na rudan a th' air an taobh a-muigh, tha an t-eallach làitheil orm – cùram nan eaglaisean gu lèir.

**29**Cò a tha lag, 's nach eil mise lag? Cò a th' air a threòrachadh gu peacadh 's nach eil mise a' losgadh le feirg?

**30**Ma dh'fheumas mi bòstadh, bòstaidh mi mu na rudan a bhuineas dham laigse.

**31**Tha fios aig Dia agus Athair an Tighearna Ìosa Crìosd, esan a tha beannaichte gu sìorraidh, nach eil mi ag innse breug.

**32**Ann an Damascas, bha an riaghladair fo Aretas an rìgh a' geàrdachadh baile muinntir Dhamascas airson mo ghlacadh,

**33**ach tro uinneig sa bhalla chaidh mo leigeil sìos ann an cliabh, agus chaidh mi às a làmhan.

## **2 Corintianaich 12**

### **Sealladh Phòil agus an Sgealb Aige**

**1**Feumaidh mi bòstadh a dhèanamh, ged nach eil e gu buannachd; ach thig mi gu seallaidhean is taisbeanaidhean an Tighearna.

**2**Is aithne dhomh duine ann an Crìosd a chaidh a ghabhail suas dhan treas nèamh, ceithir bliadhna deug air ais – ge b' ann anns a' chorp no a-mach às a' chorp, chan aithne dhomh, is aithne do Dhia.

**3**Agus 's aithne dhomh a leithid sin de dhuine – ge b' e anns a' chorp no a-mach às a' chorp, chan aithne dhomh, is aithne do Dhia –

**4**gun deach a ghlacadh suas a-steach a Phàrras, agus gun cuala e briathran do-labhairt, nach eil ceadaichte do dhuine a ràdh.

**5**Às leth a leithid seo de dhuine bòstaidh mi, ach às mo leth fhèin cha bhòst mi; ach na mo laigsean.

<sup>6</sup>Oir ma bhios mi a' miannachadh bòstadh, cha bhi mi nam amadan, oir bidh mi ag innse na firinn. Ach tha mi ga sheachnadh, airson 's nach saoil duine barrachd dhìom na tha e a' faicinn annam, no a' cluinntinn uam.

<sup>7</sup>Air sgàth barrachdas nan taisbeanaidhean, air an adhbhar seo – airson mo chumail bho bhith gam àrdachadh fhèin – chaidh sgealb a thoirt dhomh san fheòil, teachdaire Shàtain airson mo chlaoidh, gus mo chumail bhon a bhith gam àrdachadh fhèin!

<sup>8</sup>A thaobh seo, trì tursan, ghuidh mi air an Tighearna gum falbhadh sin uam.

<sup>9</sup>Agus thuirt e rium, “Is leòr mo ghràs-sa dhut, oir tha mo chumhachd air a dhèanamh foirfe ann an laigse.” Mar sin, nas toilichte buileach, bòstaidh mi nam laigse airson 's gun gabh cumhachd Chrìosd còmhnaidh annam.

<sup>10</sup>Mar sin tha mi sona ann an laigsean, ann an càinidhean, ann an àmhgharan, ann an geur-leanmhainnean, agus ann an duilgheadasan, airson Chrìosd. Oir nuair a tha mi lag, an uair sin tha mi làidir.

#### **Cùram Phòil dha na Corintianaich**

<sup>11</sup>Tha mi air fàs gòrach; 's e sib' fhèin a thug orm. Dha-rìribh bu chòir gun robh mi air mo mholadh leibh, oir cha robh mi idir air dheireadh air na h-abstoil a b' iomraitiche, ged nach eil annam ach neoni.

<sup>12</sup>Dha-rìribh chaidh comharraidhean abstoil a chur an gnìomh nur measg-se leis a h-uile foighidinn, le comharraidhean is iongantasan is obraichean cumhachdach.

<sup>13</sup>Oir ciamar a bha sibhse air dheireadh air a' chòrr dhe na h-eaglaisean, mura h-e nach robh mise mi fhèin nam eallach dhuibh? Mathaibh an eucoir seo dhomh!

<sup>14</sup>Seallaibh, airson an treas uair tha mi deiseil gus tighinn thugaibh, agus cha bhi mi nam eallach dhuibh; oir chan eil mi ag iarraidh na tha leibh, ach sib' fhèin; oir chan e a' chlann as còir a bhith a' sàbhaladh airson am pàrantan, ach pàrantan airson an cloinne.

<sup>15</sup>Gu fìor-thoileach cosgaidh mi 's bidh mi air mo chosg gu tur airson ur n-anman-se. Ma bhios barrachd gràidh agam dhuibh, am bi nas lugha de ghràdh ann dhomh?

<sup>16</sup>Ach biodh sin mar a tha, cha do chuir mi eallach oirbh; ach, le cho seòlta 's a tha mi, ghlac mi sibh tro cheilg!

<sup>17</sup>An do ghabh mi brath oirbh tro ghin dhiubhsan a chuir mi thugaibh?

<sup>18</sup>Ghuidh mi air Titus a dhol thugaibh, is chuir mi am bràthair còmhla ris. An do ghabh Titus brath oirbh? Nach do ghiùlain sinne sinn fhèin san aon spiorad? Agus sna h-aon cheuman?



<sup>19</sup>Fad na h-ùine seo tha sibh air a bhith a' smaoinichadh gu bheil sinne gar dìon fhèin ribh. Ann am fianais Dhè tha sinn air a bhith a' bruidhinn ann an Crìosd; agus seo uile airson ur togail suas, a luchd-gràidh.

<sup>20</sup>Oir tha eagal orm gur dòcha, nuair a thig mi, gum faodainn ur faighinn chan ann mar as miann leam, agus gum faigh sibhse mise chan ann mar as miann leibhse; gur dòcha gum bi còmhstri, farmad, fearg, fèinealachd, càineadh, gobaireachd, pròis, agus mì-rian ann.

<sup>21</sup>Tha eagal orm nuair a thig mi a-rithist gur dòcha gun ìslich mo Dhia mi mur coinneamh, agus gur dòcha gun dèan mi caoidh mu mhòran dhiubh sin a pheacaich roimhe is nach do ghabh aithreachas dhen neòghlaine, striopachais agus dhen fheòlmhorachd, a chuir iad an gnìomh.

## 2 Corintianaich 13

### Rabhaidean mu Dheireadh

<sup>1</sup>Is e seo an treas uair a tha mi a' tighinn thugaibh, “Ann am beul dithis no trìuir fhianaisean feumaidh a h-uile facal a bhith air a dhèanamh seasmhach.”

<sup>2</sup>Dh'innis mi roimhe 's tha mi ga ràdh ro-làimh – mar gum bithinn an làthair an dara h-uair, agus a-nis 's mi às ur làthair – ris an fheadhainn a pheacaich roimhe agus ris a' chòrr gu lèir – ma thig mi thugaibh a-rithist – nach caomhain mi iad –

<sup>3</sup>a chionn 's gu bheil sibh a' sireadh dearbhadh gu bheil Crìosd a' bruidhinn annamsa, esan dhur taobh-se nach eil lag ach cumhachdach annaibh.

<sup>4</sup>Oir bha esan gu dearbh air a cheusadh o laigse, ach tha e beò o chumhachd Dhè. Oir tha sinne gu dearbh lag annsan, ach bidh sinn beò leis-san o chumhachd Dhè dhur taobh-se.

<sup>5</sup>Rannsaichibh sib' fhèin, a bheil sibh anns a' chreideamh, dearbhaibh sib' fhèin; no nach eil sib' fhèin ga ghabhail a-steach gu bheil Ìosa Crìosd annaibh – mura h-eil sibh dha-rìribh neo-dhearbhte?

<sup>6</sup>Ach tha mi an dòchas gun aithnich sibh nach eil sinne neo-dhearbhte!

<sup>7</sup>Ach tha sinn ag ùrnaigh ri Dia nach dèan sibh olc sam bith, chan ann airson 's gum bi sinne air ar nochdadh dearbhte, ach airson 's gun dèanadh sibhse am maith, ged a dh'fhaodadh sinne a bhith mar mhuinntir neo-dhearbhte.

<sup>8</sup>Oir chan eil sinne an comas rud sam bith a dhèanamh an aghaidh na fìrinn, ach airson na fìrinn.

<sup>9</sup>Oir tha sinne a' dèanamh gàirdeachas uair sam bith a bhiodh sinne lag, ach a bhiodh sibhse làidir; agus tha sinn ag ùrnaigh airson seo – sibhse a bhith coileanta.

**10**'S ann air an adhbhar sin a sgrìobh mi na rudan seo às ur làthair, airson 's nuair a bhios mi an làthair nach dèan mi làimhseachadh garbh oirbh, a rèir an ùghdarrais a thug an Tighearna dhomh airson ur togail suas agus chan ann airson ur leagail sìos.

### **Fàiltean Dheireannach**

**11**Mu dheireadh, a bhràithrean, dèanaibh gairdeachas, bithibh air ur dèanamh coileanta, bithibh air ur misneachadh, smaoinichibh an aon rud, bithibh aig fois, agus bidh Dia a' ghràidh 's na sìthe còmhla ribh.

**12**Cuiribh fàilte air càch-a-chèile le pòig naoimh.

**13**Tha na naoimh uile a' cur fàilte oirbh.

**14**Gràs an Tighearna Ìosa Crìosd agus gràdh Dhè, agus co-chomann an Spioraid Naoimh gu robh còmhla ribh uile.

## Galàtianaich

### Galàtianaich 1

<sup>1</sup>Pòl, abstol, chan ann o dhaoine, no tro dhaoine, ach tro Ìosa Crìosd agus tro Dhia an t-Athair, a thog suas o na mairbh e –

<sup>2</sup>agus na bràithrean gu lèir a tha còmhla rium, Gu eaglaisean Ghalàtia:

<sup>3</sup>Gràs dhuibh agus sìth, o Dhia ar n-Athair agus an Tighearna Ìosa Crìosd,

<sup>4</sup>a thug e fhèin seachad airson ar peacaidhean airson 's gun saoradh e sinn on linn olc a tha an làthair, a rèir toil ar Dè agus ar n-Athar,

<sup>5</sup>dhàsan gun robh a' ghlòir gu saoghal nan saoghal. Amen.

#### Chan Eil Soisgeul Eile Ann

<sup>6</sup>Tha iongnadh orm gu bheil sibh, cho luath, air ur tionndadh air falbh uaithean a ghairm sibh le gràs Chrìosd, gu soisgeul eile –

<sup>7</sup>chan e gu bheil soisgeul eile ann, ach tha feadhainn ann a tha gur buaireadh 's ag iarraidh soisgeul Chrìosd fhiaradh.

<sup>8</sup>Ach fiù 's nan robh sinne, no aingeal o nèamh, a' dol a shearmonachadh soisgeul dhuibh a tha an aghaidh an fhear a shearmonaich sinne dhuibh, biodh e mallaichte!

<sup>9</sup>Mar a tha sinn air a ràdh roimhe, tha mise a-nis ag ràdh a-rithist, ma tha neach sam bith a' searmonachadh soisgeul a tha an aghaidh na fhuair sibh, biodh e mallaichte!

<sup>10</sup>Oir a bheil mi a-nis a' feuchainn ri moladh dhaoine fhaighinn, no moladh Dhè? No a bheil mi a' strì gus daoine a thoileachadh? Nam bithinn fhathast a' feuchainn ri daoine a thoileachadh, cha bhithinn nam sheirbheiseach do Chrìosd.

#### Pòl air a Ghairm le Dia

<sup>11</sup>Oir tha mi a' dèanamh aithnichte dhuibh, a bhràithrean – an soisgeul a chaidh a shearmonachadh leamsa – nach ann a rèir duine a tha e.

<sup>12</sup>Oir cha b' ann o dhuine a fhuair mi e, cha mhotha a chaidh a theagasg dhomh, ach fhuair mi e tro thaisbeanadh Ìosa Crìosd.

<sup>13</sup>Oir tha sibh air cluinntinn mun chaitheamh-beatha a b' àbhaist a bhith agam ann an Iùdhachas, mar a bha mi a' geur-leanmhainn eaglais Dhè thar tomhas agus a' feuchainn ri a sgrios.

<sup>14</sup>Agus bha mi a' dèanamh adhartas ann an Iùdhachas thar mhòran dhem chomhaoisean am measg mo chinnidh fhèin, 's mi na b' fhìor eudmhoire buileach airson dualchasan mo shinnsireachd.

<sup>15</sup>Ach nuair a b' e deagh thoil Dhè e – a chuir air leth mi o bhroinn mo mhàthar 's a ghairm mi tro a ghràs-san –

<sup>16</sup>a mhac fhèin fhoillseachadh annamsa, airson 's gun searmonaichinn e am measg nan Cinneach, cha do ghabh mi comhairle sa bhad o fhuil 's o fheòil;

<sup>17</sup>cha mhotha a chaidh mi suas a dh'Ierusalem thucasan a bha nan abstoil romham, ach chaidh mi a dh'Aràibia, agus thill mi air ais a-rithist gu Damascas.

<sup>18</sup>An uair sin, an ceann trì bliadhna, chaidh mi suas a dh'Ierusalem a thadhal air Cèphas agus dh'fhan mi còmhla ris còig làithean deug.

<sup>19</sup>Ach chan fhaca mi gin dhe na h-abstoil eile, ach Seumas a-mhàin, bràthair an Tighearna.

<sup>20</sup>A-nis a thaobh nan rudan a tha mi a' sgrìobhadh thugaibh, seallaibh, mu choinneamh Dhè, chan eil mi ag innse breug.

<sup>21</sup>An uair sin chaidh mi gu ceàrnaidhean Shiria is Chìlicia.

<sup>22</sup>Agus cha robh eòlas aig eaglaisean Iudèa a bh' ann an Crìosd air m' aodann;

<sup>23</sup>ach a-mhàin, bha iad ga chluinntinn air a ràdh, “Tha esan a b' àbhaist a bhith gar geur-leanmhainn a-nis a' searmonachadh a' chreideimh a dh'fheuch e ri sgrios aig aon àm.”

<sup>24</sup>Agus bha iad a' glòrachadh Dhè air mo shon-sa.

## **Galàtianaich 2**

### **Pòl air a Ghabhail ris leis na h-Abstoil**

<sup>1</sup>An uair sin às dèidh ceithir bliadhna deug chaidh mi suas a-rithist a dh'Ierusalem còmhla ri Barnabas, a' toirt Thìtuis leam cuideachd.

<sup>2</sup>Is ann air sgàth taisbeanaidh a chaidh mi suas; agus chuir mi an cèill dhaibh an soisgeul a tha mi a' searmonachadh am measg nan Cinneach, ach rinn mi sin gu h-uaigneach, dhaibhsan air an robh meas, air eagal – air dhòigh sam bith – gun robh mi a' ruith, no gun ruithinn, gu dìomhain.

<sup>3</sup>Ach cha deach toirt air Tìtus, a bha còmhla rium – ged a b' e Greugach a bh' ann a bhith air a thimcheall-ghearradh.

<sup>4</sup>Ach air sgàth bràithrean-brèige a chaidh a thoirt a-steach gun fhiosta 's a bh' air goid a-steach gus faire a dhèanamh air an t-saorsa a th' againn ann an Ìosa Crìosd, airson ar toirt fo dhaorsa –

<sup>5</sup>dhaibhsan cha do ghèill sinn ann an ùmhlachd fiù 's airson mòmaid, airson 's gum fanadh firinn an t-soisgeil còmhla ribhse.

<sup>6</sup>Ach on fheadhainn sin air an robh meas gum bu chuideigin iad (chan eil ge b' e dè a bh' annta a' dèanamh diofar dhòmhsa, chan eil suim aig Dia do choltas duine) – oir iadsan air an robh meas, cha tug iad sìon dhòmhsa.

<sup>7</sup>Ach air a' chaochladh, a' faicinn gun deach soisgeul an neo-thimcheall-ghearraidh earbsadh dhòmhsa, mar a chaidh soisgeul an timcheall-ghearraidh earbsadh do Pheadar

<sup>8</sup>(oir esan a dh'obraich tro Pheadar na abstolachd-san dhan timcheall-ghearradh, dh'obraich e dhòmhsa cuideachd dha na Cinnich),

<sup>9</sup>agus ag aithneachadh a' ghràis a chaidh a thoirt dhomh, thug Seumas is Cèphas is Eòin – a bh' air am meas a bhith nan colbhan – dhòmhsa is do Bharnabas deas-làimh a' chomainn airson 's gun deigheadh sinne gu na Cinnich agus iadsan chun an timcheall-ghearraidh.

<sup>10</sup>A-mhàin, dh'iarr iad oirnn cuimhneachadh air na bochdan, an dearbh nì a bha mi ro-dheònach a dhèanamh.

#### **Pòl a' Seasamh an aghaidh Pheadair**

<sup>11</sup>Ach nuair a thàinig Cèphas gu Antioch, sheas mi na aghaidh, a chionn 's gun robh e air a dhìteadh.

<sup>12</sup>Oir mus tàinig daoine àraidh o Sheumas, bhiodh e ag ithe còmhla ri na Cinnich; ach nuair a thàinig iadsan, tharraing e air ais agus dhealaich e e fhèin, air eagal mhuinntir an timcheall-ghearraidh.

<sup>13</sup>Agus ghabh an còrr dhe na h-lùdhaich pàirt còmhla ris sa chealgaireachd, air chor 's gun deach fiù 's Barnabas a thoirt air seachran leis a' chealgaireachd aca.

<sup>14</sup>Ach nuair a chunnaic mise nach robh iad a' coiseachd gu dìreach a rèir firinn an t-soisgeil, thuirt mi ri Cèphas, mun coinneamh uile, “Ma tha thusa, a tha nad lùdhach, beò mar a tha na Cinnich 's nach ann mar a tha na h-lùdhaich, ciamar a tha thu a' toirt air na Cinnich a bhith beò mar lùdhaich?

<sup>15</sup>“Tha sinne nar n-lùdhaich a thaobh nàdair 's chan ann nar peacaich o na Cinnich,

<sup>16</sup>a dh'aindeoin sin, le fios a bhith againn nach eil duine air fhìreanachadh o obraichean an lagha, ach tro chreideamh ann an Ìosa Crìosd, tha fiù 's sinne air creidsinn ann an Ìosa Crìosd, airson 's gum faod sinn a bhith air ar fireanachadh tro chreideamh ann an Crìosd agus chan ann tro obraichean an lagha; oir tro obraichean an lagha, cha bhi feòil sam bith air a fireanachadh.

<sup>17</sup>“Ach, fhad 's a bha sinn a' sireadh a bhith air ar fireanachadh ann an Crìosd 's gu robh sinn air ar faighinn nar peacaich, a bheil Crìosd mar sin na mhinistear peacaidh? Na tachradh e gu bràth!

**18**Oir ma thogas mi suas a-rithist na sgrios mi, tha mi gam dhearbhadh fhèin mar chiontaiche.

**19**Oir tron lagh bhàsaich mi chun an lagha, airson 's gum bithinn beò do Dhia. Tha mi air a bhith air mo cheusadh còmhla ri Crìosd,

**20**agus cha mhise tuilleadh a tha beò, ach Crìosd a tha beò annamsa. Agus a' bheatha a tha mi a-nis a' caitheamh san fheòil tha mi a' caitheamh tro chreideamh ann am Mac Dhè, a thug gràdh dhomh agus a thug e fhèin seachad air mo shon.

**21**Chan eil mi a' diùltadh gràs Dhè, oir nan robh fireantachd tron lagh, 's ann gun adhbhar a fhuair Crìosd bàs.”

### **Galàtianaich 3**

#### **Creideamh no Cumail an Lagha**

**1**Ò Ghalàtianacha amaideach! Cò a chuir draoidheachd oirbh? Fa chomhair ur sùilean bha Crìosd air a thaisbeanadh gu soilleir air a cheusadh.

**2**Is e seo an aon rud a tha mi ag iarraidh ionnsachadh uaibh: an d' fhuair sibh an Spiorad tro obraichean an lagha no tro èisteachd creideimh?

**3**A bheil sibh cho amaideach? Às dèidh dhuibh tòiseachadh san Spiorad, a bheil sibh a-nis air ur dèanamh foirfe leis an fheòil?

**4**An do dh'fhuiling sibh na h-uiread de rudan gu dìomhain – mas ann dha-rìribh gu dìomhain a bha e?

**5**Mar sin, a bheil esan a tha a' toirt an Spioraid dhuibh agus ag obrachadh mhìorbhailean nur measg ga dhèanamh tro obraichean an lagha, no tro èisteachd creideimh?

**6**Eadhon mar a chreid Abrahàm Dia agus a chaidh a mheasadh dha mar fhìreantachd.

**7**Mar sin biodh fios agaibh gur iadsan a tha dhen chreideamh a tha nam mic do dh'Abrahàm.

**8**Agus an Sgrìobtar, a' ro-aithneachadh gum fìreanaicheadh Dia na Cinnich tro chreideamh, shearmonaich e an soisgeul ro-làimh do dh'Abrahàm, ag ràdh, “Annadsa bidh na Cinnich gu lèir air am beannachadh.”

**9**Mar sin tha iadsan a tha dhen chreideamh air am beannachadh còmhla ri Abrahàm, an creidmheach.

**10**Oir na h-uimhir 's a tha de dh'obraichean an lagha, tha iad fo mhallachd; oir tha e sgrìobhte, “Is mallaichte gach neach nach buannaich anns a h-uile sìon a tha sgrìobhte ann an leabhar an lagha, gus an dèanamh.”

**11**A-nis tha e follaiseach nach eil neach sam bith air fhìreanachadh tron lagh ann am fianais Dhè; oir, “Bidh am firean beò tro chreideamh.”

**12**Ach chan eil an lagh de chreideamh; ach, “An duine a nì iad, bidh e beò air an rèir.”

**13**Shaor Crìosd sinne o mhallachd an lagha, tro thighinn gus a bhith na mhallachd air ar son – oir tha e sgrìobhte, “Is mallaichte gach neach a chrochas air crann” –

**14**airson 's, ann an Crìosd Ìosa, gum faodadh beannachd Abrahàim tighinn air na Cinnich, airson 's gum faigheadh sinne gealladh an Spioraid tro chreideamh.

### **An Lagh agus an Gealladh**

**15**A bhràithrean, tha mi a' bruidhinn mar dhuine; ged nach biodh ann ach co-cheangal duine, ma tha e air a dhaingneachadh, cha chuir neach sam bith às dha, no ris.

**16**A-nis chaidh na geallaidhean a ràdh ri Abrahàm 's ri a shìol. Chan eil e ag ràdh, “Agus do shìolan,” mar gun robh e a' bruidhinn mu thòrr, ach an àite sin mu aon, “Agus dhad shìol-sa,” 's e sin Crìosd.

**17**Is e seo a tha mi ag ràdh: chan eil an lagh – a thàinig ceithir cheud 's a trithead bliadhna às dèidh làimh – a' cur às do cho-cheangal a dhaingnich Dia roimhe, mar gun cuireadh e às dhan ghealladh.

**18**Oir mas ann on lagh a tha an oighreachd, chan eil i tuilleadh on ghealladh; ach thug Dia gu saor i do dh'Abrahàm tro ghealladh.

**19**Carson ma-thà an lagh? Chaidh a chur ris air sgàth eas-ùmhlachd, às dèidh dha a bhith air òrdachadh tro ainglean le làimh eadar-mheadhanair, gus an tigeadh an sìol dhan deach an gealladh a thoirt.

**20**Ach chan eil eadar-mheadhanair airson aon a-mhàin; ach tha Dia na aon.

**21**Mar sin, a bheil an lagh an aghaidh gheallaidhean Dhè? Na tachradh e gu bràth! Oir nan robh lagh air a bhith air a thoirt seachad a b' urrainn beatha a bhuileachadh, an uair sin bhiodh fireantach dha-rìribh on lagh.

**22**Ach tha an Sgrìobtar air a h-uile duine a ghlasadh fon pheacadh, airson 's gum faodadh an gealladh – tro chreideamh Ìosa Crìosd – a bhith ar a thoirt dhaibhsan a tha a' creidsinn.

**23**Ach mus tàinig creideamh, bha sinn air ar geàrd fon lagh, air ar glasadh suas gus am biodh an creideamh a bha a' dol a thighinn air fhoillseachadh.

**24**Mar sin tha an lagh air a bhith na oide-foghlaim dhuinn gu Crìosd, airson 's gum bitheamaid air ar fireanachadh tro chreideamh.

<sup>25</sup>Ach a-nis on a tha creideamh air tighinn, chan eil sinn tuilleadh fo oide-foghlaim.

### Mic Dhè

<sup>26</sup>Oir tha sibh uile nur mic do Dhia tro chreideamh ann an Crìosd Ìosa.

<sup>27</sup>Oir na h-uimhir agaibh 's a bh' air ur baisteadh do Chrìosd, chuir sibh Crìosd oirbh.

<sup>28</sup>Chan eil lùdhach no Greugach, chan eil daor no saor, chan eil fireann no boireann ann; oir tha sibh uile nur n-aon ann an Crìosd Ìosa.

<sup>29</sup>Agus mas ann le Crìosd a tha sibh, mar sin is sibhse sìol Abrahàim, oighreachan a rèir a' gheallaidh.

### Galàtianaich 4

<sup>1</sup>A-nis tha mi ag ràdh, cho fada 's a tha an t-oighre na leanabh, chan eil e diofraichte ann an dòigh sam bith o sheirbheiseach, ged a tha e na thighearna de gach nì,

<sup>2</sup>ach tha e fo luchd-gleidhidh is stiùbhardan gus an tig an t-àm a dh'òrdaich an t-athair.

<sup>3</sup>Mar sin cuideachd sinne, nuair a bha sinn nar leanabanan, bha sinn ann an daorsa fo phrionnsapalan bunasach an t-saoghail.

<sup>4</sup>Ach nuair a thàinig lànachd na h-ùine, chuir Dia a Mhac fhèin a-mach, air a bhreith o mhnaoi, air a bhreith fon lagh,

<sup>5</sup>airson 's gun saoradh e iadsan a bha fon lagh, gus am faigheadh sinne uchd-mhacachd na cloinne.

<sup>6</sup>Agus air sgàth 's gur e mic a th' annaibh, tha Dia air Spiorad a Mhic fhèin a chur nar cridheachan, ag èigheach, “Abba! Athair!”

<sup>7</sup>Mar sin chan eil thu nad sheirbheiseach tuilleadh, ach nad mhac, agus ma tha thu nad mhac, tha thu nad oighre cuideachd, tro Dhia.

### Cùram Phòil dha na Galàtianaich

<sup>8</sup>Ge-tà, aig an àm sin, nuair nach b' aithne dhuibh Dia, rinn sibh seirbheis mar thràilleachan dhaibhsan nach eil nan diathan a thaobh nàdair.

<sup>9</sup>Ach a-nis on a tha sibh air aithne a dhèanamh air Dia, no nas fheàrr, tha sibh air ur n-aithneachadh le Dia, ciamar as urrainn dhuibh tionndadh air ais a-rithist gu prionnsapalan bunasach an t-saoghail – 's iad lag is gun fhiach – dham bu toigh leibh a-rithist a bhith fo dhaorsa?

<sup>10</sup>Bidh sibh a' cumail làithean is mìosan is ràithean is bliadhnaichean.



**11**Tha eagal orm air ur son gur dòcha gun do rinn mi saothair dhuibh gu dìomhain.

**12**Tha mi a' guidhe oirbh, a bhràithrean, bithibh mar a tha mise, oir tha mise cuideachd mar a tha sibhse. Cha do rinn sibh eucoir sam bith ormsa.

**13**Tha fios agaibh gum b' ann air sgàth laigse cuirp a shearmonaich mi an soisgeul dhuibh an toiseach;

**14**agus an rud sin a bha na dheuchainn dhuibh nam chorp, cha do chuir sibh ann an suarachas no fo ghràin, ach ghabh sibh rium mar aingeal Dhè, mar Chrìosd Ìosa.

**15**Càite mar sin a bheil ur beannachd? Oir tha mi a' dèanamh fianais dhuibh, nam b' e is gun robh e an comas, gum biodh sibh air ur sùilean fhèin a spìonadh a-mach 's air an toirt dhòmhsa.

**16**Mar sin an deach mo dhèanamh nam nàmhaid dhuibh le bhith ag innse na fìrinn dhuibh?

**17**Tha iad eudmhor mur deidhinn, ach chan ann gu math. Ach tha iad ag iarraidh ur dùnadh a-mach airson 's gum biodh sibh eudmhor mun deidhinn fhèin.

**18**Ach tha e an-còmhnaidh math a bhith eudmhor ann an deagh dhòigh, agus chan ann an-còmhnaidh nuair a tha mi an làthair còmhla ribh.

**19**Mo chlann bheaga, dham bheil mi a-rithist a' fulang saothair-aiseid, gus an tèid Crìosd a dhealbh annaibh,

**20**b' fheàrr leam gun robh mi an làthair còmhla ribh an-dràsta agus gun atharraichinn mo ghuth, oir tha mi ann an imcheist mur deidhinn.

### **Hagar agus Sara**

**21**Innsibh dhomh, sibhse lem bu mhiann a bhith fon lagh, nach eil sibh a' cluinntinn an lagh?

**22**Oir tha e sgrìobhte gun robh dithis mhac aig Abrahàm, aon le bana-thràill agus aon le mnà shaor.

**23**Ach bha fear na bana-thràill air a bhreith a rèir na feòla, agus fear na mnà shaor tron ghealladh.

**24**Tha seo a' bruidhinn gu samhlauchail, oir is iad seo dà cho-cheangal: aon dhiubh o Bheinn Shinài a tha a' breith chloinne airson daorsa; is ise Hagar.

**25**Oir is Hagar beinn Shinài ann an Aràibia, agus tha i a' co-fhreagradh air an Ierusalem a tha a-nis ann, agus tha ise fo dhaorsa cuide ri a cloinn.

**26**Ach tha an t-Ierusalem a tha shuas saor, is ise ar màthair.

<sup>27</sup>Oir tha e sgrìobhte: “Dèan gàirdeachas a bhean neo-thorraich, nach eil a' breith chloinne; bris a-mach agus leig èigh, thusa nach eil a' fulang cràdh-breith; oir is lionmhoire clann na mnaoi aonaranaich na na mnaoi aig a bheil fear-pòsta.”

<sup>28</sup>A-nis a bhràithrean, tha sibhse mar a bha Ìsaac, nur cloinn a' gheallaidh.

<sup>29</sup>Ach mar – aig an àm sin – a rinn esan a rugadh a rèir na feòla geur-leanmhainn airsan a rugadh a rèir an Spioraid, 's ann mar sin a tha e a-nis cuideachd.

<sup>30</sup>Ach dè a tha an Sgrìobtar ag ràdh? “Tilg a-mach a' bhana-thràill agus a mac, oir cha bhi mac na bana-thràill idir na oighre còmhla ri mac na mnaoi saoire.”

<sup>31</sup>Mar sin, a bhràithrean, cha sinne clann na bana-thràill, ach na mnaoi saoire.

## Galàtianaich 5

### Saorsa ann an Crìosd

<sup>1</sup>'S ann airson saorsa a shaor Crìosd sinn, mar sin seasaibh gu daingeann agus na bithibh umhail a-rithist do chuing daorsa.

<sup>2</sup>Seall, tha mise, Pòl, ag ràdh ribh, ma thèid ur timcheall-ghearradh, nach bi Crìosd na bhuannachd sam bith dhuibh.

<sup>3</sup>Tha mi a' toirt fianais a-rithist dhan a h-uile duine a thèid a thimcheall-ghearradh, gu bheil e mar fhiachan air, an lagh gu lèir a choileanadh.

<sup>4</sup>Chaidh ur gearradh às o Chrìosd, sibhse a tha a' sireadh a bhith air ur fireanachadh tron lagh; thuit sibh o ghràs.

<sup>5</sup>Oir tha sinne tron Spiorad, tro chreideamh, a' feitheamh air dòchas fireantachd.

<sup>6</sup>Oir ann an Crìosd ìosa chan eil timcheall-ghearradh no neo-thimcheall-ghearradh feumail airson sìon, ach creideamh a tha ag obair tro ghràdh.

<sup>7</sup>Bha sibh a' ruith gu math; cò a bhac sibh o bhith umhail dhan fhìrinn?

<sup>8</sup>Cha tàinig an ìmpidh seo on fhear a ghairm sibh.

<sup>9</sup>“Gortaichidh beagan de thaois ghoirt an cnap gu lèir.”

<sup>10</sup>Tha cinnt agam asaibh san Tighearna, nach smaoinich sibh dad eile; ach an neach a tha a' cur dragh oirbh giùlainidh esan breitheanas; ge b' e cò e.

**11** Agus mise, a bhràithrean, ma tha mi fhathast a' searmonachadh an timcheall-ghearraidh, carson a tha mi fhathast air mo gheur-leanmhainn? An uair sin bhiodh ceap-tuislidh a' chroinn-cheusaidh air a dhèanamh gun èifeachd.

**12** B' fheàrr leam gun gearradh iadsan – a tha gur cur bun os cionn – às iad fhèin.

**13** Oir chaidh ur gairm gu saorsa, a bhràithrean, ach a-mhàin na cleachdaibh ur saorsa mar chothrom dhan fheòil, ach tro ghràdh, dèanaibh seirbheis dha chèile.

**14** Oir tha an lagh gu lèir air a choileanadh ann an aon fhacal: “Gràdhaichidh tu do choimhearsnaich mar thu fhèin.”

**15** Ach ma bhios sibh a' bìdeadh 's ag ithe a chèile, thoiribh an aire nach tèid sibh a sgrios le chèile.

### Beatha tron Spiorad

**16** Ach, tha mi ag ràdh, coisichibh leis an Spiorad agus cha choilean sibh idir sannt na feòla.

**17** Oir tha an fheòil a' miannachadh an aghaidh an Spioraid, agus an Spiorad an aghaidh na feòla; oir tha iad seo an aghaidh a chèile, airson 's nach fhaigh sibh air na rudan as miann leibh a dhèanamh.

**18** Ach ma tha sibh air ur treòrachadh leis an Spiorad, chan eil sibh fon lagh.

**19** A-nis tha gnìomhan na feòla follaiseach, is iad: adhaltranas, neòghlaine, feòlmhorachd,

**20** iodhal-adhradh, draoidheachd, nàimhdeas, strì, eudachd, fearg, fèinealachd, sgaraidhean, roinnean,

**21** farmad, misg, ruidhtearachd, agus rudan mar seo, mum bheil mi a' toirt rabhaidh dhuibh ro-làimh, mar a thug mi rabhadh dhuibh roimhe, nach sealbhaich iadsan a tha a' dèanamh an leithidean sin rìoghachd Dhè.

**22** Ach is e toradh an Spioraid: gràdh, aoibhneas, sìth, foighidinn, coibhneas, mathas, creideamh,

**23** ciùineas, fèin-smachd; an aghaidh an leithidean sin chan eil lagh.

**24** A-nis, iadsan a bhuineas do Chrìosd Ìosa, cheus iad an fheòil le a droch-thograidhean 's a h-ana-miannan.

**25** Ma tha sinn beò san Spiorad, coisicheamaid cuideachd san Spiorad.

**26** Na fàsamaid mòrchuiseach, a' piobrachadh a chèile, a' gabhail farmad ri chèile.

## Galàtianaich 6

### A' Dèanamh Math dha na h-Uile

- 1**A bhràithrean, ma thèid neach sam bith a ghlacadh ann an cionta sam bith, sibhse a tha spioradail, aisigibh a shamhail sin de dhuine ann an spiorad na ciùine; a' toirt aire dhut fhèin, nach tèid do bhuaireadh san aon dòigh.
- 2**Giùlainibh uallaichean a chèile, agus mar sin coileanaidh sibh lagh Chrìosd.
- 3**Oir ma shaoileas duine gur e rudeigin a th' ann fhèin, nuair nach eil ann ach neoni, tha e ga mhealladh fhèin.
- 4**Ach dearbhadh gach neach obair fhèin, agus an uair sin bidh adhbhar bòstaidh aige dha thaobh fhèin a-mhàin, agus chan ann a thaobh neach eile.
- 5**Oir giùlainidh gach neach eallach fhèin.
- 6**Agus dèanadh gach neach a th' air a theagasg san fhacal, co-roinn leis an neach a tha ga theagasg, sa h-uile rud math.
- 7**Na bithibh air ur mealladh, cha tèid fanaid a dhèanamh air Dia, oir ge b' e dè a chuireas duine, buainidh e seo cuideachd.
- 8**Oir an neach a chuireas dha fheòil fhèin, buainidh e truailidheachd on fheòil; ach an neach a chuireas dhan Spiorad, buainidh e a' bheatha shìorraidh on Spiorad.
- 9**Agus na cailleamaid misneachd a thaobh math a dhèanamh, oir ann an àm iomchaidh buainidh sinn, mura gèill sinn.
- 10**Mar sin, fhad 's a tha an cothrom againn, dèanamaid math dhan a h-uile duine, agus gu h-àraidh dhaibhsan a tha de theaghlach a' chreideimh.

### Chan e Timcheall-Ghearradh ach Cruthachadh Ùr

- 11**Seallaibh cho mòr 's a tha na litrichean leis an do sgrìobh mi thugaibh lem làimh fhèin.
- 12**Tha iadsan a tha ag iarraidh taisbeanadh math a dhèanamh san fheòil gur n-èigneachadh gus a bhith air ur timcheall-ghearradh, dìreach gus nach tèid geur-leanmhainn a dhèanamh orrasan airson crann-ceusaidh Chrìosd.
- 13**Oir chan eil iadsan fhèin a th' air an timcheall-ghearradh a' cumail an lagha, ach is miann leotha sibhse a bhith air ur timcheall-ghearradh, airson 's gum bòstadh iad nur feòil-se.
- 14**Ach na tachradh e gu bràth gum bòstainn-sa, ach ann an crann-ceusaidh ar Tighearna Ìosa Crìosd, 's ann troimhesan a tha an saoghal air a cheusadh dhòmhsa, agus mise dhan t-saoghal.
- 15**Oir cha mhotha a tha timcheall-ghearradh na shìon, no neo-thimcheall gearradh, ach cruthachadh ùr.

**16** Agus na h-uimhir 's a choisicheas a rèir na riaghailt seo, sìth is tròcair orra, agus air Israel Dhè.

**17** À seo suas na cuireadh neach sam bith dragh orm, oir tha mi a' giùlain chomharraidhean Ìosa nam chorp.

**18** Gu robh gràs ar Tighearna Ìosa Crìosd còmhla ri ur spiorad, a bhràithrean. Amen.

## Ephèsianaich

### Ephèsianaich 1

<sup>1</sup>Pòl, abstol Chrìosd Ìosa tro thoil Dhè, Gu na naoimh a th' ann an Ephesus agus a tha dìleas ann an Crìosd Ìosa:

<sup>2</sup>Gràs dhuibh agus sìth o Dhia ar n-Athair agus on Tighearna Ìosa Crìosd.

#### Beannachdan Spioradail ann an Crìosd

<sup>3</sup>Beannaichte gun robh Dia agus Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd, a th' air ar beannachadh leis a h-uile beannachd spioradail sna h-àiteachan nèamhaidh ann an Crìosd,

<sup>4</sup>dìreach mar a thagh e sinne annsan mus deach bunait an t-saoghail a stèidheachadh, airson 's gum bitheamaid naomh agus neo-choireach na làthair-san. Ann an gràdh

<sup>5</sup>ro-òrdaich e sinne gu uchd-mhacachd tro Ìosa Crìosd dha fhèin, a rèir deagh thoil a rùin,

<sup>6</sup>gu moladh glòir a ghràis, a bhuilich e oirnn gu saor san Aon Ghràdhaidhte.

<sup>7</sup>Annsan tha saorsa againn tro fhuil-san, mathanas ar peacaidhean, a rèir beairteas a ghràis,

<sup>8</sup>a thug e dhuinn gu lìonmhor, sa h-uile gliocas is tuigse,

<sup>9</sup>a' dèanamh aithnichte dhuinn dìomhaireachd a rùin, a rèir a dheagh-thoil a rùnaich e annsan,

<sup>10</sup>mar phlana airson lànachd na h-ùine, gus a h-uile nì a chruinneachadh ann an Crìosd, rudan sna nèamhan agus air an talamh.

<sup>11</sup>Annsan tha sinn air oighreachd fhaighinn, às dèidh dhuinn a bhith air ar ro-òrdachadh a rèir rùn an Aoin a tha ag obrachadh a h-uile sìon a rèir comhairle a thoile fhèin,

<sup>12</sup>airson 's gum b' urrainn dhuinne, a chuir ar dòchas ann an Crìosd an toiseach, a bhith gu cliù a ghlòire-san.

<sup>13</sup>Annsan tha sibhse cuideachd, às dèidh dhuibh èisteachd ri facal na fìrinn, soisgeul ur sàbhalaidh, agus às dèidh dhuibh creidsinn ann, chaidh ur seuladh le Spiorad Naomh a' gheallaidh,

<sup>14</sup>a tha na gheall dher n-oighreachd, gu saorsa seilbhe Dhè, gu moladh a ghlòire-san.

#### Taingeachd is Ùrnaigh

<sup>15</sup>Air an adhbhar seo, a chionn 's gu bheil mi air cluinntinn mur creideamh san Tighearna Ìosa agus ur gràdh dha na naoimh gu lèir,

<sup>16</sup>chan eil mi a' sgur a thoirt taing air ur son, a' cuimhneachadh oirbh nam ùrnaighean.

<sup>17</sup>Tha mi ag ùrnaigh gun toireadh Dia ar Tighearna Ìosa Crìosd, Athair na glòire, spiorad gliocais is taisbeanaidh dhuibh, ann an eòlas airsan

<sup>18</sup>- sùilean ur n-intinn a bhith air an soillseachadh airson 's gum bi fios agaibh dè an dòchas chun do ghairm e sibhse, dè a th' ann am beairteas glòir na h-oighreachd aigesan sna naoimh,

<sup>19</sup>agus dè a th' ann am mòralachd thar tomhas a' chumhachd-san dhuinne a tha a' creidsinn, a rèir obrachaidh mhòir treise a' chumhachd

<sup>20</sup>a dh'obraich e ann an Crìosd nuair a thog e o na mairbh e agus a chuir e na shuidhe air a dheas-làimh fhèin e sna h-àiteachan nèamhaidh

<sup>21</sup>fada os cionn gach uile riaghladh is ùghdarras is cumhachd is tighearnas, agus a h-uile h-ainm a th' air ainmeachadh, chan ann a-mhàin san linn seo ach cuideachd san tè a tha ri thighinn.

<sup>22</sup>Agus chuir e a h-uile sìon fo chasan Chrìosd, agus thug e esan mar cheann thairis air a h-uile sìon dhan eaglais,

<sup>23</sup>as i a chorp-san, an lànachd aigesan a tha a' lionadh a h-uile sìon sna h-uile.

## **Ephèsianaich 2**

### **Air ar Dèanamh Beò ann an Crìosd**

<sup>1</sup>Agus bha sibh marbh ann an eu-ceartan 's ann am peacaidhean,

<sup>2</sup>anns an do choisich sibh roimhe a rèir cùrsa an t-saoghail seo, a rèir riaghladair cumhachd an adhair, an spiorad a tha a-nis ag obrachadh ann an cloinn na h-eas-ùmhlachd,

<sup>3</sup>'s nam measg bha sinne cuideachd beò roimhe ann an ana-miannan ar feòla, a' dèanamh toil na feòla is nan smuaintean, agus bha sinn, a thaobh nàdair, nar cloinn na feirge, dìreach mar chàch.

<sup>4</sup>Ach Dia, a tha beairteach ann an tròcair, air sgàth a mhòr-ghràidh leis an do ghràdhaich e sinn,

<sup>5</sup>eadhon nuair a bha sinn marbh nar peacaidhean, rinn e beò sinn còmhla ri Crìosd – tro ghràs chaidh ur sàbhaladh –

<sup>6</sup>agus thog e sinne suas leis, is shuidhich e sinn sna h-àiteachan nèamhaidh ann an Crìosd Ìosa,

<sup>7</sup>airson 's gun sealladh e sna linntean ri teachd beairteas thar-tomhas a ghràis ann an coibhneas dhuinne ann an Crìosd Ìosa.

<sup>8</sup>Oir le gràs chaidh ur sàbhaladh tro chreideamh, agus sin chan ann uaib' fhèin; is e tiodhlaic Dhè a th' ann

<sup>9</sup>– chan ann o obraichean airson 's nach dèanadh neach sam bith bòstadh.

<sup>10</sup>Oir is sinne obair-san, air ar cruthachadh ann an Crìosd Ìosa airson deagh obraichean, a dh'ullaich Dia ro-làimh, airson 's gun coisicheadh annta.

### **Ìùdhaich is Cinnich air an Rèiteachadh ann an Crìosd**

<sup>11</sup>Mar sin cuimhnichibh gun robh sibhse roimhe, na Cinnich san fheòil, ris an canar “an neo-thimcheall-ghearradh,” leothasan ris an canar “an timcheall-ghearradh” a th' air a dhèanamh san fheòil le làmhan –

<sup>12</sup>cuimhnichibh gun robh sibh aig an àm sin dealaichte o Chrìosd, nur coimhich do cho-fhlaitheachd Israeil 's nur coigrich do chùmhnanntan a' gheallaidh, às aonais dòchais agus gun Dia san t-saoghal.

<sup>13</sup>Ach a-nis ann an Crìosd Ìosa tha sibhse a bha roimhe fad o làimh air a bhith air ur toirt faisg tro fhuil Chrìosd.

<sup>14</sup>Oir is esan e fhèin ar sìth, a rinn an dà chuid nan aon agus a bhris sìos balla-meadhain an dealachaidh, le bhith a' cur às, na fheòil, dhan nàimhdeas

<sup>15</sup>as e Lagh nan àitheantan a chaidh a chur sìos ann an òrduighean, airson 's, ann fhèin, gun dèanadh e an dithis nan aon duine nuadh, mar sin a' dèanamh sìth,

<sup>16</sup>agus gun dèanadh e an dà chuid rèidh ri Dia ann an aon chorp tro a chrann-ceusaidh, mar sin a' cur às dhan nàimhdeas.

<sup>17</sup>Agus thàinig e is shearmonaich e sìth dhuibhse a bha fad às agus sìth dhaibhsan a bha faisg.

<sup>18</sup>Oir troimhesan tha slighe a-steach aig an dà chuid againn ann an aon Spiorad chun an Athar.

<sup>19</sup>Mar sin chan eil sibh tuilleadh nur coigrich 's nur coimhich, ach nur co-shaoranaich le na naoimh agus nur muinntir teaghlaich Dhè,

<sup>20</sup>air ur togail air bunait nan abstol is nam fàidhean, le Crìosd Ìosa fhèin na chloich-chinn an oisein,

<sup>21</sup>anns a bheil an togalach gu lèir, air a cheangal ri chèile, a' fàs gus a bhith na theampall naomh san Tighearna;

<sup>22</sup>anns a bheil sibhse cuideachd air ur togail còmhla gus a bhith nur n-àite-còmhnaidh do Dhia tron Spiorad.

## **Ephèsianaich 3**

### **Sàr-Rùn Dhè dha na Cinnich**



<sup>1</sup>Air an adhbhar seo, tha mise Pòl, prìosanach Chrìosd Ìosa air ur son-se a Chinneacha –

<sup>2</sup>mas e 's gun cuala sibh dha-rìribh mu stiùbhardachd gràis Dhè a chaidh a thoirt dhomh air ur son-se,

<sup>3</sup>mar sin gun robh, an dìomhaireachd air a dèanamh aithnichte dhomh tro thaisbeanadh, mar a sgrìobh mi roimhe gu h-aithghearr.

<sup>4</sup>Tro bhith a' leughadh seo, faodaidh sibh a bhith a' tuigsinn mo lèirsinn a thaobh dìomhaireachd Chrìosd,

<sup>5</sup>nach robh air a dèanamh aithnichte do chloinn nan daoine ann an ginealaichean eile mar a tha i a-nis air a bhith air a foillseachadh dha abstoil naomha 's dha fhàidhean leis an Spiorad:

<sup>6</sup>gu bheil na Cinnich nan co-oighreachan agus nan co-bhuill dhen chorp, agus nan co-luchd-compàirt dhen ghealladh ann an Crìosd tron t-soisgeul,

<sup>7</sup>dhen robh mise air mo dhèanamh nam mhinistear, a rèir tiodhlac gràis Dhè, a chaidh a thoirt dhomh a rèir obrachaidh a chumhachd-san.

<sup>8</sup>Dhòmhsa, an neach as lugha dhe na naoimh gu lèir, chaidh an gràs seo a thoirt, beairteas Chrìosd – nach urrainnear a rannsachadh – a shearmonachadh am measg nan Cinneach,

<sup>9</sup>agus gun dèanainn soilleir dè a th' ann an stiùbhardachd na dìomhaireachd a th' air a bhith falaichte o linntean ann an Dia a chruthaich a h-uile sìon;

<sup>10</sup>airson 's gum biodh gliocas ioma-fhillte Dhè a-nis air a dhèanamh aithnichte tron eaglais dha na riaghladairean 's dha na h-ùghdarrasan anns na h-àiteachan nèamhaidh.

<sup>11</sup>Bha seo a rèir an rùin shìorraidh a chuir e an gnìomh ann an Crìosd Ìosa ar Tighearna,

<sup>12</sup>anns a bheil dànachd is slighe chinnteach a-steach againn tro chreideamh annsan.

<sup>13</sup>Mar sin tha mi ag iarraidh oirbh nach caill sibh misneachd air sgàth mo thrioblaidean air ur son-se, a tha nan glòir dhuibh.

### **Ùrnaigh airson nan Ephèsianach**

<sup>14</sup>Air an adhbhar seo tha mi a' lùbadh mo ghlùinean mu choinneamh an Athar,

<sup>15</sup>air a bheil gach teaghlach air nèamh 's air thalamh air an ainmeachadh,

<sup>16</sup>gun ceadaicheadh e dhuibh, a rèir beairteas a ghlòire, a bhith air ur neartachadh le cumhachd tro a Spiorad-san san duine air an taobh a-staigh,

<sup>17</sup>airson 's gun gabh Crìosd còmhnaidh nur cridheachan tro chreideamh, gus, nuair a tha sibh air a bhith air ur freumhachadh 's air ur stèidheachadh ann an gràdh,

<sup>18</sup>gum bi sibh an comas, cuide ris na naoimh gu lèir, air tuigsinn gu dè an leud, is an fhad is an doimhne, is an àirde

<sup>19</sup>agus aithne a bhith agaibh air gràdh Chrìosd a tha thar eòlais, airson 's gum bi sibh air ur lìonadh gu uile lànachd Dhè.

<sup>20</sup>A-nis dhàsan a tha an comas tòrr mòr nas pailte a dhèanamh thairis air nas urrainn dhuinne iarraidh no smaoinneachadh, a rèir a' chumhachd a tha ag obrachadh annainn,

<sup>21</sup>dhàsan gu robh glòir san eaglais agus ann an Crìosd Ìosa tro na linntean gu lèir, gu saoghal nan saoghal. Amen.

## **Ephèsianaich 4**

### **Aonachd ann an Corp Chrìosd**

<sup>1</sup>Mar sin tha mise, prìosanach an Tighearna, a' guidhe oirbh gun coisich sibh ann an dòigh a tha iomchaidh dhan ghairm leis an deach ur gairm,

<sup>2</sup>leis a h-uile h-irioslachd is ciùineas, le foighidinn, a' giùlain le chèile ann an gràdh,

<sup>3</sup>a' dèanamh dìcheall air aonachd an Spioraid a ghleidheadh ann an ceangal na sìthe.

<sup>4</sup>Tha aon bhodhaig agus aon Spiorad ann – dìreach cuideachd mar a chaidh ur gairm ann an aon dòchas ur gairme;

<sup>5</sup>aon Tighearna, aon chreideamh, aon bhaisteadh –

<sup>6</sup>aon Dia agus Athair nan uile, a tha os cionn nan uile agus tro na h-uile, agus anns na h-uile.

<sup>7</sup>Ach do gach aon againn chaidh gràs a thoirt a rèir tomhas tiodhlaic Chrìosd.

<sup>8</sup>Mar sin tha e ag ràdh: “Nuair a chaidh e suas dhan àirde, thug e braighdeanas ann am bruid agus thug e tiodhlacan do dhaoine.”

<sup>9</sup>(A-nis, dè a tha “chaidh e suas” a' ciallachadh ach gun robh e cuideachd air a dhol sìos do phàirtean ìochdarach na talmhainn?)

<sup>10</sup>Esan a chaidh sìos, is e sin fhèin cuideachd esan a chaidh suas fada os cionn nan nèamhan, airson 's gun lìonadh e a h-uile sìon.)

<sup>11</sup>Agus thug e cuid mar abstoil, agus cuid mar fhàidhean, agus cuid eile mar shoisgeulaichean agus cuid eile mar aoghairean is luchd-teagaisg,

<sup>12</sup>gus na naoimh uidheamachadh airson obair na ministrealachd, airson corp Chrìosd a thogail suas

<sup>13</sup>gus an ruig sinn uile air aonachd a' chreideimh agus air eòlas mhic Dhè, gu duine iomlan, gu tomhas àirde lànachd Chrìosd.

<sup>14</sup>Airson 's nach bi sinn tuilleadh nar leanabanan, air ar tonn-luasgadh agus air ar giùlain mun cuairt leis a h-uile gaoth teagaisg, le caran dhaoine, le seòltachd ann an innleachdan mheallta.

<sup>15</sup>Ach a' bruidhinn na firinn ann an gràdh, gum fàs sinn suas sa h-uile dòigh a-steach annsan as e an ceann, Crìosd,

<sup>16</sup>om bheil an corp gu lèir, air a cheangal 's air a chumail ri chèile le na tha gach alt a' buileachadh, a rèir obrachaidh ceart gach ball fa leth, ag adhbharachadh fàs cuirp airson e fhèin a thogail suas ann an gràdh.

### **Beò mar Chloinn an t-Solais**

<sup>17</sup>Mar sin, tha mi ag ràdh seo, agus a' toirt fianais san Tighearna, nach coisich sibh tuilleadh dìreach mar a tha na Cinnich cuideachd a' coiseachd, ann an dìomhanas an inntinnean,

<sup>18</sup>air an dorchnachadh nan tuigse, nan coimhich do bheatha Dhè air sgàth an aineolais a th' annta, air sgàth cruas an cridhe,

<sup>19</sup>feadhainn, às dèidh dhaibh am faireachadh a chall, a thug iad fhèin thairis do dh'fheòlmhorachd, airson a h-uile neòghlaine a chur an gnìomh le sannt.

<sup>20</sup>Ach cha do dh'ionnsaich sibhse Crìosd san dòigh seo,

<sup>21</sup>ma chuala sibh dha-rìribh e is gun deach ur teagasg leis, mar a tha an fhìrinn ann an Ìosa,

<sup>22</sup>gun cuir sibh gu aon taobh – a thaobh an dòigh beatha a b' àbhaist a bhith agaibh – an seann duine, a tha ga thruailleadh a rèir ana-miannan na ceilge,

<sup>23</sup>agus gum bi sibh air ur n-ath-nuadhachadh ann an spiorad ur n-inntinn,

<sup>24</sup>is gun cuir sibh oirbh an duine ùr, a th' air a chruthachadh ann an coltas Dhè ann am fireantachd 's ann an naomhachd na firinne.

<sup>25</sup>Mar sin, a' cur a' bhreug uaibh, bruidhneadh gach neach agaibh an fhìrinn ri choimhearsnach, oir tha sinn nar buill do chàch-a-chèile.

<sup>26</sup>“Bithibh feargach 's na peacaichibh”, na leigibh leis a' ghrèin a dhol fodha air ur corraich,

<sup>27</sup>agus na toiribh cothrom dhan diabhal.

<sup>28</sup>Esan a tha a' goid, na goideadh e tuilleadh, ach an àite sin dèanadh e saothair, ag obrachadh an rud a tha math le a làmhan, airson 's gum bi rud aige ri bhuileachadh air an neach air a bheil dìth.

<sup>29</sup>Na tigeadh cainnt thruaillidh sam bith a-mach às ur beul, ach an nì sin a tha math airson togail suas, a rèir na tha a dhìth, airson 's gun toir e gràs dhaibhsan a chluinneas.

<sup>30</sup>Agus na cuiribh doilgheas air Spiorad Naomh Dhè, leis an deach seula a chur oirbh gu latha na saorsa.

<sup>31</sup>Biodh a h-uile seirbhe is corraich is fearg is gleadhraich is toibheum air an togail uaibh, cuide ri gach mì-rùn

<sup>32</sup>agus bithibh coibhneil dha chèile, teò-chridheach, a' toirt mathanas dha chèile, dìreach mar a thug Dia ann an Crìosd mathanas dhuibhse.

## Ephèsianaich 5

<sup>1</sup>Mar sin bithibh nur luchd-leanmhainn air Dia, mar chloinn ghràdhach

<sup>2</sup>agus coisichibh ann an gràdh, mar a ghràdhaich Crìosd sinne cuideachd 's a thug esan e fhèin air ar son, na thabhartas is na ìobairt chùbhraidh do Dhia.

<sup>3</sup>Ach na biodh strìopachas no neòghlaine sam bith no sannt fiù 's air ainmeachadh nur measg, mar a tha freagarrach am measg nan naomh;

<sup>4</sup>agus na biodh drabastachd is còmhradh amaideach, no cainnt shalach ann, nach eil iomchaidh, ach an àite sin buidheachas.

<sup>5</sup>Oir tha fios agaibh air a seo, nach eil aig neach-strìopachais sam bith, no aig neach-neòghlan no aig neach-sanntach (a tha na iodhal-adhradair), oighreachd ann an rìoghachd Chrìosd is Dhè.

<sup>6</sup>Na mealladh neach sam bith sibh le faclan falamh, oir air sgàth nan rudan sin tha fearg Dhè a' tighinn air cloinn na h-eas-ùmhlachd.

<sup>7</sup>Mar sin na bithibh-se nur luchd-compàirt dhiubh.

<sup>8</sup>Oir roimhe bha sibh nur dorchadas, ach a-nis tha sibh nur solas san Tighearna. Coisichibh mar chloinn an t-solais

<sup>9</sup>(oir tha toradh an t-solais ri lorg sa h-uile mathas, is fìreantachd is fìrinn)

<sup>10</sup>a' dearbhadh dè a tha tlachdmhor dhan Tighearna.

<sup>11</sup>Na gabhaibh pàirt sam bith ann an obraichean neo-thorach an dorchadais, ach an àite sin cronaichibh iad.

**12**Oir tha e nàrach fiù 's bruidhinn air na rudan a th' air an dèanamh leotha ann an uaigneas.

**13**Ach tha a h-uile sìon air a chronachadh nuair a tha e air a thoirt am follais leis an t-solas.

**14**Oir a h-uile sìon a thig am follais 's e solas a th' ann. Air an adhbhar seo tha e air a ràdh: “Dùisg, a neach cadail, agus èirich o na mairbh, is deàraidh Crìosd ort.”

**15**Mar sin bithibh faiceallach ciamar a choisicheas sibh – chan ann gu mì-ghlic ach gu glic,

**16**ag ath-cheannach an ama, a chionn 's gu bheil na làithean olc.

**17**Mar sin na bithibh amaideach ach tuigibh dè i toil an Tighearna.

**18**Agus na bithibh air mhisg le fion, oir is e pòitearachd a tha an sin, ach bithibh air ur lìonadh leis an Spiorad,

**19**a' bruidhinn ri chèile ann an sailm is laoidhean is òrain spioradail, a' seinn agus a' dèanamh ceòl le ur cridhe dhan Tighearna,

**20**an-còmhnaidh a' toirt taing airson a h-uile sìon do Dhia an t-Athair, ann an ainm ar Tighearna Ìosa Crìosd,

**21**a' gèilleadh dha chèile ann an eagal Chrìosd.

### **Mnathan-Phòsta agus Fir-Pòsta**

**22**A mhnathan-pòsta, gèillibh dhur fir-pòsta fhèin, mar dhan Tighearna.

**23**Oir is e am fear-pòsta ceann na mnà-pòsta, mar is e Crìosd cuideachd ceann na h-eaglaise; is esan e fhèin slànaighear a' chuirp.

**24**Ach mar a tha an eaglais umhail do Chrìosd, mar sin cuideachd biodh na mnathan-pòsta umhail dham fir-pòsta fhèin sa h-uile sìon.

**25**Fheara-pòsta, gràdhaichibh ur mnathan-pòsta, dìreach mar a ghràdhaich Crìosd cuideachd an eaglais, agus a thug e e fhèin suas air a son,

**26**airson 's gum faodadh e a naomhachadh, às dèidh dha a nighe le glanadh an uisge tron fhacal,

**27**airson 's gum faodadh e an eaglais a nochdadh glòrmhor dha fhèin, gun smal no roc no nì sam bith dhen leithidean sin, ach gum biodh i naomh agus gun lochd.

**28**Is ann mar sin a bu chòir dha na fir-pòsta am mnathan-pòsta fhèin a ghràdhachadh mar an cuirp fhèin. Esan a ghràdhaicheas a bhean-phòsta, tha e ga ghràdhachadh fhèin.

<sup>29</sup>Oir cha do dh'fhuathaich duine riamh fheòil fhèin, ach beathaichidh e i 's gabhaidh e cùram dhi, eadhon mar a tha an Tighearna a' dèanamh dhan eaglais,

<sup>30</sup>oir tha sinn nar buill dhen chorp aige,

<sup>31</sup>“Air an adhbhar seo fàgaidh duine athair agus a mhàthair, agus bidh e air aonadh ri bhean, agus bidh an dithis nan aon fheòil.”

<sup>32</sup>Tha an dìomhaireachd seo mòr, ach tha mi a' bruidhinn mu Chrìosd 's mun eaglais.

<sup>33</sup>A dh'aindeoin sin, thoir gach aon fa leth nur measg gràdh dha bhean fhèin mar dha fhèin, agus gun toir a' bhean-phòsta urram dha fear.

## **Ephèsianaich 6**

### **Clann agus Pàrantan**

<sup>1</sup>A chlann, bithibh umhail dhur pàrantan san Tighearna, oir tha seo ceart.

<sup>2</sup>“Thoir urram dhad athair 's dhad mhàthair” (is i seo a' chiad àithne le gealladh),

<sup>3</sup>“airson 's gun èirich gu math dhut is gum bi thu fada beò air an talamh.”

<sup>4</sup>Agus athraichean, na broснаichibh ur clann gu fearg, ach togaibh iad ann am foghlam 's ann an teagasg an Tighearna.

### **Seirbheisich agus Maighstirean**

<sup>5</sup>A sheirbheiseacha, bithibh umhail dhur maighstirean a rèir na feòla, le eagal is ball-chrith ann an sìmplidheachd ur cridhe, mar do Chrìosd;

<sup>6</sup>chan ann le seirbheis sùile, mar fheadhainn a thoilicheas daoine, ach mar sheirbheisich Chrìosd, a' dèanamh toil Dhè on anam,

<sup>7</sup>le deagh rùn a' dèanamh seirbheis, mar dhan Tighearna, 's chan ann do dhaoine,

<sup>8</sup>le fios a bhith agaibh, ge b' e dè am math a nì gach aon agaibh, gum faigh e an rud seo fhèin air ais on Tighearna, eadar gum b' e tràill no saoranach a th' ann.

<sup>9</sup>Agus a mhaighstirean, dèanaibh-se na h-aon rudan dhaibhsan, agus sguiribh a mhaoidheadh, is fios agaibh gu bheil an dà chuid am maighstir-san 's ur maighstir-se air nèamh, agus nach eil leth-bhreith ann leis-san.

### **Armachd Dhè**

**10**Mu dheireadh, bithibh làidir san Tighearna agus ann an treise a chumhachd.

**11**Cuiribh oirbh làn-armachd Dhè, airson 's gum bi sibh an comas air seasamh an aghaidh innleachdan mheallta an diabhair.

**12**Oir chan eil sinn a' gleac ri fuil is feòil, ach ri riaghladairean, ri ùghdarrasan, ri cumhachdan-saoghail an dorchadais seo, ri cumhachdan spioradail na h-aingidheachd sna h-àiteachan nèamhaidh.

**13**Mar sin, togaibh suas làn-armachd Dhè, airson 's gum bi sibh comasach air 'cur an aghaidh' san latha olc agus às dèidh a h-uile sìon a dhèanamh, seasamh.

**14**Seasaibh mar sin, 's ur leasraidh crioslaichte le firinn is uchd-èideadh na fireantachd oirbh

**15**agus, mar bhrògan airson ur casan, ullachadh soisgeul na sìthe;

**16**anns a h-uile sìon, a' togail suas sgiath a' chreideimh, leis am bi sibh comasach air uile shaighdean theinnteach an fhir uilc a mhùchadh.

**17**Agus gabhaibh clogaid na slàinte, is claidheamh an spioraid – as e facal Dhè.

**18**Leis a h-uile seòrsa ùrnaigh is tagraidh, dèanaibh ùrnaigh an-còmhnaidh san Spiorad, agus le seo san amharc, dèanaibh faire leis a h-uile buannachadh is thagraidh airson nan naomh gu lèir.

**19**Agus dèanaibh ùrnaigh air mo shon-sa gun deigheadh comas bruidhne a thoirt dhòmhsa ann am fosgladh mo bheòil, airson 's gum foillsich mi, le dànachd, dìomhaireachd an t-soisgeil,

**20**dham bheil mi nam thosgaire ann an sèidhnichean, airson 's gum bruidhinn mi gu dàna mu dheidhinn, mar as còir dhomh bruidhinn.

### **Fàiltean Dheireannach**

**21**Ach airson 's gum bi fios agaibhse cuideachd air na rudan a bhuineas dhòmhsa, agus dè a tha mi a' dèanamh, foillsichidh Tichicus, am bràthair gràdhach is ministear dileas san Tighearna a h-uile sìon dhuibh.

**22**Tha mi air a chur thugaibh airson an adhbhair seo fhèin, airson 's gum biodh fios nan rudan a bhuineas dhuinne agaibh, agus gun toireadh e cofhurtachd dhur cridheachan.

**23**Sìth gu robh dha na bràithrean, agus gràdh le creideamh, o Dhia an t-Athair agus an Tighearna Ìosa Crìosd.

**24**Gu robh gràs còmhla riuthasan uile a tha a' gràdhachadh ar Tighearna Ìosa Crìosd ann an neo-thruaillidheachd.

## Philipianaich

### Philipianaich 1

<sup>1</sup>Pòl agus Timòteus, seirbheisich Chrìosd Ìosa, Gu na naoimh gu lèir ann an Crìosd Ìosa, a th' ann am Philipi, cuide ri na fir-coimhid agus ris na dèaconan:

<sup>2</sup>Gràs dhuibh agus sìth o Dhia ar n-Athair agus on Tighearna Ìosa Crìosd.

#### Taingealachd agus Ùrnaigh

<sup>3</sup>Tha mi a' toirt taing dham Dhia nam uile chuimhneachadh oirbh,

<sup>4</sup>an-còmhnaidh nam uile ùrnaigh a' guidhe air ur son gu lèir le aoibhneas,

<sup>5</sup>air sgàth ur co-chomainn san t-soisgeul, on chiad latha gus a-nis.

<sup>6</sup>Oir tha mi cinnteach às an nì seo fhèin, esan a thòisich deagh obair annaibh, gun coilean e i gu latha Ìosa Crìosd.

<sup>7</sup>Oir tha e ceart dhòmhsa a bhith a' faireachdainn mar seo mur deidhinn gu lèir, a chionn 's gu bheil sibh agam nam chridhe, oir tha sibh uile nur luchd-compàirt de ghràs còmhla rium, an dà chuid nam phrìosanachadh agus ann an dìon is dearbhadh an t-soisgeil.

<sup>8</sup>Oir 's e Dia m' fhianais, a thaobh mar a tha mi gur n-ionndrainn uile le spèis Chrìosd Ìosa.

<sup>9</sup>Agus is i seo m' ùrnaigh, gun tèid ur gràdh a mheudachadh barrachd is barrachd ann an eòlas is anns a h-uile tuigse,

<sup>10</sup>airson 's gun gabh sibh deagh bheachd air na rudan as fheàrr, gus am bi sibh fìorghlan agus neoichiontach gu latha Chrìosd,

<sup>11</sup>air ur lìonadh le toradh na fireantachd a tha tro Ìosa Crìosd, gu glòir is cliù Dhè.

#### Sèidhnichean Phòil ag Adhartachadh an t-Soisgeul

<sup>12</sup>Ach tha mi ag iarraidh gum bi fios agaibh, a bhràithrean, gu bheil na thachair dhòmhsa air tachairt airson barrachd adhartais an t-soisgeil,

<sup>13</sup>air chor 's gu bheil mo phrìosanachadh ann an Crìosd air fàs iomraiteach sa phrìomh-àros gu lèir agus dhan a h-uile duine eile,

<sup>14</sup>agus gu bheil a' mhòr-chuid dhe na bràithrean san Tighearna – a tha a' gabhail misneachd air sgàth mo phrìosanachaidh – tòrr nas dàine buileach am facal aithris gun eagal.

<sup>15</sup>Tha cuid, dha-rìribh, a' searmonachadh Chrìosd tro fharmaid is tro strì, agus cuid eile tro dheagh thoil.



**16**Tha iadsan dha-rìribh ga dhèanamh air sgàth gràidh, is fios aca gu bheil mise air mo shuidheachadh airson dìon an t-soisgeil.

**17**Tha an fheadhainn eile a' searmonachadh Chrìosd tro chonnspaid, chan ann à rùn fìor-ghlan, a' sùileachadh àmhghar a chur rim phrìosanachadh-sa.

**18**Dè ma-thà? Dìreach – sa h-uile dòigh, ge b' e ann an rùn brèige no fìor – gu bheil Crìosd air a shearmonachadh, agus airson sin tha mi a' dèanamh gàirdeachas. Agus nì mi tuilleadh gàirdeachais.

**19**Oir tha fios agam gun obraich seo airson mo shaoraidh tro na h-ùrnaighean agaibhse agus tro chuideachadh Spiorad Ìosa Crìosd,

**20**a rèir mo ro-dhùil 's mo dhòchais, nach tèid nàire a chur orm ann an nì sam bith, ach leis a h-uile dànachd, gum bi Crìosd a-nis, mar a tha e an-còmhnaidh, air àrdachadh nam chorp-sa, ge b' ann tro bheatha no tro bhàs.

**21**Oir dhòmhsa a bhith beò is e sin Crìosd agus bàs fhaighinn is buannachd dhomh e.

**22**Ach ma tha agam ri bhith beò san fheòil, bidh sin a' ciallachadh saothair thorrach dhomh, 's chan aithne dhomh cò dhiubh a thaghainn.

**23**Tha mi air mo ghlacadh eadar na dhà: agus miann agam siubhal 's a bhith còmhla ri Crìosd, oir 's e seo as fheàrr,

**24**ach tha fuireach san fheòil nas fheumaile air ur son-se.

**25**Agus cinnteach às a sin, tha fios agam gum fan mi 's gum fuirich mi leibh uile, airson ur n-adhartais is ur gàirdeachais sa chreideamh,

**26**airson 's gum bi ur bòstadh dham thaobh-sa air a mheudachadh ann an Crìosd Ìosa, trom thighinn thugaibh a-rithist.

### **Beatha a tha Airidh air an t-Soisgeul**

**27**A-mhàin giùlainibh sib' fhèin ann am modh a tha airidh air soisgeul Chrìosd, ge b' e cuin a thig mi 's gu faic mi sibh, no gum bidh mi air falbh uaibh, gun cluinn mi mur deidhinn, gu bheil sibh a' seasamh gu daingeann ann an aon spiorad, le aon inntinn, a' strì còmhla airson creideamh an t-soisgeil,

**28**gun a bhith fo eagal o ur nàimhdean – a rud a tha na chomharra dhaibhsan air sgrios, ach dhuibhse air sàbhaladh, agus sin o Dhia.

**29**Oir dhuibhse chaidh a cheadachadh, air sgàth Chrìosd, chan e a-mhàin creidsinn ann, ach cuideachd fulang air a sgàth-san,

**30**leis an aon strì agaibh 's a chunnaic sibh annamsa agus a tha sibh a-nis a' cluinntinn a tha annam.

## Philipianaich 2

### A' Leantainn Irioslachd Chrìosd

<sup>1</sup>Mar sin, ma tha misneachd sam bith ann an Crìosd, ma tha cofhurtachd sam bith gràidh ann, ma tha co-chomann sam bith an Spioraid ann, ma tha bàidh sam bith is truas ann,

<sup>2</sup>coileanaibh mo ghàirdeachas le bhith dhen aon inntinn, dhen aon ghràdh, aonaichte ann an spiorad, agus dhen aon dòigh smaoinichaidh.

<sup>3</sup>Na dèanaibh sìon à fèinealachd no pròis fhalamh, ach ann an irioslachd-inntinn measaibh càch-a-chèile mar nas fheàrr na sib' fhèin.

<sup>4</sup>Na sealladh gach neach air na rudan a bhuineas dha fhèin, ach cuideachd air na rudan a bhuineas do dhaoine eile.

<sup>5</sup>Biodh an inntinn seo annaibhse a bha cuideachd ann an Ìosa Crìosd:

<sup>6</sup>Esan, ged a bha e ann an cruth Dhè, nach do mheas co-ionnanachd ri Dia mar nì air an dèanadh e grèim,

<sup>7</sup>ach a dh'fhalamhaich e fhèin, a' gabhail cruth seirbheisich air fhèin, agus air a dhèanamh ann an coltas dhaoine.

<sup>8</sup>Agus air fhaighinn ann an cruth duine, dh'irioslaich e e fhèin, le bhith a' fàs umhail gu bàs – eadhon bàs a' chroinn-ceusaidh.

<sup>9</sup>Air an adhbhar sin, dh'àrdaich Dia e gu ro-àrd, agus bhuilich e ainm air os cionn gach uile ainme,

<sup>10</sup>airson 's – do dh'ainm Ìosa – gun lùbadh gach glùn, de rudan a tha air nèamh agus air thalamh agus a tha fon talamh,

<sup>11</sup>agus gun aidicheadh gach teanga gur e Ìosa Crìosd an Tighearna, gu glòir Dhè an t-Athair.

### Dèanaibh a h-Uile Nì gun Ghearan

<sup>12</sup>Mar sin, a mhuinntir mo ghràidh, dìreach mar a tha sibh an-còmhnaidh air a bhith umhail, chan ann mar nam làthair-sa a-mhàin, ach a-nis nas motha buileach 's mi air falbh uaibh, obraichibh ur slàinte fhèin a-mach le eagal is ball-chrith,

<sup>13</sup>oir is e Dia a tha ag obrachadh annaibh, an dà chuid airson rùnachadh 's airson obrachadh a rèir a dheagh thoil fhèin.

<sup>14</sup>Dèanaibh a h-uile sìon gun ghearan 's gun deasbaireachd

<sup>15</sup>airson 's gum bi sibh neo-choireach is neoichiontach, nur cloinn do Dhia, neo-lochdach am meadhan ginealaich fhiair is chlaoin, agus nam measg tha sibhse a' deàlradh mar sholais san t-saoghal,

**16**a' cumail a-mach facal na beatha, airson 's gun dèan mise bòst ann an Latha Chrìosd, nach do ruith mi gu dìomhain 's nach do shaothraich mi gu dìomhain.

**17**Ach ma tha mi cuideachd air mo dhòrtadh a-mach air ìobairt is seirbheis ur creideimh, tha mi toilichte 's a' dèanamh gàirdeachas còmhla ribhse uile.

**18**San aon dòigh bithibh-se cuideachd toilichte is dèanaibh gàirdeachas còmhla riumsa.

### **Timòteus agus Epaphroditus**

**19**Ach tha mi an dòchas san Tighearna Ìosa, Timòteus a chur thugaibh a dh'aithghearr, airson 's gum bi mi cuideachd air mo mhisneachadh nuair a gheibh mi fios mur cor.

**20**Oir chan eil duine sam bith agam dhen aon inntinn, a ghabhas fìor chùram mur staid.

**21**Oir tha iad uile a' sireadh an gnothaichean fhèin, 's chan iad na rudan aig Ìosa Crìosd.

**22**Ach is aithne dhuibh gun deach a dhearbhadh, gun do rinn e, mar mhac dha athair, seirbheis còmhla riumsa san t-soisgeul.

**23**Mar sin tha dòchas agam esan a chur thugaibh cho luath 's a chì mi mar a thèid dhomh fhèin,

**24**agus tha earbsa agam san Tighearna gun tig mi fhèin thugaibh a dh'aithghearr cuideachd.

**25**Ach shaoil mi gun robh e deatamach Epaphroditus – mo bhràthair 's mo cho-obraiche 's mo cho-shaighdear 's ur teachdaire-se, agus an neach a fhrithheil dham dhìth – a chur thugaibh.

**26**Oir bha fadachd airsan air ur son-se uile agus bha e tùrsach air sgàth 's gun cuala sibh gun robh e tinn.

**27**Agus gu deimhinn bha e tinn, faisg air a' bhàs. Ach rinn Dia tròcair air, agus cha b' ann airsan a-mhàin ach ormsa cuideachd, airson 's nach biodh bròn air muin bròn ormsa.

**28**Mar sin tha mi air a bhith nas dùrachdaiche ga chur thugaibh airson 's, nuair a chì sibh a-rithist e, gum biodh sibh toilichte agus gum bu lugha a bhiodh mo bhròn-sa.

**29**Air an adhbhar sin, gabhaibh ris anns an Tighearna leis a h-uile toileachas, agus biodh meas mòr agaibh air an leithidean sin,

<sup>30</sup>air sgàth 's gun tàinig e faisg air a' bhàs airson obair Chrìosd, a' cur a bheatha fhèin ann an cunnart, airson 's gun dèanadh e suas na bha a dhìth nur seirbheis-se dhòmhsa.

### Philipianaich 3

#### Gun Chinnt san Fheòil

<sup>1</sup>Mu dheireadh, mo bhràithrean, dèanaibh gàirdeachas san Tighearna. Chan eil e na thrioblaid sam bith dhòmhsa na h-aon rudan a sgrìobhadh thugaibh, agus tha e na dhìon dhuibhse.

<sup>2</sup>Bithibh faiceallach o na coin, bithibh faiceallach o luchd-obrach an uilc, bithibh faiceallach o dhroch ghearradh na feòla,

<sup>3</sup>oir is sinne an timcheall-ghearradh, a tha ag adhradh ann an Spiorad Dhè 's a' bòstadh ann an Crìosd Ìosa, agus nach eil a' cur earbsa san fheòil –

<sup>4</sup>ged a dh'fhaodainn fhèin cuideachd earbsa a bhith agam san fheòil. Ma tha neach sam bith eile a' saòilsinn gum faod e earbsa a chur san fheòil, is motha a dh'fhaodas mise:

<sup>5</sup>air mo thimcheall-ghearradh air an ochdamh latha, de chinneach Israeil, de threubh Bheniàmin, nam Eabhrach dhe na h-Eabhraich; a thaobh an lagha, nam Pharasach;

<sup>6</sup>a thaobh eud, a' dèanamh geur-leanmhainn air an eaglais; a thaobh na fireantachd a th' anns an lagh, neo-choireach.

<sup>7</sup>Ach ge b' e na rudan a bha nam buannachd dhòmhsa, mheas mi iad sin nan call air sgàth Chrìosd.

<sup>8</sup>Ach dha-rìribh, tha mi a' meas a h-uile sìon na chall, air sgàth sàr-luach eòlais Chrìosd Ìosa mo Thighearna, dhan do dh'fhuiling mi a h-uile nì a chall, 's tha mi gam meas mar sgudal airson 's gum buannaichinn Crìosd,

<sup>9</sup>agus gum bithinn air m' fhaighinn annsan, gun m' fhìreantachd fhèin agam a tha on lagh, ach an nì sin a tha tro chreideamh Chrìosd, an fhìreantachd a tha o Dhia air stèidh creideimh,

<sup>10</sup>airson 's gum bi eòlas agam airson 's air cumhachd na h-aiseirigh aige, 's air co-chomann nam fulangasan aige, air mo dhèanamh nam cho-coltas-san na bhàs,

<sup>11</sup>airson 's gum faodainn air aon chor aiseirigh nam marbh fhaighinn.

#### A' Leantainn oirnn chun a' Chinn-Uidhe

<sup>12</sup>Chan e gu bheil mi air fhaighinn mu thràth, no gu bheil mi foirfe mu thràth, ach tha mi a' leantainn orm airson 's gum faigh mi grèim air an nì sin a b' adhbhar gun deach grèim cuideachd a ghabhail orm le Crìosd Ìosa.

<sup>13</sup>A bhràithrean, chan eil mi a' meas gun do ghreimich mi fhathast, ach aon rud a tha mi a' dèanamh: a' diochuimhneachadh na th' air chùl 's gam shìneadh fhèin air adhart chun nan rudan a tha romham,

<sup>14</sup>tha mi a' leantainn orm chun a' chinn-uidhe airson duais àrd-ghairm Dhè ann an Crìosd Ìosa.

### **A' Leantainn Eisimpleir Phòil**

<sup>15</sup>Mar sin, na h-uimhir againne 's a tha coileanta, biodh an inntinn seo againn, agus ma tha diofar inntinn agaibh ann an nì sam bith, foillsichidh Dia sin dhuibh cuideachd.

<sup>16</sup>Dìreach bitheamaid beò a rèir an aon riaghailt air an do ràinig sinn.

<sup>17</sup>A bhràithrean, aonaichibh ann a bhith gam leantainn-sa, agus thoiribh an aire dhaibhsan a tha a' coiseachd a rèir na h-eisimpleir a th' agaibh annainne,

<sup>18</sup>Oir tha mòran a' coiseachd, mun do dh'innis mi dhuibh gu tric – agus mum bheil mi a-nis eadhon a' caoineadh ag innse dhuibh – gur e nàimhdean a th' annta do chrann-ceusaidh Chrìosd,

<sup>19</sup>'s e an crìoch a bhith air an sgrios, 's e an dia aca am brù, 's tha a' ghlòir aca nan nàire, agus tha na h-inntinnean aca stèidhichte air gnothaichean talmhaidh.

<sup>20</sup>Oir tha an t-saoranas againne air nèamh, om bheil dùil againn cuideachd ri Slànaighear, an Tighearna Ìosa Crìosd;

<sup>21</sup>a chruth-atharraicheas corp ar staid iriosail gus a bhith co-choltach ri corp a ghlòir fhèin, a rèir obrachaidh a' chumhachd a th' aige, eadhon a h-uile sìon a chur fo cheannsal fhèin.

## **Philipianaich 4**

### **Tagradh Dheireannach airson Seasmhachd is Aonachd**

<sup>1</sup>Mar sin, mo bhràithrean, as gràdh leam 's as miann leam, m' aoibhneas is mo chrùn, seasaibh mar seo gu daingeann san Tighearna, a mhuinntir mo ghràidh.

<sup>2</sup>Tha mi a' guidhe air Euodias 's tha mi a' guidhe air Sintiche, a bhith a dh'aon inntinn san Tighearna.

<sup>3</sup>Seadh, tha mi ag iarraidh ortsa cuideachd, a chompanaich dhìleis, na boireannaich seo a rinn saothair còmhla riumsa san t-soisgeul a chuideachadh, cuide ri Clemens 's an còrr dhem cho-luchd-obrach, aig a bheil an ainmean ann an leabhar na beatha.

### **Earalaichean Dheireannach**

<sup>4</sup>Dèanaibh gàirdeachas san Tighearna an-còmhnaidh, a-rithist canaidh mi, dèanaibh gàirdeachas.

<sup>5</sup>Biodh ur ciùineas follaiseach dhan a h-uile neach. Tha an Tighearna faisg;

<sup>6</sup>na biodh cùram oirbh mu nì sam bith, ach sa h-uile sìon, le ùrnaigh is guidhe, cuide ri buidheachas, biodh ur n-iarrtasan air an dèanamh aithnichte do Dhia.

<sup>7</sup>Agus cumaidh sìth Dhè, a tha thar a h-uile tuigse, ur cridheachan 's ur n-inntinnean ann an Ìosa Crìosd.

<sup>8</sup>Mu dheireadh, a bhràithrean, ge b' e rudan a tha fìor, ge b' e rudan a tha urramach, ge b' e rudan a tha fireanta, ge b' e rudan a tha fìorghlan, ge b' e rudan a tha àlainn, ge b' e rudan a tha ionmholta; ma tha sàr-mhathas no nì sam bith ann a tha airidh air moladh, smaoinichibh air na rudan sin.

<sup>9</sup>Na rudan a dh'ionnsaich 's a fhuair sibh, 's a chuala 's a chunnaic sibh annamsa, dèanaibh iad, agus bidh Dia na sìthe còmhla ribh.

#### **Taing airson an Tiodhlacan**

<sup>10</sup>Ach rinn mi gàirdeachas gu mòr san Tighearna, air sgàth 's gu bheil sibh mu dheireadh air ur cùram dhòmhsa ath-ùrachadh; dha-rìribh bha cùram oirbh, ach cha robh cothrom agaibh.

<sup>11</sup>Chan e gu bheil mi a' bruidhinn mu bhith ann an dìth, oir tha mi air ionnsachadh, ge b' e staid sa bheil mi, a bhith riarachaidh.

<sup>12</sup>Is aithne dhomh a bhith air m' irioslachadh, agus is aithne dhomh cuideachd pailteas; ann an suidheachadh sam bith 's anns a h-uile suidheachadh, tha mi air an dìomhaireachd a thaobh a bhith sàsaichte agus acrach ionnsachadh, an dà chuid pailteas a shealbhadh is dìth fhulang.

<sup>13</sup>Is urrainn dhomh a h-uile sìon a dhèanamh troimheasan a tha gam neartachadh.

<sup>14</sup>A dh'aindeoin sin, is math a rinn sibh compàirteachadh leam nam thrioblaid.

<sup>15</sup>Agus tha fios agaibhse cuideachd, Philipianacha, aig toiseach an t-soisgeil, nuair a dh'fhàg mi Macedònia, nach do roinn eaglais sam bith riumsa a thaobh tabhairt is gabhail, ach sibhse a-mhàin;

<sup>16</sup>oir eadhon ann an Tesalonica chuir sibh cuideachadh thugam aon uair 's uair eile airson m' fheumalachdan.

<sup>17</sup>Chan e gu bheil mi ag iarraidh tiodhlaic, ach tha mi ag iarraidh an toraidh a dh'fhàsas pailt nur cunntas-se.

**18** Ach tha mise air a h-uile sìon a shealbhachadh 's tha pailteas agam; chaidh mo lìonadh às dèidh dhomh faighinn – o Epaphroditus – na chuir sibhse thugam: fàileadh cùbhraidh, ìobairt iomchaidh, fìor thlachdmhor do Dhia.

**19** Agus solaraichidh mo Dhia-sa ur feumalachdan gu lèir a rèir a bheairteis ann an glòir ann an Crìosd Ìosa.

**20** A-nis dhar Dia is dhar n-Athair gu robh glòir gu saoghal nan saoghal. Amen.

### **Fàiltean Dheireannach**

**21** Cuiribh fàilte air a h-uile naomh ann an Crìosd Ìosa. Tha na bràithrean a tha còmhla rium a' cur fàilte oirbh.

**22** Tha na naoimh gu lèir a' cur fàilte oirbh, gu h-àraidh iadsan a tha de theaghlach Chèasair.

**23** Gràs ar Tighearna Ìosa Crìosd gu robh còmhla ri ur spiorad-se.

## Colosianaich

### Colosianaich 1

<sup>1</sup>Pòl, abstol Chrìosd Ìosa tro thoil Dhè, agus Timòteus am bràthair,

<sup>2</sup>Gu na naoimh 's na bràithrean dìleas ann an Crìosd, a th' ann an Colose: Gràs dhuibh agus sìth o Dhia ar n-Athair.

#### Taingeachd agus Ùrnaigh

<sup>3</sup>Tha sinn a' toirt taing do Dhia, Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd, an-còmhnaidh ag ùrnaigh air ur son,

<sup>4</sup>o chuala sinn mur creideamh ann an Crìosd Ìosa agus mun ghràdh a th' agaibh dha na naoimh gu lèir,

<sup>5</sup>air sgàth an dòchais a th' air a thasgadh air ur son air nèamh, mun cuala sibh iomradh roimhe ann am facal firinn an t-soisgeil

<sup>6</sup>a th' air tighinn thugaibh, dìreach mar a tha e a' toirt a-mach toraidh 's a' fàs san t-saoghal gu lèir, eadhon mar a tha e cuideachd a' dèanamh nur measg-se, on latha san cuala sibh e 's a thuig sibh gràs Dhè ann am firinn;

<sup>7</sup>dìreach mar a dh'ionnsaich sibh e o Epaphras, ar co-sheirbheiseach gràdhach, a tha air ur son-se gu lèir na mhinistear dìleas do Chrìosd,

<sup>8</sup>agus a rinn aithnichte dhuinn ur gràdh-se san Spiorad.

<sup>9</sup>Air an adhbhar seo cuideachd, on latha a chuala sinn e, chan eil sinne air sgar a dhèanamh ùrnaigh air ur son-se 's a' guidhe gum biodh sibh air ur lìonadh le eòlas a thoil-san sa h-uile gliocas is tuigse spioradail,

<sup>10</sup>airson 's gun coisich sibh ann an dòigh a tha iomchaidh air an Tighearna, gus a thoileachadh sa h-uile dòigh, a' toirt a-mach toraidh sa h-uile deagh obair 's a' fàs ann an eòlas Dhè,

<sup>11</sup>air ur neartachadh leis a h-uile neart, a rèir a chumhachd ghlòrmhor-san, airson a h-uile leanaltas is fad-fhulangas, le gairdeachas

<sup>12</sup>a' toirt taing dhan Athair, a th' air ur dèanamh comasach a bhith nur luchd-compàirt de dh'oighreachd nan naomh san t-solas.

<sup>13</sup>Tha e air ar saoradh o chumhachd an dorchadais agus air ur gluasad gu rìoghachd Mac a ghràidh-san,

<sup>14</sup>anns a bheil saorsa againn: mathanas nam peacaidhean.

#### Prìomhachd Chrìosd

<sup>15</sup>Is esan ìomhaigh an Dè neo-fhaicsinnich, ciad-ghin a' chruthachaidh gu lèir.



**16**Oir leis-san chaidh a h-uile sìon a chruthachadh, air nèamh 's air thalamh, faicsinneach is neo-fhaicsinneach, ge b' e àrd-chathraichean no tighearnasan no uachdaranachdan no ùghdarrasan: is ann troimheasan 's air a shon-san a chaidh a h-uile sìon a chruthachadh.

**17**Agus tha esan ron a h-uile sìon, agus annsan tha a h-uile sìon a' co-sheasamh.

**18**Agus is esan ceann a' chuirp, an eaglais; is esan an toiseach, an ciad-ghin o na mairbh, airson 's gum biodh am prìomh àite aigesan sa h-uile sìon.

**19**Oir bha Dia toilichte gun còmhnaicheadh an lànachd gu lèir annsan,

**20**agus troimhesan gum biodh a h-uile sìon air a dhèanamh rèidh ris fhèin, às dèidh dha sìth a dhèanamh tro fhuil a chroinn-ceusaidh-san; troimhesan, tha mi ag ràdh, ge b' iad rudan a th' air talamh no rudan a th' air nèamh.

**21**Agus sibhse a bha aig aon àm nur coigrich is nàimhdeil nur n-inntinn, a' dèanamh ghnìomhan olca,

**22**a dh'aindeoin sin, tha e a-nis air ur dèanamh rèidh ann an corp na feòla aige tro bhàs, airson sibhse a nochdadh ma choinneamh, naomh is neo-choireach agus gun chionta –

**23**ma dh'fhanas sibh dha-rìribh sa chreideamh, stèidhichte is daingeann, agus gun a bhith air ur gluasad o dhòchas an t-soisgeil a chuala sibh, a chaidh a shearmonachadh dhan chruthachadh gu lèir fo nèamh, air an deach mise, Pòl, mo dhèanamh nam mhinistear.

### Saothair Phòil dhan Eaglais

**24**A-nis tha mi a' dèanamh gàirdeachas nam fhulangasan air ur son-se, agus nam fheòil tha mi a' coileanadh na tha a dhìth ann an àmhgharan Chrìosd air sgàth a chuirp-san, is i an eaglais,

**25**dhen deach mo dhèanamh nam mhinistear, a rèir na stiùbhardachd o Dhia a chaidh a bhuileachadh air ur son-se, airson 's gun dèanainn facal Dhè làn-aithnichte,

**26**an dìomhaireachd a bha falaichte o na linntean agus o ghinealaich, ach a-nis a th' air fhoillseachadh dha naoimh-san,

**27**dhan do rùnaich Dia a dhèanamh aithnichte am measg nan Cinneach dè a th' ann am beairteas glòir na dìomhaireachd seo, is e Crìosd annaibhse, dòchas na glòire.

**28**Esan, tha sinne a' searmonachadh, a' toirt rabhaidh do gach duine agus a' teagasg gach duine leis a h-uile gliocas, airson 's gun nochd sinn a h-uile duine coileanta ann an Crìosd.

<sup>29</sup>Airson an adhbhair seo cuideachd tha mi a' saothrachadh, a' dèanamh spàirn a rèir an obrachaidh aigesan a tha ag obrachadh annam le cumhachd.

## Colosianaich 2

<sup>1</sup>Tha mi ag iarraidh gum biodh fios agaibh air cho mòr 's a tha an spàirn a th' agam air ur son-se, 's air an son-san a th' ann an Laodicèa, agus air an son-san gu lèir nach eil air m' aghaidh fhaicinn san fheòil

<sup>2</sup>airson 's gum biodh an cridheachan air am misneachadh, às dèidh dhaibh a bhith air an dlùth-cheangal ri chèile ann an gràdh, airson ruigsinn air uile-bheairteas làn-dhearbhachd tuigse, 's air eòlas dìomhaireachd Dhè, as e Crìosd,

<sup>3</sup>sa bheil uile ionmhasan a' ghliocais 's an eòlais falaichte.

<sup>4</sup>Tha mi ag ràdh seo airson 's nach meall neach sam bith sibh le cainnt ìmpidheach.

<sup>5</sup>Oir ged a tha mi air falbh uaibh san fheòil, a dh'aindeoin sin tha mi còmhla ri bh san Spiorad, a' dèanamh gàirdeachas ann a bhith a' faicinn ur deagh òrdugh agus seasmhachd ur creideimh ann an Crìosd.

### Lànachd Spioradail ann an Crìosd

<sup>6</sup>Mar sin, mar a fhuair sibh Crìosd Ìosa ar Tighearna, coisichibh ann,

<sup>7</sup>às dèidh dhuibh a bhith air ur freumhachadh 's air ur togail suas annsan, agus air ur dearbhadh sa chreideamh, dìreach mar a chaidh a theagasg dhuibh, a' cur thairis le taingealachd.

<sup>8</sup>Dèanaibh cinnteach nach toir duine sam bith am bruid sibh le feallsanachd is mealltaireachd fhalamh, a rèir dualchais dhaoine, a rèir phrionnsapalan bhunasach an t-saoghail, agus nach ann a rèir Chrìosd.

<sup>9</sup>Oir annsan tha uile-lànachd na Diadhachd a' gabhail còmhnaidh gu corporra,

<sup>10</sup>agus annsan chaidh ur coileanadh, agus is esan an ceann os cionn gach riaghlaidh is ùghdarrais;

<sup>11</sup>agus annsan chaidh ur timcheall-ghearradh le timcheall-ghearradh air a dhèanamh às aonais làmhan, ann an cur dhibh corp na feòla le timcheall-ghearradh Chrìosd;

<sup>12</sup>às dèidh dhuibh a bhith adhlaithe còmhla ris-san ann am baisteadh, anns an deach sibh cuideachd ur togail suas còmhla ris tro chreideamh ann an obrachadh Dhè, a thog suas esan o na mairbh.

**13** Agus sibhse a bha marbh nur n-euceartan agus ann an neo-thimcheall-ghearradh ur feòla, bheothaich e còmhla ris, nuair a bha e air ar n-euceartan gu lèir a mhathadh,

**14** le bhith a' dubhadh às an clàr-fhiachan, dèante de dh'òrduighean nar n-aghaidh, a bha nàimhdeil rinn; agus thug e às an rathad e, nuair bha e tàirngte ris a' chrann-ceusaidh.

**15** Dhì-armaich e na riaghladairean 's na h-ùghdarrasan, agus nàraich e gu follaiseach iad, le bhith a' buadhachadh thairis orra – annsan.

### **Saorsa bho Riaghailtean Dhaonna**

**16** Mar sin na toireadh neach sam bith breith oirbh a thaobh bìdh, no dibhe, no a thaobh fèill, no gealaich ùir no sàbaidean –

**17** a tha nan sgàil air na rudan a tha ri thighinn; ach is ann le Crìosd a tha an t-susbaint.

**18** Na goideadh duine sam bith ur duais uaibh le bhith a' gabhail tlachd ann am fèin-irioslachadh is adhradh dha na h-ainglean, a' seasamh gu dàna a thaobh nan seallaidhean a chunnaic e, air a shèideadh suas gun adhbhar le inntinn fheòlmhoir fhèin,

**19** agus gun a bhith a' cumail grèim daingeann air a' Cheann om bheil an corp gu lèir air a bheathachadh 's air a cheangal ri chèile tro uilt is cheanglaichean, a' fàs le fàs Dhè.

**20** Ma tha sibh air bàsachadh còmhla ri Crìosd do spioradan bunasach an t-saoghail, carson, mar gum biodh sibh fhathast beò san t-saoghal, a tha sibh fo òrduighean,

**21** “Na làimhsich, na blais, na bean”?

**22** Thèid iadsan uile a-mach à bith mar a tha iad air an cleachdadh, a rèir àitheantan is teagasgan dhaoine.

**23** Tha iad seo nan gnothaichean aig a bheil, dha-rìribh, coltas gliocais ann an cràbhachd fèin-dhèanta agus fèin-isleachaidh agus mì-chaomhnadh a' chuirp, ach a tha gun luach an aghaidh sàsachadh na feòla.

## **Colosianaich 3**

### **Riaghailtean airson Beatha Naoimh**

**1** Mar sin ma chaidh ur togail suas còmhla ri Crìosd, siribh na rudan a tha shuas, far a bheil Crìosd na shuidhe aig deas-làimh Dhè.

**2** Biodh ur n-aire air na rudan a tha shuas, chan ann air na rudan a th' air an talamh.

<sup>3</sup>Oir bhàsaich sibh, agus tha ur beatha falaichte còmhla ri Crìosd ann an Dia.

<sup>4</sup>Nuair a bhios Crìosd, ur beatha, air fhoillseachadh, an uair sin bidh sibhse cuideachd air ur foillseachadh còmhla ris ann an glòir.

<sup>5</sup>Mar sin cuiribh gu bàs na tha talmhaidh nur cuirp: feise mhì-mhoralta, neòghlaine, boile, miann uilc, sannt, a tha na iodhal-adhradh.

<sup>6</sup>Is ann air sgàth nan rudan seo a tha fearg Dhè a' tighinn air cloinn na h-eas-ùmhachd,

<sup>7</sup>agus anntasan bha sibhse cuideachd a' coiseachd uaireigin, nuair a bha sibh a' caitheamh ur beatha annta.

<sup>8</sup>Ach a-nis cuiribh cuideachd air falbh na rudan seo: fearg, corraich, mì-rùn, toibheum, cainnt shalach, às ur beul.

<sup>9</sup>Na innsibh breugan dha chèile, on a chuir sibh dhibh an seann duine còmhla ri a ghnìomhan,

<sup>10</sup>agus gun do chuir sibh oirbh am fèin ùr, a th' air ath-nuadhachadh ann an eòlas, a rèir ìomhaigh an fhir a chruthaich e –

<sup>11</sup>far nach eil Greugach no Iùdhach, timcheall-ghearradh no neo-thimcheall-ghearradh, neach borb, Sitianach, tràill, saor; ach 's e Crìosd a h-uile nì, agus tha e sa h-uile nì.

<sup>12</sup>Mar sin, mar dhaoine taghte Dhè, naomh is gràdhaichte, cuiribh oirbh caomh-thròcairean, coibhneas, irioslachd, ciùineas, foighidinn,

<sup>13</sup>a' giùlain le chèile agus a' mathadh dha chèile, ma tha cùis-ghearain aig neach an aghaidh neach; mar a thug Crìosd mathanas dhuibhse, mar sin bu chòir dhuibhse dèanamh cuideachd.

<sup>14</sup>Thar nan rudan seo gu lèir cuiribh gràdh oirbh, nì a tha na cheangal coileantais.

<sup>15</sup>Agus leigibh le sith Dhè riaghladh nur cridheachan, chun an deach ur gairm dha-rìribh ann an aon chorp; agus bithibh taingeil.

<sup>16</sup>Leigibh le facal Dhè còmhnaidh a ghabhail annaibh gu saidhbhir, leis a h-uile gliocas a' teagasg 's a' comhairleachadh a chèile le sailm is le laoidhean is le òrain spioradail, a' seinn le taingealachd nur cridheachan do Dhia.

<sup>17</sup>Agus ge b' e dè a nì sibh, ann am facal no ann an gnìomh, dèanaibh iad uile ann an ainm an Tighearna Ìosa, a' toirt taing do Dhia an t-Athair troimhesan.

### **Riaghailtean airson Teaghlaichean Chrìosdail**

<sup>18</sup>A mhnathan, bithibh umhail dhur fir, mar a tha ìomchaidh san Tighearna.

- <sup>19</sup>Fheara-pòsta, gràdhaichibh ur mnathan, agus na bithibh searbh riutha.
- <sup>20</sup>A chlann, bithibh umhail dhur pàrantan sa h-uile sìon, oir tha seo a' toileachadh an Tighearna.
- <sup>21</sup>Athraichean, na broснаichibh ur clann gu feirg, air eagal 's gun caill iad am misneachd.
- <sup>22</sup>A sheirbheiseacha, sa h-uile sìon, bithibh umhail dhur maighstirean a rèir na feòla, chan ann le seirbheis-sùla, mar fheadhainn a tha a' toileachadh dhaoine, ach ann an sìmplidheachd cridhe, ann an eagal an Tighearna.
- <sup>23</sup>Ge b' e dè a nì sibh, dèanaibh ur n-obair o ur cridhe, mar dhan Tighearna 's chan ann airson dhaoine,
- <sup>24</sup>le fios agaibh gum faigh sibh on Tighearna, duais na h-oighreachd. Is ann dhan Tighearna Crìosd a tha sibh a' dèanamh seirbheis.
- <sup>25</sup>Ach an neach a nì eucoir, gheibh e toillteanas na h-eucoraich a rinn e, agus chan eil leth-bhreith ann.

## Colosianaich 4

<sup>1</sup>A mhaighstirean, thoiribh an rud sin a tha ceart is cothromach dhur seirbheisich, agus fios agaibh gu bheil maighstir cuideachd agaib' fhèin, air nèamh.

### Teagasgan a Bharrachd

- <sup>2</sup>Coisrigibh sib' fhèin do dh'ùrnaigh, a' dèanamh faire innte le taingealachd;
- <sup>3</sup>ag ùrnaigh aig an aon àm air ar son-ne cuideachd gum fosgladh Dia doras dhuinn airson an fhacail, gus an cuir sinn an cèill dìomhaireachd Chrìosd, dham bheil mise air mo phrìosanachadh,
- <sup>4</sup>airson 's gun dèan mi soilleir e, mar a bu chòir dhomh bruidhinn.
- <sup>5</sup>Coisichibh le gliocas a thaobh nam muinntir a th' air an taobh a-muigh, a' cleachdadh an ama san dòigh as fheàrr.
- <sup>6</sup>Biodh ur còmhradh an-còmhnaidh gràsmhor, air a dhèanamh blasta le salann, airson 's gum bi fios agaibh ciamar as còir dhuibh gach neach a fhreagairt.

### Fàiltean Dheireannach

<sup>7</sup>A thaobh mo ghnòthaichean-sa gu lèir, innsidh Tichicus – ar bràthair gràdhach 's ar ministear dileas 's ar co-sheirbheiseach san Tighearna – mun deidhinn.

<sup>8</sup>Chuir mi esan thugaibh airson an adhbhair seo fhèin, gum biodh fios aige mur staid, is gun toireadh e cofhurtachd dhur cridheachan,

<sup>9</sup>agus còmhla ris, Onesimus, bràthair dìleas is gràdhach, a tha dhib' fhèin. Nì iadsan aithnichte dhuibh mun t-suidheachadh air fad a tha an seo.

<sup>10</sup>Tha Aristarchus, mo cho-phrìosanach, a' cur fàilte oirbh, agus Marcas co-ogha do Bharnabas (mun d' fhuair sibh àitheantan – ma thig e thugaibh, cuiribh fàilte air);

<sup>11</sup>agus Ìosa, ris an canar Iustus. Is iadsan an aon fheadhainn dhen timcheall-ghearradh a tha nan co-luchd-obrach dhòmhsa airson rìoghachd Dhè, agus tha iad air a bhith nan cofhurtachd dhomh.

<sup>12</sup>Tha Epaphras – a tha dhib' fhèin – seirbheiseach Chrìosd, a' cur fàilte oirbh, an-còmhnaidh a' strì gu dùrachdach na ùrnaighean air ur son, airson 's gun seas sibh coileanta is làn-chinnteach ann an uile thoil Dhè.

<sup>13</sup>Oir tha mi a' dèanamh fianais dha, gu bheil cùram mòr aige dhuibhse, agus dhaibhsan a th' ann an Laodicèa, agus dhan fheadhainn a th' ann an Hierapolis.

<sup>14</sup>Tha Lùcas, an lighiche gràdhach, agus Dèmas a' cur fàilte oirbh.

<sup>15</sup>Cuiribh fàilte air na bràithrean a th' ann an Laodicèa, agus air Nimpha agus an eaglais a tha na taigh.

<sup>16</sup>Agus nuair a thèid an litir seo a leughadh nur measg, dèanaibh cinnteach gun tèid a leughadh ann an eaglais nan Laodicèanach; agus leughadh sibhse cuideachd mo litir a tha a' tighinn o Laodicèa.

<sup>17</sup>Agus canaibh ri Archipas, “Thoir an aire dhan mhinistrealachd a fhuair thu san Tighearna – gun coilean thu i.”

<sup>18</sup>Tha mise, Pòl, a' sgrìobhadh na fàilte seo lem làimh fhèin. Cuimhnichibh air mo phrìosanachadh. Gràs gun robh còmhla ribh.

## 1 Tesalònianaich

### 1 Tesalònianaich 1

<sup>1</sup>Pòl agus Siluanus agus Timòteus, Chun na h-eaglaise ann an Tesalonìca, ann an Dia an t-Athair agus an Tighearna Ìosa Crìosd. Gràs dhuibh agus sìth.

#### Taingeachd airson Creideimh nan Tesalònianach

<sup>2</sup>Tha sinn a' toirt buidheachais do Dhia an-còmhnaidh dhar taobh-se gu lèir, a' dèanamh iomradh oirbh nar n-ùrnaighean gun sgrur,

<sup>3</sup>a' cuimhneachadh air obair ur creideimh, agus saothair ur gràidh, agus leanaltas ur dòchais nar Tighearna Ìosa Crìosd, fa chomhair ar Dia 's ar n-Athair.

<sup>4</sup>Le fios, a bhràithrean a tha gràdhaichte le Dia, air ur taghadh-se,

<sup>5</sup>oir cha tàinig ar soisgeul-ne thugaibhse ann am facal a-mhàin, ach cuideachd ann an cumhachd, agus san Spiorad Naomh, agus le mòran dearbhaidh, eadhon mar a tha fios agaibh air dè an seòrsa dhaoine a bh' annainne nur measg agus air ur son.

<sup>6</sup>Agus thàinig sibh gu bhith nur luchd-leanmhainn dhuinne, agus dhen Tighearna, nuair a ghabh sibh ris an fhacal ann an trioblaid mhòir, le aoibhneas an Spioraid Naoimh;

<sup>7</sup>air leithid de dhòigh 's gun tàinig sibh gu bhith nur n-eisimpleirean dhaibhsan a tha a' creidsinn ann am Macedònia 's ann an Achaia.

<sup>8</sup>Oir uaibhse tha facal an Tighearna air aithris, chan ann a-mhàin ann am Macedònia agus Achaia, ach sa h-uile àite dhan deach ur creideamh ann an Dia a-mach, air chor 's nach eil feum againne air rud sam bith a ràdh.

<sup>9</sup>Oir tha iad fhèin a' dèanamh aithris air an t-seòrsa fàilte a fhuair sinne uaibhse, agus mar a thionndaidh sibh gu Dia o iodhalan, gus seirbheis a dhèanamh dhan Dia a tha beò agus fìor,

<sup>10</sup>agus gus feitheamh ri a mhac-san o nèimh, a thog esan o na mairbh – Ìosa, an neach a shaor sinn on fheirg a tha ri thighinn.

### 1 Tesalònianaich 2

#### Ministrealachd Phòil ann an Tesalonìca

<sup>1</sup>Oir tha fios agaib' fhèin, a bhràithrean, nach robh ar tighinn thugaibh dìomhain.

<sup>2</sup>Ach às dèidh fulang mar-thà agus a bhith air ar làimhseachadh gu tàireil, mar as aithne dhuibh, ann am Filipì, gu robh sinn dàna nar Dia gus soisgeul Dhè innse dhuibh le mòran strì.

- <sup>3</sup>Oir cha robh ar tagradh o mhealltaireachd no o neòghlaine no o cheilg,
- <sup>4</sup>ach eadhon mar a bha sinn taitneach le Dia, 's an soisgeul air earbsadh rinn. Mar sin, tha sinn a' bruidhinn, chan ann a' toileachadh dhaoine, ach Dia, a tha a' dearbhadh ar cridheachan.
- <sup>5</sup>Oir cha do chleachd sinn briathran miodalach, mar as aithne dhuibh, no rùn sanntach; 's e Dia ar fianais.
- <sup>6</sup>Cha mhotha a bha sinn a' lorg glòir o dhaoine, no uaibhse, no o mhuinntir eile. Dh'fhaodadh sinn cuideam a leigeil oirbh mar abstoil Chrìosd,
- <sup>7</sup>ach 's ann a bha sinn mar leanabanan nur measg, mar a dh'altramas màthair a' chlann aice fhèin.
- <sup>8</sup>Mar sin, a rèir ar n-iarrtas dhuibh, bha sinn toilichte compàirteachadh ribhse, chan e a-mhàin soisgeul Dhè, ach eadhon ar n-anman fhèin, oir bha sibh gràdhaichte leinn.
- <sup>9</sup>Oir tha cuimhne agaibh, a bhràithrean, air ar saothair 's ar n-obair chruaidh, ag obair a dh'oidhche 's a latha gus nach biodh sinn nar n-uallach do dhuine agaibh, agus shearmonaich sinn dhuibh soisgeul Dhè.
- <sup>10</sup>Tha sibhse nur fianaisean, agus Dia, air cho naomh is fireanta is neochoireach 's a bha sinn leibhse a bha a' creidsinn;
- <sup>11</sup>eadhon mar a tha fios agaibh, mar a bha sinn do gach aon agaibh, mar athair le a' chloinn fhèin,
- <sup>12</sup>gur n-earalachadh agus gur cofhurtachadh agus a' cur ìmpidh oirbh gus am biodh sibh beò gu h-ìomchaidh do Dhia, a ghairm sibh a-steach dha rìoghachd fhèin 's dha ghlòir.
- <sup>13</sup>Agus air sgàth seo tha sinne cuideachd a' toirt taing do Dhia gun sgr, nuair a fhuair sibh facal Dhè uainne, gun do ghabh sibh ris, cha b' ann mar facal dhaoine, ach mar a tha e dha-rìribh, facal Dhè, a tha ag obair annaibhse cuideachd a tha a' creidsinn.
- <sup>14</sup>Oir thàinig sibhse gu bhith nur luchd-leantainn, a bhràithrean, de dh'eaglaisean Dhè a th' ann an Iudèa, ann an Crìosd Ìosa: oir na dearbh rudan a dh'fhuiling sibhse cuideachd o mhuinntir ur dùthaich fhèin, mar sin cuideachd dh'fhuiling iadsan o na h-lùdhaich.
- <sup>15</sup>An fheadhainn a mharbh an dà chuid an Tighearna Ìosa agus na fàidhean, agus a rinn geur-leanmhainn oirnne agus nach eil a' toileachadh Dhè, agus a tha an aghaidh a h-uile duine:
- <sup>16</sup>a tha gar bacadh o bhith a' bruidhinn ris na Cinnich airson 's gum biodh iad air an sàbhaladh, ach gum biodh an cuid pheacaidhean nas lìonmhoire; oir thàinig fearg orra chun na crìch.



## Miann Phòil a Bhith còmhla ris na Tesalònianaich

<sup>17</sup>Ach tha sinne, a bhràithrean, às dèidh a bhith air ar dealachadh uaibh airson ùine ghoirid, ann am pearsa 's chan ann an cridhe, 's ann a bu mhotha a rinn sinn ar dìcheall air ur n-aghaidh fhaicinn, le mòr-iarrrtas.

<sup>18</sup>Mar sin b' e ar toil tighinn thugaibh, gu dearbh bha mise, Pòl, ag iarraidh sin uair is uair eile, agus bhac Sàtan sinn.

<sup>19</sup>Oir dè ar dòchas, no ar toileachas, no ar crùn bòstaidh? Nach e sibhse fhèin, an làthair ar Tighearna Ìosa, aig a thighinn?

<sup>20</sup>Oir is sibhse ar glòir agus ar n-aoibhneas.

### 1 Tesalònianaich 3

<sup>1</sup>Mar sin nuair nach b' urrainn dhuinn cumail oirnn na b' fhaide, bha sinn toilichte a bhith air ar fàgail ann am baile na h-Àithne nar n-aonar.

<sup>2</sup>Agus chuir sinn Timòteus thugaibh, ar bràthair agus co-obraiche Dhè ann an soisgeul Chrìosd, gus an stèidhicheadh e sibh agus gum misnicheadh e sibh a thaobh ur creideimh.

<sup>3</sup>Na biodh neach sam bith air a chrathadh leis na trioblaidean seo, oir tha fios agaib' fhèin, gun robh sinn air ar n-òrdachadh airson seo.

<sup>4</sup>Oir eadhon nuair a bha sinn còmhla ribh, dh'innis sinn dhuibh ro-làimh gu robh sinn a' dol a dh'fhulang trioblaid, eadhon mar a thachair e 's mar as aithne dhuibh.

<sup>5</sup>Air an adhbhar sin, nuair nach b' urrainn dhomh cumail orm, chuir mi a dh'fhaighinn fios mur creideamh, mus buaireadh fear a' bhuairidh sibh air dhòigh sam bith, agus gun tigeadh ar saothair gu bhith dìomhain.

#### Aithris Mhisneachail Thimòteuis

<sup>6</sup>Ach a-nis on a thill Timòteus thugainn uaibhse, agus gun do dh'aithris e deagh-sgeul ur creideimh 's ur gràidh, agus gu bheil deagh chuimhne agaibh oirne an-còmhnaidh, ag iarraidh ar faicinn eadhon mar a tha sinne ag iarraidh ur faicinn-se.

<sup>7</sup>Air an adhbhar sin bha sinn air ar misneachadh, a bhràithrean, dhar taobh-se, nar n-àmhghar 's nar trioblaid uile, tro ur creideimh-se.

<sup>8</sup>Oir a-nis tha sinne beò, ma sheasas sibhse gu daingeann san Tighearna.

<sup>9</sup>Oir dè an taing as urrainn dhuinn a thoirt do Dhia a phàigheas air ar son-ne, airson a' ghàirdeachais leis an do rinn sinne gàirdeachas dhar taobh-se, fa chomhair ar Dè.

<sup>10</sup>A dh'oidhche is a latha, leis a h-uile dùrachd, dh'iarr sinn ur n-aghaidh fhaicinn, agus gun dèanamaid suas na tha a dhìth air ur creideimh.

<sup>11</sup>A-nis, gun stiùireadh ar Dia 's ar n-Athair agus ar Tighearna Ìosa ar slighe thugaibh.

<sup>12</sup>Ach gun toireadh an Tighearna oirbh meudachadh is cur thairis ann an gràdh dha chèile agus dhan a h-uile neach, eadhon mar a tha sinne cuideachd dhuibhse;

<sup>13</sup>gus an stèidhich e ur cridheachan gun choire ann an naomhachd mu choinneamh Dhè agus ar n-Athar, aig tighinn ar Tighearna Ìosa, leis na naoimh aige gu lèir. Amen.

## **1 Tesalònianaich 4**

### **Beò airson Dia a Thoileachadh**

<sup>1</sup>Mu dheireadh, mar sin, a bhràithrean, tha sinn ag iarraidh oirbh agus gur misneachadh san Tighearna Ìosa – dìreach mar a fhuair sibh uainne – a thaobh mar is èiginn dhuibhse a bhith beò agus a bhith taitneach do Dhia; dìreach mar a tha sibh beò, biodh sibh a' meudachadh gu mòr.

<sup>2</sup>Oir tha fios agaibh air na h-òrduighean a thug sinn dhuibh, tron Tighearna Ìosa.

<sup>3</sup>Oir is e seo toil Dhè, ur naomhachadh: gun seachnadh sibh strìopachas;

<sup>4</sup>gum biodh fios aig gach neach agaibh ciamar a ghleidheas e a shoitheach fhèin ann an naomhachd is urram;

<sup>5</sup>chan ann ann an droch mhiann an t-sainnt, eadhon mar a tha na Cinnich cuideachd aig nach eil eòlas air Dia;

<sup>6</sup>gun neach a bhith a' peacachadh 's a' gabhail brath air a bhràthair san nì seo, oir is e Aon a pheanasaicheas a th' anns an Tighearna, a thaobh nan rudan seo gu lèir, eadhon mar a thuit sinn ribh roimhe 's air an tug sinn làn-fhianais.

<sup>7</sup>Oir cha do ghairm Dia sinn gu neòghlaine, ach ann an naomhachd.

<sup>8</sup>Mar sin an neach a dhiùltas seo chan e duine a tha e a' diùltadh ach Dia, Esan a tha cuideachd air a Spiorad Naomh fhèin a thoirt dhuibh.

<sup>9</sup>A-nis a thaobh gràidh bràthaireil chan eil feum agaibhse gun sgrìobh mi thugaibh, oir tha sib' fhèin air ur teagasg le Dia gus càch-a-chèile a ghràdhachadh.

<sup>10</sup>Oir gu dearbh tha sibh ga dhèanamh ris na bràithrean gu lèir a th' ann am Macedònia air fad. Ach tha sinn gur misneachadh a bhràithrean, gus meudachadh gu mòr ann.

<sup>11</sup>Agus gum bi e na àrd-amas agaibh a bhith beò gu sìtheil agus a bhith a' dèanamh na rudan a bhuineas dhuib' fhèin, agus a bhith ag obair le làmhnan fhèin, eadhon mar a dh'òrdaich sinn dhuibh.

<sup>12</sup>Airson 's gum bi sibh beò gu cothromach riuthasan a th' air an taobh a-muigh agus nach bidh feum agaibh air sìon.

### **Creidmheich a Chaochail**

<sup>13</sup>Cha bu toigh leinn a-nis gum biodh sibh aineolach a bhràithrean, mun fheadhainn a tha nan cadal, airson 's nach bi sibh tùrsach eadhon mar a tha an còrr aig nach eil dòchas.

<sup>14</sup>Oir ma tha sinn a' creidsinn gun do bhàsaich Ìosa agus gun do dh'èirich e, mar sin cuideachd bheir Dia iadsan a tha nan cadal, thuige fhèin, tro Ìosa.

<sup>15</sup>Oir 's e seo a tha sinn ag ràdh ribh, le facal Dhè, nach bi sinne a bhios beò agus a' mhaireas gu tighinn an Tighearna, idir air thoiseach orrasan a tha nan cadal.

<sup>16</sup>Oir thig an Tighearna fhèin, le èigh òrduigh, le guth an àrd-aingil agus le trompaid Dhè, a-nuas o nèimh, agus èiridh na mairbh ann an Crìosd an toiseach.

<sup>17</sup>An uair sin bidh sinne a tha beò agus a' mhaireas, air ar glacadh suas còmhla riuthasan sna sgòthan, gus coinneachadh ris an Tighearna san adhar; agus mar sin bidh sinn còmhla ris an-còmhnaidh.

<sup>18</sup>Mar sin, misnichibh càch-a-chèile leis na faclan seo.

## **1 Tesalònianaich 5**

### **Latha an Tighearna**

<sup>1</sup>A-nis a thaobh nan amannan 's nan aimsirean, a bhràithrean, chan eil feum agaibh air sìon a sgrìobhadh thugaibh,

<sup>2</sup>oir tha ceart fhios agaib' fhèin gu bheil latha an Tighearna a' tighinn mar mhèirleach san oidhche.

<sup>3</sup>Ge b' e uair san tèid a ràdh, "Sìth is tèarainteachd", 's ann an uair sin a thig sgrios aithgheàrr mar asaid-breith oirrese a tha a' giùlain, agus cha bhi dol às aca idir.

<sup>4</sup>Ach chan eil sibhse, a bhràithrean, ann an dorchadas, air chor 's gun glac an latha sin sibh mar mhèirleach.

<sup>5</sup>Oir is sibhse uile clann an t-solais, agus clann an latha, chan eil sinn idir dhen oidhche no dhen dorchadas.

<sup>6</sup>Mar sin, ma-thà, na bitheamaid nar cadal, mar an còrr, ach bitheamaid nar dùisg agus sòbarra.

<sup>7</sup>Oir iadsan a tha nan cadal, tha iad a' cadal san oidhche, agus iadsan a th' air smùid a ghabhail, tha smùid orra san oidhche.

<sup>8</sup>Ach seach gu bheil sinne dhen latha, bu chòir dhuinn a bhith sòbarra, a' cur oirnn èideadh-broillich a' chreideimh 's a' ghràidh, agus clogaid dòchas an t-sàbhalaidh.

<sup>9</sup>Oir cha do shuidhich Dia sinn airson feirg, ach airson ar sàbhaladh fhaighinn, tro ar Tighearna Ìosa Crìosd,

<sup>10</sup>a bhàsaich air ar son, airson 's ge b' e a bhitheamaid nar dùisg, no nar cadal, gum biodh sinn beò còmhla ris-san.

<sup>11</sup>Air an adhbhar sin, misnichibh a chèile agus togaibh càch-a-chèile suas, eadhon mar a tha sibh a' dèanamh.

#### **Earalaichean Deireannach**

<sup>12</sup>A-nis tha sinn ag iarraidh oirbh, a bhràithrean, gum biodh aithne agaibh orrasan a tha ri saothair nur measg, agus a tha gur stiùireadh san Tighearna agus gur n-earalachadh,

<sup>13</sup>agus gun toir sibh spèis dhaibh gu mòr ann an gràdh, air sgàth na h-obrach aca. Bithibh sìtheil nur measg fhèin.

<sup>14</sup>Agus tha sinn gur misneachadh, a bhràithrean: comhairlichibh iadsan a tha dìomhain, thoiribh cofhurtachd dhaibhsan aig nach eil misneachd, cumaibh suas iadsan a tha lag, bithibh foighidneach le gach neach.

<sup>15</sup>Bithibh faiceallach nach pàigh sibh air ais peacadh airson peacaidh do neach sam bith, ach iarraibh an-còmhnaidh am math, an dà chuid do chàch-a-chèile 's dha na h-uile.

<sup>16</sup>Dèanaibh gàirdeachas an-còmhnaidh.

<sup>17</sup>Dèanaibh ùrnaigh gun sgar.

<sup>18</sup>Anns a h-uile sìon bithibh taingeil, oir is e seo toil Dhè dhuibhse ann an Crìosd Ìosa.

<sup>19</sup>Na mùchaibh an Spiorad.

<sup>20</sup>Na cuiribh fàidheadaireachd ann an suarachas.

<sup>21</sup>Ach dearbhaibh a h-uile sìon, cumaibh na tha math.

<sup>22</sup>Seachnaibh a h-uile seòrsa uilc.

**23**A-nis gun dèanadh Dia na sìthe fhèin naomh sibh gu h-iomlan agus gun gleidheadh e ur spiorad agus ur n-anam slàn, agus ur cuirp gun choire, aig tighinn ar Tighearna Ìosa Crìosd.

**24**Is dìleas esan a tha gur gairm, agus a nì e.

**25**A bhràithrean, dèanaibh ùrnaigh cuideachd air ar son-ne.

**26**Cuiribh fàilte air na bràithrean uile le pòig naoimh.

**27**Tha mi ga chur oirbh, o Dhia, gun leugh sibh an litir seo dha na bràithrean gu lèir.

**28**Gràs ar Tighearna Ìosa Crìosd gu robh leibh.

## 2 Tesalònianaich

### 2 Tesalònianaich 1

<sup>1</sup>Pòl agus Siluanus agus Timòteus, Gu eaglais nan Tesalònianach, ann an Dia ar n-Athair agus an Tighearna Ìosa Crìosd:

<sup>2</sup>Gràs dhuibh agus sìth o Dhia ar n-Athair agus an Tighearna Ìosa Crìosd.

#### Taingeachd agus Ùrnaigh

<sup>3</sup>Is còir dhuinn taing a thoirt do Dhia an-còmhnaidh dhar taobh-se, a bhràithrean, eadhon mar a tha freagarrach, oir tha ur creideamh a' fàs gu mòr agus an gràdh a th'agaibh uile dha chèile a' meudachadh.

<sup>4</sup>Airson 's gu bheil sinne sinn fhèin a' bòstadh annaibh, ann an eaglaisean Dhè, air sgàth ur leanaltais is ur creideimh, nur geur-leanmhainnean gu lèir, agus anns na trioblaidean a tha sibh a' giùlain.

<sup>5</sup>Tha seo na dhearbhadh air breitheanas fhìreanta Dhè, gus am bi sibh air ur cunntadh airidh air rìoghachd Dhè, dham bheil sibh cuideachd a' fulang.

<sup>6</sup>Oir is e nì ceart a th' ann le Dia, a bhith a' pàigheadh air ais le trioblaid an fheadhainn a tha gur claidh.

<sup>7</sup>Agus dhuibhse, an fheadhainn a th' air ur claidh, faochadh còmhla rinne aig foillseachadh an Tighearna Ìosa o nèimh le ainglean a chumhachd

<sup>8</sup>ann an teine lasrach, a' toirt peanas dhaibhsan aig nach eil eòlas air Dia agus dhaibhsan nach eil umhail do shoisgeul ar Tighearna Ìosa.

<sup>9</sup>Pàighidh iad seo peanas, sgrios shìorraidh o làthair an Tighearna agus o ghlòir a chumhachd,

<sup>10</sup>nuair a thig e airson a bhith air a ghlòrachadh sna naoimh aige fhèin agus airson 's gun gabh iadsan uile a chreid ann iongnadh annsan san latha sin, air sgàth 's gun deach ar teisteanas dhuibhse a chreidsinn.

<sup>11</sup>Air an adhbhar sin tha sinne cuideachd ag ùrnaigh an-còmhnaidh air ur son-se, gum biodh sibh air ur cunntadh airidh air gairm ar Dia agus gum biodh gach iarrtas math air a choileanadh, agus obair a' chreideimh le cumhachd.

<sup>12</sup>Gus am biodh ainm ar Tighearna Ìosa air a ghlòrachadh annaibhse agus sibhse annsan, a rèir gràis ar Dè agus an Tighearna Ìosa Crìosd.

### 2 Tesalònianaich 2

#### Fear an Lagh-Dhiùltaidh

<sup>1</sup>A-nis tha sinn ag iarraidh oirbh a bhràithrean, a thaobh tighinn ar Tighearna Ìosa Crìosd, agus ar cruinneachadh thuige,

<sup>2</sup>nach bi sibh ro luath air ur crathadh o ur n-intinn, no air ur clisgeadh, biodh e le spiorad no le facal no le litir, mar gum biodh i uainne, mar gun robh latha an Tighearna air tighinn.

<sup>3</sup>Na biodh neach agaibh air a mhealladh ann an dòigh sam bith, oir cha tig e mura tig an t-àicheadh-creideamh an toiseach, agus mura tèid an duine lagh-dhiùltach – mac an sgrios – a nochdadh;

<sup>4</sup>esan a shuidhicheas e fhèin an aghaidh agus a dh'àrdaicheas e fhèin os cionn a h-uile nì a thèid ainmeachadh mar dhia no mar chuspair adhradh, air chor 's gun suidh e e fhèin ann an teampall Dhè, a' cumail a-mach gur esan Dia.

<sup>5</sup>Nach eil cuimhne agaibh, fhad 's a bha mi còmhla ribh, gun robh mi ag innse na rudan seo dhuibh?

<sup>6</sup>Agus a-nis 's aithne dhuibh dè a tha ga chumail air ais, gus am bi e air a nochdadh na àm fhèin.

<sup>7</sup>Oir tha dìomhaireachd an lagh-dhiùltaidh mu thràth ag obair, ach am fear a tha ga chumail a-nis, nì e sin gus an tèid a thoirt às an rathad.

<sup>8</sup>Agus an uair sin thèid fear an lagh-dhiùltaidh fhoillseachadh, agus marbhaidh an Tighearna Ìosa e le anail a bheòil, agus sgriosaidh e le sealladh a thighinn fhèin e,

<sup>9</sup>esan a tha a' tighinn a rèir obrachadh Shàtain, leis a h-uile seòrsa cumhachd is comharra is mìorbhail bhreugach,

<sup>10</sup>agus leis a h-uile mealladh mì-fhìreanta dhan fheadhainn a tha gan sgrios, a chionn 's nach do ghabh iad ri gràdh na fìrinne, airson an sàbhaladh.

<sup>11</sup>Agus air sgàth sin cuiridh Dia thuca mealladh èifeachdach gus an creid iad a' bhreug.

<sup>12</sup>Airson 's gun deigheadh breith a thoirt orrasan uile nach do chreid an fhìrinn, ach a ghabh tlachd ann an eucoir.

### **Seasaibh gu Daingeann**

<sup>13</sup>Ach bu chòir dhuinne taing a thoirt do Dhia an-còmhnaidh dhar taobh-se, a bhràithrean ghràdhaichte leis an Tighearna, oir thagh Dia sibh mar chiad-thoradh, airson sàbhalaidh ann an naomhachadh an Spioraid agus creideimh san fhìrinn,

<sup>14</sup>dhan do ghairm e sibh cuideachd, tron t-soisgeul againne, airson glòir ar Tighearna Ìosa Crìosd a shealbhadh.

<sup>15</sup>Mar sin a-nis a bhràithrean, seasaibh daingeann agus gleidhibh na rudan sin a chaidh a theagasg dhuibh, ged a bhiodh sin le aithris no le litir uainne.

**16**A-nis, ar Tighearna fhèin, Ìosa Crìosd, agus Dia ar n-Athair, a ghràdhaich sinn agus a thug cofhurtachd shìorraidh is dòchas math dhuinn tro ghràs,

**17**misnicheadh e ur cridheachan agus stèidhicheadh e sinn sa h-uile h-obair is facal math.

## **2 Tesalònianaich 3**

### **Iartas airson Ùrnaigh**

**1**Mu dheireadh, bithibh ag ùrnaigh a bhràithrean air ar son-ne, gun dèanadh facal an Tighearna adhartas luath agus gum biodh e air a ghlòrachadh, eadhon mar a bha e agaibhse.

**2**Agus gum biodh sinn air ar saoradh on olc agus o dhroch dhaoine, oir chan eil creideamh aig na h-uile.

**3**Ach tha an Tighearna dìleas, a stèidhicheas sibh agus a ghleidheas sibh o fhear-an-uilc.

**4**Ach tha earbsa againn san Tighearna mur deidhinn-se, gu bheil sibh a' dèanamh, agus gum bi sibh a' dèanamh, na rudan sin a tha sinn cuideachd ag òrdachadh dhuibh.

**5**A-nis, gun treòraicheadh an Tighearna ur cridheachan a-steach do ghràdh Dhè 's a-steach do leanaltas Chrìosd.

### **Rabhadh an Aghaidh Leisge**

**6**Tha sinn ag òrdachadh dhuibh a bhràithrean, ann an ainm ar Tighearna Ìosa Crìosd, gun seachainn sibh a h-uile bràthair a tha beò gu leisg agus nach ann a rèir an teagaisg a fhuair iad uainne.

**7**Oir tha fios agaib' fhèin cho cudromach 's a tha e gun lean sibh ar n-eisimpleir, oir cha robh sinne leisg nar measg-se.

**8**Cha mhotha a ghabh sinn mar thiodhlac o dhuine sam bith an t-aran a dh'ith sinn, ach ann an saothair agus cruadal, a dh'oidhche 's a latha, bha sinn ag obair gus nach biodh sinn nar n-uallach do dhuine agaibh.

**9**Chan e nach eil ùghdarras againn, ach gus an toireadh sinn sinn fhèin mar phàtran dhuibhse, airson 's gun leanadh sibh ar n-eisimpleir.

**10**Oir eadhon nuair a bha sinn còmhla ribh, mar seo dh'òrdaich sinn dhuibh, nam biodh duine sam bith ann nach robh deònach obrachadh, nach motha a bu chòir dha ithe.

**11**Oir tha sinn a' cluinntinn gu bheil cuid beò nur measg gu leisg, gun a bhith ag obair idir, ach nan gobairean.



**12**A-nis tha sinn ag òrdachadh agus ag earalachadh dhan leithid sin san Tighearna Ìosa Crìosd, gun obraich iad ann an ciùineas, gus an ith iad an aran fhèin.

**13**Ach sibhse a bhràithrean, na caillibh ur misneachd ann a bhith a' dèanamh math.

**14**Agus ma tha duine sam bith ann nach eil umhail dhar facal tron litir seo, thoiribh an aire dhan duine sin, gun gnothach a' gabhail ris, gus am biodh e air a nàrachadh,

**15**ach na measaibh mar nàmhaid e, ach thoiribh rabhadh dha mar bhràthair.

### **Fàiltean Dheireannach**

**16**A-nis, gun toireadh Tighearna na sìthe fhèin sìth dhuibhse aig a h-uile àm is anns a h-uile dòigh. Gu robh an Tighearna còmhla ribh uile.

**17**Tha an fhàilte seo, a tha na comharra anns gach litir, sgrìobhte lem làimh-sa, Pòl; seo mar a tha mi a' sgrìobhadh.

**18**Gràs ar Tighearna Ìosa Crìosd gun robh còmhla ribh uile.

## 1 Timòteus

### 1 Timòteus 1

<sup>1</sup>Pòl, abstol Chrìosd Ìosa, a rèir òrdugh Dhè ar Slànaigheir agus Crìosd Ìosa ar dòchas,

<sup>2</sup>Gu Timòteus, fìor leanabh tro chreideamh: Gràs, tròcair is sìth o Dhia an t-Athair agus o Chrìosd Ìosa ar Tighearna.

#### Rabhadh an aghaidh Luchd-Teagaisg Bhreugach an Lagha

<sup>3</sup>Dìreach mar a ghuidh mi ort fuireach ann an Ephesus, fhad 's a bha mi dol a-steach do Mhacedònia, gum biodh tu ag àithne do chuid gun a bhith a' toirt seachad teagasg eadar-dhealaichte.

<sup>4</sup>No a bhith a' toirt aire do dh'fhaoin-sgeòil is sinnsearachd gun chrìoch, a tha ag adhbhrachadh connspaid gun fheum, an àite obair stiùbhardachd teaghlach Dhè tro chreideamh.

<sup>5</sup>Ach 's e amas na h-àithne: gràdh à cridhe glan agus deagh chogais agus creideamh gun chealg,

<sup>6</sup>on a tha cuid air a dhol air seachran 's air tionndadh a thaobh gu briathran falamh,

<sup>7</sup>ag iarraidh a bhith nan luchd-teagaisg an lagha, aig nach eil tuigse, chan ann a-mhàin air na rudan air a bheil iad a' bruidhinn, ach cuideachd air na rudan a tha iad ag aithris le uiread de chinnt.

<sup>8</sup>Ach tha fios againne gu bheil an lagh math, ma chleachdas neach sam bith e gu laghail.

<sup>9</sup>Le fios air a seo, tha an lagh ann am bith, chan ann airson an neach fhìreanta, ach eadhon air an son-san a tha mì-riaghailteach, mì-dhiadhaidh agus peacach, mì-naomh agus eas-creidmheach, luchd marbhaidh athraichean is mhàthraichean, murtairean,

<sup>10</sup>luchd-striopachais, fir a tha ri feise, luchd-malairt-thràillea, breugairean, luchd-mionnan-bhreugach, agus ma tha rud sam bith eile ann a tha a' cur an aghaidh teagaisg a tha fallain,

<sup>11</sup>a rèir soisgeul glòire an Dè bheannaichte, a chaidh earbsadh riumsa.

#### Gràs an Tighearna do Phòl

<sup>12</sup>Tha taingealachd agam dhàsan a neartaich mi, Crìosd Ìosa ar Tighearna, air sgàth gun do mheas e mi dìleas, gam chur na sheirbheis.

<sup>13</sup>Bha mise roimhe toibheumach agus nam gheur-leanmhainniche agus nam dhuine stràiceil, ach fhuair mi tròcair, oir nam aineolas rinn mi e ann an eas-creideamh.

<sup>14</sup>Agus bha gràs ar Tighearna tuilleadh 's a' cur thairis, còmhla ri creideamh agus gràdh, ann an Crìosd Ìosa.

<sup>15</sup>Tha am facal seo dìleas agus airidh air gabhail ris anns a h-uile dòigh, gun tàinig Crìosd Ìosa dhan t-saoghal gus peacaich a shàbhaladh, 's mise am prìomh fhear dhiubh.

<sup>16</sup>Air an adhbhar seo fhuair mise tròcair, gus am foillsicheadh Crìosd Ìosa fhad-fhoighidinn uile – annamsa, am prìomh fhear – mar eisimpleir dhan fheadhainn a bha gus creidsinn annsan, airson na beatha sìorraidh.

<sup>17</sup>A-nis, do Rìgh nan linntean, neo-bhàsmhor, neo-fhaicsinneach, an t-aon Dia, gu robh urram agus glòir gu saoghal nan saoghal. Amen.

### **Ath-Nuadhachadh Òrduigh Thimòteuis**

<sup>18</sup>An t-òrdugh seo tha mi ag earbsadh riutsa, a Thimòteuis, a mhic, a rèir nam fàidheadaireachdan a chaidh an dèanamh mud dheidhinn-sa roimhe, gus an cath thu tromhpa an deagh chath.

<sup>19</sup>A' gleidheadh creideimh is deagh chogais; a tha cuid, às dèidh dhaibh an cur uapa, air long-bhriseadh a dhèanamh a thaobh an creideimh,

<sup>20</sup>dhem bheil Himenèaus agus Alecsander – a thug mi thairis do Shàtan, gus am biodh iad air an teagasg gun a bhith ri toibheum.

## **1 Timòteus 2**

### **Teagasgan a Bharrachd airson Adhraidh**

<sup>1</sup>Tha mi a' guidhe oirbh mar sin, sa chiad àite, gun dèan sibh tagraidhean, ùrnaighean, iarrtasan, taingealachdan, às leth nan uile dhaoine.

<sup>2</sup>Às leth rìghrean 's iadsan uile a th' ann an ùghdarras, gus an caith sinn ar beatha gu sìtheil is gu sàmhach, sa h-uile diadhaidheachd agus iomchaidheachd.

<sup>3</sup>Tha seo math agus taitneach mu choinneamh ar Slànaigheir, Dia,

<sup>4</sup>a tha ag iarraidh gum biodh a h-uile duine air a shàbhaladh 's a' tighinn gu eòlas na fìrinne.

<sup>5</sup>Oir 's e aon Dia a th' ann, aon eadar-mheadhanair cuideachd eadar Dia is daoine, an duine Crìosd Ìosa.

<sup>6</sup>Esan a thug e fhèin mar èirig airson nan uile, mar fhianais na amannan fhèin,

<sup>7</sup>dhan robh mise air m' òrdachadh mar shearmonaiche 's nam abstol, tha mi a' bruidhinn na fìrinn, chan eil mi ag innse breug, neach-teagaisg nan Cinneach ann an creideamh 's ann am fìrinn.

<sup>8</sup>Bu toigh leam, ma-thà, gun dèanadh na fir ùrnaigh sa h-uile h-àite, a' togail làmhan naomha, gun fhearg agus gun teagamh.

<sup>9</sup>San aon dòigh cuideachd gum biodh na boireannaich gan èideadh fhèin gu beusach, gan sgeadachadh fhèin le modhalachd agus le measarrachd. Chan ann le falt ann am figheachain is òr, no le neamhnaidean no le aodach cosgail,

<sup>10</sup>ach, mar a tha iomchaidh do bhoireannaich a tha ag aideachadh diadhaidheachd, le obraichean matha.

<sup>11</sup>Ionnsaicheadh boireannach ann an ciùineas, anns a h-uile h-ùmhlachd.

<sup>12</sup>Agus chan eil mi a' ceadachadh do bhoireannach teagasg, no ùghdarras a bhith aice thairis air duine, ach a bhith ann an ciùineas.

<sup>13</sup>Oir chaidh Àdhamh a chruthachadh an toiseach, an uair sin Èubha.

<sup>14</sup>Agus cha robh Àdhamh air a mhealladh, ach a' bhean nuair a chaidh a mealladh, thàinig i gu bhith ann an eas-ùmhlachd.

<sup>15</sup>Ach bidh i air a sàbhaladh tro aiseid-chloinne, ma dh'fhanas i ann an creideamh agus ann an gràdh agus ann an naomhachd le measarrachd.

## 1 Timòteus 3

### Beusan Iomchaidh Luchd-Coimhid agus Dheucan

<sup>1</sup>Tha am facal seo dìleas: Ma tha iarrtas aig duine air dreuchd fir-coimhid, tha e a' miannachadh obair mhath.

<sup>2</sup>Feumaidh mar sin am fear-coimhid a bhith os cionn adhbhar càinidh, fear de dh'aon bhean, measarra, ciallach, urramach, aoigheil, comasach air teagasg,

<sup>3</sup>gun a bhith na dhrungair, gun a bhith droch-nàdarrach, ach caomh, sìtheil, gun ghaol an airgid,

<sup>4</sup>a' stiùireadh a thaigh fhèin gu math, a chlann aige ann an ùmhlachd, leis a h-uile h-iomchaidheachd.

<sup>5</sup>Ach mura h-aithne do neach an taigh aige fhèin a stiùireadh, ciamar a choimheadas e às dèidh eaglais Dhè?

<sup>6</sup>Na biodh e na ùr-chreidmheach, gus nach tuit e ann am breitheanas an diabhair, le bhith às a chiall le pròis.

<sup>7</sup>A-nis feumaidh cuideachd deagh theisteanas a bhith aige uapasan a tha an taobh a-muigh, mus tuit e ann am masladh 's ann an ribe an diabhair.

<sup>8</sup>San aon dòigh feumaidh na deaconan a bhith urramach, gun a bhith dà-bheulach, gun a bhith gan toirt fhèin do chus fiona, gun a bhith sanntach air buannachd eas-onorach.

<sup>9</sup>A' gleidheadh dìomhaireachd a' chreideimh le deagh chogais.

<sup>10</sup>Agus cuideachd biodh iad air an dearbhadh an toiseach, an uair sin dèanadh iad seirbheis mar dheaconan, ma tha iad gun chionta.

<sup>11</sup>San aon dòigh feumaidh na mnathan a bhith urramach, gun a bhith nan cùl-chàineadairean, measarra, dìleas sa h-uile sìon.

<sup>12</sup>Biodh na deaconan nam fir de dh'aon bhean, a' stiùireadh an cuid chloinne gu math agus an dachaighean fhèin.

<sup>13</sup>Oir tha iadsan a th' air seirbheis mhath a dhèanamh, a' faighinn deagh sheasamh dhaib' fhèin agus mòran dànadais sa chreideamh ann an Crìosd Ìosa.

### Adhbharan airson Òrduighean Phòil

<sup>14</sup>Na rudan seo sgrìobh mi thugaibh, an dòchas tighinn thugaibh a dh'aithghearr,

<sup>15</sup>ach ma nì mi dàil, biodh fios agaibh mar is còir do neach e fhèin a ghiùlain ann an taigh Dhè, 's e sin, eaglais an Dè bheò, colbh is bunait na fìrinn.

<sup>16</sup>Agus feumaidh e a bhith air aideachadh gur mòr dìomhaireachd na diadhaidheachd: a bh' air fhoillseachadh san fheòil, air a dhearbhadh fireanta leis an Spiorad, air fhaicinn le ainglean, air a shearmonachadh am measg nan Cinneach, a chaidh creidsinn ann anns an t-saoghal, 's a bha air a thogail suas ann an glòir.

## 1 Timòteus 4

### Teagasg do Thimòteus

<sup>1</sup>A-nis tha an Spiorad a dh'aona-ghnothach ag ràdh, gum bi cuid sna h-amannan deireannach a dh'fhàgas an creideamh, a' toirt aire do spioradan mheallta is teagasgan dheamhain,

<sup>2</sup>ann an cealgaireachd ag innse bhreugan, 's an cogaisean fhèin air an losgadh le iarann teth,

<sup>3</sup>a' toirmisg a' bhith a' pòsadh, 's ag iarraidh gum biodh biadhan air an seachnadh, rudan a chruthaich Dia airson an gabhail le taingealachd leothasan a tha a' creidsinn, agus leothasan dhan aithne an fhìrinn.

<sup>4</sup>Oir tha gach nì a chruthaich Dia math, agus cha bu chòir rud sam bith a dhiùltadh a th' air a gabhail le taingealachd.

- <sup>5</sup>Oir tha e air a naomhachadh tro fhacal Dhè is tro ùrnaigh.
- <sup>6</sup>Le bhith a' cur na rudan seo mu choinneamh nam bràithrean bidh thu nad dheagh sheirbheiseach do dh'Ìosa Crìosd, air do bheathachadh le faclan a' chreideimh agus leis an deagh theagasg a tha thu air a leantainn.
- <sup>7</sup>Ach diùlt na tha ain-diadhaidh agus na tha nam faoinsgeulan. Agus trèanaig thu fhèin airson diadhaidheachd.
- <sup>8</sup>Oir tha trèanadh corporra gu beagan feum, ach tha diadhaidheachd gu h-ìomlan feumail, oir tha gealladh na beatha a tha an làthair 's a tha ri thighinn aice.
- <sup>9</sup>Tha am facal seo fìor agus airidh air gabhail ris sa h-uile dòigh.
- <sup>10</sup>Oir chun na crìche seo tha sinn an dà chuid ri saothair 's a' strì, oir chuir sinne ar dòchas san Dia bheò, a tha na Shlànaighear dhan a h-uile duine, gu sònraichte do chreidmich.
- <sup>11</sup>Thoir òrdugh mu na rudan seo agus teagaisg iad.
- <sup>12</sup>Na dèanadh duine sam bith tàir air d' òige, ach bidh nad eisimpleir dha na creidmich ann an còmhradh, ann an dòigh beatha, ann an gràdh, ann an creideamh, ann am fìorghlaine.
- <sup>13</sup>Gus an tig mi, thoir aire do leughadh, do dh'earail, do theagasg.
- <sup>14</sup>Na dèan dìmeas air an tiodhlac a th' annad, a chaidh a thoirt dhut tro fhàidheadaireachd còmhla ri sìneadh làmhan chomhairle nan èildear ort.
- <sup>15</sup>Cuir an gnìomh na rudan seo, thoir thu fhèin dhaibh, gus am bidh d' adhartas follaiseach dha na h-uile.
- <sup>16</sup>Glèidh thu fhèin agus an teagasg, lean ort annta, oir ann a bhith a' dèanamh seo sàbhailidh tu an dà chuid thu fhèin agus iadsan a tha ag èisteachd riut.

## **1 Timòteus 5**

### **Comhairle mu Bhantraichean, mu Èildearan agus mu Thràillean**

- <sup>1</sup>Na cronaich fear a tha nas sine, ach earalaich e mar athair, fir òga mar bhràithrean,
- <sup>2</sup>boireannaich a tha nas sine mar mhàthraichean, boireannaich a tha nas òige mar pheathraichean anns a h-uile fìorghlaine.
- <sup>3</sup>Thoir urram do bhantraichean, a tha dha-rìribh nam bantraichean.
- <sup>4</sup>Ach ma tha bantraichean sam bith ann aig a bheil clann no oghaichean, ionnsaich iad an toiseach diadhaidheachd a shealltainn dhan taigh

fhèin agus ath-phàigheadh a dhèanamh do phàrantan; oir tha seo taitneach ann an sealladh Dhè.

<sup>5</sup>A-nis, tha ise a tha dha-rìribh na banntraich, 's air a fàgail na h-aonar, a' cur a dòchais ann an Dia, agus a' leantainn ann an tagraidhean 's ann an ùrnaighean a dh'oidhche 's a latha.

<sup>6</sup>Ach ise a tha beò airson sògh, ged a tha i beò, tha i marbh.

<sup>7</sup>Agus òrdaich na rudan seo, airson 's gum bi iad os cionn adhbhar càinidh,

<sup>8</sup>ach ma tha duine sam bith ann nach eil a' solarachadh airson a chàirdean agus gu sònraichte airson a theaghlaich fhèin, tha e air a' chreideamh àicheadh agus rud nas miosa, tha e na eas-creidmheach.

<sup>9</sup>Biodh banntrach nach eil nas òige na seasgad bliadhna, bean aon duine, air a cur air an liosta

<sup>10</sup>tè aig a bheil teisteanas airson deagh obraichean, ma thog i clann, ma thug i aoigheachd, ma nigh i casan nan naomh, ma thug i cuideachadh dhaibhsan a bh' ann an trioblaid, ma thug i i fhèin do gach deagh obair.

<sup>11</sup>Ach diùlt na banntraichean òga, oir nuair a tha na h-ana-miannan aca air an tarraing air falbh o Chrìosd, tha iad airson pòsaidh.

<sup>12</sup>Tha iad fo dhìtheadh, a chionn 's gun do thrèig iad an ciad chreideamh.

<sup>13</sup>Agus aig an aon àm tha iad ag ionnsachadh a bhith leisg, a' siubhal nan taighean, agus chan ann a-mhàin leisg, ach cuideachd nan gobairean 's a' gabhail gnothaich ri rudan nach buin dhaibh, a' bruidhinn air rudan nach bu chòir dhaibh.

<sup>14</sup>Bu mhiann leam mar sin gum pòsadh an fheadhainn òga, gun giùlaineadh iad clann, gun ruitheadh iad an dachaighean, gun a bhith a' toirt cothrom càinidh sam bith dhan nàmhaid.

<sup>15</sup>Oir tha cuid mu thràth air tionndadh air falbh às dèidh Shàtain.

<sup>16</sup>Ma tha càirdean a tha nam banntraichean aig tè-chreidmheach sam bith, cuidicheadh i iad agus na biodh iad nan uallach dhan eaglais, airson 's gun toir ise taic dhaibhsan a tha dha-rìribh nam banntraichean.

<sup>17</sup>Measaibh èildearan a th' air riaghladh gu math mar airidh air urram dùbailte, gu sònraichte an fheadhainn a th' air saothrachadh ann am facal 's ann an teagasg.

<sup>18</sup>Oir tha an Sgrìobtar ag ràdh: “Na glas-ghuib an damh a tha a' saltairt an arbhair,” agus “Is airidh an neach-obrach air a thuarastal.”

<sup>19</sup>Na gabh ri casaid an aghaidh èildeir ach air fianais dhithis no thriùir fhianaisean.

<sup>20</sup>Iadsan a tha a' leantainn orra a' peacachadh, cronaich air beulaibh nan uile, airson 's gum bi eagal air a' chòrr.

<sup>21</sup>Tha mi a' toirt fianais shòlaimte mu choinneamh Dhè agus mu choinneamh Chrìosd Ìosa agus mu choinneamh nan ainglean taghte, gun glèidh thu na rudan seo, gun chlaon-bhreith, gun sìon a dhèanamh a rèir leth-bhreith.

<sup>22</sup>Na sin do làmhan gu h-aithghearr air neach sam bith, 's na biodh compàirt agad ann am peacaidhean fheadhainn eile; glèidh thu fhèin gu fìorghlan.

<sup>23</sup>Na òl uisge a-mhàin tuilleadh, ach cleachd beagan fiona air sgàth do stamaig 's na tinneas an a th' ort cho tric.

<sup>24</sup>Tha peacaidhean chuid de dhaoine follaiseach, a' dol romhpa gu breitheanas, ach tha na peacaidhean aig cuid eile gan leantainn.

<sup>25</sup>San aon dòigh tha deagh obraichean cuideachd follaiseach, agus an fheadhainn a th' air a chaochladh, chan urrainn dhaibh a bhith air am falach.

## **1 Timòteus 6**

<sup>1</sup>Iadsan uile a tha fo chuing na tràilleachd, measadh iad am maighstirean fhèin airidh air a h-uile h-urram, airson 's nach tèid toibheum a thoirt do dh'ainm Dhè agus dhan teagasg.

<sup>2</sup>Agus na sealladh iadsan aig a bheil maighstirean creidmheach sìos orra a chionn 's gur e bràithrean a th' annta, ach dèanadh iad seirbheis nas fheàrr, air sgàth 's gur e creidmich is luchd-gràidh a th' anntasan a tha a' faighinn buannachd an deagh obrach-san. Teagaisg is earalaich na rudan seo dhaibh.

### **Luchd-Teagaisg Brèige agus Gràdh an Airgid**

<sup>3</sup>Ma tha duine sam bith a' teagasg sìon a tha eadar-dhealaichte 's nach eil e a co-chòrdadh ri facal fallain ar Tighearna Ìosa Crìosd, agus an teagasg a tha a rèir diadhaidheachd,

<sup>4</sup>tha e air a shèideadh suas le pròis 's chan eil e a' tuigsinn sìon, ach tha iarrtas mì-fhallain aige airson connspaid is argamaid mu fhacail, on tig farmad, strì, cùl-chàineadh, mì-earbsa olc,

<sup>5</sup>argamaid gun sgur, na h-inntinnean aca air an coirbteadh le daoine, agus às aonais na fìrinne, a' smaoinneachadh gur e dòigh buannachd a th' anns an diadhaidheachd.

<sup>6</sup>Ach 's e buannachd mhòr a th' anns an diadhaidheachd còmhla ri toil-inntinn.

<sup>7</sup>Oir cha tug sinn dad sam bith a-steach dhan t-saoghal, 's cha mhotha a tha sinn an comas dad a thoirt às.



<sup>8</sup>Ach le biadh is còmhachadh againn, bidh sinn toilichte leis na rudan sin.

<sup>9</sup>Ach an fheadhainn a tha a' miannachadh a bhith beairteach, tha iad a' tuiteam ann am buaireadh 's ann an ribe, agus iomadh ana-miann amaideach is cronail, rudan a tha a' bogadh dhaoine ann am milleadh 's ann an sgrios.

<sup>10</sup>Oir 's e freumh gach gnè uilc gaol an airgid, leis an robh cuid – le bhith ga mhiannachadh – air an toirt a thaobh on chreideamh, agus iad fhèin air an lot tromhe le iomadh doilgheas.

### **Earail Dheireannach Phòil do Thimòteus**

<sup>11</sup>Ach thusa, Ò fhir Dhè, teich o na rudan seo, ach dlùth-lean ri fireantachd, diadhaidheachd, creideamh, gràdh, leanaltas, caomhalachd.

<sup>12</sup>Cath deagh chath a' chreideimh, greimich air a' bheatha shìorraidh dhan deach do ghairm agus dhan do dh'aidich thu an deagh aideachadh mu choinneamh mhòran fhianaisean.

<sup>13</sup>Tha mi a' cur ìmpidh ort mu choinneamh Dhè, a tha a' toirt beatha dha na h-uile, agus Crìosd Ìosa a thug fianais mu choinneamh Phontius Pìlat an deagh aideachadh,

<sup>14</sup>gun glèidh thu an t-òrdugh gun choire, gun adhbhar càinidh, gus tighinn ar Tighearna Ìosa Crìosd,

<sup>15</sup>a nochdas esan na àm fhèin – esan a tha na aon riaghladair beannaichte, Rìgh nan rìgh agus Tighearna nan tighearna,

<sup>16</sup>a tha a-mhàin neo-bhàsmhor, a tha a' còmhnaidh ann an solas neo-ruigsinneach, esan nach fhaca neach sam bith o mheasg dhaoine, 's nach motha is urrainn dhaibh fhaicinn; gu robh urram is cumhachd sìorraidh aige. Amen.

<sup>17</sup>Dhaibhsan a tha beairteach san àm a tha an làthair, earalaich dhaibh gun a bhith àrd-inntinneach no gun earbsa a chur ann am mì-chinnt beairteis, ach ann an Dia, a tha a' toirt a h-uile sìon dhuinne gu pailt airson am mealtainn;

<sup>18</sup>gus math a dhèanamh, gus a bhith pailt ann an obraichean mhatha, gus a bhith fialaidh, deiseil gu bhith a' compàirteachadh.

<sup>19</sup>A' stòradh suas dhaib' fhèin deagh bhunait airson an ama ri teachd, airson 's gun greimicheadh iad air na tha dha-rìribh na bheatha.

<sup>20</sup>Ò! Thimòteuis, glèidh na chaidh earbsadh riut, a' tionndadh air falbh o fhaoin-abairtean ain-diadhaidh agus o chonnsachadh, a th' air ainmeachadh, gu breugach, mar “eòlas”,

21tro bheil cuid le bhith ga aideachadh, air an slighe a chall a thaobh a' chreideimh. Gràs gu robh còmhla ribh uile.

## 2 Timòteus

### 2 Timòteus 1

<sup>1</sup>Pòl, abstol Chrìosd Ìosa, tro thoil Dhè, a rèir geallaidh na beatha a th' ann an Crìosd Ìosa.

<sup>2</sup>Gu Timòteus, mo leanabh gràdhach: Gràs, tròcair is sìth o Dhia an t-athair agus o Chrìosd Ìosa ar Tighearna.

#### Taingeachd

<sup>3</sup>Tha mi a' toirt taing do Dhia, dham bheil mi a' dèanamh seirbheis, mar a rinn mo shinnsirean, ann an cogais ghlan, gu bheil cuimhne agam ortsa gun sgur nam ùrnaighean, a dh'oidhche 's a latha,

<sup>4</sup>le fadachd orm airson d' fhaicinn, 's mi a' cuimhneachadh air do dheòir, airson 's gum bithinn air mo lìonadh le aoibhneas.

<sup>5</sup>Tha mi a' cuimhneachadh ort nad creideimh a tha gun cheilg, a ghabh còmhnaidh an toiseach nad sheanmhair, Lois, agus nad mhàthair, Eunice, agus a tha mi air dearbhadh fhaighinn a th' annadsa cuideachd.

#### Tagradh airson Dìlseachd do Phòl agus dhan t-Soisgeul

<sup>6</sup>Air an adhbhar sin tha mi a' cur nad chuimhne: dùisg suas tiodhlac Dhè, a th' annad trom làmhan a shineadh ort.

<sup>7</sup>Oir cha tug Dia dhuinn spiorad geilt, ach de chumhachd is de ghràdh is de dh'fhèin-smachdachadh.

<sup>8</sup>Mar sin na biodh nàire ort mu theisteanas ar Tighearna, no dhìomsa, a phrìosanach-san, ach gabh compàirt leamsa ann am fulang airson an t-soisgeil, a rèir cumhachd Dhè.

<sup>9</sup>Esan a shàbhail sinn is a ghairm oirnn le gairm naomh, chan ann a rèir ar n-obraichean, ach a rèir a rùin fhèin is a ghràis, a thug e dhuinne ann an Ìosa Crìosd, ro linn na tìm;

<sup>10</sup>ach a-nis, a chaidh fhoillseachadh tro thaisbeanadh ar Slànaigheir, Crìosd Ìosa, a chuir gu neoni am bàs, agus a thug gu solas is gu beatha is gu neo-thruaillidheachd e, tron t-soisgeul,

<sup>11</sup>dhan deach m' òrdachadh mar shearmonaiche is mar abstol is mar neach-teagaisg.

<sup>12</sup>Air an adhbhar sin tha mi a' fulang na rudan seo, ach chan eil nàire orm, oir tha fios agam cò san do chreid mi, agus chaidh dearbhadh dhomh, gu bheil Esan comasach air an rud sin a dh'earb mise ris a ghleidheadh gus an Latha sin.

**13**Cùm an eisimpleir de dh'fhaclan fallain a chuala tu uamsa, ann an creideamh 's ann an gràdh ann an Crìosd Ìosa.

**14**Glèidh an rud math sin a dh'earb mise riut, tron Spiorad Naomh a tha a' còmhnaidh annainne.

### **Eisimpleirean de Mhì-Dhìlseachd agus de Dhìlseachd**

**15**'S aithne dhuibh seo, gun do thionndaidh iad uile air falbh uam ann an Àisia, nam measg-san tha Phigelus is Hermogenes.

**16**Gun toireadh an Tighearna tròcair do thaigh Onesiphorus, oir gu tric dh'ùraich e mi 's cha robh nàire air mum shèinichean.

**17**Ach seach gu robh e san Ròimh, shir e mi gu dùrachdach agus lorg e mi.

**18**Gun toireadh an Tighearna dhàsan gum faigheadh e tròcair on Tighearna san Latha sin, agus is math as aithne dhut na rinn e de sheirbheis ann an Ephesus.

## **2 Timòteus 2**

### **An Tagradh air Ùrachadh**

**1**Mar sin, thusa mo leanabh, bidh air do neartachadh sa ghràs a th' ann an Crìosd Ìosa.

**2**Agus na chuala tu uamsa tro mhòran fhianaisean, earb na rudan sin ri daoine dìleas, a bhios comasach air daoine eile a theagasg cuideachd.

**3**Fulaing leam mar dheagh shaighdear Chrìosd Ìosa.

**4**Chan eil neach sam bith a tha a' dèanamh seirbheis mar shaighdear air a ghlacadh ann an gnothaichean sìobhalta na beatha; tha seo airson 's gun tèid aige air an neach a ghabh mar shaighdear e a thoileachadh.

**5**Agus cuideachd ma tha neach sam bith ri lùth-chleasachd, cha tèid a chrùnadh mura h-eil e air a bhith ri lùth-chleasachd gu laghail.

**6**'S e an tuathanach a tha a' saothrachadh a bu chòir compàirteachadh san toradh an toiseach.

**7**Smaoinich air na tha mi ag ràdh, oir bheir an Tighearna dhut tuigse sa h-uile sìon.

**8**Cuimhnich gun deach Ìosa Crìosd a thogail o na mairbh, o shìol Dhaibhidh, a rèir mo shoisgeil-sa,

**9**dham bheil mise a' fulang eadhon gu bhith sa phrìosan mar fhear dhroch-ghnìomh, ach chan eil facal an Tighearna air a cheangal.

**10**Mar sin tha mi a' giùlain a h-uile sìon air an sgàth-san a tha taghte, gus am faigh iadsan cuideachd an sàbhaladh a th' ann an Crìosd Ìosa, le glòir shìorraidh.

**11**Is dìleas am facal: Oir ma bhàsaich sinn còmhla ris, bidh sinn cuideachd beò còmhla ris,

**12**ma bhuan-mhaireas sinn, riaghlaidh sinn cuideachd còmhla ris. Ma dh'àicheas sinn esan, àicheidh esan cuideachd sinne.

**13**Ma tha sinn mì-dhìleas, fanaidh esan dìleas, oir chan urrainn dha e fhèin àicheadh.

### **Neach-Obrach air a Mholadh le Dia**

**14**Cuir na rudan seo nan cuimhne, thoir fianais shòlaimte mu choinneamh Dhè nach bu chòir dhaibh a bhith ri aimhreit mu fhaclan anns nach eil feum sam bith, ach airson an luchd-èisteachd a sgrios.

**15**Dèan a h-uile dìcheall thu fhèin a nochdadh dearbhte do Dhia, neach-obrach gun nàire, a' mineachadh facal na fìrinne gu ceart.

**16**Ach seachainn faoin-bhriathran mì-dhiadhaidh, oir 's ann gu mòr a chuireas sin mì-dhiadhaidheachd air adhart.

**17**Agus caithidh am facal-san mar chnàmhainn; nam measg-san tha Himenèaus is Philètus,

**18**a th' air an slighe a chall a thaobh na fìrinne, ag ràdh gun do thachair an aiseirigh mu thràth, agus a tha a' tilgeil creideamh chuid bun-os-cionn.

**19**Ach tha bunait dhaingeann Dhè a' seasamh, agus an seula seo aice: “Is aithne dhan Tighearna iadsan a tha leis fhèin,” agus “A h-uile neach a dh'ainmicheas ainm an Tighearna, fàgadh e neo-fhìreantachd.”

**20**Ach ann an taigh mòr, chan e a-mhàin soithichean òir is airgid a th' ann, ach cuideachd soithichean fiodha is crèadha, agus cuid aca airson urraim, ach cuid eile airson eas-urraim.

**21**Mar sin ma ghlanas duine sam bith e fhèin o na rudan seo, bidh e na shoitheach airson urraim, air a naomhachadh, feumail dhan Mhaighstir, airson a h-uile deagh obair a th' air ullachadh.

**22**Ach teich o dhroch-mhiann na h-òige, agus dlùth-lean ri fireantachd, creideamh, gràdh, sìth, còmhla riuthasan a tha a' gairm air an Tighearna à cridhe glan.

**23**Agus diùlt ceistean amaideach is neo-thuigseach, 's fios agad gu bheil iad sin a gintinn chòmhstrithean.

<sup>24</sup>Agus cha bu chòir do sheirbheiseach an Tighearna a bhith ri còmhstri, ach is còir dha a bhith caomh ris na h-uile, comasach air teagasg, foighidneach,  
<sup>25</sup>ann an ciùineas a' ceartachadh an fheadhainn a tha na aghaidh, gun fhios nach toir Dia dhaibh aithreachas gus an fhìrinn aideachadh,  
<sup>26</sup>agus gun till iad gu an ciall 's gun teich iad a-mach à ribe an diabhair, às dèidh dhaibh a bhith air an glacadh leis-san airson a thoil a dhèanamh.

## 2 Timòteus 3

### Mì-Dhiadhaicheachd sna Làithean Deireannach

<sup>1</sup>Ach biodh fios agad air a seo, gun tig amannan duilich sna làithean deireannach.  
<sup>2</sup>Oir bidh daoine fèin-ghràdhach, gaolach air airgead, nam bòstairean, pròiseil, a' bruidhinn uilc ri pàrantan, eas-umhail, mì-thaingeil, ain-diadhaidh,  
<sup>3</sup>gun ghràdh nàdarra, do-rèiteachail, cùl-chàineach, gun fhèin-smachd, borb, aig nach eil gaol air math,  
<sup>4</sup>mealltach, bras, air an at le pròis, a' gràdhachadh toileachais an àite Dia a ghràdhachadh;  
<sup>5</sup>le cumadh diadhaidheachd, ach ag àicheadh a cumhachd; agus on leithidean sin tionndaidh air falbh.  
<sup>6</sup>Oir 's ann dhiubh sin a tha an fheadhainn a dh'ialaidheas a-steach do dhachais a' ghlacas boireannaich ghòrach, a th' air an luchdachadh le peacaidhean, 's air an treòrachadh air falbh leis a h-uile gnè ana-miann,  
<sup>7</sup>an-còmhnaidh ag ionnsachadh 's gun chomas idir aca air tighinn gu eòlas air an fhìrinn.  
<sup>8</sup>Agus dìreach mar a chuir lannes is lambres an aghaidh Mhaois, 's ann mar sin cuideachd a tha iad seo a' cur an aghaidh na firinne, daoine a th' air an coirbteadh gu tur nan inntinn, air an cur air chùl a thaobh a' chreideimh.  
<sup>9</sup>Ach cha bhi tuilleadh adhartais ann dhaibh, oir bidh an amaideachd soilleir dha na h-uile, mar a bha amaideachd na feadhna eile cuideachd.

### Òrdugh Deireannach Phòil do Thimòteus

<sup>10</sup>Ach lean thusa mi gu faiceallach ann an: teagasg, dòigh-beatha, rùn, creideamh, foighidinn, gràdh, leanaltas,  
<sup>11</sup>geur-leanmhainnean is fulangasan, a thachair rium ann an Antioch, ann an Iconium, 's ann an Listra; an seòrsa geur-leanmhainnean a dh'fhuiling mi, agus shàbhail an Tighearna mi asta uile.

<sup>12</sup>Agus bidh iadsan uile a tha ag iarraidh a bhith beò gu diadhaidh ann an Crìosd Ìosa air an geur-leanmhainn cuideachd.

<sup>13</sup>Ach fàsaidh daoine olca is mealltairean nas miosa, a' toirt a thaobh agus air an toirt a thaobh.

<sup>14</sup>Ach lean thusa ort anns na rudan sin a dh'ionnsaich thu 's air an d' fhuair thu dearbh-chinnt, le fios agad cò uaithe a dh'ionnsaich thu iad,

<sup>15</sup>agus gu bheil fios agad od òige air na Sgrìobtaran naomha a tha comasach air do dhèanamh glic airson slàinte, tro chreideamh ann an Crìosd Ìosa.

<sup>16</sup>Tha an Sgrìobtar uile air a dheachdadh le Dia, agus feumail airson teagaisg, airson cronachaidh, airson ceartachaidh, airson trèanaidh ann am fireantachd,

<sup>17</sup>airson 's gum biodh duine Dhè air a dheisealachadh, 's e air uidheamachadh airson gach deagh obair.

## **2 Timòteus 4**

<sup>1</sup>Tha mi gad chur fo fhianais shòlaimte, mu choinneamh Dhè is Chrìosd Ìosa, esan a tha gus breith a thoirt air na beò 's na mairbh, agus leis an nochdadh aige 's an rìoghachd aige:

<sup>2</sup>searmonaich am facal, bi deiseil nuair a tha e goireasach 's nuair nach eil e goireasach, thoir am follais, cronaich, misnich, leis a h-uile fhad-fhulangas is theagasg.

<sup>3</sup>Oir thig an t-àm nuair nach fhulaing iad teagasg fallain, ach a rèir an droch-mhiann fhèin, le tachas nan cluas, cruinnichidh iad suas dhaib' fhèin luchd-teagasg.

<sup>4</sup>Agus tionndaidhidh iad an cluas air falbh on fhìrinn, is tionndaidhidh iad a thaobh gu faoinsgeulan.

<sup>5</sup>Ach thusa, bidh sòbarra sa h-uile sìon, a' giùlain cruaidh-chàs, dèan obair soisgeulaiche, coilean do mhinistrealachd.

<sup>6</sup>Oir tha mise mu thràth gam dhòrtadh a-mach mar thabhartas-dibhe, agus tha àm mo thriail air tighinn.

<sup>7</sup>Chath mise an deagh chath, chrìochnaich mi an cùrsa, ghlèidh mi an creideamh.

<sup>8</sup>Mu dheireadh tha crùn fireantachd air a thasgadh suas dhomh, a bheir an Tighearna, am breitheamh fireanta, dhomh san latha sin agus chan ann a-mhàin dhòmhsa ach cuideachd dhaibhsan uile a ghràdhaich a thighinn-san.

### **Abairtean Phearsanta**

- <sup>9</sup>Biodh thusa dìcheallach tighinn thugam a dh'aithghearr.
- <sup>10</sup>Oir thrèig Dèmas mi, a ghràdhaich an saoghal a tha an làthair, agus chaidh e gu Tesalonìca. Chaidh Cresens gu Galàtia. Chaidh Tìtus gu Dalmàtia.
- <sup>11</sup>'S e Lùcas a-mhàin a tha còmhla rium. Thoir Marcas thugad 's thoir leat e, oir tha e feumail dhòmhsa airson seirbheis a dhèanamh.
- <sup>12</sup>A-nis, chuir mi Tichicus gu Ephesus.
- <sup>13</sup>Nuair a thig thu, thoir leat an cleòc a dh'fhàg mi às mo dhèidh ann an Tròas le Carpus, cuideachd na leabhraichean, gu sònraichte na craiceannan-sgrìobhaidh.
- <sup>14</sup>Rinn Alecsander an ceàrd-copair mòran rudan olc orm; pàighidh an Tighearna air ais e a rèir nan obraichean aige.
- <sup>15</sup>Biodh thusa cuideachd faiceallach ma dheidhinn, oir sheas e gu mòr an aghaidh ar teachdaireachd.
- <sup>16</sup>Aig mo chiad dhìon cha do sheas duine còmhla rium, ach thrèig iad uile mi, ach na biodh e air a chunntas nan aghaidh.
- <sup>17</sup>Ach sheas an Tighearna còmhla rium agus neartaich e mi, airson 's, tromhamsa, gum biodh an teachdaireachd air a cur an cèill gu h-iomlan, is gus an cluinneadh na Cinnich gu lèir i, 's bha mi air mo shaoradh à beul an leòmhainn.
- <sup>18</sup>Saoraidh an Tighearna mi on a h-uile h-obair olc agus sàbhalaidh e mi airson a rìoghachd nèamhaidh. Dhàsan gu robh glòir gu saoghal nan saoghal. Amen.

### Fàiltean Dheireannach

- <sup>19</sup>Cuir fàilte air Prisca, air Acuila 's air taigh Onesiphorus.
- <sup>20</sup>Dh'fhuirich Erastus ann an Corint, ach dh'fhàg mi Trophimus tinn às mo dhèidh ann am Miletus.
- <sup>21</sup>Dèan cabhag tighinn ron gheamhradh. Tha Eubulus is Pudens is Linus is Claudia 's na bràithrean uile a' cur fàilte ort.
- <sup>22</sup>Gum biodh an Tighearna led spiorad. Gràs leibh.



## Tìtus

### Tìtus 1

<sup>1</sup>Pòl, seirbheiseach Dhè, agus abstol Ìosa Crìosd, a rèir creideamh dhaoine taghte Dhè is eòlas na firinne a tha a rèir diadhachd;

<sup>2</sup>ann an dòchas na beatha shìorraidh a gheall Dia, nach dèan breug, ro linntean tìme,

<sup>3</sup>ach a dh'fhoillsich fhacal fhèin anns na h-amannan iomchaidh san t-searmonachadh a chaidh earbsadh riumsa a rèir àithne Dhè ar Slànaigheir.

<sup>4</sup>Gu Tìtus, m' fhìor mhac a rèir creideimh coitchinn: Gràs is sìth o Dhia an t-Athair agus o Chrìosd Ìosa ar Slànaighear.

#### A' Suidheachadh Èildearan a Tha a' Gràdhachadh na Tha Math

<sup>5</sup>B' e a b' adhbhar dhomh d' fhàgail ann an Crete, gun cuireadh tu an òrdugh na chaidh fhàgail gun a dhèanamh agus gun suidhicheadh tu èildearan sa h-uile baile mar a dh'òrdaich mi dhut.

<sup>6</sup>Biodh a' leithid gun choire, fear aon bhean, a chuid chloinne creidmheach, saor o chasaid ana-measarrachd no eas-ùmhlachd.

<sup>7</sup>Oir bu chòir do dh'fhear-coimhid a bhith gun choire, mar stiùbhard Dhè, gun a bhith fèin-thoileil, no feargach, no na dhrungair, no droch-nàdarrach, no sanntach air buannachd eas-onorach,

<sup>8</sup>ach aoigheil, dèidheil air a' mhath, measarra, ceart, naomh, stuama.

<sup>9</sup>Cumadh e gu daingeann am facal fìor mar a chaidh a theagasg, airson 's gum bi e comasach air cofhurtachadh le teagasg fallain agus iadsan a tha a' bruidhinn na aghaidh a cheartachadh.

#### A' Cronachadh nam Muinntir nach Dèan Math

<sup>10</sup>Oir tha mòran ann a tha eas-umhail, luchd faoin-chainnt is mealltairean, gu h-àraidh muinntir an timcheall-ghearraidh.

<sup>11</sup>Tha e riatanach an cur nan tost oir tha iad a' tionndadh thaighean iomlan bun-os-cionn, a' teagasg rudan nach bu chòir dhaibh, airson buannachd shuaraich.

<sup>12</sup>Thuirtear fear àraidh dhiubhsan, fàidh dhiub' fhèin: “Tha na Cretich an-còmhnaidh nam breugairean, nan droch bhèistean 's nan gèocairean leisg.”

<sup>13</sup>Tha an teisteanas seo fìor. Air an adhbhar sin, cronaich gu geur iad, airson 's gum bi iad fallain sa chreideamh,

<sup>14</sup>chan ann a' toirt aire do dh'fhaoinsgeulan lùdhach is do dh'àithntean dhaoine, a tha a' tionndadh air falbh on fhìrinn.

**15**Dhaibhsan a tha glan, tha a h-uile sìon glan, ach dhaibhsan a th' air an truailleadh agus nach eil a' creidsinn, chan eil rud sam bith glan, ach tha an inntinn agus an cogais air an truailleadh.

**16**Tha iad a' tagradh gun aithne dhaibh Dia, ach nan gnìomhan tha iad ga àicheadh, oir tha iad gràineil agus eas-umhail agus gun fheum airson a h-uile deagh obrach.

## **Tìtus 2**

### **A' Dèanamh Math air Sgàth an t-Soisgeil**

**1**Ach abair thusa na rudan a tha freagarrach do theagasg fallain:

**2**na seann daoine a bhith measarra, stòlda, faiceallach, fallain sa chreideamh, ann an gràdh 's ann an leanaltas.

**3**San aon dòigh, teagaisg dha na seann bhoireannaich iad fhèin a ghiùlain mar a tha iomchaidh do naoimh, chan ann mar luchd-càinidh, gun a bhith nan tràillean do dh'fhion, 's nan luchd-teagaisg air dè a tha ceart.

**4**Mar sin, ionnsaichidh iad do bhoireannaich òga a bhith gràdhach air am fir 's air an cuid chloinne,

**5**a bhith measarra, geamnaidh, a' fuireach aig an taigh, math is umhail dham fir fhèin airson 's nach tèid toibheum a thoirt do dh'fhacal Dhè.

**6**San aon dòigh, cuir ìmpidh air na daoine òga iad a bhith measarra,

**7**anns gach nì gan nochdadh fhèin mar shamhladh dheagh obraichean, ann an teagasg a' nochdadh treibhdhireachd, iomchaidheachd,

**8**cainnt fhallain a tha neo-choireach, airson 's gum bi nàire air nàmhaid a chionn 's nach urrainn dha rud sam bith olc a ràdh mud dheidhinn.

**9**Comhairlich seirbheisich a bhith umhail dham maighstirean, gan toileachadh sa h-uile sìon, gun bhruidhinn air ais,

**10**gun ghoid uapa, ach a' sealltainn gach deagh dhìlseachd dhaibh, airson 's gun dèan iad teagasg Dhè ar Slànaigheir maiseach sa h-uile sìon.

**11**Oir nochd gràs an Dè a tha a' toirt sàbhalaidh do gach duine,

**12**gar teagasg cùl a chur ri mì-dhiadhachd is ana-miannan saoghalta, agus tighinn beò san t-saoghal seo gu measarra is gu ceart is gu diadhaidh,

**13**an dùil ris an dòchas bheannaichte agus ri nochdadh glòir ar Dè mhòir 's ar Slànaigheir Ìosa Crìosd.

<sup>14</sup>Thug esan e fhèin seachad air ar son gus an saoradh e sinn o gach aingidheachd, agus gun glanadh e sluagh sònraichte dha fhèin, eudmhor mu dheagh obraichean.

<sup>15</sup>Can na rudan sin, agus earalaich is cronaich leis a h-uile h-ùghdarras. Na sealladh duine sam bith sìos ort.

## Tìtus 3

### Air ar Sàbhaladh airson Maith a Dhèanamh

<sup>1</sup>Cuimhnich dhaibh iad fhèin a chur fo riaghladairean 's fo ùghdarrasan, a bhith umhail, a bhith deiseil airson a h-uile deagh obrach,

<sup>2</sup>gun olc a ràdh mu dhuine sam bith, gun a bhith connspaideach, a bhith caomh, gach neach a' sealltainn macantas dhan h-uile duine.

<sup>3</sup>Oir bha sinne, sinn fhèin cuideachd, uaireigin amaideach, eas-umhail, air seachran, nar tràilleann do dh'ana-miannan is do thlachdan de gach seòrsa, a' cur seachad ar beatha ann am mì-rùn is ann am farmad, fuathach, 's a' toirt fuath dha chèile.

<sup>4</sup>Ach nuair a nochd an coibhneas agus an gràdh aig Dia ar Slànaighear do dhaoine,

<sup>5</sup>shàbhail e sinn chan ann tro obraichean ceartais a rinn sinn, ach a rèir a thròcaire fhèin, tro ghlanadh an ath-ghineamhainn is tro ath-nuadhachadh an Spioraid Naoimh,

<sup>6</sup>a dhòirt e oirnn gu pailt tro Ìosa Crìosd ar Slànaighear,

<sup>7</sup>agus, air ar fìrinneachadh tro a ghràs-san, bhitheamaid nar n-oighreachan a rèir dòchais na beatha shìorraidh.

<sup>8</sup>Is fìor am facal seo, agus mu na rudan seo bu mhath leam gun dearbhadh tu iad gu làidir, airson 's gum bi iadsan, a th' air creidsinn ann an Dia, cùramach a bhith coisrigte do dheagh obraichean. Tha na rudan seo math is tairbheach do dhaoine.

<sup>9</sup>Ach seachain ceistean amaideach is sloinntearachd is connspaidean is argamaidean mun lagh. Tha iad gun tairbhe agus faoin.

<sup>10</sup>Às dèidh a' chiad 's an dara cronachadh, seachainn fear a tha connspaideach.

<sup>11</sup>Biodh fios agad gu bheil a leithid sin de dhuine rag-mhuinealach, agus a' peacachadh 's air e fhèin a dhìteadh.

### Faclan Deireannach

**12**Nuair a chuireas mi thugad Artemas, no, Tichicus, dèan dìcheall tighinn thugam gu Nicopolis; oir is ann an sin a chuir mi romham an geamhradh a chur seachad.

**13**Cuir air adhart Senas, am fear-lagha, agus Apollos gu dìcheallach, airson 's nach bi sìon a dhith orra.

**14**Ionnsaicheadh na daoine againne cuideachd a bhith adhartach ann an deagh obraichean airson feumalachdan riatanach, gus nach bi iad gun toradh.

**15**Tha iadsan uile, a tha còmhla rium, a' cur fàilte ort. Cuir fàilte orrasan aig a bheil gaol oirnn anns a' chreideamh. Gu robh gràs còmhla ribh uile.

## Philemon

### Philemon 1

<sup>1</sup>Pòl, prìosanach Chrìosd Ìosa, agus Timòteus, ar bràthair, Gu Philemon gràdhach 's ar co-obraiche,

<sup>2</sup>gu Apphia ghràdhach, agus gu Archippus ar co-shaighdear, agus chun na h-eaglaise a tha nad thaigh.

<sup>3</sup>Gràs thugaibh agus sìth bho Dhia ar n-Athair agus on Tighearna Ìosa Crìosd.

### Taingeachd agus Ùrnaigh

<sup>4</sup>Tha mi a' toirt taing dham Dhia, a' toirt iomradh ort an-còmhnaidh nam ùrnaighean,

<sup>5</sup>a' cluinntinn mud ghràdh 's mun chreideamh a th' agad san Tighearna Ìosa agus mu na naoimh uile,

<sup>6</sup>airson 's gum bi co-chomann do chreideimh èifeachdach ann a bhith ag aideachadh a h-uile rud math a th' againn ann an Crìosd.

<sup>7</sup>Oir tha taingeachd mhòr is misneachd againn às do ghràdh-sa a chionn 's gu bheil cridheachan nan naomh ùraichte tromhadsa, a bhràthair.

### Guidhe Phòil airson Onesimuis

<sup>8</sup>Mar sin, ged a dh'fhaodainn a bhith dàn ann an Crìosd 's àithne dhut an rud a tha iomchaidh a dhèanamh,

<sup>9</sup>b' fheàrr leam guidhe ort as leth a' ghràidh, on is mise Pòl a tha nam sheann duine, agus a tha a-nis cuideachd nam phrìosanach de Chrìosd Ìosa.

<sup>10</sup>Tha mi a' guidhe ort airson mo mhic Onesimus, a chaidh a ghineamhainn dhomh nam phrìosanachadh

<sup>11</sup>a bha uaireigin gun fheum dhut, ach a tha a-nis feumail dhutsa agus dhòmhsa.

<sup>12</sup>Tha mi ga chur air ais thugad, agus gabh ris mar rim chridhe fhèin.

<sup>13</sup>Bu mhiann leam a chumail còmhla rium fhèin, airson 's gum frithealadh e dhomh nad àite-sa, ann an sèinichean an t-soisgeil.

<sup>14</sup>Ach cha robh mi airson sìon a dhèanamh gun do chead, airson 's nach dèanadh tu do dheagh ghnìomh gu riatanach ach gu deònach.

<sup>15</sup>Oir ma dh'fhaodte gur ann airson seo a dhealaich e riut airson greis, gus am faigheadh tu e gu bràth.

**16** Chan eil e tuilleadh na sheirbheiseach, ach nas fheàrr na seirbheiseach, na bhràthair gràdhach, gu h-àraidh dhòmhsa, agus nach ann nas motha na sin dhutsa an dà chuid san fheòil agus san Tighearna?

**17** Mar sin, ma mheasas tu mise mar chompanach, gabh ris-san mar rium fhèin,

**18** agus ma rinn e sìon ceàrr ort, no ma tha fiachan agad air, cuir sin air a' chunntas agamsa.

**19** Sgrìobh mise, Pòl, seo le mo làimh fhèin; pàighidh mise e, gun a ràdh riut gu bheil thusa thu fhèin fo fhiachan dhòmhsa.

**20** Seadh, a bhràthair, airson 's gum biodh tairbhe agam uat anns an Tighearna, ùraich mo chridhe ann an Crìosd.

**21** Le earbsa nad ùmhlachd, sgrìobh mi thugad agus fios agam gun dèan thu eadhon tuilleadh 's na tha mi ag ràdh.

**22** Agus rud eile, dèan àite-fuirich deiseil dhomh cuideachd; oir tha dòchas agam tro na h-ùrnaighean agaibh gun tèid mo thoirt dhuibh.

**23** Tha Epaphras, mo cho-phrìosanach ann an Crìosd Ìosa a' cur fàilte ort,

**24** agus Marcas, Aristarchus, Dèmas agus Lùcas, mo cho-obraichean.

**25** Gu robh gràs an Tighearna Ìosa Crìosd còmhla ri ur spiorad.

## Eabhraidhich

### Eabhraidhich 1

#### Facal Deireannach Dhè: A Mhac

<sup>1</sup>Aig iomadh àm 's ann an iomadh dòigh, bhruidhinn Dia o shean ris na h-athraichean tro na fàidhean,

<sup>2</sup>anns na làithean deireannach seo bhruidhinn e rinne tro a Mhac, a thagh e na oighre air a h-uile sìon, tron do rinn e an cruinne-cè cuideachd.

<sup>3</sup>Is esan deàrrsadh a ghlòir-san agus fìor ìomhaigh a shusbaint, a' cumail suas a h-uile sìon le facal a chumhachd, às dèidh dha peacaidhean a ghlanadh air falbh, shuidh e air deas-làimh na mòrachd sna h-àrdan.

<sup>4</sup>Mar a chaidh a dhèanamh mòran na b' fheàrr na na h-ainglean, fhuair e mar oighreachd ainm a tha mòran nas urramaiche na an t-ainm acasan.

#### Am Mac os cionn nan Ainglean

<sup>5</sup>Oir, cò dhe na h-ainglean ris an tuirt e riamh, “Is tusa mo mhac; an-diugh ghin mi thu”? Agus a-rithist, “Bidh mise nam Athair dha, agus bidh esan na Mhac dhòmhsa”?

<sup>6</sup>Agus a-rithist, nuair a tha e a' toirt a' chiad-ghin chun an t-saoghail, tha e ag ràdh: “Agus dèanadh ainglean Dhè gu lèir adhradh dhà.”

<sup>7</sup>Agus mu na h-ainglean tha e ag ràdh: “Fear a tha a' dèanamh ainglean nan spioradan, agus a sheirbheisich nan lasair theine.”

<sup>8</sup>Ach mun Mhac: “Tha do rìgh-chathair, a Dhè, gu saoghal nan saoghal, slat-rìoghail a' cheartais, slat-rìoghail do rìoghachd-sa.

<sup>9</sup>Bha gaol agad air fireantachd agus bha fuath agad do dh'aingidheachd; mar sin, dh'ung Dia do Dhia thu le ola a' mhòr-aoibhneis os cionn do chompanaich.”

<sup>10</sup>Agus: “San toiseach, a Thighearna, stèidhich thu an talamh, agus 's iad na nèamhan obraichean do làmhan.

<sup>11</sup>Teirigidh iadsan, ach mairidh thusa; agus mar bhad aodaich, fàsaidh iad uile sean.

<sup>12</sup>Agus mar chleòc pasgaidh tu iad, mar bhad aodaich, bithidh iad air an atharrachadh cuideachd. Ach is tusa an neach ceudna agus chan fhàilnich do bhliadhnaichean.”

<sup>13</sup>Ach cò dhe na h-ainglean ris an tuirt e riamh: “Suidh air mo dheas-làimh gus an suidhich mi do nàimhdean nan stòl airson do chasan”?

<sup>14</sup>Nach eil iad uile nan spioradan-frithealaidh, air an cur a-mach gus seirbheis a dhèanamh dhaibhsan a tha an impis sàbhaladh fhaighinn mar oighreachd?

## **Eabhraidhich 2**

### **Rabhadh mu Bhith a' Toirt an Aire**

<sup>1</sup>Air an adhbhar sin, feumaidh sinn barrachd aire a thoirt dha na rudan a chuala sinn, air eagal 's gun èalaidh sinn air falbh.

<sup>2</sup>Oir ma chaidh am facal a thuit na h-ainglean a dhaingneachadh is gun d' fhuair a h-uile briseadh-lagha is eas-ùmhlachd ath-dhìoladh dligheach;

<sup>3</sup>ciamar a gheibh sinn dol-às ma nì sinn dearmad air sàbhaladh cho mòr? Às dèidh dha a bhith air aithris leis an Tighearna, chaidh a dhaingneachadh dhuinn leothasan a chuala e.

<sup>4</sup>Thug Dia fianais orrasan an dà chuid le comharraidhean 's le iongantasan agus caochladh ghniomhan cumhachdach 's tiodhlacan an Spioraid Naoimh, a rèir a thoil fhèin.

### **Ìosa air a Dhèanamh Coltach ri a Bhràithrean**

<sup>5</sup>Oir cha do chuir e an saoghal a tha ri thighinn 's air a bheil sinn a' bruidhinn fo smachd ainglean

<sup>6</sup>ach thug cuideigin làn-theisteanas an àiteigin ag ràdh: “Dè th' anns an duine gu bheil thu a' cuimhneachadh air, no mac an duine, gu bheil thu a' sealltainn air?”

<sup>7</sup>Rinn thu e beagan na b' ìsle na na h-ainglean airson greis, chrùn thu e le glòir is onair,

<sup>8</sup>cheannsaich thu a h-uile sìon fo a chasan.” Oir a' smachdachadh a h-uile sìon fo a chasan, cha do dh'fhàg e sìon gun a chur fodhasan. Ach thuige seo, chan eil sinn fhathast a' faicinn a h-uile sìon fon smachd aige.

<sup>9</sup>Ach chì sinn Ìosa, a chaidh a dhèanamh airson greiseig na b' ìsle na na h-ainglean, air a chrùnadh le glòir 's le onair tro fhulangas a' bhàis airson 's gum blaiseadh e am bàs airson a h-uile duine tro ghràs Dhè.

<sup>10</sup>Oir bha e freagarrach dhàsan, dham bheil a' h-uile sìon 's trom bheil a h-uile sìon, esan a dhèanamh foirfe a tha a' toirt iomadh mac gu glòir 's a tha na ùghdar dhen t-sàbhalaidh tro fhulangasan.

<sup>11</sup>Oir tha an dà chuid – esan a tha a' naomhachadh 's iadsan a th' air an naomhachadh – uile on aon fhear; air an adhbhar sin chan eil nàire air 'bràithrean' a ghabhail orra,



<sup>12</sup>ag ràdh: “Cuiridh mi d' ainm an cèill dham bhràithrean; ann am meadhan na h-eaglaise, seinnidh mi cliù dhut.”

<sup>13</sup>Agus a-rithist: “Cuiridh mi mo dhòchas ann.” Agus a-rithist: “Seall, mise 's a' chlann a thug Dia dhomh.”

<sup>14</sup>A nis, ma-thà, a chionn 's gu bheil compàirteachadh dhe fhuil 's dhe fheòil aig a' chloinn, san aon dòigh, ghabh esan cuideachd pàirt sna h-aon rudan, airson 's, tron bhàs, gun sgriosadh e esan aig an robh cumhachd a' bhàis – 's e sin an diabhal –

<sup>15</sup>agus gun saoradh e iadsan, a bha, tro eagal a' bhàis, fo dhaorsa fad am beatha gu lèir.

<sup>16</sup>Oir gu deimhinn cha do rinn e e fhèin na aingeal, ach na bhall de shìol Abrahàim.

<sup>17</sup>Air an adhbhar sin, bha e mar fhiachaibh air a bhith air a dhèanamh coltach ri a bhràithrean sa h-uile sìon, airson 's gum biodh e na àrd-shagart tròcaireach agus dìleas anns na bhuineadh do Dhia, gus rèite a dhèanamh airson pheacaidhean an t-sluaigh.

<sup>18</sup>Oir, a chionn 's gun do dh'fhuiling e fhèin 's gun deach a bhuaireadh, tha e comasach air iadsan a tha fo bhuaireadh a chuideachadh.

### **Eabhradhich 3**

#### **Ìosa Nas Motha na Maois**

<sup>1</sup>Mar sin, a bhràithrean naomha, aig a bheil compàirt sa ghairm nèamhaidh, thugaibh fa-near an t-abstol agus àrd-shagart ar n-aideachaidh, Ìosa.

<sup>2</sup>Bha e dìleas dhàsan a dh'òrdaich e mar a bha Maois cuideachd na thaigh-san gu lèir.

<sup>3</sup>Oir chaidh esan a mheasadh airidh air barrachd glòire na Maois, dìreach mar a tha barrachd onair aig an fhear a thog e na th' aig an taigh fhèin.

<sup>4</sup>Oir tha a h-uile taigh air a thogail le cuideigin, ach 's e Dia a thog a h-uile sìon.

<sup>5</sup>Agus gu deimhinn bha Maois dìleas na thaigh-san gu lèir mar sheirbheiseach, mar theisteanas air na rudan a bha rin ràdh às dèidh sin.

<sup>6</sup>Ach tha Crìosd mar Mhac os cionn a thaighe-san, is sinne a thaigh ma chumas sinn gu deimhinn an dànachd 's an dòchas, cùis ar bòstaidh.

#### **Rabhadh an aghaidh Eas-Creideimh**

<sup>7</sup>Mar sin, mar a tha an Spiorad Naomh ag ràdh: “An-diugh, ma chluinneas sibh a ghuth,

<sup>8</sup>na cruadhaichibh ur cridheachan mar anns an ar-a-mach, air latha a' bhuaireadh anns an fhàsach,

<sup>9</sup>far an do bhuaireadh ur n-athraichean mi, dhearbhadh agus chunnaic iad mo ghnìomhan

<sup>10</sup>fad dà fhichead bliadhna, air an adhbhar sin, bha fearg orm ris a' ghinealach sin, agus thuirt mi, 'Tha iad an-còmhnaidh air seachran nan cridhe, agus cha b' aithne dhaibh mo shlighean-sa.'

<sup>11</sup>Mar sin, mhionnaich mi nam fheirg 'Cha tèid iad a-steach dham fhois.'"

<sup>12</sup>Thugaibh an aire, a bhràithrean, air eagal math dh'fhaodte gum bi ann an aon fhear agaibh droch chridhe an eas-creideimh, a dhèanadh sgaradh on Dia bheò.

<sup>13</sup>Ach earalaichibh càch-a-chèile a h-uile latha cho fad 's a bhios an-diugh air a thoirt air, air sgàth 's nach bi duine agaibh air a chruadhachadh le mealltaireachd a' pheacaidh.

<sup>14</sup>Oir tha sinn air tighinn gus a bhith nar compàirtichean de Chrìosd, ma ghleidheas sinn gu daingean toiseach ar barantais chun an deireadh.

<sup>15</sup>Mar a tha e air a ràdh: "An-diugh, ma chluinneas sibh a ghuth, na cruadhaichibh ur cridheachan, mar anns an ar-a-mach."

<sup>16</sup>Oir nuair a chuala iad, cò a rinn ar-a-mach? Nach b' iadsan uile a thàinig a-mach às an Èipheit le Maois?

<sup>17</sup>Agus cò ris a bha e feargach fad dà fhichead bliadhna? Nach ann riuthasan a pheacaich, leis an robh na cuirp a thuit san fhàsach?

<sup>18</sup>Agus cò iad dhan tug e mionnan nach rachadh iad a-steach dha fhois, ach dhaibhsan a bha eas-umhail?

<sup>19</sup>Agus tha sinn a' faicinn nach b' urrainn dhaibh a dhol a-steach air sgàth eas-creideimh.

## **Eabhraidhich 4**

### **Fois-Shàbaid airson Sluagh Dhè**

<sup>1</sup>Mar sin, math dh'fhaodte gum bu chòir eagal a bhith oirnn, fhad 's a tha gealladh fhathast ann a dhol a-steach dha fhois-san, air eagal 's gum biodh coltas air fear sam bith agaibh a bhith ann an easbhaidh.

<sup>2</sup>Oir, gu deimhinn, chaidh an soisgeul a shearmonachadh dhuinne, dìreach mar a chaidh dhaibhsan, ach cha robh am facal a chuala iadsan gu buannachd dhaibh, o nach robh e air aonadh le creideamh anns an fheadhainn a chuala e.

<sup>3</sup>Oir tha sinne a chreid a' dol a-steach dhan fhois; mar a thuir e: “Mar sin, mhionnaich mi nam fheirg Cha tèid iad a-steach dham fhois.” Ged, gu deimhinn, a chaidh na h-obraichean aige a chrìochnachadh bho stèidheachadh an t-saoghail.

<sup>4</sup>Oir thuir e an àiteigin mar seo mun t-seachdamh latha, “Agus ghabh Dia fois air an t-seachdamh latha o na h-obraichean aige gu lèir.”

<sup>5</sup>Agus san àite sin a-rithist, “Cha tèid iad a-steach dham fhois.”

<sup>6</sup>Mar sin, on a th' aig feadhainn fhathast ri dhol a-steach innte, agus o nach deach an fheadhainn a chuala an soisgeul a-cheana a-steach innte air sgàth eas-ùmhachd,

<sup>7</sup>a-rithist tha e a' suidheachadh latha àraidh, “an-diugh,” mar a tha e ag ràdh ann an Daibhidh às dèidh ùine cho fada, mar a chaidh a ràdh a-cheana: “An-diugh, ma chluinneas sibh a ghuth, na cruadhaichibh ur cridheachan.”

<sup>8</sup>Oir nam biodh Iosua air fois a thoirt dhaibh, cha bhiodh Dia air bruidhinn às dèidh sin mu latha eile.

<sup>9</sup>Mar sin tha latha Sàbaid fhathast ann airson sluaigh Dhè.

<sup>10</sup>Oir esan a chaidh a-steach dhan fhois, ghabh e fois o na h-obraichean aige cuideachd, mar a ghabh Dia o a chuid-san.

<sup>11</sup>Feuchamaid ma-thà air a dhol a-steach dhan fhois sin air eagal 's gun tuit fear sam bith a rèir an aon seòrsa eiseimpleir de dh'eas-ùmhachd.

<sup>12</sup>Oir tha facal Dhè beò is èifeachdach agus nas gèire na claidheamh dà fhaobhair sam bith, a' ruighinn eadhon gus an sgaradh eadar anam is spiorad, uilt is smior agus tuigseach mu smuaintean is rùintean a' chridhe.

<sup>13</sup>Agus chan eil creutair sam bith air falach mu choinneamh-san; ach tha a h-uile sìon lom is rùisgte do shùilean an Aoin dhan fheum sinne cunntas a thoirt.

### **Ìosa an t-Àrd-Shagart Mòr**

<sup>14</sup>Mar sin, on a tha àrd-shagart mòr againn a chaidh a-steach tro na nèamhan, Ìosa Mac Dhè, cumamaid gu daingeann ar n-aidmheil.

<sup>15</sup>Oir chan eil àrd-shagart againne nach urrainn co-fhaireachdainn a nochdadh dhar laigsean; ach a chaidh a bhuaireadh anns gach rud coltach rinn fhèin, ach às aonais peacaidh.

<sup>16</sup>Bu chòir dhuinn tighinn ma-thà le dànachd gu rìgh-chathair nan gràs, airson 's gun tèid tròcair a thoirt dhuinn agus gum faigh sinn gràs airson cuideachaidh tràthail.

## **Eabhraidhich 5**

- <sup>1</sup>Oir tha a h-uile h-àrd-shagart air a thoirt o mheasg dhaoine, air a shuidheachadh airson dhaoine sna rudan a tha a' buntainn do Dhia, gus tabhartasan is ìobairtean a thairgsinn airson pheacaidhean.
- <sup>2</sup>Is urrainn dha truas a ghabhail riuthasan a tha aineolach 's air seachran, a chionn 's gu bheil e fhèin cuideachd air a chuartachadh le laigse.
- <sup>3</sup>Is ann air a shon seo a dh'fheumas e tairgsinn airson a pheacaidhean fhèin a cheart cho math 's mar a nì e airson a shluaigh.
- <sup>4</sup>Chan eil duine sam bith a' gabhail an onair seo air fhèin, ach tha e air a ghairm le Dia, dìreach mar a bha Aaron.
- <sup>5</sup>Mar sin cuideachd, cha do ghlòraich Crìosd e fhèin gus a bhith air a dhèanamh na àrd-shagart, ach esan a thuir ris: “Is tusa mo Mhac; an-diugh ghin mi thu.”
- <sup>6</sup>Agus ann an àite eile, tha e ag ràdh: “Tha thu nad shagart gu bràth, a rèir òrduigh Mhelchisedeic.”
- <sup>7</sup>Fad nan làithean a bha e san fheòil, às dèidh dha ùrnaighean is ìmpidhean a thairgsinn suas, le caoineadh cruaidh is deòir, ris-san a b' urrainn a shàbhaladh on bhàs, chaidh èisteachd ris na ùmhlachd.
- <sup>8</sup>Ged a bha e na mhac, dh'ionnsaich e ùmhlachd bho na rudan a dh'fhulaing e.
- <sup>9</sup>Agus air a dhèanamh foirfe, chaidh a dhèanamh dhaibhsan uile a bheir ùmhlachd dha, na adhbhar sàbhalaidd sìorraidh,
- <sup>10</sup>air ainmeachadh le Dia mar àrd-shagart a rèir òrduigh Mhelchisedeic.

### **Rabhadh an aghaidh Tuiteam air Falbh**

- <sup>11</sup>Tha mòran againn ri ràdh mu seo agus tha e doirbh a mhìneachadh on a tha sibh air fàs mall nur n-èisteachd.
- <sup>12</sup>Oir, gu deimhinn, ged a bu chòir dhuibhse a bhith nur luchd-teagaisg aig an àm seo, tha feum agaibh a-rithist a bhith air ur teagasg mu phrionnsapalan bunasach fhaclan Dhè, agus tha sibh air tighinn gus feum a bhith agaibh air bainne 's chan ann air biadh làidir.
- <sup>13</sup>Oir tha a h-uile fear a tha a' gabhail bainne aineolach air facal na fireantachd, oir is e leanabh a th' ann.
- <sup>14</sup>Ach tha biadh làidir airson inbhich, aig a bheil an toinisgean, tro chleachdadh, comasach air eadar-dhealachadh a dhèanamh eadar maith is uilc.

## **Eabhraidhich 6**

<sup>1</sup>Air an adhbhar sin, fàgamaid air chùl teagasg bunasach Chrìosd, gus a dhol air adhart gu inbheachd, gun bhunait a stèidheachadh a-rithist airson aithreachais o obraichean mharbha agus creideimh ann an Dia,

<sup>2</sup>teagasg mu bhaistidhean 's mu shìneadh làmhan agus mu aiseirigh nam marbh 's mu bhreitheanas sìorraidh.

<sup>3</sup>'S e seo a nì sinn, ma cheadaicheas Dia.

<sup>4</sup>Oir tha e do-dhèanta dhaibhsan a chaidh a shoillseachadh aon uair, a bhlais an tiodhlac nèamhaidh 's a chaidh an dèanamh nan compàirtich dhen Spiorad Naomh,

<sup>5</sup>agus a bhlais deagh fhacal Dhè agus cumhachdan na linne a tha ri thighinn,

<sup>6</sup>agus a thuit air falbh, an t-aithreachas aca ath-nuadhachadh a-rithist, oir tha iad a' ceusadh a-rithist dhaib' fhèin Mac Dhè agus a' dèanamh culaidh-mhagaidh phoblaich dheth.

<sup>7</sup>Oir tha an talamh, a dh'òlas an t-uisge a tha a' tuiteam air gu tric agus a chuireas a-mach bàrr freagarrach dhaibhsan a tha ga obrachadh, a' faighinn beannachd Dhè.

<sup>8</sup>Ach ma chuireas e a-mach droigheann 's cluarain, tha e air a chur air chùl, an impis a bhith mallaichte agus 's e a' chrìoch aige a bhith air a losgadh.

<sup>9</sup>Ach eadhon ma bhruidhneas sinn san dòigh seo, a luchd-gràidh, tha ìmpidh oirnn rudan nas fheàrr a chreidsinn mur deidhinn-se agus mu rudan a tha co-cheangailte ri sàbhaladh.

<sup>10</sup>Oir chan eil Dia cho neo-fhìreanta 's gun dìochuimhnicheadh e ur saothair agus an gràdh a sheall sibh dha ainm, mar a rinn sibh frithealadh agus mar a tha sibh fhathast a' frithealadh dha na naoimh.

<sup>11</sup>Tha miann againn gun seall gach neach agaibh an dearbh èasgaidheachd mu choileanadh ur dòchais chun an deiridh,

<sup>12</sup>airson 's nach bi sibh leisg ach nur luchd-leanmhainn orrasan a shealbhaicheas na geallaidhean tro chreideamh 's tro fhoighidinn.

### **Cinnteach mu Gheallaidhean Dhè**

<sup>13</sup>Oir nuair a thug Dia a gheallaidhean do dh'Abrahàm, thug e mionnan air fhèin, a chionn 's nach robh aon nas motha na e fhèin ann air an toireadh e mionnan,

<sup>14</sup>ag ràdh, “Gu dearbh, beannaichidh mi thu le beannachadh agus nì mi lionmhor thu le lionmhorachd.”

<sup>15</sup>Agus tro bhith foighidneach san dòigh seo choisinn e an gealladh.

<sup>16</sup>Oir bheir daoine mionnan air rudeigin nas motha na iad fhèin, agus tha mionnan barantais na cho-dhùnadh dheireannach sa h-uile connspaid eatorra.

<sup>17</sup>San aon dòigh, bha Dia a' miannachadh gun tuigeadh oighrean a' gheallaidh gu coileanta nach gabhadh a thoil atharrachadh agus thug e mionnan cuideachd,

<sup>18</sup>airson 's – tro dhà rud nach gabh atharrachadh, anns an robh e do-dhèanta do Dhia breug a dhèanamh – gum biodh sinne a theich thuige airson dìdein air ar misneachadh gu làidir gus grèim a ghabhail air an dòchas a tha romhainn,

<sup>19</sup>agus tha sin againne mar acair stèidhichte is cinnteach dhar n-anam, 's a tha a' dol a-steach air taobh a-staigh a' chùirtair

<sup>20</sup>far an deach Ìosa, an ro-ruitheadair, a-steach air ar son-ne, a chaidh a dhèanamh na àrd-shagart gu sìorraidh a rèir òrduigh Mhelchisedec.

## Eabhraidhich 7

### Melchisedec an Sagart

<sup>1</sup>Oir b' e am Melchisedec seo, rìgh Shàleim, sagart an Dè as Àirde, a choinnich ri Abrahàm 's e a' tilleadh bho spadadh nan rìghrean agus bheannaich esan e,

<sup>2</sup>is thug Abrahàm dha an deicheamh dhe a chuid gu lèir. Tha a' chiad mhìneachadh air ainm-san a' ciallachadh “rìgh a' cheartais”, agus an uair sin cuideachd “rìgh Shàleim”, 's e sin “rìgh na sìthe”,

<sup>3</sup>gun athair, gun mhàthair, gun shinnsireachd, gun toiseach làithean no deireadh beatha ach air a dhèanamh coltach ri Mac Dhè, fanaidh e na shagart gu sìorraidh.

<sup>4</sup>A-nis, beachdaichibh air cho cudthromach 's a tha an duine seo dhan tug am prìomh-athair Abrahàm an deicheamh cuid dhen chreach.

<sup>5</sup>Agus tha cùmhnant dha-rìribh aig Mic Lèbhi nuair a ghabhas iad an t-sagartachd orra fhèin, gu bheil còir aca air an deicheamh cuid o na daoine a rèir an lagha, 's e sin bhom bràithrean, ged a tha iadsan cuideachd de shliochd Abrahàim.

<sup>6</sup>Ach thug esan aig nach eil sinnsireachd uapasan an deicheamh cuid bho Abrahàm agus bheannaich e am fear aig an robh na geallaidhean.

<sup>7</sup>Gun teagamh sam bith, tha am fear as lugha air a bheannachadh leis an fhear as motha.

<sup>8</sup>Air an aon làimh, is iad daoine bàsmhor a gheibh na deicheamhan; ach air an làimh eile gheibh esan iad dham bheil fianais air a thoirt gu bheil e fhathast beò.

<sup>9</sup>Agus dh'fhaodadh e a bhith air a ràdh gu robh aig Lèbhi fhèin, am fear a tha a' faighinn deicheamhan, ri deicheamhan a thoirt seachad tro dh'Abrahàm,

<sup>10</sup>oir bha e fhathast ann an corp athar nuair a thachair Melchisedec ris.

### **Ìosa Coltach ri Melchisedec**

<sup>11</sup>Mar sin, ma thàinig foirfeachd tron t-sagartachd Lèbhitheach, on a fhuair daoine na laghannan aca air a' bhunait sin, carson a bha barrachd feum air sagart eile èirigh a rèir òrduigh Mhelchisedeic agus gun e idir air ainmeachadh a rèir òrdugh Aaroin?

<sup>12</sup>Oir ma tha atharrachadh air an t-sagartachd tha e mar fhiachaibh cuideachd gum bi atharrachadh air an lagh,

<sup>13</sup>oir buinidh am fear mun deach na rudan sin a ràdh do threubh eile, agus cha do rinn duine dhen treubh seo seirbheis aig an altair.

<sup>14</sup>Oir tha e gu math soilleir gun robh ar Tighearna de shliochd Iùdah, agus a thaobh na trèibh sin cha tuirt Maois sìon mu shagartan.

<sup>15</sup>Agus gu deimhinn, tha e eadhon nas soilleire ma dh'èireas sagart eile coltach ri Melchisedec suas,

<sup>16</sup>a tha a' nochdadh, chan ann a rèir lagha àithne fheòlmhoir, ach a rèir cumhachd beatha nach gabh a sgrìos.

<sup>17</sup>Oir tha e ag ràdh: “Tha thu nad shagart gu bràth, a rèir òrduigh Mhelchisedeic.”

<sup>18</sup>Tha an àithne seo air aon làimh air a cur gu aon taobh a chionn 's gu bheil i gun chumhachd agus gun bhuidh

<sup>19</sup>(oir cha tug an lagh sìon gu foirfeachd), ach air an làimh eile tha dòchas nas fheàrr air a thoirt a-steach, tron tig sinn nas dlùithe do Dhia.

<sup>20</sup>Agus thuige seo, bha sin gun mhionnan a dhèanamh oir chaidh sagartan a dhèanamh dhiubhsan gun mhionnan

<sup>21</sup>agus chaidh esan a dhèanamh na fhear dhiubh le mionnan tron aon a thuir ris: “Mhionnaich an Tighearna agus chan atharraich e inntinn: ‘Tha thu nad shagart gu bràth.’”

<sup>22</sup>Is ann gu math nas fheàrr a tha an cùmhnant dhan deach Ìosa a dhèanamh na bharantas.

<sup>23</sup>Oir air aon làimh bha mòran nan sagartan, a chionn 's gun do chuir am bàs bacadh orra bhon a bhith maireann;

<sup>24</sup>ach air an làimh eile tha an t-sagartachd aigesan gu sìorraidh, a' chionn 's gum mair e gu bràth.

<sup>25</sup>Agus mar sin, tha esan comasach air iadsan a thig gu Dia troimhesan a shàbhaladh gu h-iomlan, oir tha e beò gu sìorraidh airson guidhe air an son.

<sup>26</sup>Oir bha e riatanach gum biodh a leithid seo de dh'àrd-shagart againne; naomh, neoichiontach, neo-thruaillidh, air leth bho pheacaich agus air a dhèanamh nas àirde na na nèamhan,

<sup>27</sup>fear nach fheum ìobairt a thairgsinn a h-uile latha mar na h-àrd-shagartan eile, anns a chiad àite airson a pheacaidhean fhèin agus an uair sin airson feadhna nan daoine, a chionn 's gun do rinn e sin aon uair a-mhàin nuair a thairg e e fhèin.

<sup>28</sup>Oir tha an lagh a' suidheachadh shagartan de dhaoine a tha buailteach air laigse, ach tha facal a' mhionna, a thàinig às dèidh an lagha, a' suidheachadh a' Mhac, foirfe gu sìorraidh.

## Eabhraidhich 8

### Àrd-Shagart a' Chùmhnaint Ùir

<sup>1</sup>A-nis, 's e seo geàrr-chunntas dhe na chaidh a ràdh: tha an seòrsa seo de dh'àrd-shagart againn; shuidh e sìos air deas-làimh rìgh-chathair na mòrachd anns na nèamhan,

<sup>2</sup>ministear an ionaid naoimh 's an fhìor phàillein a stèidhich Dia 's chan e duine.

<sup>3</sup>Oir, tha a h-uile h-àrd-shagart air a thaghadh airson tiodhlacan is ìobairtean a thairgsinn suas, mar sin feumaidh rudeigin a bhith aigesan cuideachd airson a thairgsinn suas.

<sup>4</sup>Nam biodh e air talamh ma-thà, cha bhiodh e na shagart, oir tha feadhainn ann a thairgeas tiodhlacan a rèir an lagha,

<sup>5</sup>a tha a' frithealadh samhail is faileas nan àiteachan nèamhaidh, mar a chaidh òrdachadh do Mhaois nuair a bha e a' crìochnachadh na pàillein. Oir tha e ag ràdh, “Faic gun dèan thu a h-uile sìon a rèir an t-samhlaidh a chaidh a shealltainn dhut air a' bheinn.”

<sup>6</sup>Ach a-nis, fhuair esan ministrealachd a tha cho math nas fheàrr na an cùmhnant air a bheil esan na eadar-mheadhanair, agus cùmhnant a tha stèidhichte air geallaidhean a tha nas fheàrr.



<sup>7</sup>Oir nam biodh a' chiad fhear gun choire, cha bhiodh adhbhar siridh ann airson àite dhan dara fear.

<sup>8</sup>Oir a' faighinn coire dhaibh, thuir e: “Seallaibh, tha làithean a' tighinn, tha an Tighearna ag ràdh, nuair a stèidhicheas mi cùmhnant ùr ri taigh Israeil agus ri taigh Iùdah.

<sup>9</sup>Chan ann a rèir a' chùmhnaint a rinn mi ris na h-athraichean aca nuair a thug mi iad lem làimh airson an treòrachadh a-mach à tìr na h-Èipheit, oir cha do dh'fhan iad dileas rim cùmhnant, agus cha robh cùram agam dhaibh, ars an Tighearna.

<sup>10</sup>'S e seo an cùmhnant a nì mi ri taigh Israeil às dèidh nan làithean sin, ars an Tighearna. Cuiridh mi mo laghannan nan n-inntinnean agus sgrìobhaidh mi iad air an cridheachan. Agus bidh mise nam Dhia dhaibhsan agus bidh iadsan nan sluagh dhòmhsa.

<sup>11</sup>Agus cha teagaisg neach sam bith a choimhearsnach, no neach sam bith a bhràthair, ag ràdh, ‘Biodh eòlas agad air an Tighearna,’ a chionn 's gum bi eòlas aca uile orm, on fhear as lugha dhiubh chun an fhir as motha.

<sup>12</sup>Oir nì mi tròcair air an cuid uilc, agus cha chuimhnich mi air am peacaidhean tuilleadh.”

<sup>13</sup>Le bhith ag ràdh “Cùmhnant ùr”, rinn e a' chiad fhear sean, agus an rud a tha a' fàs sean is aosta, tha e an impis a dhol à sealladh.

## Eabhraidhich 9

### Adhradh anns a' Phàillean Talmhaidh

<sup>1</sup>A-nis, bha òrduighean-seirbheis cuideachd sa chiad phàillean agus san ionad-naomh talmhaidh.

<sup>2</sup>Oir chaidh a' chiad phàillean a dheasachadh anns an robh an dà chuid, an coinnlear agus am bòrd air an robh taisbeanadh nan lofaichean, ris can iad Naomh,

<sup>3</sup>agus air cùlaibh an dara cùrtair bha pàillean ris an can iad an t-Àite ro-Naomh,

<sup>4</sup>le tùisear òir agus Àirc a' Chùmhnaint air a còmhdachadh gu lèir mun cuairt le òr, agus le poit òir innte anns an robh am mana, agus an t-slat aig Aaron a chuir a-mach blàth, agus clàir a' chùmhnaint.

<sup>5</sup>Os a cionn, tha *cherubim* na glòire a' cur sgàile air cathair na tròcaire, rudan nach urrainn dhuinn bruidhinn mu dheidhinn gu mionaideach an-dràsta.

<sup>6</sup>A-nis, on a chaidh na rudan a chur an òrdugh mar seo, tha na sagartan a' dol a-steach fad an t-siubhail dhan chiad phàillean a' coileanadh na seirbheisean,

<sup>7</sup>ach is e an t-àrd-shagart a-mhàin a chaidh a-steach dhan dara fear aon uair sa bhliadhna, agus cha do rinn e sin gun fhuil a thairgsinn air a shon fhèin 's airson pheacaidhean aineolais an t-sluaigh.

<sup>8</sup>Tha an Spiorad Naomh a' nochdadh nach deach an t-slighe a-steach dhan Àite Naomh fhathast fhoillseachadh fhad 's a bha a' chiad phàillean fhathast na sheasamh.

<sup>9</sup>'S e samhladh a tha seo airson an ama seo, anns a bheil tiodhlacan 's ìobairtean air an tairgsinn nach urrainn dhan fhear-adhraidh a dhèanamh foirfe a thaobh a chogais.

<sup>10</sup>Chan eil annta ach riaghailtean feòlmhora a chaidh àithne gu àm an leasachaidh aca.

### Fuil Chrìosda

<sup>11</sup>Ach thàinig Crìosd mar àrd-shagart nan deagh rudan a thàinig gu bith tron phàillean a tha nas motha 's nas foirfiche, nach deach a dhèanamh le làmhan, 's e sin, nach buin dhan chruthachadh seo.

<sup>12</sup>Chan ann tro fhuil ghobhar 's laogh, ach tro fhuil fhèin a chaidh e a-steach aon uair 's gu bràth dhan Àite Naomh, 's e air sàbhaladh sìorraidh fhaighinn.

<sup>13</sup>Oir ma nì fuil tharbh 's ghobhar, is luath aighe air a crathadh air an fheadhainn a tha neòghlan, an naomhachadh airson glanadh na feòla,

<sup>14</sup>nach motha na sin a ghlanas fuil Chrìosd – a thairig e fhèin, tron Spiorad Sìorraidh, neoichiontach do Dhia – ar cogais o obraichean marbha airson adhraidh a thoirt dhan Dia bheò?

<sup>15</sup>Agus air an adhbhar sin, is esan eadar-mheadhanair cùmhnaint ùir, oir gun do bhàsaich e airson saorsa o eu-ceartan a thachair fon chiad chùmhnant, airson 's gum faigh iadsan a th' air an gairm gealladh na h-oighreachd shìorraidh.

<sup>16</sup>Oir far a bheil tiomnadh, feumaidh bàs an neach-tiomnaidh tachairt,

<sup>17</sup>oir tha tiomnadh èifeachdach às dèidh bàis, oir chan eil e ann an dòigh sam bith brìoghmhor fhad 's a tha an neach-tiomnaidh beò.

<sup>18</sup>'S ann mar sin nach deach a' chiad chùmhnant a choisrigeadh gun fhuil.

<sup>19</sup>Bhruidhinn Maois ris an t-sluaigh gu lèir mun a h-uile h-àithne a rèir an lagha, thug e thuige fuil laogh is ghobhar le uisge agus clòimh dhearg is hiosop agus chrath e an dà chuid, air an leabhar fhèin 's air an t-sluaigh,

<sup>20</sup>ag ràdh, “Is i seo fuil a' chùmhaint a dh'òrdaich Dia dhuibh.”

<sup>21</sup>Agus san aon dòigh, chrath e fuil air a' phàillean 's air soithichean na seirbheis naoimh gu lèir.

<sup>22</sup>Agus cha mhòr nach eil a h-uile sìon air a ghlanadh le fuil a rèir an lagha, agus às aonais dòrtadh fala, chan eil mathanas ann.

<sup>23</sup>Bha e riatanach ma-thà gum biodh samhlaidhean nan rudan anns na nèamhan air an glanadh leis na h-ìobairtean sin, ach na rudan nèamhaidh iad fhèin, le ìobairtean a b' fheàrr na iad sin.

<sup>24</sup>Oir cha deach Crìosd a-steach do dh'àite naomh a chaidh a dhèanamh le làmhan, samhla dhen fhìor fhear, ach do nèamh fhèin airson nochdadh mu choinneamh Dhè air ar son-ne.

<sup>25</sup>Ach chan ann airson e fhèin ìobradh gu tric, mar a nì an t-àrd-shagart a thèid a-steach dhan ionad naomh gach bliadhna le fuil nach eil leis fhèin,

<sup>26</sup>oir bhiodh aige ri fulang iomadh uair o thoiseach an t-saoghail; ach a-nis aig deireadh nan linntean, nochd e e fhèin aon uair airson mathanas pheacaidhean tro e fhèin ìobradh.

<sup>27</sup>Oir dìreach mar a tha e air òrdachadh gum faigh daoine bàs aon uair agus às dèidh sin am breitheanas,

<sup>28</sup>mar sin cuideachd chaidh Crìosd a thairgsinn suas aon uair gus peacaidhean mhòrain a thoirt air falbh agus bidh e air fhaicinn an dara h-uair gun pheacadh leothasan a tha ga fheitheamh airson sàbhalaidh.

## **Eabhraidhich 10**

### **Ìobairt Chrìosd Aon Uair agus gu Sìorraidh**

<sup>1</sup>Oir tha sgàil nan rudan matha a tha ri thighinn anns an lagh – chan e fìor-chumadh nan rudan sin fhèin. Oir leis na h-aon ìobairtean a tha iad a' tairgsinn an-còmhnaidh a h-uile bliadhna, chan eil e comasach an fheadhainn a tha an làthair a dhèanamh foirfe.

<sup>2</sup>No, nach biodh iad air sgur a' dhèanamh na h-ìobairtean, a chionn 's, bhon a bha an luchd-adhraidh air an glanadh, nach biodh tuigse aca tuilleadh gu robh iad nam peacaich?

<sup>3</sup>Ach, anns na h-ìobairtean sin, tha cuimhneachan air peacaidhean a h-uile bliadhna.

<sup>4</sup>Oir, tha e do-dhèanta do dh'fhuil tharbh 's ghobhar peacaidhean a thoirt air falbh.

<sup>5</sup>Mar sin, nuair a tha e a' tighinn chun an t-saoghail, tha Crìosd ag ràdh: “Ìobairt agus tabhartas, cha robh mi ag iarraidh, ach dh'ullaich thu corp dhòmhsa;

<sup>6</sup>ann an ìobairtean-loisgte agus tabhartasan-pheacaidh cha robh tlachd agam.

<sup>7</sup>An uair sin thuirt mi, ‘Seall, tha mi air tighinn – mar a tha e sgrìobte mum dheidhinn ann an rolla an leabhair – a dhèanamh do thoil, a Dhè.’”

<sup>8</sup>Nuair a tha e ag ràdh gu h-àrd, “Cha robh thu ag iarraidh ìobairtean agus tabhartasan, ìobairtean-loisgte agus tabhartasan-pheacaidh agus cha robh tlachd agad annta” (a tha air an tairgsinn a rèir an lagha),

<sup>9</sup>an uair sin thuirt e, “Seall, tha mi air tighinn airson do thoil a dhèanamh.” Tha e a' cur às dhan chiad tè gus an dara tè a stèidheachadh,

<sup>10</sup>agus tha sinne air ar naomhachadh leis an toil seo, tro thairgsinn chuirp Ìosa Crìosd aon uair is gu sìorraidh.

<sup>11</sup>Agus tha a h-uile sagart a' seasamh gach latha a' frithealadh agus gu tric a' tairgsinn nan aon ìobairtean nach urrainn peacaidhean a thoirt air falbh a-chaidh.

<sup>12</sup>Ach esan, às dèidh dha aon ìobairt a thairgsinn airson pheacaidhean gu sìorraidh, shuidh e sìos air deas-làimh Dhè,

<sup>13</sup>a' feitheamh ris an àm nuair a bhios a nàimhdean air an dèanamh nan stòl-chas fo a chasan.

<sup>14</sup>Oir le aon ìobairt, rinn e foirfe gu sìorraidh iadsan a th' air an naomhachadh.

<sup>15</sup>Agus tha an Spiorad Naomh cuideachd a' toirt fianais dhuinn. Oir às dèidh dha a ràdh:

<sup>16</sup>“S e seo an cùmhnant a nì mi riutha às dèidh nan làithean sin, ars an Tighearna. Bheir mi mo laghannan dhan cridheachan, agus dhan inntinnean agus sgrìobhaidh mi orra iad.”

<sup>17</sup>An uair sin tha e ag ràdh: “Agus cha chuimhnich mi air an cuid pheacaidhean is chiontan tuilleadh.”

<sup>18</sup>Agus far a bheil mathanas dhaibh sin, chan eil ìobairt tuilleadh ann airson a' pheacaidh.

### **Gairm gu Bhith Leanailteach sa Chreideamh**

<sup>19</sup>Mar sin, a bhràithrean, on a tha dànachd againn gus a dhol a-steach dhan àite naomh tro fhuil Ìosa,

<sup>20</sup>air slighe ùr is bheò a choisrig e dhuinne tron chùrtair, 's e sin fheòil fhèin,

- 21** agus on a tha sagart mòr againn thairis air taigh Dhè,
- 22** rachamaid dlùth le cridhe fìor, ann an làn earbsa a' chreideimh le cridheachan air an crath-ghlanadh o dhroch chogais, agus ar cuirp air an nighe le uisge glan.
- 23** Gleidheamaid gu daingeann aideachadh ar dòchais gun a bhith eadar dà bharrail, oir tha esan a thug an gealladh dìleas.
- 24** Agus gabhamaid an aire dha chèile gus gràdh agus deagh obraichean a bhrosnachadh,
- 25** gun dearmad a chur air cruinneachadh còmhla, mar a tha e na chleachdadh aig feadhainn, ach a' toirt misneachd dha chèile, agus sin a' meudachadh a rèir 's mar a chì sibh an latha a' dlùthachadh.
- 26** Oir ma pheacaicheas sinn gu toileach às dèidh dhuinn eòlas fhaighinn air an fhìrinn, chan eil ìobairt airson pheacaidhean tuilleadh ann,
- 27** ach dùil eagalach ri breitheanas agus teine eudmhor a dh'itheas suas na nàimhdean.
- 28** Chaidh neach sam bith a dhiùlt lagh Mhaois a chur gu bàs gun tròcair air teisteanas dhithis no thriùir.
- 29** Nach ann nas miosa a shaoileas sibh a bhios am peanas a tha freagarrach dhàsan a shaltair Mac Dhè fo a chasan, a thruaill fuil a' chùmhaint leis an deach a naomhachadh agus a thàmailtich Spiorad a' ghràis?
- 30** Oir is aithne dhuinne esan a thuirt, “Buinidh dìoghaltas dhòmhsa, agus dìoghlaidh mise,” agus a-rithist, “Bheir an Tighearna breith air a shluagh.”
- 31** 'S e rud eagalach a th' ann tuiteam ann an làmhan an Dè bheò.
- 32** Ach cuimhnichibh air na làithean a dh'fhalbh, nuair a chaidh sibh tro dheuchainn mhòr-fhulangais às dèidh dhuibh a bhith air ur soillseachadh:
- 33** uaireannan le bhith a' dol tro mhaslaidhean is thrioblaidean gu poblach agus uaireannan eile le bhith nur companaich dhaibhsan ris an deach dèiligeadh san dòigh sin.
- 34** Oir bha co-fhaireachadh agaibh do phrìosanaich, agus ghabh sibh le gairdeachas ri creachadh ur cuid, agus deagh fhios agaibh gu bheil maoin nas fheàrr 's nas maireannaiche agaib' fhèin.
- 35** Mar sin, na tilgibh air falbh ur dànadas oir tha ath-dhìoladh mòr na chois.
- 36** Oir tha feum agaibh air fulangas airson duais ur geallaidh fhaighinn às dèidh toil Dhè a dhèanamh.

<sup>37</sup>Oir ann an ùine glè ghoirid: “Thig esan a tha ri thighinn agus cha dèan e dàil.

<sup>38</sup>Ach bidh am firean beò tro chreideamh annamsa. Agus ma thionndaidheas e air ais, cha bhi tlachd aig m' anam ann.”

<sup>39</sup>Ach cha bhui sinne dhan fheadhainn sin a thionndaidheas air ais gu sgrios, ach dhan fheadhainn aig a bheil creideamh airson beatha a ghleidheadh.

## Eabhraidhich 11

### Tro Chreideamh

<sup>1</sup>A-nis 's e creideamh cinnt nan rudan ris a bheil dòchas againn, dearbhadh air na rudan nach fhaic sinn.

<sup>2</sup>Oir 's ann troimhe a fhuair na sinnsirean teisteanas.

<sup>3</sup>Tro chreideamh, tha sinne a' tuigsinn gun deach na saoghail a chruthachadh le facal Dhè airson 's gun tuig sinn nach deach na tha ri fhaicinn a chruthachadh o na tha faicsinneach.

<sup>4</sup>Tro chreideamh, thairg Abel ìobairt na b' fheàrr do Dhia na rinn Càin, agus troimhe chaidh cliù a thoirt dha mar dhuine ceart agus thug Dia seo dha mar thoradh air a thiodhlaicean, agus tro chreideamh, ged a fhuair e bàs, tha e fhathast a' bruidhinn.

<sup>5</sup>Tro chreideamh, chaidh Enoch a thoirt suas airson 's nach fhaiceadh e bàs, agus cha robh e ri fhaighinn a chionn 's gu robh Dia air a thoirt suas: oir, mus deach a thoirt suas, fhuair e teisteanas gun do thoilich e Dia gu mòr.

<sup>6</sup>Gun chreideamh, tha e do-dhèanta a thoileachadh; oir feumaidh an neach a thig thuige creidsinn gu bheil e ann, agus gun toir e duais dhaibhsan a shireas e gu dìcheallach.

<sup>7</sup>Tro chreideamh, fhuair Nòah rabhadh mu rudan nach deach fhaicinn fhathast, agus gu h-urramach thog e àirc airson a theaghlach a shàbhaladh. Le seo, dhìt e an saoghal agus chaidh a dhèanamh na oighre air an fhèireantachd a tha a rèir a' chreideimh.

<sup>8</sup>Tro chreideamh, nuair a chaidh Abrahàm a ghairm gus falbh a-mach gu àite a bha e dol a dh'fhaighinn mar oighreachd, rinn e ùmhlachd agus dh'fhalbh e a-mach gun fhios aige càit a robh e a' dol.

<sup>9</sup>Tro chreideamh, dh'fhuirich e mar choigreach ann an tìr a' gheallaidh, mar ann an dùthaich chèin, a' còmhnaidh ann am pàilleanan còmhla ri Ìsaac is Iàcob, co-oighreachan an aon gheallaidh.

**10**Oir bha e a' feitheamh air baile le bunaithean, air a bheil Dia na dhealbhadair agus na fhear-togail.

**11**Tro chreideamh, fhuair Sàra fhèin, a bha neo-thorrach, an comas sliochd a bhith aice, ged a bha i seachad air aois chloinne a bhith aice, a chionn 's gun do mheas i fìrinneach esan a rinn an gealladh.

**12**Mar sin, thàinig gu bith, o aon duine, agus esan an ìre mhath gus a bhith marbh, sliochd a bha cho lìonmhor 's a tha reultan nèimh agus do-àireamh mar ghainmheach tràighe na mara.

**13**Fhuair iadsan uile bàs ann an creideamh, gun na geallaidhean fhaighinn, ach chunnaic 'ad iad fad' às agus ghabh iad riutha, ag aideachadh gu robh iad nan luchd-cuairt agus nan coigrich air thalamh.

**14**Oir tha an fheadhainn a bhruidhneas mar seo a' foillseachadh gu bheil iad a' sireadh an dùthaich fhèin.

**15**Agus nan robh iad a' smaoinichadh air an tìr às an tàinig iad, bhiodh iad air cothrom fhaighinn airson tilleadh.

**16**Ach bha iad a' miannachadh tìr na b' fheàrr, 's e sin, tìr nèamhaidh. Mar sin, chan eil nàire air Dia a bhith air ainmeachadh mar an Dia acasan; oir dh'ullaich esan baile dhaibh.

**17**Tro chreideamh, nuair a chaidh a dhearbhadh, thairg Abrahàm suas Ìsaac, agus bha esan a fhuair na geallaidhean a' tairgsinn suas aonghin mhic,

**18**ged a chaidh a ràdh ris, “Ach tro Ìsaac bidh do shliochd air ainmeachadh.”

**19**Bha e am beachd gu robh Dia comasach eadhon air a thogail o na mairbh, oir, a' bruidhinn gu samhlauchail, fhuair e air ais e.

**20**Tro chreideamh, a thaobh nan rudan a bha ri tighinn, bheannaich Ìsaac Iàcob agus Esau.

**21**Tro chreideamh, nuair a bha e a' bàsachadh, bheannaich Iàcob gach fear dhe na mic aig Iòsaph, agus rinn e adhradh 's a chuideam air bàrr a bhata.

**22**Tro chreideamh, agus e a' bàsachadh, thug Iòsaph iomradh air dol a-mach chlann Israil agus thug e òrdugh mu na cnàmhan aige.

**23**Tro chreideamh, nuair a rugadh Maois, chaidh a chur air falach fad thrì mìosan le a phàrantan, oir chunnaic iad gu robh am pàiste brèagha; agus cha robh eagal aca o òrdugh an rìgh.

**24**Tro chreideamh, nuair a dh'fhàs e mòr, dhiùlt Maois gun deigheadh mac nighean Phàraoh a thoirt air.

**25**Roghnaich e àmhghar fhulang còmhla ri sluagh Dhè seach toileachas a' pheacaidh a bhith aige airson greis.

**26**Mheas e gu robh masladh Chrìosd na bheairteas na bu motha na ionmhas na h-Èipheit, oir bha e a' coimhead ris an ath-dhìoladh.

**27**Tro chreideamh, dh'fhàg e an Èipheit gun eagal air ro fhearg an rìgh; oir lean e air mar gun robh e a' faicinn an Aoin a bha neo-fhaicsinneach.

**28**Tro chreideamh, ghlèidh e a' Chàisg agus dòrtadh na fala, airson 's nach beanadh am fear a bha a' sgrios nan ciad-ghin riutha.

**29**Tro chreideamh, chaidh iad tron Mhuir Ruadh mar gum b' ann tro thalamh tioram, ach nuair a dh'fheuch na h-Èipheitich air seo a dhèanamh, chaidh am bàthadh.

**30**Tro chreideamh, thuit ballachan Iericho sìos nuair a bha iad air an cuartachadh fad sheachd latha.

**31**Tro chreideamh, cha deach Rahab, an strìopach, a sgrios còmhla ris na h-ana-creidmhich, nuair a ghabh i ris na beachdairean le sìth.

**32**Agus dè an còrr a chanas mi? Oir chan eil ùine agam innse mu Ghideon, mu Bharac is cuideachd mu Shamson is mu Iephtah, mu Dhaibhidh agus cuideachd mu Shamuel, agus mu na fàidhean,

**33**feadhainn, tro chreideamh, a cheannsaich rìoghachdan, a chuir ceartas an gnìomh, a fhuair geallaidhean, a dhùin beòil leòmhan,

**34**a mhùch cumhachd teine, a fhuair air falbh o fhaobhar a' chlaidheimh, a fhuair neart o laigse, a dh'fhàs làidir ann an cogadh agus a chuir ruaig air armailtean choimheach.

**35**Fhuair boireannaich air ais na mairbh aca tro aiseirigh, agus bha feadhainn eile air am pianadh, a' diùltadh a bhith air an saoradh airson aiseirigh na b' fheàrr fhaighinn.

**36**Dh'fhuiling feadhainn eile cuideachd fanaidean is sgiùrsaidhean, agus fiù 's ceanglaichean is prìosanachadh.

**37**Chaidh an clachadh, chaidh an sàbhadh às a chèile, bhàsaich iad leis a' chlaidheamh, bha iad a' dol mun cuairt ann an craiceannan chaorach agus ann an craiceannan ghobhar, ann an uireasbhaidh, air an ànradh agus air an droch-làimhseachadh –

**38**cha robh an saoghal airidh orra, a' siubhal ann am fàsaichean, air beanntan, ann an uamhan agus ann an tuill san talamh.

**39**Agus ged a fhuair iad seo uile cliù tron chreideamh aca, cha d' fhuair iad na chaidh a ghealltainn,

**40**on a bha Dia air rudeigin na b' fheàrr a sholarachadh air ar son, gus nach biodh iadsan air an dèanamh foirfe às ar n-aonais.



## Eabhraidhich 12

### Dia a' Smachdachadh a Chuid Mac

<sup>1</sup>Air an adhbhar sin, on a tha neul cho mòr de dh'fhianaisean gar cuartachadh, cuireamaid dhinn gach cuideam agus am peacadh a tha ag iadhadh mur timcheall, agus ruitheamaid le foidhidinn an rèis a tha romhainn,

<sup>2</sup>a' coimhead air Iosa, ceannard is fear-crìochnachaidh ar creideimh, esan a dh'fhuiling an crann-ceusaidh airson an aoibhneis a bha roimhe, a' dèanamh dìmeas air a nàire agus a shuidh air deas-làimh rìgh-chathair Dhè.

<sup>3</sup>Mar sin, thugaibh fa-near esan a dh'fhuiling a' leithid de nàimhdeas na aghaidh o pheacaich, airson 's nach bi sibh air ur mì-mhisneachadh no a' toirt thairis nur n-inntinnean.

<sup>4</sup>Thuige seo, cha do dh'fhuiling sibh gu ìre dòrtadh fala nur strì an aghaidh pheacaidh.

<sup>5</sup>Agus tha sibh air an iarrtas a th' air a dhèanamh oirbh mar a mhic-san a dìochuimhneachadh: “A mhic, na cuir suarach smachd an Tighearna, agus na lagaich nuair a smachdaicheas e thu,

<sup>6</sup>oir tha an Tighearna a' smachdachadh an neach air a bheil gràdh aige, agus sgiùrsaidh e gach mac ris an gabh e.”

<sup>7</sup>Ma dh'fhuilingeas sibh smachdachadh, tha Dia a' dèiligeadh ribh mar ri mic. Oir cò am mac nach fhaigh smachdachadh o athair fhèin?

<sup>8</sup>Ma tha sibh às aonais an smachdachaidh anns an do chom-pàirtich a h-uile neach, tha sibh nur clann-dhiolain agus chan ann nur clann-dhligheach.

<sup>9</sup>A bharrachd air a sin, bha athraichean feòlmhor againn a rinn smachdachadh oirnn, agus thug sinn urram dhaibh, nach motha na sin a bu chòir dhuinn a bhith umhail do dh'Athair nan spioradan agus a bhith beò?

<sup>10</sup>Oir bha iadsan gar smachdachadh airson beagan làithean nuair a chunnaic iad freagarrach e, ach tha esan ga dhèanamh airson ar buannachd, agus airson 's gum bi roinn againn na naomhachd.

<sup>11</sup>Aig an àm, chan eil smachdachadh na adhbhar aoibhneis ach na adhbhar bròin. Ach às dèidh làimh, bheir e toradh na sìthe 's na fireanteachd dhaibhsan a th' air an ionnsachadh troimhe.

<sup>12</sup>Mar sin, togaibh suas na làmhnan a tha a' crochadh fann agus na glùinean laga,

<sup>13</sup>agus dèanaibh slighean dhìreach dhur casan, airson 's nach bi an neach a tha cuagach air a thionndadh gu aon taobh, ach air a leigheas.

### Rabhadh mu Dhia a Dhiùltadh

**14**Leanaibh sìth leis na h-uile, agus naomhachd, oir às an aonais chan fhaic duine an Tighearna.

**15**Thugaibh deagh aire nach bi dìth gràs Dhè air duine, air eagal 's gum fàs freumh searbh sam bith suas agus gun dèan e trioblaid agus troimhe sin gum bi mòran air an truailleadh,

**16**air eagal 's gum bi neach-striòpachais air choireigin no cuideigin eas-creidmheach mar a bha Esau, a reic còir a' chiad-bhreith airson grèim bìdh.

**17**Oir tha fios agaibh gun deach a dhiùltadh nuair, eadhon nas anmoiche, nuair a bha e a' miannachadh am beannachadh a shealbhachadh mar oighreachd, oir cha d' fhuair e cothrom sam bith aithreachas a dhèanamh, ged a shir e le deòir e.

### Beinn an Eagail agus Beinn an Aoibhneis

**18**Oir cha tàinig sibh gu beinn dham faod sibh beantainn, a' losgadh le teine, le dorchadas, le doillearachd, le doineann,

**19**le fuaim trombaide agus guth fhaclan a thug air an fheadhainn a chuala iad guidhe nach biodh an còrr air a ràdh riutha,

**20**agus cha b' urrainn dhaibh na bha air òrdachadh fhulang: “Ma bheanas eadhon ainmhidh ris a' bheinn, bidh e air a chlachadh.”

**21**Agus bha an sealladh cho eagalach 's gun tuirt Maois, “Tha mi air chrith leis an eagal.”

**22**Ach tha sibh air tighinn gu Beinn Shioin agus gu baile an Dè bheò, an t-Ierusalem nèamhaidh, agus mìltean de dh'ainglean a' dèanamh gàirdeachas,

**23**agus cruinneachadh nan ciad-ghin air an clàradh ann an nèamh, agus Dia, Britheamh nan uile, agus spioradan nam firean air an dèanamh foirfe,

**24**agus Ìosa, eadar-mheadhanair a' chùmhnaint nuaidh, agus fuil a' chrathaidh a tha ag ràdh rudan nas fheàrr na fuil Abeil.

**25**Thoiribh an aire nach diùlt sibh esan a bhruidhneas. Oir, mura do theich iadsan nuair a dhiùlt iad am fear a thug rabhadh air talamh, 's ann gu math nas lugha a theicheas sinne ma dhiùltas sinn am fear a bhruidhneas o nèamh.

**26**Chrath a ghuth-san aig an àm sin an talamh, ach a-nis thug e gealladh ag ràdh, “Aon uair eile crathaidh mi, chan e a-mhàin an talamh, ach cuideachd nèamh.”

<sup>27</sup>Tha na faclan “aon uair eile” a' foillseachadh gum bi na rudan a th' air an crathadh air an toirt air falbh, 's e sin na rudan a chaidh a chruthachadh, airson 's gum fan na rudan nach deach idir an crathadh.

<sup>28</sup>Mar sin, on a tha sinn a' faighinn rìoghachd nach gabh crathadh, cumamaid grèim air gràs, airson 's gun tèid againn, troimhe, air adhradh taitneach a thairgsinn do Dhia le ri urram is eagal.

<sup>29</sup>Oir tha ar “Dia-ne na theine sàr-loisgeach.”

## Eabhraidhich 13

### Comhairlean Dheireannach

<sup>1</sup>Gum mair gràdh bràithreil.

<sup>2</sup>'S na dèanaibh dearmad air aoigheachd, oir le seo, gun fhios dhaibh, thug feadhainn aoigheachd do dh'ainglean.

<sup>3</sup>Biodh cuimhne agaibh air prìosanaich mar gum biodh sib' fhèin ceangailte còmhla riutha, agus air an fheadhainn a tha fo àmhghar on a tha bodhaigean agaib' fhèin.

<sup>4</sup>Biodh urram aig na h-uile dhan phòsadh agus chan eil an leabaidh-pòsaidh ri bhith air a truailleadh, oir nì Dia breitheanas air luchd-strìopachais agus luchd-adhaltranais.

<sup>5</sup>Gum biodh ur caitheamh-beatha saor o ghaol air airgead, bithibh toilichte leis na th' agaibh, oir thuirt esan: “Chan fhàg mise thu, agus cha tràig mi thu.”

<sup>6</sup>Mar sin, canaidh sinne le misneachd: “'S e an Tighearna m' fhear-cuideachaidh; cha bhi eagal orm. Dè a nì duine orm?”

<sup>7</sup>Biodh cuimhne agaibh air ur ceannardan, a bhruidhinn facal Dhè ribh, agus leanaibh an creideamh-san a' meòrachadh air toradh an caitheamh-beatha-san.

<sup>8</sup>Tha Ìosa Crìosd ceudna an dè, agus an-diugh agus gu sìorraidh.

<sup>9</sup>Na bithibh air ur toirt air seachran le teagasgan a tha caochlaideach is coimheach; oir tha e math dhan chridhe a bhith air a neartachadh le gràs, agus chan ann le biadhan nach do rinn feum dhaibhsan a chleachd iad.

<sup>10</sup>Tha altair againne agus chan eil còir acasan a tha ag adhradh sa phàillean ithe dhith.

<sup>11</sup>Oir tha cuirp nan ainmhidhean – aig a bheil am fuil air a toirt a-steach dhan ionad naomh airson tairgse-pheacaidh leis an àrd-shagart – air an losgadh air taobh a-muigh a' champa.

**12**Mar sin, dh'fhuiling Ìosa cuideachd air taobh a-muigh a' gheata, airson 's gun naomhaicheadh e an sluagh tro fhuil fhèin.

**13**Air an adhbhar seo, rachamaid a-mach thuigesan air taobh a-muigh a' champa, a' giùlain a mhaslaidh-san.

**14**Oir an seo, chan eil baile maireannach againn, ach tha sinn a' sireadh an Aoin a tha ri thighinn.

**15**Mar sin, troimhesan tairgeamaid suas an-còmhnaidh ìobairt molaidh gu Dia, is e sin, toradh bhilean ag aideachadh ainm-san.

**16**Na dìochuimhnichibh math agus co-roinn a dhèanamh, oir tha Dia fìor thoilichte le ìobairtean mar seo.

**17**Thoiribh feart dhur ceannardan agus bithibh umhail dhaibh, oir tha iadsan a' gabhail cùram dhur n-anman oir bheir iad cunntas orra, airson 's gun tèid aca air sin a dhèanamh le aoibhneas 's chan ann le mulad; oir cha bhiodh seo gu sìon a bhuannachd dhuibh.

**18**Guidhibh-se air ar son-ne, oir tha sinn cinnteach gu bheil deagh chogais againn, agus tha sinn a' miannachadh ar beatha a chur seachad gu math sa h-uile sìon.

**19**Ach tha mi a' guidhe nas motha oirbh seo a dhèanamh airson 's gum bi mi air mo thoirt air ais thugaibh nas luaithe.

### **Beannachadh agus Fàiltean Dheireannach**

**20**Agus gum biodh Dia na sìthe – a thug air ais bho na mairbh ar Tighearna Ìosa, buachaille mòr nan caorach, tro fhuil a' chùmhnaint shìorraidh –

**21**gur coileanadh leis gach rud math airson a thoil a dhèanamh, ag obrachadh nar measg na tha taitneach fa chomhair-san, tro Ìosa Crìosd; dhàsan gu robh glòir fad saoghal nan saoghal. Amen.

**22**Tha mi a' guidhe oirbh, a bhràithrean, gum fulaing sibh mo bhrath earalachaidh, oir sgrìobh mi gu goirid thugaibh.

**23**Biodh fios agaibh gun d' fhuair ar bràthair Timòteus fa sgaoil, agus chì mi sibh còmhla ris-san, ma thig e a dh'aithghearr.

**24**Cuiribh fàilte air ur ceannardan gu lèir 's air na naoimh gu lèir. Tha an fheadhainn às an Eadailt a' cur fàilte oirbh.

**25**Gu robh gràs còmhla ribh uile.

## Sheumais

### **Sheumais 1**

<sup>1</sup>Seumas, seirbheiseach Dhè agus an Tighearna Ìosa Crìosd, Chun an dà threubh dheug a th' air an sgapadh: Fàilte!

#### **Deuchainnean agus Buairidhean**

<sup>2</sup>Measaibh e mar an uile aoibhneas, mo bhràithrean, nuair a choinnicheas sibh ri iomadh seòrsa deuchainn;

<sup>3</sup>tha fios agaibh gun toir dearbhadh ur creideimh leanaltas gu buil.

<sup>4</sup>Ach coileanadh leanaltas obair fhèin, airson 's gum bi sibh coileanta is iomlan, gun uireasbhaidh sam bith.

<sup>5</sup>Ach ma tha dìth gliocais air neach sam bith agaibh, iarradh e air Dia e – esan a tha a' toirt gu fialaidh dhan a h-uile neach gun dìmeas a dhèanamh – agus thèid a thoirt dha.

<sup>6</sup>Ach faighnicheadh e ann an creideamh, gun teagamh, oir tha an teagmhaiche coltach ri tonn na mara, air a shèideadh leis a' ghaoith agus air a luasgadh a-null 's a-nall.

<sup>7</sup>Oir na saoiladh an duine sin gum faigh e rud sam bith on Tighearna;

<sup>8</sup>'s e duine dà-bharaileach a th' ann, neo-sheasmhach na shlighean gu lèir.

<sup>9</sup>Ach gum bòstadh am bràthair iriosal na inbhe àrd,

<sup>10</sup>agus am fear beairteach na ìsleachadh a chionn 's – mar bhlàth an fheòir – gun tèid e seachad.

<sup>11</sup>Oir dh'èirich a' ghrian le a teas loisgeach is shearg i am feur: thuit a bhlàth agus chaidh bòidhchead a choltas a sgrios. San aon dòigh seargaidh an duine beairteach na shlighean gu lèir.

<sup>12</sup>Is beannaichte an duine a dh'fhuilingeas buaireadh, oir air a dhearbhadh, gheibh e crùn na beatha, a gheall Dia dhan fheadhainn aig a bheil gràdh dha.

<sup>13</sup>Na canadh neach sam bith nuair a tha e air a bhuaireadh, “Tha mi air mo bhuaireadh le Dia,” air sgàth 's nach urrainn do Dhia a bhith air a bhuaireadh le olc agus nach buair e fhèin neach sam bith.

<sup>14</sup>Ach tha gach neach air a bhuaireadh, nuair a tha e air a tharraing 's air a thàladh le a mhiann fhèin.

<sup>15</sup>An uair sin, nuair a tha miann air fàs torrach, tha e a' toirt peacaidh gu breith; agus nuair a tha peacadh air a choileanadh, beiridh e bàs.

<sup>16</sup>Na bithibh air ur mealladh, mo bhràithrean gràdhach.

**17**Tha gach deagh ghibht is gach gibht coileanta o shuas, a' tighinn a-nuas bho Athair nan solas, anns nach eil fiaradh no sgàil atharrachaidh.

**18**Le a thoil fhèin ghin e sinn le facal na fìrinne, airson 's gum biodh sinne nar seòrsa de chiad-toraidh de a chreutairean.

### **Ag Èisteachd agus a' Dèanamh**

**19**Tuigibh seo, mo bhràithrean gràdhach, biodh gach neach luath gu èisteachd, mall gu bruidhinn, mall gu fearg,

**20**oir cha toir fearg duine fireantachd Dhè gu buil.

**21**Mar sin, às dèidh gach salchar-mì-mhoralta is lionmhorachd uilc a chur gu aon taobh, sealbhaichibh le macantas am facal a tha suidhichte, a tha comasach air ur n-anman a shàbhaladh.

**22**Ach bithibh-se nur luchd-dèanamh an fhacail, 's chan ann nur luchd-èisteachd a-mhàin, gur mealladh fhèin.

**23**Oir ma tha neach sam bith na fhear-èisteachd an fhacail agus nach ann na fhear-dèanamh, tha e coltach ris an neach a tha a' coimhead air aghaidh nàdarra fhèin ann an sgàthan;

**24**oir, bheachdaich e air fhèin is dh'fhàlbh e, agus sa bhad dhìochuimhnich e dè an coltas a bh' air.

**25**Ach an neach a tha a' beachdachadh gu mionaideach air an lagh choileanta, lagh na saorsa, agus a leanas ann, chan eil am fear seo na fhear-èisteachd dìochuimhneach ach na fhear-dèanamh na h-obrach, 's bidh e beannaichte anns na tha e a' dèanamh.

**26**Ma shaoileas neach sam bith gu bheil e cràbhach, agus nach cuir srian air a theangaidh, ach a tha a' mealladh a chridhe, tha diadhachd an duine sin dìomhain.

**27**'S e seo cràbhadh fiorghlan is neo-thruaillidh an làthair Dhè an t-Athair: a bhith a' tadhal air dilleachdain 's air bantraichean nan trioblaid, agus neach a chumail gun smal on t-saoghal.

## **Sheumais 2**

### **Leth-Bhreith Toirmisgte**

**1**Mo bhràithrean, na bithibh ri leth-bhreith ach biodh creideamh agaibh nar Tighearna glòrmhor, Ìosa Crìosd.

**2**Ma thig duine le fàinne òir is sgeadaichte le aodach àlainn dhan choitheanal agaibh is gun tig duine bochd cuideachd a-staigh a' caitheamh aodach robach,

<sup>3</sup>agus gu bheil sibh a' sealltainn gu sònraichte air fear an aodaich àlainn 's ag ràdh, “Suidh an seo ann an àite math,” ach ag ràdh ris an duine bochd, “Seas thusa thall an siud,” no, “Suidh aig stòl mo chois,”

<sup>4</sup>nach do rinn sibh eadar-dhealachadh nur measg fhèin, agus sib' fhèin nur brithemhan le reusanachadh olca.

<sup>5</sup>Èistibh, mo bhràithrean gràdhach! Nach do thagh Dia feadhainn bhochda an t-saoghail seo gus a bhith beairteach ann an creideamh agus nan oighreachan air rìoghachd Dhè, a gheall e ro-làimh dhan fheadhainn aig a bheil gràdh dha?

<sup>6</sup>Ach thug sibhse masladh dhan fhear bochd! Nach eil sibh air ur claidh leis na daoine beairteach? Nach eil iadsan gur draghadh dhan chùirt?

<sup>7</sup>Nach iadsan an fheadhainn a thug toibheum dhan deagh ainm leis a bheil sibh air ur gairm?

<sup>8</sup>Ma tha sibh dha-rìribh a' cumail an lagh rìoghail a rèir an Sgrìobtair, “Gràdhaichidh tu do choimhearsnach mar thu fhèin,” tha sibh a' dèanamh math.

<sup>9</sup>Ach ma tha sibh ri leth-bhreith, tha sibh a' peacachadh, air ur dìteadh leis an lagh mar chiontaichean.

<sup>10</sup>Oir ge b' e cò a chumas an lagh gu lèir, ach a thuislicheas ann an aon phuing, tha e ciontach dhiubh uile.

<sup>11</sup>Ach esan a thuir, “Na dèan adhaltranas,” thuir e cuideachd, “Na dèan murt.” Nis, mura dèan thu adhaltranas, ach gun dèan thu murt, tha thu nad fhear-brisidh dhen lagh.

<sup>12</sup>Mar sin bruidhinnibh agus mar sin dèanaibh mar fheadhainn air an tèid breith a thoirt le lagh na saorsa.

<sup>13</sup>Oir bidh breitheanas gun tròcair dhàsan nach do rinn tròcair; agus buadhaichidh tròcair thairis air breitheanas.

### **Creideamh agus Gnìomhan**

<sup>14</sup>Dè a' bhuannachd a th' ann mo bhràithrean, ma tha neach ag ràdh gu bheil creideamh aige, ach às aonais obraichean. An urrainn creideamh a shàbhaladh?

<sup>15</sup>Ma tha bràthair no piuthar gun aodach 's feum aca air biadh làitheil,

<sup>16</sup>agus aon agaibhse ag ràdh riutha, “Thallaibh ann an sith, bithibh air ur blàthachadh agus bithibh air ur lìonadh,” ach nach toir sibh dhaibh na rudan a tha a dhìth air am bodhaig, dè a' bhuannachd a th' ann?

**17**Mar sin cuideachd, ma tha creideamh leis fhèin, gun obraichean, tha e marbh.

**18**Ach canaidh cuideigin, “Tha creideamh agadsa 's tha obraichean agamsa.” Seall dhòmhsa do chreideamh gun obraichean agus seallaidh mise dhutsa mo chreideamh lem obraichean.

**19**Tha thu a' creidsinn gu bheil Dia na aon; is math a tha thu a' dèanamh. Tha fiù 's na deamhain a' creidsinn 's a' dol air chrith.

**20**Am bu toigh leat fios fhaighinn, a dhuine amaideich, gu bheil creideamh às aonais obraichean gun fheum?

**21**Nach b' ann le obraichean a bha Abrahàm ar n-athair air fhìreanachadh nuair a thairg e suas Ìsaac, a mhac, air an altair?

**22**Tha thu a' faicinn gun robh creideamh ag obrachadh còmhla ris na gnìomhan aige agus gun robh creideamh air a dhèanamh foirfe leis na gnìomhan aige

**23**agus bha an Sgrìobtar air a choileanadh, “Chreid Abrahàm Dia, agus bha sin air a mheas dha mar fhìreantachd,” agus chaidh caraid Dhè a ghabhail air.

**24**Oir tha thu a' faicinn gur ann le obraichean a tha duine air fhìreanachadh agus chan ann tro chreideamh a-mhàin.

**25**Anns an aon dòigh, nach robh Rahab an strìopach air a fireanachadh le obraichean nuair a ghabh i ris na teachdairean agus a chuir i a-mach iad air slighe eile?

**26**Oir dìreach mar a tha an corp marbh gun spioraid, mar sin cuideachd tha creideamh marbh gun obraichean.

## **Sheumais 3**

### **Ceannsachadh na Teanga**

**1**Na biodh mòran agaibh nur luchd-teagaisg, mo bhràithrean, 's fios agaibh gun tèid breith nas motha a thoirt oirne.

**2**Oir tuislichidh sinn uile ann am mòran dhòighean. Mura h-eil neach a' tuisleadh anns na chanas e, tha e na dhuine foirfe, comasach cuideachd air srian a chur air a bhodhaig gu lèir.

**3**Nise, ma chuireas sinn cabstairean ann am beòil nan each airson 's gum bi iad umhail dhuinn, stiùiridh sinn am bodhaig gu h-iomlan cuideachd.

**4**Seallaibh air soithichean a tha cho mòr 's air an iomain air adhart le gaoithean làidir, tha iad air an stiùireadh le stiùir gu math beag ge b' e càit a bu mhiann leis an stiùireadair a dhol.



<sup>5</sup>Mar sin cuideachd tha an teanga na ball beag, ach a' bòstadh mu rudan mòra. Seall cho mòr 's a tha a' choille a th' air a cur na teine le lasadh beag.

<sup>6</sup>Agus is e teine a th' anns an teanga, saoghal neo-fhìreantachd. Tha an teanga air a suidheachadh am measg ar ball, truailleadair na bodhaig gu lèir, 's a' lasadh cùrsa na beatha, agus air a lasadh le Ifrinn.

<sup>7</sup>'S urrainn dhan a h-uile seòrsa beathach is eun, snàgair is beathach-mara a bhith air an ceannsachadh, agus chaidh an ceannsachadh leis a' chinne-daonna.

<sup>8</sup>Ach chan urrainn do neach sam bith an teanga a cheannsachadh. Tha i na h-olc mì-rianail, làn de phuinnsein mairbhteach.

<sup>9</sup>Leatha tha sinn a' beannachadh an Tighearna 's an t-Athair agus leatha tha sinn a' mallachadh an fheadhainn a th' air an dèanamh ann an ìomhaigh Dhè,

<sup>10</sup>oir bhon aon bheul tha beannachadh is mallachadh a' tighinn. Mo bhràithrean, cha bu chòir sin a bhith.

<sup>11</sup>An dòirt fuaran a-mach, às an aon fhosgladh, uisge milis agus searbh?

<sup>12</sup>Mo bhràithrean, an urrain do chraobh-fhìge dearcan-ola a chur a-mach, no a' chraobh-fhìona, figean? Cha mhotha a chuireas fuaran saillte uisge milis a-mach.

### Dà Sheòrsa Gliocais

<sup>13</sup>Cò a tha glic agus tuigseach nur measg? Sealladh e, tro a dheagh chaitheamh-beatha, a chuid obraichean ann an ciùineas a' ghliocais.

<sup>14</sup>Ach, ma bhios eud searbh is fèinealachd nur cridheachan, na bithibh àrdanach 's ag innse bhreugan an aghaidh na firinne.

<sup>15</sup>Chan e sin an gliocas a tha a' tighinn a-nuas o shuas, ach tha e talmhaidh, neo-spioradail, diabhlaidh.

<sup>16</sup>Oir far a bheil eud is fèinealachd, an sin lorgaidh sibh mì-rian is gach droch ghnìomh.

<sup>17</sup>Ach tha an gliocas a tha o shuas sa chiad dhol-a-mach fìorghlan, an uair sin sìtheil, caomh, furasta a chomhairleachadh, làn tròcaire is deagh thoraidhean, saor o chlaon-bhreith 's o cheilg,

<sup>18</sup>agus tha toradh na fìreantachd air a chur ann an sìth le luchd-dèanamh na sìthe.

## Sheumais 4

### Gèillibh Sib' Fhèin do Dhia

- <sup>1</sup>Dè a tha ag adhbharachadh chogaidhean is shabaidean nur measg? Nach e seo e, gu bheil ur n-ana-miannan a' cogadh nur buill?
- <sup>2</sup>Tha sibh a' miannachadh 's chan eil sìon agaibh: tha sibh a' murt, 's a' sanntachadh, 's chan urrainn dhuibh dad fhaighinn: tha sibh a' sabaid agus a' cogadh. Chan eil sìon agaibh, air sgàth 's nach eil sibh ag iarraidh.
- <sup>3</sup>Tha sibh ag iarraidh 's chan eil sibh a' faighinn a chionn 's gu bheil sibh ag iarraidh gu h-olc, airson a chosg air ur n-ana-miannan fhèin.
- <sup>4</sup>A dhaoine adhaltranacha! Nach eil fios agaibh gu bheil càirdeas ris an t-saoghal na nàimhdeas do Dhia? Mar sin ge b' e cò a tha ag iarraidh a bhith na charaid dhan t-saoghal, tha e ga dhèanamh fhèin na nàmhaid do Dhia.
- <sup>5</sup>No a bheil sibh a' smaoinachadh gur ann gun adhbhar a tha an Sgrìobtar ag ràdh, “Tha miann farmadach air Dia a thaobh an spioraid a chuir e annainn”?
- <sup>6</sup>Ach tha e a' toirt barrachd gràis. Mar sin tha e ag ràdh: “Tha Dia a' cur an aghaidh na feadhna a tha pròiseil, ach bheir a gràs dhaibhsan a tha iriosal.”
- <sup>7</sup>Ùmhlaichibh sib' fhèin mar sin do Dhia. Seasaibh an aghaidh an diabhair, agus teichidh e uaibh.
- <sup>8</sup>Dlùthaichibh ri Dia, agus dlùthaichidh esan ribhse. Glanaibh ur làmhan, a pheacaich, agus fìor-ghlanaibh ur cridheachan, sibhse a tha dà-bhairaileach.
- <sup>9</sup>Bithibh tùrsach is dèanaibh bròn is caoineadh; biodh ur gàire air a thionndadh gu caoidh 's ur n-aoibhneas gu gruaim.
- <sup>10</sup>Irioslaichibh sib' fhèin an làthair an Tighearna, agus àrdaichidh esan sibh.
- <sup>11</sup>Na bruidhinnibh an aghaidh a chèile, a bhràithrean. Ge b' e cò a bhruidhneas an aghaidh bràthar no a tha a' toirt breith air a bhràthair, tha e a' bruidhinn an aghaidh an lagha 's a' toirt breith air an lagh; ach ma tha thu a' toirt breith air an lagh, chan eil thu nad neach-cumail an lagha ach nad bhrìtheamh air.
- <sup>12</sup>Chan eil ach aon reachdadair is brìtheamh ann – esan a tha comasach air sàbhaladh 's air sgrios. Cò thusa a tha a' toirt breith air do choimhearsnach?

### **Bòstadh mun Mhàireach**

- <sup>13</sup>Èistibh rium, sibhse a tha ag ràdh, “An-diugh no a-màireach thèid sinn gu a leithid seo de bhaile is fanaidh sinn bliadhna an sin agus nì sinn marsantachd is nì sinn prothaid.”
- <sup>14</sup>Chan eil sìon a dh'fhios agaibhse ciamar a bhios ur beatha a-màireach. Oir tha sibh mar cheò a nochdas airson greis 's an uair sin a thèid à sealladh.

<sup>15</sup>An àite sin, bu chòir dhuibh a ràdh, “Mas e toil an Tighearna e, bidh sinn beò is nì sinn siud no seo.”

<sup>16</sup>Ach mar a tha, tha sibh a' bòstadh nur n-àrdan. Tha a h-uile seòrsa bòstaidh sin olc.

<sup>17</sup>Mar sin, an neach aig a bheil eòlas air nì ceart a dhèanamh, agus nach dèan e, dhàsan tha e na pheacadh.

## **Sheumais 5**

### **Rabhadh do Luchd-Fòirneart Bearteach**

<sup>1</sup>Èistibh rium, a dhaoine bearteach, dèanaibh rànaich, a' caoineadh air sgàth nan truaighean a tha a' tighinn oirbh.

<sup>2</sup>Tha ur bearteas air grodadh 's ur n-aodaich air an ithe le leòmainn.

<sup>3</sup>Tha ur n-òr 's ur n-airgead air meirgeadh; agus bidh a' mheirg aca na fianais nur n-aghaidh, agus ithidh i ur feòil mar theine. Thaisg sibh ionmhas anns na làithean deireannach.

<sup>4</sup>Seall, tha tuarastal an luchd-obrach a bhuain ur n-achaidhean – a chùm sibh uapa le foill – ag èigheach nur n-aghaidh, agus ràinig èigheach an luchd-buain cluasan Tighearna nan slògh.

<sup>5</sup>Tha sibh air a bhith beò air an talamh ann an sògh is fèin-thoileachadh. Tha sibh a' biadhadh ur cridheachan ann an latha marbhaidh.

<sup>6</sup>Dhìt sibh; chuir sibh gu bàs an neoichiontach. Chan eil e a' cur nur n-aghaidh.

### **Foighidinn ann am Fulangas**

<sup>7</sup>Bithibh foighidneach, mar sin, a bhràithrean, gu teachd an Tighearna. Seallaibh, feithidh an tuathanach airson toraidh priseil na talmhainn, foighidneach gus am faigh e frasan tràth is frasan deireannach.

<sup>8</sup>Feumaidh sibh a bhith foighidneach; neartaichibh ur cridheachan, oir tha tighinn an Tighearna faisg.

<sup>9</sup>Na gearainibh an aghaidh a chèile, a bhràithrean, air eagal 's gun tèid breith a thoirt oirbh. Seallaibh, tha am briteamh na sheasamh aig an doras.

<sup>10</sup>Gabhaibh, a bràithrean, mar eisimpleir de dh'fhulangas 's de dh'fhoighidinn, na fàidhean a bhruidhinn ann an ainm an Tighearna.

<sup>11</sup>Seallaibh, measaidh sinne beannaichte an fheadhainn a bha leanaltach. Chuala sibh mu leanaltas loib is chunnaic sibh rùn an Tighearna, gu bheil an Tighearna iochdmhor is tròcaireach.

**12**Os cionn gach rud, mo bhràithrean, na toiribh mionnan, air nèamh no air talamh no air nì sam bith eile. Ach, biodh ur “S e” na “S e” agus ur “Chan e” na “Chan e”, air eagal 's gun tuit sibh fo bhreitheanas.

### **Ùrnaigh a' Chreideimh**

**13**A bheil neach sam bith nur measg a' fulang? Dèanadh e ùrnaigh. A bheil neach sam bith aoibhneach? Seinneadh e moladh.

**14**A bheil neach sam bith nur measg tinn? Cuireadh e fios air èildearan na h-eaglaise, agus dèanadh iad ùrnaigh os a chionn, ga unghadh le ola ann an ainm an Tighearna:

**15**agus slànaichidh ùrnaigh a' creideimh am fear a tha tinn, agus togaidh an Tighearna suas e. Agus ma rinn e peacaidhean, thèid am mathadh dha.

**16**Mar sin aidichibh ur peacaidhean dha chèile, agus dèanaibh ùrnaigh airson a chèile airson 's gum bi sibh air ur slànachadh. Tha ùrnaigh an ionracain cumhachdach agus èifeachdach.

**17**Bha Elias na dhuine leis an aon nàdar rinne, agus rinn e ùrnaigh dhùrachdach nach sileadh i, agus fad thrì bliadhna is sia mìosan cha do shil i air an talamh.

**18**Agus rinn e ùrnaigh a-rithist, is dhòirt nèamh uisge, is thug an talamh a-mach a thoradh.

**19**Mo bhràithrean, ma thèid neach sam bith nur measg air seachran on fhìrinn, agus ma bheir cuideigin air tilleadh

**20**bu chòir fios a bhith aige gun sàbhail esan, a thionndaidheas peacach o iomrall a shlighe, anam-san o bhàs agus gum falaich e mòran pheacaidhean.

## 1 Peadar

### 1 Peadar 1

<sup>1</sup>Peadar, abstol Ìosa Crìosd, Gu na fògarraich a th' air an sgapadh air feadh Phontus, Ghalàtia, Chappadòcia, Àisia 's Bhitinia, taghta

<sup>2</sup>a rèir ro-eòlais Dhè an Athar, ann an naomhachadh an Spioraid, airson ùmhlachd is crathadh fuil Ìosa Crìosd. Gràs dhuibh, agus gum biodh sìth air a meudachadh dhuibh.

#### Moladh do Dhia airson Dòchais Beò

<sup>3</sup>Beannaichte gu robh Dia agus Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd, neach, a rèir a mhòr thròcaire, a th' air ar n-ath-ghin gu dòchas beò tro aiseirigh Ìosa Crìosd o na mairbh,

<sup>4</sup>gu oighreachd neo-bhàsmhor is neo-thruaillte, agus nach crìon, a th' air a cumail anns na nèamhan dhuibhse,

<sup>5</sup>a th' air ur gleidheadh ann an cumhachd Dhè, tro chreideamh, airson slàinte a tha deiseal gus a bhith air a foillseachadh san àm dheireannach,

<sup>6</sup>anns a bheil sibh a-nis a' dèanamh aoibhneas mòr, ged a dh'fhaodas e bhith gu feum sibh a bhith fo thùrsa tro iomadh buaireadh airson ùine bhig,

<sup>7</sup>airson 's gun tèid deuchainn ur creideimh – a tha tòrr mòr nas prìseile na òr a rachas a dhìth – a dhearbhadh fìor tro theine, 's air fhaighinn gu moladh is glòir is onair, aig foillseachadh Ìosa Crìosd.

<sup>8</sup>Ged nach fhaca sibh e, tha sibh ga ghràdhachadh. Ged nach eil sibh a-nis ga fhaicinn tha sibh a' creidsinn ann, 's tha sibh a' dèanamh gàirdeachas le aoibhneas thar bhriathran is làn glòire,

<sup>9</sup>a' faighinn crìoch ur creideimh, sàbhaladh ur n-anman.

<sup>10</sup>A thaobh an t-sàbhalaidh seo rinn na fàidhean – a rinn fàidheadaireachd mun ghràs a bha gus a thighinn thugaibhse – sgrùdadh is rannsachadh mionaideach.

<sup>11</sup>A' sireadh gu dè an neach no dè an t-àm a bha Spiorad Chrìosd a bh' annta a' foillseachadh dhaibh, a' dèanamh fàisneachd air fulangasan Chrìosd agus na glòirean a leanadh.

<sup>12</sup>Chaidh fhoillseachadh dhaibh nach b' ann dhaib' fhèin ach dhuibhse a bha iad a' ministrealachadh na rudan seo, a chaidh a-nis an innse dhuibh tromhpasan a shearmonaich an deagh sgeul dhuibh san Spiorad Naomh, a chaidh a chur o nèamh, rudan air am miann le ainglean a bhith a' coimhead.

#### Bithibh Naomh

**13**Mar sin, deasaichibh ur n-inntinnean, bithibh sòbarra nur n-inntinn, agus biodh ur dòchas gu tur air a' ghràs sin a tha a' tighinn thugaibh aig foillseachadh Ìosa Crìosd.

**14**Mar chlann umhail, na bithibh air ur co-chumadh ris na h-ana-miannan a bh' agaibh nur n-aineolas.

**15**Ach a rèir mar a tha esan a ghairm sibh naomh, bithibh-se naomh cuideachd, nur caitheamh-beatha gu lèir,

**16**a chionn 's gu bheil e sgrìobhte, “Bithibh-se naomh oir tha mise naomh.”

**17**Agus ma ghairmeas sibh airsan mar Athair a tha a' toirt breith gu cothromach a rèir obrach gach neach, giùlainibh sib' fhèin le eagal ann an àm ur fògraidh,

**18**is fios agaibh air a seo, nach deach ur n-ath-cheannach le rudan a chrìonas às, mar airgead no òr, o ur dòigh-beatha dhìomhain a thàinig thugaibh o ur n-atraichean,

**19**ach le fuil phrìseil Chrìosd, mar uan gun smal is gun spot.

**20**Chaidh a ro-aithneachadh dha-rìribh ro leagail bhunaitean an t-saoghail, ach chaidh a nochdadh anns na h-amannan dheireannach dhuibhse,

**21**troimhesan – a thog e o na mairbh agus a ghlòraich e – tha sibhse a' creidsinn ann an Dia, airson 's gum bi ur creideamh agus ur dòchas ann an Dia.

**22**A-nis a chionn 's gun do ghlan sibh ur n-anman tro ùmhlachd dhan fhìrinn airson gràidh neo-chealgach dha na bràithrean, gràdhaichibh a chèile dha-rìribh, à cridhe glan.

**23**Chaidh ur n-ath-ghin, chan ann o shìol truailidh ach neo-thruailidh, tro fhacal beò is maireannach Dhè.

**24**Oir: “Tha a h-uile feòil mar fheur, agus a ghlòir gu lèir mar bhlàth an fheòir, shearg am feur agus thuit am blàth dheth.

**25**Ach mairidh facal an Tighearna gu sìorraidh.” Agus is e seo am facal a chaidh a shearmonachadh dhuibhse.

## **1 Peadar 2**

**1**Mar sin cuiribh air falbh gach mì-rùn is gach foill is cealgaireachdan is farmadan is a h-uile cùl-chàineadh.

**2**Mar naoidheanan air an ùr-bhreith, miannaichibh bainne spioradail fìor-ghlan, gus am fàs sibh ann an sàbhalaidh leis,

<sup>3</sup>ma bhlais sibh dha-rìribh gu bheil an Tighearna math.

### **A' Chlach Bheò agus Sluagh Taghta**

<sup>4</sup>Fhad 's a tha sibhse a' tighinn thuigesan, clach bheò, a bh' air a diùltadh le daoine, ach le Dia, a bh' air a taghadh is prìseil,

<sup>5</sup>agus tha sib' fhèin mar chlachan bheò, gur togail suas mar thaigh spioradail gu bhith nur sagartachd naomh, a thairgeas suas ìobairtean spioradail, tlachdmhor do Dhia, tro Ìosa Crìosd.

<sup>6</sup>Oir tha e ag ràdh san Sgrìobtar: “Seall, shuidhich mise ann an Sion clach-oisein, thaghta, phrìseil, agus an neach a chreideas annsan cha tèid a nàireachadh.”

<sup>7</sup>Mar sin dhuibhse a tha a' creidsinn, tha e prìseil, ach dha na h-eas-creidmheich: “A' chlach a chaidh a diùltadh leis an luchd-togail, 's i a thàinig gu bhith na ceann na h-oisein,”

<sup>8</sup>agus, “Ceap-tuislidh is creag oilbheim.” Tha iadsan a' tuisleadh a chionn 's gu bheil iad eas-umhail dhan fhacal, mar a chaidh a ro-òrdachadh dhaibh.

<sup>9</sup>Ach tha sibhse nar ginealach taghta, sagartachd rìoghail, nàisean naomh, sluagh a tha nan seilbh aig Dia, gus an innis sibh sàr-mhathas an fhir a ghairm sibh o dhorchadas gu a sholas glòrmhor fhèin.

<sup>10</sup>Sibhse, aig aon àm, nach robh nur sluagh, ach a-nis a tha nur sluagh aig Dia; sibhse nach robh air tròcair fhaighinn ach a-nis a tha air tròcair fhaighinn.

### **Beò gu Diadhaidh ann an Coimhearsnachd Phàganach**

<sup>11</sup>Mo luchd-gràidh, tha mi a' guidhe oirbh, mar choigrich is luchd-cuairt, seachnaibh ana-miannan na feòla, a tha a' cogadh an aghaidh an anma.

<sup>12</sup>Biodh deagh dhòigh-beatha agaibh am measg nan Cinneach, airson 's ge b' e dè a chanas iad nur n-aghaidh mar luchd-dèanamh-uilc, le ur deagh obraichean fhaicinn, gun glòraich iad Dia ann an latha a thadhail-san.

### **Gèilleadh do Riaghladairean is do Mhaighstirean**

<sup>13</sup>Bithibh umhail do dh'uile ùghdarras dhaoine air sgàth an Tighearna, ge b' ann do rìgh, mar neach ann an ùghdarras,

<sup>14</sup>no do cheannardan mar fheadhainn a tha esan a' cur a-mach airson dìoghaltais a dhèanamh air luchd-dèanamh-uilc, agus an fheadhainn a tha a' dèanamh math a mholadh.

<sup>15</sup>Oir is e seo toil Dhè, gun cuireadh sibh gu tosd amaideas dhaoine gòrach le math a dhèanamh,

**16** mar dhaoine saor 's chan ann a' cleachdadh ur saorsa mar chòmhdach airson uilc, ach mar sheirbheisich Dhè.

**17** Thoiribh urram do gach neach, gràdhaichibh am bràithreachas, biodh eagal Dhè oirbh, thoiribh urram dhan rìgh.

**18** A sheirbheisich, bithibh umhail dhar maighstirean leis a h-uile h-urram, chan ann dhan fheadhainn mhatha is chaomh a-mhàin, ach cuideachd dhan fheadhainn chruaidh.

**19** Oir tha seo ri mholadh, gun giùlain neach sam bith pian, air sgàth cogais a thaobh Dhè, nuair a tha e a' fulang gu mì-chothromach.

**20** Oir dè am math a th' ann ma ghiùlaineas sibh droinneadh nuair a pheacaicheas sibh? Ach ma dh'fhulaingeas sibh le foighidinn airson maith a dhèanamh, tha seo ri mholadh mu choinneamh Dhè.

**21** Oir 's ann chun a seo a bha sibh air ur gairm, a chionn 's gun do dh'fhulaing Crìosd cuideachd air ar son-se, a' fàgail eisimpleir agaibh airson 's gun leanadh sibh na cheumannan-san:

**22** “Esan nach do pheacaich ‘s nach robh air fhaotainn le foill na bheul.”

**23** Nuair a chaidh droch-bheul a thoirt dha cha tug e droch-bheul air ais; nuair a dh'fhuiling e cha do bhagair e, ach thug e e fhèin thairis dhàsan a tha a' toirt breith gu fìreanta.

**24** Ghiùlain esan fhèin ar peacaidhean na chorp air a' chraoibh, gus am bàsaicheadh sinne dhan pheacadh agus gus am biodh sinn beò do dh'fhèrantachd, “Leis na lotan aigesan chaidh ur slànachadh.”

**25** Oir bha sibh mar chaoraich a bh' air seachran, ach a-nis thill sibh gu buachaille agus fear-coimhid ur n-anman.

## **1 Peadar 3**

### **Mnathan-Phòsta agus Fir-Pòsta**

**1** San aon dòigh, a mhnathan-phòsta, bithibh umhail dhur fir-pòsta fhèin, airson 's, eadhon ma tha fir-pòsta sam bith eas-umhail dhan fhacal, gum bi iad air am buannachadh, gun fhacal, tro dhòigh-beatha nam mnathan-phòsta aca,

**2** le bhith a' faicinn ur dòigh-beatha a th' ann an naomhachd is eagal,

**3** chan ann air ur brèaghachadh air an taobh a-muigh le figheachain agus le rudan òir a chur oirbh no air ur sgeadachadh le aodach,

**4** ach le na tha falaichte ann an cridhe neach, leis an nì neo-thruaillidh sin anns a bheil luach mòr mu choinneamh Dhè – spiorad iriosal is sìtheil.



<sup>5</sup>Oir 's ann mar sin cuideachd a bha na boireannaich naomha o shean gam brèaghachadh fhèin, iadsan aig an robh dòchas ann an Dia, umhail dham fir.

<sup>6</sup>Mar Shàra a bha umhail do dh'Abrahàm, a' gabhail 'maighstir' air, bhon tàinig sibhse gus a bhith nur cloinn, agus gun eagal a bhith oirbh o oillt sam bith.

<sup>7</sup>San aon dòigh, fheara-pòsta, bithibh beò còmhla ri ur mnathan-phòsta le tuigse, a' toirt urram dhaibh, mar le soitheach a tha nas laige, mar cho-oighreachan air gràs na beatha, gus nach bi ur n-ùrnaighean air am bacadh.

### **A' Fulang airson Maith a Dhèanamh**

<sup>8</sup>A-nis, mu dheireadh, bithibh de dh'aon inntinn, co-fhaireachdail, a' gràdhachadh mar bhràithrean, teò-chridheach, iriosal nur n-inntinn,

<sup>9</sup>gun a bhith ag ath-phàigheadh olc airson uilc, no droch-bheul airson droch-bheòil, ach an àite sin beannaichibh, oir is ann chun a seo a chaidh ur gairm, gus an sealbhaich sibh beannachadh.

<sup>10</sup>Oir: “Esan a tha ag iarraidh beatha a ghràdhachadh agus làithean matha fhaicinn, cumadh e a theanga o olc, agus a bhilean o cheilg a bhruidhinn.

<sup>11</sup>Tionndaidheadh e o olc agus dèanadh e math, sireadh e sìth agus rachadh e an tòir oirre.

<sup>12</sup>Oir tha sùilean an Tighearna orrasan a tha fireanta agus a chluasan rin ùrnaighean, ach tha gnùis an Tighearna an aghaidh nam muinntir a tha a' dèanamh an t-olc.”

<sup>13</sup>Agus cò esan a nì cron oirbh ma bhios sibh eudmhor airson a' mhaith?

<sup>14</sup>Ach eadhon ma dh'fhuilingeas sibh air sgàth fireantachd, tha sibh beannaichte. “Ach na biodh eagal oirbh on chùis-eagail acasan 's na bithibh air ur buaireadh.”

<sup>15</sup>Ach naomhaichibh an Tighearna Crìosd nur cridheachan, an-còmhnaidh deiseal airson freagairt a thoirt dhan a h-uile neach a dh'iarraas cunntas oirbh mun dòchas a th' annaibh,

<sup>16</sup>ach dèanaibh seo le caomhalachd is eagal, le deagh chogais, gus am bi iadsan a chàineas ur deagh chaitheamh-beatha ann an Crìosd air an nàrachadh.

<sup>17</sup>Oir tha e nas fheàrr, mas e toil Dhè, gum fulaing sibh airson maith a dhèanamh na airson uilc a dhèanamh.

<sup>18</sup>Oir dh'fhuiling Crìosd cuideachd aon uair airson pheacaidhean, firean airson nan neo-fhìrean, airson 's gun toireadh e sibhse gu Dia, às dèidh a bhith air a chur gu bàs san fheòil ach air a dhèanamh beò san Spiorad;

<sup>19</sup>agus tron a seo shearmonaich e dha na spioradan a bha sa phrìosan,

<sup>20</sup>dhaibhsan a bha eas-umhail, air an robh Dia aig an àm sin a' feitheamh le fad-fhulangas ann an làithean Nòah, fhad 's a bha an àirc ga togail, anns an robh beagan, eadhon ochd anaman, air an sàbhaladh tro uisge.

<sup>21</sup>Tha am baisteadh, a tha na choileanaidh air a seo, a-nis a' sàbhaladh, chan ann le salchar a thoirt on chorp, ach le freagairt an deagh chogais mu choinneamh Dhè, tro aiseirigh Ìosa Crìosd,

<sup>22</sup>a tha aig deas làimh Dhè, às dèidh dha a dhol do nèamh, 's e air ainglean is ùghdarrasan is cumhachdan a chur fo smachd.

## 1 Peadar 4

### Beò airson Dhè

<sup>1</sup>Mar sin seach gun do dh'fhuiling Crìosd san fheòil, armaichibh sibhse sib' fhèin cuideachd, leis an aon inntinn, oir an neach a dh'fhulaing san fheòil tha e deiseil dhen pheacadh,

<sup>2</sup>airson 's nach bi sibh beò nas motha san ùine a th' air fhàgail ann an ana-miannan dhaoine, ach ann an toil Dhè.

<sup>3</sup>Oir bha an ùine a chaidh seachad ro-phailt ann a bhith a' dèanamh toil nan Cinneach, a' dol air adhart ann am feòlmhorachd, ana-miannan, drungaireachd, ruidhtearachd, cuirmean misgeil, agus iodhal-adhradh truaille.

<sup>4</sup>Tha iad a' gabhail iongnadh nach eil sibhse a' ruith còmhla riutha san dearbh thuil de mhì-mhoraltachd sin, a' toirt mì-chliù dhuibh.

<sup>5</sup>Iadsan a bheir cunntas dhan fhear a tha deiseil gus breith a thoirt air bheò is air mhairbh.

<sup>6</sup>Oir b' ann airson an adhbhair seo gu dearbh a chaidh an soisgeul a shearmonachadh dha na mairbh, airson 's, ged a dheigheadh breith a thoirt orra mar dhaoine san fheòil, gum biodh iad beò a rèir Dhè san spiorad.

<sup>7</sup>A-nis tha deireadh gach nì air teannadh dlùth, mar sin bithibh ciallach is sòbarra air sgàth ur n-ùrnaighean.

<sup>8</sup>Ron a h-uile nì, biodh gràdh eudmhor agaibh dha chèile, oir còmhdaichidh gràdh mòran pheacaidhean.

<sup>9</sup>Bithibh aoigheil dha chèile gun ghearain.

**10**Mar a fhuair gach neach tiodhlaic, biodh e air a chleachdadh airson seirbheis a dhèanamh dha chèile, mar dheagh stiùbhardan dhen ghràs eadar-dhealaichte aig Dia.

**11**Ma bhruidhneas neach sam bith, dèanadh e sin mar neach a tha ag aithris faclan Dhè, ma mhinistrealaicheas neach sam bith, dèanadh e sin leis an neart a bheir Dia dha, gus am bi Dia air a ghlòrachadh sa h-uile nì tro Ìosa Crìosd, dha bheil a' ghlòir agus an cumhachd fad saoghal nan saoghal. Amen.

### **A' Fulang air Sgàth a Bhith nan Crìosdaidhean**

**12**A luchd-gràidh, na bithibh fo iongnadh a thaobh na deuchainn theinntich a tha a' tighinn oirbh, mar gum biodh rud neònach a' tachairt dhuibh,

**13**ach san tomhas sa bheil sibh a' compairteachadh ann am fulangasan Chrìosd, dèanaibh gairdeachas, gus an dèan sibh cuideachd gairdeachas is aoibhneas aig foillseachadh a ghlòir-san.

**14**Ma thèid dìmeas a dhèanamh oirbh airson ainm Chrìosd tha sibh beannaichte, oir nì spiorad na glòire agus Spiorad Dhè tàmh oirbh.

**15**Oir na fulaingeadh neach sam bith agaibh mar mhurtair, no mar mhèirleach, no mar dhroch-dhèanadair, no mar ghobaire.

**16**Ach mas ann mar Chrìosdaidh, na biodh nàire air, ach glòraicheadh e Dia san ainm seo.

**17**Oir thàinig an t-àm airson bhreitheanas tòiseachadh aig taigh Dhè, agus ma thòisicheas e againne, dè a' chrìoch a bhios ann dhaibhsan a tha eas-umhail do shoisgeul Dhè?

**18**Agus: “mas ann air èiginn a thèid an duine fireanta a shàbhaladh, càit an nochd an duine mì-dhiadhaidh agus am peacach?”

**19**Mar sin cuideachd, iadsan a tha a' fulang a rèir toil Dhè, earbsadh iad an anman, ann a bhith a' dèanamh math, ri Cruthaidhear dìleas.

## **1 Peadar 5**

### **Gu Èildearan agus gu Daoine Òga**

**1**Mar sin, na h-èildeirean nur measg, tha mi a' misneachadh, mar cho-èildeir 's mar fhianais air fulangasan Chrìosd, agus mar chom-pàirtichean dhen ghlòir a tha gu bhith air fhoillseachadh,

**2**beathaichibh treud Dhè a tha nur measg, mar fhir-coimhid, chan ann mar gun deigheadh ur co-èigneachadh, ach gu deònach a rèir Dhè, chan ann airson buannachd shuarach, ach gu toileach,

<sup>3</sup>chan ann a' gabhail tighearnas thairis orrasan a tha for cùram, ach nur n-eisimpleirean dhan treud.

<sup>4</sup>Agus nuair a thèid an t-Àrd-bhuachaille fhoillseachadh, gheibh sibh crùn neo-chrìonach na glòire.

<sup>5</sup>San aon dòigh, a dhaoine òga, bithibh umhail dha na h-èildeirean. Agus còmhdaichibh uile sib' fhèin le irioslachd dha chèile, oir: “Tha Dia a' cur an aghaidh na feadhna a tha pròiseil, ach tha e a' toirt gràis dhaibhsan a tha iriosal.”

<sup>6</sup>Bithibh air ur n-irioslachadh, mar sin, fo làimh chumhachdaich Dhè, gus an àrdaich esan sibh aig an àm cheart,

<sup>7</sup>a' tilgeil ur cùram uile airsan, oir tha cùram aige dhuibh.

<sup>8</sup>Bithibh sòbarra, cumaibh faire, oir tha ur nàmhaid, an diabhal, a' coiseachd mun cuairt mar leòmhan beucach, a tha a' sireadh cò a shluigeas e.

<sup>9</sup>Seasaibh na aghaidh, daingeann sa chreideamh, le fios gu bheil na h-aon fhulangasan air an coileanadh nur bràithreachas air feadh an t-saoghail.

<sup>10</sup>A-nis, nì Dia nan uile ghràs – a ghairm sibh gu a ghlòir shìorraidh ann an Crìosd Ìosa, às dèidh dhuibh fulang beagan ùine – ur coileanadh, ur suidheachadh, ur neartachadh agus ur stèidheachadh.

<sup>11</sup>Dhàsan gu robh cumhachd fad saoghal nan saoghal. Amen.

### **Fàiltean Dheireannach**

<sup>12</sup>Tro Shiluanus, am bràthair dìleas, mar a tha mi a' meas, sgrìobh mi gu goirid thugaibh, gur misneachadh agus a' dèanamh fianais gur e seo fìor ghràs Dhè anns a bheil sibh nur seasamh.

<sup>13</sup>Tha ise a th' ann am Bàbilon, a th' air a taghadh cuide ribh, a' cur fàilte oirbh, agus Marcas mo mhac.

<sup>14</sup>Cuiribh fàilte air a chèile le pòg ghràidh. Sìth dhuibh uile, a th' ann an Crìosd.

## 2 Peadar

### 2 Peadar 1

<sup>1</sup>Simon Peadar, seirbheiseach is abstol Ìosa Crìosd, Thucasan a th' air an aon chreideamh phrìseil rinne fhaighinn, tro fhìreantachd ar Dè agus ar slànaigheir Ìosa Crìosd:

<sup>2</sup>Gràs dhuibh agus sìth – gum biodh iad air am meudachadh dhuibh ann an eòlas ar Dia agus Ìosa ar Tighearna.

#### A' Dèanamh ar Gairm 's ar Taghadh Cinnteach

<sup>3</sup>Chaidh gach nì a thoirt dhuinne mar thiodhlaic, tron chumhachd dhiadhaidh aigesan, airson beatha is diadhaidheachd, tro eòlas airsan a ghairm sinn gu a ghlòir fhèin agus gu sàr-mhathais.

<sup>4</sup>Thug e dhuinne na geallaidhean mòra is prìseil, gus, tromhpa sin, gum biodh sibh nar luchd-compàirt dhen nàdar diadhaidh, seach gun do theich sibh às on choirbteachd a th' anns an t-saoghal tro ana-miann.

<sup>5</sup>Agus cuideachd airson an dearbh adhbhair seo, a' dèanamh ur n-uile dhìcheall, cuiribh deagh-bheus ri ur creideimh, agus ri deagh-bheus, eòlas,

<sup>6</sup>agus ri eòlas, fèin-smachd, agus ri fèin-smachd, leanaltas, agus ri leanaltas, diadhaidheachd,

<sup>7</sup>agus ri diadhaidheachd, gràdh-bràthaireil, agus ri gràdh-bràthaireil, gaol.

<sup>8</sup>Oir le na rudan seo a bhith annaibh 's a' meudachadh, bheir iad oirbh gun a bhith leisg no neo-thorrach ann an eòlas ar Tighearna Ìosa Crìosd.

<sup>9</sup>Oir esan aig nach eil iad seo, tha e dall, geàrr-sheallach, air dìochuimhneachadh gun deach a ghlanadh o a sheann pheacaidhean.

<sup>10</sup>An àite sin, a bhràithrean, bithibh buileach dìcheallach airson ur gairm 's ur taghaidh a dhèanamh cinnteach, oir ann a bhith a' dèanamh na rudan seo, cha tuislich sibh idir.

<sup>11</sup>Oir mar sin thèid slighe a-steach do rìoghachd shìorraidh ar Tighearna 's ar Slànaigheir Ìosa Crìosd, a sholarachadh dhuinn gu saidhbhir.

#### Fàidheadaireachd agus an Sgrìobtar

<sup>12</sup>Air an adhbhar sin, tha dùil agam an-còmhnaidh na rudan seo a chur nur cuimhne, eadhon ged a tha eòlas agaibh orra agus sibh air ur suidheachadh san fhìrinn a tha an làthair.

<sup>13</sup>Ach tha mi ga mheas ceart, cho fad 's a tha mi sa phàillean seo, ur brosnachadh le cuimhneachan,

<sup>14</sup>is fios agam gu bheil an t-àm airson a' pàillein seo a chur dhìom faisg, dìreach mar a rinn ar Tighearna Ìosa Crìosd soilleir dhomh.

<sup>15</sup>Agus nì mi a h-uile dìcheall an-còmhnaidh, gum bi na rudan seo agaibh nur cuimhne às dèidh dhomh fàgail.

<sup>16</sup>Oir cha b' iad sgeulachdan a chaidh a chruthachadh gu h-innleachdach a lean sinn, nuair a rinn sinne cumhachd is tighinn ar Tighearna Ìosa Crìosd aithnichte dhuibh, ach bha sinn nar sùil-fhianaisean air a mhòrachd-san.

<sup>17</sup>Oir a' faighinn urram agus glòir o Dhia an t-Athair, thàinig a leithid de ghuth thuige on ghlòir òirdheirc, "Is e seo mo Mhac gràdhaichte, leis a bheil mi fìor thoilichte."

<sup>18</sup>Agus chuala sinn an guth seo o nèamh, nuair a bha sinn còmhla ris air a' bheinn naomh.

<sup>19</sup>Agus tha facal fàidheadaireachd nas cinntiche againne, 's nì sibhse math aire a thoirt dha, mar do lampa a tha a' deàlradh ann an àite dorcha, gus am bris an latha agus gus an èirich reul na maidne nur cridheachan.

<sup>20</sup>Biodh fios agaibh air a seo an toiseach, nach eil fàidheadaireachd sam bith sna Sgrìobtaran o fhèin-mhìneachadh dhaoine.

<sup>21</sup>Oir cha b' ann le toil duine a chaidh fàidheadaireachd a thoirt a-mach aig àm sam bith, ach, air an giùlain leis an Spiorad Naomh, bhruidhinn daoine o Dhia.

## **2 Peadar 2**

### **Luchd-Teagaisg Brèige agus an Sgrìos-San**

<sup>1</sup>Ach bha fàidhean brèige cuideachd am measg an t-sluaigh, mar a bhios luchd-teagaisg brèige cuideachd nur measg-se, a bheir a-steach saobh-chreideamhan sgrìosail gu cuilbheartach, eadhon ag àicheadh am Maighstir a bh' air an ceannach, a' toirt fèin-sgrìos aithghearr orra fhèin.

<sup>2</sup>Agus leanaidh mòran nam feòlmhorachd, 's air an sgàth-san thèid droch-iomradh a thoirt air slighe na firinn.

<sup>3</sup>Agus ann an ana-miann le faclan innleachdach, gabhaidh iad brath oirbh; chan eil am breitheanas acasan o shean dìomhain, agus cha dèan an sgrìos aca cadal.

<sup>4</sup>Oir mura do chaomhain Dia na h-ainglean a pheacaich, ach gun do thilg e iad a dh'fhrinn le sèinichean dorchadais, gus an gleidheadh airson an toirt thairis do bhreitheanas;

<sup>5</sup>agus nach do chaomhain e an seann saoghal, ach ghlèidh e Nòah, searmonaiche fireantach, le seachdnar eile, nuair a thug e dìle air an t-saoghal ain-diadhaidh;

<sup>6</sup>agus nuair a rinn e bailtean Shodoim is Ghomorrahan nan luaithe, gan dìteadh le sgrios, rinn e eisimpleir dhaibhsan a bha gu bhith ain-diadhaidh;

<sup>7</sup>agus Lot fireanta – a bh' air a bhuaireadh le dèanadais mì-chneasta a' mhuinntir mì-rianail – shaor e.

<sup>8</sup>Oir leis na chunnaic 's na chuala an duine fireanta sin, le bhith a' fuireach nam measg o latha gu latha, bha anam fireanta air a chràdh lem mì-riaghailteachd.

<sup>9</sup>'S aithne dhan Tighearna an fheadhainn dhiadhaidh a shàbhaladh o bhuaireadh, agus an fheadhainn neo-fhìreanta a ghleidheadh gu latha a' bhreitheanais airson am peanasachadh.

<sup>10</sup>Gu sònraichte dhaibhsan a tha a' dol às dèidh na feòla ann an ana-miann coirbte agus a tha a' dèanamh tàir air tighearnas; daoine dàna, fèin-thoileil, chan eil eagal orra toibheum a bhruidhinn an aghaidh pearsachan glòrmhor,

<sup>11</sup>nuair nach eil fiù 's ainglean, a tha nas motha ann an neart is ann an cumhachd, a' toirt breith thoibheumach nan aghaidh mu choinneamh an Tighearna.

<sup>12</sup>Ach tha na daoine seo a' toirt toibheim, mar bheathaichean mhì-reusanta, a chaidh am breith a rèir nàdair airson an glacadh 's an sgrios, ann an cùisean sa bheil iad aineolach. Nan sgriosadh bidh iad dha-rìreabh air an sgrios,

<sup>13</sup>a' fulang cron mar ath-dhìoladh airson a' chroin a rinn iad. Tha iad ga chunntadh mar thlachd a bhith sòghail san latha. Tha iad nan spotan 's nan smalan, is iad ri mòr-shògh nam mealltaireachdan fhèin, 's iad air chuir còmhlà ribh.

<sup>14</sup>Tha an sùilean làn miann a' bhan-adhaltranaich agus chan eil iad a' sgur de pheacadh, a' mealladh anman neo-shuidhichte, is an cridhe air a thrèanadh ann an sannt, clann na mallachd!

<sup>15</sup>A' fàgail na slighe dhìreach, chaidh iad air seachran, a' leantainn slighe Bhalaaim, mhic Bhosoir, a ghràdhaich duais na neo-fhìreantachd.

<sup>16</sup>Ach chaidh a chronachadh airson eu-ceirt-san, nuair a bhruidhinn asal bhalbh le guth duine, a' cur bacadh air caoch an fhàidh.

<sup>17</sup>'S e fuarain gun uisge a th' annta agus sgòthan air an iomain le sgalan-gaoithe, dham bheil duibhre an dorchadais air a ghleidheadh.

<sup>18</sup>Oir a' bruidhinn bhriathran bòstail na faoineis tha iad a' mealladh – ann an ana-miannan na feòla, ann am feòlmhorachd – an fheadhainn nach eil a' dèanamh sìon ach a' teicheadh uapasan a tha a' caitheamh am beatha ann am mearachd,

<sup>19</sup>a' gealltainn saorsa dhaibh, 's iad fhèin nan tràilleann do choirbteachd. Oir ge b' e cò a chuireas neach fo cheannsail, dhàsan tha e na thràill.

<sup>20</sup>Oir às dèidh teicheadh o choirbteachdan an t-saoghail tro eòlas air an Tighearna 's air an t-Slànaighear Ìosa Crìosd, ma tha iad air an glacadh leotha sin a-rithist 's air an cur fo cheannsail, tha an crìoch dheireannach-san nas miosa na an toiseach.

<sup>21</sup>Oir bhiodh e na b' fheàrr dhaibh nach robh iad riamh air eòlas a chur air slighe na fireantachd no, às dèidh eòlas a chur oirre, gun tionndaidheadh iad air ais on àithne naomh a chaidh a thoirt dhaibh.

<sup>22</sup>Thachair e dhaibh a rèir a' gnàth-fhacail fhìor, “Thill an cù gu a sgeith fhèin,” agus, “às dèidh a nighe, chaidh a' mhuc ga luidreadh fhèin dhan pholl.”

## 2 Peadar 3

### Latha an Tighearna

<sup>1</sup>'S e seo a-nis, a mhuinntir ghràdhaichte, an dara litir a tha mi air a sgrìobhadh thugaibh, anns a bheil mi gur dùsgadh suas nur n-inntinn fhìorghlan le bhith a' cuimhneachadh dhuibh

<sup>2</sup>gun cumadh sibh nur n-inntinn na chaidh a ràdh roimhe leis na fàidhean naomha, agus àithne ar Tighearna 's ar Slànaighear, tro ur n-abstoil

<sup>3</sup>le fios air a seo an toiseach, gun tig, anns na làithean deireannach, luchd-magaidh a' magadh, a' dol mun cuairt a rèir an ana-miannan fhèin.

<sup>4</sup>Agus ag ràdh, “Càit a bheil gealladh a thighinn-san? Oir on a thuit na h-athraichean nan cadal, tha a h-uile sìon mar a bha iad o thoiseach a' chruthachaidh.”

<sup>5</sup>Oir, len toil, tha iad a' dìochuimhneachadh seo, gu robh na nèamhan ann o shean, agus an talamh air a chruthachadh a-mach à uisge is tro uisge le facal Dhè,

<sup>6</sup>leis an robh an saoghal aig an àm sin air a sgrìos le dìle uisge.

<sup>7</sup>Ach tha na nèamhan 's an talamh aig an àm seo, leis an aon fhacal, air an gleidheadh airson teine, airson latha a' bhreitheanais agus sgrìos nan daoine ain-diadhaidh.

<sup>8</sup>Ach na dìochuimhnichibh an aon rud seo a mhuinntir ghràdhaichte, gu bheil aon latha leis an Tighearna mar mhìle bliadhna agus mìle bliadhna mar aon latha.

<sup>9</sup>Chan eil an Tighearna slaodach a thaobh a gheallaidh, mar a mheasas cuid slaodachd, ach tha e fad-fhulangach leinn, gun mhiannachadh gun



deigheadh neach sam bith a sgrìos, ach gun tigeadh a h-uile neach gu aithreachas.

**10** Ach thig latha an Tighearna mar mhèirleach, anns an tèid na nèamhan seachad le fuaim mòr, agus thèid na h-eileamaidean an cur ma sgaoil le dian-theas, agus thèid an talamh agus na h-obraichean a th' ann an losgadh suas.

**11** A chionn 's gum bi na rudan seo uile air an cur fa sgaoil san dòigh seo, dè an seòrsa dhaoine a bu chòir a bhith annaibh-se ann an caitheamh-beatha naomh is diadhachd,

**12** a' coimhead airson, 's ag iarraidh gu dùrachdach, tighinn latha Dhè leis am bi na nèamhan air an cur ma sgaoil le bhith air an losgadh agus na h-eileamaidean air an leaghadh le bhith air an cur nan teine?

**13** Ach a rèir a' gheallaidh-san, tha sinn a' feitheamh airson nèamhan ùra agus talamh ùr, anns an dèan fireantachd còmhnaidh.

**14** Mar sin, a mhuinntir ghràdhaichte, a chionn 's gu bheil sibh a' feitheamh airson nan rudan seo, dèanaibh ur dìcheall a bhith air ur faighinn gun spot is gun smal leis-san ann an sìth.

**15** Agus tha foighidinn ar Tighearna a' treòrachadh gu slàinte; dìreach mar a sgrìobh ar bràthair gràdhach Pòl cuideachd thugaibh a rèir a' ghliocais a chaidh a thoirt dhàsan,

**16** mar a tha e cuideachd a' sgrìobhadh anns na litrichean aige gu lèir, a' bruidhinn mu na rudan seo, anns a bheil cuid de rudan a tha duilich an tuigsinn, rudan a tha iadsan a tha aineolach agus neo-shuidhichte a' fiaradh, mar a tha iad leis a' chòrr dhe na Sgrìobtairean, gu an sgrìos fhèin.

**17** Mar sin, a mhuinntir ghràdhaichte, a chionn 's gu bheil fios agaibh air a seo ro làimh, dìonaibh sib' fhèin mus toir mearachd dhaoine olc a thaobh sibh, 's gun tuit sibh o ur seasmhachd fhèin.

**18** Ach fàsaibh ann an gràs is eòlas ar Tighearna 's ar Slànaigheir Ìosa Crìosd. Dhàsan gu robh glòir, a-nis agus gu sìorraidh. Amen.

## 1 Eòin

### 1 Eòin 1

#### Facal na Beatha

<sup>1</sup>An rud a bh' ann o thoiseach, a chuala sinn, a chunnaic sinn ler sùilean, air an do choimhead sinn agus a làimhsich ar làmhan – mu Fhacal na beatha.

<sup>2</sup>– agus nochd a' bheatha, agus chunnaic sinn i agus tha sinn a' toirt fianais oirre; agus tha sinn a' cur an cèill dhuibhse a' bheatha shìorraidh, a bha còmhla ris an Athar agus a chaidh a nochdadh dhuinne.

<sup>3</sup>Tha sinn a' cur an cèill dhuibhse an rud a chunnaic agus a chuala sinn airson 's gum bi co-chomann agaibhse cuideachd leinne. Agus tha an co-chomann againne gu deimhinn còmhla ris an Athar agus ri a Mhac, Ìosa Crìosd.

<sup>4</sup>Tha sinn a' sgrìobhadh seo thugaibh airson 's gum bi ar n-aoibhneas làn.

#### A' Coiseachd san t-Solas

<sup>5</sup>Agus 's e seo an teachdaireachd a chuala sinn uaithe-san agus a tha sinn a' cur an cèill dhuibhse: gur solas Dia, agus nach eil dorchadas sam bith annsan.

<sup>6</sup>Ma chanas sinn gu bheil co-chomann againne ris-san agus gu bheil sinn a' coiseachd ann an dorchadas, tha sinn breugach agus chan eil sinn a' cur na fìrinne an gnìomh.

<sup>7</sup>Ach ma choisicheas sinn san t-solas, mar a tha esan san t-solas, tha co-chomann againn ri càch-a-chèile, agus tha fuil Ìosa, a Mhac-san, gar glanadh on a h-uile peacadh.

<sup>8</sup>Ma chanas sinn nach eil peacadh againn, tha sinn gar mealladh fhèin agus chan eil an fhìrinn annainn.

<sup>9</sup>Ma dh'aidicheas sinn ar peacaidhean, tha esan dìleas is fireanta gus ar peacaidhean a mhathadh agus ar glanadh on a h-uile neo-fhìreantachd.

<sup>10</sup>Ma chanas sinn nach do pheacaich sinn, tha sinn a' dèanamh breugaire dheth-san, agus chan eil fhacal-san annainn.

### 1 Eòin 2

<sup>1</sup>Mo chlann bheaga, tha mi a' sgrìobhadh na rudan seo thugaibh airson 's nach peacaich sibh. Ach ma pheacaicheas neach sam bith, tha fear-tagraidh againn còmhla ris an Athar – Ìosa Crìosd, am fìrean.

<sup>2</sup>Agus is esan an ìobairt-rèite airson ar peacaidhean, agus chan ann a-mhàin airson ar feadhna ach cuideachd airson feadhna an t-saoghail gu lèir.

#### Gràdh is Fuath do Cho-Chreidmheich

<sup>3</sup>Agus mar sin tha fios againn gu bheil sinn air eòlas fhaighinn airsan, ma chumas sinn àithntean-san.

<sup>4</sup>Esan a chanas, “Tha eòlas agam air,” ach nach eil a' cumail àithntean, tha e na bhreugaire 's chan eil an fhìrinn ann.

<sup>5</sup>Ach ge b' e cò a chumas fhacal-san, gu fìrinneach tha gràdh Dhè air a choileanadh ann, mar sin tha fios againn gu bheil sinne annsan.

<sup>6</sup>Ge b' e cò a chanas gu bheil e beò annsan, feumaidh e coiseachd mar a choisich esan.

<sup>7</sup>A mhuintir ghràdhaichte, chan eil mi a' sgrìobhadh àithne ùr thugaibh ach seann tè, a bh' agaibh on toiseach. 'S e an t-seann àithne am facal a chuala sibh.

<sup>8</sup>A-rithist tha mi a' sgrìobhadh àithne ùr thugaibh; a tha fìor annsan agus annaibh-se, oir tha an dorchadas a' dol seachad agus tha an solas fìor a' deàlradh a-cheana.

<sup>9</sup>Ge b' e cò a chanas gu bheil e san t-solas agus aig a bheil fuath dha bhràthair, tha e san dorchadas chun an-dràsta fhèin.

<sup>10</sup>Am fear a ghràdhaicheas a bhràthair, tha esan beò san t-solas, agus chan eil adhbhar tuislidh ann.

<sup>11</sup>Ach an neach aig a bheil fuath dha bhràthair, tha esan san dorchadas agus tha e a' coiseachd san dorchadas, agus chan eil fios aige càit a bheil e a' dol, oir dhall an dorchadas a shùilean.

### **Adhbharan airson Sgrìobhaidh**

<sup>12</sup>Tha mi a' sgrìobhadh thugaibhse, a chlann bheaga, oir tha ur peacaidhean air am mathadh air sgàth ainme-san.

<sup>13</sup>Tha mi a' sgrìobhadh thugaibhse, athraichean, a chionn 's gu bheil eòlas agaibh airsan on toiseach. Tha mi a' sgrìobhadh thugaibhse, fhir òga, a chionn 's gun tug sibh buaidh air an droch fhear.

<sup>14</sup>Tha mi a' sgrìobhadh thugaibhse, a chlann bheaga, a chionn 's gu robh eòlas agaibh air an Athair. Sgrìobh mi thugaibhse, athraichean, a chionn 's gu bheil eòlas agaibh airsan a th' air a bhith ann on toiseach. Sgrìobh mi thugaibhse, fhir òga, a chionn 's gu bheil sibh làidir, agus gu bheil facal Dhè a' fantainn annaibh, agus gun tug sibh buaidh air an droch fhear.

### **Na Gràdhaichibh an Saoghal**

<sup>15</sup>Na gràdhaichibh an saoghal no na rudan a th' anns an t-saoghal. Ma ghràdhaicheas duine sam bith an saoghal, chan eil gràdh an Athar ann.

**16**Oir tha a h-uile sìon san t-saoghal – ana-miannan na feòla, ana-miannan nan sùilean agus pròis seilbh na beatha – a' tighinn, chan ann on Athair, ach on t-saoghal.

**17**Agus tha an saoghal a' dol seachad, 's a chuid ana-miann; ach mairidh am fear a nì toil Dhè gu sìorraidh.

### **Rabhadh an aghaidh Ana-Crìosdan**

**18**A chlann bheaga, tha an uair mu dheireadh ann, agus mar a chuala sibh gu bheil an t-ana-crìosd a' tighinn, eadhon a-nis, tha mòran ana-crìosdan air nochdadh. Mar sin, tha fios againn gu bheil an uair mu dheireadh ann.

**19**Chaidh iad a-mach bhuanne, ach cha bhuineadh iad dhuinne. Oir nam b' ann dhuinne a bhuineadh iad, bhiodh iad air fuireach còmhla rinn; ach tha an fhàgail aca a' dèanamh follaiseach nach ann dhinne a bha iad.

**20**Ach tha ungradh agaibhse on Aon Naomh agus tha fios agaibh uile.

**21**Cha do sgrìobh mi thugaibh a chionn 's nach eil fios agaibh air an fhìrinn, ach, a chionn 's gu bheil fios agaibh oirre agus a chionn 's nach eil breug sam bith on fhìrinn.

**22**Cò e am breugaire ach esan a dh'àicheas gur e Ìosa an Crìosd? Is e seo an t-ana-crìosd, a tha ag àicheadh an t-Athair 's am Mac.

**23**Gach neach a tha ag àicheadh am Mac, chan eil an t-Athair aige: an neach a tha ag aideachadh am Mac, tha an t-Athair aige cuideachd.

**24**Mar sin, fanadh na chuala sibh on toiseach annaibh. Ma dh'fhanas na chuala sibh on toiseach annaibh, fanaidh sibhse cuideachd anns a' Mhac agus anns an Athair.

**25**Agus 's e seo an gealladh a gheall e dhuinn – a' bheatha shìorraidh.

**26**Sgrìobh mi na rudan seo thugaibh mu dheidhinn na feadhna a tha gur cur air seachran.

**27**Ach mur deidhinn-se, tha an t-ungadh a fhuair sibh uaitheasan a' fantainn annaibh, agus chan eil feum agaibh air neach sam bith airson ur teagasg. Ach mar a theagaisgeas a' cheart ungradh sibhse mun a h-uile sìon agus gu bheil e fìor, agus nach e breug a th' ann – dìreach mar a theagaisg e sibhse, fanaibh annsan.

### **Clann Dhè agus am Peacadh**

**28**Agus a-nis, a chlann bheaga, fuirichibh annsan airson 's nuair a nochdas e gum bi misneachd againn agus nach bi nàire oirnn ma choinneamh, aig a thighinn.

<sup>29</sup>Ma tha fios agaibh gu bheil e fireanta, tha fios agaibh gu bheil a h-uile duine a nì fireantachd air a bhreith uaithesan.

### 1 Eòin 3

<sup>1</sup>Seallaibh an seòrsa gràidh a tha an t-Athair air a thoirt dhuinn, gun deigheadh clann Dhè a ghabhail oirnn. Agus 's e sin a th' annainn! Mar sin, chan aithne dhan t-saoghal sinn a chionn 's nach b' aithne dha esan.

<sup>2</sup>A mhuinntir ghràdhaichte, tha sinne a-nis nar cloinn do Dhia, agus cha deach a dhèanamh follaiseach fhathast dè a bhios annainn. Ach tha fios againn nuair a nochdas e, gum bi sinn coltach ris, oir chì sinn e dìreach mar a tha e.

<sup>3</sup>Tha gach neach aig a bheil an dòchas seo annsan ga fhìor-ghlanadh fhèin, dìreach mar a tha esan fìorghlan.

<sup>4</sup>Tha gach duine a tha a' peacachadh a' briseadh an lagh cuideachd, agus is e peacadh briseadh an lagh.

<sup>5</sup>Ach tha fios agaibh gun do nochd esan gus ar peacaidhean a thoirt air falbh. Agus chan eil peacadh sam bith annsan.

<sup>6</sup>Chan eil neach sam bith a tha a' fantainn annsan a' peacachadh. Chan fhaca agus cha b' aithne do neach sam bith esan, ma tha e a' peacachadh.

<sup>7</sup>A chlann bheaga, na leigibh le neach sam bith ur cur air seachran. Tha an neach a tha ri fireantachd, fireanta, dìreach mar a tha esan fireanta.

<sup>8</sup>Tha an neach a tha ris a' pheacadh on diabhal, on a tha an diabhal air a bhith a' peacachadh on toiseach. B' ann air a shon seo a nochd Mac Dhè, airson 's gun cuireadh e às do dh'obraichean an diabhail.

<sup>9</sup>Cha bhi neach sam bith a th' air a bhreith o Dhia ri peacadh, oir tha a shìol-san a' fantainn ann; agus chan urrainn dha peacachadh on a tha e air a bhreith o Dhia.

<sup>10</sup>Mar seo, tha e follaiseach cò iad clann Dhè agus cò iad clann an diabhail. Neach sam bith nach eil ri fireantachd, chan eil e o Dhia, 's cha mhotha a tha neach sam bith aig nach eil gràdh dha bhràthair.

#### Biodh Gràdh agaibh air Càch-a-Chèile

<sup>11</sup>Oir is e seo an teachdaireachd a chuala sibh on toiseach, gum bu chòir gràdh a bhith againn air càch-a-chèile.

<sup>12</sup>Na bithibh mar Chàin a bhuineadh dhan droch fhear agus a mhurt a bhràthair. Agus carson a mhurt e e? A chionn 's gun robh a ghniomhan fhèin olc agus gun robh cuid a bhràthar fireanta.

**13**Na cuireadh e iongnadh oirbh, a bhràithrean, ma tha fuath aig an t-saoghal dhuibh.

**14**Tha fios againn gun deach sinn o bhàs gu beatha, bhon a tha gràdh againn air na bràithrean. Neach sam bith aig nach eil gràdh, fanaidh e sa bhàs.

**15**'S e murtair a th' anns a h-uile neach aig a bheil fuath dha bhràthair, agus tha fios agaibh nach eil a' bheatha shìorraidh a' fantainn ann am murtair sam bith.

**16**'S e seo mar a tha fios againn dè a th' ann an gràdh; oir shìn esan sìos a bheatha air ar son. Agus bu chòir dhuinne ar beatha a shìneadh sìos airson nam bràithrean.

**17**Ach ge b' e cò aig a bheil sealbh-beatha saoghalta 's a chì a bhràthair ann an èiginn agus nach seall truas dha, ciamar is urrainn gràdh Dhè fantainn annsan?

**18**A chlann bheaga, na gràdhaicheamaid ann am facal no ann an teanga, ach ann an gnìomh agus ann am firinn.

**19**Agus mar seo tha fios againn gum buin sinn dhan fhìrinn, agus gun toir seo dearbhachd dhar cridheachan na làthair-san.

**20**Oir ma dhìteas ar cridhe sinn, tha Dia nas motha na ar cridhe, agus tha fios aigesan air a h-uile sìon.

**21**A mhuintir ghràdhaichte, mura dìt ar cridhe sinn, tha misneachd againn mu choinneimh Dhè;

**22**agus rud sam bith a dh'iarras sinn uaithe-san tha sinn a' faighinn, oir tha sinn a' cumail àithntean agus a' dèanamh na thoilicheas esan.

**23**Agus is i seo àithne: gun creideamaid ann an ainm a Mhic, Ìosa Crìosd, agus gun gràdhaicheamaid càch-a-chèile, dìreach mar a dh'àithn e dhuinn.

**24**Agus an neach a chumas àithntean, tha e a' fantainn ann, agus esan annsan. Agus mar sin tha fios againn gu bheil esan a' fantainn annainne: tron Spiorad a thug e dhuinn.

## **1 Eòin 4**

### **Dearbhaibh na Spioradan**

**1**A mhuintir ghràdhaichte, na creidibh a h-uile spiorad, ach dearbhaibh na spioradan – an ann o Dhia a tha iad, oir tha mòran fhàidhean-brèige air a dhol a-mach dhan t-saoghal.

**2**Mar sin, aithnichidh sibh Spiorad Dhè. Tha a h-uile spiorad a dh'aidicheas gun tàinig Ìosa Crìosd san fheòil o Dhia,

<sup>3</sup>Ach chan ann o Dhia a tha spiorad sam bith nach aidich Ìosa. 'S e seo spiorad an ana-crìosd, a chuala sibh a tha ri thighinn agus a tha eadhon a-cheana san t-saoghal.

<sup>4</sup>Tha sibhse, a chlann bheaga, o Dhia agus thug sibh buaidh orrasan, oir tha am fear a tha annaibh-se nas motha na am fear a th' anns an t-saoghal.

<sup>5</sup>Tha iadsan on t-saoghal agus mar sin tha iad a' bruidhinn mun t-saoghal, agus tha an saoghal ag èisteachd riutha.

<sup>6</sup>Tha sinne le Dia, agus ge b' e cò aig a bheil eòlas air Dia, èistidh e rinne; ach ge b' e cò nach eil o Dhia, chan èist e rinne. 'S e seo mar a bhios eòlas againn air Spiorad na firinne agus air spiorad a' mheallaidh.

### **Gràdh Dhè agus ar Gràdh-ne**

<sup>7</sup>A mhuinntir ghràdhaichte, biodh gràdh againn air càch-a-chèile on a tha gràdh o Dhia. Agus rugadh gach neach aig a bheil gràdh, o Dhia agus tha eòlas aige air Dia.

<sup>8</sup>An neach aig nach eil gràdh, chan eil eòlas aige air Dia a chionn 's gur gràdh Dia.

<sup>9</sup>Mar sin, chaidh gràdh Dhè a nochdadh dhuinne – gun do chuir Dia aonghin Mic dhan t-saoghal airson 's gum bitheamaid beò troimhesan.

<sup>10</sup>Is ann an seo a tha gràdh; chan e gun do ghràdhaich sinne Dia ach gun do ghràdhaich esan sinne, agus gun do chuir e a Mhac mar ìobairt-rèite airson ar peacaidhean.

<sup>11</sup>A mhuinntir ghràdhaichte ma ghràdhaich Dia sinne, mar sin bu chòir dhuinne cuideachd gràdh a bhith againn air càch-a-chèile.

<sup>12</sup>Chan fhaca neach sam bith Dia riamh; ach ma tha gràdh againne air càch-a-chèile, tha Dia a' fantainn annainne agus tha a ghràdh-san air a choileanadh annainn.

<sup>13</sup>Mar sin, tha fios againn gu bheil sinn a' fantainn annsan agus esan annainne, a chionn 's gun tug e dhuinn an Spiorad aige.

<sup>14</sup>Agus chunnaic sinn, agus thug sinn fianais, gun do chuir an t-Athair am Mac gu bhith na Shlànaighear dhen t-saoghal.

<sup>15</sup>Ma dh'aidicheas neach sam bith gur e Ìosa Mac Dhè, tha Dia a' fantainn annsan agus esan ann an Dia.

<sup>16</sup>Agus tha fios againn air agus tha sinn air creidsinn anns a' ghràdh a th' aig Dia air ar son. Is gràdh Dia. Agus esan a tha a' fantainn ann an gràdh, tha e a' fantainn ann an Dia agus Dia a' fantainn annsan.

<sup>17</sup>Mar sin tha gràdh air a choileanadh annainne, airson 's gum bi misneachd againn air Latha a' Bhreitheanais, agus dìreach mar a tha esan, tha sinne cuideachd san t-saoghal seo.

<sup>18</sup>Chan eil eagal ann an gràdh. Ach tha gràdh coileanta a' tilgeil eagal a-mach, oir tha peanas san eagal. Agus chan eil neach air a bheil eagal air a dhèanamh coileanta ann an gràdh.

<sup>19</sup>Tha sinne a' gràdhachadh a chionn 's gun do gràdhaich esan sinne an toiseach.

<sup>20</sup>Ma chanas neach sam bith, “Tha gràdh agamsa air Dia,” ach gu bheil fuath aige dha bhràthair, 's e breugaire a th' ann. Oir chan urrainn dhàsan aig nach eil gràdh air a bhràthair, a tha e air fhaicinn, gràdh a bhith aige air Dia, nach eil e air fhaicinn.

<sup>21</sup>Agus tha an àithne seo againn uaithe-san: Esan aig a bheil gràdh air Dia, feumaidh e cuideachd gràdh a bhith aige air a bhràthair.

## 1 Eòin 5

### Creideamh ann am Mac Dhè

<sup>1</sup>Tha gach neach a tha a' creidsinn gur e Ìosa an Crìosd air a bhreith o Dhia, agus tha gach neach aig a bheil gràdh dhan Athair, a' toirt gràidh cuideachd dhàsan a chaidh a bhreith leis.

<sup>2</sup>Mar sin, tha fios againn gu bheil gràdh againn air clann Dhè; nuair a tha gràdh againn air Dia agus nuair a chumas sinn na h-àithntean aige.

<sup>3</sup>Oir is e seo gràdh Dhè – gun cùm sinn na h-àithntean aige, agus chan eil na h-àithntean aige trom.

<sup>4</sup>Oir tha gach neach a th' air a bhreith o Dhia a' toirt buaidh air an t-saoghal. 'S e seo a' bhuidh a thug buaidh air an t-saoghal, ar creideamh.

<sup>5</sup>Cò a bheir buaidh air an t-saoghal, mura h-e esan a chreideas gur e Ìosa Mac Dhè?

<sup>6</sup>Is e seo esan a thàinig tro uisge agus tro fhuil – Ìosa Crìosd. Chan ann tro uisge a-mhàin, ach tro uisge agus tro fhuil. Agus 's e an Spiorad a tha a' toirt fianais, a chionn 's gur e an Spiorad an fhìrinn.

<sup>7</sup>Oir tha triùir ann a tha a' toirt fianais,

<sup>8</sup>an Spiorad, agus an t-uisge, agus an fhuil agus tha an triùir sin nan n-aon.

<sup>9</sup>Ma ghabhas sinn ri fianais dhaoine, tha teisteanas Dhè nas motha. Oir is i seo fianais Dhè, gun tug e fianais mu a Mhac.



**10** Esan a tha a' creidsinn ann am Mac Dhè, tha an fhianais ann fhèin. Esan nach eil a' creidsinn Dhè, tha e air breugaire a dhèanamh dheth, oir chan eil e air creidsinn san fhianais a thug Dia mu a Mhac fhèin.

**11** Agus is i seo an fhianais, gun tug Dia dhuinne a' bheatha shìorraidh; agus tha a' bheatha seo na Mhac-san.

**12** An neach aig a bheil am Mac, tha beatha aige; an neach aig nach eil Mac Dhè, chan eil beatha aige.

### **Co-Dhùnaidhean Deireannach**

**13** Sgrìobh mi na rudan seo thugaibh airson 's gum bi fios agaibh gu bheil a' bheatha shìorraidh agaibhse a tha a' creidsinn ann an ainm Mhic Dhè.

**14** 'S e seo an earbsa a th' againn annsan, ma dh'iarras sinn rud sam bith a rèir a thoil, èistidh e rinn.

**15** Agus ma tha fios againn gun èist e rinn – a thaobh rud sam bith a dh'iarras sinn – tha fios againn gu bheil na h-iartasan a dh'iarr sinn air, againn.

**16** Ma chì neach sam bith a bhràthair a' dèanamh peacadh nach eil idir gu bàs, iarradh e, agus bheir Dia beatha dhàsan agus dhaibhsan nach eil a' dèanamh peacadh a tha gu bàs. Tha peacadh ann a tha gu bàs. Chan eil mi ag ràdh gum bu chòir dha guidhe mun t-seòrsa sin.

**17** 'S e peacadh a th' anns a h-uile h-eucoir; agus tha peacadh ann nach eil gu bàs.

**18** Tha fios againn nach peacaich neach sam bith a th' air a ghineadh le Dia, agus tha am fear a chaidh a ghineadh le Dia ga chumail, agus cha bhean an droch fhear ris.

**19** Tha fios againn gur ann le Dia a tha sinne agus gu bheil an saoghal gu lèir na laighe fo chumhachd an fhir uilc.

**20** Agus tha fios againn gun tàinig Mac Dhè agus gun tug e dhuinne tuigse airson 's gum bi eòlas againn airsan a tha fìor, agus tha sinne annsan a tha fìor, na Mhac, Ìosa Crìosd. Is esan an Dia fìor agus a' bheatha shìorraidh.

**21** A chlann bheaga, cumaibh sib' fhèin bho iodhalan.

## 2 Eòin

### 2 Eòin 1

#### Fàilte

<sup>1</sup>An t-èildear, Chun na baintighearna thaghte agus a cuid chloinne, air a bheil gràdh agam ann am firinn, agus chan e mise a-mhàin, ach cuideachd iadsan uile aig a bheil eòlas air an fhìrinn,

<sup>2</sup>air sgàth na firinne a tha a' fantainn annainn, agus a bhios còmhla rinn gu sìorraidh.

<sup>3</sup>Gu robh gràs, tròcair agus sìth còmhla rinn o Dhia an t-Athair agus o Ìosa Crìosd, Mac an Athar, ann am firinn agus ann an gràdh.

#### Firinn agus Gràdh

<sup>4</sup>Rinn mi gàirdeachas mòr on a fhuair mi cuid dhem chloinn-sa a' coiseachd san fhìrinn mar a fhuair sinn àithne on Athair.

<sup>5</sup>Agus tha mi a-nis a' guidhe ort, a bhaintighearna, nach ann mar àithne ùr a tha mi a' sgrìobhadh thugad, ach an tè a bh' againn on toiseach, gum bu chòir dhuinn càch-a-chèile a ghràdhachadh.

<sup>6</sup>Agus is e seo gràdh, gum bu chòir dhuinn coiseachd a rèir àithntean-san. 'S e seo an àithne, eadhon mar a chuala sibh on toiseach, gun coisicheadh sibh innte.

<sup>7</sup>Oir thàinig mòran mhealltairean a-steach dhan t-saoghal, chan eil iadsan ag aideachadh tighinn Ìosa Crìosd san fheòil – 's e an neach seo am mealltair agus an t-ana-crìosd.

<sup>8</sup>Thoiribh an aire nach caill sibh na dh'obraich sinn air a shon, ach gum faigh sibh làn-dhuais.

<sup>9</sup>Neach sam bith a thèid ro fhada agus nach fan ann an teagasg Chrìosd – chan eil Dia aige; an neach a dh'fhanas san teagasg, tha an dà chuid, an t-Athair agus am Mac, aigesan.

<sup>10</sup>Ma thig neach sam bith thugaibh agus nach toir e leis an teagasg seo, na gabhaibh a-steach dhur taigh e, agus na cuiribh fàilte air.

<sup>11</sup>Oir tha compàirt aig an neach a chuireas fàilte air, anns na droch obraichean aige.

#### Fàiltean Dheireannach

<sup>12</sup>Tha mòran rudan agam ri sgrìobhadh thugaibh, ach chan eil mi airson pàipear is dubh a chosg. Agus tha dòchas agam tighinn thugaibh agus bruidhinn ribh aghaidh ri aghaidh airson 's gum bi ar sòlas làn.

<sup>13</sup>Tha clann do pheathar thaghte a' cur bheannachdan thugad.

## 3 Eòin

### 3 Eòin 1

#### Fàilte

- <sup>1</sup>An t-èildear, Gu Gaius gràdhach, air a bheil gràdh agam ann am fìrinn.
- <sup>2</sup>Fhir ghràdhaichte, tha mi ag ùrnaigh mun a h-uile sion, gu soirbhich thu agus gum bi deagh shlàinte agad, eadhon mar a shoirbhicheas d' anam.
- <sup>3</sup>Rinn mi mòran toileachas nuair a thàinig bràithrean agus a thug iad fianais mun fhìrinn agad, dìreach mar a tha thu a' coiseachd anns an fhìrinn.
- <sup>4</sup>Chan eil toileachadh nas motha na sin agam, gun cluinninn gu bheil mo chlann a' coiseachd anns an fhìrinn.

#### Co-Obrachadh agus Cur an Aghaidh

- <sup>5</sup>Fhir ghràdhaichte, tha thu a' dèanamh gu dìleas na nì thu airson nam bràithrean agus airson nan coigreach,
- <sup>6</sup>thug iadsan fianais air do ghràdh mu choinneamh na h-eaglaise. Nì thu math le bhith gan cur air adhart ann an dòigh a tha airidh air Dia.
- <sup>7</sup>Oir chaidh iad a-mach air sgàth an Ainm, gun sion a ghabhail o na cinnich.
- <sup>8</sup>Mar sin, bu chòir dhuinne gabhail ri an leithidean sin, airson 's gum bi sinn nar co-luchd-obrach dhan fhìrinn.
- <sup>9</sup>Sgrìobh mi rudeigin chun na h-eaglaise, ach cha do ghabh Diotrefes, leis am miann a bhith na cheannard orra, rinne.
- <sup>10</sup>Mar sin, ma thig mi, cuiridh mi an cuimhne na gnìomhan a tha e a' dèanamh, gar càineadh le faclan olca, agus air sgàth 's nach eil sin a' fòghnadh dha, chan eil e fhèin a' gabhail ris na bràithrean agus tha e gam bacadh-san a tha a' gabhail riutha, agus gan tilgeil a-mach às an eaglais.
- <sup>11</sup>Fhir ghràdhaichte, na dèan atharrais air na tha olc, ach air na tha math. Tha esan a tha a' dèanamh math o Dhia; chan fhaca esan a tha a' dèanamh an t-olc Dia.
- <sup>12</sup>Chaidh deagh fhianais a thoirt leis a h-uile neach air Demetrius, agus leis an fhìrinn fhèin; tha sinne cuideachd a' toirt fianais, agus tha fios agad gu bheil ar fianais fìor.

#### Fàiltean Dheireannach

- <sup>13</sup>Bha mòran rudan agam ri sgrìobhadh thugad, ach chan eil mi ag iarraidh sgrìobhadh thugad le dubh is peann,
- <sup>14</sup>tha mi an dòchas d' fhaicinn a dh'aithghearr agus bruidhinnidh sinn aghaidh ri aghaidh.

**15** Sìth leat. Tha na càirdean a' cur fàilte thugad. Cuir fàilte air na càirdean air an ainm.

## Iùdais

### Iùdais 1

#### Fàilte

<sup>1</sup>Iùdas, seirbheiseach Ìosa Crìosd agus bràthair Sheumais: Thucasan a th' air an gairm, gràdhaichte ann an Dia an t-Athair, agus air an gleidheadh le Ìosa Crìosd.

<sup>2</sup>Tròcair dhuibh agus sìth, is gum biodh gràdh air a mheudachadh dhuibh.

#### Peacadh agus Truaighe Dhaoine Ain-Diadhaidh

<sup>3</sup>A mhuinntir ghràdhaichte, fhad 's a bha mi a' sgrìobhadh thugaibh leis a h-uile dìcheall mu ar slàinte chumanta, b' fheudar dhomh sgrìobhadh thugaibh gur n-earalachadh gun dèanadh sibh strì às leth a' chreideimh a bha aon uair air a thoirt dha na naoimh.

<sup>4</sup>Oir tha daoine àraidh air èaladh a-steach, a bha roimhe air an comharrachadh airson a' bhreitheanais seo, daoine ain-diadhaidh, a tha a' tionndadh gràs Dhè gu feòlmhorachd, agus ag àicheadh ar n-aon Mhaighstir is Tighearna, Ìosa Crìosd.

<sup>5</sup>A-nis tha mi ag iarraidh cuimhneachadh dhuibh, ged a bha fios agaibh aon uair air, gun do shàbhail an Tighearna sluagh o thìr na Èipheit, 's às dèidh sin gun do sgrios e iadsan nach do chreid.

<sup>6</sup>Agus na h-ainglean nach do ghlèidh an ciad inbhe ach a dh'fhàg an àite còmhnaidh fhèin, ghlèidh e iad ann an sèinichean shìorraidh fo dhorchadas, airson breitheanais an latha mhòir.

<sup>7</sup>Mar Shodom is Ghomora agus na bailtean mun cuairt orra, san aon dòigh, thug iadsan iad fhèin seachad do strìopachas agus chaidh iad às dèidh feòil eile, tha iad nan eisimpleirean a' fulang peanas teine sìorraidh.

<sup>8</sup>Ach san aon dòigh tha na brudaraichean seo a' truailleadh na feòla, a' diùltadh tighearnais, agus a' toirt toibheum do phearsachan glòrmhor.

<sup>9</sup>Ach Mìcheal, an t-àrd-aingeal, nuair a bha e a' strì ris an diabhal agus a' deasbaireachd mu chorp Mhaois, cha robh de dhànadas aige na chuireadh casaid thoibheumach air, ach thuirt e, “Gun cronaicheadh an Tighearna thu!”

<sup>10</sup>Ach na rudan nach eil na daoine sin a' tuigsinn, tha iad a' toirt toibheum dhaibh, ach na rudan a tha iad a' tuigsinn gu nàdarra, mar ainmhidhean gun reusan, tha iad gan truailleadh fhèin anns na rudan sin.

<sup>11</sup>Is mairg dhaibh! Oir chaidh iad air slighe Chàin, agus ruith iad gu luath ann an seachran dhuais Bhalaaim, agus chaidh an sgrios ann an ana-cainnt Chorah.

<sup>12</sup>Tha iad seo nan smalan nur fèillean, nuair a tha iad gun eagal air chuirim còmhla ribh, gan ionaltradh fhèin; sgòthan gun uisge, air an giùlain mun cuairt le gaothan; craobhan foghair air nach eil toradh, dà thuras marbh, spionte às na freumhaichean.

<sup>13</sup>Suailean garbha a' chuain, a' cur uapa cop an nàire fhèin, rionnagan seachranach dha bheil duibhre an dorchadais air a ghleidheadh gu sìorraidh.

<sup>14</sup>Agus cuideachd rinn Enoch, a bha dhen t-seachdamh ginealach o Àdhamh, fàidheadaireachd mun deidhinn, ag ràdh, “Seall, thàinig an Tighearna le deich mìle dhen fheadhainn naomh aige,

<sup>15</sup>airson breitheanais a dhèanamh air a h-uile neach 's airson na h-ain-diadhaidh gu lèir a dhìteadh mun a h-uile h-obair ain-diadhaidh a rinn iad ann an dòigh ain-diadhaidh, agus mun a h-uile rud cruaidh a thuir peacaich ain-diadhaidh na aghaidh.”

<sup>16</sup>'S e luchd-brunndail is gearain a th' annta, a' gluasad a rèir an ana-miannan fhèin, agus am beul ag ràdh briathran bòstail, a' toirt urram do phearsachan air sgàth buannachd.

#### **Gairm gu Leanaltas**

<sup>17</sup>Ach sibhse, a mhuinntir ghràdhaichte, cuimhnichibh na faclan a chaidh a ràdh roimhe le abstoil ar Tighearna Ìosa Crìosd,

<sup>18</sup>gun tuir iad ribh, “Anns na h-amannan deireannach thig luchd-magaidh, a' gluasad a rèir an ana-miannan ain-diadhaidh fhèin.”

<sup>19</sup>'S iad seo iadsan a nì sgaraidhean, daoine neo-spioradail 's gun an Spiorad aca.

<sup>20</sup>Ach sibhse, a mhuinntir ghràdhaichte, gur togail fhèin suas sa chreideamh as naomha, ag ùrnaigh san Spiorad Naomh,

<sup>21</sup>cumaibh sib' fhèin ann an gràdh Dhè, a' feitheamh air tròcair ar Tighearna Ìosa Crìosd – gu beatha shìorraidh.

<sup>22</sup>Agus dèanaibh tròcair orrasan a tha teagmhach,

<sup>23</sup>agus sàbhailibh feadhainn eile, gan spìonadh às an teine, ach, le eagal, dèanaibh tròcair air cuid eile, a' fuathachadh eadhon an t-aodach a th' air a thruailleadh leis an fheòil.

#### **Docseòlas**

<sup>24</sup>A-nis dhàsan – a tha comasach air ur gleidheadh o thuisleadh, 's air ur nochdadh neo-choireach fa chomhair a ghlòir, ann am mòr aoibhneas,

<sup>25</sup>an aon Dia, ar Slànaighear, tro Ìosa Crìosd ar Tighearna – gu robh glòir, mòralachd, cumhachd is ùghdarras, ro na linntean, agus a-nis, agus gu sìorraidh! Amen.

## Taisbeanadh

### Taisbeanadh 1

#### Ro-Ràdh

<sup>1</sup>Taisbeanadh Ìosa Crìosd, a thug Dia dha airson foillseachadh dha sheirbheisich na rudan a dh'fheumas tachairt a dh'aithghearr; agus a rinn e aithnichte 's a chuir e, leis an aingeal aige, gu a sheirbheiseach Eòin,

<sup>2</sup>a thug fianais mu fhacal Dhè is mu theisteanas Ìosa Crìosd, na h-uimhir 's a chunnaic e.

<sup>3</sup>Is beannaichte esan a tha a' leughadh agus iadsan a tha ag èisteachd ri faclan na fàidheadaireachd seo, agus a ghleidheas na tha sgrìobhte innte, oir tha an t-àm faisg.

#### Fàilte agus Docseòlas

<sup>4</sup>Eòin, Gu na seachd eaglaisean ann an Àisia: Gràs dhuibh agus sìth uaithean a tha agus a bha agus a tha a' tighinn agus o na seachd spioradan a tha mu choinneamh a rìgh-chathrach-san.

<sup>5</sup>Agus o Ìosa Crìosd, an fhianais dìleas, an ciad-ghin o na mairbh, agus riaghladair rìghrean na talmhainn. Dhàsan a tha gar gràdhachadh agus a shaor sinn o ar peacaidhean le fhuil fhèin,

<sup>6</sup>agus a rinn sinn nar rìoghachd, sagartan do Dhia 's dha Athair-san – dhàsan gu robh a' ghlòir agus a' chumhachd gu saoghal nan saoghal. Amen.

<sup>7</sup>“Seallaibh! Tha e tighinn le na sgòthan, agus chì a h-uile sùil e, eadhon iadsan a lot e; agus nì treubhan na talmhainn gu lèir caoidh air a shon.” ‘S iad a nì. Amen.

<sup>8</sup>“Is mise an t-Alpha agus an t-Omega,” tha an Tighearna Dia ag ràdh, “a tha agus a bha agus a tha a' tighinn, an t-Uile-Chumhachdach.”

#### Fear a Tha Coltach ri Mac Duine

<sup>9</sup>Bha mise, Eòin – ur bràthair a tha nam chom-pàirtiche leibh ann an trioblaid is ann an rìoghachd agus ann an leanaltas ann an Ìosa – air an eilean ris an canar Patmos air sgàth facal Dhè agus teisteanas Chrìosd.

<sup>10</sup>Bha mi anns an Spiorad air latha an Tighearna, agus chuala mi guth àrd air mo chùlaibh mar thrombaid,

<sup>11</sup>ag ràdh, “Na chì thu, sgrìobh ann an rolla, agus cuir gu na seachd eaglaisean e, gu Ephesus agus gu Smirna agus gu Pergamos agus gu Tiatira agus gu Sardis agus gu Philadelphia agus gu Laodicèa.”

<sup>12</sup>Agus thionndaidh mi gus am faicinn dè an guth a bhruidhinn rium, agus nuair a thionndaidh mi chunnaic mi seachd lampairean òir.



- <sup>13</sup>Agus am measg nan lampair, fear coltach ri mac an duine air èideadh ann an trusgan fada agus air a chrìoslachadh ma chom le crios òir.
- <sup>14</sup>Agus bha a cheann is fhalt geal mar chlàimh ghil, mar shneachda, agus a shùilean mar lasair theine.
- <sup>15</sup>Bha a chasan coltach ri umha fìorghlan, air a ghrinneachadh ann am fùirneis agus bha a ghuth mar fhuaim mhòran uisgeachan.
- <sup>16</sup>Agus na làimh dheis bha seachd rionnagan aige agus às a bheul thàinig claidheamh dà-fhaobhair, geur, agus bha aodann mar a' ghrian a' deàlradh na cumhachd.
- <sup>17</sup>Agus nuair a chunnaic mi e, thuit mi aig a chasan mar dhuine marbh. Agus chuir e a làmh dheas orm ag ràdh, “Na biodh eagal ort! Is mise a' chiad neach 's an neach mu dheireadh,
- <sup>18</sup>agus esan a tha beò, is a bha marbh, agus seall, tha mi beò gu saoghal nan saoghal, agus tha iuchraichean a' bhàis is Ifrinn agam.
- <sup>19</sup>“Mar sin, sgrìobh na chunnaic thu, agus na rudan a tha ann, agus a tha a' dol a thachairt nan dèidh-san.
- <sup>20</sup>Diomhaireachd nan seachd rionnagan a chunnaic thu nam làimh-dheis, agus na seachd lampairean òir: 's iad na seachd rionnagan na h-ainglean aig na seachd eaglaisean, agus 's iad na seachd lampairean na seachd eaglaisean.

## Taisbeanadh 2

### Chun na h-Eaglaise ann an Ephesus

- <sup>1</sup>“Gu aingeal na h-eaglaise ann an Ephesus, sgrìobh: Seo na rudan a tha esan a tha a' cumail nan seachd rionnagan na làimh dheis ag ràdh, esan a tha a' coiseachd am measg nan seachd lampairean òir:
- <sup>2</sup>'S aithne dhomh d' obraichean agus do shaothair is do leanaltas, agus nach urrainn dhut giùlain le luchd-uilc, agus gun do dhearbhu thu iadsan a tha ag ràdh gu bheil iad nan abstoil 's nach eil, agus fhuair thu breugach iad.
- <sup>3</sup>Agus tha thu leanailteach agus dh'fhuiling thu air sgàth m' ainme-sa, agus cha do dh'fhàs thu sgìth.
- <sup>4</sup>Ach tha seo agam nad aghaidh, gun do dh'fhàg thu do chiad ghràdh.
- <sup>5</sup>Cuimhnich mar sin cò às a thuit thu, agus dèan aithreachas is dèan na h-obraichean a rinn thu an toiseach. Ach mura dèan, thig mi thugad agus gluaisidh mi do lampair às àite, mura dèan thu aithreachas.
- <sup>6</sup>Ach tha seo agad, gu bheil gràin agad air obraichean nan Nicolaiteach, air a bheil gràin agamsa cuideachd.

<sup>7</sup>Esan aig a bheil cluas, cluinneadh e dè a tha an Spiorad ag ràdh ris na h-eaglaisean. Dhàsan a bhuadhaicheas bheir mi cead ithe de chraoibh na beatha, a tha ann am Pàrras Dhè.

#### **Chun na h-Eaglaise ann an Smirna**

<sup>8</sup>“Agus gu aingeal na h-eaglaise ann an Smirna, sgrìobh: Seo na rudan a tha e ag ràdh, a' chiad neach 's an neach mu dheireadh, a bha marbh agus a tha beò:

<sup>9</sup>'S aithne dhomh do thrioblaidean agus do bhoichdainn (ach tha thu beairteach) agus an toibheum uapasan a tha ag ràdh gur e lùdhaich a th' annta fhèin, agus nach e, ach sionagag Shàtain.

<sup>10</sup>Na biodh eagal idir ort o na tha thu dol a dh'fhulang. Seall! Tha Sàtan gus cuid agaibh a thilgeil dhan phrìosan gus an tèid ur dearbhadh, agus bidh trioblaid agaibh airson deich latha. Bi dìleas gu bàs, agus bheir mi crùn na beatha dhut.

<sup>11</sup>Esan aig a bheil cluas, cluinneadh e dè a tha an Spiorad ag ràdh ris na h-eaglaisean. Dhàsan a bhuadhaicheas, cha tèid a leòn idir leis an dara bàs.

#### **Chun na h-Eaglaise ann am Pergamos**

<sup>12</sup>“Agus gu aingeal na h-eaglaise ann am Pergamos, sgrìobh: Seo na rudan a tha esan aig a bheil an claidheamh geur, dà-fhaobhair ag ràdh,

<sup>13</sup>Tha fios agam càit a bheil thu a' fuireach, far a bheil rìgh-chathair Shàtain, agus tha thu a' cumail grèim daingeann air m' ainm, agus cha do dh'àich thu mo chreideamh, eadhon ann an làithean Antipais m' fhianais dhìleas, a chaidh a mharbhadh nur measg, far a bheil Sàtan a' fuireach.

<sup>14</sup>Ach tha rud no dhà agam nad aghaidh, a chionn 's gu bheil feadhainn agad an sin a tha a' cumail teagasg Bhalàaim, a theagaisg do Bhalac ceap-tuislidh a thilgeil ro chloinn Israeil: na chaidh iòbradh do dh'iodhalan ithe agus strìopachas a dhèanamh.

<sup>15</sup>Coltach ri sin cuideachd tha feadhainn agad a tha a' cumail ri teagasg nan Nicolaiteach.

<sup>16</sup>Dèan aithreachas, mar sin; oir mura dèan, thig mi thugad gu luath, agus nì mi cogadh nan aghaidh le claidheamh mo bheòil.

<sup>17</sup>Esan aig a bheil cluas, cluinneadh e dè a tha an Spiorad ag ràdh ris na h-eaglaisean. Dhàsan a bhuadhaicheas bheir mi dha am mana falaichte agus bheir mi dha clach gheal, agus air a' chloich ainm ùr sgrìobhte, aig nach eil fios aig duine ach aigesan a gheibh i.

#### **Chun na h-Eaglaise ann an Tiatira**

**18**“Agus gu aingeal na h-eaglaise ann an Tiatira, sgrìobh: Seo na rudan a tha Mac Dhè ag ràdh, esan aig a bheil a shùilean mar lasair theine agus a chasan coltach ri umha fìorghlan:

**19**'S aithne dhomh d' obraichean agus an gràdh agus an creideamh agus an t-seirbheis agus an leanaltas agus na h-obraichean agad, gu bheil an fheadhainn mu dheireadh nas motha na a' chiad fheadhainn.

**20**Ach tha seo agam nad aghaidh, gu bheil thu a' fulang a' bhoireannaich ud, lesebel, a tha a' gabhail ban-fhàidh oirre fhèin, agus a tha a' teagasg 's a' mealladh mo sheirbheisich gus striopachas a dhèanamh agus rudan a th' air ìobradh do dh'iodhalan ithe.

**21**Agus thug mi ùine dhi aithreachas a dhèanamh ach chan eil i ag iarraidh aithreachas a dhèanamh on striopachas aice.

**22**Seall, tilgidh mi ise ann an leabaidh-tinneis agus iadsan a tha a' dèanamh adhaltranas leatha ann an trioblaid mhòr, mura dèan iad aithreachas o na h-obraichean aicese.

**23**Agus marbhaidh mi a cuid chloinne le galar a' bhàis, agus bidh fios aig na h-eaglaisean gu lèir gur mise esan a tha a' rannsachadh inntinnean is cridheachan, agus bheir mi do gach neach agaibh a rèir ur n-obraichean.

**24**Ach ribhse tha mi ag ràdh, agus ris a chòrr a th' ann an Tiatira, na h-uiread 's aig nach eil an teagasg seo, aig nach robh fios air rudan domhainn Shàtain, mar a tha iad ag ràdh. Chan eil mi a' cur uallach eile oirbhse,

**25**a dh'aindeoin sin cumaibh grèim daingeann air na th' agaibh gus an tig mi.

**26**Agus dhan neach a bhuadhaicheas agus dhan neach a ghleidheas m' obraichean-sa chun an deiridh, bheir mi dhan neach sin ùghdarras thairis air na nàiseanan –

**27**'Agus nì e buachailleachd orra le slat iarainn, mar a thèid soithichean crèadha a bhriseadh nam pìosan' –

**28**dìreach mar a fhuair mise ùghdarras om Athair, bheir mi dhàsan cuideachd reul na maidne.

**29**Esan aig a bheil cluas, cluinneadh e dè a tha an Spiorad ag ràdh ris na h-eaglaisean.

## **Taisbeanadh 3**

### **Chun na h-Eaglaise ann an Sardis**

**1**“Agus gu aingeal na h-eaglaise ann an Sardis, sgrìobh: Seo na rudan a tha esan aig a bheil seachd spioradan Dhè agus na seachd rionnagan ag ràdh,

Tha fios agam air d' obraichean, gu bheil ainm agad gu bheil thu beò, ach tha thu marbh!

<sup>2</sup>Dèan faire agus neartaich na tha air fhàgail, a tha gus bàsachadh; oir cha d' fhuair mi d' obraichean coileanta mu choinneamh mo Dhè.

<sup>3</sup>Cuimhnich mar sin na fhuair agus na chuala tu, agus glèidh e agus dèan aithreachas. Mar sin, mura dèan thu faire, thig mi mar mhèirleach, agus cha bhi fios agad dè an uair aig an tig mi ort.

<sup>4</sup>Ach tha beagan dhaoine agad ann an Sardis nach do thruaill an cuid aodaich agus a choisicheas leam ann an geal, oir tha iad airidh air.

<sup>5</sup>An neach a bhuadhaicheas, bidh e air a sgeadachadh mar sin ann an aodach geal, agus cha dhubh mi idir ainm-san a-mach à rolla na beatha agus aidichidh mi ainm-san mu choinneamh m' Athar agus mu choinneamh nan ainglean aige.

<sup>6</sup>Esan aig a bheil cluas, cluinneadh e dè a tha an Spiorad ag ràdh ris na h-eaglaisean.

### **Chun na h-Eaglaise ann am Philadelphia**

<sup>7</sup>“Agus gu aingeal na h-eaglaise ann am Philadelphia, sgrìobh: Seo na rudan a tha esan ag ràdh, an Aon Naomh, an Aon Fìor, an Aon aig a bheil iuchair Dhaibhidh, an Aon a tha a' fosgladh 's nach dùin neach sam bith, agus a dhùineas is nach fosgail neach sam bith:

<sup>8</sup>'S aithne dhomh d' obraichean. Seall! Tha mi air doras fosgailte a chur mud choinneamh, nach urrainn do neach sam bith a dhùnadh, oir tha beagan cumhachd agad, agus ghlèidh thu m' fhacal agus cha do dh' àich thu m' ainm.

<sup>9</sup>Seall, bheir mise orrasan a tha de shionagog Shàtain (a tha ag ràdh gu bheil iad nan lùdhaich, ach nach eil, ach a tha ag innse breug), seall, bheir mise orra tighinn agus an glùinean a lùbadh aig do chasan, gus am bi fios aca gun do ghràdhaich mise thu.

<sup>10</sup>Oir ghlèidh thu facal mo leanaltais, agus gleidhidh mise thusa o uair na deuchainn a tha gus a thighinn air an t-saoghal gu lèir airson an fheadhainn a tha a' còmhnaidh air an talamh a dhearbhadh.

<sup>11</sup>Tha mi a' tighinn gu luath, glèidh na th' agad, gus nach toir neach sam bith air falbh do chrùn.

<sup>12</sup>An neach a bhuadhaicheas, nì mise colbh dheth ann an teampall mo Dhè, agus cha tèid e a-mach às a chaidh agus sgrìobhaidh mi airsan ainm mo Dhè agus ainm baile mo Dhè, an t-Ierusalem ùr, a tha a' tighinn a-nuas à nèamh om Dhia, agus m' ainm ùr fhèin.

**13** Esan aig a bheil cluas, cluinneadh e dè a tha an Spiorad ag ràdh ris na h-eaglaisean.

### **Chun na h-Eaglaise ann an Laodicèa**

**14** “Agus gu aingeal na h-eaglaise ann an Laodicèa, sgrìobh: Seo na rudan a tha an t-Amen, an fhianais dhìleas agus fhìor, toiseach cruthachaidh Dhè, ag ràdh,

**15** Tha fios agam air d' obraichean, nach eil thu fuar no teth. B' fheàrr gun robh thu fuar no teth.

**16** Ach a chionn 's gu bheil thu meadh-bhlàth, 's nach eil thu teth no fuar, tha mi gus do chuir a-mach às mo bheul.

**17** Oir tha thu ag ràdh, ‘Tha mi beairteach 's air fàs saidhbhir agus chan eil dìth orm.’ Agus chan eil fios agad gu bheil thu truagh is feumach air truas agus bochd agus dall agus rùisgte.

**18** Tha mi gad chomhairleachadh gun ceannaich thu uam: òr a th' air a ghlanadh le teine gus am bi thu beairteach, agus badan aodaich gheala gus am bi thu air d' èideadh, agus nach bi nàire do lomnochd ri faicinn, agus ung do shùilean le acfhainn-shùil gus am faic thu.

**19** Iadsan uile dha bheil gràdh agam, ceartaichidh mi agus smachdaichidh mi; bi eudmhor mar sin agus dèan aithreachas.

**20** Seall, tha mi a' seasamh aig an doras agus a' gnogadh; ma chluinneas neach sam bith mo ghuth agus gum fosgail e an doras, thig mi a-steach thuige agus ithidh mi còmhla ris, agus esan còmhla riumsa.

**21** Dhàsan a bhuadhaicheas bheir mi dha suidhe leam air mo rìgh-chathair, eadhon mar a bhuadhaich mise agus a shuidh mi lem Athair air a rìgh-chathair-san.

**22** Esan aig a bheil cluas, cluinneadh e dè a tha an Spiorad ag ràdh ris na h-eaglaisean.”

## **Taisbeanadh 4**

### **An Rìgh-Chathair air Nèamh**

**1** Às dèidh nan rudan seo chunnaic mi, agus seall, doras fosgailte air nèamh, agus bha a' chiad ghuth a chuala mi mar thrombaid a' bruidhinn rium, ag ràdh, “Thig suas an seo, agus seallaidh mi dhut na dh'fheumas tachairt às dèidh nan rudan sin.”

**2** Sa bhad, bha mi san Spiorad, agus seall, rìgh-chathair air a suidheachadh air nèamh, agus neach na shuidhe air an rìgh-chathair.

<sup>3</sup>Agus bha dreach an fhir a bha na shuidhe mar chloich iaspair is shàrdioin agus bha bogha-frois mu chuairt na rìgh-chathrach coltach ri emerald.

<sup>4</sup>Agus timcheall air an rìgh-chathair bha fichead 's a ceithir rìgh-chathraichean, agus air na cathraichean fichead 's a ceithir èildear nan suidhe, air an èideadh ann an aodaichean geala agus crùintean òir air an cinn.

<sup>5</sup>Agus a-mach às an rìgh-chathair thàinig dealanaich is fuaimean is tàirneanaich. Agus bha seachd lampaichean teine a' losgadh mu choinneamh na rìgh-chathrach; is iadsan seachd spioradan Dhè.

<sup>6</sup>Agus mu choinneamh na rìgh-chathrach, bha, mar gum biodh, muir ghlainne, mar chrìostal. Agus ann am meadhan na rìgh-chathrach, agus mu chuairt na rìgh-chathrach bha ceithir creutairean beòtha, làn shùilean – air am beulaibh 's air an cùlaibh.

<sup>7</sup>Agus bha a' chiad chreutair beò mar leòmhan, agus an dara creutair beò mar laogh, agus bha aghaidh mar dhuine air an treas creutair beò, agus bha an ceathramh creutair beò mar iolair air sgèith.

<sup>8</sup>Agus bha sia sgiathan air gach fear dhe na creutairean beòtha, agus timcheall orra 's air an taobh a-staigh bha iad làn shùilean, agus chan eil iad a' gabhail fois a latha 's a dh'oidhche, ag ràdh: “Naomh, naomh, naomh, An Tighearna Dia, an t-Uile-Chumhachdach, Esan a bha agus a tha agus a tha ri thighinn.”

<sup>9</sup>Agus nuair a bheir na creutairean beòtha glòir is urram is taing dhàsan a tha na shuidhe air an rìgh-chathair, esan a tha beò gu saoghal nan saoghal,

<sup>10</sup>tuitidh na fichead 's a ceithir èildear mu choinneamh-san a tha na shuidhe air an rìgh-chathair agus nì iad adhradh dhàsan a tha beò gu saoghal nan saoghal, agus tilgidh iad an crùintean mu choinneamh na rìgh-chathrach, ag ràdh:

<sup>11</sup>“Is airidh thusa, a Thighearna ar Dia, air glòir is urram is cumhachd fhaighinn, oir chruthaich thusa a h-uile sìon, agus a rèir do thoil-sa thàinig iad gu bhith ann agus bha iad air an cruthachadh.”

## Taisbeanadh 5

### An Rolla agus an t-Uan

<sup>1</sup>Agus chunnaic mi ann an làimh dheis an fhir a bha na shuidhe air an rìgh-chathair, rolla air a sgrìobhadh air an taobh a-staigh 's air a chùlaibh, agus a bh' air a sheulachadh le seachd seulachan.

<sup>2</sup>Agus chunnaic mi aingeal làidir a' gairm ann an guth àrd: “Cò a tha airidh air an rolla fhosgladh agus air a sheulachan a bhriseadh?”

- <sup>3</sup>Agus cha robh duine comasach, air nèamh no air thalamh, no fon talamh, air an rolla fhosgladh no air sealltainn a-steach ann.
- <sup>4</sup>Agus bha mi a' caoineadh gu mòr, air sgàth 's nach robh neach sam bith ri fhaighinn a bha airidh air an rolla fhosgladh no air sealltainn air.
- <sup>5</sup>Agus thuit fear dhe na h-èildearan rium: “Na caoin, seall, bhuadhaich Leòmhann treubh Iùdah, Freumh Dhaibhidh. Tha esan comasach air an rolla fhosgladh agus a sheachd seulachan fhosgladh.”
- <sup>6</sup>Agus chunnaic mi eadar an rìgh-chathair agus na ceithir creutairean beòtha, agus ann am measg nan èildearan, Uan mar gum biodh e air a mharbhadh, air an robh seachd adhaircean agus seachd sùilean; is iadsan seachd spioradan Dhè, a th' air an cur dhan t-saoghal gu lèir.
- <sup>7</sup>Agus thàinig e agus thug e an rolla o làimh dheis an fhir a bha na shuidhe air an rìgh-chathair.
- <sup>8</sup>Agus nuair a thug e uaithe an rolla, thuit na ceithir creutairean beòtha agus na fichead 's a ceithir èiltear mu choinneamh an Uain; agus bha clàrsach agus bobhlaichean òir, a bha làn tùise, aig gach fear dhiubh; is e sin ùrnaighean nan naomh.
- <sup>9</sup>Agus sheinn iad òran ùr, ag ràdh: “Is airidh thusa air an rolla a ghabhail agus air a sheulachan fhosgladh, oir chaidh do mharbhadh agus cheannaich thu daoine do Dhia led fhuil, às gach treubh is teanga is sluagh is nàisean.
- <sup>10</sup>Agus rinn thu iad nan rìoghachd agus nan sagartan dhar Dia, agus rìoghaichidh iad air an talamh.”
- <sup>11</sup>Agus chunnaic mi agus chuala mi an guth aig mòran ainglean timcheall air an rìgh-chathrach, agus aig na creutairean beòtha agus aig na h-èildearan, agus b' e an àireamh aca, deich mìle uair deich mìle, agus mìltean de mhìltean,
- <sup>12</sup>ag ràdh le guth àrd: “Is airidh an t-Uan a chaidh a mharbhadh, air cumhachd is beairteas is gliocas is neart is urram is glòir is moladh, fhaighinn.”
- <sup>13</sup>Agus a h-uile creutair a th' air nèamh 's air an talamh agus fon talamh 's air a' mhuir agus a h-uile nì a th' annta, chuala mi iad ag ràdh: “Dhàsan a tha na shuidhe air an rìgh-chathair agus dhan Uan gu robh am moladh 's an t-urram agus a' ghlòir 's an tighearnas gu saoghal nan saoghal.”
- <sup>14</sup>Agus bha na ceithir creutairean beòtha ag ràdh, “Amen”, agus thuit na h-èildearan sìos agus rinn iad adhradh.

## Taisbeanadh 6

### Na Seulachan

- <sup>1</sup>Agus chunnaic mi, nuair a dh'fhosgail an t-Uan aon dhe na seachd seulachan; is chuala mi aon dhe na ceithir creutairean beòtha ag ràdh, mar le guth thàirneanach: “Thig”.
- <sup>2</sup>Agus chunnaic mi, agus seall, each geal agus bha bogha aig an neach a shuidh air, is chaidh crùn a thoirt dha agus chaidh e a-mach a' buadhachadh 's airson gum buadhaicheadh e.
- <sup>3</sup>Agus nuair a dh'fhosgail e an dara seula, chuala mi guth an dara creutair beò ag ràdh, “Thig”.
- <sup>4</sup>Agus chaidh each eile a-mach, am fear seo dearg, agus chaidh a thoirt dhan neach a bha na shuidhe air, sìth a thoirt air falbh on talamh agus gum marbhadh daoine càch-a-chèile, agus chaidh claidheamh mòr a thoirt dha.
- <sup>5</sup>Agus nuair a dh'fhosgail e an treas seula, chuala mi an treas creutair beò ag ràdh, “Thig.” Agus chunnaic mi, agus seall, each dubh agus bha meidh aig an neach a bha na shuidhe air, na làimh.
- <sup>6</sup>Agus chuala mi, mar gum biodh, guth am measg nan ceithir creutairean beòtha, ag ràdh, “Tomhas cruithneachd airson denarius agus trì tomhasan eòrna airson denarius, agus na dèan milleadh air an ola no air an fhìon.”
- <sup>7</sup>Agus nuair a dh'fhosgail e an ceathramh seula, chuala mi guth a' cheathramh creutair beò ag ràdh, “Thig.”
- <sup>8</sup>Agus chunnaic mi, agus seall, each glas, agus b' e ainm an neach a bha na shuidhe air, Am Bàs, agus bha lfrinn ga leantainn. Agus chaidh ùghdarras a thoirt dhaibh thairis air a' cheathramh pàirt dhen talamh, gus a bhith a' marbhadh leis a' chloidheamh, is le gort, is leis a' bhàs, is le beathaichean fiadhaich na talmhainn.
- <sup>9</sup>Agus nuair a dh'fhosgail e an còigeamh seula, chunnaic mi fon altair anman na feadhna a chaidh a mharbhadh airson facal Dhè 's airson an teisteanais a ghlèidh iad.
- <sup>10</sup>Agus ghlaodh iad le guth àrd ag ràdh, “Dè cho fada, a Mhaighstir naoimh is fhìor, gus an toir thu breith agus gus an dèan thu dìoghaltas airson ar fala, orrasan a tha a' còmhnaidh air an talamh?”
- <sup>11</sup>Agus chaidh culaidhean geala a thoirt do gach neach dhiubh agus chaidh a chantainn riutha fois a ghabhail airson ùine bhig fhathast, gus an deigheadh àireamh an co-sheirbheisich 's am bràithrean cuideachd a choileanadh, iadsan a bha gus a bhith air am marbhadh mar a bha iad fhèin.
- <sup>12</sup>Agus chunnaic mi, nuair a dh'fhosgail e an siathamh seula; agus thachair crith-thalmhainn mhòr is dh'fhàs a' ghrian dubh mar shac-aodach gaoisid, agus dh'fhàs a' ghealach gu lèir mar fhuil.



<sup>13</sup>Agus thuit rionnagan nan speuran gu talamh, mar a thilgeas craobh-fhìge a figean an-abaich nuair a thèid a crathadh le gaoth mhòr.

<sup>14</sup>Agus bha na nèamhan air an cur à sealladh mar rolla a th' air a rolaigeadh suas agus bha a h-uile beinn is eilean air an gluasad às na h-àiteachan aca.

<sup>15</sup>Agus dh'fhalaich rìghrean na talmhainn, 's na daoine mòra, 's na h-àrd-oifigearan, 's na daoine beairteach, 's na daoine làidir, 's a h-uile tràill is duine-saor, iad fhèin – anns na h-uamhan agus am measg creagan nam beann.

<sup>16</sup>Agus thuirt iad ris na beanntan 's ris na creagan, “Tuitibh oirnn agus falaichibh sinn o aghaidh an Aoine a tha na shuidhe air an rìgh-chathair, agus o fheirge an Uain.

<sup>17</sup>Oir thàinig latha mòr na feirge aca agus cò as urrainn seasamh?”

## Taisbeanadh 7

### 144,000 air an Seulachadh

<sup>1</sup>Às dèidh seo chunnaic mi ceithir ainglean nan seasamh aig ceithir oiseanan na talmhainn, a' cumail ceithir gaothan na talmhainn, gus nach sèideadh gaoth sam bith air an talamh, no air a' mhuir, no air craobh sam bith.

<sup>2</sup>Agus chunnaic mi aingeal eile a' tighinn suas o èirigh na grèine, aig an robh seula an Dè bheò, agus dh'èigh e le guth àrd ris na ceithir ainglean, dhan deach a cheadachadh cron a dhèanamh air an talamh agus air a' mhuir,

<sup>3</sup>ag ràdh, “Na dèanaibh cron air an talamh no air a' mhuir no air na craobhan, gus an seulaich sinn seirbheisich ar Dè air clàr am bathaisean.”

<sup>4</sup>Agus chuala mi an àireamh acasan a chaidh a sheulachadh, ceud is ceathrad is ceithir mìle a chaidh a sheulachadh, o gach treubh de mhic Israeil.

<sup>5</sup>De threubh Iùdah chaidh dusan mìle a sheulachadh, de threubh Reubein dusan mìle, de threubh Ghaid dusan mìle,

<sup>6</sup>de threubh Aseir dusan mìle, de threubh Naphtali dusan mìle, de threubh Mhanaseh dusan mìle,

<sup>7</sup>de threubh Shimeoin dusan mìle, de threubh Lèbhi dusan mìle, de threubh Isachair dusan mìle,

<sup>8</sup>de threubh Shabuloin dusan mìle, de threubh Iòsaiph dusan mìle, de threubh Bheniàmin chaidh dusan mìle a sheulachadh.

### An Sluagh Mòr ann an Culaidhean Geala

<sup>9</sup>Às dèidh nan rudan sin chunnaic mi; agus seall, co-chruinneachadh mòr, nach b' urrainn do dhuine sam bith àireamh, o gach nàisean is treubh is

cinneadh is teanga, a' seasamh mu choinneamh na rìgh-chathrach agus mu choinneamh an Uain, air an èideadh ann an culaidhean geala agus slatan pailme aca nan làmhan,

<sup>10</sup>agus ag èigheach le guth àrd, thuirte iad: “Buinidh slàinte dhar Dia, a tha na shuidhe air an rìgh-chathair, agus dhan Uan.”

<sup>11</sup>Agus sheas na h-ainglean gu lèir timcheall air an rìgh-chathair, agus na h-èildearan agus na ceithir creutairean beòtha agus thuit iad air an aghaidhean mu choinneamh na rìgh-chathrach agus rinn iad adhradh do Dhia,

<sup>12</sup>ag ràdh: “Amen, beannachd is glòir is gliocas is taingealachd is urram is cumhachd is neart dhar Dia fad saoghal nan saoghal. Amen.”

<sup>13</sup>Agus fhreagair fear dhe na h-èildearan, ag ràdh rium, “An fheadhainn seo a chaidh èideadh le culaidhean geala, cò iad, is cò às a thàinig iad?”

<sup>14</sup>Agus thuirte mise ris, “Mo thighearna, 's ann dhutsa as aithne.” Agus thuirte e rium, “S iad seo iadsan a thàinig tron trioblaid mhòir agus nigh iad an culaidhean agus rinn iad geal iad ann am fuil an Uain.

<sup>15</sup>Mar sin: “tha iad mu choinneamh rìgh-chathrach Dhè agus a' dèanamh seirbheis dha a latha 's a dh'oidhche na theampall, agus sgaoilidh esan a tha na shuidhe air an rìgh-chathair a phàillean thairis orra.

<sup>16</sup>Cha bhi acras orra tuilleadh, no pathadh orra tuilleadh. Cha mhotha a bhuaileas a' ghrian iad no teas sam bith.

<sup>17</sup>Oir bidh an t-Uan a th' ann am meadhan na rìgh-chathrach gam buachailleachd agus treòraichidh e iad gu fuarain uisgeachan beò agus suathaidh Dia air falbh a h-uile deur on sùilean.”

## Taisbeanadh 8

### An Seachdamh Seula agus an Tùisear Òir

<sup>1</sup>Agus nuair a dh'fhosgail e an seachdamh seula, bha sàmhchair air nèamh airson mu leth uair a thìde.

<sup>2</sup>Agus chunnaic mi na seachd ainglean a tha nan seasamh mu choinneamh Dhè, agus chaidh seachd trombaidean a thoirt dhaibh.

<sup>3</sup>Agus thàinig aingeal eile agus sheas e aig an altair, is bha tùisear òir aige, agus chaidh mòran tùise a thoirt dha, airson a thairgsinn suas còmhla ri ùrnaighean nan naomh gu lèir air an altair òir a bha mu choinneamh na rìgh-chathrach.

<sup>4</sup>Agus chaidh ceò na tùise suas còmhla ri ùrnaighean nan naomh, o làimh an aingil, mu choinneamh Dhè.

<sup>5</sup>Agus às dèidh dhan aingeal an tùisear a ghabhail agus a lìonadh le teine on altair, thilg e chun na talmhainn e, agus bha tàirneanaich is fuaimean is boillsigidhean dhealanach is crith-thalmhainn ann.

### Na Trombaidean

<sup>6</sup>Agus dh'ullaich na seachd ainglean aig an robh trombaidean iad fhèin airson 's gun sèideadh iad na trombaidean.

<sup>7</sup>Agus shèid a' chiad fhear a thrombaid, agus thàinig clachan-meallain is teine, air am measgachadh le fuil, agus bha iad air an tilgeil air an talamh. Agus bha an treas pàirt dhen talamh air a losgadh, agus bha an treas pàirt dhe na craobhan air an losgadh agus bha am feur uaine gu lèir air a losgadh.

<sup>8</sup>Agus shèid an dara aingeal a thrombaid agus bha rudeigin mar bheinn mhòr a bha a' losgadh le teine, air a tilgeil dhan mhuir agus thionndaidh an treas pàirt dhen mhuir na fuil.

<sup>9</sup>Agus bhàsaich an treas pàirt dhe na beathaichean aig an robh beatha sa mhuir, agus bha an treas pàirt dhe na soithichean air an sgrios.

<sup>10</sup>Agus shèid an treas aingeal a thrombaid agus thuit rionnag mhòr o nèamh, a' losgadh mar lampa, agus thuit i air an treas pàirt dhe na h-aibhnichean 's air fuarain nan uisgeachan.

<sup>11</sup>Agus 's e “Burmaid” an t-ainm a th' air a ghabhail air an rionnag, agus thionndaidh an treas pàirt dhe na h-uisgeachan nam burmaid, agus bhàsaich mòran dhaoine o na h-uisgeachan, oir bha iad searbh.

<sup>12</sup>Agus shèid an ceathramh aingeal a thrombaid, agus chaidh an treas pàirt dhen ghrèin a bhualadh is an treas pàirt dhen ghealaich, is an treas pàirt dhe na rionnagan, gus an deach an treas pàirt dhiubh dorcha, agus nach nochdadh an treas pàirt dhen latha, agus dhen oidhche cuideachd.

<sup>13</sup>Agus chunnaic mi, agus chuala mi aon iolair air sgèith ann am meadhan an adhair 's ag ràdh le guth àrd, “Is mairg, is mairg, is mairg dhaibhsan a tha a' còmhnaidh air an talamh, air sgàth na th' air fhàgail de sgalan na trombaid aig na trì ainglean a tha gus an sèideadh.”

## Taisbeanadh 9

<sup>1</sup>Agus shèid an còigeamh aingeal trombaid, agus chunnaic mi rionnag a bh' air tuiteam o nèamh chun na talmhainn, agus chaidh iuchair sloc na h-Àibheis a thoirt dha.

<sup>2</sup>Agus dh'fhosgail e sloc na h-Àibheis, agus dh'èirich ceò às an t-sloc mar cheò fùrneis mhòir, agus chaidh a' ghrian agus an t-adhar a dhèanamh dorcha le ceò an t-sluic.

- <sup>3</sup>Agus thàinig lòcaist a-mach às a' cheò, chun na talmhainn, agus chaidh cumhachd a thoirt dhaibh mar an cumhachd a th' aig sgairpean na talmhainn.
- <sup>4</sup>Agus chaidh innse dhaibh gun cron a dhèanamh air feur na talmhainn, no air rud sam bith uaine, no air craobh sam bith, ach a-mhàin air na daoine, a h-uile neach air nach eil seula Dhè air clàr a' bhathais.
- <sup>5</sup>Agus cha robh e ceadaichte dhaibh am marbhadh, ach an cràdh airson còig mìosan, agus bha an cràdh-san mar chràdh duine nuair a bhuaileas sgairp e.
- <sup>6</sup>Agus anns na làithean sin iarraidh daoine am bàs agus chan fhaigh iad e; agus miannaichidh iad bàsachadh ach teichidh am bàs uapa.
- <sup>7</sup>Agus bha dreach nan lòcast coltach ri eich a bh' air an ullachadh airson cogaidh, agus air an cinn crùintean mar gum biodh de dh'òr agus bha an aghaidhean mar aghaidhean dhaoine.
- <sup>8</sup>Agus bha am falt aca mar fhalt mhnathan agus bha am fiaclan mar fhiaclan leòmhan.
- <sup>9</sup>Agus bha an t-uchd-èideadh aca mar uchd-èideadh iarainn, agus fuaim nan sgiathan aca mar fhuaim carbadan-cogaidh mòran each, a' ruith gu blàr.
- <sup>10</sup>Agus bha earbaill is gathan aca mar sgairpean, agus bha cumhachd aca, len earbaill, cron a dhèanamh air na daoine airson còig mìosan.
- <sup>11</sup>Agus tha rìgh aca thairis orra, aingeal na h-Àibheis; 's e an t-ainm a th' air ann an Eabhra, "Abaddon," agus ann an Greugais 's e an t-ainm a th' air, "Apollion."
- <sup>12</sup>Chaidh a' chiad truaighe seachad, seall, tha dà thruaighe fhathast ri thighinn às dèidh nan rudan seo.
- <sup>13</sup>Agus shèid an siathamh aingeal trombaid agus chuala mi guth o cheithir adhaircean na h-altarach òir a tha mu choinneamh Dhè,
- <sup>14</sup>ag ràdh ris an t-siathamh aingeal, aig an robh an trombaid, "Saor na ceithir ainglean a th' air an ceangal aig abhainn mhòr Euphràtes."
- <sup>15</sup>Agus chaidh na ceithir ainglean a shaoradh, a bh' air an ullachadh airson na h-uarach is an latha is na mìosa is na bliadhna, airson 's gum marbhadh iad an treas pàirt dhe na daoine.
- <sup>16</sup>Agus b' iad àireamh feachdan na h-eachraidh fichead mìle uair deich mìle; chuala mi an àireamh aca.
- <sup>17</sup>Agus mar sin chunnaic mi na h-eich san t-sealladh agus iadsan a bha nan suidhe orra, aig an robh uchd-èideadh de dhath an teine, is gorma is buidhe;

agus bha cinn nan each mar chinn leòmhan, agus thàinig às am beòil teine is toit is pronnasg.

<sup>18</sup>Le na trì plàighean seo chaidh an tritheamh pàirt dhe na daoine a mharbhadh, leis an teine 's leis an toit 's leis a' phronnasg a tha a' tighinn om beòil.

<sup>19</sup>Oir tha cumhachd nan each nam beòil agus nan earbaill, oir tha an earbaill mar nathraichean le cinn, agus leotha sin tha iad a' dèanamh cron.

<sup>20</sup>Agus an còrr dhe na daoine nach robh air am marbhadh leis na plàighean seo, cha do rinn iad fiù 's aithreachas airson obraichean an làmhan, gus nach dèanadh iad adhradh do dheamhain agus do dh'iodhalan òir is airgid is umha is cloiche is fiodha, nach urrainn faicinn no cluinntinn no coiseachd;

<sup>21</sup>agus cha do rinn iad aithreachas airson nam murt aca, no airson nan draoidheachdan aca no airson nan strìopachasan aca no airson na goidean aca.

## Taisbeanadh 10

### An t-Aingeal agus an Rolla Beag

<sup>1</sup>Agus chunnaic mi aingeal làidir eile a' tighinn a-nuas o nèamh, air a sgeadachadh le sgòth is bogha-frois air a cheann. Agus bha aghaidh-san mar a' ghrian agus na casan aige mar cholbhan teine.

<sup>2</sup>Agus bha rolla beag a bh' air fhosgladh aige na làimh, agus chuir e a chas dheas air a' mhuir agus a chas chlì air an talamh.

<sup>3</sup>Agus dh'èigh e le guth àrd mar a bheucas leòmhan agus nuair a dh'èigh e, bhruidhinn na seachd tàirneanaich le an guthan.

<sup>4</sup>Agus nuair a bhruidhinn na seachd tàirneanaich, bha mi dìreach gus sgrìobhadh, ach chuala mi guth o nèamh, ag ràdh, “Seulaich na thuirt na seachd tàirneanaich, agus na sgrìobh idir iad.”

<sup>5</sup>Agus an t-aingeal a chunnaic mi na sheasamh air a' mhuir agus air an talamh, thog e a làmh dheas gu nèamh.

<sup>6</sup>Agus thug e mionnan airsan a tha beò gu saoghal nan saoghal – a chruthaich nèamh 's na tha ann, agus an talamh 's na tha ann agus a' mhuir 's na tha innte – nach biodh dàil ann tuilleadh.

<sup>7</sup>Ach ann an làithean gutha an t-seachdaimh aingil, nuair a tha e gus an trombaid a shèideadh, thèid dìomhaireachd Dhè a choileanadh cuideachd, mar a dh'innis esan an deagh sgeul dha sheirbheisich, na fàidhean.

<sup>8</sup>Agus bha an guth a chuala mi o nèamh a' bruidhinn rium a-rithist, agus ag ràdh, “Thalla, gabh an rolla a bh' air fhosgladh, a th' ann an làimh an aingil a sheas air a' mhuir 's air an talamh.”

<sup>9</sup>Mar sin dh'fhalbh mi chun an aingil, ag ràdh ris, an rolla beag a thoirt dhomh, agus thuirt esan riumsa, “Gabh agus ith e, agus nì e do stamag searbh, ach nad bheul bidh e cho milis ri mil.”

<sup>10</sup>Agus ghabh mi an rolla beag à làimh an aingil agus dh'ith mi e, agus bha e cho milis ri mil nam bheul, agus nuair a dh'ith mi e chaidh mo stamag a dhèanamh searbh.

<sup>11</sup>Agus thuirt iad rium, “Feumaidh tu fàidheadaireachd a dhèanamh a-rithist, mu mhòran dhaoine is nàiseanan is theangannan is rìghrean.”

## Taisbeanadh 11

### An Dithis Fhianaisean

<sup>1</sup>Agus chaidh slat-tomhais a thoirt dhomh coltach ri bata, ag ràdh, “Èirich agus tomhais teampall Dhè, agus an altair, agus iadsan a tha ag adhradh ann.

<sup>2</sup>Ach fàg a-mach a' chùirt a-muigh dhen teampall agus na tomhais i, oir bha i air a toirt dha na Cinnich; agus stampaidh iad am baile naomh fon casan fad ceathrad mìos 's a dhà.

<sup>3</sup>Agus bheir mi ùghdarras dhan dithis fhianaisean agam, agus nì iad fàidheadaireachd airson mìle, dà cheud agus seasgad latha, 's iad air an èideadh ann an sac-aodach.”

<sup>4</sup>'S iad seo an dà chraobh-ola agus an dà lampair a tha nan seasamh air beulaibh Tighearna na talmhainn.

<sup>5</sup>Agus ma mhiannaicheas neach sam bith cron a dhèanamh orra, thig teine às am beul agus sgriosaidh e na nàimhdean aca; agus ge b' e an neach a mhiannaicheas cron a dhèanamh orra, mar sin feumaidh e a bhith air a mharbhadh.

<sup>6</sup>Tha cumhachd aig an fheadhainn seo nèamh a dhùnadh, gus nach tuit uisge ann an làithean am fàidheadaireachd, agus tha cumhachd aca thairis air na h-uisgeachan airson an tionndadh gu fuil agus airson an talamh a bhualadh leis a h-uile plàigh cho tric 's a thoilicheas iad.

<sup>7</sup>Agus nuair a chrìochnaicheas iad an teisteanas, nì a' bhiast a thig a-nìos à sloc na h-Àibheis cogadh leotha, agus buadhaichidh i thairis orra agus marbhaidh i iad.

<sup>8</sup>Agus bidh an cuirp air sràidean a' bhaile mhòir ris an canar gu spioradail Sodom 's an Èipheit, far an robh an Tighearna-san cuideachd air a cheusadh.

<sup>9</sup>Agus chì cuid de dhaoine is de threubhan is de theangannan is de nàiseanan an cuirp trì gu leth latha, is cha cheadaich iad gun tèid an cuirp a chur ann an tuam.

<sup>10</sup>Agus nì iadsan a tha a' còmhnaidh air an talamh gàirdeachas thairis orra agus nì iad àbhachdas is cuiridh iad tiodhlacan gu càch-a-chèile, on a chràidh an dà fhàidh seo iadsan a tha a' fuireach air an talamh.

<sup>11</sup>Ach às dèidh nan trì latha gu leth, chaidh anail beatha o Dhia a-steach annta agus sheas iad suas air an casan, agus thuit eagal mòr orrasan a chunnaic iad.

<sup>12</sup>Agus chuala iad guth àrd o nèamh ag ràdh riutha, “Thigibh a-nìos.” Agus chaidh iad suas a nèamh ann an sgòth, agus chunnaic an nàimhdean iad.

<sup>13</sup>Agus aig an àm sin thachair crith-thalmhainn mhòr agus thuit an deicheamh pàirt dhen bhaile agus chaidh seachd mìle pearsa a mharbhadh anns a' chrith-thalmhainn, agus bha eagal air a' chòrr aca agus thug iad glòir do Dhia nèimh.

<sup>14</sup>Chaidh an dara truaighe seachad, seall, tha an treas truaighe a' tighinn gu luath.

### **An t-Seachdamh Trombaid**

<sup>15</sup>Agus shèid an seachdamh aingeal an trombaid, agus bha guthan àrda ann an nèamh ag ràdh: “Tha rìoghachd an t-saoghail air tighinn gu bhith na rìoghachd ar Tighearna agus a Chrìosd-san, agus riaghlaidh e gu saoghal nan saoghal.”

<sup>16</sup>Agus thuit na fichead 's a ceithir èildear a tha nan suidhe mu choinneamh Dhè – air na rìgh-chathraichean aca – air an aghaidhean is rinn iad adhradh do Dhia,

<sup>17</sup>ag ràdh: “Tha sinn a' toirt taing dhutsa a Thighearna Dhia, an t-Uile-Chumhachdach, a tha agus a bha, oir tha thusa air do chumhachd mòr a ghabhail agus air riaghladh.

<sup>18</sup>Agus bha na Cinnich feargach, agus thàinig d' fhearg-sa agus àm breitheanas nam mairbh agus airson duais a thoirt dhad sheirbheisich na fàidhean, agus dha na naoimh agus dhaibhsan air a bheil eagal d' ainm, an fheadhainn bheaga is mhòra; agus airson iadsan a sgrios a tha a' sgrios na talmhainn.”

<sup>19</sup>Agus bha teampall Dhè air fhosgladh air nèamh agus bha àirc a choicheangail-san air a faicinn na theampall, agus bha boillsgidhean

dhealanach ann is fuaimean is tàirneanaich is crith-thalmhainn is clachan-meallain mòra.

## Taisbeanadh 12

### Am Boireannach agus an Dràgon

<sup>1</sup>Agus bha comharra mòr air fhaicinn ann an nèamh, boireannach a bh' air a h-èideadh leis a' ghrèin, agus a' ghealach fo a casan, agus crùn air a ceann de dhà rionnaig dheug.

<sup>2</sup>Agus bha i trom le pàiste, agus dh'èigh i le cràdh-breith, agus i ann am pian na h-asaid.

<sup>3</sup>Agus bha comharra eile air fhaicinn air nèamh, agus seall, dràgon mòr dearg le seachd cinn agus deich adhaircean, agus air a chinn, seachd crùintean.

<sup>4</sup>Agus tharraing an t-earball aige an treas pàirt dhe na rionnagan o nèamh, agus thilg e iad chun na talmhainn. Agus sheas an dràgon air beulaibh a' bhoireannaich a bha gus leanabh a bhreith, gus an itheadh e an leanabh aice nuair a bheireadh i breith dha.

<sup>5</sup>Agus rug i leanabh fireann, a tha gus na nàiseanan gu lèir a bhuachailleachd le slat iarainn; agus bha an leanabh aice air a thogail suas gu Dia 's gu a rìgh-chathair.

<sup>6</sup>Agus theich am boireannach dhan fhàsach, far an robh àite aice air ullachadh an sin le Dia, airson 's gum biodh i air a beathachadh airson mìle, dà cheud is seasgad latha.

<sup>7</sup>Agus bha cogadh ann an nèamh: chaidh Mìcheal agus na h-ainglean aige a chogadh an aghaidh an dràgoin, agus rinn an dràgon agus na h-ainglean aigesan cogadh.

<sup>8</sup>Agus cha robh e làidir gu leòr, cha mhotha a bha àite ri lorg air an son ann an nèamh.

<sup>9</sup>Agus chaidh an dràgon mòr a thilgeil sìos, an seann nathair, esan ris an canar an Diabhal, agus Sàtan, esan a tha a' mealladh an saoghal gu lèir, chaidh a thilgeil chun na talmhainn, agus bha na h-ainglean aige air an tilgeil sìos còmhla ris.

<sup>10</sup>Agus chuala mi guth àrd air nèamh, ag ràdh: “A-nis thàinig slàinte is cumhachd is rìoghachd ar Dè, agus ùghdarras a Chrìosd-san, oir chaidh fear-casaid ar bràithrean, an neach a tha gan casaid mu choinneamh ar Dè a latha 's a dh'oidhche, a thilgeil sìos.

<sup>11</sup>Agus bhuadhaich iad thairis air, tro fhuil an Uain, agus tro fhacal am fianais-san, agus cha do ghràdhaich iad am beatha fhèin, eadhon gu bàs.



<sup>12</sup>Mar sin, bithibh aoibhneach, a nèamhan, agus sibhse a tha a' còmhnaidh annta. Is mairg dhan talamh agus dhan mhuir, oir thàinig an Diabhal a-nuas thugaibh le feirg mhòir, is fios aige gu bheil an ùine aige goirid.”

<sup>13</sup>Agus nuair a chunnaic an dràgon gu robh e air a thilgeil sìos chun na talmhainn, rinn e geur-leanmhainn air a' bhoireannach a rug an leanabh fireann.

<sup>14</sup>Agus chaidh dà sgèith na h-iolaire mòire a thoirt dhan bhoireannach, airson 's gun sgiathadh i dhan fhàsaich, chun an àite aice, far am biodh i air a beathachadh an sin airson ùine is ùineachan is leth ùine, air falbh o aghaidh na nathrach.

<sup>15</sup>Agus sgeith an nathair uisge mar abhainn às a beul, an tòir air a' bhoireannach, airson 's gun giùlaineadh an tuil air falbh i.

<sup>16</sup>Agus chuidich an talamh am boireannach is dh'fhosgail an talamh a bheul, agus shluig e suas an abhainn a sgeith an dràgon às a bheul.

<sup>17</sup>Bha an dràgon feargach ris a' bhoireannach, agus dh'fhalbh e gus cogadh ris a' chòrr dhe a sìol, iadsan a tha a' gleidheadh òrduighean Dhè agus aig a bheil teisteanas Ìosa.

### **Taisbeanadh 13**

<sup>1</sup>Agus sheas e air gainmheach na fairge.

#### **A' Bhiast a-mach às a' Mhuir**

Agus chunnaic mi biast ag èirigh às a' mhuir, air an robh deich adhaircean is seachd cinn, agus air a h-adhaircean, deich crùintean, agus air a cinn, ainmean toibheumach.

<sup>2</sup>Agus bha a' bhiast a chunnaic mi mar liopard agus a casan mar fheadhainn mathain, agus a beul mar bheul leòmhainn agus thug an dràgon dhi a chumhachd-san agus a rìgh-chathair-san agus ùghdarras mòr.

<sup>3</sup>Agus bha aon dhe na cinn aice mar gun robh e air a lotadh gu bàs. Agus chaidh an lot-bàis aice a shlànachadh, agus ghabh an talamh gu lèir iongnadh, a' leantainn às dèidh na bèiste.

<sup>4</sup>Agus rinn iad adhradh dhan dràgon, air sgàth 's gun tug e ùghdarras dhan bhèist. Agus rinn iad adhradh dhan bhèist, ag ràdh, “Cò a tha coltach ris a' bhèist?” agus “Cò a tha comasach air cogadh na h-aghaidh?”

<sup>5</sup>Agus chaidh beul a thoirt dhi ag ràdh rudan mòra is toibheuman. Agus chaidh ùghdarras a thoirt dhi airson obrachadh ceathrad mìos is a dhà.

<sup>6</sup>Agus dh'fhosgail i a beul airson toibheum a thoirt an aghaidh Dhè, gus toibheum a thoirt dha ainm-san agus a phàillean-san agus iadsan a tha a' còmhnaidh air nèamh.

<sup>7</sup>Agus chaidh a cheadachadh dhi cogadh a dhèanamh an aghaidh nan naomh agus buaidh fhaighinn thairis orra, agus chaidh ùghdarras a thoirt dhi thar a h-uile treubh is sluagh is teanga is nàisean.

<sup>8</sup>Agus nì a h-uile neach a tha a' còmhnaidh air an talamh adhradh dhi, iadsan aig nach eil an ainmean sgrìobhte ann an leabhar-beatha an Uain, a chaidh a mharbhadh o thoiseach an t-saoghail.

<sup>9</sup>Ma tha cluas aig neach sam bith, èisteadh e.

<sup>10</sup>Ma tha neach sam bith gus a dhol am braighdeanas, thèid e am braighdeanas. Ma tha neach sam bith gu bhith air a mharbhadh leis a' chlaidheamh, thèid a mharbhadh leis a' chlaidheamh. Ann an seo tha leanaltas is creideamh nan naomh.

#### **A' Bhiast a-mach às an Talamh**

<sup>11</sup>Agus chunnaic mi biast eile a' tighinn a-nìos às an talamh agus bha dà adhairc oirre mar uan, agus bha i a' bruidhinn mar dhràgon.

<sup>12</sup>Agus tha i a' cleachdadh uile ùghdarras na ciad bèiste na làthair, agus thug i air an talamh agus orrasan a tha a' còmhnaidh ann, adhradh a dhèanamh dhan chiad bhèist, a fhuair slànachaidh airson a lot-bàis.

<sup>13</sup>Agus rinn i comharraidhean mòra, gus an robh i fiù 's a' toirt air teine tighinn a-nuas o nèamh gu talamh, mu choinneamh dhaoine.

<sup>14</sup>Agus bha i a' mealladh na feadhna a bha a' còmhnaidh air an talamh, tro na comharraidhean a chaidh a thoirt dhi, airson an dèanamh mu choinneamh na bèiste, ag ràdh riuthasan a tha a' còmhnaidh air an talamh ìomhaigh a dhèanamh dhen bhèist, aig an robh lot a' chlaidheimh agus a dh'fhan beò.

<sup>15</sup>Agus chaidh ceadachadh dhi anail a thoirt do dh'ìomhaigh na bèiste, gus eadhon am bruidhneadh ìomhaigh na bèiste, agus gus an adhbhraicheadh i gum biodh na h-uimhir 's nach toireadh adhradh do dh'ìomhaigh na bèiste, air am marbhadh.

<sup>16</sup>Agus bha i a' toirt air beag is mòr, air beairteach is bochd, agus air saor is daor, gum biodh comharra air a thoirt dhaibh air an làimh dheis aca no air na bathaisean aca;

<sup>17</sup>agus nach biodh duine sam bith an comas ceannach no reic, ach a-mhàin esan aig a bheil an comharra, ainm na bèiste, no àireamh a h-ainme.

<sup>18</sup>An seo tha gliocas: esan aig a bheil tuigse obraicheadh e a-mach àireamh na bèiste, oir 's e àireamh duine a th' ann, agus 's e an t-àireamh aige sia ceud, seasgad 's a sia.

## Taisbeanadh 14

### An t-Uan agus na 144,000

<sup>1</sup>Agus chunnaic mi, agus seall, Uan na sheasamh air beinn Shioin agus còmhla ris ceud, ceathrad 's a ceithir mìle, aig an robh ainm-san agus ainm Athar-san, air an sgrìobhadh air clàr nam bathaisean aca.

<sup>2</sup>Agus chuala mi fuaim o nèamh mar fhuaim mhòran uisgeachan agus mar fhuaim thàirneanaich mhòir, agus bha am fuaim a chuala mi mar chlàrsairean ri clàrsaireachd len clàrsaichean.

<sup>3</sup>Is iad a' seinn òran ùr mu choinneamh rìgh-chathrach Dhè agus mu choinneamh nan ceithir creutairean beòtha agus nan èildeir, agus cha robh neach sam bith comasach air an t-òran ionnsachadh ach a-mhàin an ceud, ceathrad 's a ceithir mìle, iadsan a chaidh a cheannach on talamh.

<sup>4</sup>Is e seo iadsan nach robh air an truailleadh le boireannaich, oir 's e òighean a th' annta; iadsan a tha a' leantainn an Uain ge b' e àite dhan tèid e. Is e seo iadsan a chaidh a cheannach o mheasg dhaoine mar chiad thoradh do Dhia agus dhan Uan.

<sup>5</sup>Agus nam beul cha robh breug ri lorg; tha iad gun choire.

### Na Trì Ainglean

<sup>6</sup>Agus chunnaic mi aingeal eile air sgèith ann am meadhan an adhair, aig an robh deagh sgeul shìorraidh ri shearmonachadh dhaibhsan a tha a' còmhnaidh air an talamh, agus dhan a h-uile nàisean is treubh is teanga is sluagh,

<sup>7</sup>ag ràdh, le guth àrd, “Biodh eagal Dhè oirbh agus thoiribh glòir dhàsan, oir thàinig an uair anns an toir e breith, agus dèanaibh adhradh dhàsan a rinn nèamh is talamh is muir is fuarain uisgeachan.”

<sup>8</sup>Agus lean aingeal eile, an dara fear, ag ràdh, “Thuit, thuit Bàbilon mhòr, a thug air na nàiseanan gu lèir fion fearg a strìopachais òl.”

<sup>9</sup>Agus lean aingeal eile iad, an treas fear, ag ràdh le guth àrd, “Ma tha neach sam bith ag adhradh dhan bhèist agus dha h-ìomhaigh, agus air a comharra fhaighinn air clàr na bathais aige no air a làimh,

<sup>10</sup>òlaidh eadhon esan de dh'fhion fearg Dhè a chaidh a dhòrtadh gun lagachadh ann an cupan fheirge-san, agus bidh e air a chràdh ann an teine is pronnasg mu choinneamh nan ainglean naomha agus mu choinneamh an Uain.

**11** Agus thèid toit an cràidh-san suas gu saoghal nan saoghal, agus cha bhi fois aca, a latha no a dh'oidhche, iadsan a tha a' toirt adhradh dhan bhèist agus dha ìomhaigh-se agus neach sam bith a gheibh comharra a h-ainm-se."

**12**'S ann an seo a tha leanaltas nan naomh, iadsan a tha a' gleidheadh àithntean Dhè agus creideamh Ìosa.

**13** Agus chuala mi guth o nèamh ag ràdh, "Sgrìobh! Is beannaichte na mairbh, iadsan a bhàsaicheas san Tighearna, on a seo a-mach." "Seadh!" tha an Spiorad ag ràdh, "gus an gabh iad fois o na saothairean aca, oir leanaidh an obraichean iad."

### **Toradh na Talmhainn agus Stampadh an Amair-Fiona**

**14** Agus chunnaic mi, agus seall, sgòth gheal agus air an sgòth, neach na shuidhe "coltach ri Mac an Duine" is crùn òir aige air a cheann agus corran geur na làimh.

**15** Agus thàinig aingeal eile a-mach às an teampaill, ag èigheach le guth àrd ris-san a bha na shuidhe air an sgòth, "Cuir a-mach do chorrann agus buain, oir thàinig an uair airson buain, oir tha foghar na talmhainn abaich."

**16** Agus chuir esan a bha na shuidhe air an sgòth a chorrann a-mach air an talamh agus bha an talamh air a bhuaire.

**17** Agus thàinig aingeal eile a-mach às an teampaill a th' air nèamh, aig an robh corran geur cuideachd.

**18** Agus thàinig aingeal eile a-mach on altair, aig an robh ùghdarras thairis air an teine, agus bhruidhinn e le guth àrd ris-san aig an robh an corran geur, ag ràdh, "Cuir a-mach do chorrann geur agus cruinnich bagaidean fionain na talmhainn, oir tha na fion-dhearcan air abachadh."

**19** Agus chuir an t-aingeal a-mach an corran aige chun na talmhainn, agus chruinnich e fionain na talmhainn agus thilg e iad do dh'amar-fiona mòr fearg Dhè.

**20** Agus chaidh an t-amar-fiona a stampadh air taobh a-muigh a' bhaile agus thàinig fuil a-mach on amar-fiona, suas gu cabstairean nan each, airson trì cheud cilemeatair.

## **Taisbeanadh 15**

### **Seachd Ainglean le Seachd Plàighean**

**1** Agus chunnaic mi comharra eile air nèamh, mòr is iongantach: seachd ainglean aig an robh seachd plàighean, an fheadhainn dheireannach; oir annta sin tha fearg Dhè air a choileanadh.

<sup>2</sup>Agus chunnaic mi mar gum biodh uisge mar ghlainne air a mheasgachadh le teine; agus iadsan a tha a' buadhachadh thar na bèiste is thar na h-ìomhaigh aice is thar àireamh an ainm aice, nan seasamh air a' mhuir ghlainne, is clàrsaichean aca o Dhia.

<sup>3</sup>Agus tha iad a' seinn òran Mhaois, seirbheiseach Dhè, agus òran an Uain, ag ràdh: “Mòr is iongantach tha d' obraichean a Thighearna Dhè, an t-Uile-Chumhachdach. Tha thu fireanta is ceart nad shlighean, Rìgh nan nàisean.

<sup>4</sup>Cò air nach biodh d' eagal a Thighearna agus nach glòraicheadh d' ainm? Oir tha thusa a-mhàin naomh! Oir thig na nàiseanan gu lèir agus nì iad adhradh mud choinneamh, oir tha d' obraichean fireanta air an dèanamh follaiseach.”

<sup>5</sup>Agus às dèidh nan rudan seo, chunnaic mi, agus bha an teampall air fhosgladh, 's e sin pàilleann an teisteanais, air nèamh;

<sup>6</sup>agus thàinig na seachd ainglean aig an robh na seachd plàighean a-mach às an teampaill, air an èideadh ann an anart glan is soilleir, agus air an cuartachadh mun cuim le criosan òir.

<sup>7</sup>Agus thug aon dhe na ceithir creutairean beòtha dha na seachd ainglean, seachd bobhlaichean òir, a bha làn de dh'fheirge Dhè, a tha beò gu saoghal nan saoghal.

<sup>8</sup>Agus bha an teampall air a lìonadh le toit, o ghlòir Dhè agus o a chumhachd-san; agus cha robh neach sam bith comasach air a dhol a-steach dhan teampall gus an robh na seachd plàighean aig na seachd ainglean air an crìochnachadh.

## Taisbeanadh 16

### Seachd Bobhlaichean Corraich Dhè

<sup>1</sup>Agus chuala mi guth àrd on teampall, ag ràdh ris na seachd ainglean, “Thallaibh, agus dòirtibh na seachd bobhlaichean de dh'fheirge Dhè air an talamh.”

<sup>2</sup>Agus dh'fhalbh a' chiad fhear agus dhòirt e a-mach a bhobhla air an talamh; agus thàinig neasgaid, dona is olc, air na daoine aig an robh comharra na bèiste, agus orrasan a rinn adhradh dha h-ìomhaigh-se.

<sup>3</sup>Agus dhòirt an dara fear am bobhla aige dhan mhuir; agus thionndaidh i gu fuil, mar o neach a bha marbh, agus bhàsaich a h-uile h-anam a bha beò sa mhuir.

<sup>4</sup>Agus dhòirt an treas aingeal am bobhla aige a-mach dha na h-aibhnichean, agus dha na fuarain uisgeachan; is thionndaidh iad gu fuil.

- <sup>5</sup>Agus chuala mi aingeal nan uisgeachan ag ràdh: “Is fireanta thusa a tha agus a bha, An Tì Naomh, oir thug thu breith air na rudan seo.
- <sup>6</sup>Oir dhòirt iad fuil nan naomh agus nam fàidhean agus thug thusa fuil dhaibh airson òl. Tha iad airidh air.”
- <sup>7</sup>Agus chuala mi neach on altair ag ràdh: “Seadh, a Thighearna Dhè, an t-Uile-Chumhachdach, fìor is fireanta tha do bhreitheanasan.”
- <sup>8</sup>Agus dhòirt an ceathramh fear a-mach am bobhla aige air a' ghrèin, agus chaidh ceadachadh dhàsan na daoine a losgadh ann an teine.
- <sup>9</sup>Agus chaidh na daoine a losgadh le teas mòr agus thug iad toibheum do dh'ainm Dhè, esan aig an robh ùghdarras thairis air na plàighean seo, agus cha do rinn iad aithreachas airson 's gun toireadh iad glòir dha.
- <sup>10</sup>Agus dhòirt an còigeamh fear a-mach a bhobhla air rìgh-chathair na bèiste. Agus dh'fhàs an rìoghachd aice dorcha, agus bha iad a' cagnadh an teangannan air sgàth an àmhghair.
- <sup>11</sup>Agus thug iad toibheum do Dhia nèimh airson nan àmhgharan aca agus air sgàth nan neasgaidean aca agus cha do rinn iad aithreachas airson nan obraichean aca.
- <sup>12</sup>Agus dhòirt an siathamh fear am bobhla aige a-mach air an abhainn mhòir, an Euphràtes, agus thiorraich an t-uisge aice, agus an deigheadh slighe nan rìghrean ullachadh o èirigh na grèine.
- <sup>13</sup>Agus chunnaic mi a' tighinn o bheul an dràgoin is o bheul na bèiste is o bheul an fhàidh-bhrèige, trì spioradan neòghlan mar losgannan.
- <sup>14</sup>Oir b' iad sin spioradan dheamhan, a' dèanamh chomharraidhean, a tha a' dol a-mach gu rìghrean na talmhainn gu lèir airson an cruinneachadh gu cath latha mòr an Dè Uile-Chumhachdaich.
- <sup>15</sup>(“Seall, tha mi a' tighinn mar mhèirleach: is beannaichte an neach a tha a' cumail faire agus a ghleidheas aodach-san, airson 's nach coisich e rùisgte agus gum faic iad a nàire.”)
- <sup>16</sup>Agus chruinnich e còmhla iad dhan àite ris an canar ann an Eabhra, Armagedòn.
- <sup>17</sup>Agus dhòirt an seachdamh fear a-mach am bobhla aige dhan adhar, agus thàinig guth àrd a-mach às an teampall, on rìgh-chathair, ag ràdh, “Tha e dèante.”
- <sup>18</sup>Agus bha dealanaich is fuaimean is tàirneanaich ann, agus thachair crith-thalmhainn mhòr, a leithid is nach robh ann on a bha daoine air an talamh – crith-thalmhainn cho cumhachdach, is cho mòr.

<sup>19</sup>Agus chaidh am baile mòr a roinn na thrì pàirtean is thuit bailtean nan nàisean agus chaidh cuimhneachadh air Bàbilon mhòr mu choinneamh Dhè: airson cupa fion caoch fheirge-san a thoirt dhi.

<sup>20</sup>Agus theich a h-uile h-eilean agus cha robh sgeul air na beanntan.

<sup>21</sup>Agus thuit clachan-meallain mòra sìos o nèamh – anns an robh ceathrad cileagram de chuideam – air na daoine, agus thug na daoine toibheum do Dhia airson na plàigh chlach-mheallain, oir bha i na plàigh fìor mhòr.

## Taisbeanadh 17

### Bàbilon, an Strìopach air a' Bhèist

<sup>1</sup>Agus thàinig aon dhe na seachd ainglean aig an robh na seachd bobhlaichean agus bhruidhinn e rium, ag ràdh, “Trohad, is seallaidh mi dhut breitheanas na strìopaiche mòire a tha na suidhe air mòran uisgeachan,

<sup>2</sup>leis an d' rinn rìghrean na talmhainn strìopachais is leis an deachaidh iadsan a bha a' còmhnaidh air thalamh a chur air mhisg le fion a strìopachais.”

<sup>3</sup>Agus ghiùlain e mi air falbh dhan fhàsaich san spiorad agus chunnaic mi boireannach na suidhe air biast sgàrlaid a bha làn de dh'ainmean toibheumach, 's air an robh seachd cinn is deich adhaircean.

<sup>4</sup>Agus bha am boireannach air a h-èideadh ann am purpaidh 's ann an sgàrlaid, agus air a sgeadachadh le òr is clach phriseil is neamhnaidean. Bha cupa òir aice na làimh a bha làn de ghràinealachdan is neòghlaine a strìopachais.

<sup>5</sup>Agus air clàr a bathais bha ainm sgrìobhte: DÌOMHAIREACHD, BÀBILON MHÒR, MÀTHAIR NAN STRÌOPACHEAN AGUS GRÀINEALACHDAN NA TALMHAINN.

<sup>6</sup>Agus chunnaic mi am boireannach air mhisg le fuil nan naomh agus le fuil luchd-fianais Ìosa. Agus nuair a chunnaic mi i, bha iongnadh mòr orm.

<sup>7</sup>Agus thuirt an t-aingeal rium, “Carson a ghabh thu iongnadh? Innsidh mise dhut dìomhaireachd a' bhoireannaich 's na bèiste a tha ga giùlan, air a bheil seachd cinn is deich adhaircean.

<sup>8</sup>A' bhiast a chunnaic thu, bha i ann 's chan eil i ann, agus tha i gus tighinn a-nìos às an Àibheis agus gus a dhol gu sgrios. Agus bidh iadsan a tha a' còmhnaidh air an talamh – aig a bheil ainmean nach eil air an sgrìobhadh ann an leabhar na beatha o thoiseach an t-saoghail – fo iongnadh, nuair a chì iad a' bhiast a bha ann agus nach eil ann agus a bhitheas ann.

<sup>9</sup>“Seo an inntinn aig a bheil gliocas; 's iad na seachd cinn seachd beanntan, air a bheil am boireannach na suidhe. Agus tha seachd rìghrean ann:

**10**thuit còignear dhiubh, tha aon ann agus aon nach tàinig fhathast, agus nuair a thig e feumaidh e fantainn beagan ùine.

**11**Agus a' bhiast a bha ann 's nach eil ann, is e seo an t-ochdamh rìgh, agus tha esan dhen t-seachd, agus thèid e gu sgrìos.

**12**“Agus 's iad na deich adhaircean a chunnaic thu, deich rìghrean, nach eil air rìoghachd fhaighinn fhathast, ach gheibh iad ùghdarras mar rìghrean airson aon uair a thìde còmhla ris a' bhèist.

**13**Tha aon inntinn aca, agus tha iad a' toirt an cumhachd 's an t-ùghdarras aca dhan bhèist.

**14**Nì iad seo cogadh an aghaidh an Uain, agus bheir an t-Uan buaidh orra, oir is esan Tighearna nan tighearnan agus Rìgh nan rìghrean, agus tha iadsan a tha leis air an gairm, agus air an taghadh agus dìleas.”

**15**Agus thuirt e rium, “S iad na h-uisgeachan a chunnaic thu, far an robh an strìopach na suidhe, daoine is slòigh is nàiseanan is teangannan.

**16**Agus na deich adhaircean a chunnaic thu, agus a' bhiast, fuathaichidh iad an strìopach agus nì iad fàsail i, is rùisgte agus ithidh iad a feòil, is losgaidh iad i le teine.

**17**Oir chuir Dia nan cridheachan a thoil-san a dhèanamh, agus nì iad i le aon inntinn agus bheir iad an rìoghachd dhan bhèist gus an tèid faclan Dhè a choileanadh.

**18**Agus am boireannach a chunnaic thu, is ise am baile mòr a tha a' riaghladh thairis air rìghrean na talmhainn.”

## Taisbeanadh 18

### Tuireadh Thuiteam Bhàbiloin

**1**Às dèidh nan rudan seo chunnaic mi aingeal eile aig an robh ùghdarras mòr a' tighinn a-nuas o nèamh, agus bha an talamh air a shoillseachadh le a ghlòir.

**2**Agus le guth làidir dh'èigh e, ag ràdh: “Thuit, thuit Bàbilon Mhòr, agus dh'fhàs i na h-àite-còmhnaidh dheamhan agus na prìosan dhan a h-uile spiorad neòghlan agus na prìosan dhan a h-uile h-eun neòghlan agus na prìosan dhan a h-uile beathach neòghlan agus a tha gràineil.

**3**Oir dh'òl na nàiseanan uile de dh'fhìon caoch a strìopachais, agus rinn rìghrean na talmhainn strìopachas leatha agus dh'fhàs luchd-reic na talmhainn beairteach le neart a h-ana-miannachd.”

### Rabhadh Teicheadh o Bhreitheanas Bhàbiloin



<sup>4</sup>Agus chuala mi guth eile o nèamh, ag ràdh: “Thigibh a-mach uaipe, mo shluagh, gus nach gabh sibh pàirt na peacaidhean agus nach faigh sibh a plàighean.

<sup>5</sup>Oir tha a peacaidhean air an càrnadh suas gu nèamh, agus chuimhnich Dia air a neo-fhìreantachd.

<sup>6</sup>Thoiribh dhi mar a thug ise seachad cuideachd, agus thoiribh dhi a dhà uiread a rèir a h-obraichean, anns a' chupa a mheasgaich i, measgaichibh a dhà uiread dhi.

<sup>7</sup>Mar a ghlòraich i i fhèin agus a bha i beò ann an ana-miann, thoir uiread sin de chràdh dhi agus dòrainn, oir na cridhe tha i ag ràdh, ‘Tha mi nam shuidhe nam bhanrigh is chan eil mi nam bhantrach agus chan fhaic mi idir bròn.’

<sup>8</sup>Mar sin ann an aon latha thig na plàighean aice, bàs is bròn is gort, agus thèid a losgadh le teine oir is làidir an Tighearna Dia a thug breith oirre.

### **Truaighean Thrì-Fhillte Thuiteam Bhàbiloin**

<sup>9</sup>“Agus nì rìghrean na talmhainn gal is caoidh air a son, iadsan a rinn striopachas leatha agus a choilean ana-miann, nuair a chì iad toit a losgaidh

<sup>10</sup>'s iad air seasamh aig astar air eagal a cràidh, ag ràdh: “Is mairg, is mairg am baile mòr, Bàbiloin am baile làidir, oir ann an aon uair a thìde thàinig do bhreitheanas!’

<sup>11</sup>“Agus tha luchd-reic na talmhainn a' gal 's a' caoidh air a son, oir chan eil duine sam bith a' ceannach am bathair aca tuilleadh.

<sup>12</sup>Bathar de dh'òr is airgead is clach phrìseil is nèamhnaidean is anart mìn is purpaidh is sìoda is sgàrlaid, agus a h-uile seòrsa fiodh cùbhraidh is a h-uile seòrsa soitheach ìbhri agus a h-uile seòrsa soitheach fiodh prìseil is umha is iarann is màrmor,

<sup>13</sup>is caineal is spìosraidh is tùis is mirr is craobh-thùise is fion is ola is min is cruithneachd is crodh is caoraich is eich is carbadan is tràilleann, is anman dhaoine.

<sup>14</sup>“Agus theich toradh miann d' anama uat agus chaidh a h-uile rud cosgail is na rudan deàlrach a sgrios uat is cha bhi iad idir rin lorg tuilleadh.

<sup>15</sup>Agus seasaidh luchd-reic nan rudan seo a dh'fhàs beairteach uaipe, aig astar, air eagal a cràidh, a' gal 's a' caoidh,

<sup>16</sup>ag ràdh: “Is mairg, is mairg am baile mòr, a chòmhdach e fhèin ann an anart mìn is purpaidh is sgàrlaid agus a bh' air a sgeadachadh ann an òr is clach phrìseil is nèamhnaidean.

<sup>17</sup>Oir ann an aon uair a thìde bha a leithid sin de bheairteis air a chur fàs.'  
 “Agus a h-uile stiùreadair 's a h-uile neach a shèolas a dh'àiteigin, is seòladairean is uiread 's a rinn an cosnadh air a' mhuir, sheas iad aig astar.

<sup>18</sup>Agus dh'èigh iad, a' faicinn toit an losgaidh aige, ag ràdh, “Dè am baile a tha coltach ris a' bhaile mhòr seo?”

<sup>19</sup>Agus thilg iad dust air an cinn agus dh'èigh iad, a' gal 's a' caoidh, ag ràdh:  
 “Is mairg, is mairg am baile mòr, san do dh'fhàs iadsan aig an robh soithichean air a' mhuir beairteach tron t-saidhbhreas aige, oir ann an aon uair a thìde chaidh a chur fàs!

<sup>20</sup>Dèan aoibhneas thairis air, nèamh is naoimh is abstoil is fàidhean, oir thug Dia breith air as ur leth.”

### **Cinnteachd Sgrìos Dheireannaich Bhàbiloin**

<sup>21</sup>Agus thog aingeal làidir clach mar chlach-mhuilinn mhòr agus thilg e dhan mhuir i, ag ràdh: “Mar seo, le fòirneart, thèid Bàbiloin am baile mòr a thilgeil sìos, agus cha tèid a lorg tuilleadh.

<sup>22</sup>Agus cha bhi fuaim chlàrsairean is luchd-ciùil is luchd-seinn dhuisseil is trombaidearan air an cluinntinn annad tuilleadh, agus cha tèid luchd-ciùird sam bith de chiùird sam bith fhaighinn annad tuilleadh, agus cha bhi fuaim na cloich-mhuilinn air a cluinntinn annad tuilleadh.

<sup>23</sup>Agus cha dheàraich solas lampa idir annad tuilleadh, agus cha tèid guth fir-bainnse 's bean-bainnse a chluinntinn idir annad tuilleadh, oir b' iad do luchd-reic daoine mòra na talmhainn, oir le do bhuidseachd chaidh na nàiseanan gu lèir an toirt air seachran.

<sup>24</sup>Agus sa bhaile chaidh fuil nam fàidh 's nan naomh a lorg agus fuil na feadhna gu lèir a chaidh a mharbhadh air an talamh.”

## **Taisbeanadh 19**

### **Haleluia Thrì-Fhillte thar Tuiteam Bhàbiloin**

<sup>1</sup>Às dèidh nan rudan seo chuala mi, mar gum biodh, guth àrd sluaigh mòir air nèamh, ag ràdh: “Haleluia! Buinidh slàinte is glòir is cumhachd dhar Dia.

<sup>2</sup>Oir tha a bhreitheanais fìor agus fìreanta, oir thug e breith air an strìopaich mhòir a thruaill an talamh le a strìopachas. Agus rinn e dìoghaltas oirre airson fuil a sheirbheiseach fo a làimh-se.”

<sup>3</sup>Agus an dara turas thuirt iad: “Haleluia! agus chaidh a toit suas gu saoghal nan saoghal.”

<sup>4</sup>Agus thuit na fichead 's a ceithir èildear sìos agus na ceithir creutairean beòtha is rinn iad adhradh do Dhia a tha na shuidhe air an rìgh-chathair, ag ràdh: “Amen, haleluia!”

<sup>5</sup>Agus thàinig guth a-mach on rìgh-chathair, ag ràdh: “Molaibh ar Dia, a sheirbheisich gu lèir agus sibhse air a bheil eagal-san, an dà chuid, beag is mòr.”

<sup>6</sup>Agus chuala mi, mar gum biodh, fuaim sluagh mòr agus, mar gum biodh, fuaim mhòran uisgeachan agus, mar gum biodh, fuaim thàirneanach cumhachdach, ag ràdh: “Haleluia! oir tha an Tighearna ar Dia, an t-Uile-Chumhachdach, a' riaghladh thairis oirnn.

<sup>7</sup>Dèanamaid aoibhneas is dèanamaid toileachas, agus thoireamaid a' ghloir dhàsan, oir tha banais an Uain air tighinn, agus tha a bhean-san air i fhèin ullachadh.

<sup>8</sup>Agus chaidh ceadachadh dhìse a bhith air a h-èideadh ann an anart mìn, soilleir is fìorghlan.” (Oir 's e an t-anart mìn obraichean fireanta nan naomh.)

<sup>9</sup>Agus thuir e rium, “Sgrìobh! Is beannaichte iadsan a th' air an gairm gu suipear-bainne an Uain,” agus thuir e rium, “Is iad seo faclan fìor ar Dia.”

<sup>10</sup>Agus thuit mi mu choinneamh a chasan gus adhradh a dhèanamh dha, agus thuir e rium, “Faic nach dèan thu sin, oir is e co-sheirbheiseach dhut a th' annamsa agus dhad bhràithrean, iadsan aig a bheil teisteanas Ìosa. Dèan adhradh do Dhia, oir is e teisteanas Ìosa spiorad na fàidheadaireachd.”

#### **Am Marcaiche air an Each Gheal a' Buadhachadh thar na Bèiste**

<sup>11</sup>Agus chunnaic mi nèamh air fhosgladh, agus seall, each geal agus b' e Dileas is Fìor an t-ainm a bh' airsan a bha na shuidhe air, agus ann am fìreantachd tha e a' toirt breith 's a' cogadh.

<sup>12</sup>Agus bha a shùilean mar lasair theine agus air a cheann bha mòran chrùintean, esan aig an robh ainm sgrìobhte air, nach b' aithne do neach sam bith ach e fhèin.

<sup>13</sup>Agus bha e às dèidh a bhith air èideadh le bad aodaich a chaidh a thumadh ann am fuil, agus b' e an t-ainm a bh' air a ghabhail air, Facal Dhè.

<sup>14</sup>Agus bha na h-airmailtean air nèamh ga leantainn air eich gheala, 's iad air an èideadh ann an anart mìn, geal is fìorghlan.

<sup>15</sup>Agus às a bheul chaidh claidheamh geur a-mach, airson 's gum buaileadh e na nàiseanan, agus nì e am buachailleachd le slat iarainn, agus tha e a' stampadh amar-fiona corraich fearg Dhè, an t-Uile-Chumhachdach.

<sup>16</sup>Agus air aodach-san agus air a shliasaid bha ainm air a sgrìobhadh: RÌGH NAN RÌGHREAN AGUS TIGHEARNA NAN TIGHEARNAN.

<sup>17</sup>Agus chunnaic mi aon aingeal na sheasamh sa ghrèin agus dh'èigh e le guth àrd, ag ràdh ris an eunlaith uile a bha air sgèith ann am meadhan an adhair, “Thigibh, cruinnichibh sib' fhèin gu suipear mhòr Dhè,

<sup>18</sup>agus an ith sibh feòil rìghrean is feòil àrd-oifigearan is feòil dhaoine làidir is feòil each 's an fheòil acasan a tha nan suidhe orra agus feòl nan uile, an dà chuid saor is daor, agus beag is mòr.”

<sup>19</sup>Agus chunnaic mi a' bhiast is rìghrean na talmhainn agus na h-armailtean aca air an cruinneachadh gus cogadh a dhèanamh na aghaidh-san a bha na shuidhe air an each agus leis na h-airmailtean aigesan.

<sup>20</sup>Agus bha a' bhiast air a glacadh, agus còmhla rithe, am fàidh-brèige a rinn comharraidhean ma coinneamh, leis an do mheall e iadsan a bh' air comharra na bèiste fhaighinn agus iadsan a rinn adhradh dha h-ìomhaigh. Agus chaidh an dithis aca a thilgeil beò dhan loch theine a tha a' losgadh le pronnasg.

<sup>21</sup>Agus chaidh an còrr a mharbhadh leis a' chlaidheamh a tha a' tighinn a-mach à beul an fhir a tha na shuidhe air an each. Agus chaidh an eunlaith gu lèir a shàsachadh leis an fheòil aca.

## Taisbeanadh 20

### Am Mìle Bliadhna

<sup>1</sup>Agus chunnaic mi aingeal a' tighinn a-nuas o nèamh aig an robh iuchair na h-Àibheis is sèine mhòr na làimh.

<sup>2</sup>Agus ghlac e an dràgon, an t-seann nathair, as e an Diabhal agus Sàtan, is cheangal esan e airson mìle bliadhna.

<sup>3</sup>Agus thilg e dhan Àibheis e agus dhùin e suas e is chuir e seula thairis air, airson 's nach b' urrainn dha na nàiseanan a mhealladh tuilleadh gus am biodh am mìle bliadhna air an coileanadh; às dèidh nan rudan sin feumaidh e a bhith air a chur mu sgaoil airson ùine ghoirid.

<sup>4</sup>Agus chunnaic mi rìgh-chathraichean agus shuidh iad orra agus chaidh breitheanas a thoirt dhaibh, agus chunnaic mi anman na feadhna on deach an cinn a thoirt airson teisteanas Ìosa agus air sgàth facal Dhè, agus iadsan nach do rinn adhradh dhan bhèist no dhan ìomhaigh aice agus nach d' fhuair an comharra air clàr am bathais 's air an làmhan, agus thàinig iad beò is rìoghaich iad còmhla ri Crìosd airson mìle bliadhna.

<sup>5</sup>(Cha tàinig an còrr dhe na mairbh beò gus an deach mìle bliadhna a choileanadh.) Seo a' chiad aiseirigh.

<sup>6</sup>Is beannaichte agus naomh an neach aig a bheil pàirt sa chiad aiseirigh; cha bhi cumhachd aig an dara bàs thairis orrasan, ach bidh iad nan sagartan

do Dhia is do Chrìosd, agus riaghlaidh iad còmhla ris-san airson mìle bliadhna.

### **An Sàtan air a Chur fo Bhreitheanas**

<sup>7</sup>Agus nuair a bhios am mìle bliadhna air a choileanadh, thèid Sàtan a chur mu sgaoil on phrìosan aige.

<sup>8</sup>Agus thèid e a-mach a mhealladh na nàiseanan a th' ann an ceithir ceàrnan an t-saoghail, Gog is Magog, airson an cruinneachadh gu cogadh, 's iad air an àireamh mar ghainmheach na mara.

<sup>9</sup>Agus chaidh iad suas thar leud na talmhainn is chuartaich iad campa nan naomh agus am baile gràdhaichte, is thàinig teine a-nuas o nèamh agus sgrios e iad.

<sup>10</sup>Agus bha an Diabhal, a tha gam mealladh, air a thilgeil dhan loch theine is phronnaisg, far an robh a' bhias 's am fàidh-bhrèige cuideachd, agus bidh iad air am pianadh a latha 's a dh'oidhche gu saoghal nan saoghal.

### **Na Mairbh air an Cur fo Bhreitheanas**

<sup>11</sup>Agus chunnaic mi rìgh-chathair mhòr gheal agus neach na shuidhe oirre. Theich talamh is nèamh o aghaidh-san, 's cha robh àite ri fhaighinn dhaibh.

<sup>12</sup>Agus chunnaic mi na mairbh, beag is mòr, nan seasamh mu choinneamh na rìgh-chathrach, agus chaidh leabhraichean fhosgladh; agus chaidh leabhar eile fhosgladh, as e leabhar na beatha, agus chaidh breith a thoirt air na mairbh a rèir na bha sgrìobhte sna leabhraichean, a rèir nan obraichean aca.

<sup>13</sup>Agus thug a' mhuir suas na mairbh a bh' innte, agus thug am bàs is Ifrinn suas na mairbh a bh' anntasan, agus chaidh breith a thoirt air gach neach a rèir nan obraichean aca.

<sup>14</sup>Agus chaidh am bàs is Ifrinn a thilgeil dhan loch theine. 'S e sin an dara bàs, an loch theine.

<sup>15</sup>Agus ma bha neach sam bith nach robh air a lorg sgrìobhte ann an leabhar na beatha, bha e air a thilgeil dhan loch theine.

## **Taisbeanadh 21**

### **Nèamh Ùr agus Talamh Ùr**

<sup>1</sup>Agus chunnaic mi nèamh ùr is talamh ùr, oir chaidh a' chiad nèamh 's a' chiad talamh seachad, agus cha robh muir ann tuilleadh.

<sup>2</sup>Agus chunnaic mi am baile naomh, an t-Ierusalem ùr, a' tighinn a-nuas à nèamh o Dhia, air ullachadh mar bhean-bainnse a bh' air a sgeadachadh airson a fir-bainnse.

<sup>3</sup>Agus chuala mi guth àrd on rìgh-chathair ag ràdh, “Seall, pàillean Dhè còmhla ri daoine, agus nì e còmhnaidh còmhla riutha, agus bidh iadsan nan sluagh dhàsan is bidh e fhèin, an Dia a tha còmhla riutha, na Dhia dhaibh.

<sup>4</sup>Agus suathaidh e air falbh a h-uile deur on sùilean, agus cha bhi am bàs ann tuilleadh, no bròn, no gal; is cha bhi àmhghar ann nas motha, oir thèid na ciad rudan seachad.”

<sup>5</sup>Agus thuirte esan a tha na shuidhe air an rìgh-chathair, “Seall, tha mi ag ùrachadh a h-uile sìon,” agus thuirte e, “Sgrìobh, oir tha na faclan seo dìleas agus fìor.”

<sup>6</sup>Agus thuirte e rium, “Tha seo dèante, Is mise an t-Alpha 's an t-Omega, an toiseach 's an deireadh. Bheir mise dhàsan air a bheil pathadh, de dh'fhuaran uisge na beatha, an asgaidh.

<sup>7</sup>Sealbhaichidh an neach a bheir buaidh na rudan seo mar oighreachd agus bidh mi nam Dhia dhàsan agus bidh esan na mhac dhòmhsa.

<sup>8</sup>Ach dhaibhsan a tha gealtach is eas-creidmheach is gràineil is nam murtairean is nan adhaltranaich is nam buidsichean is a tha ri iodhal-adhraidh agus dha na breugairean gu lèir, bidh am pàirt-san san loch a tha a' losgadh le teine 's le pronnasg. 'S e sin an dara bàs.”

### **An t-Ierusalem Ùr, Bean-Bainnse an Uain**

<sup>9</sup>Agus thàinig aon dhe na seachd ainglean aig an robh na seachd bobhlaichean làn dhe na seachd plàighean deireannach, agus bhruidhinn e rium, ag ràdh, “Thig an seo! Seallaidh mi dhut bean na bainnse, bean an Uain.”

<sup>10</sup>Agus ghiùlain e mi air falbh san spiorad gu beinn mhòr is àrd, agus sheall e dhomh am baile naomh, Ierusalem – a' tighinn a-nuas à nèamh o Dhia –

<sup>11</sup>aig an robh glòir Dhè. Bha e deàlrach coltach ri clach phrìseil, mar chloich iaspair, mar christal.

<sup>12</sup>Bha balla a' bhaile mòr is àrd, le dà gheata dheug agus aig na geataichean dà aingeal dheug agus bha ainmean sgrìobhte orra, as e ainmean dà threubh dheug chloinn Israeil.

<sup>13</sup>Air an taobh an ear, trì geataichean, 's air an taobh a tuath trì geataichean, 's air an taobh a deas trì geataichean, 's air an taobh an iar trì geataichean.

<sup>14</sup>Agus bha dà bhunait dheug aig balla a' bhaile agus orrasan bha dà ainm dheug dà abstol dheug an Uain.

<sup>15</sup>Agus bha slat-tomhais òir aigesan a bhruidhinn rium, gus an tomhaiseadh e am baile 's na geataichean aige 's na ballachan aige.

<sup>16</sup>Agus bha am baile na laighe ceithir-cheàrnach agus bha am fad aige uiread ris an leud, agus thomhais e am baile leis an t-slat,

<sup>2,200</sup> cilemeatair; agus bha am fad 's an leud 's an àirde aige co-ionann.

<sup>17</sup>Agus thomhais e am balla aige,

<sup>65</sup> meatair, 's e sin tomhas an aingil.

<sup>18</sup>Agus bha am balla air a thogail de dh'iaspar agus bha am baile de dh'òr fìorghlan, mar ghlainne fhìorghlan.

<sup>19</sup>Bha bunaitean balla a bhaile air an sgeadachadh leis a h-uile seòrsa cloich phrìseil, a' chiad bhunait de dh'iaspar, an dara de shaphir, and treas de chalsedon, an ceathreamh de dh'emerald,

<sup>20</sup>an còigeamh de shardonics, an t-siathamh de shàrdion, and t-seachdamh de chrisolit, an t-ochdamh de bheril, an naoidheamh de thopas, an deicheamh de chrisopras, an t-aona fhear deug de iasint, an dara fear deug de dh'ametist.

<sup>21</sup>Agus bha an dà gheata dheug nan dà neamhnaid dheug; bha gach aon dhe na geataichean de dh'aon neamhnaid, agus bha sràid a' bhaile de dh'òr fìorghlan, mar ghlainne thrìd-shoilleir.

<sup>22</sup>Agus chan fhaca mi teampall ann, oir is e an Tighearna Dia, an t-Uile-Chumhachdach, agus an t-Uan, a tha na theampall ann.

<sup>23</sup>Agus cha robh feum aig a' bhaile air a' ghrèin no air a' ghealaich airson deàlrachadh ann, oir bha glòir Dhè ga shoilleireachadh, agus b' e a lampa an t-Uan.

<sup>24</sup>Agus coisichidh na nàiseanan na sholas, agus bheir rìghrean na talmhainn an glòir-san a-steach ann.

<sup>25</sup>Agus cha bhi na geataichean aige idir dùinte tron latha, oir cha bhi oidhche an sin.

<sup>26</sup>Agus bheir iad glòir is urram nan nàisean a-steach ann.

<sup>27</sup>Agus chan fhaod neach sam bith tighinn a-steach ann a tha neòghlan, no a nì cleachdadh de ghràinealachd is de bhreug, ach a-mhàin na feadhna a tha sgrìobhte ann an leabhar-beatha an Uain.

## Taisbeanadh 22

### Abhainn Uisge na Beatha

<sup>1</sup>Agus sheall e dhomh abhainn uisge na beatha, soilleir mar christal, a' dol a-mach o rìgh-chathair Dhè 's an Uain,

<sup>2</sup>ann am meadhan na sràide aige. Agus air an taobh seo agus air an taobh eile dhen abhainn bha craobh na beatha a' toirt a-mach dà thoradh dheug, a rèir na mìosa bheireadh i a-mach an toradh aice, agus bha duilleagan na craibhe airson slànachadh nan nàisean.

<sup>3</sup>Agus cha bhi mallachadh sam bith ann tuilleadh agus bidh rìgh-chathair Dhè agus an Uain ann, agus nì a sheirbheisich seirbheis dha.

<sup>4</sup>Agus chì iad aghaidh-san agus bidh an t-ainm aige air clàr am bathaisean.

<sup>5</sup>Agus cha bhi oidhche ann tuilleadh agus cha bhi feum aca air lampa no air solas na grèine, oir bheir an Tighearna Dia solas dhaibh agus rìoghaichidh iad gu saoghal nan saoghal.

<sup>6</sup>Agus thuirte e rium, “Tha na faclan seo dìleas is fìor, agus chuir an Tighearna, Dia spioradan nam fàidhean, an t-aingeal aige a shealltainn dha sheirbheisich na dh'fheumas tachairt a dh'aithghearr.”

### **Tha Ìosa a' Tighinn**

<sup>7</sup>Agus seall, tha mi a' tighinn gu luath, “Is beannaichte an neach a ghleidheas faclan fàidheadaireachd an leabhair seo.”

<sup>8</sup>Agus is mise Eòin, a chuala 's a chunnaic na rudan seo. Agus nuair a chuala 's a chunnaic mi iad, thuit mi a dh'adhradh aig casan an aingil a dh'fhoillsich na rudan seo dhomh.

<sup>9</sup>Agus thuirte e rium, “Feuch nach dèan thu sin, oir is e co-sheirbheiseach a th' annam leatsa, agus led bhràithrean, na fàidhean, agus leothasan a tha gleidheadh faclan an leabhair seo. Dèan adhradh do Dhia!”

<sup>10</sup>Agus thuirte e rium, “Na seulaich faclan fàidheadaireachd an leabhair seo, oir tha an t-àm faisg.

<sup>11</sup>Biodh an neach a tha neo-fhìreanta, neo-fhìreanta fhathast, agus an neach a tha salach, biodh e salach fhathast, agus an neach a tha fireanta, biodh e fireanta fhathast, agus an neach a tha naomh, biodh e naomh fhathast.”

### **Facal Deireannach: Cuireadh agus Rabhadh**

<sup>12</sup>“Seall, tha mi a' tighinn gu luath, agus tha mo dhuais agam, airson toirt do gach neach a rèir na h-obrach aige.

<sup>13</sup>Is mise an t-Alpha agus an t-Omega, a' chiad neach agus an neach deireannach, an toiseach agus an deireadh.

<sup>14</sup>“Is beannaichte iadsan a tha a' nighe an culaidhean, gus am bi còir aca air craobh na beatha agus air a dhol a-steach air na geataichean dhan bhaile.



**15**Air an taobh a-muigh tha na coin, is luchd na buidseachd is luchd an strìopachais is na murtairean is luchd an iodhal-adhraidh agus a h-uile neach a tha a' gràdhachadh 's a' cleachdadh na brèige.

**16**“Chuir mise, Ìosa, m' aingeal a thoirt fianais dhuibhse mu na rudan seo, às leth nan eaglaisean. Is mise freumh is gineal Dhaibhaidh, reul dheàlrach na maidne.”

**17**Agus tha an Spiorad 's bean na bannse ag ràdh, “Thig!” agus an neach a chluinneas, canadh e, “Thig!” agus an neach air a bheil pathadh, thigeadh e, 's an neach a tha a' miannachadh, gabhadh e de dh'uisge na beatha an-asgaidh.

**18**Tha mi a' toirt fianais dhan a h-uile neach a chluinneas faclan fàidheadaireachd an leabhair seo: Ma chuireas neach sam bith riutha, cuiridh Dia ris-san na plàighean a th' air an sgrìobhadh san leabhar seo.

**19**Agus ma bheir neach sam bith air falbh o fhacail leabhar na fàidheadaireachd seo, bheir Dia air falbh a phàirt-san o chraobh na beatha 's às a' bhaile naomh, is dhe na rudan a th' air an sgrìobhadh san leabhar seo.

**20**Tha an neach a tha a' toirt fianais air na rudan seo ag ràdh, “Seadh, tha mi a' tighinn gu luath.” Amen. Thig, a Thighearna Ìosa.

**21**Biodh gràs ar Tighearna Ìosa còmhla ribh uile.

## Esclarecimento

Trata-se de iniciativa particular, com os seguintes objetivos: (i) colaborar para divulgação dos diversos textos bíblicos disponíveis, e, (ii) facilitar o acesso a esses textos, inclusive por meio de download.

Todo esforço em tornar a Palavra de Deus acessível a todos, em quaisquer localidades e falantes das mais diversas línguas, precisa ser um objetivo de todos os que são guiados pelo Espírito Santo. Ele inspirou o profeta Jeremias a dizer “não ensinará jamais cada um ao seu próximo, nem cada um ao seu irmão, dizendo: Conhece ao SENHOR, porque todos me conhecerão, desde o menor até ao maior deles, diz o SENHOR” (Jer. 31:34).

Jesus, também, falou assim: “e será pregado este evangelho do reino por todo o mundo, para testemunho a todas as nações” (Mat. 24:14).

Muitas organizações foram constituídas com o propósito de fazer a Bíblia disponível nas diversas línguas. Não é uma tarefa simples. Anos de trabalho, dedicação e entrega são necessários para esta tão extraordinária missão.

O texto deste trabalho está disponível na internet, em páginas eletrônicas de organizações que produzem ou divulgam bíblias, sem acréscimos de notas ou comentários. Assim, reconhecendo e respeitando os direitos que possuem sobre seus trabalhos, incumbe a todos os que amam a Palavra de Deus, o esforço em contribuir para amplificar sua divulgação.

Se possível, faça download do texto, para que sejamos, também, guardiões da Bíblia, e, com isso, preservando-a para as futuras gerações.

Divulga a Palavra de Deus, ela mostra o Caminho e permite a todos, que se conheça Sua vontade, em todos os lugares e épocas.

Marcel da Glória Pereira  
2021, Vitória/ES - Brasil